- ÛR-CHRÀDH, -ÀIDH, *s. m.* (Ûr, et Cràdh), Recent, or severe distress, or grief: mœror recens vel gravis. *C. S.*
- ÛR-CHRADHACH, -AICHE, *adj.* (Ûr-chràdh,) Wretched, keenly grieved: miser, gravi dolore afflictus. *C. S.*
- ÛR-CHRANN, -AINN, *s. f.* (Ûr, et Crann), A blooming, or fresh tree: arbor floescens, vel integra. *C. S.*
- ÛR-CHRANNACH, -AICHE, *adj.* (Ûr-chrann), Abounding in blooming, or fresh trees: arboribus florescentibus vel integris frequens. *C. S.*
- URCHUID, -E, -EAN, *s. f.* *C. S.* Vide Urchoid.
- URCHUIR, } -E, et -UIR, -EAN, et -AN, *s. f.* *C. S.*
URCHUR, } Vide Urchair.
- ÛR-DHATHAICHTE, *adj.* (Ûr, et Dath), New-colour-nuper coloratus. *C. S.*
- ÛR-DHUBHADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* (Ûr, et Dubhadh), An eclipse: solis vel lunæ obscuratio, vel defectio. *Macf. V.*
- ÛR-FHALLAIN, E, *adj.* (Ûr, et Fallain), Fresh, and healthy: vegetus, et sanus. *C. S.*
- ÛR-FHÀS, -ÀIS, *s. m.* (Ûr, et Fàs). 1. A bloom, a sprout: flos, germen. *C. S.* 2. Offspring: proles. *MSS. et C. S.*
- ÛR-FHÀS, -AIDH, -DIH, *v. n.* (Ûr, et Fàs, *v.*) Grow again, bud forth: iterum cresce, vel floresce. *C. S.*
- ÛR-FHÀS, *s. m.* et *pres. part. v.* Ûr-flhàs. Growing, state of growing again, or budding forth: iterum crescendi vel florescendi status. *C. S.*
- ÛR-FHOGHAR, *s. m.* Autumn: autumnus. *Llh.*
- ÛR-GHÀIRDEACHAS, -AIS, *s. m.* (Ûr, et Gàirdeachas), Rejoicing, great, or sincere rejoicing, or joy: exultatio vel lætitia magna vel integra.
- “Is aisig dhomh ùr-ghàirdeachas
“Do shlàinte chàirdeil féin.”
- Salm. li. 12.*
- And restore to me the sincere joy of thy benign salvation. Et redde mihi integram lætitiã tuã salutis benignæ ipsius.
- Urghais, -e, -ean, *s. f.* An exchange, alteration: commutatio, mutatio. *Llh.*
- URLA, *s. m. ind.* 1. A face, or front, the countenance: frons, facies, vultus.

"A h-urla làn chlaisean."

A. Macdon. 42.

Her face full of wrinkles (furrows). *Ejus facies plena sulcorum.* 2. Hair, a lock of hair: *capillus, cirrus.* *O'B.* et *Macf. V.* 3. The breast, or chest: *pectus.* *MSS.* 4. *MSS.* Vide *Urlar.*

ÛR-LABHAIR, -IDH, *contr.* -LABHRAIDH, DH, *v. n.* (Ûr, et Labhair), Utter, or speak eloquently: *facundè loquere.* *Llh.* et *C. S.*

ÛR-LABHAIRT, *s. f.* et *pres. part. v.* Ûr-labhair. 1. Act of speaking eloquently: *facundè loquendi actus.* *C. S.* 2. Eloquence, rhetoric, oratory: *eloquentia, facundia.* *O'B.* et *C. S.*

ÛR-LABHAIRTEACH, -EICHE, *adj.* (Ûr-labhairt), Eloquent, oratorical, rhetorical: *facundus, disertus, rhetoricus.* *C. S.*

ÛR-LABHAIRTEACHID *s. f. ind.* (Ûr-labhairteach), Eloquence, oratory: *eloquentia, facundia.* *C. S.*

ÛR-LABHAIRTEAR, -IR, -AN, *s. m.* (Ûr-labhairt, et Fear,) An orator: *rhetoricus, orator.* *C. S.*

ÛR-LABHRACII, -AICHE, *adj. C. S.* Vide Ûr-labhairteach.

ÛR-LABHRADH, -AIDH, *s. m. C. S.* Vide Ûr-labhairt.

ÛR-LABHRAICHE, -EAN, *s. m. C. S.* Vide Ur-labhairtear.

URLADH, -AIDH, -EAN, *s. m. C. S.* Vide *Urla.*

URLAIM, -E, *s. f.* Readiness, preparation: *promptitudo, præparatio.* *Macf. V.*

ÛRLAIMH, -E, *adj.* (Ûr, et Làmh), Neat, quick, expert, ready-handed: *nitidus, expers, promptus.* *Macf. V.*

ÛRLAIMHEACHD, *s. f. ind.* (Ûrlaimh), Quickness, expertness, ready-handedness: *alacritas, peritia, dexteritas.* *C. S.*

ÛRLÀMHACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Ûr-làmhaich. Act of making ready, or preparing: *comparandi, præparandi actus.* *C. S.*

ÛRLÀMHAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Ûr, et Làmh), Make ready, prepare: *para, compara, præpara.* *Macf. V.*

ÛRLAMHAS, -AIS, *s. m.* (Ûrlaimh), Possession, authority, supreme power: *possessio, dominium, summa potestas.* *MSS.* et *O'R.*

ÛRLANN, -AINN, -AN, *s. m.* (Ûr, et Lann), A staff: *baculum.* *Macf. V.* et *O'B.*

URLAR, -AIR, -AN, *s. m.* (Ûir, *s.* et Làr). 1. The lowest part, the bottom: *pars infima, sensa generali.* "Caoin is gorm air urlar ghleann."

Fing. iii. 9.

Smooth and green upon the bottom of vallies. *Lenis et cærulea in imo vallium.* 2. The floor of a house: *area, domus area.* "Gabhaidh an sagart cuid de 'n duslach a bhios air urlar a' phailluin." *Air.* v. 17. The priest shall take some of the dust that is on the floor of the tabernacle. *Accipiet sacerdos de pulvere qui est in area tabernaculi.* 3. The slow part of a bag-pipe tune: *musici toni tibiæ utricularis pars tardiùs modulata.* *C. S.* "Urlar-bualaidh." 1 *Sam.* xxiii. 1. A threshing-floor: *area, trituræ accommodata.* "Urlar-pabhail." *MSS.* A pavement: *pavimentum.*

ÛR-LOISGEACH, -EICHE, *adj.* (Ûr, et Loisg), Keen, zealous, fervent: *valdè æmulans, ardens, fervidus.* *Macf. V.* et *C. S.*

ÛR-LUACHAIR, *s. f.* (Ûr, et Luachar), Green rushes: *juncus viridis.* *Macf. V.*

ÛRMHOIREACHD, *s. f. ind.* (Ûrmhor). *C. S.* Vide *Uralachd.*

ÛRLUINN, -E, -EAN, *s. f.* (Ûr, et Loinn). 1. *C. S.* Vide *Urla.* 2. Beauty: *pulchritudo.* *C. S.* et *MSS.* 3. The fore part of a ship: *navis regio erga proram.* *K. Mackenz.* 139.

ÛR-MHAISEACH, -EICHE, *adj.* (Ûr, et Maiseach), Beautiful, graceful, handsome: *venustus, speciosus, formosus.* *R. M.D.* 6.

ÛRMHOR, -OIRE, *adj. C. S.* Vide Ûrail, et Ûrar.

ÛRNUIGH, -E, -EAN, *s. f.* A prayer, prayers: *preces, precatio.* "Uime sin fhuair do sheirbhiseach 'n a chridhe an ùrnuigh so a dheanamh riut." 2 *Sam.* vii. 27. Therefore thy servant hath found in his heart to pray (make) this prayer unto thee. *Idcirco invenit tuus servus in suo animo hanc precationem facere ad te.* "Dèan ùrnuigh." *C. S.* Pray: *precare.* "Ag ùrnuigh." *C. S.* Praying: *precans.*

URR, *contr.* for *Urradh*, *q. vide.*

URRA, -AIDHEAN, *s. m.* 1. A person: *persona, aliquis.*

"Gus an tachair urra chòir ort."

A. Macdon. 124.

Until some kind person meet thee. *Usque quo incidit aliquis benignus tibi.* 2. A child, an infant: *infans.* *Provin.* 3. A surety: *vas, præ, sponsor.* *C. S.*

URRADH, -AIDH, } -EAN, *s. m.* 1. *C. S.* Id. *q.* *Urra.*
URRAINN, } 2. An author, a promoter, or
beginner of any thing: *auctor, qui aliquid incipit, vel excitat.*

"Na bi 'n a t' urrainn anns a' bhreug."

Gill. 295.

Be not the author of a falsehood. *Ne sis auctor mendacii.* 5. Power, ability: *potestas, capabilitas.*

"Ge d' nach urrainn mise do dhèidh,

"Air sleagh mo shinnsear ag aomadh."

S. D. 341.

Though I cannot defend thee, bending over the spear of my ancestors. *Quamvis non potestas mihi defendere te (lit. in) tuam tutelam, incurvanti in hastam meorum majorum.* "Cha 'n urrainn mi," vel "Cha 'n urrainn dhombh," vel "Cha 'n urradh mi." *C. S.* I cannot: *nequeo, non possum.* 3. A defendant in a process: *qui jus suum lite defendit.* *Macf. V.*

URRAIL, -E, *adj.* (Urra), Forward, bold, impudent: *audax, impudicus.* *Macf. V.*

URRALACHD, *s. f. ind.* (Urrail), Forwardness, boldness, impudence: *audacia, impudentia.* *C. S.*

URRAISGE, -EAN, *s. m. C. S.* et *MSS.* Vide *Ur-uisg.*

URRAM, -AIM, *s. m.* 1. Respect, reverence, deference: *observantia, reverentia.*

"'N am meadhon bha urram do 'n rìgh."

Tem. vi. 329.

- In midst of them there was reverence to the king. In eorum medio fuit reverentia erga regem. 2. Honour, dignity : honor, gloria, dignitas. "Uaithe tha teachd araoon saoihbreas agus *urram*." 1 *Eachdr.* xxix. 12. From thee come both riches and honour. A te veniunt simul divitiæ et gloria. "Thoir *urram*." *C. S.* Reverence, honour : reverere. *Wel.* Urzas.
- URRAMACH**, -AICHE, *adj.* (Urram). 1. Noble, honourable : nobilis, honorabilis. "Sibhse a 's *urramaiche* de 'n treud." *Jerem.* xxv. 34. You who are the principal of the flock. Vos qui estis nobilissimi pecuarii. 2. Reverend, venerable, worthy of respect : reverendus, honore vel reverentia dignus. *C. S.* 3. Respectful, submissive : obsequius, submissus. *C. S.*
- URRAMACHD**, *s. f. ind.* (Urramach). 1. Nobility, honourableness : nobilitas. *C. S.* 2. Homage, submission, respect : jus clientelare, veneratio, honor. *C. S.*
- URRAMACHADH**, -AIDH, *s. m. et pres. part. v.* Urramaich. Honouring, act of honouring, reverencing, or obeying : honorandi, reverendi, colendi actus. *C. S.*
- URRAMAICH**, -IDH, DH, *v. a.* (Urram), Honour, revere, reverence, respect : honora, reverere. *C. S.* *Wel.* Urza.
- URRAMAICHTE**, *pret. part. v.* Urramaich. Honoured, revered : honoratus. *C. S.*
- URRANTA**, -AINTE, *adj.* (Urra), Bold, daring, dauntless, intrepid, audacious : fortis, audax, intrepidus. *Gill.* 271.
- URRANTACHD**, *s. f. ind.* (Urranta), Boldness, daringness, intrepidity : audacitas, intrepiditas. *C. S.*
- URRAS**, -AIS, -AN, *s. m.* 1. A surety, security : præ, vas. "Bi thusa a' d' *urras* dhomh." *Isai.* xxxviii. 14. Be thou surety to me. Esto tu vadimonium mihi. 2. A cautioner : præ. id. et, "Fear-urrais." *C. S.* "Rach an *urras*." *C. S.* Become cautioner : satisda, vadimonium præbe. 3. A bond, or insurance : syngrapha. *C. S.* 4. Boldness : audacitas. *C. S.*
- URRASACH**, -AICHE, *adj.* (Urras). 1. Trust-worthy, secure : fidus, fiduciâ dignus. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Urranta.
- URRASACHD**, *s. f. ind.* (Urrasach). 1. Trust-worthiness : fiducia. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Urrantachd.
- URRASAIL**, -E, *adj.* (Urras). *C. S.* Vide Urrasach.
- URSA**, -ANNAN, *s. m.* *C. S.* Vide Ursainn.
- URSAINN**, } -AINN, -AN, *s. m.* A door-post, the side
- URSANN**, } of a door : antes, januæ postis. "A' feitheamh aig *ursainnibh* mo dhorsa." *Gnà.* viii. 34. Waiting at the posts of my doors. Expectans ad postes meorum ostiorum. "Ursannchatha," *poet.* 1. A ruler of a battle : prælii dux. *S. D.* 306. 2. The ranks of a battle : ordines ad prælium instructæ. *S. D.* 166. *Wel.* Orsin. *Dav.*
- URSGARTADH**, -AIDH, *s. m.* A sweeping clean, a driving away, as of cattle from grass, or corn : everrendi actus, vel pecudum abactio quasi e graminé, vel segitibus. *C. S.*
- ÛR-SGEUL**, -EÛIL, -AN, *s. m.* (Ûr, et Sgeul). 1. A tale, a romance, a novel : fabula, narratio, fictio. *Maef. V. et C. S.* 2. A recent account, or narration : narratio recens, vel nova. *C. S.*
- ÛR-SGEULACH**, -AICHE, *adj.* (Ûr-sgeul). 1. Tale-telling, fabulous, romantic, rehearsing fables : fabulosus. *C. S.* 2. Bringing recent or fresh accounts : narrationes recentes vel novas afferens. *C. S.*
- ÛR-SGEULACHD**, *s. f. ind.* (Ûr, et Sgeulachd). *C. S.* Vide Ûr-sgeul.
- ÛR-SGEULAICHE**, -EAN, *s. m.* (Ûr, et Sgeul), A fabulist, novelist : fabulator. *C. S.*
- ÛR-SPEAL**, -AIDH, DH, *v. a.* (Ûr, et Speal), Cut, or mow down quickly : celeriter demete. *C. S.*
- ÛR-SPEALACH**, -AICHE, (Ûr-speal). 1. Mowing down quickly : celeriter demetens. *C. S.* 2. New scythed, or mowed : nuper falce sectus. *Maef. V.*
- ÛR-SPEALADH**, -AIDH, *s. m. et pres. part. v.* Ûr-speal. Act of mowing, or cutting down quickly : celeriter demetendi actus. *C. S.*
- ÛR-THOISEACH**, -ICH, *s. m.* (Ûr, et Toiseach), The very beginning : verum initium. *C. S.*
- URUISG**, -E, -EAN, *s. m.* 1. A being supposed to haunt lonely and sequestered places, as mountain rivers, and waterfalls : spiritus quidam apud monticolas qui loca solitaria, flumina montana vel cataractas incolere credebatur. *C. S.* 2. A diviner, one who in a particular manner foretold future events : augur apud monticolas, qui formâ quâdam divinandi res adhuc futuras prædicabat. *C. S.* * 'Us, *contr.* for Agus, q. vide.
- USA**, } *adj. comp. irreg.* of Furas, vel Furasda,
- USADH**, } Easier : facilior. "Co aca is *usadh* a ràdh, Tha do pheacanna air am maitheadh dhuit, no ràdh, Èirich, agus imich?" *Luc.* v. 23. Whether is it easier to say, Thy sins be forgiven thee, or to say, Rise and walk? Utrum est facilius dicere, Remissa sunt tua peccata tibi ; aut dicere, Surge, et ambula.
- USACHD**, *s. f. ind.* (Usadh), Easiness, facility : facilitas. *C. S.*
- USAD**, -AID, *s. m.* (Usa), Easiness, degree of easiness : facilitas, facilitatis gradus. *C. S.*
- ÛSGAIDH**, -E, *adj.* (Ûsge). 1. Watery, moist : humidus, madidus, uvidus. *C. S.* 2. Clammy, greasy : glutinosus, vel pinguis. *C. S.*
- ÛSGAIDHEACHD**, *s. f. ind.* (Ûsgaidh). 1. Wateriness, moistness : humor, rei natura madida. *C. S.* 2. Clamminess, or greasiness : glutinosa rei natura, vel pinguedo ingrata. *C. S.*
- USGAR**, -AIR, et USGRACH, -AN, et -GRAICHEAN, *s. m.* 1. A jewel, any ornament : gemma, ornamentum, sensu generali. Mar *usgair* de 'n òr fhìorghlan." *Gnà.* xxv. 12. As an ornament of fine gold. Sicut ornamentum auri perpurî. "Usgar-bràghaid." *C. S.* A neck-lace : monile. "Usgar-làimhe." *C. S.* A bracelet : armilla. 2. A bell on liquor : globulus in liquoris superficie. *A. Macdon.* 80.
- USGARACH**, -AICHE, *adj.* (Usgar), Ornamented with laces, or jewels : gemmis ornatus. *C. S.*

USGARAICHE, -EAN, *s. m.* (Usgar), A jeweller : gemmarum compositor, vel venditor. *C. S.*

USGRACH,
USGRAICHEAN, } *gen. et pl. of Usgar, q. vide.*

USPAG, -AIG, -AN, *s. f.* 1. A push : impetus. *C. S.*
2. A pang, a throe : impetus, dolor, angor. *O'R. et C. S.*

USPAGACH, -AICHE, *adj.* (Uspag). 1. Pushing, that pushes : impetum faciens, impellens. *C. S.* 2. Causing pangs, or pains : angores afferens. *C. S.*

USPAIR, -E, -EAN, *s. m.* An ugly, or lumpish fellow : hebes, deformis quis. *Provin.*

USPAIRN, -E, *s. f.* Contention, strife, a struggle : contentio, disceptatio, certamen. *Macf. V. et Llh.*

USPAIRNEACH, -EICHE, *adj.* (Uspairn), Striving, struggling, contentious : disceptans, contentiosus. *C. S.*

USPAIRNEACHD, *s. f. ind.* (Uspairneach), A struggling, a contending : disceptatio. *Macf. V. et Llh.*

USPAIRT, -E, *s. f. C. S.* 1d. q. Uspairn.

USPAN, -AIN, *s. m.* A shapeless mass, an uncouth lump : rudis indigestaque moles. *Macf. V. et C. S.*

UT! UT! *interj.* of disapprobation, or dislike : vox quâ significatur aversio, vel fastidium. *C. S.*

UTAG, -AIG, -AN, *s. f.* Strife, confusion, outrage : lis, turba, furor. *Macf. V.*

UTAGACH, -AICHE, *adj.* (Utag), Confused, clamorous, noisy : turbatus, clamans, rixosus. *Macf. V.*

UTAGACHADH, -AIDH, *s. m. et pres. part. v.* Utagaich. Pushing, act of pushing, jostling, or raising

a tumult : impellendi, trudendi, tumultuandi ac-tus. *C. S.*

UTAGAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Utag), Push, jostle, raise a tumult : impelle, trude, tumultum excita. *C. S.*

ÛTAN, -AIN, -AN, *s. m.* A knuckle : condylus. *O'R. et C. S.*

ÛTARRAIS, -E, -EAN, *s. f. C. S.* Vide Ûtrais.

ÛTH, -A, -AN, et -ANNAN, *s. m.* An udder : uber, mamma. *C. S. Germ. Enter. A. Sax. Uder. Gr. Oĩdag.*

ÛTHACH, -AICHE, *adj.* (Ûth), Uddered : uber habens. *C. S.*

UTHARD, *adv.* Above, up, above there, above yonder : suprâ, suprâ illic. *C. S.*

ÛTLAICH, -E, -EAN, *s. m. C. S.* Vide Udlaiche.

ÛTLAIDH, -E, *adj. C. S.* Vide Ûdlaidh.

ÛTRAID, -E, -EAN, *s. f. C. S.* Vide Udrathad.

ÛTRAIS. 1. A confused, or mixed heap, or mass of any thing : acervus confusus vel commistus. *C. S.* 2. Molestation, annoyance : molestia. *C. S.* 3. Restlessness, a fidgeting : inquietas, inquietudo. *C. S. et Macf. V. Wel. Wttres. Dav.*

ÛTRASEACH, -EICHE, *adj.* (Ûtrais). 1. Confused, disordered : confusus, turbatus. *C. S.* 2. Troublesome, vexatious, annoying : molestiam afferens. *C. S.* 3. Fidgeting, uneasy, restless : inquietus. *C. S.*

ÛTRASEACHD, *s. f. ind.* (Ûtraiseach). 1. Confusion, confusedness : rerum confusio. *C. S.* 2. Troublesomeness : molestia. *C. S.* 3. Uneasiness, restlessness : inquietudo. *C. S.*



Gaelic Dictionary.

PART II. ANGLO-Gaelic.

DICTIONARIUM
SCOTO-CELTICUM.
ANGLO-GAELIC.

ABA

A, 1. The indefinite article *a*, or *an*, in English, is marked generally in Gaelic merely by the absence of the definite article; as, I saw *a* man: chunnaic mi duine. But after substantive verbs, in all their moods, tenses and persons, there are placed before the substantive following them, the preposition “*ann*,” in its contracted forms, with the possessive pronoun answering to the person of the verb: thus, “I was a father to the poor.” “*Bha mi a’ m’ athair do na bochdaibh.*” Placed before a participle, or participial noun: *a’*, *ag*. He is *a*-coming: *tha e a’ teachd*. He went *a*-hunting: *chaidh e a shealg*. 2. Denoting the proportion of one thing to another: *am*, *an*, *art*, ‘*s a’*. They had six arrows *a*-man: *bha sè saighead an neach aca*; or, *bha sè saighead am fear aca*. I have that much *a*-year: *tha ’n uiread sin agam ’s a’ bhliadhna*. 3. In composition, as *aside*: *a*. He went *aside*: *chaidh e a thaobh*.

AARONICAL, *adj.* A *bhuineadh do Aaron*. The Aaronical priesthood: *sagartachd Aaroin*.

ABACIST, *s.* *Uibhreachan, fear-cunntais*.

ABACK, *adv.* 1. *Backwards*: *o chùl, an coinneamh a chùil*. 2. a *sea-term*: *air ais, air t’ ais, o chùl*.

ABACK, *s.* *Clach-mhullaich*.

ABACTOR, *s.* *Gaduiche, gaduiche-spréidhe, no-chaorach, creachadair; pl. Luchd-creachaidh*.

ABACUS, *s.* 1. A *counting-table*: *clàr-cunntais*. 2. in *architecture*: *clach-mhullaich*.

ABAFT, *adv.* *Dh’ionnsuidh an deiridh, mu ’n deiridh*. *Aaft the mast*: *air cùl a’ chroinn*.

ABAISANCE, *s.* *Ùmhlaich, beic*.

ABALIENATE, *v. a.* 1. *To make that another’s which was our own before*: *thoir thairis do chòir do neach eile*. 2. *estrangle, withdraw the affections*: *cuir an sgeun, fògair, ruaig*.

ABALIENATION, *s.* *A’ cur an sgeun, a’ fogradh, a’ ruagadh*.

ABAND, *v.* See *Abandon*.

ABANDON, *v. a.* 1. *Give up, resign, quit*: *thoir*

ABB

thairis do, cuir cùl ri, fàg, dìobair, leig dhìot. 2. *desert, forsake*: *tréig, cuir cùl ri*. 3. *drive away, banish*: *fògair, ruaig*.

ABANDON, *s.* *A forsaker*: *neach a thréig ni no neach eile*.

ABANDONED, *part.* *Tréigte, fàgta, air a thréigsinn, air fhàgail*.

ABANDONER, *s.* *Fear-tréigsinn, fear-cùl-chur*.

ABANDONMENT, *s.* *Tréigsinn, tréigsinneachd, tréig-eachd, dealachadh, cùl-chur*.

ABARE, *v. a.* *Rùisg, leig ris*.

ABARTICULATION, *s.* *Dcadh cheangal nan alt ’s nan cnàmh r’ a chéile*.

ABASE, *v. a.* 1. *Depress, lower*: *islich, leag, cuir sìos*. 2. *cast down, depress, bring low*: *irioslach, islich, leag sìos*.

ABASEMENT, *s.* *Ìsleachadh, irioslachadh, leagail sìos, eas-urram, tàir, suarachas*.

ABASH, *v. a.* *Make ashamed*: *nàirich, cuir gu h-amhluidh, athaich, cuir nàir air*.

ABASHMENT, *s.* 1. *State of being abased*: *isleachadh, beagachadh, isleachd, eas-urram, tàir, suarachas, nàire*. 2. *cause of confusion, or shame, aobhar nàire, masladh, tàmailt*.

ABATE, *v. a. et n.* 1. *Lessen, diminish*: *lughdaich, beagaich, islich*. 2. *deject, depress the mind*: *leag, leag sìos, cuir mulad air*. 3. *let down the price*: *lughdaich, thoir lughdachadh*. 4. *n. grow less*: *rach an lughad, ciùinich, fàs ciùin, sìolaidh*.

ABATEMENT, *s.* 1. *Act of lessening*: *lughdachadh, beagachadh, isleachadh*. 2. *sum or quantity taken away*: *lughdachadh, leigil sìos, beagachadh*.

ABATER, *s.* *Aobhar-lughdachaidh, fear lughdachaidh, aobhar-ìsleachaidh, fear-ìsleachaidh*.

ABATOR, *s.* *Sealbhadair gun chòir dhligheach air oighreachd neach eile a chaochail*.

ABATURE, *s.* *Am fear a leagas damh-féidh ’n a shiubhal*.

ABB, *s.* *An snàth air beart-dcilbh figheadaire*.

ABBA, *s.* *Athair, (focal Eabhruidheach)*.

ABBACY, s. Fearann, sealbh, no sochairean eile a bhluineas a dh'aba, no do cheannard tigh-mhanach.

ABBATIAL, adj. A bhluineas do dh' abaid, no do thigh-mhanach.

ABBESS, s. Ban-aba, bean-riaghlaidh comuinn chaill-eacha dubha.

ABBEY, } s. Abaid, tigh-mhanach, cill-mhanach, tigh-
ABBY, } cràbhaidh, tigh, no cill chailleacha dubha.

ABBEY-LUBBER, s. Leisgean-abaide, lunndair an tigh-cràbhaidh.

ABBOTSHIP, s. Dreuchd aba.

ABBREVIATE, v. a. 1. Abridge, contract: lughdaich, giorraich, aithghiorraich, cuir an lughad. 2. Shorten, cut short: giorraich, gearr air falbh, bris, brist.

ABBERVIATE, s. Giorrachadh.

ABBREVIATION, s. Giorrachadh, lughdachadh, aithghiarachadh, gearradh.

ABBREVIATOR, s. Giorradair, fear-giorrachaidh.

ABBREVIATORY, adj. Aig am bheil comas giorrachaidh.

ABBREVIATURE, s. 1. A mark used for shortening, or abridging: comhara giorrachaidh. 2. a compendium, or abridgement: giorrachadh, sùim aithghearr, mion-chruth.

ABBY, s. See Abbey.

A, B, C. 1. The alphabet: an aibidil. 2. the little book by which children are first taught: ceud leabhar na cloinne.

ABDICANT, adj. A thréigear a chòir féin, no a dhreuchd féin.

ABDICATE, v. a. 1. Give up a right: leig dhìot do chòir, thoir thairis do chòir. 2. lay down an office: leig dhìot do dhreuchd, tréig do dhreuchd, thoir thairis do dhreuchd. 3. deprive of right: cuir o 'dhreuchd, fògair o 'chòir; cuir á 'àite, no, á 'inbhe.

ABDICATION, s. 1. Act of abdicating, resignation: dìobradh còrach, toirt thairis còrach, no dreuchd, leigil sìos còrach, no dreuchd; fàgail ionaid, no dreuchd, no còrach. 2. act of renouncing any thing: leigil dheth, toirt suas, toirt thairis, fàgail, tréigsinn ni air bith. 3. deprivation, rejection: fògradh, cur air falbh, dìùltadh.

ABDICATIVE, adj. A bheir air neach 'ionad, a dhreuchd, no a chòir a thréigsinn, fhàgail, no thoirt thairis.

ADDITIVE, adj. Aig am bheil comas ni a cheiltinn, no chleith, no fhoclach.

ADDITORY, s. Ionad foluich.

ABDOMEN, s. Ìochdair a' chuirp, ionad na bronn, lag a' mhìonaich.

ABDOMINAL, } adj. A bhluineas do 'n bhroinn, no do
ABDOMINOUS, } lag a' mhìonaich.

ABDUCE, v. a. Thoir air falbh, tarruing air falbh, thoir as a chéile, tarruing o chéile.

ABDUCENT, adj. A thàirngeas no bheir air falbh, o chéile, no air ais.

ABDUCTION, s. Toirt air falbh, tarruing air falbh, no, o chéile, treòrachadh air falbh.

ABDUCTOR, } s. Na fèithean a thàirngeas buill a'
ABDUCTORS, } chuirp air an ais.

ABEAR, v. a. Giùlain, iomchair thu féi

ABEARANCE, s. Giùlan, iomchar.

ABECEDARIAN, s. Fear-teagaisg, no foghlumaiche na h-aibidil.

ABECEDARY, adj. A bhluineas do 'n aibidil.

ABED, adv. 1. In bed: anns an leabaidh, 's an leabaidh, air leabaidh. 2. to bed: do 'n leabaidh.

ABERRANCE, } s. Seachran on t-slighe cheart, near-
ABERRANCY, } achd, iomrall.

ABERRANT, adj. Seachranach, a' dol mearachd, mearachdach, iomrallach.

ABERRATION, s. Vide Aberrance.

ABERRING, part. A' dol mearachd.

ABERRUNCATE, v. a. Buain, no spion as a fhreumh, thoir á bun.

ABET, v. a. Brosnuich, cuidich, co-oibrich, aontaich le, thoir cuideachadh.

ABET, } s. Brosnuchadh, cuideachadh, co-oib-
ABETMENT, } reachadh, aontachadh.

ABETTER, } s. Fear-brosnachaidh, cuideachaidh, co-
ABETTOR, } oibreachaidh; fear-cùl-taice.

ABEYANCE, s. Dlighe laghail àraidh, cor an fhearainn sin aig nach 'eil sealbhadair 's a' cheart àm.

ABEGRATE, v. a. Thoir a mach as an treud, dealaich o 'n treud, tearb.

ABGREGATION, s. Toirt a mach as, no dealachadh o 'n treud, tearbadh.

ABHOR, v. a. 1. Hate with acrimony, loath, abominate: sgreatach fòimh, oilltich, geur-fhuathaich. 2. disdain, neglect: dean dì-meas air, dean tàir, cuir an neo-bhrìgh.

ABHORRENCE, } s. Sgreamh, dubh-ghràin, sgreat-
ABHORRENCY, } achd, fuath, geur-fhuathachadh, daoach.

ABHORRENT, adj. 1. Struck with abhorrence, loathing: a dh'gheur-fhuathaicheas, a ghabhas dubh-ghràin, no sgreatachd. 2. causing abhorrence: fuathach, oillteil, dubh-ghràineil, sgreamhail, sgreataidh, daoachail. 3. contrary to, inconsistent with: an aghaidh càile, neo-fhreagarrach, neo-thaitneach, mi-chiatfach.

ABHORRENTLY, adv. Gu sgreataidh, gu sgreamhail, gu dubh-ghràineil, gu daoachail.

ABHORRER, s. Fear-fuathachaidh, fuathadair, neach a ghabhas dubh-ghràin, oillt, no sgreamh.

ABIHORRING, s. Geur-fhuathachadh, gabhail sgreatachd, no sgreamha.

ABIDE, v. a. et n. 1. Wait for, expect, await: feith air, fuirich ri, fan ri. 2. bear, support the consequence: giùlain. 3. bear, without being conquered: giùlain, seas ri, seas fuaidh, seas an aghaidh. 4. bear, without aversion: giùlain fe, dean foighidin ri. 5. bear, or suffer: fuiling. 6. remain, be immoveable: fan, tàmh, seas, na gluais, na caruich. 7. continue in the same state: seas, mair, tàmh, gabh fois. 8. dwell, dwell in a place: còmhnuich, fan, fuirich, dèan tàmh, gabh fois, foisich.

ABIDER, s. Fear-tàimh, fear-còmhnuidh, tàmhadair.

ABIDING, s. Fuirreach, fantuian, tàmh, còmhnuidh; mairsinn, fulang, giùlan, seasamh. See Abide.

ABJECT, *adj.* Mìothar, suarach, dìmeasach, tarcuiseach, dìblidh, ainmiseach, truagh, tràilleil.

ABJECT, *s.* Duine gun dòchas, gun mheas, gun earbsa, truaghan.

ABJECT, *v. a.* 1. Throw away: tilg air falbh, tilg a mach, cuir air falbh. 2. throw or cast down: tilg sìos, leag sìos, ìslich.

ABJECTEDNESS, *s.* Suarachas, dìmeas, tarcuiseachd, tàirealachd, bochduinn, ainmiseachd.

ABJECTION, *s.* Mìotharachd aignidh, no inntinn, suarachas, tràillealachd, ainmiseachd, bochduinn.

ABJECTLY, *adv.* Gu suarach, gu mìothar. See **Abject**.

ABJECTNESS, *s.* See **Abjectedness**.

ABILIMENT, *s.* See **Habiliment**.

ABILITY, *s.* 1. Power to do any thing: comas, cumhlachd, neart, treis, treise, clìth, spionnadh. 2. mental power: comas, neart, buadh, innleachd, ceud-fàth.

ABINTESTATE, *adj.* Focal 's an lagh: aig am bheil còir air oighreachd no dileab a dh' easbhuidh tiomnaidh.

ABJUDICATED, *part. adj.* Air a thoirt le breith, o aon neach do neach eile.

ABJUDICATION, *s.* Diùltadh.

ABJUGATE, *v. a.* Fuasgail, saor, dealuich, thoir o chuing.

ABJURATION, *s.* Mionnachadh nach dèanar ni àraidh. See **Abjure**.

ABJURE, *v. a.* 1. Swear not to do, or not to have something: mionnaich an aghaidh ni-eigin. 2. retract, recant, abnegate a position upon oath: cùl-mhionnaich, àicheadh air do mhionnaibh. 3. banish: fògair.

ABJUREMENT, *s.* See **Abjuration**.

ABJURER, *s.* Neach a chùl-mhionnaicheas.

ABLACTATE, *v. a.* Cuir bhàr na cìche.

ABLACTATION, *s.* 1. Act of weaning: cur bhàr na cìche. 2. a certain method of ingrafting: seòl àraidh suidheachaidh fhiùran an stoc craoibh eile, chum fàs.

ABLAQUEATION, *s.* Fosgladh an talruhainn mu bhun craoibhe.

ABLATION, *s.* Toirt air falbh.

ABLATIVE, *adj.* A bheir air falbh, diòbhalach, uaith-eantach.

ABLE, *adj.* 1. Having great powers of mind, body, or circumstances: comasach, murrach, cumhachdach, làidir, foghainteach, urrainneach. 2. fit, proper: iomchuidh, comasach, foghainteach air. I am not able: cha'n urrainn mi. I am able: 's urrainn mi.

ABLE, *v. a.* See **Enable**.

ABLE-BODIED, *adj.* Corp-làidir, taiceil, foghainteach, neartmhor, fallain, slàn.

ABLEGATE, *v. a.* Cuir air theachdaireachd.

ABLEGATION, *s.* Cur air theachdaireachd.

ABLENESS, *s.* Comas, cumhachd, treòir, murrachas, treis, foghainteachd; neartmhorachd.

ABLEPSY, *s.* Doille, cion-fradhaire, dalladh.

ABLIGURITION, *s.* Struidhealachd ann am biadh 's an deoch.

ABLIGATE, *v. a.* Ceangail suas.

ABLOCATE, *v. a.* Suidhich, no leig a mach, air mhàl, no air phàidheadh.

ABLOCATION, *s.* leigeil a mach air mhàl, no air phàidheadh.

ABLUDE, *v. n.* Bi mi-chosmhuil fi; bi air t'eadar-dhealachadh an coslas.

ABLUENT, *adj.* A ghlanas, ionnladach, aig am bheil cumhachd glanaidh.

ABLUTION, *s.* Glanadh, ionnlad, nigheadh, fìorghlanadh, saoradh o neo-ghloine, no o chiont.

ABLY, *adv.* Gu comasach. See **Able**.

ABNEGATE, *v. a.* Àicheadh, freitich, diùlt air do mhionnaibh, cùlaich.

ABNEGATION, *s.* Àicheadh, freiteachadh, cùlachadh.

ABNEGATOR, *s.* Neach a dh' àicheadhas, a dhiùltas, no, a chùlaicheas.

ABNODATION, *s.* Sgathadh àraidh a nithear air craoibhaibh.

ABNORMITY, *s.* Mi-riaghailt, neo-àbhaisteachd, mi-chumadh, mi-dhreach.

ABOARD, *adv.* Air bòrd, air bòrd luinge, air sàl, air bàta, 's an long, 's a' bhàta, air uachdar.

ABOARD, *prep.* Aig, air, os ceann

ABODANCE, *s.* See **Omen**.

ABODE, *s.* 1. A habitation: tàmh, còmhnuidh, ionad-tàmh, ionad-còmhnuidh, tigh, teach, aitreabh, àros, dachaidh. 2. stay, continuance in a place: tàmh, fuireach, còmhnuidh, stad.

ABODE, *v. a. & n.* See **Bode**.

ABODEMENT, *s.* See **Prognostication**.

ABODING, *s.* See **Boding**.

ABOLETE, *adj.* See **Obsolete**.

ABOLISH, *v. a.* 1. Annul, make void: sgaoil, atharraich, bris. 2. put an end to, destroy: sgrios, dubh a mach, cuir as do, cuir air cùl, cuir mu làr, dìthich.

ABOLISHABLE, *adj.* A dh' fheudar a chur as, a sgaoileadh, a bhriseadh, no a sgrios.

ABOLISHER, *s.* Milltear, sgriosadair, fear-millidh, fear-sgaoilidh cheangaltas.

ABOLISHING, *s.* Sgaoileadh, atharrachadh, bris-

ABOLISHMENT, *s.* eadh, sgrios, dubhadh a mach,

ABOLITION, *s.* cur air cùl, dìtheachadh.

ABOMINABLE, *adj.* 1. Hatred, detestable: gràineil, fuathmhor, sgreamhail, sgreataidh, oillteil, déistinneach. 2. unclean: salach, truailidh, grànda, brun.

ABOMINABLENESS, *s.* Gràincalachd, fuathmhorachd, sgreamhalachd, oilltealachd, sgreatachd, sal, neo-ghloine, truailidheachd.

ABOMINABLY, *adv.* Gu gràineil. See **Abominable**.

ABONINATE, *v. a.* Geur-fhuathaich tur-fhuathaich, oiltich, gabh dubh-ghràin.

ABOMINATION, *s.* 1. Hatred, detestation: fuath, gràin, dubh-ghràin, sgreamh, daoch. 2. the object of detestation: gràinealachd, cùlaidh-ghràin, sgreamh, sgreamhalachd. 3. pollution, defilement: salchair, truailidheachd, neo-ghloine, breunachd. 4. wickedness, hateful or shameful vice: gràinealachd, sgreamhalachd, uamharrachd, coirbteachd.

ABORD, *s.* Fàilte, ùmhilachd.
ABORD, *v. a.* Teann am fagus, thig am fagus.
ABORIGINAL, *adj.* A bh' ann o thùs, a bhineas do 'n phrìomh-mhuinntir.
ABORIGINES, *s.* Prìomh-mhuinntir, cend luchd-àit-eachaidh dùthcha, no tìre, tùsanaich, aithrichean na tìre.
ABORSEMENT, *s.* See Abortion.
ABORT, *v. a.* Beir fòimh 'n àm.
ABORT, *s.* See Abortion.
ABORTION, *s.* 1. Act of bringing forth untimely : breith fòimh 'n àm. 2. the produce of an untimely birth : breith anabuich, torrachas anabuich, ni a thig fòimh làimh, faoin-bhreith.
ABORTIVE, *adj.* Anabuich, neo-nitheach, diòbhaileach, a thig fòimh 'n àm, a theid gu neo-ni, gun toradh, neo-tharbhach.
ABORTIVE, *s.* See Abortion.
ABORTIVELY, *adv.* Gu h-anabuich. See Abortive.
ABORTIVENESS, *s.* Cor ni a bheircar fòimh 'n àm, neo-tharbhachd.
ABORTMENT, *s.* Ni a rugadh fòimh 'n àm.
ABOVE, *prep.* 1. To a higher place, in a higher place : os ceann, suas, shuas. 2. more in quantity, or number : a thuilleadh air, tuilleadh na, tuilleadh is, ni 's mo, thairis air. 3. in a superior degree : os ceann, an uachdair air, thairis air. 4. beyond, more than : a bhàrr air, tuilleadh na.
ABOVE, *adv.* 1. Over head, in a higher place : shuas, uthard, os ceann, gu h-àrd, a shuas air, shuas air. 2. in the regions of heaven : shuas, air nèamh. 3. before : fòimhe. 4. chief in rank, or power : an uachdar.
ABOVE ALL, Os bàrr, es ceann nan uile ni, gu h-àraidh.
ABOVE BOARD, Os ceann bùird, am follais, an sealadh shùl, gu saor, gun cheilg, gun chleas, gun lùb.
ABOVE-CITED, A dh'aimnicheadh fòimhe, a thubhradh.
ABOVE GROUND, Am fearann nam beò, an tìr nam beò, os ceann talmhainn.
ABOVE-MENTIONED. See Above-cited.
ABOUND, *v. n.* 1. Be copiously stored, have in great plenty : bi pailt, bi pailt an, or ann. He abounded in cattle : bha e pailt an spréidh. 2. be in great plenty : lìonmhòraich, fas lìonmhor, no pailt, bi sìolmhor, bi lìonmhor.
ABOUNDING, *s.* Pailteas, lìonmhoireachd.
ABOUT, *prep.* 1. Round, surrounding : mu, mu chuairt, mu 'n cuairt, mu 'n cuairt air. 2. near to : fagus, fagus air, dlùth air, dlùth ri, an gar. 3. concerning, with regard to : mu, mu dhéighinn, a thaobh. 4. engaged in, employed upon : ri, mu, ann am, ann an. 5. appendant to a person as clothes : air, mu 'n cuairt air, mu. 6. relating to the person, as a servant : an cois, an lorg, mu thimchioll.
ABOUT, *adv.* 1. Circularly, in a round : an cuairt, gu cruinn, gu timchiollach, gu cuairteil. 2. in circuit, in compass : ceithir thimchioll, mu 'n cuairt. 3. nearly : fagus air. 4. here and there : an so

's an sud, thall 's a bhos, gach taobh. 5 with to, before a verb, about to : air ti, a' dol a', gu. 6. the longest way, in opposition to the short straight way : timchioll. 7. to bring about, or to the state desired : gu crìch, gu buil, gu h-ìre. 8. to come about, to a certain state : gu teachd. 9. to go about : ag iarraidh.
ABRACADABRA, *s.* Gnè ghìseig, a bh' aig daoine o shean, a leighiseadh, a féir am beachd, an crith-galar.
ABRADE, *v. a.* Suath dhe, suath air falbh, sgrìob air falbh ; caith air falbh a' chuid 's a' chuid.
ABRASION, *s.* 1. Suathadh dhe, suathadh air falbh, sgrìobadh air falbh. 2. the matter worn : an ni a shuathadh dhe, no air falbh.
ABREAST, *adv.* Taobh ri taobh, uchd ri h-uchd, còmhluath.
ABRENUCIATION, *s.* Diùltadh, àicheadh, tréigsinn.
ABREPTION, *s.* Tarring air falbh, toirt air falbh.
ABRICOCK, *s.* See Apricot.
ABRIDGE, *v. a.* See Abbreviate.
ABRIDGED, *part.* Giorraichte, lughdaichte, cuinglichte.
ABRIDGER, *s.* See Abbreviator.
ABRIDGEMENT, *s.* See Abbreviation.
ABROACH, *v. a.* See Broach.
ABROACH, *adv.* Air ti dol a mach, no teachd a mach, no dol mu sgaoil.
BROAD, *adv.* 1. Without confinement : mu sgaoil. 2. out of the house : a muigh, a mach. 3. in another country : air aineol, an tìr chéin, an tìr thall, gu tìr chéin, do thìr chéin. 4. in all directions : air gach taobh, gu farsuing a mach. 5. without, externally : an leth muigh, an leth mach.
ABROGATE, *v. a.* Cuir lagh air chùl, mùth an lagh, cuir a thaobh, cuir a leth-taobh, cuir as.
ABROOD, *adv.* See Brooding.
ABROOK, *v. a.* See Brook, *v.*
ABRUPT, *adj.* 1. Broken, craggy : cas, creagach, corrach. 2. sudden : obunn, aithghearr, grad. 3. sudden, without preparation : obunn, cabhagach, gun rabhadh, gun uidheamachadh. 4. unconnected : briste, neo-cheangailte.
ABRUPT, *v. a.* See Disturb.
ABRUPTION, *s.* Grad-bhriseadh, grad-sgoltadh, grad-dhealachadh.
ABRUPTLY, *adv.* See Abrupt.
ABRUPTNESS, *s.* Cabhag, obunnachd, caise, corrachas, cabhagachd, bristeachd, neo-cheangaltachd.
ABSCISS, *s.* Neasgaid, at, iongrachadh, màmh, balg iongrach.
ABSCIND, *v. a.* Geàrr dheth, geàrr air falbh.
ABSCISS, *s.* See Abscission.
ABSCISSION, *s.* 1. Act of cutting off : gearradh dheth, gearradh air falbh. 2. act of disannulling : cur air cùl. 3. state of being cut off : air a ghearradh dheth.
ABSCOND, *v. a. et n.* 1. Hide thyself : foluich thu féin, teich, rach air fògradh, gabh fògradh, thoir an saoghal ort. 2. conceal : foluich, ceil.
ABSCONDER, *s.* Fògarach, fear fuadain, fear air chàrn, fear cùirn.

ABSENCE, s. 1. State of being absent, opposed to presence: neo-làthaireachd. 2. inattention, heedlessness: neo-aire, dith-mothachaidh, neo-shuim, cion-aire.

ABSENT, adj. 1. Not present: neo-làthaireach, as an t-sealladh, as an fhianuis. 2. inattentive, regardless of the present object: neo-aireach, neodhearcach, smuain-sheachranach, mi-dhearcach, ioma-smuainteach.

ABSENTEE, s. Neach gun bhi 's an làthair, neach a ta air falbh o 'dhùthaich, no, o 'thìr féin.

ABSENTER, s. Neach a thréigear a dhreuchd, no a ghnòthach féin.

ABSENTMENT, s. See Absence, 1.

ABSINTHIAN, adj. Air bhlas na burmaide, no air bhòladh na burmaide, searbh.

ABSINTHIATED, part. Searbhaichte, làn burmaide.

ABSINTHIUM, s. Burmaid.

ABSISS, v. n. Seas air falbh, seas air t' ais, sguir, leig dhìot.

ABSOLVATORY, adj. A loghas, a mhaitheas lochd.

ABSOLVE, v. a. 1. Clear, acquit of a crime: saor. 2. set free from an engagement, or promise: cuir saor o, fuasgail o. 3. pronounce sin remitted: logh cionta, maith, saor. 4. finish, complete: crìochnaich, coimhlion, dean iomlan.

ABSOLVER, s. Neach a ghabhas air féin peacadh a mhaitheadh.

ABSOLUTE, adj. 1. Complete: iomlan. 2. unconditional, as a promise: saor, gun chumha. 3. not relative: dligheach an féin. 4. not limited, as absolute power: neo-cheannsuichte. 5. positive, certain, without hesitation: saor, fuasgailte.

ABSOLUTELY, adv. See Absolute.

ABSOLUTENESS, s. Iomlanachd, saorsachd, saorsa, dligheachas, neo-cheannsachd, fuasgailteachd, àrd-chumbachd, an-tighearnas.

ABSOLUTION, s. 1. Acquittal: saoradh, saorsa. 2. remission of sin: loghadh, maitheanas, saoradh, fuasgladh o. 3. delivery, pronunciation: cur a mach, ùr-labhairt.

ABSOLUTORY, adj. A shaoras, a dh' fhuasglas, a mhaitheas.

ABSONANT, adj. Contrary to reason: mi-chéillidh, neo-thuigseach, baòth.

ABSONOUS, adj. 1. See Absonant. 2. unmusical: mi-fhonnmhor, neo-bhinn.

ABSORB, v. a. 1. Swallow up: sluig suas. 2. suck up: deòghail, leig sìos, sùgh, òl a stigh.

ABSORBENT, adj. A shluigeas, a dheòghaileas, a leigheas sìos, a shùghas, a dh' òlas a stigh.

ABSORBENT, s. Leigheas sùghaidh, leigheas a thiormaicheas leanntaidhean a' chuirp.

ABSORPTION, s. See Absorption.

ABSORPT, part. Sluigte, sùgha sìos, tiormaichte.

ABSORPTION, s. 1. Act of swallowing up: slugadh, sùghadh. 2. state of being absorbed: air a shùghadh.

ABSTAIN, v. a. 1. Forbear: seachain, seun, fàg, fan

o, fuirich o. 2. deny thyself a gratification: aicheadh dhuit féin, coisg thu féin.

ABSTEMIOUS, adj. Stuama, measarra, seachnach air anabarr, neo-ghlutail.

ABSTEMIOUSLY, adv. See Abstemious.

ABSTEMIOUSNESS, s. Stuaim, measarrachd, stuamachd, féin-àicheadh.

ABSTENTION, s. Cumail o, fuireach air ais.

ABSTERGE, v. a. Glan-shuath, glan le suathadh, suath-ghlan.

ABSTERGENT, adj. Glanadach, a ghlanas 'n uair shuathar e ri ni.

ABSTERSE, v. a. See Absterge.

ABSTERTION, s. Glanadh, nigheadh, ionnlad.

ABSTINENCE, s. 1. Forbearance of any thing: seachnadh, measarrachd, stuamachd. 2. fasting, forbearance of necessary food: trasgadh, fuireach o bhìadh.

ABSTINENCY, s. See Abstinence.

ABSTINENT, adj. Stuama, measarra, trasgach.

ABSTINENTLY, adv. See Abstinent.

ABSTORTED, adj. Air a bhuntan air falbh le h-àinneart.

ABSTRACT, v. a. 1. Take one thing from another: thoir air falbh, dealuich aon ni o ni eile, tarruing o chéile. 2. separate by distillation: tarruing a bhrìgh as, thoir a shùgh as. 3. separate ideas: dealuich o chéile beachdan na h-inntinn, smuainich air aon bhuaidh ann an ni àraidh, dealuichte o gach buaidh eile dheth. 4. reduce to an epitome: cuir am mion-chruth.

ABSTRACT, adj. 1. Separated from something else: dealuichte o ìi-eigin eile, eadar-dhealuichte, sgarta. 2. with regard to mental perceptions: neo-fhaicsinneach do 'n t-sùil, air am beachduich an inntinn a mhàin; dorch, no deacair r' a thuigsinn. 3. refined, pure: fìor-ghlan, ath-ghlanta, neo-mheasguichte.

ABSTRACT, s. 1. A smaller quantity containing the virtue or power of a greater: seadh aithghearr, suim aithghearr, brìgh, ni mòr air bith air a chur an cruth beag. 2. an epitome: giorrachadh, lughdachadh, aithghiorrachadh. 3. state of being abstracted: air a dhealachadh, air 'eadar-dhealachadh.

ABSTRACTED, adj. 1. Separated, disjoined: sgarta, dealuichte o chéile. 2. refined, purified: ath-ghlanta, fìor-ghlan. 3. abstruse, difficult: dorch do 'n inntinn, deacair, do-thuigsinn. 4. absent of mind, inattentive to present objects: nach toir an aire do nìthibh a ta 's an làthair, dlùsmuainteach air nìthibh eile.

ABSTRACTEDLY, adv. See Abstracted.

ABSTRACTEDNESS, s. Dealachadh, sgaradh, eadar-dhealachadh.

ABSTRACTION, s. 1. Act of abstracting: dealachadh, eadar-dhealachadh, brìgh-tharruing. 2. a certain power or faculty of the mind: ceud-fàth na h-inntinn leis an dealuichear aon bhuaidh o gach buaidh eile th' air ni air bith. 3. absence of mind, inattention: neo-aire do nìthibh 's an làthair. 4. disregard of worldly objects: neo-aire do nìthibh aimsireil.

- ABSTRACTIVE, *adj.*** A dhealaicheas, a tharruingeas air falbh, a sgàras, a dh' eadar-dhealuicheas, a thàirngeas a bhrìgh as.
- ABSTRACTLY, *adv.*** See Abstract, *adj.*
- ABSTRACTNESS, *s.*** Eadar-dhealachadh, deacaireachd, duirche, dorchadas ni air bith a thaobh beachd na h-inntinn a ghabhar dheth.
- ABSTRACTED, *adj.*** See Unbound.
- ABSTRUDE, *v. a.*** See Unbind.
- ABSTRUDE, *v. a.*** Tilg air falbh, iomadh uait, no tarruing air falbh.
- ABTRUSE, *adj.*** 1. Hidden, remote from view: doilleir, foluichte, dorch, dombain, do-léirsinneach. 2. difficult, remote from conception, or apprehension: deacair, do-thuigsinn, doirbh ri fhiosrachadh.
- ABTRUSELY, *adv.*** See Abtruse.
- ABTRUSENESS, *s.*** Doilleireachd, duirche, dorchadas, doirbheachd, doimlineachd, deacaireachd.
- ABTRUSITY, *s.*** See Abtruse.
- ABSUME, *v. a.*** Caith as, crìon-chait, cuir as.
- ABSRD, *adj.*** 1. Unreasonable, without judgment: mi-chiallach, neo-chiallach, baòth, mi-feusonta. 2. of sentiments, or practices: amaideach, neo-thuigséach, neo-fhreagarrach, eu-céillidh.
- ABSURDITY, *s.*** Amaideachd, baoghaltas, baòthachd, mi-reusontachd, neo-thuigseachd.
- ABSURDLY, *adv.*** Gu mi-chiallach, gu baòth. See Absurd.
- ABSURDNESS, *s.*** See Absurd.
- ABUNDANCE, *s.*** 1. Plenty: pàilteas, pàilteachd, ni 's leòr. 2. great numbers: lionmhorachd, iomadachd. 3. a great quantity: mòran, pailteas. 4. exuberance, more than enough: anabarr, anabarrachd, barrachd.
- ABUNDANT, *adj.*** 1. Plentiful: pailt, saoi bhìr, làn. 2. exuberant: ro-phailt, |àrbhach, torach. 3. fully stored: saoi bhìr, làn, lìonta, làn-lìonta.
- ABUNDANTLY, *adv.*** Gu pailt, gu saoi bhìr. See Abundant.
- ABUSE, *v. a.*** 1. Make an ill use of: mi-bhuilich, cuir gu dorch bhuil, mi-ghnàthaich, diom-builich. 2. violate, defile: luidh gu collaidh ìe, truail. 3. deceive, impose upon: meall, gabh brath. 4. treat with rudeness, reproach: thoir ana-cainnt, masluich, màb, troid, di-mòl, càin.
- ABUSE, *s.*** 1. The ill use of any thing: mi-ghnàthachadh, mi-bhuileachadh, diom-buileachadh, mill-eadh, ana-caitheamh. 2. a corrupt practice, bad custom: droch cleachdamh, mi-ghnàths, mi-mhodh, coirbteachd. 3. seducement: truailleadh. 4. unjust censure, rude reproach: dio-moladh, càineadh, trod, droch cainnt, ana-cainnt.
- ABUSER, *s.*** 1. He that makes an ill use: milleadair, milltear, struidhear, neach ana-caithteach. 2. a deceiver: mealltair, fearr-meallaidh. 3. he that reproaches with rudeness: fear-càinidh, fear-troid, fear-maslachaidh, fear ana-cainnt. 4. a ravisher: truaillear, fear éigneachaidh bhan.
- ABUSEFUL, *adj.*** See Abusive.
- ABUSION, *s.*** See Abuse, *s.*
- ABUSIVE, *adj.*** 1. Practising abuse: millteach, struidheil, ana-caithteach. 2. abusive in words: ana-cainnteach, trodach, searbh-chainnteach. 3. deceitful: mealltach.
- ABUSIVELY, *adv.*** See Abusive.
- ABUSIVENESS, *s.*** 1. Millteachd, struidhealachd, ana-caithteachd. 2. ana-cainnt, trodachas, searbh-bhriathrachas. 3. mealltachd:
- ABUT, *v. n.*** 1. End at: crìochnaich aig, ruig gu. 2. border upon, meet, approach: ruig gu, coinneach, thig am fagus.
- ABUTTAL, *s.*** 1. Crìoch, no iomal fearainn. 2. a certain writing in law: sgrìobhadh anns an bheil crìochan fearainn àraidh air an ainmeachadh.
- ABUTMENT, *s.*** 1. Comh-chrìoch, stéidh togalach, air an leagar cudthrom na togalach.
- ABY, *v. a. et n.*** See Abide.
- ABYSM, *s.*** See Abyss.
- ABYSS, *s.*** 1. A depth without bottom: doimhneachd mhòr, doimhneachd gun iochdar. 2. a great depth, a gulph: aigean, dubh-aigean. 3. hell: an t-slochd, ifrinn.
- ACACIA, *s.*** Sùgh craoibhe àraidh 's an Eiphit.
- ACADEME, *s.*** See Academy.
- ACADEMIAL, *adj.*** See Academical.
- ACADEMIAN, *s.*** See Academician.
- ACADEMIC, *s.*** 1. A student: foghlumanaich, foghlumaich oil-thigh. 2. an academic philosopher: fear-foghlum, feallsanach a bhuineas do dh' oil-thigh, no do thigh-foghlum.
- ACADEMIC, *adj.*** A bhuineas do dh' oil-thigh, no do thigh-foghlum.
- ACADEMICAL, *adj.*** Oil-thigheach, a bhuineas do dh' oil-thigh.
- ACADEMICALLY, *adv.*** See Academical.
- ACADEMIST, *s.*** See Academic, *s.*
- ACADEMY, *s.*** 1. An assembly or society of men, uniting for the promotion of some art: còmmun chum foghlum àraidh air bith a chur air aghaidh. 2. a place where sciences are taught: tigh-foghlum, oil-thigh, àrd-sgoil, tigh-munaidh.
- ACANTHUS, *s.*** See Bear's breech.
- ACATALECTIC, *s.*** Rann snasmhor, no gun ghiomh.
- ACATALEPSIA, *s.*** Cruaidh-dheacaireachd air ni a fannsachadh.
- ACATER, *s.*** See Caterer.
- ACATES, *s.*** Biadh, teachd-an-tìr.
- ACCEDE, *v. n.*** 1. Come to, become a party to: aontaich ìe, striochd, còrd. 2. come over, assent: thig a dh' ionnsuidh, aom ìe, thoir aonta, aontaich.
- ACCELERATE, *v. a.*** Greas, luathaich, deifrich, cabhagaich, cuir 'n a ruith.
- ACCELERATION, *s.*** Greasad, luathachadh, cabhagachadh, cas-ghluasad, grad-shiubhal, deifir, cabhag.
- ACCELERATIVE, *adj.*** A ghreasas, a luathaicheas, a dheifricheas, a chuireas 'n a ruith.
- ACCEND, *v. a.*** See Kindle.
- ACCENSION, *s.*** See Kindling.
- ACCENT, *s.*** 1. The manner of speaking, or pronouncing: fuaim-cainnte, blas cainnte, gleusadh a' ghuth, no na teanga, snas-labhairt, guth-ghleus. 2. the sound given to the syllable pronounced: cudthrom a' ghutha a leagar air siolladh focial.

3. the mark upon an accented syllable : comharra a sgrìobhar air siolladh focail, a theagaisgeas cia mar a labhrar e. 4. language, or words : uirghioll, càinain. 5. a modification of the voice, expressive of the passions, or sentiments : fuaim, guth.
- ACCENT, v.** 1. Pronounce according to rule : snaslabhair, labhair gu ceart, a réir gnàth na cainnte. 2. pronounce, in general : labhair, tog do ghuth. 3. write or note, the accents : sgrìobh na comharra ceart air siollaidhibh nam focal.
- ACCENTUAL, adj.** A bhùineas do shnas-labhairt.
- ACCENTUATE, v. a.** See Accent, v. 3.
- ACCENTUATION, s.** Comharrachadh nam fuaim ceart ann an labhairt, ann an sgrìobhadh, no ann an leughadh.
- ACCEPT, v. a.** 1. Take with pleasure, kindly, or with approbation : gabh gu taitneach, gabh le taitneas, gabh gu geanail, no, gu càirdeal, gabh ri. 2. in a juridical sense : gabh ri, aontaich le, còrd ri. 3. act with personal and partial regard : gabh ri, dean taobh ri. 4. acknowledge in a commercial sense : gabh ort, aontaich le.
- ACCEPTABILITY, s.** Taitneachd, taitneas, toileachd, toileachas, ciatfachd, iomchuidheachd, freagarrachd.
- ACCEPTABLE, adj.** Taitneach, freagarrach, ciatfach, iomchuidh.
- ACCEPTABLENESS, s.** See Acceptability.
- ACCEPTABLY, adv.** See Acceptable.
- ACCEPTANCE, s.** 1. Reception with approbation : gabhail gu taitneach, gu geanail, le taitneas, no gu càirdeil. 2. the meaning of a word : seadh focail.
- ACCEPTATION.** See Acceptance.
- ACCEPTER, s.** Fear a ghabhas ri, neach a ghabhas gu taitneach, no dh' aontaicheas le.
- ACCEPTION, s.** See Acceptance, 2.
- ACCEPTIVE, adj.** A ghabhas ri, a dh' aontaicheas le, no ghabhas gu taitneach.
- ACCESS, s.** 1. The way by which any thing may be approached : rathad, slighe, fosgladh. 2. means or liberty of approaching : cead teachd am fagus, seòl ruigheachd air. 3. increase, enlargement, addition : meudachadh, leasachadh, cinneachadh. 4. fit of a distemper. See Fit, s.
- ACCESSARILY, adv.** See Accessary.
- ACCESSARINESS, s.** Cothrom ruigheachd, aontachadh. See Accessary.
- ACCESSARY, adj.** A chuidicheas, no dh' aontaicheas le, comh-pàirteach ann an ni àraidh.
- ACCESSARY, s.** See Accessory.
- ACCESSIBLE, adj.** 1. Of things : so-fuigsinn, ruigsinneach, ceadaichte. 2. of persons : fosgarra, fàilteach, aoidheil, furanach.
- ACCESSION, s.** 1. Increase, enlargement, augmentation : meudachadh, cuideachadh, leasachadh. 2. act of coming to, or joining one's self to : teachd, teachd a steach, dlùthachadh ri, tighinn an ceann.
- ACCESSORY, adj.** Additional, joined to another thing : air a chur ri, a mheudaicheas, a chuidicheas le, a chuireas am meud.
- ACCESSORY, s.** 1. Of persons : fear-comh-pàirteachaidh, fear-comuinn, ('s an olc). 2. of things : cuideachadh le, cur le, comh-pàirt. 3. that which advances a design : cuideachadh, cur le.
- ACCIDENCE, s.** Ceud leabhar na cloinne.
- ACCIDENT, s.** 1. The property, or quality of any thing : buaidh. 2. the property of a word, in grammar : buaidh, gnè, nàdur. 3. that which happens unforeseen : tuiteamas, tubaist, mi-shealbh. 4. a chance, or casualty : sealbh, no, mi-shealbh.
- ACCIDENTAL, adj.** Tuiteamach, tubaisteach, gun amus, gun sùil ris.
- ACCIDENTALLY, adv.** See Accidental.
- ACCIDENTALNESS, s.** Tuiteamachd, tubaisteachd.
- ACCIDENT, s.** Ni, no neach, a ghabhas, gabhadan.
- ACCITE, v. a.** See Cite.
- ACCLAIM, v. n.** Mol, àrd-mhol, dean luathghair.
- ACCLAIM, s.** Gàir, caitheam, luathghair, àrd-mholadh.
- ACCLAMATION, s.** 1. Shouts of applause : iolach aiteis, gàrdeachas, caitheam. 2. unanimous and immediate election : làn aonta, làn-thoil.
- ACCLAMATORY, adj.** Gàrdeachail, luathghaireach, ait.
- ACCLIVE, adj.** See Acclivous.
- ACCLIVITY, s.** Dìreadh, bruthach, uchdach, cas-leathad.
- ACCLIVOUS, adj.** Brughachail, uchdachail, doirbh ri' a dhìreadh.
- ACCLOY, v. a.** See Cloy.
- ACCOIL, v. n.** Dòmhlalach, dùmhlalach, bi 'n ad dhrip.
- ACCOLENT, s.** Fear-àiteachaidh chrìoch, fear-iomail.
- ACCOMMODABLE, adj.** Iomchuidheachd, freagarrach, so-iomchuidh, goireasach.
- ACCOMMODABLENESS, s.** Iomchuidh, freagarrachd, so-iomchuidheachd.
- ACCOMMODATE, v. a.** 1. Supply with conveniences : uighimich, deasaich, dean coingheall ri. 2. fit, make consistent with, adapt : dean freagarrach, càirich ri' a chéile. 3. reconcile : réitich. 4. lend : thoir an coingheall.
- ACCOMMODATE, v. n.** Bi réidh ri, bi air do chumadh ri, aontaich le.
- ACCOMMODATE, adj.** Iomchuidh, deas, deasichte, cuimseach.
- ACCOMMODATELY, adv.** See Accommodate, adj.
- ACCOMMODATENESS, s.** Iomchuidheachd, cuimseachd, freagarrachd.
- ACCOMMODATION, s.** 1. Provision of conveniences : goireas, acfuinn. 2. pl. things necessary to ease, or refreshment : goireasachd, uigheam, ullachadh, rùm. 3. adaptation, fitness : iomchuidheachd, freagarrachd. 4. reconciliation, adjustment : réite, réiteach, ceartachadh, socruchadh, còrdadh.
- ACCOMMODATOR, s.** 1. One who adjusts : fear-réite, fear-socruchaidh. 2. one who conforms : fear-aontachaidh, fear-géillidh.
- ACCOMPANABLE, adj.** See Sociable.
- ACCOMPANIER, s.** Fear-caidridh, fear-comh-thurais, fear-comuinn.
- ACCOMPANIMENT, s.** Leasachadh, ni an cois ni eile, ni an cois neach.
- ACCOMPANY, v. a. et n.** 1. Rach an cuideachd, bi

an cuideachd, dean cuideachd ri, rach maille ri.
 2. associate with, become a companion to: cum cuideachd ri, dean cuideachdas, de tog te.
ACCOMPLICE, s. Fear-comuinn, companach, comh-obriche, caidreach.
ACCOMPLISH, v. a. 1. Complete, execute fully: crìochnaich, thoir gu h-ìre, thoir gu crìoch. 2. complete a period of time: coimhlion. 3. fulfil, as a prophecy: coimhlion. 4. gain, obtain: coisinn, faigh. 5. adorn, furnish: sgeadaich, deasaich, sgèimhich, àilnich.
ANXIETY, *s.* 1. Trouble of mind about some future event: iongain, ro-chùram, trioblaid, dearmail. 2. lowness of spirits: trom-inntinn, smuairean.

ANXIOUS, *adj.* 1. Disturbed about uncertain events: iomaganach, mi-fhoisneach, cùramach, dearmalach. 2. careful, full of inquietude: cùramach, iomaganach, mi-fhoisneach. 3. careful, as of a thing of great importance: cùramach.

ANXIOUSLY, *adv.* See *Anxious*.

ANXIUSNESS, *s.* Dearmaileachd, iomaganachd.

ANY, *adj.* 1. Any, whoever he be: aon, aon air bith, air bith, co air bith. 2. whosoever: co 's am bith. 3. in opposition to none: neach.

ANYWHITHER, *adv.* Aite 's am bith, taobh 's am bith.

ANYWISE, *adv.* Air dhòigh sam bith.

APACE, *adv.* 1. Quick, speedily: gu grad, gu luath. 2. with haste, applied to some action: gu h-ealamh, gu cabhagach. 3. with speed, progression from one state to another: gu grad, gu dian.

APART, *adv.* 1. Separately from the rest in place: air leth, gu taobh. 2. set aside for any use: leis féin, a leth taobh. 3. distinctly: air leth. 4. retired from the other company: gu taobh, air leth.

APARTMENT, *s.* Seòmar, àit air leth de 'n tigh.

APATHETIC, *adj.* Cruaidh-chridheach, neo-mhothachail.

APATHIST, *s.* Duine gun fhaireachduinn.

APATHISTICAL, *adj.* Coma, neo-mhothachail.

APATHY, *s.* Cion-mothachaidh.

APE, *s.* 1. A kind of monkey: apa. 2. an imitator, used generally in a bad sense: apa, apag. 3. a fool, because fools formerly used to carry apes on their shoulders: apa, apan.

APE, *v. a.* Dean atharrais air, dean fochaid air.

APEAK, *adv.* Ullamh gu sàthadh, gu biorach.

APEPSY, *s.* Call-cnàmhaidh, cion-cnàmhaidh.

APER, *s.* Fear-atharrais.

APERIENT, *adj.* Maith gu fosgladh, sgarach, a bheir fuasgladh air com.

APERITIVE, *adj.* Fuasgailteach, sgarach.

APERT, *adj.* 1. Open, without disguise: fosgailte, soilleir. 2. open: fosgailte.

APERTION, *s.* 1. An opening through any thing, a gap: fosgladh, beàrna, bealach. 2. the act of opening: fosgladh, sgoltadh.

APERTLY, *adv.* See *Apert*.

APERTNESS, *s.* Fosgailteachd.

APERTURE, *s.* 1. The act of opening: fosgladh, sgoltadh. 2. an open place: dorus, bealach, beàrna, fosgladh. 3. a hole: toll.

APETALOUS, *adj.* Lòm, gun duilleach, neo-dhuilleagach.

APETALOUSNESS, *s.* Lomnochduidh.

APEX, *s.* Binnean, bàrr, mullach, bidean.

APHONY, *s.* Cion-cainnte, call-bruidhne.

APHORISM, *s.* Frinn-shuidhichte, riaghailt-choitichionn, sean-fhocal.

APHORISMER, *s.* Fear-sgrìobhaidh shean-fhocal, fear-labhairt shean-fhocal.

APHORIST, *s.* Fear-sgrìobhaidh shean-fhocal.

APHORISTICAL, *adj.* Sean-fhocalach, a bhuineas do dh'fhèrrinn ghoirid, choitichionn.

APHORISTICALLY, *adv.* See *Aphoristical*.

APIARY, *s.* Ionad tigh-bhùth nan seillean.

APICES, *s.* Bidean-mullaich nan caol-fhàs am meadhòn blàth-luis.

APIECE, *adv.* Gach neach air leth, cuid gach neach, a roinn féin.

APIECES, *adv.* 'N a bhloighdibh, as a chéile, 'n a mhìrean.

APISH, *adj.* 1. Having the qualities of an ape, imitative: ag atharrais mar an apa. 2. foppish, affected: sgaogach, pròiseil, faoin-bheachdail. 3. silly, trifling: faoin, gòrach. 4. wanton, playful: guanach, cleasanach.

APISHLY, *adv.* See *Apish*.

APISHNESS, *s.* Cleachdadh na h-apa, leanmhuinneachd, atharrais, faoineachd, guaineas, cleasachd.

A-PIT-PAT, *adv.* Le plogadh chridhe, gu ploganta.

APOCALYPSE, *s.* Leabhar an fhoillsachaidh, taibseanadh.

APOCALYPTIC, *s.* Fàidh, fear-foillsachaidh.

APOCRYPHA, *s.* Leabhraichean nach 'eil fios co a sgrìobh iad, leabhraichean gun ùghdarras 's an eaglais.

APOCRYPHAL, *adj.* 1. Not canonical: neo-chinnteach, gu'n deachdadh an Spioraid Naoimh, mach as an Sgrìobtuir. 2. contained in the apocrypha: sgrìobhta 's na leabhraichibh gun ùghdarras 's an eaglais. 3. an account of uncertain credit: neo-chinnteach, as eugmhais ainme. 4. a person of uncertain credit: fear tuaileasach.

APOCRYPHIAL, *s.* Sgrìobhadh, nach 'eil air a dheachdadh leis an Spiorad Naomh.

APOCRYPHALLY, *adv.* Gu neo-chinnteach, ni h-ann gu'n teagamh.

APOCRYPHALNESS, *s.* Neo-chinnteachd.
APOCRYPHICAL, *adj.* Neo-chinnteach, an teagamh.
APODICTIC, *adj.* A ghabhas dearbhadh, so-dhearbh-ta, so-shoilleir.
APODICTICAL, *adj.* Dearbh-chinnteach, neo-theagamhach, dearbh-ta.
APODOSIS, *s.* Co-chur samhlaidh.
APOLOGETIC,
APOLOGETICAL, } *adj.* Leisgenlach.
APOLOGETICALLY, *adv.* See Apologetical.
APOLOGIST, *s.* Fear-gabhail leisgeil neach.
APOLOGIZE, *v. a. et n.* Thoir leisgeul, gabh leisgeul, dìon le leisgeul.
APOLOGIZER, *s.* Fear-gabhail leisgeil neach, fear dian le leisgeul.
APOLOGUE, *s.* Sgeulachd, sgeul, ùr-sgeul, seanachas gu fìrinn chùramach a chur an cèill, cosmhuileachd, modh-sgèil.
APOLOGUER, *s.* Fear-innsidh sheanachas gu fìrinn chùramach a thoir air aghaidh, fear-aithris chosmhuileachdan, fear-modh-sgèil.
APOLOGY, *s.* Tagradh, leisgeul.
APOPHTHEGM, *s.* Geur-fhocal, glic-bhriathar, gnàth-fhocal.
APOPLECTIC,
APOPLECTICAL, } *adj.* Spad-thinneasach.
APOPLECTIC, *s.* Neach air a bhualadh leis an spad-thinneas.
APOPLEX, *s.* See Apoplexy.
APOPLEXED, *adj.* Buailte leis an spad-thinneas.
APOPLEXY, *s.* An spad-thinneas, am balbh-thinneas.
APOSTASY, *s.* Cùl-sleamhnachadh, tuiteam air falbh, tréigsinn-aidmheil.
APOSTATE, *s.* Fear-cùl-sleamhnachaidh, fear-tréigsinn-aidmheil,
APOSTATE, *adj.* Mealltach, neo-dhìleas, ceannairceach.
APOSTATE, *v. a.* Tréig t' aidmheil, claon air falbh, o d' chreidimh.
APOSTATICAL, *adj.* See Apostate.
APOSTATIZE, *v. n.* Tréig t' aidmheil, claon o d' chreidimh.
APOSTEMATE, *v. n.* Iongraich, at le iongrachadh.
APOSTEME,
APOSTUME, } *s.* Iongrachadh, neasgaid, màin.
APOSTLE, *s.* Teachdair, abstol.
APOSTLESHIP, *s.* Abstolachd.
APOSTOLATE, *s.* Abstolachd, teachdaireachd.
APOSTOLICAL, *adj.* Abstolach, air a theagasg leis na h-abstolaibh, a bhuineas do na h-abstolaibh.
APOSTOLICALLY, *adv.* A réir gnàth nan abstol.
APOSTOLICALNESS, *s.* Abstolachd.
APOSTOLIC, *adj.* See Apostolical.
APOSTROPHE, *s.* 1. A turning of the speech from one person to another many times abruptly: tionndadh cainnte o bhli labhairt mu mhuinntir gu bhli labhairt ri neach no ni. 2. the contraction of a word by the use of a comma: comharradh beag dubh an àite litreach.
APOSTROPHIZE, *v. a.* Tionndaidh do labhairt o aon phearsa gu pearsa, no, ni eile.
APOSTUME, *s.* See Aposteme, *s.*

APOSTUME, *v. n.* See Apostemate, *v. n.*
APOTHECA, *s.* Bùth fir-reicidh chungaidhean-leighis.
APOTHECARY, *s.* Fear-reicidh chungaidhean leighis.
APOTHEGM, *s.* See Apophthegm.
APOTHEGMATICAL, *adj.* Glic-bhriathrach, geur-fhocalach.
APOTHEGMATIST, *s.* Fear-cruinneachaidh gheur-fhocal.
APOTHEOSIS, *s.* Diadhachadh, dia-dhèanamh.
APOTHEOSIS, *s.* Ionad-coimhid nan nithe naomha a bhuineas do dh'eaglais.
APOZEM, *s.* Sìgh, sìgh nithe bruichte.
APOZEMICAL, *adj.* Coltach ri sìgh nithe bruichte.
APPAIR, *v. a.* Mill, dean ni 's mìosa; lughdaich.
APPAL, *v. a. et n.* 1. Fright, strike with sudden fear, discourage: clisg, cuir fuaidh eagal, cuir geilt air, mi-mhisnich. 2. grow faint, be dismayed: fann-aich, fàs lag le h-eagal, bi fuaidh amhluidh.
APPALEMENT, *s.* Clisgeadh, mi-mhisneach, eagal.
APPANAGE, Fearann-tàinistearachd, cuibhrionn nan òg mhac.
APPARATUS, *s.* Uidheam, acfuinn, innealan.
APPAREL, *s.* 1. Dress, vesture: earradh, trusgan aodach. 2. external habiliments: trusgan, còmh-dach, faluinn.
APPAREL, *v. a.* 1. Dress, clothe: sgeudaich, eudaich, cuir ort t' aodach, éid. 2. adorn with dress: sgeudaich, riomhaich, cuir ort t' earradh breagha. 3. cover with dress: sgeudaich, còmhdaich. 4. fit out: uidheamaich.
APPARENCE, *s.* Sealladh, coltas, teachd an làthair.
APPARENCE, *s.* See Apparence
APPARENT, *adj.* 1. Plain, indubitable: soilleir, cinnteach, so-fhaicsinneach. 2. seeming, not real: coltach, cosmhuil, a réir coslais. 3. visible, not secret: follaiseach, soilleir. 4. open, known, not merely suspected: so-shoilleir, dearbh-ta cinnteach. 5. certain, not presumptive: cinnteach, dearbh-ta.
APPARENTLY, *adv.* See Apparent.
APPARENTESS, *s.* Soilleireachd, cinnteachd, coltas.
APPARITION, *s.* 1. Appearance, visibility: sealladh, samhhladh. 2. a form, a visible object: coltas, faileas, dreach. 3. a spectre, a walking spirit: tannas, taibhse, bòcan, spiorad. 4. astronomically, the visibility of some luminary, opposed to occultation: taisbeanadh, foillseachadh.
APPARITOR, *s.* 1. Such a person as is at hand to execute the orders of a magistrate: am fear a 's deise, fear fagus air làimh. 2. the lowest officer of the ecclesiastical court: maor-eaglais.
APPAY, *v. a.* Toilich, dean taingeil.
APPEACH, *v. a.* 1. Accuse, inform against any person: dìt, dean casaid air. 2. censure, reproach: thoir achmhasan do, cronaich, càin, coirich.
APPEACHER, *s.* Fear-casaid, fear-ditidh, fear-cronachaidh.
APPEACHMENT, *s.* Diteadh, cuis-dhìtidh, casaid, achmhasan, coire.
APPEAL, *v. a. et n.* 1. Transfer a cause from one to another: tog do chùis gu neach eile, tog an tagradh gu cùirt eile. 2. refer to another as judge:

- leig gu ràdh. 3. call another as witness : cuir fianuis air, gairm mar fhianuis.
- APPEAL**, *s.* 1. A provocation from an inferior to a superior court : togail cùise o aon chùirt gu cùirt eile 's àirde, tagradh an aghaidh breitheanais. 2. an accusation : cùis-dhìtidh, coire. 3. a summons to answer a charge : gairm gu cùirt. 4. a call upon any one as a witness : leigeadh gu fianuis, cur fianuis.
- APPEALABLE**, *adj.* A dh' fhaodar a thogail gu cùirt ni 's àirde.
- APPEALANT**, *s.* Fear-togail a chùise gu cùirt ni 's àirde, fear-tagraidh an aghaidh breitheanais.
- APPEALER**, *s.* See Appealant, and also for its old sense, see Appeacher.
- APPEAR**, *v. n.* 1. Be in sight : thig am fradharc, thig 's an làthair. 2. become visible as a spirit : nochd thu féin, foillsich thu féin, taisbein. 3. stand in the presence of a superior : seas a suas, seas an làthair. 4. be the object of observation : seall thu féin. 5. exhibit one's self before a court of justice : thig do 'n chùirt, thig 's an làthair. 6. make clear by evidence : dean soilleir, dearbh le fianuis. 7. seem, in opposition to reality : seall thu féin. 8. make plain beyond dispute : dean dearbhta, dean so-shoilleir.
- APPEARANCE**, *s.* 1. The act of coming into sight : teachd an làthair, sealladh. 2. the thing seen : sealladh, coslas, cruth. 3. phenomena : seallaidhean, dreachan. 4. semblance : coslas. 5. outside show : sealladh. 6. entry into a place : dol 's an làthair, taisbeanadh. 7. apparition : cruth, coslas, dreach. 8. exhibition of a person to a court : teachd 's an làthair, nochdadh. 9. open circumstance of a case : coltas folluiscach. 10. presence, mien : coltas, sealladh, tuar.
- APPEARER**, *s.* Fear-teachd 's an làthair.
- APPEARING**, *s.* Teachd 's an làthair, taisbeanadh.
- APPEASABLE**, *adj.* So-shìtheachaidh, a ghabhas a thoirt gu réite.
- APPEASEABLENESS**, *s.* Furasdachd a dhcanamh réidh.
- APPEASE**, *v. a.* 1. Quiet, put in a state of peace : réitich, sìthich, ciùinich. 2. reconcile, still wrath : réitich, dean réidh, sìthich. 3. still, quiet : ciùinich, sìthich, dean mìn.
- APPEASEMENT**, *s.* Sìothchaint, réite, còrdadh.
- APPEASER**, *s.* Fear-dhèanamh na sìthe, fear-réite.
- APPEASIVE**, *adj.* Sìothchail, ciùin, a thraoghas fearg.
- APPELLANCY**, *s.* Togail cùise gu cùirt a 's àirde, comas a chùis a thagradh an cùirt ni 's àirde.
- APPELLANT**, *s.* 1. A challenger : fear-dùlanachaidh, fear-iarraidh connspoid. 2. one that appeals from a lower to a higher court : fear-togail cùise gu cùirt ni 's àirde, fear-tagraidh an aghaidh breitheanais.
- APPELLANT**, *adj.* A bhuineas do chùis-thogail.
- APPELLATE**, *adj.* 1. The person appealed against : tagarrach. 2. created on appeal : cùis-thogalach.
- APPELLATION**, *s.* 1. Name : ainm. 2. appeal, s. which sec.
- APPELLATIVE**, *s.* Co-ainm, tiodal.
- APPELLATIVE**, *adj.* Tiodalach, coitchionn.
- APPELLATIVELY**, *adv.* Air dòigh ainme àbhaiseich.
- APPELLATORY**, *adj.* Tagarrach, anns am bheil aobhar air son bhì togail cùise gu cùirt ni 's àirde.
- APPELLEE**, *s.* Fear an aghaidh am bheil a' chùis air a togail, fear dìon an tagraidh.
- APPEND**, *v. a.* 1. Hang any thing upon another : croch air, croch ri. 2. add something : cuir 'n a dhéigh, cuir ri.
- APPENDANCE**, *s.* Ni ceangailte ri ni eile.
- APPENDAGE**, *s.* Ni air a chur ri ni eile.
- APPENDANT**, *adj.* 1. Hanging to something else : an crochadh ri. 2. annexed : ceangailte ri. 3. (in law) any thing belonging to another : dol maille ri.
- APPENDICATE**, *v. a.* Cuir ri, croch ri, ceangail ri.
- APPENDICATION**, *s.* Crochadh ris, ceangal ris, leasachadh, meudachadh.
- APPENDIX**, *s.* 1. Something appended to another thing : am mìr an crochadh, am mìr slaoid, fath-sgrìobhadh. 2. an adjunct or concomitant : ni co-cheangailte ri ni eile.
- APPERCEIVE**, *v. n.* Tuig, thoir fainear, faic.
- APPERCEIVING**, *s.* Tabhairt fainear, faicsinn, tuigsinn breithneachadh.
- APPERCEPTION**, *s.* Féin-bhreithneachadh.
- APPERIL**, *s.* Cunnart, gàbhadh.
- APPERTAIN**, *v. n.* 1. Belong to, as of right : buin do, buin do thaobh còrach. 2. by nature or appointment : buin do thaobh nàduir.
- APPERTAINMENT**, *s.* Ni a bhuineas do dh' inbhe 's am bith, dlìghe.
- APPERTINENT**, *adj.* A bhuineas do, dlìgheach.
- APPETENCE**, *s.* 1. Carnal desire : ana-mhiann,
- APPETENCY**, *s.* togradh feòlmhor. 2. simply desire : iarrtas, togradh, déigh.
- APPETENT**, *adj.* Ro-dhéigheil.
- APPETIBLE**, *adj.* Ion-mhiannaichte.
- APPETIBILITY**, *s.* Ion-mhiannachd.
- APPETITE**, *s.* 1. The natural desire of good : miann, déigh, togradh, toil. 2. the desire of sensual pleasure : anamhiann, togradh feòlmhor. 3. violent longing : fadal, mòr-mhiann, fìor-chion. 4. the thing eagerly desired : miann. 5. keenness of stomach : ocras, pathadh, ìotadh.
- APPETITE**, *v. a.* Iarr, biodh toil agad do.
- APPETITION**, *s.* Déigh, togradh, toil.
- APPETITIVE**, *adj.* Miannach, deothasach, togarrach.
- APPLAUD**, *v. a.* 1. Praise by clapping the hands : àrd-mhol, ard-chliùthaich, dean luathghair. 2. praise in general : mol, cliùthaich, cuir suas.
- APPLAUDE**, *s.* Moladair, fear-molaidh, fear-clìùthachaidh.
- APPLAUSE**, *s.* Àrd-mholadh, moladh, cliù.
- APPLAUSIVE**, *adj.* Moltach, cliùiteach.
- APPLE**, *s.* 1. The fruit of the apple tree : ubhal, meas na craoibh-ubhail. 2. the pupil of the eye : ubhal na sùla.
- APPLE-TART**, *s.* Pithean ubhal.
- APPLE-TREE**, *s.* Craobh-ubhail.
- APPLE-YARD**, *s.* Gàradh ubhal.
- APPLIABLE**, *adj.* See Applicable.
- APPLIANCE**, *s.* Co-chur.
- APPLICABILITY**, *s.* Buintinn, iomchuidheachd.
- APPLICABLE**, *adj.* So-fhreagarrach, iomchuidh.

APPLICABLY, adv. See *Applicable*.

APPLICANT, s. Fear-iarraidh ni 's am bith.

APPLICATE, v. a. Co-chuir, cuir ris.

APPLICATION, s. 1. The act of applying one thing to another: co-chur, càradh ris, dlùthachadh, leagail air. 2. the thing applied: an ni a chaidh chur air, am plàsd. 3. the act of soliciting any person: iarraidh. 4. the employment of means for a certain end: co-chur, cleachdadh. 5. intensity of thought, close study: dian-smuaineachadh, dìchioll. 6. attention to some particular affairs: aire. 7. reference to some case or position, as, the story was told and the heavens made the application: co-chur, gabhail ris gu maith, (no) gu dona.

APPLICATIVE, adj. A cho-chuireas, a chuireas an an gnìomh, dìchiollach, freagarrach.

APPLICATORY, adj. A dh'fhaodar a chur ri, so-fhreagarrach.

APPLICATORY, s. Cò-chur air ni freagarrach.

APPLIEDLY, adv. Air dòigh co-chuir.

APPLIER, s. Fear-co-chuir, fear-feuchainn freagarrachd ni ri ni eile.

APPLIMENT, s. See *Application*.

APPLY, v. a. et n. 1. Put one thing to another: co-chuir, cuir ri. 2. lay medicaments upon a wound: cuir ri, càirich air, leag plàsd air. 3. make use of as relative to something: cleachd ri. 4. put to a certain use: cuir air leth, cuir air son, builich. 5. use as means to an end: cleachd, cleachd mar mhacadh. 6. study: dian-smuainich, leag d'inn-tinn air, cleachd dìchioll. 7. solicit for help: iarr, asluich. 8. address to: labhair ri, seall do. 9. ply: oibrich e, feuch ri. 10. suit, agree: bi freagarrach, còrd ri. 11. have recourse to, as a petitioner: iarr air, asluich uath. 12. attach, by way of influence: bi feuchainn.

APPOINT, v. a. et n. 1. Fix any thing, settle the exact time for some transaction: suidhich, ainmich, òrduich. 2. settle any thing by compact: ainmich, suidhich. 3. establish any thing by decree: sònruch, daingnich, suidhich. 4. equip: deasaich, uidheamaich. 5. decree: òrduich, rùnaich.

APPOINTER, s. Fear-suidheachaidh, fear-òrduchaidh.

APPOINTMENT, s. 1. Stipulation: suidheachadh, socrachadh, còrdadh, ainmeachadh, òrduchadh. 2. decree, establishment: sònruchadh, daingneachadh. 3. direction, order: scòladh, òrduchadh. 4. equipment: deasachadh, uidheamachadh. 5. an allowance paid to any man: roinn, cuibhrionn. 6. (in law): suidheachadh air chumhachan.

APPORTION, v. a. Dean roinn chothromach, roinn gu ceart.

APPORTIONATENESS, s. Cothromachd roinnean, co-fhreagarrachd earrannan.

APPORTIONMENT, s. Roinn, comh-foinn, roinn-chothromach.

APPORTIONER, s. Fear-tarruing chrìoch, fear-roinn.

APPOSE, v. a. 1. Put questions to: casnuich gu mion, rannsuich. 2. apply to: cuir ri, feuch ri.

APPOSER, s. Fear-ceasnachaidh, fear-rannsuichaidh.

APPOSITE, adj. Freagarrach, ìomchuidh, cothromach.

APPOSITELY, adv. See *Apposite*.

APPOSITENESS, s. Freagarrachd, ìomchuidheachd, cothromachd.

APPOSITION, s. 1. The addition of new matter so that it may touch the first mass: cur ri, co-aonadh, tuilleadh ri tuilleadh. 2. The putting of two nouns in the same case: co-chòrdadh.

APPOSITIVE, adj. Freagarrach do, còrdadh ri.

APPRAISE, v. a. Meas, cuir luach air.

APPRAISER, s. Fear-meas, fear-innsidh luach ni, breitheamh.

APPRAISEMENT, s. Meas, luach ainmichte, prìs.

APPRECIATION, s. Ùrnigh dhùrachdach, iartras-cridhe, guidhe air son maith.

APPRICATORY, adj. A' guidhe air son maith, ag asluichadh bheannachdan.

APPRECIATE, v. a. Meas, cuir meas air, tuig a luach.

APPRECIATION, s. Meas, prìs, luach.

APPREHEND, v. a. 1. Lay hold on: glac, beir air, dean greim air. 2. seize for trial, or punishment: glac, beir air, cuir làmh air. 3. conceive by the mind: tuig, measraich. 4. think on with terror: gabhagal o. 5. notice: thoir fainear.

APPREHENDER, s. 1. Conceiver, thinker: fear-measrachaidh. 2. the person who seizes another: fear-glacaidh, glacadair, fear-deanaimh greime.

APPREHENSIBLE, adj. A dh'fhaodar a mheasrachadh, so-thuigsinn.

APPREHENSION, s. 1. The contemplation of things in general: smuaineachadh, measrachadh. 2. opinion, sentiment: smuain, barail. 3. the faculty by which we conceive new ideas: tuigse, reuson, comas-fiosrachaidh. 4. fear: eagal, faiteachas. 5. suspicion of something to happen: amharus. 6. seizure: glacadh. 7. the power of seizing, or holding: greimeachadh.

APPREHENSIVE, adj. 1. Quick to understand: geur-thuigseach, ealamh gu togail. 2. fearful: eagalach, amharusach. 3. perceptive, feeling: mothachail.

APPREHENSIVELY, adv. See *Apprehensive*.

APPREHENSIVENESS, s. Tuigseachd, ealamhachd, eagalachd, amharusachd.

APPRENTICE, s. Foghlumaiche, fear-ionnsachaidh céirde.

APPRENTICE, v. a. Ceangail ri céird, cuir fuidh bhann fir-foghlum.

APPRENTICEHOOD, } s. Ùine-ceangail fir foghlum,
APPRENTICESHIP, } ùine-ceangail fir-ionnsachaidh
 céirde.

APPRENTISAGE, s. Ùine ceangail fir-foghlum.

APPRISE, v. a. Thoir fios, innis, thoir brath, cuir an céill.

APPRIZE, s. Fios, brath, rabhadh.

APPROACH, v. a. et n. 1. Draw near locally: thig am fagus, teann air, thig dlùth. 2. draw near as time: dlùthaich, tarruing am fagus. 3. make progress towards, figuratively: thig dlùth. 4. come near by natural affinity: thig dlùth do, bi cosmhuil ri, bi an dàimh do. 5. draw near personally, contract marriage with: thig dlùth do, an dàimh ceangail-

pòsaidh. 6. bring near to : thoir dlùth do, thoir am fagus do. 7. come near to : thig teann air, thig dlùth do.

APPROACH, s. 1. The act of drawing near; dlùthachadh, teachd am fagus, teannadh. 2. access: slighe, rathad. 3. hostile advance: teachd an aghaidh, teachd air aghart, tabhairt ionnsuidh. 4. means of advancing: meadhon ionnsuidh.

APPROACHABLE, adj. So-ruigsinn.

APPROACHER, s. Fear-teachd am fagus, fear-teannaidh dlùth.

APPROACHMENT, s. Teannadh dlùth, teachd am fagus, dlùthachadh.

APPROBATE, adj. Dearbhtha.

APPROBATION, s. 1. The act of approving: dearbhadh, moladh, ciatfadh. 2. the liking of any thing: tlachd, taitneas. 3. attestation, support: dearbhadh.

APPROBATIVE, adj. Moltach, a' toirt dearbhaidh.

APPROBATORY, adj. Moltach, a' toirt dearbhaidh.

APPROMPT, v. a. Beothaich, dùisg a suas, cuir air aghart.

APPROOF, s. Taitneachd, moladh.

APPROPERATE, v. a. Greas, luathaich, cuir air aghairt.

APPROPINQUATE, v. n. Thig dlùth, thig am fagus, thig am fochair.

APPROPINQUATION, s. Dlùthachadh, teannadh am fagus, teachd teann air làimh.

APPROPINQUE, v. n. See Appropinquate.

APPROPRIABLE, adj. A dh' fhadar a sheilbheachadh.

APPROPRIATE, v. a. 1. Consign to some particular use, or person: cuir air leth air son: thoir seachad mar a chuid. 2. claim, take to himself by an exclusive right: gabh do d' ionnsuidh féin mar do chòir, gabh dhuit féin mar do chuid. 3. make peculiar to something, annex by combination: cuir ri gu h-àraidh, thoir seachad mar a chuid àraidh.

APPROPRIATE, adj. A bhuneas gu sònruichte do neach, no, do ní àraidh, sònruichte.

APPROPRIATE, s. Ní àraidh, no, sònruichte.

APPROPRIATELY, adv. Gu sònruichte, gu freagarrach, gu h-àraidh.

APPROPRIATENESS, s. Freagarrachd.

APPROPRIATION, s. 1. The application of something to a particular purpose: cur gu feum àraidh, sònruichadh air son. 2. the claim of any thing as peculiar: còir àraidh. 3. fixing a particular signification to a word: seadh àraidh.

APPROVEABLE, adj. Cliù-thoilinnneach.

APPROVAL, s. See Approbation.

APPROVANCE, s. See Approbation.

APPROVE, v. a. et n. 1. Like, be pleased: bi toilichte, gabh tlachd. 2. express liking: mol, cliùthaich. 3. prove, shew, justify: dearbh, fireanaich. 4. make worthy of approbation: dean fiùthail, dean airidh. 5. (in law), improve: dean ni's feàrr.

APPROVEMENT, s. 1. Approbation, liking: dearbhadh, toil, moladh, taitneachd. 2. (in law), confession of a crime, and information of accomplices: fianuis-rìgh.

APPROVER, s. 1. He that approves: fear-molaidh. 2. he that makes trial: fear-dearbhadh, fear-deuchainn. 3. (in law), king's evidence: fianuis-rìgh, fear toirt fianuis an aghaidh neach eile a bha ciontach maille ris 's an eucoir, a chum 's gu 'm faigh e féin maitheanas.

APPROXIMANT, adj. A' teachd dlùth, a' teannadh air.

APPROXIMATE, adj. Faisg, dlùth.

APPROXIMATE, v. a. et n. 1. Bring near: thoir am fagus, thoir dlùth. 2. come near: thig am fagus, dlùthaich.

APPROXIMATION, s. 1. Approach to any thing: dlùthachadh, teachd am fagus, faisgeachd. 2. (in science), a continual approach nearer still to the quantity sought: teachd ni's teinne 's ni's teinne, a sìor dhlùthachadh.

APPULSE, s. 1. The act of striking against a thing: bualadh. 2. arrival, landing, resting: bualadh cladaich, socrachadh air tìr.

APPURTENANCE, s. See Appertenance, s.

APPURTENANT, adj. Aig am bheil buintinn ri ni eile, tha ceangailte ri ni eile.

APRICATE, v. n. Grianaich thu féin.

APRICITY, s. Teas na grèine, deàrsadh na grèine.

APRIL, s. An Giblean.

APRON, s. Aparan, brat-aghaidh.

APRONED, adj. Apranaichte, aig caitheamh aparain.

APROPPOS, adv. Dìreach 's an àm, ro fhreagarrach.

APT, adj. 1. Fit: ion-fhreagarrach, iomchuidh. 2. liable to: ullamh, buailteach. 3. inclined to: buailteach, dcònach, togarrach. 4. ready: deas, ealamh. 5. qualified for: freagarrach, deas, uidheamaichte.

APT, v. a. 1. Suit, adapt: dean iomchuidh, dean freagarrach. 2. fit, qualify: deasaich, dean iomchuidh, uidheamaich.

APTABLE, adj. Freagarrach.

APTATE, v. a. Dean freagarrach, dean iomchuidh.

APTITUDE, s. 1. Fitness: freagarrachd, deasachd. 2. tendency: aomadh, buailteachd, claonadh. 3. disposition: aomadh inntinn.

APPLY, adv. See Apt.

APPTNESS, s. 1. Fitness, suitability: freagarrachd iomchuidheachd, deasachd. 2. disposition to any thing: buailteachd, aomadh inntinn. 3. quickness of apprehension: ealambachd, deasachd. 4. tendency of things: freagarrachd, aomadh.

AQUA, s. Uisge.

AQUA-FORTIS, s. Uisge teinntidh, uisge a leaghas gach meiteal ach òr.

AQUA-MARINA, s. A chlach-mara, clach luachmhor air dhath na mara.

AQUATIC, } adj. 1. That which inhabits the wa-
AQUATICAL, } ter: a thig beò 's an uisge. 2. applied to plants which grow in the water: a dh' fhàsas 's an uisge. 3. a water-fowl: eun-uisge. 4. a water-plant: lus-uisge.

AQUATILE, adj. A ghabhas combnuidh 's an uisge, a thig beò 's an uisge.

AQUEDUCT, s. Amar uisge.

AQUEOUS, adj. Uisgidh.

AQUEOUSNESS, *s.* Uisgeachd.
AQUILINE, *adj.* Coltach ri fir-eun. (aqualine nose) sròn chrom.
AQUILON, *s.* A' ghaoth-tuath.
AQUOSE, *adj.* Uisgidh, aig am bheil nadur uisge.
AQUOSITY, *s.* Uisgeachd.
ARAB, *s.* Arabianach, fear a' mhuinntir Arabia.
ARABIAN, *adj.* A bhuineas do dh' Aràbia.
ARABIAN, *s.* Aràbiannach, fear a' mhuinntir Aràbia.
ARABICAL, *adj.* Aràbianach.
ARABLE, *adj.* So-threabhaidh, treabhachail, so-àiteachaidh.
ARATION, *s.* Treabhadh, àiteach, àr.
ARATORY, *adj.* Treabhach.
ARBITER, *s.* 1. A judge appointed by the parties : fear réiteachaidh cùise. 2. one who has the power of decision, a judge : breitheamh.
ARBITER, *v. a.* Thoir breith-réiteachaidh.
ARBITRABLE, *adj.* 1. Arbitrary, depending upon the will : a féir toile. 2. determinable : suidhichte le toil.
ARBITRAMENT, *s.* Féin-toil, dearbh-rùn, roghuinn.
ARBITRARILY, *adv.* See Arbitrary.
ARBITRARINESS, *s.* 1. Despoticalness : aintighearnas. 2. choice : toil, féin-toil.
ARBITRARIOUS, *adj.* 1. Depending upon the will : féin-thoileach, ceannasach. 2. despotic : aintighearnail, borb-smachdail.
ARBITRARIOUSLY, *adv.* See Arbitrarious.
ARBITRARY, *adj.* 1. Despotic, absolute : aintighearnail borb-smachdail, féin-thoileach, ceannasach. 2. depending on no rule, capricious : féin-thoileach, neo-shuidhichte, neo-bhunaiteach, iomluath. 3. holden at will or pleasure : neo-shuidhichte, aig toil neach eile. 4. voluntary, or left to our choice : féin-thoileach, neo-bhacta.
ARBITRATE, *v. a.* 1. Decide, determine : thoir breith-réiteachaidh. 2. judge of : thoir breith air cùis.
ARBITRATE, *v. n.* Thoir breith, suidh am breith.
ARBITRATION, *s.* Breith-réite, breitheanas.
ARBITRATOR, *s.* 1. An extraordinary judge between party and party chosen by their mutual consent : fear-réiteachaidh, breitheamh, fear-còrdaidh. 2. a governor, a president : uachdaran, breitheamh. 3. he that has the power of prescribing to others with out limit or controul : àrd-uachdaran, ceannard, maighstir, fear a ñi 'àilghios. 4. the determiner : fear-suidheachaidh.
ARBITRATRIX, *s.* Ban-bhreitheimh, ban-maighstir.
ARBITREMENT, *s.* 1. Decision, determination : rùn-suidhichte, breith. 2. compromise : cùmhnant-còrdaidh.
ARBITRESS, *s.* 1. (in the Latin sense), a witness : fianuis. 2. a female arbiter or judge : ban-bhrcitheamh.
ARBORARY, *adj.* Craobhach.
ARBORATOR, *s.* Fear-suidheachaidh chraobh ; gàrad-air.
ARBOREOUS, *adj.* See Arborary.
ARBORET, *s.* Craobhag, preas.

ARBORESCENT, *adj.* A craobh-fhàs, a' cinntinn mar chraoibh.
ARBORICAL, *adj.* Craobhach, a bhuineas do chraobh-aibh.
ARBORIST, *s.* Fear eòlach mu chraobhan, craobh ollamh.
ARBOROUS, *s.* Craobhach, a bhuineas do chraoibh.
ARBOUR, *s.* Suidheagan fuidh dhubhar chraobh, sgàilean duilleagach, sgàil-bhothan.
ARBUSCLE, *s.* Preasan.
ARBUTE, *s.* Preas-shùbhag.
ARC, *s.* 1. A segment, a part of a circle : roinn do chuairt, bogha. 2. an arch : bogha, cuairt-chlach-aireachd.
ARCADE, *s.* 1. A continued arch : bogha fada, gnàbhogha, sràid fuidh bhogha. 2. a small arch within a building : bogha beag.
ARCANE, *adj.* Dìomhair.
ARCANUM, *s.* (Focal Laidinn), dìomhaireachd, rùn-dìomhair.
ARCH, *s.* Roinn-cuairt, bogha.
ARCH, *v. a.* 1. Build arches : tog mar bhogha drochaide, crom, dean crom-thogail. 2. form into arches : tog mar bhogha drochaide, dean crom-thogail.
ARCH, *adj.* 1. Chief : prìomh, àrd, air thoiseach. 2. waggish, mirthful : cleasanta, àbhachdach, sunndach.
ARCHANGEL, *s.* 1. One of the highest order of angels : àrd-aingeal. 2. the name of a plant : an deanntag mharbh.
ARCHANGELIC, *adj.* Àrd-aingealach, a bhuineas do dh-àrd-aingeal.
ARCHAPOSTLE, *s.* Àrd-abstol.
ARCHARCHITECT, *s.* Àrd-fhear-togail.
ARCHBISHOP, *s.* Àrd-easbuig.
ARCHBISHOPRICK, *s.* Inbhe àrd-casbuig, uachdranachd àrd-easbuig, àrd-easbuigeachd.
ARCHBUILDER, *s.* Àrd-fhear togail, àrd-chlachair.
ARCHCONSPIRATOR, *s.* Àrd-fhear-àir-a-mach, àrd-fhear-ceannaich.
ARCHDIVINE, *s.* Àrd-dhiadhair.
ARCH-ENEMY, *s.* Àrd-nàmhaid, an diabhol.
ARCH-ENEMY, *s.* An t-àrd-dhroch-Spiorad, am prìomh dhroch-Spiorad.
ARCH-GOVERNOR, *s.* Àrd-fhear-riaghlaidh.
ARCH-HYPOCRITE, *s.* Fìor-chealgair.
ARCH-MAGICIAN, *s.* Àrd-dhruidh.
ARCH-PASTOR, *s.* Àrd-bhuachail.
ARCHPRELATE, *s.* Àrd-casbuig, àrd-uachdaran 's an eaglais.
ARCHED, *adj.* Crom, air chumadh bogha.
ARCHER, *s.* Boghadair, fear-bogha, saighead-fhear.
ARCHERESS, *s.* Ban-bhoghadair.
ARCHERY, *s.* 1. The use of the bow : boghadair-eachd. 2. the act of shooting with the bow : cuspaireachd le bogha-saighde. 3. the art of an archer : boghadair-eachd.
ARCHETYPE, *s.* Prìomh-shamhladh, cùis an t-samhlaidh.
ARCHETYPAL, *adj.* Prìomh-shamhlachail
ARCHICAL, *adj.* Prìomh, àrd.

ARCHITECT, *s.* 1. A professor of the art of building : fear-teagaisg aitreabh a thogail, àrd-chlach-air. 2. the contriver of a building, a builder : àrd-chlachair, fear-tarruing cumadh thighean. 3. the contriver, or former of any compound body : fear-deilbh, fear-cumaidh. 4. the contriver of any thing : fear-deilbh, fear suidheachaidh.

ARCHITECTURE, *s.* 1. The art, or science of building : àrd-chlachaireachd, eòlas togail-aitreabh. 2. the effect of the science of building : clachaireachd, togail-aitreabh.

ARCHIVES, *s.* Tasg-thigh shean sgrìobhaidhean, is chòraichean.

ARCHLY, *adv.* Gu h-àbhachdach, gu sunndach.

ARCHNESS, *s.* Géiread, tapachd.

ARCUTION, *s.* 1. The act of bending any thing : cromadh, lùbadh mar bhogha. 2. curvity : lùb, cromadh.

ARDENCY, *s.* 1. Ardour, eagerness : dian-thogradh teas-ghràdh. 2. heat : blàthas, teas.

ARDENT, *adj.* 1. Hot, burning, fiery : teth, loisgeach, teinnteach. 2. fierce, vehement : bras, garg, teinnteach, àrd-inntinnach. 3. passionate, affectionate : teas-ghradhach, dian-thogarrach, ro-dhéigheil, càirdeil.

ARDENTLY, *adv.* See Ardent.

ARDENTNESS, *s.* See Ardency.

ARDOUR, *s.* 1. Heat : blàthas, teas. 2. heat of affection : teas-gràdh, dùrachd mhaith. 3. the person ardent, or bright : fear deàrsach, fear boillsgeach.

ARDUITY, *s.* Àirde, cruaidh-chùis, doirbheachd.

ARDUOUS, *adj.* 1. Lofty, hard to climb : àrd, cas. 2. difficult : duilich, cruaidh deacair, neo-fhurasda.

ARDUOUSNESS, *s.* Àirde, duilichead, cruaidh-chas.

ARE, *v.* (3. *p. plur. pr. tense*) Tha iad.

AREA, *s.* 1. The surface contained between any lines, or boundaries : raon, ionad eadar dha lann, magh. 2. any open surface, as the floor of a room, &c. : ionaid fosgailte, urlar, àite réidh.

AREFACTION, *s.* Tiormachd, tiormachadh.

AREFY, *v. a.* Dean tioram, tiormaich.

ARENA, *s.* Ionad còmhraig.

ARENACEOUS, *adj.* Gainmheineach.

AREOPAGUS, *s.* Arcopagus, àrd-chuirt na h-Aithne.

ARGENT, *adj.* Airgiodach, soilleir mar airgiod.

ARGENTRY, *s.* Soithichean airgid, uidheam bùird do dh'airgiod.

ARGIL, *s.* Criadh-gheal, criadh-chriadhadair.

ARGILLACEOUS, *adj.* Criadhach, mar chriadh-chriadhadair.

ARGILLOUS, *adj.* Criadhach, làn criadha.

ARGUE, *v. a. et n.* 1. Reason, offer reasons : reusaich thoir reusain. 2. dispute : connsaich, dean deasboireachd, tagair an aghaidh. 3. prove any thing by argument : dearbh, còmhdaich le argumaid, dean a mach. 4. debate any question : dean deasboireachd, tagair an aghaidh. 5. prove as an argument : dearbh le argumaid, còmhdaich, dean a mach. 6. charge with, as a crime : dit, thoir

gu dìteadh. 7. prove by appearance : dearbh le coltas, thoir gnùis-bhreith.

ARGUER, *s.* Fear-reusanaichidh, deasboir, fear-tagraidh, fear-ditidh.

ARGUING, *s.* Argumaid, reusanachadh, deasboireachd.

ARGUMENT, *s.* 1. A reason alleged for, or against any thing : reuson, argumaid. 2. the subject of any discourse or writing : argumaid, ceann-aobhair, cùis-thagraidh. 3. the contents of any work summed up by way of extract : brìgh-sgrìobhadh. 4. a controversy : argumaid, connsachadh, deasboireachd.

ARGUMENT, *v. n.* Reusaich, leudaich le argumaid.

ARGUMENTAL, *adj.* Argumaid each, agarrach.

ARGUMENTATION, *s.* Reusanachadh, deasboireachd.

ARGUMENTATIVE, *adj.* 1. Consisting of argument : argumaid each, reusonta, deagh-thagarrach. 2. disputatious : connspoideach, deasboireach.

ARGUMENTATIVELY, *adv.* See Argumentative.

ARGUMENTIZE, *v. n.* Reusaich, dean deasboireachd, connsaich, tagair an aghaidh.

ARGUTE, *adj.* 1. Subtle, witty, sharp : seòlta, carach, geur, beur. 2. shrill : caol-ghuthach, sgreadach.

ARGUTENESS, *s.* Géiread, carachd, beurachd.

ARID, *adj.* 1. Dry, parched up : tioram, tartmhor, loisgte. 2. dry, cold, pedantic : tioram, fuaranach, fada thall.

ARIDITY, *s.* 1. Dryness, siccity : tiormachd, tartmhorachd. 2. insensibility in devotion : cruas-cridhe, fuar-chràbhachd.

ARIGHT, *adv.* 1. Rightly, without mental error : gu ceart, gun mhearachd. 2. without crime : gun chion, gun lochd. 3. without failing of the end designed : gu ceart, gu h-ìomchuidh, gu coimhlionta.

ARIOLATION, *s.* Fiosachd, feall-fhàisneachd.

ARISE, *v. n.* 1. Mount upward, as the sun : éirich, éirich suas, dìrich an àird. 2. get up as from sleep : éirich suas, bi air do chois, mosgail. 3. come into view, as from obscurity : éirich suas, thig am fradbarc. 4. revive from death : éirich ath-bheothaich. 5. proceed, or have its original : éirich, theirig air d'adhart. 6. enter upon a new station : éirich, gabh seilbh. 7. commence hostility : cas ris, éirich an aghaidh.

ARITHMETIC, *s.* Cùntas, eòlas àireamh, àireamhachd.

ARITHMETICAL, *adj.* Àireamhach, a bhuingas do dh-eòlas àireamh.

ARITHMETICALLY, *adv.* See Arithmetical.

ARK, *s.* 1. A vessel to swim upon the water : àirc, long. 2. the repository of the covenant of God with the Jews : àirc, àirc a' choimh-cheangail.

ARM, *s.* 1. The limb which reaches from the hand to the shoulder : gàirdean. 2. the bough of a tree : meangan, meanglan, meur. 3. an inlet of water from the sea : loch, frith-mhuir. 4. power, might : gàirdean, cumhachd, neart.

ARM, *v. a.* 1. Furnish with armour of defence : armaich, cuir ort d'airm, rach 'n ad armachd. 2.

- plate with any thing that may add strength : arm-
aich, còmhdaich le armachd. 3. furnish, fit up :
cuir fuidh armachd, sgeadaich le airm, theirig an
culaidh chòmhraig. 4. provide against : deasaich
air son còmhraig, uidbeamaich le armachd, ullaich
air son catha.
- ARMADA**, *s.* Loingeas-chogaidh, cabhlach-chogaidh,
feachd-mara.
- ARMAMENT**, *s.* Feachd-mara, no tìre, feachd-cogaidh.
- ARMATURE**, *s.* 1. Armour, something to defend the
body from hurt : armachd, coinhdach-dìona. 2. of-
fensive weapons : airm.
- ARMENIAN-STONE**, *s.* Clach ghorm Armhenia.
- ARMENTAL**, } *adj.* Treudach, greigheach.
ARMENTINE, }
- ARMENTOSE**, *adj.* Treudach, greigheach.
- ARMFUL**, *s.* Làn na h-achlais, achlasan.
- ARM-HOLE**, *s.* Achlais, lag na h-achlais, asgal.
- ARMIGEROUS**, *adj.* Armaichte, armach.
- ARMILLARY**, *adj.* Usgaireach, fàinneach.
- ARMINIAN**, *s.* Arminianach, fear-leanmhuinn theag-
aisg Arminius. fear-àicheidh peacaidh-gin agus
roimh-òrduchadh nan daoine taghta.
- ARMIPOTENT**, *adj.* Buadhach, treun-lamhach.
- ARMISTICE**, *s.* Sìth ghoirid, fosadh-còmhraig ein-
each.
- ARMLESS**, *adj.* 1. Without an arm : as eugmhais
gàrdein, a dh'easbhuidh làimhe. 2. without weap-
ons or arms : neo-armachte, neo-armach.
- ARMLET**, *s.* 1. A little arm : meanbh-ghàirdean.
2. (of the sea) : bàghan, bàghan-mara. 3. a piece
of armour for the arm : dìon-arm gàrdein. 4. a
bracelet for the arm : làmh-fhail.
- ARMORER**, *s.* See Armourer.
- ARMORIAL**, *adj.* 1. Belonging to the arms, or es-
cutcheon of a family : suaicheantach. 2. armorial
bearings : gearradh arm, no, suaicbeantas. 3. be-
longing to armour : armach.
- ARMORY**, *s.* See Armoury.
- ARMOUR**, *s.* Armachd, airm-dhìon, airm-chogaidh.
- ARMOUR-BEARER**, *s.* Fear-iomchair arm, arm-ghille,
gille mòr.
- ARMOURER**, *s.* 1. He that makes armour or weap-
ons : gobhann-arm, fear-dhèanaimh arm, arm-
cheard. 2. he that dresses another in armour :
fear-éididh arm, armaiche.
- ARMOURY**, *s.* 1. The place in which arms are kept :
tigh-arm, arm-lann, tigh-tasgaidh nan arm. 2. ar-
mour : armachd. 3. ensigns armorial : suaich-
eantas.
- ARM-PIT**, *s.* Lag na h-achlais, achlais.
- ARMS**, *s.* 1. Weapons of defence, or offence : arm-
achd, airm-dhìona, airm-chogaidh, beart-chogaidh.
2. a state of hostility : cogadh, fuidh arm. Our
enemies are in arms : tha ar nàimhdean fuidh 'n
armaibh. 3. war, in quarrel : cogadh. 4. action,
taking arms : armachadh. 5. ensigns armorial of a
family : suaicheantas, gearradh-arm.
- ARMY**, *s.* 1. A collection of armed men : armailt,
feachd, sluagh-cogaidh, buidheann-chatha. 2. a
great number : armailt, neart. 3. an army of
words : neart bhriathar.
- AROINT**, *adv.* See Aroynt.
- AROMATIC**, } *adj.* Deadh-bholtrach, cùbhraidh.
AROMATICAL, }
- AROMATICS**, *s.* Spìsrean, nithe deadh-bholtrach.
- AROMATIZE**, *v. a.* 1. Scent with spices : spìsrìch,
coimeasg le spìsrìbh. 2. scent, perfume : dean
cùbhraidh, dean deadh-bholtrach.
- AROSE**, *v.* See Arise.
- AROUND**, *adv.* 1. In a circle : gu cuairteil, an
cuairt. 2. on every side : mu 'n cuairt, air gach
taobh.
- AROUND**, *prep.* Ceithir thimchioll, mu 'n cuairt air,
mu 'n cuairt do.
- AROUSE**, *v. a.* 1. Wake from sleep : dùisg, gluais
suas, tog. 2. raise up, excite : brosnuich, cuir
chuige, beothaich.
- AROW**, *adv.* 1. In a row, with the breasts all bear-
ing against the same line : ann an sreath, gu dìr-
each. 2. successively, in order, one after another :
an déigh a chéile, gu sreathail.
- AROYNT**, *adv.* Romhad, gabh romhad, thoir thu féin
as.
- ARRAIGN**, *v. a.* 1. Set a thing in order : deasaich
cùis, cuir an òrdugh, cuir air seòl. 2. arraign a
prisoner : thoir an làthair. 3. accuse, charge with
faults in general : coirich, dìt, faigh cron do, cuir
cron á leth, casaidich.
- ARRAIGNMENT**, *s.* Coireachadh, dìteadh, casaid, cas-
aideachadh.
- ARRANGE**, *v. a.* 1. Put in the proper order : cuir
an uighim, cuir an òrdugh, réitich, uighimich,
cuir air ghleus, deasaich. 2. (*n.*) arrange with :
dean réite ri, còrd ri.
- ARRANGEMENT**, *s.* Réiteachadh, uighimeachadh,
cur air ghleus, deasachadh.
- ARRANGER**, *s.* Fear-réiteachaidh, fear-uighimeach-
aidh, fear-deasachaidh.
- ARRANT**, *adj.* Ro-ole, dona, ro-dhona. An arrant
knave : fìor chrochair. An arrant coward : dearbh-
chladhair, fìor ghealtair. An arrant fool : dearbh
amadán.
- ARRANTLY**, *adv.* See Arrant.
- ARRAS**, *s.* Obair-ghréis, eudach ghréis-oibre.
- ARRAY**, *s.* 1. Order, chiefly of war : riaghailt, uidh-
eam, òrdugh, òrdugh-catha, òrdugh-blàire. 2.
dress : uidheam, deasachadh, éideadh.
- ARRAY**, *v. a.* 1. Put in order : cuir an òrdugh, cuir
an riaghailt, tarruing suas. 2. deck, dress, adorn
the person : sgeadaich, grinnich, sgiamhaich.
- ARRAYER**, *s.* Fear réiteachaidh.
- ARREAR**, *adv.* Air deireadh, an déigh làimh.
- ARREAR**, *s.* 1. What remains unpaid though due :
cùl-fhiach, ain-fhiach, fiachan gun dìoladh, iarmad
fhiachan. 2. the rear. See Rear, *s.*
- ARREPTITIOUS**, *adj.* 1. Snatched away : air a bhuin-
tinn air falbh, sguabta air falbh. 2. crept in pri-
vily : a shnàig a stigh os ìosal. 3. mad : air boile,
air a' chuthach.
- ARREST**, *s.* 1. (in law) : sàradh, grabadh, bacadh.
2. any caption, seizure of the person : glacadh,
bacadh, stad, cuir an làimh. 3. a stop : stad, bacadh.
- ARREST**, *v. a.* 1. Seize by mandate from a court,

or officer of justice : glac, cuir an làimh, cuir an sàs, cuir sàradh air. 2. seize any thing by law : cuir sàradh air, dean greim laghail air. 3. seize, lay hands on, detain by power : dean greim air, cuir an sàs, bac. 4. withhold, hinder : bac, grab, cuir dàil, cuir stad air. 5. stop motion : stad, cuir stad air, bac. 6. obstruct, stop : cum bacadh air, bac, druid, na ceadaieil.

ARRIDE, *v. a.* 1. Laugh at : dean gàire ri, dean fochaid air, mag, dean magadh air. 2. smile : dean gàire, dean fèith-ghàire. 3. See Delight, *v.*

ARRISION, *s.* Gearn-gàire, fiamh-ghàire.

ARRIVAL, *s.* Tighinn, teachd, ruigsinn, ruigheachd.

ARRIVANCE, *s.* Teaclid-buidhne.

ARRIVE, *v. n.* 1. Come to any place by water : gabh tìr, ruig tìr, rach air tìr, thig air tìr. 2. reach any place by travelling : thig gu, ruig. 3. reach any point : ruig. 4. gain any thing by progressive approach : thoir a mach, buanaich. 5. happen to : tachair, tuit do.

ARRODE, *v. a.* Cagain, cnàmh-chagain.

ARROGANCE, } *s.* Ladarnas, an-dànas, uaill, uabh-
ARROGANCY, } ar, ceannardas, féin-spéis, ceannas, àrdan.

ARROGANT, *adj.* Ladarna, an-dàna, uabharach, féin-spéiseil, ceannasach, àrdanach.

ARROGANTLY, *adv.* See Arrogant.

ARROGANTNESS. See Arrogance.

ARROGATE, *v. a.* Gabh ort gu h-an-dàna, gu ceannasach, tagair gun chòir, tagair gun toilltinneas, gabh gun chòir.

ARROGATION, *s.* Gabhail gu h-an-dàna, gu ceannasach, tagradh gun chòir, gun toilltinneas.

ARROGATIVE, *adj.* A ghabhas air féin gu h-an-dàna, a thagras gun chòir, a bheir ionnsuidh cheannasach.

ARROSION, *s.* Cnàmh, cagnadh, cnàmh-chagnadh.

ARROW, *s.* Saighead, guin, guineach.

ARROWY, *adj.* 1. Consisting of arrows : saigheadach, saighdeach. 2. formed like an arrow : mar shaighead, air chumadh saighead, guineach.

ARSE, *s.* Tòn, màs, màsan. Hang an arse : dean maille, dean màirneal.

ARSE-FOOT, *s.* Spàg-an-tòn, eun-uisge àraidh.

ARSENAL, *s.* Arm-lann, tigh-tasgaidh inneal-chogaidh.

ARSMART, *s.* Lus-an-fhògraidh.

ART, *s.* 1. Power of doing something not taught by nature : eòlas, sèol, innleachd. 2. a science : caldhain, ealain. 3. a trade : ceàird. 4. artfulness, skill, dexterity : seòltachd, eòlas, ealantachd, ealantas. 5. cunning : cuilbheart, cuilbheartachd. 6. speculation : beachd, eòlas-cinn. 7. the manner of doing a thing rightly : seòl, alt, dòigh.

ARTERIAL, *adj.* Cuisleach, cuisleachail.

ARTERY, *s.* Cuisle, cuisle mhòr.

ARTFUL, *adj.* 1. Perfomed with art : innleachdach, seòlta, calanta. 2. artificial, not natural : innleachdach, le h-innleachd. 3. cunning : innleachdach, cuilbheartach, carach. 4. Skilful, dexterous : seòlta, calanta, eòlach, teòma, deas.

ARTFULLY, *adv.* See Artful.

ARTFULNESS, *s.* 1. Skill : calantachd, seòltachd, innleachd. 2. cunning : cuilbheartachd.

ARTHRITIS, *s.* Tinneas nan alt.

ARTICHOKE, *s.* Farusgag.

ARTICLE, *s.* 1. A part of speech : mion-fhocal. 2. a single clause of an account : earrann-cunntais, earrann air leth ann an cunntas. 3. a particular part of any complex thing : earran air leth de ìnthibh coimeasgta. 4. terms, stipulations : cumha, pone, ceann. 5. point of time, exact time : ponc, uair, àm.

ARTICLE, *v. a. et n.* 1. Draw up in particular articles : cùmhnantaich, cuir gu dòigh einn-ehùmhnaint, réitich, suidhich, dean suas cunntas, so-cruich cunntas. 2. stipulate, make terms : còrd ri, suidhich, ceangail.

ARTICULAR, *adj.* Altach.

ARTICULATE, *adj.* 1. Distinct, divided into its proper parts : poneail, soilleir, réidh, so-thuigsinn. 2. belonging to the joints : a bhuineas do altaibh a' chuirp.

ARTICULATE, *v. a. et n.* 1. Form words, utter distinct syllables : abair gu soilleir, gu réidh, gu poneail. 2. draw up articles : réitich, dean cumbhachan. 3. make terms, treat : dean cumbhachan ri. 4. joint : altaich, alp. 5. *n.* speak distinctly : abair gu réidh, gu soilleir.

ARTICULATELY, *adv.* See Articulate.

ARTICULATENESS, *s.* Poncalachd, altmhorachd.

ARTICULATION, *s.* 1. Juncture, or joint of bones : ceangal nan alt 's nan cnàmh, alt-cheangal. 2. act of forming words : alt-labhairt, pong-labhairt.

ARTIFICE, *s.* 1. Trick, fraud, stratagem : ear, cuilbheart, do-bheart, ceilg. 2. art, trade, skill obtained by science, or practice : innleachd, eòlas, ealantachd, teòmachd, ceàird.

ARTIFICER, *s.* 1. One by whom any thing is made : fear-éirde, fear-cumaidh, fear-deilbhe. 2. a forger, a contriver : fear-do-bheirt, fear-cuilbheirt, fear-as-innleachd, cealgair. 3. a dexterous, or artful fellow : fear-innleachdach, fear teòma.

ARTIFICIAL, *adj.* 1. Made by art, not natural : innleachdach, dealbta, eumta. 2. fictitious, not genuine : meallta. 3. artful, contrived with skill : calanta, innealta, grinn. 4. cunning : carach, cuilbheartach, do-bheartach.

ARTIFICIALITY, *s.* Innleachdas, innealtachd.

ARTIFICIALLY, *adv.* See Artificial.

ARTILLERY, *s.* 1. Weapons of war : innealan-cogaidh, uidheam-chogaidh. 2. cannon, great ordnance : gunnaehan mòra.

ARTISAN, *s.* 1. An artist : fear-céirde. 2. a manufacturer, a low tradesman : fear-oibre.

ARTIST, *s.* 1. A professor of an art manual : fear-làimh-chéirde. 2. a skilful man, not a novice : fear eòlach, fear teòma, fear-innleachd.

ARTLESS, *adj.* 1. Unskilful : aineolach, mi-sheòlta, mi-theòma, neo-ealanta. 2. void of fraud : saor, gun cheilg, gun innleachd, gun do-bheart, fosgailte, simplidh. 3. contrived without skill : neo-ghrinn, cearbach.

ARTLESSLY, *adv.* See Artless.
ARTLESSNESS, *s.* Neo-sheòltachd, neo-theòmachd, neo-chealgachd, simplidheachd.
ARTSMAN, *s.* See Artificer.
ARUNDINACEOUS, *adj.* Cuilceach, mar chuilce.
ARUNDINEOUS, *adj.* Cuilceach, làn-cuilce.
ARUSPEX, *s.* Fiosaiche, fear-fàisneachd.
ARUSPICE, *s.* See Aruspex.
As, *conj.* 1. In the same manner with something else: mar, amhuil, amhuil mar. 2. in the manner that: mar. 3. that, in a consequential sense: gu, is gu, 's gu 'n do, air chor 's gu. 4. in the state of another: mar, an àite. Were I as you, I'd take her counsel: na 'm bithinn 'n a d' àite, ghabhainn a comhairle. 5. under a particular consideration, with a particular respect: mar, a thaobh gur. As thou art but a man, I dare; but as thou art a prince, I fear thee: mar is duine thu, 's dàna lean; ach a thaobh gur prionnsa thu, 's eagal lean thu. 6. like, of the same kind with: mar, amhuil, amhluidh. 7. in the same degree with: mar, cho ri, ris. Red as crimson: dearg mar an corcur. The one is as wise, as the other: tha an dara neach cho glic ris an neach eile. 8. as if, according to the manner that would be if: mar gu, mar gu b' ann, mar gu 'm bitheadh. 9. according to what: mar, mar a. 10. as it were, in some sort: mar, mar gu. 11. while at the same time that: mar, mar a, 'n uair. 12. because: oir, a thaobh. 13. because it is, because they are: air son gur, a thaobh gur. 14. equally: ionann, a choimhlion agus. 15. how, in what manner: mar, a féir mar. 16. with, answering to *like*, or *same*: mar, agus. On the same errand with yourself: air a' ghnòthuch cheudna 's a tha thu féin. 17. in a reciprocal sense, answering to *as*: agus. As far as I can: cho fad agus is urradh mi. 18. going before *as*, in a comparative sense, the first *as*, being sometimes understood: mar. Bright as the sun, and like the morning fair: dealrach mar a' ghrian, 's mar a' mhaduinn sèimh. 19. answering to *such*: agus, 's. Such a one as would benefit me. Leithid a' dhuine 's a dheanadh maith dhomh. 20. having *so* to answer it in a conditional sense: cho, a féir agus, a féir mar. 21. answering to *so* conditionally: mar, a féir mar. 22. redundant, before yet, *i. e.* as yet: fathast, gu so, gus a nis. 23. in a sense of comparison, followed by *so*: mar, a féir mar, amhuil mar. 24. *i. e. as for*: air son, air son dheth. *As for* the rest, they deserve no notice: air son chàich dheth, cha 'n fhiùgh iad aire (thoirt dhoibh.) 25. *i. e. as to*, with respect to: a thaobh, mu dhéighinn. 26. *i. e. as well as*: cho maith ri. 27. *i. e. as though*, as if: mar gu. 28. *as, i. e.* while, whilst: 'n uair. As I drew near: 'n uair theann mi am fagus; air dhomh teannadh am fagus.
ASBESTINE, *adj.* Neo-loisgeach.
ASCEND, *v. a. et n.* 1. Climb up any thing: dir, dirich, sreap. 2. move upwards, mount, rise: tog ri, rach suas, gabh suas, éirich. 3. proceed from one degree of good to another: rach air t' aghaidh,

thig air aghaidh. 4. stand higher in genealogy: bi os ceann, bi ni 's fagus do 'n phrìomh-cheann.
ASCENDANT, *s.* 1. Height, elevation: àirde. 2. superiority, influence: uachdranachd, làmh an uachdar, ceannardachd. 3. the person having influence or superiority: uachdaran, fear-uachdranachd.
ASCENDANT, *adj.* 1. Superior, predominant, overpowering: an uachdar, uachdrach, uachdranach, uabhrachail, ainneartach, ain-tighearnail, an-ìochdmhor. 2. (in astrology), above the horizon: 's an t-sealladh, 's an radharc.
ASCENDENCY, *s.* Cumhachd, uachdranachd, smachd.
ASCENSION, *s.* 1. Act of ascending, or rising: dìreachd, dol suas, éirigh an àird. 2. the thing rising, or mounting: an ni a dhìreas, no théid suas.
ASCENSION, *s.* (in astronomy): ascnadh. Right ascension: ascnadh dìreach. Oblique ascension: ascnadh claon.
ASCENSION-DAY, *s.* Latha dol suas ar Slànuighir, naomh dhiarúaoine.
ASCENT, *s.* 1. Rise, act of rising, or mounting: éirigh, dol suas, dìreachd. 2. the way by which one ascends: rathad-dìridh, slighe dhol suas. 3. an eminence, or high place: bruthach, uchdach, aonach, àirde.
ASCERTAIN, *v. a.* 1. Make certain, fix, establish: dean cinnteach, dearbh, cinntich, socruich, suidhich. 2. discover, find out: faigh a mach, faigh fios, fiosraich. 3. make confident, take away doubt: thoir cinnteachas, faigh cinnteachas, cuir á teagamh.
ASCERTAINABLE, *adj.* So-dhearbta, so-fhiosraichte.
ASCERTAINER, *s.* Fear-dearbhadh, fear-còmhdaichaidh, fear-fiosrachaidh.
ASCERTAINMENT, *s.* Riaghailt shuidhichte, riaghailt ghnàthaichte.
ASCETIC, *adj.* Iom-chràbhach, cruaidh-chràbhach, uaigneach, ri gnàth-chràbhadh.
ASCETIC, *s.* Fear-fàisich, fear iom-chràbhaidh, aonaran iom-chràbhach.
 BACCHANAL, *adj.* Misgeach, geòcach, neo-mheas-arra.
 BACCHANAL, s. Misgear, fear-daoruich.
 BACCHANALIAN, s. Misgear, misgear tuaireapach, fear-daoraich.
 BACCHANALIAN, *adj.* Misgeach, geòcach, neo-mheas-arra.
 BACCHANALS, s. Fleadh mhisgeach, meisge, coisir mhisgear.
 BACCIFEROUS, *adj.* Dearcagach, dearcach, a ghiùl-aineas dearcagan, no bagaidean dhearcag.
 BACCHIAN, } *adj.* Misgeach, sìor-mhisgeach.
 BACCHANTE, }
 BACCHIC, } *adj.* See Bacchanalian.
 BACCHICAL, }
 BACCIFEROUS, *adj.* A dh'itheas dearcagan, a thig beò air dearcagan.
 BACHELOR, s. Seana-ghille, bodach-fleasgaich, bod-achan-fleasgaich, fear gun bhean.
 BACHELORSHIP, s. Sean-ghilleachd, sean-fhleasg-achas.
 BACK, s. 1. The hinder part of the body: cùl, cùl-

thaobh, cùlaobh. 2. the outer part of the hand when shut: cùl an dùirn. 3. the outward part of the body, that which requires clothes, opposed to belly: druim, croit. 4. the rear, opposed to the van: cùlaobh, deireadh, cùl. 5. the place behind: cùl, cùlaobh. 6. the part of any thing out of sight: cùl. 7. the thick part of any tool: cùl, cùlaobh. 8. a large vessel used by brewers. See Vat. Turn the back, go away: cuir cùl ri, falbh. Take on your back: gabh air do dlruim, gabh air do mhuin. Behind you: air do chùl.

BACK, adv. 1. To the place from which one came: air ais. 2. backward: air ais, an coinneamh a chùil. 3. behind, not coming forward: air ais, air deireadh. 4. towards things past: air ais. 5. again, in return: air ais, a rìs. 6. again, a second time: a rìs, air ais.

BACK, v. a. 1. Mount on the back of a horse: theilig air muin, suidh air, marcaich. 2. break a horse, train him to bear upon his back: cionnsaich, bris. 3. place upon the back: cuir air muin, tog air muin. 4. maintain, strengthen, support, defend: seas, cuir le, dìon, tagair, neartaich, cum taic ri, dean taic ri, cuidich, cuidich le. 5. justify, support: dìon, mol, seas. 6. second: cuir leis, cuir le.

BACKBITE, v. a. Cùl-chàin, tog tuaileas air.

BACKBITER, s. Fear cùl-chàinidh, fear-tuaileis.

BACKBITING, s. Cùl-chàineadh, tuaileas.

BACKBITINGLY, adv. Gu cùl-chàineach, gu tuaileasach.

BACK-BONE, s. Cnàimh-an-droma, cnàimh-droma.

BACKDOOR, s. Dorus cùil.

BACKED, adj. Aig am bheil druim, dromanach, dronagach.

BACKFRIEND, s. Mealltair, feall-charaid.

BACKGAMMON, s. Tàileasg, cluich-thàileasg.

BACKHOUSE, s. Tigh-cùil, cùl-tigh.

BACKPIECE, s. Cùl-armachd, éideadh-droma.

BACKROOM, s. Seòmar-cùil, cùl-sheòmar.

BACKSET, adj. Cùl-bhuailte, cùl-chuairtiche.

BACKSIDE, s. 1. Hinder part of any thing: leth-deiridh, taobh-cùil, cùlaobh. 2. the hind part of an animal: leth-deiridh. 3. the yard, or ground behind a house: gàradh-cùil, clobhsa-cùil. 4. (of the body): tòn, leth-deiridh.

BACKSLIDE, v. n. Cùl-sleamhnaich, tuit air t' ais.

BACKSLIDER, s. Fear-cùl-sleamhnaidh, cùl-shleamhnuiche.

BACKSLIDING, s. Cùl-sleamhnachadh, tuiteam air ais.

BACKSTAIRS, s. Cùl-staidhir, frith-staidhir.

BACKSTAY, s. Stadh-cùil, bàll-chùl-aodaich.

BACKSWORD, s. Claidheamh-cùil, claidheamh aoin fhaobhair.

BACKWARD, } adv. 1. With the back forwards: **BACKWARDS, }** an coinneamh a chùil. 2. towards the back: an coinneamh a' chùil, gu chùl, gu cùl. 3. on the back: air muin, air druim. 4. from the present station to the place beyond the back: air ais, an comhair a chùil, gu cùl, thar a' chùl. 5. regressively: air ais. 6. towards something past: air ais. 7. reflexively: air féin, air ais air féin,

air ais. 8. from a better to a worse state: air'ais, am measad, an donad. 9. past, in time past: seach, an àm a chaidh seachad. 10. perversely: air mhearachd.

BACKWARD, adj. 1. Unwillingly, averse: neo-thoil-each, aindeonach, aindeonach air. 2. hesitating: teagamhach, a' cur an agadh, a chuireas an aghaidh, agail. 3. sluggish, dilatory: màirnealach, mall, leasg, trom. 4. dull, not quick or apprehensive: trom, trom-thuigsach, trom-cheannach. 5. late, coming after something else: deireannach, air dheireadh.

BACKWARD, s. (poet.) An àm o shean, an àm a thréig.

BACKWARDLY, adv. See Backward, adj.

BACKWARDNESS, s. 1. Unwillingness: neo-thoil, aindeoin. 2. hesitation: ag, agadh, agalachd. 3. sluggishness: màirnealachd, moille, leisgeachd. 4. dullness: truimeadas, trom-cheannachd. 5. lateness: deireannachd. 6. slowness of progression, tardiness: maille, fadalachd.

BACKWOUND, v. a. Cùl-lot, cùl-bhuail.

BACON, s. 1. Flesh of a hog salted and dried: muic-fheoil chrochta, muic-fheoil-chruaidh-shaillte, muic-fheoil-thiormaichte. 2. the animal itself: muc, torc. 3. save the bacon: bi air t' fhaicill, thoir aire dhuit féin.

BACULOMETRY, s. Seòl tombais le maide, no le bat-aibh.

BAD, adj. 1. Ill, not good, in a general sense: olc, dona, droch. 2. vicious, corrupt: aingidh, coirbte, dona, crosda, olc. 3. unfortunate, unhappy: bochd, àmhgharach, truagh, gann-fhortanach. 4. hurtful, unwholesome, pernicious, mischievous: cronail, ciùrtach, ciùrrail, mi-fhallain, neo-fhallain, sgriosail. 5. sick: tinn, euслан.

BAD, } pret. of Bid. Dh'iarr. Bade for: thairg.

BADGE, s. 1. A mark, or cognizance to shew the relation of the wearer, to any person or thing: suaicheantas. 2. a token by which one is known: comharra. 3. mark, or token of any thing: comharra, coltas, dreach, cumachd.

BADGE, v. a. 1. Mark, as with a badge: comharrach, comharraich mar le suaicheantas. 2. mark actually with a badge: cuir suaicheantas air, càraich suaicheantas ri.

BADGELESS, adj. Gun suaicheantas.

BADGER, s. Broc, srianach.

BADGER, v. a. Gràinich, dubh-ghràinich, le gnoth-uhaibh neo-thaitneach, cuir gràin air.

BADGER, s. Ceannaiche sil, no bìdh.

BADGER-LEGGED, adj. Stàbhach.

BADINAGE, } s. Faoinas, faoin-chainnt, àbhachdas,

BADINERIE, } àbhachd.

BADLY, adj. See Bad.

BADNESS, s. Olcas, donadas, aingidheachd, coirbteachd. See Bad.

BAFFLE, v. a. et n. 1. Elude, make ineffectual: fairtlich air, rach as o, seachainn, cuir an neo-bhrìgh, mill. 2. confound, defeat with some confusion: fairtlich air, faigh làmh an uchdar air,

- thoir an car á. 3. disgrace, insult, mock : mas-laich, tàmailtich, dean fanoid air, dean sgeig air. 4. practise deceit : meall, dean mealladh air.
- BAFFLE**, *s.* Ceannsachadh, teicheadh, ruaig.
- BAG**, *s.* 1. A sack or pouch, to put any thing in : poca, balg, sac, pocan, màla, màileid, pòca. 2. that part of animals in which some particular juice is contained, as the poison of vipers : balg, balgan. 3. a purse tied to men's hair : sporan fuilt, paidirean fuilt. 4. a term signifying a certain quantity of some commodities : poca, sac.
- BAG**, *v. a. et n.* 1. Put into a bag : cuir am poc, cuir 's a' phoc. 2. load with a bag : sacaich, cuir sac air. 3. swell like a full bag : pocaich, balgaich, at. 4. *vulg.* pilfer, embezzle : goid, gabh gu foluichte.
- BAGATELLE**, *s.* Faoinneas, faoin ìn, ni gun luach.
- BAGGAGE**, *s.* 1. Furniture and utensils of an army : àirneis, àirneis feachd. 2. the goods that are to be carried away : àirneis, imrich. 3. a worthless woman : caile, dubh-chaille. 4. a pert young woman, a flirt, *in joke* : gogag. 5. refuse, lumber, trumpery : treallaich, diùbhaidh.
- BAGNIO**, *s.* Tigh-faircidh, tigh-falluis, àite-nighe.
- BAGPIPE**, *s.* Pìob mhòr.
- BAGPIPER**, *s.* Pìobair.
- BAGPIPING**, *s.* Pìobaireachd.
- BAIL**, *s.* 1. (in law) a setting at liberty under security for re-appearance : saorsa, no fuasgladh air urras. 2. a surety, a bondsman, one who gives security : fear-urrais, urras. 3. a certain limit in a forest : crìoch-frìdhe.
- BAIL**, *v. a.* 1. Give bail for another : urrasaich, rach an urras air, thoir urras. 2. admit to bail, fuasgail air urras.
- BAILIF**, } 1. A subordinate officer : bàillidh, maor,
BAILIFF, } oifigeach, no fear-riagblaidh fuidh ùgh-darras. 2. an officer, whose business is to execute arrests : maor, maor-glacaidh, maor-sàraidh. 3. an under steward of a manor : maor-fearainn.
- BAILIEWICK**, *s.* Bàillidhneachd, ionad-bàillidhneachd.
- BAILMENT**, *s.* Ath-aisig gill, no ni bheirear an geall.
- BAILY**, *s.* Bàillidh. See Bailiff, 1.
- BAIN**, *s.* See Bagnio.
- BAIN**, *v. a.* See Bathe.
- BAIRN**, }
BARN, } *s.* See Bearn.
- BAIT**, *v. a. et n.* 1. Put meat upon a hook : cuir maghar air dubhan. 2. feed, give meat to : biadh, gabh biadh, thoir biadh do. 3. attack with violence : sàth ann, thoir ruathar air, thoir ionnsuidh air. 4. harass by the help of others : sàruich, treachail, sàr-sgithich, mar bheathach 's an stuigear coin. 5. stop at any place for refreshment : dean stad, stad chum bìdh.
- BAIT**, *s.* 1. Meat set to allure : maghar, biadh-meallaidh. 2. a temptation : buaireadh, culaidh-bhuairidh, mealladh. 3. a refreshment on a journey : lòn, biadh-turais.
- BAIZE**, *s.* Aodach garbh àraidh, garbh-chlò fosgaichte.
- BAKE**, *v. a. et n.* 1. Heat any thing in a close
- place : teògh, bruich. 2. harden in the fire : fuin, cruadhaich ri teine. 3. harden with heat : cruadhaich le teas. 4. do the work of baking : fuin, taosainn. 5. be heated, or baked : cruadhaich le teas.
- BAKE-HOUSE**, *s.* Tigh-fuinidh, tigh-fuineadaireachd.
- BAKEN**, *part.* Fuinte, cruadhaichte le teas.
- BAKER**, *s.* Fuineadair.
- BAKER-FOOT**, *s.* Cas-cham, biod-chas, pliutaiche, cas phliutach.
- BALANCE**, *s.* 1. A pair of scales : meidh, toimhs-ean. 2. in a metaphorical sense, or the mind employed in comparing one thing with another : dlùth-bheachd. 3. act of comparing two things : co-chothromachadh, coimeas. 4. the overplus of weight : barrachd cudthroim, no tomhais. 5. that which is wanting to make two parts of an account even : barrachd, diùbhras. 6. equipoise : co-chothrom, ionannachd-cothroim. 7. the beating part of a watch : claban uaireadair.
- BALANCE**, *v. a. et n.* 1. Weigh in a balance : tomhais le meidh, cothromaich, co-chothromaich. 2. regulate the weight in a balance, keep in just proportion : cum suas an co-chothrom, cum air mheidh. 3. counterpoise, counteract : coinnich, bac, co-chothromaich. 4. regulate an account, by stating it on both sides : socruich, socruich cunnas. 5. pay that which is wanting to make the sides of an account equal : diol am barrachd. 6. hesitate, fluctuate between equal motives : ag, bi eadar dha chomhairle, iom-smuainich.
- BALANCER**, *s.* Meidheadair, fear-tomhais.
- BALANCING**, *s.* Cothromachadh, meidheadh.
- BALBUCINATE**, *v. n.* Labhair gu liodach, gu mann-tach.
- BALBUTIATE**, *v. n.* See Balbucinate.
- BALCONY**, *s.* For-uinneag.
- BALD**, *adj.* 1. Wanting hair : maol, sgailceach, lom, gun fhalt. 2. without natural covering : lom, rùisgte. 3. without the usual covering : rùisgte. 4. unadorned, inelegant : lom, neo-ghrinn, gun ghrinneas. 5. mean, naked, without dignity, without value, bare : neo-iubheach, suarach, gun mheas, mi-fhlathail.
- BALDERDASH**, *s.* Treamsgal, goileam, gloirmeas, earraghloir, baath-chainnt.
- BALDERDASH**, *v. a.* Coimeasg deochan, dean treamsgal.
- BALDLY**, *adv.* See Bald, 5.
- BALDNESS**, *s.* 1. Want of hair : maoile, sgailc. 2. meanness of writing, inelegance : neo-ghrinneas, sgriobhaidh, maol-labhartas.
- BALDPATE**, *s.* Ceann maol, maol-cheann.
- BALDPATE**, *adj.* Maol-cheannach, sgailc-cheannach.
- BALDRICK**, *s.* 1. A girdle : crios. 2. the zodiac : a' ghrian-chrios.
- BALE**, *s.* 1. A parcel of goods packed for carriage : bàthair trujste, sac. 2. misery, calamity, mischief : truaighe, bròn, donas. 3. poison : puinnscan, nimh.
- BALE**, *v. n.* Trus, trus suas, ceangail.
- BALE**, *v. a.* Taom.

BALEFUL, *adj.* 1. Full of misery or grief, sorrowful, sad, woful: truagh, aimhleasach, brònach, àmhgharach, doghruinneach. 2. full of mischief, destructive, poisonous: donasach, doghruinneach, millteach, sgriosail, nimhneach.

BALEFULLY, *adv.* See Baleful.

BALISTER, *s.* Bogha tarsuinn.

BALK, *s.* 1. A great beam used in building: sail, spàrr. 2. a ridge of land left unploughed: balc, bailc, bàndhrum, eadar dà iomar. 3. a disappointment: amaladh, amladh, mealladh, dìobradh dòchais.

BALK, *v. a. et n.* 1. Disappoint, frustrate, elude: amail, dìobair, thoir an car á, faigh as o, seachainn. 2. miss any thing, leave untouched: seachainn, rach mearachd air, na amais. 3. omit, or refuse any thing: fàg, leig le, dìùlt. 4. heap, as on a ridge: tòrr, càrn, cruach. 5. turn aside: tionndaidh, rach a thaobh. 6. deal in cross purposes, speak differently from the intention: labhair gu dà-sheadhach, labhair gu meallta.

BALL, *s.* 1. Any thing made in a round form: ball, peileir, ni cruinn air bith. 2. a round thing to play with: ball, ball-cluiche, no iomain. 3. a small ball by which votes are given: ball. 4. a globe, as the ball of the earth: cruinne. The globe, (the earth): an cruinne-cé. 5. any part of the body that approaches to roundness: meall. 6. an entertainment of dancing: dannsa, bannal-damhsa, iol-damhsa.

BALLAD, *s.* Duanag, òran, luinneag.

BALLAD, *v. a. et n.* 1. Make, or sing ballads: dean duanagan, òrain, no luinneagan. 2. write ballads: sgrìobh luinneagan.

BALLAD-MAKER, *s.* Fear-dèanaimh dhuanaig, no luinneag.

BALLAD-MONGER, *s.* Fear-reicidh dhuanaig, no luinneag.

BALLAD-SINGER, *s.* Fear sheinn dhuanaig 's an t-sràid.

BALLAD-STYLE, *s.* Modh nan duanag.

BALLAD-WRITER, *s.* Fear-dèanaimh, no sgrìobhadh dhuanaig.

BALLADER, *s.* See Ballad-maker, and ballad-singer.

BALLADRY, *s.* Culaidh-dhuanaig, modh-duanaig.

BALLARAG, *v. a.* Bagair, thoir dùlan.

BALLAST, *s.* 1. Something put at the bottom of a ship or boat to keep it steady: balaist, cudthrom socruchaidh luinge no bàta. 2. that which is used to make any thing steady: cudthrom socruchaidh.

BALLAST, *v. a.* 1. Put weight at the bottom of a boat or ship to keep her steady: socruich bàta no long, 's an uisge le cudthrom 's an urlair, grunnluchdaich, cothromaich, còmhnradaich. 2. keep any thing steady: grunnluchdaich, cum suidhichte.

BALLATRY, *s.* Duanag, luinneag.

BALLISTER, *s.* See Baluster.

BALLOON, } *s.* 1. (in aerology) inneal dìridh is seòl-
BALLOON, } aidh 's na speuraibh, bàta-speur. 2.
(in architecture): pullag, punnag. 3. a sort of game: scòrsa cluiche.

BALLOT, *s.* 1. Ball, or ticket used in giving votes: crann, crannchur. 2. act of voting by ballot: tilgeadh chrann, taghadh le crannchur.

BALLOT, *v. a. et n.* 1. Choose by ballot: tagh le crannchur. 2. give votes by ballot: tilg crannchur air, tilg croinn air.

BALLOTATION, *s.* Toirt a mach chrann, taghadh le crannchur.

BALM, *s.* 1. The sap, or juice of a shrub: sùgh luidh àraidh, òc-shlaint. 2. any valuable, or fragrant ointment: òc-shlaint, òc-shlaint chùbhraidh. 3. any thing that soothes, or mitigates pain: ballan-lasachaidh, ballan-leighis.

BALM, *v. a.* 1. Anoint with balm, or with any thing medicinal: ung, cuir òcshlaint ri, cuir ballan-ath-bheothachaidh air. 2. soothe, mitigate, assuage: maothaich, ciùinich, foisich.

BALMY, *adj.* 1. Having the qualities of balm, or producing balm: òc-shlainteach. 2. soothing, soft, mild: maoth, tlàth, mìn, ciùin. 3. fragrant, odoriferous: cùbhraidh, deadh-bholtrach. 4. mitigating, assuasive: maothachail, a chiùinicheas, a bheir lasachadh.

BALNEARY, *s.* Tigh-faircidh; seòmar-faircidh, àit-ionnlaid.

BALNEATION, *s.* Fairceadh, falcadh, ionnlad, nigh-eadh.

BALNEATORY, *adj.* Ionnladach, a bhuineas do thigh-ionnlaid.

BALSAM, *s.* Oladh-leighis, ic, òc-shlaint.

BALSAMIC, } *adj.* Leigheasail, òc-shlainteach.

BALSAMICAL, }

BALUSTER, *s.* Post beag grinnichte mar a chuirear air taobh staidhre.

BALUSTRADE, *s.* Sreath phost ghrinnichte, mar a chuirear ri taobh staidhre.

BAMBOO, *s.* Cuilc Innseanach.

BAMBOOZLE, *v. a.* Meall, thoir tuairgneadh tuigse air, cuir cuilbheart air, sàruich a thuigse.

BAMBOOZLER, *s.* Mealltair, fear-tuairgnidh.

BAN, *s.* 1. Public notice given of any thing: gairm fhollaiseach, rabhadh fhollaiseach. 2. a curse, excommunication: mallachd, mallachadh, as-caoin, as-caoin-eaglais. 3. interdiction: bacadh, toirmeasg, seunadh.

BAN, *v. a. et n.* 1. Curse, execrate: mallaich, thoir mallachd air. 2. curse: dean guidheachan.

BAND, *s.* 1. A tye, that by which one thing is joined to another: ceangal, bann. 2. a chain by which any animal is kept in restraint: ceangal, cuibhreach, slabhruidh. 3. any means of union or connexion between persons: ceangal, bann-daingneachaidh, ceangaltas. 4. something worn about the neck: stiom-bhràghaid, truis-bhràghaid. 5. any thing bound round another: ceangal, ceanglachan. 6. in architecture: bann. 7. a company of soldiers: buidheann. 8. a company of persons joined together, in any common design, or profession: buidheann, bannal, còisir, cuideachd.

BAND, *v. a. et n.* 1. Unite together into one body, or troop: ceangail, aonaich, cuir 'n am buidhnibh. 2. bind over with a band: ceangail, cuir ceangal

air. 3. drive away, banish : fuadaich, fògair, cuir air fògradh. 4. associate, unite : aonaich le, dean taobh ri, tarruing r' a chéile.

BANDAGE, s. Ceangal, ceanglachan, bann, stiom-cheangail.

BAND-BOX, s. Bòsdan pàipearach, bòsdan slisneanach.

BANDELET, s. Stiom-cheangail, ceanglachan.

BANDER, s. Fear-cuideachdais, companach, fear-comuinn.

BANDIT, s. Fògarrach, fear air chàrn.

BANDITTI, s. pl. Luchd-reubainn, luchd-creachaidh, spùinneadairean.

BANDITTO, s. Fear air chàrn, fear-reubainn, creachadair.

BANDOG, s. Cù mòr, madadh mòr, cù-shlabhruidh.

BANDOLEER, s. Adharcag bheag-fhùdair.

BANDORE, s. Inncal-chiùil thri-theudach.

BANDY, s. Caman.

BANDY, v. a. et n. 1. Beat to and fro, from one to another : tilg null 's a nall, iomain air ais 's air aghairt, tilg chuige 's uaith. 2. exchange, give and take reciprocally : gabh is thoir, co-iomlaid, co-iomlaidich. 3. agitate, toss about : luaisg, iom-luaisg. 4. contend, strive as at some game : dean còmh-strith.

BANDYLEG, s. Cam-chos, cos cham, lùg-chos, cos lùgach.

BANDY-LEGGED, adj. Cam-chosach, lùgach.

BANE, s. 1. Poison : nimh. 2. that which destroys, mischief, ruin : aimhleas, sgrios, creach, donas.

BANE, v. a. See Poison, *v.*

BANEFUL, adj. 1. Poisonous : nimheil. 2. destructive : aimhleasach, sgriosail, millteach.

BANEWORT, s. Lus na h-oidhche.

BANG, v. a. 1. Beat, thump, cudgel : slacaich, dòrn, garbh-làmhsaich. 2. handle roughly, treat with violence : garbh-làimhsich.

BANG, s. Cnap, dòrn, garbh-bhuille, cnuacaid.

BANGLE, v. a. Caith as, caith a' chuid 's a' chuid.

BANISH, v. a. 1. Condemn to leave one's country : fuadaich a' dhùthaich, cuir as an rioghachd. 2. drive away : fògair, fuadaich, cuir air fògradh.

BANISHER, s. Fear-fògairt, fear-fògraidh.

BANISHMENT, s. Fògradh, fuadachadh, fògairt.

BANISTER, s. See Baluster.

BANK, s. 1. The earth arising on each side of a water : bruach, bruach-aimhne, bruach-uillt. 2. any heap piled up : tòrr, tom, dùn. 3. a seat or bench of rowers : tot, tot-iomraidh. 4. a place where money is laid up, or exchanged : tigh-tasgaidh airgid, tigh-malairt airgid. 5. the company of persons concerned in managing a bank : luchd-riaghlaidh tigh-malairt airgid, luchd-riaghlaidh tigh-tasgaidh airgid.

BANK, v. a. 1. Inclose with banks : tog bruach, cuir bruach ri, druid le bruachaibh. 2. put money in a bank : cuir airgid an tigh-tasgaidh.

BANKER, s. Fear-malairt-airgid, fear-tigh-tasgaidh.

BANKRUPT, adj. Briste, an déigh làimh.

BANKRUPT, s. Dìth-fhear, fear-briste, duine-briste.

BANKRUPT, v. a. Bris, bris creideas.

BANKRUPTCY, s. Briseadh, briseadh creideis.

BANNER, s. Bratach, suaicheantas, meirghe.

BANNERED, adj. Bratachail, fuidh shuaicheantas, meirgheach.

BANNERET, s. 1. A knight made in the field : ridire-làrach. 2. a little banner : bratachag, bratach bheag.

BANNITION, s. Fògradh, fuadachadh.

BANNOCK, s. Bonach, breacag.

BANQUET, s. Cuilm, cuirm, fleadh.

BANQUET, v. a. et n. 1. Treat any one with feasts : dean cuilm do, thoir fleadh do. 2. feast or fare daintily : gabh cuilm, thig beò gu sòghair.

BANQUETER, s. 1. A feaster : fear-cuilme, fear-cuirme. 2. one that makes feasts : fear na cuilme.

BANQUET-HOUSE, BANQUETING-HOUSE, } s. Tigh-cuilme, tigh-fleadha.

BANQUETING, s. Fleadhachas.

BANSHEE, s. Bean-shithe, bean-shithichean.

BANSTICKLE, s. Iasgan beag deilgneach, a' bhiorag lodain.

BANTER, v. a. Sgeig, mag, aithisich.

BANTER, s. Magadh, fochaid, sgeig, aithis, àbhachdas.

BANTERER, s. Fear-fochaid, fear-sgeige, fear-abhc-aideach.

BANTLING, s. Isean-leanaibh, leanaban.

BAPTISM, s. Baisteadh.

BAPTISMAL, adj. Baistidh, baisteach, a bhuineas do bhaisteadh.

BAPTIST, s. 1. He that administers baptism : fear-baistidh. 2. See Anabaptist.

BAPTISTERY, s. Ionad-baistidh.

BAPTISTICAL, adj. See Baptismal.

BAPTISE, v. a. Baist.

BAPTISER, s. Fear-baistidh.

BAR, s. 1. A piece of wood, iron, or other matter, laid across to hinder entrance : crann, crann tarsuinn, crann-bacaidh. 2. a bolt, a piece of iron or wood fastened to a door for shutting : crann-druididh, crann-doruis. 3. an obstacle, obstruction : stad, grabadh, amladh, cnap-starruidh. 4. a gate : geata, cachlaidh. 5. a rock, or bank of sand at the entrance of a harbour or river : oitir, mol-gaineimh, sgeir-bhàite. 6. any thing used for prevention, or exclusion : grabadh, bacadh. 7. the place where causes of law are tried : ionad-tagraidh, being-bhreith. 8. an inclosed place in a tavern or coffee-house, for reckoning : ionad dìolaidh lach an tigh-dsda, àite roinn na dibhe. 9. any thing by which the structure is held together : bann, crann, ceangaltas. 10. any thing laid across another : tarsuinnean. 11. of gold or silver : geinn.

BAR, v. a. 1. Fasten or shut any thing with a bolt : crann, glais, druid le crann. 2. hinder, obstruct : bac, grab. 3. prevent, exclude : druid a mach, cum a muigh. 4. detain by excluding the claimants : cum, cum olc air mhaith te. 5. prohibit : toirmisg, seun. 6. except, make an exception : cum as, cum air falbh, seachuinn. 7. (in law) : cuir stad air, bac, grab.

- BARB, s.** 1. Any thing that grows in the place of a beard: feusag. 2. the points that stand backward in an arrow, or hook: corran, gath, ribheag. 3. armour for horses: uidheam eich-cogaidh. 4. a Barbary horse: each o dhùthaich Bharbari.
- BARB, v. a.** 1. Shave, dress the beard: beàrr, thoir a mach feusag. 2. pare close to the surface: lomair, lom-rùisg. 3. jag arrows with hooks: riobhagaich, thoir colg air, thoir corran air. 4. furnish horses with armour: beartaich, no, uidheamaich each-cogaidh.
- BARBARIAN, s.** 1. A man uncivilized, a savage: allmharach, fiadh-dhuine, duine borb. 2. a foreigner: allmharach, borb-choigreach. 3. a brutal monster, a man without pity: duine gun iochd, duine gun truas, duine borb.
- BARBARIAN, adj.** Allmharach, fiadhaich, borb.
- BARBARIC, adj.** 1. Uncivilized, savage: borb, ain-eolach, gum oilean. 2. foreign, far-fetched: coigreach.
- BARBARISM, s.** 1. A form of speech contrary to the purity and exactness of any language: borb-bhriathar, borb-ràdh, fiadh-ràdh. 2. ignorance of arts, want of learning: neo-oilean, aineolas, dall-aineolas. 3. brutality, savageness of manners: brùidealachd, an-ìochdmhorachd, buirbe. 4. cruelty, barbarity, un pitying hardness of heart: neo-thruasalachd, an-ìochmhorachd, brùidealachd.
- BARBARITY, s.** See Barbarism.
- BARBARISE, v. n.** Labhair gu borb-bhriathrach.
- BARBAROUS, adj.** 1. Stranger to civility, savage: borb, allmhara, fiadhaich. 2. ignorant, unacquainted with arts: neo-oileanta, dall, brùideil. 3. cruel, inhuman: an-ìochdmhor, garg, cruaidh-chridheach. 4. foreign: coigreach, allmhara.
- BARBAROUSLY, adv.** See Barbarous.
- BARBAROUSNESS, s.** See Barbarism.
- BARBARY, s.** See Barb, s. 4.
- BARBATED, adj.** Corranach, riobhagach, colgach.
- BARBED, adj.** 1. Furnished with armour: armaichte, beartaichte, fuidh làn-uidheam-chogaidh. 2. bearded, jagged with hooks or points: riobhagach, corranach, biorach, gathach, colgach.
- BARBEL, s.** 1. A fish found in rivers: seòrsa éisg, breac feusagach. 2. knots of superfluous flesh growing up in the channels of a horse's mouth: miol, a' mhiol, gàilleach.
- BARBER, s.** Bèrradair feusaig, bèrradair fuil.
- BARBER-MONGER, s.** Peasan duine.
- BARBERESS, v.** Ban-bhearradair.
- BARBERRY, s.** Preas deilgneach, preas nan gearr-dhearc, gearr-dhearc.
- BARD, s.** Bàrd, aos-dàna, filidh.
- BARDIC, } adj.** Bàrdail, a bhùineas do na bàrdaibh,
BARDISH, } a dùbhradh le bàrdaibh.
- BARE, adj.** 1. Naked, without covering: lom, lom-nochd, rùisgte. 2. uncovered, out of respect: gun bhoincid, ceann-rùisgte. 3. unadorned, plain, simple: simplidh, stuama, measarra. 4. detected, no longer concealed: nochdta, air a leigeadh ris, follaiseach. 5. poor, indigent: ainneach, lom, falamh. 6. mere, unaccompanied with usual re-
- commendation: lom. He has but the bare title: cha 'n 'eil aige ach an t-ainm lom. 7. thread-bare, much worn: lom, caithte. 8. not united with any thing else: lom. 9. wanting clothes, slenderly supplied with clothes: lomnochd, nochduidh.
- BARE, v. a.** Lom, rùisg, nochd, leisg ris.
- BARE, or BORE, pret.** of Bear, see Bear, v.
- BAREBONE, s.** Cnàimh-lom, lom-chnaimh.
- BAREBONED, adj.** Lom-chnaimheach.
- BAREFACED, adj.** 1. With the face naked: aghaidh ris, bathaiseach, lom-eudanach. 2. shameless, without concealment, undisguised: mi-nàireach, ladarna, leamh, gun chleith.
- BAREFACEDLY, adv.** See Barefaced.
- BAREFACEDNESS, s.** Mì-nàire, ladarnas, leamhachd, bathais làidir.
- BAREFOOT, adj.** Cas-rùisgte, cas-rùisg, cas-rùisgeach.
- BAREFOOT, adv.** Cas-rùisg, cas-rùisgeach.
- BAREFOOTED, adj.** See Barefoot, adj.
- BAREGAWN, adj.** Air a lom-itheadh.
- BAREHEADED, adj.** Ceann-rùisgte, ceann-rùisgeach.
- BARELEGGED, adj.** Luirg-rùisgte, luirg-rùisgeach.
- BARELY, adv.** See Bare, adj.
- BARENECKED, adj.** Muineal-rùisgte.
- BARENES, s.** 1. Nakedness: nochd, lomnochduidh. 2. leanness: caoile. 3. poverty: bochduinn, uir-easbhuidh, truaighe. 4. meanness of clothes: lomnochduidh.
- BAREPICKED, adj.** Lom-spiolta.
- BARERIBBED, adj.** Lom-aisinneach.
- BARFUL, adj.** See Barrful.
- BARGAIN, s.** 1. A contract or agreement concerning the sale of something: còrdadh, cùmhnant. 2. the thing bought or sold, a purchase: luach, luach-peighinn. 3. stipulation, interested dealing: luach, buannachd, dòchas buanachd.
- BARGAIN, v. n.** Cùmhnantaich, còrd ri, còrd air son.
- BARGAINEE, s.** Fear-cùmhnantachaidh.
- BARGAINER, s.** Fear-tairgse, a theirgeas luach.
- BARGE, s.** Bàta, bàt'-aigheir, bìorluinn.
- BARGEMAN, s.** Fear-bàta.
- BARGE-MASTER, s.** Sgiobair-bàta.
- BARGER, s.** Fear-bàta, sgiobair-bàta.
- BARK, s.** 1. The rind or covering of a tree: cairt, rùsg. 2. the medicine, Peruvian bark: cairt léighean, cairt-leighis. 3. a small ship: bàrca, long bheag.
- BARK, v. a.** 1. Strip trees of their bark: rùisg, thoir a chairt dheth. 2. enclose, cover, as bark the tree: iom-dhruid, iom-chòmhdach.
- BARK, v. n.** 1. As a dog: tathuinn, dean tathuinn, dean comhart. 2. clamour at, pursue with reproaches: diomol, aoir.
- BARK-BARED, adj.** Cairt-rùisgte, air a rùsgadh.
- BARKER, s.** 1. One that barks or clamours: fear-tathuinn. 2. one who strips trees: fear-rùsgaidh chraobh.
- BARKY, adj.** Cairteach, cairtidh.
- BARLEY, s.** Eòrna.
- BARLEY-BRAKE, s.** Gnè chluiche, obair buail-buadhachaidh.
- BARLEY-BROTH, s.** Eanaraidh eòrna.

BARLEY-CORN, *s.* Gràinean eòrna, tomhas àraidh, treas earran na h-òirlcich.

BARLEY-MOW, *s.* Cruach-eòrna, sgamhan eòrna.

BARLEY-SUGAR, *s.* Siùcar bruichte an sùgh eòrna.

BARM, *s.* Beirm, dèasgairn.

BARMY, *adj.* Beirmeach, dèasgairneach.

BARN, *s.* Sabhal, sgiobal.

BARN, *v. a.* Taisg, cuir 's an t-sabhal.

BARN-DOOR, *s.* Dorus-sabhail.

BARNACLE, *s.* 1. A kind of shell-fish that grows upon timber that lies in the sea: bàirneag, seòrsa maoraich a dh' fhàsas air fiodh grod 's an uisge. 2. a bird like a goose, fabulously supposed to grow on trees: giùran, cathan.

BAROMETER, *s.* Gloine-shùide, meidh-àilidh.

BAROMETRICAL, *adj.* A bhuineas do mheidh-àilidh.

BARON, *s.* Baran, ridir.

BARONAGE, *s.* 1. The body of barons, and peers: baranachd, buidhean nam baran 's nam mor-fhear. 2. the dignity of a baron: baranachd, ridireachd. 3. the land which gives title to a baron: baranachd.

BARONESS, *s.* Ban-bharan, ban-ridir, baintighearn barain.

BARONET, *s.* Ridir.

BARONICAL, *adj.* Coltach ri baran, baranach.

BARONY, *s.* Inbhe barain, oighreachd barain, baranachd.

BAROSCOPE, *s.* Seòrsa meidh-àilidh.

BARRACAN, *s.* Garbh aodach àraidh, seòrsa caimileit.

BARRACK, *s.* Tigh-feachd, còmhnuidh shaighdear, feachd-aitreabh.

BARRACK-MASTER, *s.* Fear-riaghlaidh feachd-aitreabh.

BARRATOR, *s.* Fear-aimhreite, fear-tagrach, duine connspoideach.

BARRATRY, *s.* Claon-bhrèith, camadh-lagha, connspoideachd.

BARREL, *s.* 1. A cask: bairille, soitheach mòr fiodha. 2. a certain liquid measure: aon ghalan deug thar fhichead is leth-ghalain fhiona, da gealan deug thar fhichead leanna, sèa galain dheug thar fhichead a' bheòir, ceithir ghalain dheug thar fhichead a' ghoirt-bheòir. 3. a certain dry measure: tomhas bairille scadain, dà ghalan deug thar fhichead, a' thomhas an fhiona. 4. any thing hollow, as the barrel of a gun: feadan. 5. a cylinder: feadan cuairteil.

BARREL-BELLIED, *adj.* Maodalach, bolgach, bronnach.

BARREN, *adj.* 1. Without the quality of producing its kind: seasg, aimrid, neo-thorach, neo-shiòlmhor. 2. unfruitful, not fertile, sterile: neo-thorach, neo-tharbhach. 3. not copious, scanty: gann, neo-phailt. 4. unmeaning, uninventive, dull: trom-cheannach, neo-thuigseach, fàs, fàs-cheannach.

BARRENLY, *adv.* See Barren.

BARBENNESS, *s.* 1. Want of offspring, want of the power of procreation: aimridcachd, seasgachd, neo-tharbhachd, neo-shiòlmhorachd. 2. unfruitfulness, sterility, infertility: neo-thorachd, neo-tharbhachas.

3. want of invention, want of the power of producing any thing new: trom-cheannachd, neo-thuigse, fàs-cheannachd. 4. want of matter, scantiness: gaimme, bochduinn.

BARREN-SPIRITED, *adj.* Tàir, tàireil, neo-uasal, diblidh.

BARRFUL, *adj.* Grabalach, aimlisgeach.

BARRICADE, *s.* 1. A fortification made in haste: balla-bacaidh, babhunn-cabhaig. 2. any stop, bar, or obstruction: amaladh, cnap-starraidh, bacadh, grabadh.

BARRICADE, *v. a.* 1. Stop up a passage: glas suas, druid. 2. hinder by stoppage: grab, bac, cuir stad air.

BARRICADO, *s.* Daingneachd, babhunn, dìdean.

BARRICADO, *v. a.* Daingnich, druid suas, cuir dìdean mu.

BARRIER, *s.* 1. A barricade, an entrenchment: daingneach, dìon, balla-bacaidh. 2. a fortification, or strong place, as on the frontiers of a country: tùr, daingneach làidir, dùn. 3. a stop, an obstruction: bacadh, amladh, cnap-starraidh. 4. a bar to mark the limits of any place: comharra crìche, crìoch, gàradh-crìche.

BARRISTER, *s.* Fear-tagraidh, an cùirtibh Shasuinn.

BARROW, *s.* Bara, bara-làimh, bara-rotha.

BARROW, *s.* Muc, torc, culach.

BARROW, *s.* Tulman, tom, barpa.

BARTER, *s.* Màlairt, iomlaid.

BARTER, *v. a. et n.* 1. Give any thing in exchange for something else: iomlaidich, màlairtich, suaip. 2. traffic by exchanging: dean màlairt, dean iomlaid.

BARTERER, *s.* Fear-iomlaid, fear-màlairt.

BARTERY, *s.* See Barter.

BARTRAM, *s.* Lus-a-bhalla, lus na Spàinn.

BASALTES, *s.* Gnè chloiche, air dhath dorch, a chithear 'n a puist 's na creagaibh.

BASE, *s.* 1. The bottom of any thing, commonly of a building: stéidh, bonn, bunait, iochdar, bunchar. 2. the pedestal of a statue: bunchar dealbh-snaighte. 3. that part of any ornament which hangs down: grinneas-paidireineach. 4. the broad part of any body, as the bottom of a cone: bonn, màs. 5. stockings, armour for the legs: còmh-dach-luirgnean. 6. the place from which racers or tilters run: ionad-siubhail, an t-àite o 'n ruith luchd-coinnlìnn, no luchd-còmh-raig.

BASE, *adj.* 1. Mean, vile, worthless, of things: suarach, gun fhiù, neo-luachmhor, truailidh. 2. of mean spirit, disingenuous, illiberal: mìothar, diblidh, tàir, tàireil. 3. Of low station, of mean account: ìosal, suarach, tàireil. 4. base-born: dìolain. 5. of metals, without value: coimeasgta, truailidh. 6. of sounds, deep, grave: fàs, borbh-anach. 7. low in position or place: ìosal.

BASE-BORN, *adj.* 1. Born out of wedlock: dìolain.

2. of low parentage: neo-inbheach, ìosal, an-uasal. 3. vile, spurious, of things: tàir, tàireil.

BASE-COURT, *s.* Gàradh-cùil, iulainn.

BASE-MINDED, *adj.* Tàir, tàireil, gun fhiù.

BASE-MINDEDNESS, *s.* Tàirealachd, neo-fhìughalachd.

BASE-VIOL, *s.* Fiodhal mhòr, fiodhal-thormain.

BASE, *v. a.* Dean suarach, truaille.

BASELESS, *adj.* Neo-stéidheil, gun bhunchar, gun bhunait.

BASENESS, *s.* 1. Meanness, vileness, badness : suarachas, neo-luachmhorachd, neo-fhìughalachd, tàirealachd. 2. vileness of metal : suarachas, truailleidheachd. 3. bastardy, illegitimacy of birth : diolanas. 4. deepness of sound : borbhanachd.

BASESTRING, *s.* Téis bhorbhanach ciùil.

BASHAW, *s.* Urta mhòr Thurcach, fear stràiccil.

BASHFUL, *adj.* 1. Modest, shame-faced : gnùis-nàireach, athach. 2. sbeepish, viciously modest : diùididh, leth-cheannach, saidealta. 3. exciting shame : nàireach, a chuireas nàir air.

BASHFULLY, *adv.* See Bashful.

BASHFULNESS, *s.* 1. Modesty as shewn in outward appearance : gnùis-nàireachd, nàrachd, nàire. 2. vicious, or rustic shame : diùididheachd, saidealta.

BASIL, *s.* 1. A sheep's skin tanned : croicinn cairtidh caorach. 2. the angle to which the edge of a joiner's tool is ground : geurachadh uidhim shaorsainneachd.

BASIL, *v. a.* Geuraich inneal shaorsainneachd.

BASILICA, *s.* Fèith mhacadhonnach a' ghàirdein.

BASILISK, *s.* 1. A kind of serpent, a cockatrice : rìgh-nàthair. 2. a kind of cannon, or ordnance : seòrsa gunna mòir.

BASIN, *s.* 1. A small vessel to hold water for washing : soitheach-ionnlaid. 2. a small pond : lochan, lochan beag. 3. a part of the sea inclosed in rocks, with a narrow entrance : poll-mara. 4. any hollow place capacious of liquids : slochd, slochdan. 5. a dock for repairing and building of ships : àite-càiridh-luinge, long-phort.

BASIS, *s.* 1. The foundation of any thing, as of a column, or building : stéidh, bunait. 2. the lowest of the three principal parts of a column : roinn ìochdrach puist. 3. that on which any thing is raised : bunnait, stéidh. 4. the pedestal : bunchar, bunait. 5. the ground-work, or first principle of any thing : stéidh, bun, bunchar.

BASK, *v. a. et n.* 1. Warm by laying out in the heat : grìanaich, dean bolg rì gréin. 2. lie in the warmth : luidh 's a' bhilàthas.

BASKET, *s.* Bascaid, cliabh, sgùlan, cliathag, cràileag, càiteag.

BASKET-HILT, *s.* Dòrn-chramm airm, ceann-bheart-claidheimh a dhionas an dòrn.

BASS, *s.* Brat, cos-bhrat, glùn-bhrat.

BASS, *v. a.* Dean guth tùchanach, tog fonn borbhanach.

BASS, *adj.* (in music), Trom, tùchanach, crònanach, dos-fhuaimneach.

BASTARD, *s.* 1. A person born out of wedlock : neach diolain. 2. any thing spurious, or false : ni truailidh, no mi-laghail.

BASTARD, *adj.* 1. Begotten out of wedlock : diolain. 2. Spurious, not genuine : truailidh, mi-laghail.

BASTARD, } *v. a. et n.* 1. Convict of being a bastard.

BASTARDIZE, } ar d : faigh diolain, dearbli diolain.

2. beget a bastard : dèan diolanas, faigh urra dhiolain.

BASTARDLY, *adj.* See Bastard, *adj.*

BASTARDY, *s.* Staid-diolanais, mi-laghaileachd gin-camhuinn.

BASTE, *v. a.* 1. Beat with a stick : gabh le bata air. 2. drip butter, or any thing else, upon meat, as it turns round on the spit : leagh im air. 3. sew slightly : fuaigh farsuinn.

BASTIMENT, } *s.* Balla-dùein.

BASTIMENTO, }

BASTINADE, } *s.* 1. The act of beating with a cud-

BASTINADO, } gel : slachdadh-baite. 2. the blow given with a cudgel : buille-bbata.

BASTINADE, } *v. a.* Slachd le bata, buail le bata,

BASTINADO, } gabh air le bata.

BAT, *s.* Bata, cuaille, lorg.

BAT, *s.* Ialtag, an ialtag.

BAT-FOWLER, *s.* Fear-marbhaidh ialtag, eunadar ialtag.

BATABLE, *adj.* So-chothachaidh, connspoideach.

BATCH, *s.* 1. The quantity of bread baked at a time : fuineadh, uiread a' dh' aran 's a dh'fhuinear aig aon àm. 2. any quantity made at once so as to have the same qualities : greadh, buidheann, dòrlach co-dhèanta, no, co-uidheamaichte.

BATE, *s.* Strìth, caonag, co-strìth.

BATE, *v. a. et n.* 1. Lessen any thing, retrench : lughdaich, leig sìos, thoir air falbh. 2. sink the price : thoir sìos am prìs, leag am prìs. 3. lessen a demand : lughdaich t' iarrtas. 4. cut off, take away : sgath, dealaich, thoir air falbh. 5. grow less : lughdaich, siolaidh sìos. 6. remit : logh, math.

BATEFUL, *adj.* Connspoideach, comh-stritheach.

BATELESS, *adj.* Neo-lughdachaidh, neo-cheannsaichaidh.

BATEMENT, *s.* Lughdachadh, beagachadh.

BATH, *s.* 1. A bathing place : àite-fàiridh, àit'-ionnlaid, àite-nighe. 2. a bathing, act of bathing : fairceadh, falcadh, nigheadh, ionnlad. 3. a state in which some great outward heat is applied to the body to mitigate pain : teas, ainteas, fallas. 4. a sort of Hebrew measure : bat, tomhas Eabhruidheach 's an robh seachd galain gu leth.

BATHIE, *v. a. et n.* 1. Wash as in a bath : ionnlaid, fàir, nigh. 2. supple, or soften by the outward application of warm liquors : tean tais, taisich le uisge blàth. 3. wash any thing : nigh, ionnlaid. 4. be in the water, or in any resemblance of a bath : bi air do thumadh.

BATHING, *s.* See Bath, 2.

BATHOS, *s.* Sgleog-bhàrdachd.

BATING, *prep.* Mar bhiodh, mar a bhithheadh, saor o, ach, ach a mhàin.

BATLET, *s.* Slacan, siomaid.

BATOON, *s.* 1. A staff, or club : bata, cuaille-bhata. 2. a truncheon, or marshall's staff : bata-dreuchd àird-chinn-iùil. 3. (in heraldry) : tarsuimnean gearraidh-airm, comharra diolanais.

- BATTILOUS**, *adj.* Armaitheach, saighdearach, bat-aitheach.
- BATTALIA**, *s.* 1. The order of battle: òrdugh-catha, òrdugh-blàir. 2. the main body of an army in array: mòr-bhuidheann na h-armaithe an òrdugh-catha.
- BATTALION**, *s.* Earrann-feachd, buidheann, cuid-eachd, o chùig ceud gu h-ochd ceud shaighdearan.
- BATTEL**, } *v. a. et n.* 1. Render fertile: reamh-
BATTIL, } raich, dean tarbhach, leasaich fearann.
BATT, } 2. grow fat: fàs reamhar.
- BATTEL**, } *adj.* Torach, pailt, sìolmhor.
BATTELE, }
- BATTEN**, *s.* Maidean, slatag.
- BATTER**, *v. a. et n.* 1. Beat, beat down, shatter: buail sìos, pronn, slachd, tilg sìos, leag sìos. 2. wear with beating: caith as le bualadh, pronn le bualadh. 3. wear out with service, (of persons): claidh, claidh as, thoir an deò as le tròm sheirbhis. 4. (among mechanics) co-chlaon, co-aom, taom o bhonn gu bràighe.
- BATTER**, *s.* Coimeasgadh, glaogh gu nithe briste cheangal 's a chèile, glaogh.
- BATTERER**, *s.* Fear-leagaidh sìos, fear-pronnaidh, fear-coimeasgaidh.
- BATTERING-RAM**, *s.* Reithe-cogaidh, reithe-slachdaidh.
- BATTERY**, *s.* 1. The act of battering: bualadh sìos, leagadh sìos, slachdadh. 2. the instruments with which a town is battered: innealan-slachdaidh. 3. the frame, or raised work upon which cannons are mounted: uchd-dhaingneach, balla ghunnaidhean mòra. 4. a violent striking of any man: ionnsuidh hàimhdeil.
- BATTISI**, *adj.* Ialtagach, coltach ri ialtag.
- BATTLE**, *s.* 1. A fight, an encounter of armies: cath, blàr, còmhrag. 2. a body of forces, a division of an army: feachd-bhuidheann. 3. the main body, as distinct from the van and rear: mòr-bhuidheann feachd. Give battle: buail cath, cuir cath.
- BATTLE**, *v. n.* Cuir cath, buail cath, cog, cath.
- BATTLE-ARRAY**, *s.* Òrdugh-catha, òrdugh-blàir.
- BATTLE-AXE**, *s.* Tuadh-chatha.
- BATTLEDOR**, *s.* Clàr-cluiche, straoidhleagan.
- BATLEMENT**, *s.* Barra-bhalla, balla-daingnich, lethbhalla.
- BATLEMENTED**, *adj.* Daingnichte le bàrr-bhallaibh.
- BATTLING**, *s.* Còmhrag, cath, cathachadh.
- BATTOLOCIZE**, *v. a.* Ath-aithris gu tric.
- BATTOLOGY**, *s.* Ath-aithris an aoin ìi.
- BATTY**, *adj.* Ialtagach.
- BAVAROY**, *s.* Seòra falluinn, cleòca.
- BAUBLE**, *s.* Sec Bawble.
- BAVIN**, *s.* Maidcan crìon, maide-connaidh, bioran-connaidh.
- BULK**, *v. a.* Sec Balk, *v.*
- BAWBLE**, *s.* Faoin fud, faoineachd, àillcagan sgeilmeil.
- BAWBLING**, *adj.* Suarach, faoin, gun fhìu.
- BAWCOCK**, *s.* Fear spaideil, spaidealach.
- BAWD**, *s.* Fear-solair, no, bean-sholair strìopach, siùrsach, strìopach.
- BAWD**, *v. a. et n.* 1. Foul, dirty: salaich, truail. 2. provide gallants with strumpets: solair strìopach.
- BAWDBORN**, *adj.* A rùgadh le strìopach.
- BAWDILY**, *adv.* Sec Bawdy.
- BAWDINESS**, *s.* Neo-ghloine, draosdachd, draosdair-eachd, drabastachd.
- BAWDY**, *s.* 1. The nefarious practice of bringing whores and rogues together: cuideachadh strìopachais. 2. obscenity, unchaste language. See Bawdiness.
- BAWDY**, *adj.* 1. Filthy, dirty: neo-ghlan, mi-gheamnuidh, draosda. 2. obscene, unchaste: draosdail, deabartach, neo-gheamnuidh.
- BAWDY-HOUSE**, *s.* Tigh-strìopachais, tigh-siùrsachd.
- BAWL**, *v. a. et n.* 1. Hoot, cry with great vehemence: glaodh, ràn, raolic. 2. cry as a froward child: ràn, sgread, sgreach. 3. proclaim, as a crier: éigh, glaodh.
- BAWN**, *s.* Bàbhun, lann-spréidhe.
- BAWREL**, *s.* Seòrsa seabhaig.
- BAWSIN**, *s.* Broc, strianach.
- BAY**, *adj.* Buidhe-ruadh, buidhe-dhonn, donn-dhearg.
- BAY**, *s.* 1. An opening of the sea into the land: bàgh, camus, loch-mara. 2. a pen, or pond-head, a store of water to drive a mill: eileach, linne-muilinn. 3. the state of any thing surrounded by enemies: eadar dhà theine, càs, cruaidh-chàs, sàs. 4. (in architecture): sgoltadh balla, fosgladh-balla. 5. bay-tree: craobh-laibhreis. 6. a poetical name for an honorary crown, or prize: crùn-buidhe, coron-bàrdachd. 7. *fig.* poetry: bàrdachd.
- BAY**, *v. a. et n.* 1. Follow with barking, bark at: lean le tathunn, dean tathunn ri. 2. bark as a dog at a thief: dean deithleann. 3. encompass about, shut in: cuairtich, druid a stigh.
- BAY-SALT**, *s.* Salann-mara.
- BAY-WINDOW**, *s.* Uinneag-bogha.
- BAY-YARN**, *s.* Snàth-abhrais.
- BAYARD**, *s.* 1. A bay horse: each donn, each buidhe-ruadh. 2. a man that gapes or gazes earnestly at a thing: beul-fosgailte, steòcair.
- BAYARDLY**, *adj.* Dall, neo-thuigseach.
- BAYONET**, *s.* Biodag thri-oisinneach, biodag-gunna.
- BAZAR**, *s.* Iom-mhargadh.
- BEDELLUM**, *s.* Bdeillum, sùgh craoibhe ro-chùbhradh.
- BE**, *v. n.* 1. Be, have some certain state, quality, or existence: bi. 2. exist, have existence: bi ann, bi beò. Was: bhà. Shall be: bithidh. Would, could, should, or might be: bhithheadh, bhiodh. Let be: biodh, bitheadh. Let be, do not meddle with: leig leis, na bean do, na buin ri.
- BE-ALL**, *s.* Toiseach is crìoch gnothuich.
- BEACH**, *s.* Mol, tràigh, cladach, learg.
- BEACHED**, *adj.* Air aghaidh nan tonn, air an leirg.
- BEACHY**, *adj.* Cladachail, tràigheach, leargach.
- BEACON**, *s.* 1. Something raised on an eminence to be fired on the approach of an enemy: teine-rabhaidh. 2. marks erected, or lights made in the

night to direct navigators : cuspair-amhairc, tigh-soluis, leus-mara.

BEACONAGE, s. Airgid a dhìolar le luchd-mara air son cumail suas thighean-soluis.

BEACONED, adj. Air am bheil teine-rabhaidh, tigh-soluis, no cuspair-amhairc.

BEAD, s. 1. Used by the Romanists : paidirean. 2. an ornament : griogag. 3. any globular body : ball cruinn air bith.

BEADLE, s. 1. A messenger or servitor belonging to a court, or public body : maor. 2. a petty officer in parishes, whose business is to punish petty offenders : fear-peanasachaidh. 3. (in Scotland), a church-officer : maor-eaglais, cléireach.

BEADLESHIP, s. Dreuchd maoire, maorsainneachd, maorsainneachd-eaglais.

BEADROLL, s. Ainmean dhaoine teinne an àm ùr-nuigh.

BEADSMAN, s. Fear-ùrnuigh as leth neach eile.

BEADSWOMAN, s. Bean-ùrnuigh as leth neach eile.

BEAGLE, s. Tollair, tòbhlair, cu-lorgaidh.

BEAK, s. 1. Of a bird : gob. 2. of ancient ships : bior umha air toiseach nan long o shean, le 'n sàthadh iad longan nan nàmhad. 3. of modern ships : toiseach, ceann-toisich. 4. a particular kind of horse-shoe : cruiddh-eich, gob-chruiddh eich. 5. any thing ending in a point like a beak : bior-naois.

BEAKED, adj. Gobach.

BEAKER, s. Soitheach gobach, copan gobach.

BEAL, s. Guirean.

BEAL, v. n. Iongraich.

BEAM, s. 1. The main piece of timber supporting a house : sail, sail-mhullaich. 2. any large and long piece of timber : sail. 3. a part of a balance : ceann meidhe. 4. the horn of a stag : cròc, cabar-féidh. 5. the pole of a chariot : crann-carbadh. 6. of a weaver's loom : garman. 7. of an anchor : lurg-acarach. 8. of light : gath-soluis, gath-gréine, dealradh, boillsgeadh.

BEAM, v. n. Dealraich, soillsich, soillsich air.

BEAMLESS, adj. Neo-dhealach, neo-shoillseach, doilleir.

BEAMY, adj. 1. Radiant, shining, emitting beams : dealrach, soillseach, dèarsach. 2. having the weight or massiness of a beam : trom, tomultach. 3. having horns, or antlers : cabrach, cròcach, adharcach, binneach.

BEAN, s. Pònaire.

BEAN-CAPER, s. } Gnè luibhean.

BEAN-TRESSEL, s. }

BEAN-FED, adj. Biadhtha le pònaire.

BEAR, v. a. et n. 1. Carry as a burden : giùlain, iomchair. 2. convey, carry : giùlain, iomchair. 3. carry as a mark of authority : giùlain, taisbein. 4. carry as a mark of distinction : giùlain. 5. carry as in show : taisbein. 6. carry as in trust : giùlain, gléidh. 7. support, keep from falling : giùlain, cum suas. 8. keep afloat, keep from sinking : iomchair, giùlain, cum suas, tog. 9. support with proportionate strength : fuiling, giùlain, iomchair. 10. carry in the mind, as love, hatred :

thoir, cum. 11. endure : fuiling, giùlain, giùlain le. 12. suffer, undergo, as punishment : giùlain, fuiling. 13. permit, suffer without resentment : giùlain, giùlain le, fuiling, fuiling do, leig le. 14. be capable of, admit : fuiling, giùlain. 15. produce, as fruit : thoir, thoir a mach. 16. bring forth, as a child : beir. 17. give birth to, be the native place of : beir. 18. possess, as power, or honour : sealbhaich. 19. gain, win : thoir a mach. 20. maintain, keep up : giùlain, cum suas, iomchair. 21. support any thing good or bad : giùlain, fuiling. 22. exhibit : feuch, taisbein. 23. be answerable for : giùlain, thoir cunntas á, freagair air son. 24. supply : giùlain, dean costus air, cum ri. 25. behave, act in any character : giùlain thu féin, iomchair thu féin. 26. hold, restrain : seas ri, seas an aghaidh, giùlain, fuiling. 27. impel, urge, push : greas, up, saltair, cuir gu cabhag. 28. conduct, manage : riaghail, stiùir. 29. press : teannaich, claoidh. 30. incite, animate : broснаich, beothaich. 31. bear a body, (of colours) : glan-cho-measgaich, thig r' a chéile. 32. bear date : taisbein àm. 33. bear a price : tog luach, gléidh luach. 34. bear in hand, amuse with false pretences : breug. 35. bear off, carry away : thoir a mach, thoir leat, thoir air falbh. 36. support, maintain, defend : seas, cum suas, dìon. 37. suffer pain : fuiling, fuiling le. 38. be patient : giùlain le, dean fòghidinn fuidh, seas ri. 39. be fruitful, prolific : bi sìolmhor, fàs lionmhor. 40. take effect, succeed : freagair, theirig le, rach le, thig gu buil. 41. tend, be directed to any point : crom air, crom ri. 42. act as an impellent, or opponent : buail ri, buail air. 43. act upon : amais, amais air. 44. be situated with respect to other places : coimhid ri, coimhid gu. 45. bear up, stand firm without falling : seas, na fàilnich. 46. bear with, endure an unpleasant thing : giùlain le.

BEAR, s. 1. The animal so called : mathan, mathghamhuinn. 2. the name of two constellations : mathan, am mathan beag 's am mathan mòr. 3. a name for certain stock-jobbers : ainm a bheirear air buidheann àraidh am measg luchd-màlairt airgid.

BEAR-BAITING, s. Còmhrag chon ri mathghamhuinn.

BEAR-BIND, s. Seòrsa luis.

BEAR-FLY, s. Seòrsa cuileig.

BEAR-GARDEN, s. 1. A place in which bears are kept for sport : lann-mhath-ghamhuinn. 2. any place of tumult or misrule : ionaid-buaircis, àite gun riaghailt.

BEARD, s. 1. The hair that grows on the lips and chin : feusag, ulla. 2. the face : pluic. He jeered them to their beard : rinn e magadh orra r' am pluic. 3. sharp prickles on the ears of corn : colg. 4. a barb on an arrow : corran, gath.

BEARD, v. a. 1. Take or pluck by the beard : beir air fheusag air. 2. oppose to the face, set at open defiance : thoir dùlan do, cas ris, thoir a dhùlan.

BEARDED, adj. 1. Having a beard : feusagach. 2.

having sharp prickles as corn : colgach. 3. barbed, or jagged : corranach, riobhagach.

BEARDLESS, *adj.* 1. Having no beard : gun fleusag, lom, lom-smigeach. 2. youthful : òg.

BEARER, *s.* 1. A carrier of any thing from one place to another : fear-iomchair, fear-giùlain. 2. one employed in carrying burdens : fear-eallaich. 3. one who wears any thing : fear-giùlain, fear-iomchair. 4. one who carries the body to the grave : fear-giùlain cuirp do'n uaigh. 5. a tree that yields its increase : craobh mheas, craobh-thoraidh. 6. (in architecture) : gobhal. 7. (in heraldry) : dealbh leth-taobhach suaicheantais.

BEARHERD, *s.* Buachaille-mhathghamhuinn.

BEARING, *s.* 1. The site or plan of any thing with respect to another : suidheachadh, sealltunn, aghaidh. 2. gesture, mien, behaviour : modh, tuar, gnè, giùlan. 3. (in architecture) : giùlan. 4. (in heraldry) : giùlan-suaicheantais. 5. (in navigation) : cùrsa, sealltunn, coimhead.

BEARING-CLOTH, *s.* Faluinn baistidh-naoidhein.

BEARISH, *adj.* Mathanach, mathghamhuinneach.

BEAR-LIKE, *adj.* Mar mhathghamhuinn.

BEARN, *s.* Leanabh. Bearn : clann.

BEARWARD, *s.* Fear-gleidhidh mhath-ghamhuinn.

BEAST, *s.* 1. An animal, distinguished from birds, insects, &c. : ainmhidh, beathach. 2. an irrational animal opposed to man : brùid, brùid an achaidh. 3. a brutal, savage man : béist, béist-duine, brùid-duine.

BEAST, *v. a.* Focal bhios aig luchd-cluiche chairt.

BEASTLIKE, *adj.* Ainmhidheil, brùideil, biastail.

BEASTLY, *adj.* 1. Contrary to the nature and dignity of man : brùideil, biastail. 2. having the nature or form of beasts : ainmhidheil, brùideil.

BEASTLY, *adv.* See *Beastly, adj.*

BEAT, *v. a. et n.* 1. Strike, knock, lay blows upon : buail, thoir buille do. 2. punish with stripes, or blows : gabh air, gréidh, lundraig. 3. strike an instrument of music : buail, tri-bhuail. 4. break, bruise, spread, comminute by blows : pronn. 5. strike bushes or ground, to raise game : buail. 6. thrash, drive the corn out of the husk : buail, lom. 7. mix things by long and frequent agitation : coimeasgaich, suath, eadar-mheasgaich le suathadh. 8. batter with engines of war : leag sìos. 9. dash as water, or brush as wind : buail. 10. tread a path : imich air, ceumnaich, saltair. 11. make a path by marking it with tracts : dean frith-rathad. 12. conquer, subdue, vanquish : buadhaich, ceannaich, faigh buaidh air. 13. harass, overlabour : claidh, dubh-sgèthlich. 14. lay, or press, as standing corn, with hard weather : buail gu làr, leag gu làr. 15. depress, crush by repeated opposition ; claidh, bris. 16. drive by violence : iomain, buail air falbh. 17. move with fluttering agitation : gluais, buail, cuir air ghluasad. 18. *Beat down* the price : thoir sìos, beagaich. 19. *Beat down*, sink, or lessen the value : lughdaich, leag, thoir sìos. 20. *Beat up*, attack suddenly, alarm : thoir ruathair air. 21. *Beat* the hoof, walk, go on foot : buail a' chos, imich, siubhail. 22.

Beat into, repeat often : ath-aithris, dinn ann. 23. move in a pulsatory motion : buail. 24. dash, as a flood, or storm : buail, buail air. 25. knock at a door : buail. 26. move with frequent repetitions of the same act or stroke : ath-bhuail, sìorbhuail. 27. throb, be in agitation as a sore swelling : thoir buille's buille, buail. 28. fluctuate, be in agitation : luaisg, bi air luasgan. 29. try different ways, search : sir, rannsuich, sir mu 'n cuairt. 30. act upon with violence : tuit mu air. 31. speak frequently, repeat : ath-aithris.

BEAT, *pret. part.* Beat, *v.* Buailte, gréidhte. See Buail.

BEAT, *s.* 1. A stroke : buille. 2. manner of striking : bualadh. 3. manner of being struck : bualadh.

BEATES, *adj.* Air a choisachadh, air a thadhail.

BEATER, *s.* 1. An instrument with which any thing is comminuted : buailtear, fear-bualaidh, pronnadair. 2. a person much given to blows : fear-buailteach. 3. (in hunting or fowling), he that beats for game : gille-seilg.

BEATH, *v. a.* Blàthaich's an teine.

BEATIFIC, } *adj.* Sona, làn-sonais, beannaichte,

BEATIFICALLY, *adv.* See *Beatific*.

BEATIFY, *s.* 1. Make happy, bless with completion of celestial enjoyment : dean sona, dean aoibhinn, beannaich. 2. settle the character of any deceased person, that he is received into Heaven : cuir fi ainm na muinntir shaorta.

BEATIFICATION, *s.* Dèanamh làn-shona, toirt làn-shonas do.

BEATING, *s.* Gabhail air, gréidheadh.

BEATITUDE, *s.* 1. Blessedness, felicity, happiness : beannachd, sonas, làn-shonas, sonas nèamhaidh. 2. a declaration of blessedness made by our Saviour to some particular virtues : beannachd a thugadh le Crìosd air cuid a' nìthibh.

BEAU, *s.* Fear breagha, spailpeara, spairiseach, riomhach ; leannan, suiridheach.

BEAU-MONDE, *s.* An saoghal fasanta.

BEAVER, *s.* 1. a beaver, an animal : dobhran doan, dohbar-chu, leas-leathann. 2. a hat made of beaver fur : ada de fhionnadh an dohbrain. 3. the part of the helmet that covers the lower part of the face : clàr-aghaidh-clogaid.

BEAVERED, *adj.* Air a chòmhdachadh le ada bhian-dohbrain, air a dhionadh le clogaid cruadhach.

BEAUSIB, *adj.* Breagha, grinn, spailpeach, spairiseach.

BEAUTEOUS, *adj.* Maiseach, deadh-mhaiseach, àl-uinn, bòidheach, sgiamhach, dreachmhor, eireachdail.

BEAUTEOUSLY, *adv.* See *Beauteous*.

BEAUTEOUSNESS, *s.* Maisealachd, deadh-mhaiseachd, àilneachd, bòidheche, sgiamh.

BEAUTIFIER, *s.* Nì a dh' àilnicheas, a bhicr sgiamh air nì no neach cile.

BEAUTIFUL, *adj.* Bòidheach, glan-shnuadhach, riomlach. See *Beauteous*.

BEAUTIFULLY, *adv.* See *Beautiful*.

BEAUTIFULNESS, s. See Beauteousness.

BEAUTIFY, v. a. et n. 1. Adorn, embellish, deck, grace, add beauty to: maisich, sgiamaich, sgeadaich, dèan dreachmor, àilnich, grinnich, cuir grinn-eas air. 2. grow beautiful: fàs àluinn, dreachmhor, sgiamhach, boidheach, maiseach, no grinn.

BEAUTILESS, adj. Gun sgiamb, neo-mhaiseach, neobhòidheach, neo-àluinn.

BEAUTY, s. 1. That assemblage of graces or proportion of parts that pleases the eye: maise, àilneachd, sgèimh, deadh-mhais, dreach, bòichead, eireachdas. 2. a particular grace, feature, or ornament: maise, àilneachd, sgèimh. 3. any thing more eminently excellent than the rest of that with which it is united: maise, eireachdas. 4. a beautiful person: maise-mnà, àilneagan, rìbhinn.

BEAUTY, v. a. See Beautify.

BEAUTY-SPOT, s. Bad-seirce, ball-seirce.

BEAUTY-WANING, adj. Searg-mhaiseach.

BEBLEED, v. a. Thoir fuil air, còmhdaich le fuil.

BEBLOOD, } adj. Còmhdaichte le fuil.

BEBLOODY, }

BEBLLOT, v. a. See Blot, v.

BEBLUBBERED, adj. Air at le deuraibh.

BECALM, v. a. 1. Still the elements: sàmhaich, foisich, ciùnich. 2. keep a ship from motion: thoir stad air long. 3. quiet the mind: stòldaich, socruich, ciùnich.

BECALMING, s. Fèith, ciùine.

BECAUSE, conj. 1. For this reason that, on this account that: air an aobhar gu, air son gu, do bhrìgh gu, do bhrìgh, air a-shon so, fa chùis. 2. because of: a thaobh, air sgàth.

BECHANCE, v. a. See Befal.

BECHARM, v. a. See Captivate.

BECHICKS, s. Leigheas cnatain, leigheas casadaich.

BECK, v. a. et n. See Beckon.

BECK, s. 1. A sign with the head, a nod: smèideadh. 2. A small stream: alltan, amhnag.

BECKON, v. n. Smèid, smèid air, caog, dean smèideadh.

BECKON, s. See Beck, s.

BECLIP, v. a. Gabh 'n a t' uclid.

BECLOUD, v. a. Dorchaich, thoir neul air.

BECOME, v. n. 1. Enter into some state or condition by a change from some other: cinn, fàs. 2. become of, be the fate of, be the end of: bi 'n dàn do, bi 'n a chrioich do.

BECOME, v. a. Freagair, thig do.

BECOMING, adj. Iomchuidh, dligheach, tlachdmhorachd, ciatfachd, taitneachd, freagarrachd.

BECOMINGLY, adv. See Becoming.

BECOMINGNESS, s. Iomchuidheachd, dligheachd, tlachdmhorachd, ciatfachd, taitneachd, freagarrachd.

BECURL, v. a. See Curl, v.

BED, s. 1. Something made to sleep on: leaba, leabaidh, àite-codail, àite-luidhe. 2. lodging, the convenience of a place to sleep on: àite-luidhe, innis. 3. marriage: pòsadh. 4. bank of earth raised in a garden: leaba-gàraidh. 5. the channel of a river, or any hollow: clais, leaba-aimhne,

amar. 6. the place where any thing is generated or reposit: leabaidh, taisg-àit. 7. a layer, a stratum: sreath. 8. bring to bed: aisead. 9. make the bed: càirich an leabaidh.

BED, v. a. et n. 1. Go to bed with: rach a luidhe le. 2. place in bed: cuir 'n a luidhe, cuir 's an leabaidh. 3. make partaker of the bed: luidhe le. 4. sow or plant in earth: cuir, no, suidhich 's an talamh. 5. lay in a place of rest or security: taisg, cuir an gleidheadh. 6. lay in order, stratify: leag 'n a shreathaibh, càirich 'n a shreathaibh. 7. cohabit: luidh le.

BEDABBLE, v. a. Fliuch, ludraig, spult, ludair.

BEDAFF, v. a. Mag, dean sgeig air, dean amadan de.

BEDAGGLE, v. Salaich, luidir, clàbaraich, eabraich, cuir earball dubh air.

BEDARE, v. a. See Defy.

BEDASII, v. a. Eabaraich, beubanaich.

BEDAWB, v. a. Luidrich, mill, eabaraich.

BEDAZZLE, v. a. Cas-dhealraich, dall le solus, an-shoillsich.

BEDCHAMBER, s. Seòmar-leapa, seòmar-codail.

BEDCLOTHES, s. Aodach-leapa.

BEDDAR, } s. Clach-ìochdair muilinn ola.

BEDEtter, }

BEDDING, s. Uidheam-leapa, aodach-leapa.

BEDEAD, v. a. Thoir 'fhàireachadh o.

BEDECK, v. a. Sgèimhich, sgeadaich, snasaich.

BEDEHOUSE, s. Tìgh-oircheis.

BEDELRY, s. Maorsainneachd, maorsainneachd-eag-lais.

BEDEtter, s. See Bedder.

BEDEW, v. a. Mìn-fhliuch, dealtraich, druidh air.

BEDEWER, s. Mìn-fhliuchadh, dealtrachadh.

BEDEWY, adj. Fuidh bhraon, fuidh dhealt.

BEDFELLOW, s. Coimh-leapach, ban-chompanach-leapa.

BEDHANGINGS, s. Cùrteinean, aodach-chùrteinean.

BEDIGHT, v. a. Deasaich, glan, sgeadaich.

BEDIM, v. a. Dall, dorchaich, neulaich, doilleirich.

BEDISMAL, v. a. Dean tiamhaidh.

BEDIZEN, v. a. Sgeilmich.

BEDLAM, s. 1. A madhouse: tìgh luchd-cuthaich. 2. a madman, a lunatic: fear air chuthach.

BEDLAM, adj. Cuthaich.

BEDLAMITE, s. Neach thar a chiall, fear cuthaich.

BEDMAKER, s. Tè-chàraidh leapaichean.

BEDMATE, s. See Bedfellow.

BEDMOULDING, } s. Uidheam-grinneis-leapa.

BEDDING-MOULDING, }

BEDPOST, s. Cas-leapa, post-leapa.

BEDPRESSER, s. Leisgein, trom-cheann.

BEDRAGGLE, v. a. See Bedaggle.

BEDRENCH, v. a. Fliuch, tum, sàr-fhliuch.

BEDRID, adj. Air an leabaidh, tinn, luidhe na leapach.

BEDRITE, s. Dlighe na leapa pòsda.

BEDROOM, s. Seòmar-leapa, seòmar-codail.

BEDROP, v. a. Leig sìleadh air, sil air.

BEDSIDE, s. Taobh-leapa.

BEDSTAFF, s. Bior-taobh-leapach.

BEDSTEAD, *s.* Fiodh-leapa.
 BEDSTRAW, *s.* Connlach-leapa.
 BEDSWERVER, *s.* Adhaltranach, ban-adhaltranach.
 BEDTIME, *s.* Am-luidhe, tìde-codail.
 BEDUCK, *v. a.* Cuir fuidh 'n uisge, tum.
 BEDUNG, *v. a.* Leasaich, mathaich.
 BEDUST, *v. a.* Salaich le duslach, no te smùr.
 BEDWARD, *adv.* Dh'ionnsuidh na leapa, gu leabaidh.
 BEDWARY, *v. a.* Dean droich dhe, mionbhaich, beag-aich.
 BEDWORK, *s.* Obair-leapa, gnìomh gun làimh.
 BEE, *s.* 1. The animal that makes honey: beach, seillein. 2. an industrious and careful person: gnìomhaiche, ban-ghnìomhaiche.
 BEE-EATER, *s.* Eun a thig beo air beachaibh.
 BEE-HIVE, *s.* Sgeap-sheillean.
 BEE-MASTER, *s.* Fear-glèidhidh sheillean.
 BEECH, *s.* Seòrsa fiodha, crann-fàidh-bhile.
 BEECHEN, *adj.* Fàidhbhileach.
 BEEF, *s.* 1. The flesh of black cattle: mairt-fheoil. 2. an ox, bull, or cow, fit for food: damh, tarbh, no mart-biadlta, mart-geamhraidh.
 BEEF, *adj.* Mairt-fheolach.
 BEEF-EATER, *s.* Gille tigh-rìgh.
 BEEF-WITTED, *adj.* Trom-cheannach, neo-thuigseach.
 BEELD, *s.* Dìdean, fagadh.
 BEEN, *pret.* of BE, *v.* Bha, air bhith. See BE, *v.*
 BEER, *s.* Beòir, leann-caol.
 BEER-BARREL, *s.* Bairille beòir.
 BEER-HOUSE, *s.* See Ale-house.
 BEESTINGS, *s.* See Biestings.
 BEET, *s.* Ainm luis, biotais.
 BEETLE, *s.* 1. An insect: daol, ceàrd-dubhan, daol-ag. 2. a heavy hammer, or wooden mallet, with which wedges are driven: fairche.
 BEETLE, *v. n.* Croch a mach, éirich, cas suas.
 BEETLE-BROW, *s.* Àrd-mhailidhean.
 BEETLE-BROWED, *adj.* Àrd-mhailidhach.
 BEETLE-HEADED, *adj.* Trom-cheannach, ploc-cheannach.
 BEETLE-STOCK, *s.* Samhach fairche.
 BEETRADISH, } *s.* See Beet.
 BEETRAVE, }
 BEEVES, *s. pl.* Crodh, daimh, spréidh.
 BEFAL, *v. n.* 1. Happen to: éirich, éirich do, tach-air do. 2. happen, come to pass: thig gu crìch, tachair, thig gu teachd.
 BEFIT, *v. a.* Freagair, freagair do, dean iomchuidh, thig do.
 BEFOAM, *v.* Còmhdaich le cobhar.
 BEFOOL, *v. a.* Dean amadan dheth, fochaidich, sgeig.
 BEFORE, *prep.* 1. Farther onward in place: roimh. 2. in front: roimh, air beulaobh. 3. in the presence of: an làthair, 's an làthair. 4. in sight of: an sealladh, mu choinneamh. 5. under the cognizance of: fuidh ùghdarras. 6. in the power of, denoting choice: an comas, an roghuinn. 7. by the impulse of something behind: roimh. 8. preceding in time: roimh. 9. in preference to: roimh, a roghuinn air. 10. prior to, nearer to any

thing: roimh, ni 's fagus air. 11. superior to: roimh, os ceann.
 BEFORE, *adv.* 1. Sooner than, earlier in time: roimhe, roimhe sin. 2. in time past: 's an àm a chaidh, roimhe. 3. in sometime lately past: roimhe so, roimh 'n àm so. 4. previously to, in order to: roimhe dha. 5. to this time, hitherto: gus a nis. 6. already: a cheana. 7. farther onward in place: roimhe.
 BEFOREHAND, *adv.* 1. In a state of anticipation, or pre-occupation: roimh làimh, air thoiseach. 2. previously, by way of preparation: mu, mu 'n, mu 'm. 3. antecedently, befores: roimhe, 's an àm a chaidh seachad. 5. at first, before any thing is done: an toiseach, air tùs.
 BEFORETIME, *adv.* Roimhe so, roimh 'n àm.
 BEFORTUNE, *v. n.* Éirich do, tachair do.
 BEFOUL, *v. a.* Salaich, déisdeinich, truaill.
 BEFRIEND, *v. a.* Dean càirdeas ri, bi càirdeil ri, caidrich.
 BEFRINGE, *v. a.* Deasaich le fraoineas, riobag-aich.
 BEG, *v. a. et n.* 1. Ask, seek by petition: iarr, sir, guidh, athchuingich. 2. take a thing for granted without proof: gabh ri ni gun chòmhach, creid gun chòmhach. 3. live upon alms: thig beò air déircibh, falbh air dhéirc.
 BEGET, *v. a.* 1. Generate, procreate: gin. 2. produce, as effects: tàrmaich, thoir a mach, aobhar-aich. 3. produce, as accidents: tàrmaich, aobhar-aich.
 BEGETTER, *s.* Gineadair, athair.
 BEGGABLE, *adj.* That which may be attained by begging: a gheibhear mar dhéirc.
 BEGGAR, *s.* 1. One who lives upon alms: déirc-each, dìol-déirce. 2. one who supplicates for any thing, a petitioner: iarradair, fear-guidhe. 3. one who assumes what he does not prove: neach a ghabhas barail gun chòmhach.
 BEGGAR, *v. a.* 1. Reduce to beggary, impoverish: cuir gu bochduinn, cuir chun na déirce. 2. deprive: falmhaich, fàg falamh. 3. exhaust: falmhaich, thoir air falbh. 4. drive out by impoverishing: cuir chun na bochduinn.
 BEGGAR-MAID, *s.* Nighean bhochd, dìol-déirce.
 BEGGAR-MAN, *s.* See Beggar, 1.
 BEGGAR-WOMAN, *s.* Bean bhochd, dìol-déirce.
 BEGGARLINESS, *s.* Uireasbhuidheachd, bochduinn, diblidheachd, mìotharachd, aimbeartas.
 BEGGARLY, *adj.* Uireasbhuidheach, bochd, diblidh mìothar, aimbeartach.
 BEGGARLY, *adv.* See Beggarly, *adj.*
 BEGGARY, *s.* Bochduinn, uireasbhuidh, aimbeart.
 BEGILT, *adj.* Air òradh, òrta.
 BEGIN, *v. a. et n.* 1. Do the first act of any thing: tòisich, tionnsgain. 2. trace from any thing, as the first cause: tòisich, tarruing o. 3. Begin with: tòisich le. 4. commence any action, or state: tòisich. 5. enter upon something new: tòisich air. 6. enter upon existence: tòisich. The world began: thòisich an saogal. 7. have its original: tòisich o, tàrmaich o. 8. take rise, com-

mence : tàrmaich, tòisich. 9. come into act : tòisich ri.

BEGINNER, s. 1. He that gives the first cause, or original to any thing : fear-tòiseachaidh, ùghdair. 2. an unexperienced attempter, a young practitioner : foghlumaiche, duine gun ealantachd.

BEGINNING, s. 1. The first original, or cause : toiseach, aobhar, prìomh-aobhar, ceud-aobhar. 2. the entrance into act, or being : tòiseachadh, tòiseachadh air. 3. the state in which any thing at first is : prìomh chor, ceud chor. 4. the rudiments, or first grounds, or materials : toiseach, tòiseachadh. 5. the first part of any thing : a' cheud chuid.

BEGINNINGLESS, adj. Gun toiseach, gun tòiseachadh, gun tùs.

BEGIRD, v. a. 1. Bind with a girdle : crioslaich, cuairtich. 2. surround, encircle, encompass : cuairtich, iadh mu. 3. shut in with a siege : séisid, cuir séisid ri

BEGIRT, v. a. See Begird.

BEGNAW, v. a. Cnàmh, cnàmh-chagain, ith, ith air falbh.

BEGONE, interj. Air falbh thu ! á m' fhianuis ! tog ort !

BEGOT, pret. of v. Beget : ghlin.

BEGORED, adj. Tumta am fuil.

BEGOT, pret. part. v. Beget : air a ghineamh-

BEGOTTEN, f uinn, ginte.

BEGREASE, v. a. Salaich le mèithealachd, le h-ola, ño, le geir.

BGRIME, v. a. Salaich le eabar, dean dubh-shalach.

BGRINER, s. Neach, no ni, a shalacheas, a ñi dubh-shalach.

BGRUDGE, v. a. See Envy.

BEGUILE, v. a. 1. Impose upon, delude, cheat : meall, thoir an car á. 2. deceive, evade : meall, rach as o, seachain, faigh as. 3. deceive pleasantly, amuse : breug.

BEGUN, pret. part. v. Begin : tòisichte. See Begin.

BEHALF, s. 1. Favour, cause favoured : deadh-ghean, cùis-sheasamh, aobhar a dhian, as-leth, air-sgàth, air a thaobh. 2. vindication, support : as-leth, cùis-sheasamh, aobhar a dhian, air son.

BEHAPPEN, v. n. Tachair air, thig na charaibh, thig air.

BEHAVE, v. a. et n. 1. Carry, conduct : giùlain, gluais, gnàthaich, iomchair. 2. subdue, discipline : buadhaich, thoir gu strìochdadh, cum fuaidh smachd. 3. act, conduct yourself : giùlain thu féin, gluais thu féin.

BEHAVIOUR, s. 1. Manner of behaving one's self whether good or bad : giùlan, gluasad, iomchar, caitheamh-beatha, cleachdadh, gnàthachadh. 2. external appearance with respect to grace : beus, modh, gnàth. 3. gesture, manner of action : giùlan, dòigh, beus. 4. elegance of manners, gracefulness : modh, beus-ghrinn. 5. conduct, general practice, course of life : giùlan, gluasad, cleachdadh, caitheamh-beatha. 6. be upon one's behaviour : bi air t-fhaicill.

BEHEAD, v. a. Thoir an ceann dhe, di-cheann.

BEHEL, v. a. Cuir piantan ifrinn air, dian-chràidh.

BEHEMOTH, s. Behemot.

BEHEST, s. Àithne, iarrtas, òrdugh.

BEHIGHT, v. a. 1. Promise : geall. 2. entrust, commit : earb, thoir seachad do, cuir fuaidh chùram. 3. call, name : ainmich, innis ainm. 4. command : òrduich, iarr, thoir àithne. 5. adjudge : thoir mar a chòir, thoir seachad dha le breth. 6. address, speak to : labhair ri, cuir an céill do. 7. inform, assure : innis, cuir an céill, dean fiosrach. 8. mean, intend : ciallaich, tuig. 9. reckon, esteem : bi measail.

BEHIND, prep. 1. At the back of another : air chul, air cùlaobh. 2. on the back part, not before : air cùlaobh, air cùl. 3. towards the back : air cùlaobh, an déigh. 4. following another : an déigh. 5. remaining after the departure of something else : an déigh, air deireadh. 6. remaining after the death of those to whom it belonged : an déigh bàis, ñ' an déigh. 7. at a distance from something going before : air deireadh air, air ais, ñ' a dhéigh. 8. having the posterior place with regard to excellence : ñ' a dhéigh, air deireadh. 9. on the other side of something : gu taobh.

BEHIND, adv. As an t-sealladh, air ais, ri teachd.

BEHIND-HAND, adv. 1. In a state which any advantage is anticipated, so that less is to be received or more performed than the natural or just proportion : an déigh làimhe, rò-anmoch. 2. not upon equal terms with regard to forwardness : air deireadh, an déigh, ñi's anmoiche.

BEHOLD, v. a. Fàic, seall, amhairc, dearc, thoir fainear.

BEHOLD, interj. Feuch, faic.

BEHOLDEN, adj. An comain, fuaidh fhiachaibh.

BEHOLDER, s. Fear-amhairc, fear-faicinn.

BEHOLDING, adj. See Beholden.

BEHOLDING, s. Comain, comhstadh.

BEHOLDINGNESS, s. Comain, fiachan.

BEHONEY, v. a. Dean milis mar mhil.

BEHOOF, s. Ni is iomchuidh, ni tha chum buannachd, tairbhe, cothrom, maith.

BEHOOVABLE, adj. Iomchuidh, cothromach, feumail, dligheach, cubhaidh.

BEHOOVE, v. n. Bi iomchuidh, bi freagarrach.

BEHOOVEFUL, adj. Buannachdail, tarbhach, feumail, maith.

BEHOOVEFULLY, adv. See Behooveful.

BEHOVABLE, adj. Buannachdail, tarbhach, iomchuidh, feumail, cubhaidh.

BEHOVE, s. Buannachd, tarbhachd, cothrom.

BEHOVE, v. n. See Behoove, v. n.

BEHOVEFUL, adj. See Behooveful.

BEHOVELY, adj. Buannachdail, tarbhach.

BEHOWL, v. n. Donnalaich, dean ulartaich, bi burraich, ròic.

BEJADE, v. a. Sgìthlich, claidh le siubhal.

BEJAPE, v. a. Dean aobhar ghàire dheth, dean fochaid air, dean amadan dheth.

BEING, part. Bith.

BEING, s. 1. Existence, opposed to nonentity: bith.
2. a particular state, or condition: inbhe, cor, beatha. 3. the person existing: bith, creutair, ti, urra, neach, cré.
BEING, conj. A chionn, air dha bith, 's è sin.
BEING-PLACE, s. Ionad beatha, àite bith, àite còmh-nuidh.
BE IT SO, Bìodh e mar sin, ge 'd a bhiodh e mar sin.
BEKISS, v. a. Pòg, cuir fàilte.
BEKNAVE, v. a. Càin, gairm 'n a shlaightear.
BEKNOW, v. a. Aidich.
BELABOUR, v. a. Slachd, cnapaich, buail gu minic, gréidh, lundrainn, éirich air.
BELACE, v. a. Snaidhm, iallaich r' a chéile, teannaich le còrdaibh, sreangaich.
BELACED, adj. Sgeadaichte gu rìomhach, gréiste.
BELAM, v. a. Buail, cnapaich.
BELAMY, s. Caraid, fear-eòlais, aon ionmhuinn.
BELAMOUR, s. Leannan, suiriche, céile, aon gaoil.
BELATE, v. a. Cum moille air, dean anmoch, cuir an oidhche air.
BELATED, adj. Anmoch, feasgarach, a mach 's an oidhche.
BELATEDNESS, s. Athaiseachd, màirnealachd, slaod-achd.
BELAVE, v. a. Nigh, ionnlaid.
BELAY, v. a. 1. Block up, stop the passage: druid a stigh, dùin a suas. 2. place in ambush: feall-fholaich, fàth-fheith, cuir am plaid-luidhe. 3. decorate, lay over: maisich, dean rìomhach, còmhdaich thairis le obair-ghréis. 4. splice a rope: sreangaich, iallaich, teannaich le còrdaibh, snaidhm.
BELCH v. a. et n. 1. Throw out from the stomach: brùchd a mach, brist gaoth, dìobhair. 2. eject the wind from the stomach, eruct: brùchd gaoth, raoichd. 3. issue out as by eructation: brùchd, taom a mach, tilg an àirde.
BELCH, s. 1. The act of eructation: brùchdadh, dìobhairt. 2. a cant term for malt liquor: leann-gaoithe.
BELCHING, s. Brùchdadh, brùchdail, dìobhairt.
BELDAM, s. 1. An old woman, generally a term of contempt: sean chailleach, cailleach chrosda, cailleach chànrnach. 2. a hag: droch cailleach, sean bhuitseach.
BELEAGUER, v. a. Iom-dhruid, teannaich mu 'n cuairt, iadh air gach taobh, séisd.
BELEAGURER, s. Séisdear, fear iom-dhruididh.
BELEAVE, v. a. Fàg, tréig.
BELEE, v. a. Cuir as a ghaoith, bi am fasgadh.
BELEMNITES, s. Saighead shithe.
BELEPER, v. a. Buail mar le luibhre, salaich mar le luibhre.
BELFOUNDER, s. Fear-dèanaimh chlag, ceàrd chlag.
BELFRY, s. Clag-thigh, ionad bualaidh chlag.
BELGARD, s. Caoin shuil, miog-shuil, blà shealladh.
BELIBEL, v. a. See Libel, v. a.
BELIE, v. a. 1. Counterfeit, feign, mimic: gabh ort riochd, riochdaich, bi coltach ri, mag. 2. charge with falsehood: breugaich, thoir a bhreug

do. 3. calumniate: cùl-chàin, aithris gu mcallta. 4. give a false representation of any thing: aithris breugan. 5. fill with lies: lion le breugaibh, tòrr le breugaibh.

BELIEF, s. 1. Credit given to something that we know not of: creideas. 2. the theological virtue of faith: creidimh. 3. religion, the body of tenets held by the professors of faith: creidimh, aidmheil creidimh. 4. persuasion, opinion: barail. 5. the thing believed, the object of belief: ni a théid a chreidsinn. 6. creed: creud, creid-eamh-catharra.

BELIEVABLE, adj. So-chreidsinn, creideasach.

BELIEVE, v. a. et n. 1. Credit upon the authority of another: creid, thoir creideas do. 2. put confidence in the veracity of any one: thoir creidas, do, bi cinnteach, á earb á. 3. have a firm persuasion of any thing: creid, bi creidsinn. 4. exercise the theological virtue of faith: creid, bitheadh creidimh agad. 5. hold as an object of faith: creid ann. 6. trust, place full confidence in: creid ann, earb á, biodh muinghinn agad ann. 7. *I believe*, is sometimes used as a way of slightly noting some want of certainty, or exactness: tha mi creidsinn.

BELIEVER, s. 1. He that believes or gives credit: creideach, creidmbeach, neach a tha toirt creidis seachad. 2. a professor of Christianity: fear aidmheil an t-Soisgeil, Criosduidh.

BELIEVINGLY, adv. Gu creidmheach, le làn carbsa, gu creideasach.

BELIKE, adv. 1. Probably, likely, perhaps: a réir coslais, maith a dh' fhaodta, theagamh, faodaidh e bhith. 2. *it may be supposed*, (used ironically): feudar a smuainteachadh.

BELIKELY, adv. Glé choltach.

BELIVE, adv. Gu luath, gu grad, gun dàil.

BELL, s. 1. A vessel or hollow body of cast metal: clag. 2. any thing in the form of a bell, as the cups of flowers: ni air chumadh cluig, cupa luis. 3. a small hollow globe of metal perforated, and containing in it a solid ball, which, when shaken, gives a sound: clag beag. 4. *bell, book, and candle*, the old phrase for execration: ascaoin-eaglais. 5. *bear the bell*, be the first: toiseach, àrd-onoir cùise. 6. *shake the bells*: crathadh a chluasan, maslachadh a chluasan.

BELL, v. n. Fàs air chumadh cluig.

BELL-FASHIONED, adj. Air chumadh cluig.

BELLE, s. Steudag, ribhinn, maise mnà.

BELLED, adj. Rìs am bheil cluig bheag an crochadh, cluigealach.

BELLES-LETTRES, s. Snas-chainnt sgrìobhaidh, foghlum usal; eòlas-finealta.

BELLIED, adj. See Big-bellied.

BELLIGERANT, } adj. Bagarach air cogadh, cogach.

BELLIGEROUS, } adj. Bagarach air cogadh, cogach.

BELLIGERATE, v. n. Bi cogadh, cog, dean cogadh.

BELLIGERENT, adj. See Belligerant.

BELLING, s. Bùirich, langanaich.

BELLIPOTENT, adj. Euchdach.

BELLIQUE, adj. Gaisgeil, curanta, treubhach, cath-

ach.
BELLITUDE, *s.* Maiseachd, àilleachd, grinneas.
BELLOW, *v. n.* 1. Make a noise as a bull: bùir, raoichd, ràn. 2. make any violent outcry: beuc, raoichd, ràn, dean sgalariaich. 3. vociferate, clamour: éigh, glaodh, sgreadh, sgreuch, dean sgalariaich. 4. roar as the sea in a storm, or as the wind: beuc.
BELLOW, *s.* Beuc, gàirich, rànaich.
BELLLOWER, *s.* Rànaire, beucair, sgalariaiche, fear-bùirich.
BELLOWING, *s.* Beucaich, sgalariaich, bùirich, rànaich, gàirich.
BELLOWS, *s.* Bolg-séididh.
BELLUINE, *adj.* Ainmhidheach, brùideil an-ìochdmhor.
BELLY, *s.* 1. That part of the body which reaches from the breast to the thighs: brù, bolg. 2. the part of the body of a beast next the ground: brù. 3. the womb: bolg, brù. 4. that part of man which requires food in opposition to the back: a' bhrù. 5. the part of any thing that swells out into a large capacity: bolg, brù. 6. any place in which something is enclosed: taobh a stigh, brù.
BELLY, *v. a. et n.* 1. Fill, or swell out: lìon an àirde, bòc a mach. 2. swell into a larger capacity, hang out: at an àirde, bòc, cinn ni's mò, bulgach.
BELLYACHE, *s.* Tinneas-bronn, greim-mionaich, brùghoirt.
BELLY-BAND, *s.* Crios-bronn.
BELLY-BOUND, *adj.* Teann 's a' chorp, com-dhaingean.
BELLY-CHEER, *s.* Ròichd, teann-shàth.
BELLY-FRETTING, *s.* 1. The chafing of a horse's belly with the fore girt: suathadh crios-bronn. 2. a great pain in a horse's belly caused by worms: goirteas-bronn.
BELLY-FUL, *s.* 1. As much food as fills the belly: làn-bronn, sàth, sàitheachd. 2. it is often used ludicrously for more than enough: seid, sac-bronn.
BELLY-GOD, *s.* Geòcair, cragsair, slugair.
BELLY-PINCHED, *adj.* Ocrach, gortach.
BELLY-ROLL, *s.* Rolair-meadhoin.
BELLY-SLAVE, *s.* Geòcair, crasair.
BELLY-TIMBER, *s.* Cornadh-bronn, biadh.
BELLY-WORM, *s.* Botus.
BELMAN, *s.* Fear-bualaidh cluig, fear-cluig.
BELMETAL, *s.* Clag-mheiteal.
BELock, *v. a.* Glais, druid, dùin mar fe glais.
BELOMANCY, *s.* Fiosachd le saighdibh.
BELONG, *v. n.* 1. Be the property of: buin do. 2. be the province, or business of: buin, dean do ghnòthach dheth. 3. adhere, be appendant to: buin, bi an ceangal ri. 4. have relation to: bi leis, buin do. 5. be the quality, or attribute of: buin. 6. be referred to, relate: buin.
BELONGING, *s.* Buaidh, gnè, càil, feart.
BELoved, *part.* Gràdhaichte, ionmhuinn.
BELOW, *prep.* 1. Under in place, not so high: fò, fuidh. 2. under in point of time: an déigh. 3. inferior in dignity: ni 's ìsle, fuidhe. 4. inferior

or in excellence: ni 's tàire, ni 's suaraiche, fuidhe.
 5. unworthy of, unbecoming: fuidh, ro-ìosal.
BELOW, *adv.* 1. In the lower place, in the place nearest the centre: gu h-ìosal, fuidhe, shiòs, 's an ionad ìochdrach. 2. on earth, in opposition to heaven: air talamh, air làr. 3. in hell, in the regions of the dead, opposed to heaven and earth: 's an ionad ìochdrach, shiòs, gu h-ìosal.
BELOWT, *v. a.* Càin, mag, tàmailtich.
BELRINGER, *s.* Fear-cluig.
BELROPE, *s.* Còrd cluig, slabhraidh cluig.
BELSWAGGER, *s.* Fear siùrsachd, fear thigh strìopach.
BELT, *s.* Crios meadhoin.
BELT, *v. a.* Crioslaich mu 'n cuairt, cuir ann an crios cuairt.
BEMAD, *v. a.* Cuthaich, cuir air a' chuthach, cuir air boile.
BEMANGLE, *v. a.* Gearr 'n a bhloighdibh, thoir as a chèile.
BEMASK, *v. a.* Còmhaich do ghnùis, fòluich d' aghaidh.
BEMAZE, *v. a.* Cuir 'n a bhreislich.
BEMETE, *v. a.* Tomhais le slait.
BEMINGLE, *v. a.* Measgaich.
BEMIRE, *v. a.* Luidrich, eabair, salaich le poll.
BEMIST, *v. a.* Dorchaich, doilleirich, tarruing sgàil air.
BEMOAN, *v. a.* Dean cumha, caoidh, dean tuireadh, gearain, dean bròn.
BEMOANABLE, *adj.* Brònach, dubhach, tuirseach, truagh.
BEMOANER, *s.* Fear-caoidh, fear-gearain, fear-bròin.
BEMOANING, *s.* Tuireadh, caoidh, bròn, cumha.
BEMOCK, *v. a.* Dean fochaid, tarcaisich.
BEMOIL, *v. a.* Slaod feadh a' phuill, eabraich, eabair, salaich, luidir.
BEMONSTER, *v. a.* Dean uamhasach, cuir á cumadh le meud.
BEMOURN, *v. a.* Caoidh, bi dubhach, dean tuireadh, dean cumha.
BEMUSED, *adj.* Smuaintinneach, buadarach.
BENCH, *s.* 1. A seat distinguished from a stool by its greater length: being, ionad-suidhe. 2. a seat of justice: cathair-breitheanais, cathair-cheartais. 3. the persons sitting on a bench: breith-eamhan, luchd-cheartais.
BENCH, *v. a.* 1. Furnish with benches: suidhich beingeannan. 2. seat upon a bench: cuir air being.
BENCHER, *s.* 1. Those gentlemen of the inns of court, who have been readers, are called benchers, or barristers: fear-beinge, fear-tagraidh an cùirt ceartais. 2. used also for the alderman of a corporation: bàillidh. 3. a judge: breith-eamh, fear-cheartais.
BEND, *v. a. et n.* 1. Make crooked, inflect: crom, cam, camaich, lùb. 2. direct to a certain point: crom, stiùir. 3. apply to a certain purpose, to intend the mind: suidhich d' inntinn, leag d' inntinn. 4. put any thing in order for use: cuir an uidheam, suidhich, lagh. 5. incline: aom, lùb. 6. bow in

- token of submission : crom. 7. subdue, make submissive : crom, ceansaich. 8. *bend the brow*, crom a' mhala, cuir mùig air. 9. be incurvated : bi crom, bi cam, bi claon, bi fiar. 10. lean, or jut over : aom thairis, croch thairis. 11. resolve, determine : suidhich, cuir ìomhad. 12. be submissive, bow : crom thu féin.
- BEND**, *s.* 1. Flexure, incurvation : cromadh, camadh, fiaradh, lùbadh, claonadh. 2. the crooked timbers which make the ribs, or sides of a ship : aisnean-bàta, no luinge, tarsuinn bàta. 3. a band, or company : buidheann, cuideachd. 4. purpose : togradh, aomadh.
- BENDABLE**, *adj.* So-lùbaidh, so-chromaidh, a ghabhas fiaradh.
- BENDER**, *s.* 1. The person who bends : fear-cromaidh, fear-lùbaidh. 2. the instrument with which any thing is bent : inneal-cromaidh, uidheam-lùbaidh. 3. the muscles called benders : fèithean crùbaidh.
- BENEAPED**, *adj.* Tràighte, air chonn-traigh.
- BENEATH**, *prep.* 1. Under, lower in place : fuidh, fo, ni 's ìsle. 2. under, as overborne, or overwhelmed by some pressure : an iochdar air, fuidhe. 3. lower in rank, excellence, or dignity : ni 's ìsle, fuidhe, ni 's suaraiche. 4. unworthy of, not equal to : neo-airidh air, fuidhe.
- BENEATH**, *adv.* 1. In a lower place, under : gu h-ìosal, fuidhe. 2. below, as opposed to heaven : gu h-ìosal, air thalamh, air làr.
- BENEDICT**, *adj.* Beannaichte.
- BENEDICTION**, *s.* 1. Blessing : beannachadh, beannachd. 2. the advantage conferred by blessing : beannachd, beannachadh. 3. acknowledgments for blessings received : breith-buidheachais, beannachadh. 4. the form of instituting an abbot : coisreagadh aba.
- BENEFACCTION**, *s.* 1. The act of conferring a benefit : buileachadh thiodhlacan. 2. the benefit conferred : tiodhlacadh, deadh-ghnìomh.
- BENEFACCTOR**, *s.* Tabhartair thiodhlacan, caraid, fear-cùl-taic, fear oirchiseach.
- BENEFACRESS**, *s.* Deadh bhan-charaid, bean oirchiseach.
- BENEFICE**, *s.* 1. Advantage conferred on another, chiefly ecclesiastical livings : beathachadh-eaglais, gnìomh-maitheis. 2. (in the feudal language) an emolument and duty, also a benefit : tiodhlac, tabhartas.
- BENEFICENCE**, *s.* Maitheas, oircheas, deadh-dhèanadas.
- BENEFICENT**, *adj.* Toirbheartach, maitheasach, seirceil, caoimhneil, fiùghantach, tabhartach.
- BENEFICENTLY**, *adv.* See Beneficent.
- BENEFICIAL**, *adj.* 1. Advantageous, conferring benefits, useful : tarblach, luachmhor, buannachdail, feumail. 2. helpful, medicinal : leigheasach, slàinteil.
- BENEFICIAL**, *s.* See Benefice.
- BENEFICIALLY**, *adv.* See Beneficial, *adj.*
- BENEFICIALNESS**, *s.* Feumalachd, tarbhachd, buannachd.
- BENEFICIENCY**, *s.* Caoimhneas, maitheas, tròcaireachd.
- BENEFICIENT**, *adj.* Caoimhneil, maitheasach tròcaireach, toirbheartach, tabhartach
- BENEFIT**, *s.* 1. A kindness, a favour conferred, an act of love : tiodhlac, deadh-ghnìomh. 2. advantage, profit : tairbhe, buannachd, sochair, cothrom. 3. (in law) benefit of clergy : sochair na cléire o shean, leis am feudadh aon diubh a chuis a thogail o lagh na tìre gu 'n càirt féin. 4. without benefit of clergy : a' chléir air cho-leagadh ri càch a thaobh lagh na tìre.
- BENEFIT**, *v. a. et n.* 1. Do good to, advantage : dean maith do, dean còmhnaidh, dean feum. 2. gain advantage, make improvement : buannaich, faigh tairbhe.
- BENEGROE**, *v. a.* Dubh-dhorchaich.
- BENEME**, } *v. a.* 1. Name, pronounce : ainmich,
BENEMPNE, } innis cò, cuir an cèll ainm. 2. promise, give : geall, thabhair.
- BENEMPT**. See Beneme.
- BENEPLACITURE**, *s.* Toil mhaith, roghainn.
- BENET**, *v. a.* Glac le eangaich, rib, tarruing an lion.
- BENEVOLENCE**, *s.* 1. Disposition to do good, kindness, charity, good-will : maitheas, fiùghantachd, deadh-ghean, deadh-rùn. 2. the good done, the charity given : maitheas, deadh-bhuil, compàrtachadh.
- BENEVOLENT**, *adj.* Caoimhneil, seirceil, maitheasach, fiùgantach, daonnach.
- BENEVOLENTLY**, *adv.* See Benevolent.
- BENEVOLENTNESS**, *s.* See Benevolence.
- BENEVOLOUS**, *adj.* Caoimhneil, càirdeil.
- BENIGHT**, *v. a.* 1. Darken, involve in darkness : dorchaich, duibhrich. 2. surprise with the coming on of night : thoir dorcha na h-oidhche air, cuartaich le dorchadas. 3. debar from intellectual light : dorchaich inntinn, cum an ain-colas.
- BENIGN**, *adj.* 1. Kind, generous, liberal : caoimhneil, fiùghantach, fial, maitheasach, tròcaireach. 2. wholesome, not malignant : maith, slàinteil. (Benign disease) : tinneas fàbharach.
- BENIGNANT**, *adj.* Caoimhneil, tròcaireach, maitheasach.
- BENIGNITY**, *s.* 1. Graciousness, goodness : tròcaireachd, maitheasachd. 2. actual kindness : fìor-caoimhneas, caomhalachd, càirdeas. 3. salubrity, wholesome quality : fallaineachd, slàntealachd.
- BENINGLY**, *adv.* See Benign.
- BENISON**, *s.* Beannachd, beannachadh.
- BENT**, *s.* 1. The state of being bent : camadh, lùbadh, cromadh. 2. degree of flexure : claonadh, fiaradh, cromadh. 3. declivity of a hill : tèarnadh, bruthach. 4. utmost power, as of a bent bow : làn-heart. 5. application of the mind, strain of the mental powers : dìchioll, uile chumhachd, dian chomas. 6. inclination, disposition towards something : aomadh, claonadh, rùn-suidhichte, toil, togradh. 7. determination : rùn-suidhichte, dearbh-beachd. 8. turn of the temper, or disposition : aomadh, claonadh, fiaradh, tionndadh-aignidh, no, nàduir. 9. tendency, flexion : aomadh, lùb-

adh, claonadh, fiaradh, cromadh. 10. a kind of grass : muran. 11. benting time, the time when pigeons feed on bent : àm ith a' mhurain.

BENUM, v. a. 1. Make torpid : meilich, einglich, dean marbhanach. 2. stupify : dean gun othail, cuir 'n a bhreislich.

BENUMMEDNESS, s. Meileachadh, toirt air falbh othail.

BEPAIN, v. a. Còmhdaich le dath, dath.

BEPALE, v. a. Dean bàn, dean glas-heulach.

BEPINCH, v. a. Bid, pìoc, creidhm.

BEPISS, v. a. Mùin air, dean uisge air.

BEPRAISE, v. a. Àrd-mbol, cliùthaich thar tomhas.

BEPURPLE, v. a. Dath, air dhath purpuir.

BEQUEATH, v. a. Tiomnaich, thoir mar dhileab.

BEQUEATHER, s. Tiomnadair.

BEQUEATHMENT, s. Dileab.

BEQUEST, s. Dileab.

BERAIN, v. a. Uisgich, frasaich air.

BERATTLE, v. a. Dean gleadhraich, fuadaich le clach-bhalg.

BERAY, v. a. Còmhdaich le salchar.

BERBERRY, s. Goirt dhearc.

BERE, s. Eòrna.

BEREAVE, v. a. 1. Strip of, deprive of : buin uaith, creach, rùisg, dìthich, dean lom. 2. take away from : thoir air falbh, buin uaith, dean falamh.

BEREAVEMENT, s. Creach, creachadh, spùinneadh.

BEREFT, part. Creachta, spùinnite.

BERG. See Burrow.

BERHYME, v. a. Cuir an rannachd.

BEROB, v. a. See Rob, *v. a.*

BERRY, s. 1. Any small fruit with many seeds or small stones : dearc, dearcag, sùbh. 2. a hillock, a mound. See Barrow.

BERYL, s. Clach luachmhor, beril.

BESAINT, v. a. Dean naomh dheth, cuir an àireamh nan naomh.

BESCATTER, v. a. Ioma-sgap.

BESCORN, v. a. Dean dimeas air, tarcuisich, tàmailtich.

BESCRATCH, v. a. Sgrìob, thoir an craicinn deth.

BESCRAWL, v. a. See Scrawl.

BESCREEN, v. a. See Screen, *v.*

BESCRIBBLE, v. a. See Scribble.

BESEE, v. n. Seall, faic, thoir fainear.

BESEECH, v. a. 1. Intreat, supplicate, implore : achuingich, asluich, grios, guidh, iarr gu dùrachdach. 2. beg, ask : guidh, iarr.

BESEECH, s. Iarrtas, athchuinge, guidhe.

BESEECHEE, s. Fear-guidhe, fear-asluich, fear-iarrtais.

BESEEK, v. a. See Beseech.

BESEEM, v. a. Bi freagarrach, bi cubhaidh, bi iomchuidh, bi ciatach.

BESEEMING, s. Freagarrachd, ciatachd, iomchuidheachd.

BESEEMLY, adj. Freagarrach, cubhaidh, iomchuidh, ciatach.

BESEEN, part. Air sealltainn, faicte, air a thoirt fainear.

BESSET, v. a. 1. Besiege, hem in, inclose : cuartaich,

séisd, iadh mu thimcheall, druid a stigh. 2. way-lay, surround : fàth-fheith, luidh am plaid. 3. embarrass, perplex : cuir an iomcheist, cuir an iomachomhairle. 4. fall upon, harass : buail air, tuit air.

BESHINE, v. n. Soillsich, dealraich.

BESHREW, v. a. 1. Wish a curse to : mallaich e, guidh mallachd air, guidh droch còdhail do. 2. happen ill to : mallaich, guidh gu h-olc do.

BESHUT, v. a. Dùin a suas, druid.

BESIDE, } prep. 1. At the side of another, near :
BESIDES, } lámh ri, fagus do, teann air, ri taobh.
 2. over and above : bhàrr air, a thuilleadh air, os ceann. 3. not according to, though not against, ni h-ann do féir, an taobh a muigh dheth. 4. out of, in a state of deviating from : a mach as, uaith.

BESIDE, } adv. 1. More than that : a thuilleadh
BESIDES, } air, a bhàrr air, os bàrr. 2. not in this number : tuilleadh, a bhàrr. 3. except : ach, gun.

BESIEGE, v. a. Séisd, iom-dhruid, teannaich mu 'n cuairt, dùin a stigh, cuartaich baile gu 'ghlacadh.

BESIEGER, s. Séisdear, fear-ioma-dhruididh.

BESIT, v. a. Dean freagarrach, dean iomchuidh, dean cubhaidh.

BESLAVE, v. a. Cuir an daorsa, dean 'n a thràill

BESLIME, v. a. Salaich, tilg poll air.

BESLUBBER, v. a. Salaich, drabhasaich.

BESMEAR, v. a. 1. Bedaub : salaich, luidrich, smeur thairis. 2. soil, foul : salaich, cuir sal air, dubh.

BESMEARER, s. Fear-smeuraidh, fear-luidridh.

BESMIRCH, v. a. Salaich, dubh, mill a dhath.

BESMOKE, v. n. 1. Foul with smoke : deataich, salaich le deatach. 2. harden, or dry in smoke : cruadhaich 's an deathach, tiormaich 's an deathach.

BESMUT, v. a. Dean dubh le deathach, salaich le sùith.

BESNOW, v. a. Sgaoil mar an sneachd, dean geal mar an sneachd.

BESNUFFED, adj. Salaichte le snaoisean.

BESOM, s. Sguab-urlair, sguab.

BESORT, v. a. Seòrsaich, cuir air leth, suidhich a féir a chéile.

BESORT, s. Cuideachd, luchd-céilidh, luchd-leanmhuinn, luchd-frithealaidh.

BESOT, v. a. 1. Infatuate, stupify, dull : amadan- aich, fàg gun tùr, fàg gun toinise, dean gun othail, cuir air mhise. 2. make to doat : cuir 'n a bhreislich.

BESOTTEDLY, adv. Gu h-amadanach, gu neo-othail- each.

BESOTTEDNESS, s. Amadanachd, umpaidheachd.

BESPANGLE, v. a. Dealraich, lainnirich le seudaibh.

BESPATTER, v. a. 1. Soil by throwing filth : salaich, tilg poll air, drabhasaich. 2. asperse with reproach : maslaich, càin, mill a chliù, dubh.

BESPAWL, v. a. Smugaidich, tilg sileadh air.

BESPEAK, v. a. 1. Order, entreat any thing beforehand : òrduich, iarr foimh làmh, bruidhinn trà air a shon, cuir eàrlas air. 2. make way by a previous apology : gabh leisgeul tràthail. 3. forebode, tell something beforehand : foimh-innis. 4.

speak to, address: labhair ri, cuir an céill do.
 5. betoken, shew: cuir an céill.
BESPEAKER, s. Fear deadh earalais, fear-iarraidh foimh làimh.
BESPECKLE, v. a. Dean breac, dean ballach.
BESPET, v. a. Dean ballach le smugaidibh, no, le sìle.
BESPEW, v. a. Sgeith, salaich le sgeith.
BESPICE, v. a. Gréidh le peabar.
BESPIT, v. a. See Bepet.
BESPOKE, part. See Bespeak.
BESPOT, v. a. Dean breac, dean ballach.
BESPREAD, v. a. Còmhdach thairis, sgaoil thairis.
BESPARENT, part. Crathta le uisge.
BESPRINKLE, v. a. Uisgich, crath uisge air, sriodag-aich.
BESPRINKLER, s. Fear-crathaidh uisge.
BESPIRT, } v. a. Tilg a mach gu sgapach, drabhas-
BESPURT, } aich, salaich.
BESPUTTER, v. a. Drabhasaich, salaich le smugaidibh, fag gràineil le sìle.
BEST, adj. (superlative degree). 1. Most good: a 's feàrr, iomlan maith. 2. the utmost power, the strongest endeavour: uile neart, a 's feàrr is urrainn e. 3. carry to the greatest perfection, make the best: dean a' chuid a 's feàrr dheth.
BEST, adv. Gu ro-mhaith, a 's feàrr.
BESTAIN, v. a. Cuir buill shalach air.
BESTEAD, v. a. 1. Profit: tarbhaich, buannaich. 2. treat, accommodate: càirich gu maith, cuir riut féin. 3. dispose: rùnaich, suidhich 'n ad inntinn.
BESTIAL, adj. 1. Belonging to a beast: ainmhidheach, a bhuineas do bhrùid. 2. having the qualities of beasts, brutal, carnal: brùideil, an-ìochdmhor, feòlmhor.
BESTIALITY, s. Ainmhidheachd, brùidealachd, feòlmhorachd.
BESTIALIZE, v. a. Dean 'n a ainmhidh, dean mar ainmhidh.
BESTIALLY, adv. See Bestial.
BESTICK, v. a. Combarraich le buill.
BESTINK, v. a. Dean droch bholadh, dean droch fhàile.
BESTIR, v. a. Grad-ghluais, éirich an àirde, mosgail, caraich, dean cabhag, broснаich.
BESTNESS, s. An staid is ro-fheàrr.
BESTORM, v. a. Beuc, éirich gu h-atmhor, séid, dean mòr stoirm.
BESTOW, v. a. 1. Give, confer upon: thoir seachad, thoir do, builich air. 2. give as charity or bounty: thoir mar thiodhlac, thoir mar oircheis, builich le gean maith. 3. give in marriage: thoir seachad am pòsadh, pòs. 4. give as a present: thoir seachad an tiodhlac, compàirtich ri. 5. apply: cuir. 6. lay out upon: thoir air son, cuir a mach air son, cosg air. 7. lay up, stow, place: cuir a suas, taisg seachad.
BESTOWAL, s. Tabhartas seachad, buileachadh.
BESTOWER, s. Tabhartair, fear-buileachaidh, tiodhlac-air.
BESTRADDLE, v. a. Seo Bestride.
BESTRAUGHT, part. Air mhearaichinn, air a' chuthach, air boile.

BESTREW, v. a. See Strew.

BESTRIDE, v. a. 1. Stride over any thing: lean casa gobhlach, rach casa gobhlach. 2. step over: ceum thairis. 3. ride on: marcaich air a mhuin, marcaich. 4. often used of a man standing over something which he defends: seas thairis air, teasraig e.

BESTUD, v. a. Leugaich, seudaich, sgeadaich le cinn-thàirnean.

BESWIKE, v. a. Tàlaidh, meall, breugaich.

BET, s. Geall.

BET, v. a. Cuir geall, cuir an geall, leag geall air.

BETAKE, v. a. 1. Commit, entrust or deliver: thoir seachad do, cuir fuidh chùram, thoir toirteas thairis do. 2. have recourse to: theirig d' a ionnsuidh, iarr cobhair air. 3. apply: rach d' a ionnsuidh. 4. move, remove: falbh, imich, siubhail, gluais, togair, bi falbh.

BETAUGHT, pret. of Betake, sense 1.

BETEEM, v. a. Thoir a mach, builich, bàirig.

BETHINK, v. a. et n. 1. Recal to reflection: smuaintich, cuimhnic, gairm gu d' aire, beachdaich. 2. consider: smuainich, thoir fainear.

BETHOUGHT, part. Smuaintichte.

BETHRALL, v. a. Buadhaich thairis air, cuir an daorsa, dean tràill dheth.

BETHUMP, v. a. Buail, spuac, cnap, éirich air.

BETIDE, v. a. et n. 1. Happen to, befall: tachair do, éirich a mach, thoir gu crìch. 2. come to pass, fall out, happen, without the person: tachair, tuit a mach, tàrladh, thigeadh gu teachd. 3. become, be the fate: tachradh do, tàrladh.

BETIME, } adv. 1. Seasonably, early: 'na àm,

BETIMES, } moch, tràthail. 2. soon, before long time has passed: an ùine ghoirid, gu luath. 3. early in the day: moch-thrath, gu moch, 's a' mhad-uinn.

BETOKEN, v. a. 1. Signify, mark, represent: ciallaich le, comharraich, samblaich. 2. foreshew, presignify: innis foimh làimh, cuir an céill foimh làimh.

BETONY, s. Lus nìch bheathaig, glasair-choille.

BETOSS, v. a. 1. Disturb, agitate: cuir gluasad fuidh, cuir fuidh bhuaireas, crath. 2. toss into the air: luaisg 's an athar, tulg, crath, cuir foimh chéile.

BETRAP, v. a. Cuir an ribe, glac le lìon.

BETRAY, v. a. 1. Give into the hands of enemies by treachery: brath. 2. discover that which has been entrusted to secrecy: dean feall, meall, leig ris rùn dìomhair caraid. 3. expose to evil by revealing something entrusted: brath, nochd a chum a chall. 4. make known something that were better concealed: bi luath-bheulach, cuir os àird, leig ris, thoir am fradharc. 5. make liable to fall into something inconvenient: brath, cuir an cunnart. 6. shew, discover: brath, nochd gu foilleil.

BETRAYER, s. Brathadair, mealltair, fear-brathaidh, fear-foille.

BETRIM, v. a. Rìomhaich, sgeadaich, éid, sgèimhich, snasaich, deasaich.

BETROTH, v. a. 1. Contract to any one in order to marriage : réitich, dean ceangal-pòsaidh. 2. have as affianced by promise of marriage : dean ceangal-pòsaidh, biodh agad an ceangal-pòsaidh. 3. nominate to a bishopric, in order to consecration : dean ceangal pòsaidh ri eaglais.

BETROTHMENT, s. Ceangal-pòsaidh.

BETRUST, v. a. Earb, cuir an earbsa ri.

BETTER, adj. (comparative of good). 1. The superiority, the advantage : a chuid a 's feàrr. 2. improvement : ni 's feàrr, ni 's fheàrr.

BETTER, adv. (comparative of well). 1. Well in a greater degree : ni 's fheàrr, ni 's feàrr. 2. more, in a greater degree, or quantity : ni 's mò.

BETTER, v. a. 1. Improve, ameliorate : dean ni 's feàrr, leasaich, cuir am feabhas. 2. surpass, exceed : dean ni 's ro fheàrr ; dean gu fìor mhaith. 3. advance, support : cuir air aghairt, leasaich, cum suas.

BETTER, s. 1. A superior person, one to whom precedence is given : an ceud neach, am fear a 's urramaiche, am fear a 's fheàrr. 2. the act of ameliorating, or improving : feabhas, deanamh ni 's feàrr.

BETTING, s. Cur geall.

BETTOR, s. Fear-chuir gheall, fearr gheall.

BETTY, s. Tailm bhristidh ghlas.

BETUMBLD, adj. Ròimh chéile, air a thilgeadh a null 's a nàll.

BETWEEN, prep. 1. In the intermediate space : eadar, anns a' mheadhon. 2. from one to another, noting intercourse : eadar. 3. bearing relation to two : eadar. 4. belonging to two, in partnership : eadar. 5. noting difference, or distinction between the one and the other : eadar.

BETWIXT, prep. 1. In the midst of two : eadar. 2. from one to another : eadar.

BEVEL, } s. Oisinn neo-dhìreach.
BEVIL, }

BEVEL, v. a. Dean oisinn neo-dhìreach.

BEVER. See Beaver.

BEVER, s. Greim meadhoin là.

BEVER, v. n. Ith greim meadhoin là.

BEVERAGE, s. 1. Drink, liquor to be drunk in general : deoch, dibh. 2. water cyder : leann ùbhlan. 3. a treat upon wearing a new suit of clothes : failt' ùir dheise. 4. a treat at first coming into a prison : fàilte prìosain.

BEVY, s. 1. A flock of birds : ealt eun. 2. a company, an assembly : cuideachd, buidheann, bannal, còisir.

BEWAIL, v. a. et n. 1. Bemoan, lament, express sorrow for : dean caoidh, guil, dean tuireadh, dean bròn. 2. express grief : caoin, guil, caoidh.

BEWAILABLE, adj. Muladach, brònach, dublach, sgiòrail, cruaidh.

BEWAILING, s. Caoidh, tuireadh, bròn, caoineadh.

BEWAKE, v. a. Cum 'n' ad dhuisg, dean caithris, dean faireachadh.

BEWARE, v. n. Bi air t' fhaicill, thoir an aire.

BEWEEP, v. a. et n. 1. Weep over, or upon, bedew with tears : dean bròn, fliuch le deòir, dean caoidh

os a cheann. 2. weep, make lamentation : guil, caoidh, bi tuireadh, caoin.

BEWET, v. a. Fliuch, uisgich le deòir, dean caoidh.

BEWHORE, v. a. 1. Corrupt, with regard to chastity : truail, salaich. 2. pronounce a whore : gairm 'n' a siùrsach, cuir an céill i 'n' a striopach.

BEWILDER, v. a. Seachranaich, iomrallaich, rach mearachd air an t-slighe.

BEWINTER, v. a. Dean gaillionach, cuir coltas a' gheamhraidh air.

BEWITCH, v. a. 1. Injure by witchcraft : cuir buit-seachd air, cuir druidheachd air, dean druidheachd do. 2. charm : cuir fuidh gheasaibh.

BEWITCHER, s. Fear-cuir fuidh gheasaibh.

BEWITCHERY, s. Buitseachd, druidheachd, geasan.

BEWITCHFUL, adj. Geasach, tarruing d' a ionnsuidh, tàlaidheach.

BEWITCHING, s. Buitseachd, druidheachd.

BEWITCHINGLY, adv. See Bewitchful.

BEWITCHMENT, s. Druidheachd, buille-sùla, geasachd.

BEWONDERED, adj. Air a bhualadh le iongantas, làn ioghnaidh.

BEWRAP, v. a. Còmhdaich thairis, fill mu 'n cuairt.

BEWRAY, v. a. 1. Betray, discover perfidiously : brath, nochd gu fealltach. 2. shew, make visible : foillsich, taisbein.

BEWRAYER, s. Brathadair, fear-foille, mealltair.

BEWRECK, v. a. Cuir 'n' a bhloighdibh, dìthich, mill gu tur.

BEWROUGHT, part. Dèanta, oibrichte.

BEYOND, prep. 1. Before, at a distance, not yet reached : ròimhe. 2. on the farther side : thall, air an taobh thall. 3. farther onward than : ni 's faide air aghairt na. 4. past, out of the reach of : seachad air, air nach urrainn e ruigheachd. 5. above, proceeding to a greater degree than : os a cheann, a' dol thairis air. 6. above, in excellence : ròimhe, air thoiseach air. 7. remote from : fada uaith. 8. go beyond, or deceive : thairis air.

BEYOND, adv. Air falbh, an sud.

BEZZLE, v. a. Struidh, dean ana-caitheambh.

BIANGULATED, } adj. Dà-oisinneach, dà-uileann-
BIANGULOUS, } ach.

BIAS, s. 1. The weight lodged on the side of a bowl, which turns it from the straight line : cudrom-taoibh, aomadh. 2. any thing which turns a man to a particular course : aomadh, claonadh. 3. propension, inclination : aomadh, claonadh, taobh, toil, togradh.

BIAS, v. a. Aom gu taobh, aom, claon, lùb, dean leth-bhreitheach.

BIAS-DRAWING, s. Lethbhreith.

BIASNESS, s. Aomadh, claonadh, tionndadh gu taobh.

BIB, s. Smig-bhrat, bréid-uchd leanaihbh.

BIB, v. n. Òl, bi trom air òl, blais an drùbhag, bi pòit.

BIBACIOUS, adj. Òlmhor, pòiteach, misgeach.

BIBACITY, s. Tartmhorachd, iotadh, pàighteachd.

BIBBER, s. Misgear, pòitear, fear trom air an drùbhag.

BIBLE, s. 1. The sacred volume in which are con-

tained the revelations of God : Bioball, leabhar Dhia. 2. any great book : leabhar mòr.

BIBLE-BABBLE, *s.* Faoin-chòmhradh, briathran gun seadh.

BIBLE-BEARING, *adj.* Giùlan bìobaill, cealgach.

BIBLICAL, *adj.* Bioballach, a bhuineas do 'n Bhìoball.

BIBLIOGRAPHER, *s.* Fear àrd ionnsachaidh, oileanach leabhraichean, fear ath-sgrìobhaidh.

BIBLIOGRAPHIC, } *adj.* A bhuineas do dh'eòlas

BIBLIOGRAPHICAL, } leabhraichean, leabhrach.

BIBLIOGRAPHY, *s.* Teagasg ard-sgoileireachd, eòlas air eachdraidh leabhraichean.

BIBLIOMANIA, *s.* Boile-leabhraichean, dian dhéigh air leabhraichean a chruinneachadh.

BIBLIOMANIAC, *s.* Fear-boile leabhraichean, fear a tha ro dhéigheil air leabhraichean a chruinneachadh.

BIBLIOPOLIST, *s.* Fear-reic leabhraichean, reicead-air leabhraichean.

BIBLIOTHECAL, *adj.* Leabhar-lannach, a bhuineas do leabhar-lann.

BIBLIOTHECARY, *s.* Fear-gleidhidh leabhraichean.

BIBLIOTHETIC, *s.* Leabhar-lann.

BIBULOUS, *adj.* Còsach, sùighteach air uisge.

BICAPSULAR, *adj.* Sìol-roinntè.

BICE, *s.* Dath, buidhe, no uaine.

BICIPITAL, } *adj.* 1. Having two heads : dà-

BICIPITOUS, } cheannach. 2. one of the muscles of the arm : gòlanach.

BICKER, *v. n.* 1. Fight without a set battle : dean caonnag, dean tuasaid. 2. quiver, play backwards and forwards : crith-chrath, luaisg.

BICKERER, *s.* Fear-tabaid, tuasaidiche.

BICKERING, *s.* Trod, connsachadh, caonnag.

BICKERMENT, *s.* Trod, aimhreit.

BICKERN, *s.* Iarunn biorach.

BICORNE, } *adj.* Dà-adharcach.

BICORNOUS, }

BICORPORAL, *adj.* Dà-chorpach.

BID, *v. a.* 1. Desire, ask, call, invite : iarr, thoir cuireadh do. 2. command, order : òrduich, thoir àithn, iarr. 3. offer, propose : tairg luach, thoir tairgse. 4. proclaim, offer : gairm a mach, thoir cuireadh le gairm fholluiseach. 5. pronounce, declare : iarr, abair, cuir an céill. 6. denounce : thoir cuircadh, iarr. 7. pray : athchuingich, as-luich. 8. bid beads : comharraich paidirein ùr-ùigh.

BIDALE, *s.* Cuirn leanna.

BIDDEN, *adj.* 1. Invited : cuirte, air a chuireadh. 2. commanded : òrduichte, air àithn fhaotainn.

BIDDER, *s.* Fear-tairgse, tairgsear.

BIDDING, *s.* 1. Command, order : àithn, òrdugh, carail. 2. (in commercial language), the proposal of price for what is to be sold : tairgse.

BIDE, *v. n.* 1. Dwell, live, inhabit : còmhnuich, tàmh, gabh còmhnuidh, fuirich. 2. remain in a place : fan, fuirich, stad. 3. continue in a state : mair, fuirich, fan.

BIDENTAL, *adj.* Dà-fhiaclach.

BIDET, *s.* Each-beag, eachan.

BIDING, *s.* Tàmhachd, àros, fàrdoch, dachuidh.

BIENNIAL, *adj.* Dà-bhliadhnach, dà-bhliadhnail.

BIENNALLY, *adv.* An ceann gach dà bhliadhna.

BIER, *s.* Carbad.

BIER-BALK, *s.* Ceum-cille.

BIESTING, *s.* Nùs, bainne-buidhe, ceud-bhainne.

BIFARIOUS, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte, a thuigear air dà dhoigh.

BIFEROUS, *adj.* A' giùlan dà bharr 's a bhliadhna.

BIFID, } *adj.* Dà-sgoilteanach, sgoilte 'n a dhà

BIFIDATED, } mhìr.

BIFOLD, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte.

BIFORM, *adj.* Dà-chruthach, air am bheil dà chumadh.

BIFORMED, *adj.* Dà-dhealbhta, aig am bheil dà chumadh, co-aonaichte.

BIFORMITY, *s.* Dà-chumachd.

BIFRONTED, *adj.* Air am bheil dà aghaidh.

BIFURCATED, *adj.* Gobhlach, 'n a dha mhèur.

BIFURCATION, *s.* Gobhlanachd.

BIG, *adj.* 1. Having comparative bulk : mòr, dòmhail. 2. great in bulk, large : mòr, dòmhail. 3. teeming, pregnant : leth-tromach, torrach, làn, mòr. 4. full of something, and desirous to give it vent : làn. 5. distended, swollen : dòmhail, tomadach. 6. great in air and mien, proud, swelling : àrdanach, atmhor, mòr-inutinneach. 7. lofty, brave : mòr, àrd, treun.

BIG, *s.* Seòrsa eòrna.

BIG, *v. a.* Tog, dean togail.

BIGAM, *s.* Fear dhithis bhan.

BIGAMIST, *s.* Fear dhithis bhan.

BIGAMY, *s.* 1. The crime of having two wives at once : pòsadh còmh-luath, rì dithis bhan, pòsadh dùbailte. 2. the state of being twice married : pòsadh dà uair.

BIG-BELLIED, *adj.* 1. Pregnant, with young : torrach, leth-tromach, trom. 2. having a large belly, or protuberance : bronnach, dòmhail, taigseach.

BIGBONED, *adj.* Mòr-chnamhach, garbh, làidir.

BIGCORNEED, *adj.* Mòr-shìleineach.

BIGGIN, *s.* 1. A cap like one of those worn by children : currachd-mhaol, currachd, mar churrachd leanaibh bhig. 2. a building : togail.

BIGHT, *s.* Cuairt ròpan, air an càradh cruinn air muin a chéile.

BIGLY, *adv.* Gu h-atmhor, gu h-uabharach, gu mòr-bhriathrach.

BIGNAMED, *adj.* Ainmeil, air am bheil ainm mòr.

BIGNESS, *s.* 1. Bulk, greatness of quantity : meudachd, dòmhlachd, tomadachd. 2. size : meudachd àirde.

BIGOT, *s.* Fear dall dhian an creidimh.

BIGOT, } *adj.* Air a thabhairt seachad do dhall

BIGOTED, } eud an creidimh, dealasach mu nìth-

ibh suarach.

BIGOTEDLY, *adv.* Gu dall dhian an creidimh, gu dall dalma.

BIGOTRY, *s.* 1. Blind zeal, unreasonable warmth in favour of party or opinions : dian eud mi-feusanta an creidimh, dall eud am beachdaibh àraidh. 2.

the practice or tenet of a bigot: dian-eud mi-reu-santa an creidimh, dall-eud.

BISOUNDING, *adj.* Mòr-fhuaimncach, àrd-fhuaimneach.

BIGSWOLEN, *adj.* Atmhor, mòr-bholgach.

BIGUDDERED, *adj.* Mòr-ùthach, làn-shineach.

BILBERRY, *s.* Braoileag, dearcag-mhonaidh.

BILBO, *s.* Claidheamh caol, claidheamh.

BILBOES, *s.* Ceap air bòrd luinge, inneal-péin air son nan cos, air muir.

BILE, *s.* 1. A thick, yellow, bitter liquor, separated in the liver, which blunts the acids of the chyle: sùgh buidhe, searbh, domblas. 2. a sore, angry swelling: neasgaid, iongarachadh, leannachadh.

BILGE, *s.* Leud iochdar luinge.

BILGE, *v. n.* Fàs eu-dionach, leig a steach taoin.

BILIARY, *adj.* Domblasach, a bhuineas do 'n domblas.

BILINGOUS, *adj.* Dà-chainnteach, dà-theangach, a labhras dà-chànain.

BILIOUS, *adj.* Domblasach, anns am bheil gnè an domblais.

BILIVE, *adv.* See Belive.

BILK, *v. a.* Thoir an car as, meall, dean feall air.

BILL, *s.* 1. The beak of a fowl: gob eòin, gob. 2. a kind of hatchet with a hooked point: tuadh bhiorach, tuadh ghobach, sgian-sgathaidh. 3. a battle-ax: tuadh-chath, tuadh-chogaidh. 4. a written paper of any kind: sgrìobhadh. 5. an account of money: sgrìobhadh fhiachan, cunntas fhiachan. 6. a law presented to the parliament, not yet made an act: cuis-riaghailt air a toirt fainear ann an àrd-chomhairle na rìoghachd, riaghailt. 7. an act of parliament: riaghailt, laghail lagh rìoghachd, achd. 8. a physician's prescription: seòladh léighe, riaghailt léighe. 9. an advertisement: paipeir rabhaidh, paipeir chur an céill. 10. (in law), an obligation, but without condition or forfeiture for non-payment: bann-sgrìobhaidh, sgrìobhadh geallaidh. 11. of mortality: cunntas bhàs. 12. of fare: cunntas cosgais bìdh. 13. of exchange: bann-iomlaid, bann a bheir còir do ìeach airgid fhaotainn an àite sònruichte. 14. of lading: cunntas bathair air bòrd luinge, cunntas an luchd.

BILL, *v. n.* Cuir gob ri gob, pòg.

BILL, *v. a.* Cuir an céill gu follaiseach, thoir rabhadh ìe paipeir sgrìobhta.

BILLET, *s.* 1. A small paper, a note: litir bheag. 2. a ticket directing soldiers at what house to lodge: paipeir chairtealan, paipeir stiùraidh shaighdearan gu ionad tàmh oidhche. 3. billet-doux, or love-letter: litir-leannanachd, litir ghaoil.

BILLET, *v. a.* 1. Direct soldiers with a ticket where to lodge: seòl gu cairtealan, suidhich tàmh-ionad saighdeir. 2. quarter soldiers, or lodge other persons: suidhich cairtealan, leag cairtealan, gabh gu cairtealan. 3. simply, dispose, lodge: tog do chòmhnuidh, gabh tamh.

BILLIONS, *s.* Deich ceud mìle do dheich ceud mìle.

BILLOW, *s.* Tonn, sumain.

BILLOW, *v. n.* Éirich mar thonn, sumanaich, at.

BILLOW-BEATEN, *adj.* Tonn-luaisgte.

BILLOWY, *adj.* Tonnmhor, atmhor, molach, gailbheach, stuadhach.

BILMAN, *s.* Corcair, fear-sgathaidh le tuadh.

BIN, *s.* Tigh-taisg.

BINARY, *adj.* Dithis, dùbailte, dà-fhillte.

BINARY-ARITHMETIC, *s.* An cunntas dithiseach, cunntas ìe dithis.

BINARY, *s.* Staid dithis, fear is fear eile.

BIND, *v. a. et n.* 1. Confine with bonds, enchain: ceangail, cuibhricht, cuir an cuing. 2. gird: crioslaich, cuir uime, ceangail. 3. fasten to any thing: ceangail ri, snaidhm ri. 4. fasten together: ceangail, co-cheangail. 5. connect closely: naisg, teannaich, ceangail. 6. cover a wound with bandages: ceangail, teannaich, ceangail suas. 7. oblige by stipulation or oath: ceangail, cuir fuidh mhionnaibh. 8. compel, constrain, oblige by duty, or law: ceangail, thoir gu géilleadh, thoir air. 9. oblige by kindness: ceangail le comainibh, cuir fuidh chomain. 10. confine, hinder: cum a stigh, bac, ceangail. 11. make costive: teannaich, ceangail. 12. restrain: ceangail, cum a stigh, cuingich. 13. put a book in a cover: ceangail. 14. oblige to serve some one: cuir fuidh uachdranachd, ceangail ri. 15. contract with any body: ceangail, co-cheangail, dean co-cheangal. 16. (bind over) oblige to make appearance: thoir thairis do cheartas, cuir fuidh chuing a chum tabhairt gu ceartas, ceangail thairis do. 17. contract together, grow stiff and hard: crup, ragaich, cruadhach, fàs teann, theirig a steach. 18. make costive: teannaich, ceangail 's a' chorp. 19. be obligatory: bi fuidh fhiachaibh, bi fuidh chùmhanta, bi ceangailte.

BIND, *s.* See Hops, *s.*

BINDER, *s.* 1. A man whose trade it is to bind books: fear-ccangail leabhraichean. 2. a man that binds sheaves: fear-ccangail sguab. 3. a fillet: ceanglachan. 4. an astringent: ni a theannaicheas, fear-deanaimh daingean.

BINDING, *s.* 1. A bandage: ceangal, ceanglachan, crios-ccangail. 2. the cover of a book: ceangal-leabhair, ceangal, còmhdach.

BIND-WEED, *s.* Iadh-lus.

BINOCLE, *s.* Gloine seallaidh dhùbailte, gloin amhairc da phìob, gloin amhairc dhà-shuileach.

BINOCULAR, *adj.* 1. Having two eyes: dà-shùileach, aig am bheil dà shùil. 2. employing both eyes at once: dà shùileach, a' sealltuinn ìe dà shùil.

BINOMINOUS, *adj.* Dà-ainmeach, air am bheil dà ainm.

BIOGRAPHER, *s.* Fear sgrìobhaidh eachdraidh ìeach, beatha-eachdraiche.

BIOGRAPHICAL, *adj.* A bhuineas do bleatha-eachdraidh.

BIOGRAPHY, *s.* Beatha-cachdraidh.

BIOVAC, **BIOVAC**, **BIVOUAC**, } *s.* Fcachd-fhaire oidhche mu choinn-eamh nàmhaid.

BIPAROUS, *adj.* A bheireas dithis còmhluaith.

BIPARTITE, *adj.* Dà-letheach, roinnte 'n a dhà.

BIPARTITION, *s.* Roinn dà leth.

BIPED, *s.* Dà-chosach, beathach dà chois.
BIPEDAL, *adj.* Dà-chosach, dà throidh air fad.
BIPENNATED, *adj.* Dà-sgiathach, air am bheil dà sgiath.
BIPETALOUS, *adj.* Dà-dhuilleach, air am bheil dà dhuilleag.
BIRCH, *s.* Beithe. Birch-tree: craobh-bheithe. Birch-wine: fion-beithe.
BIRCHEN, *adj.* Beithe, de bheithe.
BIRD, *s.* Eun, eunlaith.
BIRD, *v. n.* Glac eòin, eunaich.
BIRD-BOLT, *s.* Saighead-eòin.
BIRD-CAGE, *s.* Eun-lann, eunadan.
BIRD-CALL, *s.* Feadan meallaidh eun.
BIRD-CATCHER, *s.* Eunadair, fear-glacaidh eun.
BIRDER, *s.* Eunadair, fear-glacaidh eun.
BIRD-EYE, *s.* Sùil-eòin, sealladh air àite o ionad àrd os a cheann.
BIRD-EYED, *adj.* Geur-shuileach, bior-shuileach.
BIRD-FANCIER, *s.* Fear aig am bheil déidh air eòin.
BIRDING-PIECE, *s.* Gunn' eunadair, gunn' eunaich.
BIRD-LIKE, *adj.* Coltach ri eun.
BIRD-LIME, *s.* Glaodh-eun, bìth-eun.
BIRD-LIMED, *adj.* Lìon-sgaoilte, sgaoilte a chum tarruing 's an drip.
BIRD-MAN, *s.* Eunadair, fear-glacaidh eun.
BIRDS-CHERRY, *s.* Fiodhag.
BIRT, *s.* See Turbot, *s.*
BIRTH, *s.* 1. The act of coming into life: breith. 2. extraction, lineage: sinnsireachd, sìol. 3. rank which is inherited by descent: breith uasal, sloinneadh àrd. 4. the condition, or circumstance in which any man is born: staid-breith, inbhe. 5. thing born: breith, a ni a fùgadh, sìol, sliochd. 6. the act of bringing forth: breith. 7. a proper distance between ships lying at anchor, or under sail: réidh-chothrom mara. 8. the proper place aboard for the mess to put their chests: ionad chisteachan an ceàrna luinge. 9. a convenient place to moor a ship in: acarsaid.
BIRTH-DAY, *s.* 1. The day on which any one is born: latha-breith. 2. the anniversary of one's birth-day: latha-breith, co-ainm latha-breith.
BIRTHDOM, *s.* Còir-bhreith.
BIRTH-NIGHT, *s.* 1. The night on which any one is born: oidhche-bhreith. 2. the night annually kept in memory of one's birth: oidhche-bhreith, co-ainm oidhche-bhreith.
BIRTH-PLACE, *s.* Ionad-breith, àite-breith.
BIRTH-RIGHT, *s.* Còir-bhreith, còir ceud ghin.
BIRTH-SONG, *s.* Òran breith, breith-rann.
BISCOTIN, *s.* Brochan milis, stapag bhlasda.
BISCUIT, *s.* 1. Hard, dry bread: cruaidh bhreacag cruineachd. 2. a composition of fine flour, almonds and sugar: breacag bhlasda chruineachd.
BISECT, *v. a.* Gearr 's a' mheadhon, dean dà leth.
BISECTION, *s.* Dà chruinn leth.
BISHOP, *s.* Easbuig.
BISHOP, *v. a.* Easbuigich, gabh a stigh do 'n eaglais.
BISHOP-LIKE, } *s.* Easbuigeach, mar is cubhaidh do
BISHOPLY, } dh'casbuig.

BISHOPRIC, *s.* Easbuigeachd, uachdranachd easbuig, sgìreachd easbuig.
BISHOP-WEED, *s.* Lus an easbuig.
BICK, *s.* Brochan fèòla, eanaraich.
BISCKET, *s.* See Biscuit.
BISON, *s.* Damh allaidh, damh fiadhaich.
BISSEXTILE, *s.* Bliadhna teum.
BISSON, *adj.* Dall.
BISTRE, *s.* Dath sùithe.
BISTOURY, *s.* Sgian léigh thri iarunn.
BISULCOUS, *adj.* Ladharach, sgoilte 's an ladhar.
BIT, *s.* 1. The bit-mouth of a bridle: sparrag, beul-annach. 2. as much meat as is put in the mouth at once: greim, làn beòil. 3. a small piece of any thing: mìr, crioman, criomag, bìdeag.
BIT, *v. a.* Srianach, cuir srian ri.
BITCH, *s.* 1. The female of the canine kind: galla, ~~saibh~~ ^{saibh} 2. a name of reproach for a woman: galla, baobh, caile shuarach.
BITE, *v. a.* 1. Crush, or pierce with the teeth: thoir greim as, gearr le d' fhiac-laibh, teum. 2. give pain by cold: criom, bior. 3. hurt, or pain with reproach: ciùrr, leòn, thoir beum. 4. cut, wound: gearr, leòn. 5. make the mouth smart with an acrid taste: bior, criom, loisg. 6. cheat: thoir an car á, thoir greim á.
BITE, *s.* 1. The seizure of any thing by the teeth: greim, làn-beòil, gearradh. 2. the act of a fish that takes the bait: sgobadh, tiolam, spìonadh. 3. a cheat, a trick: greim, tiolam, car dona, droch cleas. 4. a sharper: mealltair, tiolamair.
BITER, *s.* 1. He that bites: greimiche, beumair, teumair, fear-lotaidh. 2. a fish apt to take the bait: sgobadair, spìonadair. 3. a tricker, a deceiver: caraiche, mealltair.
BITING, *s.* 1. The act of biting: greimeachadh, teumadh, beumadh. 2. the act of wounding: lotadh.
BITINGLY, *adv.* Gu beumanach, gu teumach.
BITLESS, *adj.* Neo-shrianach, neo-sparragach, as eugmhais cabstair.
BITS, *s.* Maide acarach.
BITTACLE, *s.* Ionad socair na cairt-iùil.
BITTEN, *adj.* Greimichte, gointe le fiac-laibh.
BITTER, *adj.* 1. Having a hot, acrid, bitter taste: goirt, searbh, teth, geur. 2. sharp, cruel, severe: cruaidh, garg, beumnach, sgaiteach, an-ìochdmhor. 3. calamitous, miserable: searbh, brònach, doilghiosach. 4. painful, inclement: cràiteach, mi-àghmhor, mi-thaitneach, guineach. 5. sharp, satirical, beumach, sgaiteach. 6. mournful, afflicted: searbh, brònach doilghiosach. 7. in any manner unpleasing, or hurtful: mi-thaitneach, cronail.
BITTER, *s.* 1. Any thing bitter: searbh-as, searbh-alachd. 2. (in medicine), a bitter plant, bark or root: searbhag.
BITTERFUL, *adj.* Ro-shearbh, làn searbh-alachd.
BITTERLY, *adv.* See Bitter, *adj.*
BITTERN, *s.* 1. A bird with long legs and a long bill which feeds upon fish: gràineag, corragh-ràin. 2. A very bitter liquor which drains off in making of common salt: sùgh salainn.

BITTERNESS, *s.* 1. A bitter taste : searbhadh, searbhachd. 2. malice, grudge : gamhlas, mì-rùn. 3. severity of temper : gairge, crosdachd. 4. satire, keenness of reproach : géire, béire, searbhadh. 5. sorrow, vexation : dubhachas, searbhach, doilghios, bristeadh cridhe.

BITTOUR, *s.* See Bittern, *s.*

BITUME, *s.* See Bitumen, *s.*

BITUMED, *adj.* Còmhdachichte le pic, smeurta.

BITUMEN, *s.* Pic, bìgh thalmhainn.

BITUMINOUS, *adj.* Bigheach, piceach.

BIVALVE, *adj.* Dà-dhuilleagach, dà-shligneach, dà-mhogulach.

BIVALVULA, *adj.* Dà-dhuilleagach, dà-chòmlach.

BIVIOUS, *adj.* Dà-shligheach, a théid gu ionadaibh air leth.

BIVOUC, *v. n.* Dean faire rè na h-oidhche air eagal nàmhaid.

BLAB, *v. a. et n.* 1. Tell what ought to be kept secret : bi luath-bheulach, bi lonach, leig a mach rùn dìomhair, bi gabhannach. 2. tell in a good sense : innis, aithris, leig a mach.

BLAB, *s.* Fear-aithris gach sgeòil, beul gun fhàitheam, fear sgoilcamach, lonag, cab-sgaoilte, breugaire, fear-tuaileis, fear-cùl-chàinidh.

BLABBER, *s.* Fear-aithris gach sgeòil, beul gun fhàitheam, cab-fosgailte, lonag, fear-tuaileis.

BLABBER, *v. n.* 1. Whistle to a horse : gearr fead ri each, dean fead. 2. falter, fib, tell tales : dean glagaireachd, bi gabhannach, aithris breugan, bi tuaileasach, dean cùl-chàineadh.

BLABBERLIPPED. See Bloberlipped, *adj.*

BLACK, *adj.* 1. Of the colour of night : dubh, dorch, doilleir. 2. dark : dubh, dorch. 3. sullen : gruamach, nuarranta, neulach. 4. horrible, wicked, atrocious : gràineil, mallaichte, aingidh, dubh. 5. obscure, mysterious : doilleir, dorcha, dìomhaireach. 6. dismal, mournful : dubhach, muladach, brònach, tuirseach. 7. black and blue : dubh-ghlorm.

BLACK-BROWED, *adj.* Gruamach, nuarranta, neulach.

BLACK-CATTLE, *s.* Crodh, buair, nì, feudail, spréidh.

BLACK-EARTH, *s.* Talamh dubh, sgrath dhubb thalmhainn.

BLACK-EYED, *adj.* Dubh-shuileach.

BLACK-FACED, *adj.* Dubh-ghnuiseach, dubh 's an aodan.

BLACK-GUARD, *s.* Slaightear, ceatharnach suarach, crochair, balach mi-bheusach.

BLACK-MAIL, *s.* Dubh-chis, cis cheatharnach-coille, air son dìon cuid neach o cheatharnaich-choille eile.

BLACK-MOUTHED, *adj.* Droch-bheulach, sglamhrach, ana-cainnteach.

BLACK-PUDDING, *s.* Marag dhubb, marag fhola.

BLACK VISAGED, *s.* Dubh-ghnuiseach.

BLACK, *s.* 1. Black colour : dubh, dath dubh. 2. mourning : aodach-bròin, dubh. 3. a blackamoor : duine dubh. 4. that part of the eye which is black : dubh na sùla, dubh. 5. a stain : dubh, ball dubh.

BLACK, *v. a.* Dubh, dean dubh, dath dubh.

BLACKAMOOR, *s.* Duine dorcha, duine dubh.

BLACK-BERRY, *s.* Dearcag dhubb, smeur dhubb.

BLACKBIRD, *s.* Lon-dubbh.

BLACKCOCK, *s.* Coileach-dubbh.

BLACKEN, *v. a. et n.* 1. Make of a black colour : dubh, dubhaich, dean dubh. 2. darken, cloud : dorchaich, còmhdach le neulaibh. 3. defame or make infamous : cùl-chàin, tog droch sgeul, dubh, mill a chliù. 4. grow black, or dark : fàs dorch, bi dubh.

BLACKENER, *s.* Fear-dubhaidh, fear-dathaidh dubh.

BLACKISH, *adj.* Dorch, dubh-fhiamhach.

BLACKLY, *adv.* See Black, *adj.*

BLACKMOOR, *s.* See Blackamoor, *s.*

BLACKNESS, *s.* 1. Black colour : dubh, duibhead, dorachd. 2. darkness : dorachd, duibhreachd, doilleireachd. 3. atrociousness : aingidheachd, uamharrachd.

BLACKSMITH, *s.* Gobha, gobhann, gobhann dubh.

BLACK THORN, *s.* Droigheann dubh, preas nan àirneag.

BLADDER, *s.* 1. That vessel in the body which contains the urine : eutroman, aotroman, balg. 2. it is often filled with wind to which allusions are frequently made : balg-gaoithe eutroman-gaoithe. 3. supporters in swimming : eutroman, builg-ghaoithe, bollachan. 4. a blister, a pustule : balgan, guirean.

BLANDERED, *adj.* Séidte mar eutroman.

BLADE, *s.* 1. The spire of grass before it grows to seed, the green shoots of corn : bileag-fheoir, duilleag fheoir, bileag-fhochainn. 2. the sharp or striking part of a weapon, distinct from the handle : lann, lainne, iarunn claidheimh. 3. a brisk man : lasgair, fear spaideil. 4. (blade) of the shoulder or (blade) bone : cnàmh-slinnean.

BLADE, *v. a.* Faigh lann, crioslaich le lann.

BLADED, *adj.* Bileagach, duilleagach, lannach.

BLADESMITH, *s.* Gobhann-chlaidheamh.

BLAIN, *s.* Neasgaid, guirean, leus.

BLAMABLE, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach, airidh air achmhasan.

BLAMABLENESS, *s.* Ciontachd, coireachd.

BLAMABLY, *adv.* See Blamable.

BLAME, *v. a.* 1. Censure, charge with a fault : coirich, faigh cron do. 2. blemish, bring reproach upon : truaill, maslaich, oilbheumaich.

BLAME, *s.* 1. Imputation of a fault : coire, cionta. 2. crime : lochd, cionta, cron, oilbheum. 3. hurt, goirteachadh, ciùrradh.

BLAMEFUL, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach.

BLAMELESS, *adj.* Neo-choireach, neo-lochdach, neo-chiontach.

BLAMELESSLY, *adv.* See Blameless.

BLAMELESSNESS, *s.* Neo-chiont, neo-choirachd, treibhdhreas.

BLAMER, *s.* Fear-cronachaidh, fear-coireachaidh.

BLAMEWORTHY, *adj.* Ion-choireach, airidh air achmhasan, toiltinneach air buille.

BLAMEWORTHINESS, *s.* Ion-choireachd, airidheachd air achmhasan, toiltinneachd air buille.

BLANCH, *v. a. et n.* 1. Whiten : gealaich, dean geal, dean bàn. 2. strip or peel such things as

have husks: rùisg, sgrath. 3. slur, balk, pass over: seachain, fag, leig le, theirig thairis. 4. evade, shift, speak soft: seachain, cuir a thaobh, labhair gu fòil, buin gu sèimh ri.

BLANCHER, *s.* Fear-gealachaidh, gealadair.

BLAND, *adj.* Caoin, caomh, mìn, tlà, sèimh, ciùin, fòil.

BLAND, *v. a.* Dean caoin, sèimhich, ciùinich.

BLANDATION, *s.* Miodal tlà, caoin-mholadh, sodal.

BLANDILOQUENCE, *s.* Cainnt mholtach, briathar-milis, tlà-chainnt, caoin-mholadh.

BLANDISH, *v. a.* Sèimhich, dean caoin, breug, dean cainnt thlà, dean beul breagha.

BLANDISHER, *s.* Miodalaiche, fear caoin-mholaidh, fear tlà-chainnteach.

BLANDISHING, *s.* Tlà-chainnt, caoin-mholadh, briathar caoimhneil.

BLANDISHMENT, *s.* 1. Act of fondness: caoimhneas, caidreamh, tàladh. 2. soft words, kind speeches: cainnt-thlà, caoin-mholadh, briathar milis, fòil-labhairt, beul breagha. 3. kind treatment, caress: caoimhneas, tàladh.

BLANK, *adj.* 1. White: geal, bàn. 2. without writing, unwritten: geal, bàn, gun sgrìobhadh. 3. pale, confused, crushed: bàn, glas-bhàn. 4. without rhyme, where the rhyme is blanched: neo-fanntach.

BLANK, *s.* 1. A void space on paper: àite falamh, ionad geal, mìr pàipeir gun sgrìobhadh. 2. a lot, by which nothing is gained, which has no prize marked upon it: pàipeir falamh, crannchur gun luach. 3. a paper from which the writing is effaced: sgrìobhadh di-mhillte, pàipeir sgrìobhta nach gabh leughadh. 4. a paper unwritten, any thing without marks, or characters: pàipeir geal, geal. 5. a point to which the arrow is directed: cus-air. 6. aim, shot: ionnsuidh, cuimse, urchair.

BLANK, *v. a.* 1. Damp, confuse, dispirit: di-mhìnich, cuir fuidh amhluidh, claidh a spiorad. 2. efface, annul: dìthich, di-nìhill.

BLANKET, *s.* Plaide, plaideag.

BLANKET, *v. a.* 1. Cover with a blanket: còmhdaich le plaide, cuir am plaide. 2. toss in a blanket: crath ann am plaidibh, luaisg 's an athar am plaidibh.

BLANKETING, *s.* Crathadh, no luasgadh 's an athar am plaidibh.

BLANKLY, *adv.* See *Blank*, *adj.*

BLAKE, *v. n.* Raoichd, dean bùirich.

BLASPHEME, *v. a. et n.* 1. Speak in terms of impious irreverence of God: Dia-mhaslaich, dean tàir air Dia, thoir toibheum do ainm Dhé. 2. speak evil of: mallaich e, labhair gu h-olc uime, ruith a sìos e. 3. speak blasphemy: labhair toibheum.

BLASPHEMER, *s.* Fear-labhairt toibheim, fear-mallachaidh Dhé.

BLASPHEMING, *s.* Labhairt toibheim, toibheumachadh.

BLASPHEMOUS, *adj.* Toibheumach.

BLASPHEMOUSLY, *adv.* See *Blasphemous*, *adj.*

BLASPHEMY, *s.* Toibheum, Dia-mhasladh.

BLAST, *s.* 1. A gust or puff of wind: osag, séideag

oiteag. 2. the sound made by blowing any instrument of wind music: séideadh, sgal. 3. the stroke of a malignant planet: séideag sgriosach, buille-losgaidh.

BLAST, *v. a.* 1. Strike with a sudden plague, or calamity: buail le plàigh, gon, dean di-mhilleadh grad. 2. make to wither: seachd, loisg, dàth, searg. 3. injure, invalidate: mill, thoir gu neo-nì. 4. cut off, hinder from coming to maturity: gearr sìos, searg, thoir air seachdadh. 5. confound, strike with terror: tuairgnich, cuir fuidh bhuaireas, cuir eagal air.

BLASTER, *s.* Fear-millidh, fear-gonaidh, fear-seargaidh.

BLASTMENT, *s.* Séideag, grad-bhuille, plàigh léir-sgrìos.

BLATANT, *s.* Geumnach mar laogh.

BLATCH, *v. a.* See *Blotch*, *v. a.*

BLATERATION, *s.* Bladhmaireachd, bladhaireachd, glagaireachd, blaoghanachd.

BLATEROON, *s.* Blahdair, glagair, clab-sgàin.

BLATTER, *v. n.* Dean bladhmaireachd, bi geumnaich.

BLAZE, *s.* 1. Flame: lasair, solus lasarach, leus-soluis. 2. publication, wide diffusion of report: craobh-sgaoileadh, foillseachadh, dol am farsuingeachd mar theine. 3. a large white mark upon a horse, in the forehead: blàradh, geal-aodainn.

BLAZE, *v. a. et n.* 1. Publish, make known, spread far and near: cuir am farsuingeachd, craobh-sgaoil. 2. give an account of ensigns armorial in proper terms: aithris comharran an gearradh arm, cuir an céill comharran brataich an òrdugh. 3. flame, shew the light of the flame: dealraich, dean lasair, soillsich. 4. be conspicuous: bi soillear, dealraich, taisbein thu féin.

BLAZER, *s.* Fear-craobh-sgaoilidh sgeòil, ballsaire, fear-aithris iomraidh.

BLAZON, *v. a.* 1. Explain in proper terms the figures on ensigns armorial: dean soilleir comharran gearradh arm, mìnich comharran suaicheantais. 2. deck, embellish: sgeadaich gu maiseach, sgèimhich, cuir an truscan riombach. 3. display, set to show: seòl gu folluiseach, taisbein, cuir a mach. 4. celebrate, set out: àrd-mhol, sgaoil a chliù. 5. blaze about, make public: sgaoil mu 'n cuairt, dean folluiseach, gairm a suas, no 'n àird.

BLAZON, *s.* 1. The art of drawing or explaining coats of arms: gearradh arm, mìncachadh gearraidh arm. 2. show, publication: soillseachadh, craobh-sgaoileadh, taisbeanadh. 3. celebration, proclamation of some quality: moladh, cliù-ghairm.

BLAZONER, *s.* 1. A herald: fear-éigheach chùmh-nantan, teachdair airm gu arm eile. 2. an evil speaker: fear cùl-chàinidh, fear-togail droch alla.

BLAZONRY, *s.* Eòlas ghearradh arm, suaicheantachd.

BLEA, *s.* Farrusg craoibhe.

BLEACH, *v. a. et n.* Gealaich, dean geal air todhar, fàs geal air todhar, no, a muigh.

BLEACHER, *s.* Gealadair, fear-gealachaidh.

BLEACHERY, *s.* Tigh-gealachaidh, blàr-gealachaidh.

BLEAK, *adj.* 1. Pale: bàn, glas-ùnealach. 2. cold,

chill, cheerless : lom, fuar, fuaraidh, nochdaidh, gun tuar.

BLEAKNESS, s. 1. Coldness, chilliness : fuarachd, luime, mi-thuar. 2. paleness : glas-ñeulachd.

BLEAKY, adj. See Bleak, *adj.* 2.

BLEAKLY, adv. See Bleak, *adj.* 2.

BLEAR, adj. 1. Dim with rheum or water : rèasg-shuileach, prab-shuileach, mùsgach, dearg-shuileach, brach-shuileach. 2. dim, obscure in general, or that which makes dimness : doilleir, dorch, deulach.

BLEAR-EYED, adj. 1. Having sore eyes : rèasg-shuileach, prab-shuileach, brach-shuileach. 2. having an obscure understanding : dall, doilleir, dorch-inntinnach.

BLEAR, v. a. 1. Make the eyes watery or sore with rheum : dean prab-shuileach, dean sùil uisgidh. 2. dim the eyes : dall, doilleirich an sealladh, tarruing neul air an fhradharc.

BLEAREDNESS, s. Rosbachd, mùsgachd, prab-shuileachd.

BLEAT, v. n. Mèil, dean mèil.

BLEAT, s. Mèil.

BLEATING, s. Mèilich.

BLOB, s. Guirean, leus, builgean.

BLEE, s. Aogas, snuadh, dreach.

BLEED, v. a. et n. 1. Let blood, take blood from : leig fuil á, thoir fuil á, tarruing fuil á. 2. lose blood, run with blood : caill fuil, sil fuil. 3. die a violent death : sil fuil gu bàs, bàsaich le sileadh fola. 4. lose blood medicinally : caill fuil. 5. drop as blood : sil, sil mar bhoinnean fola.

BLEIT, } adj. Saidealta, nàrach.

BLATE, }

BLEMISH, v. a. 1. Mark with any deformity : cuir gaoid ann, mill, cuir galar ann, ciùrr. 2. defame, tarnish, with respect to reputation : salaich, truail, mi-chliùthaich, cuir a sìos.

BLEMISH, s. 1. A mark of deformity, a scar : ciorram, gaoid, cron, ailt. 2. reproach, disgrace, imputation : tàmailt, tàir, mi-chliù, sgainneal. 3. a soil, turpitude, deformity : sal, gràinealachd, mi-mhaise, mi-dhreach.

BLEMISHLESS, adj. Neo-ìochdach, neo-choireach, gun ghaoid, fallain, coimhionta.

BLEMISHMENT, s. Masladh, salachadh, gràinealachd, mi-chiatachd, ciorram.

BLENCH, v. a. et n. 1. Hinder, obstruct : bac, cum air ais. 2. shrink, start back, give way : crup, teich air ais, clisg, siap air falbh.

BLENCH, s. Clisgeadh, leum grad.

BLENCHER, s. Culaidh-chlisgidh, culaidh-charachaidh.

BLEND, v. a. 1. Mingle together : coimeasgaich, cuir an ceann a chéile. 2. confound : cuir roimh chéile. 3. pollute, spoil : truail, salaich, mill. 4. blind : dall, doilleirich.

BLENDER, s. Fear-coimeasgaidh, fear-cur an ceann a chéile.

BLESS, v. a. 1. Make happy, prosper : beannaich, dean sona, soirbhich. 2. wish happiness to another : beannaich, guidh beannachdan air. 3. con-

secrate by prayer, pronounce a blessing upon : coisrig, beannaich, guidh beannachd air. 4. praise, glorify for benefits received : beannaich, mol, glòirich, thoir taing.

BLESS US, interj. Beannaich sinn ! teasraig sinn !

BLESSED, adj. 1. Happy, enjoying felicity : beannaichte, sona. 2. holy and happy : naomh, beannaichte. 3. happy in the joys of heaven : beannaichte, iomlan sona. 4. having received the benediction of another : an déigh beannachadh fhaotainn, air a bheannachadh.

BLESSEDLY, adv. See Blessed.

BLESSEDNESS, s. 1. Happiness, felicity : beannachadh, sonas. 2. sanctity : naomhachd. 3. heavenly felicity : sonas nàmhaidh, sonas iomlan. 4. divine favour : beannachadh, gean-maith Dhé.

BLESSER, s. Fear-beannachaidh, fear-tabhairt soirbhachaidh.

BLESSING, s. 1. Benediction : beannachadh, beannachd. 2. a declaration by which happiness is promised in a prophetic manner : beannachadh. 3. any of the means of happiness, a gift : beannachd, tiodhlac, buannachd, sochair. 4. divine favour : caoimheas Dhé, làthaireachd Dhé, gean-maith an Tighearna. 5. the presents which friends make to one another : beannachadh, tiodhlac.

BLEST, adj. See Blessed.

BLEW, pret. Shèid. See Blow, *v.*

BLIGHT, s. 1. Mildew : fuar dhealt, liath-řeothadh. 2. any thing nipping or blasting : crìonadh, seargadh.

BLIGHT, v. a. 1. Corrupt with mildew : seac, crìon, mill le liath-řeothadh. 2. blast, hinder from fertility : dàth, seac, crìon, sgrios.

BLIN, v. a. Stad, fan, fuirich, seas.

BLIND, adj. 1. Deprived of sight : dall, gun fhradharc, dorch. 2. intellectually dark : dall-inntinnach, aineolaeh, dorch-thuigseach. 3. unseen, out of the public view : folaichte, as an t-sealladh, an cleth. 5. not easily discernable, dark : doilleir, dubharach, dìomhair.

BLIND, v. a. 1. Make blind : dall, dean dall, thoir a fhradharc uaith. 2. darken, obscure to the eye : dorchaich, dean doilleir, dean dubharach. 3. darken the understanding : dall 'inntinn, dorchaich a thuigse. 4. obscure to the understanding : dean doilleir, dorchaich. 5. eclipse : tarruing dubhar air, dorchaich.

BLIND, s. 1. Something to hinder the sight : sgàile-shùl, dall-bhrat. 2. something to mislead the eye or the understanding : sgàile-meallaidh, leisgeul mealltach. 3. a hiding place : ionad-folaich, àite-folaich.

BLINDFOLD, v. a. Dall, doilleirich dorchaich, còmhdach a shùilean.

BLINDFOLD, adj. Sùil-chòmhdachtaichte, dall.

BLINDLY, adv. See Blind, *adj.*

BLINDMAN'S-BUFF, Dallan dà.

BLINDNESS, s. 1. Want of sight : doille. 2. ignorance, intellectual darkness : ain-eolas, dorchadas inntinn.

BLINK, v. n. 1. Twinkle: caog, priob. 2. see obscurely: faic gu doilleir.

BLINK, s. Scalladh grad, plathadh.

BLINKARD, s. 1. One that has bad eyes: fear priob-shuileach, fear prab-shuileach, caogaire, priob-air. 2. something twinkling: crith-bhoillsgeadh, priobadh.

BLISS, s. 1. The highest degree of happiness: àrdshonas, beannachadh nèamhaidh, sonas nam faith-eas. 2. felicity in general: beannachadh, sonas.

BLISSFUL, adj. Làn-aobhneach, beannaichte, iomlan sona, fìor-shubhach.

BLISSFULLY, adv. See Blissful.

BLISSFULNESS, s. Sonas, aobhneas coimhionta, mòr shubhachas, beannachadh.

BLISSLESS, adj. Neo-shona, neo-shubhach.

BLIST, adj. See Blessed.

BLISTER, s. 1. A pustule formed by raising the cuticle from the cutis: leus, bolgan, guirean, plucan. 2. any swelling made by the separation of a film or skin from the other parts: éirigh craicinn, bòcadh 's a' chraicinn.

BLISTER, v. a. et n. 1. Raise blisters by some hurt: thoir leus air, thoir éiridh craicinn air, bolgaich. 2. raise blisters with a medical intention: tog bolg uisg air a' chraicinn le cunghaidh-leighis, bolgaich. 3. rise in blisters: bòc, éirich 'n ad ghuireanaibh.

BLITHE, adj. Ait, aobhinn, sunntach, aighearach, cridheil.

BLITHFUL, adj. Ait, aobhinn, sundach.

BLITHLY, adv. See Blithe.

BLITHNESS, } s. Aiteas, sundachd, cridheal-
BLITHSOMNESS, } achd.

BLITHSOME, adj. See Blithe.

BLOAT, v. a. et n. 1. Swell, or make turgid with wind: séid suas, bòc. 2. grow turgid: at, séid suas, fàs làn le gaoth.

BLOAT, adj. Air at, séidte suas, air bòcadh.

BLOATEDNESS, s. At, bòcadh, séideadh, làn neasgaid is mheallan.

BLOBBER, s. See Blubber.

BLOBBER-LIP, s. Spreill, meill, beul tiugh.

BLOB-LIPPED, } adj. Busach, spreilleach, meill-
BLOBBER-LIPPED, } each.

BLOCK, s. 1. A heavy piece of timber: sgonn, òrd-fiodha. 2. a mass of matter: pluc, meall, cnap, ploc. 3. a mass of body: meall, pluc, ploc. 4. a rude piece of matter in contempt: ploc, sgonn, meall. 5. the piece of wood on which hats are formed: ploc, cnap, ceap. 6. the wood on which criminals are beheaded: ealag nan ceann. 7. an obstruction, a stop: ceap-tuislidh. 8. a sea term for a pully: ulag. 9. a blockhead: clod-cheann, baoh-fhear.

BLOCK, v. a. Dùin a steach, iom-chuartaich, druid a stigh.

BLOCK-HOUSE, s. Daingneach, dùn-dìona acarsaid, no, baile callaidh.

BLOCK-TIN, s. Staoin-gun truilleadh, meall staoin neo-mheasga.

BLOCKADE, v. a. Iom-chuairtich, iom-dhruid, teann ri air gach taobh.

BLOCKADE, s. Iom-dhruideadh, iom-chuartaich-adh.

BLOCKHEAD, s. Bumaileir, sgonn gun tuigse, umpaidh, gurraichdeach, baohaire, amhlair.

BLOCKHEADED, adj. Clod-cheannach, neo-thuigseach, amhlairachd.

BLOCKHEADLY, adv. See Blockheaded.

BLOCKISH, adj. Clod-cheannach, trom, aineolach, mi-thuigseach.

BLOCKISHLY, adv. See Blockish.

BLOCKISINESS, s. Umpaidheachd, amhlairachd, bumaileireachd.

BLOCKLIKE, adj. See Blockish.

BLOKNET, adj. Liath-ghorm.

BLOOD, s. 1. The red liquor that circulates in the body of animals: fuil. 2. child, progeny: fuil, sliochd, siol, gineal. 3. family, kindred: teaghlach, luchd-dàimh, càirdean. 4. descent, lineage: sinnsireachd, gineal, cinneadh. 5. royal lineage: fuil rìoghail, sliochd rìoghail. 6. birth, high extraction: breith inbheach, àrd uaisle. 7. murder, violent death: fuil, dòrtadh-fola, mortadh. 8. life: fuil, beatha. 9. for blood: airson a bheatha. 10. the carnal part of man, as *flesh and blood*: fuil is feòil. 11. temper of mind, state of the passions: aomadh inntinn. He did it in hot blood: rinn se e am boil inntinn. He did it in cold blood: rinn se an suidheachadh inntinn e. 12. a hot spark: duine bras. 13. the juice of any thing: sùgh.

BLOOD, v. a. 1. Stain with blood: salaich le fuil, còmhdaich thairis le fuil. 2. enter, enure to blood, as a hound: thoir fuil do. 3. let blood medically: thoir fuil as, leig fuil as. 4. heat, exasperate: cuir fearg air, cuir corruich air.

BLOOD-BESPOTTED, adj. Ballach le fuil, breac le fuil.

BLOOD-BOLTERED, adj. Aig am bheil fhalt làn fola, falt-fhuileach.

BLOOD-CONSUMING, adj. Fuil-chaitheach.

BLOOD-DRINKING, adj. Fuil-dheòthalach, a dh'òlas an fhuil.

BLOOD-FROZEN, adj. Fuil-feòthta.

BLOOD-HOT, adj. Fuil-theth, teth mar fhuil.

BLOOD-LET, v. n. Leig fuil as, buail cuisle ann.

BLOOD-LETTER, s. Fear-tarruing fola.

BLOOD-RED, adj. Dearg mar fhuil, fuil-dhearg.

BLOOD-STAINED, adj. Ballach le fuil.

BLOOD-SIZED, adj. Smeurta le fuil, còmhdaichte le fuil.

BLOOD-STONE, s. Clach-fhola.

BLOOD-THIRSTY, adj. Fuilteach, fuileachdach, marbhtach.

BLOOD-VESSEL, s. Soitheach-fola, cuisle, fèith.

BLOOD-GUILTINESS, s. Mortadh, cionta-fola.

BLOOD-HOUND, s. Cù-luirg, gaothar seilge.

BLOODILY, adv. See Bloody.

BLOODINESS, s. 1. The state of being bloody: fuil-eachd, fuilteachas. 2. the disposition to shed blood: fuileachd, déidh air dòrtadh fola.

BLOODLESS, adj. 1. Without blood, dead: marbh, gun fhuil. 2. without slaughter: gun mharbh-

adh, neo-fhuilteach. 3. without spirit, or activity : marbh, neo-smiorail.

BLOOD-SHED, *s.* 1. The crime of blood, or murder : dòrtadh-fola, marbhadh. 2. slaughter, waste of life : àr, mortadh.

BLOOD-SHEDDER, *s.* Fear-dòrtaidh fola, mortair.

BLOOD-SHEDDING, *s.* Dòrtadh-fola.

BLOOD-SHOT, } *s.* Fuil-thaomta, fuil-fùitheach,
BLOOD-SHOTTEN, } a' brùchdadh le fuil, fuileach.

BLOOD-SUCKER, *s.* 1. A leech, a fly, any thing that sucks blood : deal, creithleag, deòthbladair fola. 2. a cruel man, a murderer : fear fuileachdach, mort-air.

BLOOD-SUCKING, *adj.* A' sùghadh fola, a deòthal fola.

BLOOD-WARM, *adj.* Meagh-bhlàth, blàth mar fhuil.

BLOOD-WITE, *s.* Airgid-fola, ùnhladh fola.

BLOODY, *adj.* 1. Stained with blood : fuileach, air a chrathadh le fuil. 2. cruel, murderous : fuilteach, fuileachdach, marbhtach, an-ìochdmhor.

BLOODY-EYED, *adj.* Sùil-fhuilteach.

BLOODY-FACED, *adj.* Gnùis-fhuilteach.

BLOODY-FLUX, *s.* Geàrrach fola.

BLOODY-FLUXED, *adj.* Fuidh gheàrrach fola.

BLOODY-MINDED, *adj.* Neo-ìochdmhor, fuilteach.

BLOODY-RED, *adj.* Fuil-dhearg, air dhath fola.

BLOOM, *s.* 1. A blossom : blàth. 2. the state of ripening to a higher perfection : ùr-fhàs, cinneachadh, snuadh na h-òige. 3. the blue colour upon plums and grapes newly gathered : snuadh, dreach.

BLOOM, *v. a. et n.* 1. Produce the blossom : thoir a mach blàth, thig fuidh bhlàth. 2. produce, as blossoms : thoir a mach meas, thoir toradh uait. 3. be in a state of youth and improvement : bi teachd fuidh bhlàth, fàs, cinn.

BLOOMINGLY, *adv.* A' teachd fuidh bhlàth, a' fàs, a' cinneachadh.

BLOOMY, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor, ùrar.

BLORE, *s.* Séideadh, oiteag, osnadh.

BLOSSOM, *s.* Blàth, bàr-guc.

BLOSSOM, *v. n.* Cuir a mach blàth, thig fuidh bhlàth.

BLOSSOMY, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor.

BLOT, *v. a.* 1. Obliterate, make writing invisible, by covering it with ink : dubh a màch. 2. efface, erase : sgrìob as, cuir as. 3. make black spots on paper : salaich, cuir ball dubh air. 4. disgrace, disfigure : maslaich, cuir mi-dhreach air. 5. darken : duaichnich, dorchaich.

BLOT, *s.* 1. An obliteration of something written : dubhadh a mach, sgrìobadh as. 2. an extinction of light : dorchadh, smal, sgleò. 3. a blur, a spot upon paper : ball dubh, smal, sal. 4. a spot in reputation, a stain, disgrace : ball dubh, sal, cron, lochd, masladh.

BLOTCH, *s.* Leus, guirean, builgean.

BLOTCH, } *v. a.* Dubhaich, dorchaich.
BLATCH, }

BLOTE, *v. a.* Tiormaich s' an deathach, croch 's an t-sùitbe.

BLOTTING, *s.* Cur bhall dubh air, salachadh, dubhadh.

BLOW, *s.* 1. The act of striking : bualadh, slachdadh. 2. a stroke : buille, gleadh, sgealp. 3.

the fatal stroke, the stroke of death : buille-bàis, buille-chrìochnachaidh. 4. an act of hostility : buille, beum. 5. a sudden calamity : buille-thub aist. 6. a single action, a sudden event : grad-bhuille. 7. the act of a fly, by which she lodges eggs in flesh : luidhe cuileig. 8. bloom : blàth.

BLOW, *v. a. et n.* 1. Drive with the force of the wind : séid. 2. inflame with wind : séid suas, lìon le gaath. 3. swell, puff into sizes : séid suas, at. 4. form into shape by the breath : séid suas, cuir gaath ann. 5. sound an instrument of music : séid, cuir gaath ann. 6. warm with the breath : analaich, séid le d'anail. 7. spread by report : craobh-sgaoil, foillsich, dean iomraideach. 8. extinguish by the wind, or the breath : séid as. 9. rise, or swell with breath : séid an àird le anail, bòc. 10. inflate with pride : séid le àrdan, at suas, bòc. 11. kindle : séid an àird, fadaidh. 12. move by afflatus : séid a suas, at. 13. burst with gunpowder, raise into the air : séid a suas, séid 's an athar. 14. infect with the eggs of flies : salaich le buille chuileig. 15. make stale : séid air sean phìob, aithris gnàth-fhocal cumanta. 16. make a current of air : bi séideadh. 17. pant, puff : bi gearr analach, plog. 18. sound with being blown : fuaimnich, séid. 19. sound, play musically by the wind : séid le inneal ciùil, dean caol-shéideadh. 21. pass away without effect : séid seachad, séid thairis. 22. bloom, or blossom : thig fuidh bhlàth, cuir blàth a mach.

BLOWER, *s.* 1. A melter of tin : leaghadair staoine. 2. he that bloweth what produces sound : fear-séididh inneil ciùil, fear-seinn. 3. that which draws up the fire in a stove, or chimney : piob-tharruing. 4. he which storms, or blows up : fear séididh 's an athar, fear-cuir 's na speuraibh.

BLOWING, Séideadh.

BLOWN, *adj.* Séidte, air at, bòcta.

BLOWPIPE, *s.* Piob-shéididh.

BLOWTH, *s.* See Blossom.

BLOWZE, *s.* Caille phuiceach dhearg.

BLOWZY, *adj.* Ruiteach, dearg 's an aghaidh, loisgte leis a' ghraim.

BLUB, *v. a.* At, bòc.

BLUBBER, *s.* 1. The part of a whale which contains the oil : saill muice-mara. 2. sea-nettle : deann-dag mhara.

BLUBBER, *v. a. et n.* 1. Swell the cheeks with weeping : at t'aghaidh le caoineadh, cuir glug-adaich-guil air. 2. weep in such a manner as to swell the cheeks : dean glucadaich-guil, dean caoineadh aileagach.

BLUDGEON, *s.* Bata, slacan, cuaille.

BLUE, *adj.* Gorm.

BLUE, *s.* Guirmean.

BLUEBOTTLE, *s.* 1. A flower of the bell shape : gille-guirmein, gille gorm, gorman. 2. a fly with a large blue belly : cuileag mhòr.

BLUE-EYED, *adj.* Gorm-shuileach.

BLUE-HAIRED *adj.* Gorm-fhaltach, air am bhicil falt gorm.

BLUELY, *adv.* See Bluc, *adj.*

BLUENESS, s. 1. The quality of being blue : guirme, guirmead, gormachd. 2. the livid appearance of a wound : guirme.

BLUE-VEINED, adj. Gorm-chuisleach.

BLUFF, adj. 1. Big, surly, blustering : atmhor, bòcach, gruamach, glagach, àrd-bhriatharach. 2. not pointed, obtuse : maol, neo-gheur.

BLUFFNESS, s. Gruamachd, iargaltas, doimheachd.

BLUISH, adj. Liath-ghorm, air am bheil gorm eutrom.

BLUISHNESS, s. Liath-ghuirmeachd.

BLUNDER, v. a. et n. 1. Mix foolishly, or blindly : coimheasg gu dall, cuir aon ni an àite ni eile. 2. make to blunder, or confound : cuir air mhearal, cuir air seacharan. 3. mistake grossly : rach mearachd, dean bladhmadaich, mearachdaich. 4. flounder, stumble : tuislich, tuit an ionrall.

BLUNDER, s. Mearachd, ionrall, tuisleadh.

BLUNDERBUSS, s. Gunna peileireach, gunna-glaice.

BLUNDERER, s. Iomrallaiche, maolan, fear mearachdach.

BLUNDER-HEAD, s. Maolan, umpaidh, clod-cheann.

BLUNDERINGLY, adv. Gu mearachdach, gu tuisleach.

BLUNT, adj. 1. Dull on the edge : maol, neo-gheur, gun fhaobhar. 2. dull in understanding : maol, neo-gheur, neo-thuigseach, umpaidheil. 3. rough, not delicate, not civil : aineolach, mi-mhodhail. 4. abrupt, not elegant : neo-fhaicilleach, neo-chuimeir, aineolach. 5. hard to penetrate : cruaidh, teann, tiugh.

BLUNT, v. a. 1. Dull the edge, or point : maolaich, thoir air falbh am faobhar. 2. repress, or weaken any appetite : thoir air falbh faobhar, maolaich, lagaich, cìosnaich.

BLUNTING, s. Maolachadh, lagachadh, taiseachadh.

BLUNTLY, adv. See *Blunt, adj.*

BLUNTNES, s. 1. Want of edge, or point, dulness : maolead, cion-faobhair, neo-ghéiread, cion-tuigse. 2. coarseness, roughness of manners : mi-mhodh-alachd, umpaidheachd.

BLUNT-WITTED, adj. Clod-cheannach, neo-gheur, maol.

BLUR, s. Ball salach, smal, sal.

BLUR, v. a. 1. Obscure, without quite effacing : salaich, dorchaich, fàg duaichmidh. 2. blot, stain, sully : cuir ball salach air, tarruing smal air, fàg dubh.

BLURT, v. a. Labhair gun othail, leig uat gun aire.

BLUSH, v. a. et n. 1. Make red : maslaich, nàraich, cuir gu rughadh-gruaidhe. 2. betray, shame, or confusion : biodh rughadh-gruaidhe ort, fàs ruiteach. 3. carry a red colour : bi ruiteach.

BLUSH, s. 1. The colour in the cheeks raised by shame or confusion : rughadh, gnùis-nàire, ruiteag. 2. a red or purple colour : rughadh, deirge. 3. sudden appearance : sealladh grad, plathadh. 4. resemblance : coltas, samhladh.

BLUSHET, s. Cailcag ruiteagach.

BLUSHFUL, adj. Ruiteagach, gnùis-nàrach.

BLUSHING, s. Rughadh, ruiteag, deirge.

BLUSHLESS, adj. Gun rughadh gruaidhe, mi-nàrach, ladarna.

BLUSHY, adj. Ruiteach, ruiteagach, gnùis-nàrach.

BLUSTER, v. a. et n. 1. Blow down : tilg sìos, buail gu talamh. 2. roar as the storm : beuc, dean toirm mar an sian, séid gu h-àrd. 3. bully, puff, be tumultuous : bagair, dean collaid, bi gleadrach, dean glagaireachd.

BLUSTER, s. 1. Roar of storms, tempests : séideadh, gaillion, beucadh, toirm. 2. noise, tumult : collaid, gleadhraich, stairirich. 3. turbulence, fury : aimhreit, co-stri, àrd-chorruich. 4. boast, boisterousness : bagairt, bòsd, spagluinn.

BLUSTERER, s. Fear-bagairt, glagaire, fear-spagluinn, fear-ràiteachais, ceatharnach ladarna.

BLUSTERING, s. Collaid, gleadhraich, aimhreit, stairirich.

BLUSTEROUS, adj. Collaideach, spagluinneach, aimh-reiteach, bagarach.

Bo, interj. Ob ! ob ! bo !

BOAR, s. Torc, cullach, fiadh-chullach.

BOAR-SPEAR, s. Torc-lann.

BOARD, s. A piece of wood of more length and breadth than thickness : bòrd, clàr, déile, mìr tana fiodha. 2. a table : bòrd. 3. entertainment, food : bòrd, cuir, teachd-an-tìr. 4. a table at which a council or court is held : bòrd-cùirte, mòd. 5. an assembly seated at table, a court of jurisdiction : cùirt. 6. deck or floor of a ship : bòrd soitheich, bòrd-luinge, urlar-luinge.

BOARD, v. a. et n. 1. Enter a ship by force : bòrd, glac soitheach. 2. attack, accost another : dean suas ri, rach a fabhair ri. 3. lay, or pave with boards : còmhdaich thairis le bòrdaibh, dean 'n a ùrlar lobhta. 4. place as a boarder in another's house : cuir air bhòrd. 5. live in a house, where a certain rate is paid for eating : bi air bhòrd, gabh bòrd.

BOARD-WAGES, s. Dìoladh air son teachd-an-tìr, bòrd-thuarasdal.

BOARDER, s. Fear-bùird, fear-dìolaidh air son a lòn.

BOARDING SCHOOL, s. Sgoil-bùird.

BOARISH, adj. Aineolach mar mhuc, mucach, brùid-cil, an-ìochdmhor, garg, fiadhaich.

BOAST, v. a. et n. 1. Brag of, display with ostentatious language : dean uail á, dean spagluinn, dean bòsd á. 2. magnify, exalt : meudaich, dean uail á, cuir suas, dean bòsd á. 3. brag, display one's own worth or actions in great words : dean uail, dean spagluinn, séid an àirde. 4. talk ostentatiously : labhair gu spagluinneach, dean bòsd. 5. exalt one's self : àrdaich do chliù féin, mòl thu féin.

BOAST, s. 1. An expression of ostentation : bòsd, uail, spagluinn. 2. a cause of boasting : cùis-uail, aobhar-ràiteachais.

BOASTER, s. Fear-uail, fear-ràiteachais, glagaire, bòsdair.

BOASTFUL, adj. Bòsdail, ràiteachail, mòr-chuisseach, spagluinncach.

BOASTINGLY, adv. See *Boastful.*

BOASTIVE, adj. An-dàna, ladarna.

BOASTLESS, adj. Simplidh, iriosal, neo-bhòsdail.

BOAT, s. 1. A vessel to pass the water in : bàta,

eithear, culaidh, sgoth, geòla. 2. a ship of a small size : birlinn, soitheach beag.
BOATION, s. Beuc, ràn, gleadhraich, iollach, nualan.
BOATMAN, } s. Fear-bàta, fear-aiseig.
BOATSMAN, }
BOATSWAIN, s. Fear-acfuinn luinge.
BOB, v. a. et n. 1. Cut : geàrr, beàrr dheth. 2. beat, drub, or strike : buail, slachduinn. 3. cheat, gain by fraud : meall, thoir an car á. 4. touch gently, especially at the elbow : bean gu fòil, thoir sanas uilinn do. 5. play backward and forward : cluich a null 's a nàll, luaisg. 6. bob, a technical term in angling : dean cluich fi.
BOB, s. 1. Something that hangs so as to play loosely : cluigean, ni air chrathadh, ni air luasgan. 2. the words repeated at the end of a stanza : ath-aithris, luinneag. 3. a blow : buille. 4. a worm used for a bait in angling : biathainne. 5. a bob-wig : gruag gheàrr, gruag chluigeanach. 6. a sneering joke : àbhachd fhochaideach.
BOBANCE, s. Spagluinn, ràiteachas.
BOBBIN, s. Iteachan.
BOBBIN-WORK, s. Obaìr iteachain.
BOBTAIL, s. Cutaiche, geàrr-earball.
BOBTAILED, adj. Cutach, geàrr-earballach.
BOB-WIG, s. Gruag gheàrr.
BODE, v. a. et n. 1. Portend : fàisnich, dean fiosachd, cuir air mhanadh. 2. be an omen, foreshew : innis ro-làimh, bi mar mhanadh.
BODE, s. 1. An omen : tuar-manaidh, combharradh. 2. delay, or stop : fuireach, moille, stad.
BODEMENT, s. Comharradh, tuar, manadh.
BODGE, v. n. Bi an teagamh, bi an ioma-chomhairle, stad, fàilnich.
BODGE, s. Leus guirein, briseadh-craicinn, càrr.
BODICE, s. Peiteag bheag, cliabhan-ceangail.
BODIED, adj. Corporra, corpaichte.
BODILESS, adj. Neo-chorporra, spioradail.
BODILINESS, s. Corpachd, corporrachd.
BODILY, adj. 1. Corporeal, containing a body : corporra, aig am bheil corp. 2. relating to the body, not the mind : corporra, a bhuineas do'n chorp. 3. real, actual : làthaireach, corporra, fir-inneach.
BODILY, adv. See Bodily, *adj.*
BODING, s. Tuar, manadh, rabhadh, combharradh.
BODKIN, s. 1. A dagger : biodag. 2. an instrument with a small blade and a sharp point, used to bore holes : dealg. 3. an instrument to draw a thread through a loop : snàthad-tharruing, snàthad mhòr. 4. an instrument to dress the hair : dealg-fuilt.
BODY, s. 1. The material substance of an animal : corp, column. 2. matter, opposed to spirit : corp, column, ni neo-spioradail. 3. a person, a human being : neach, creutair, urra. 4. reality, opposed to representation : corp, bith, brìgh. 5. a collective mass, a joint power : meall, buidheann. 6. the main army : meadhon feachd, corp airm. 7. a corporation : cuideachd, comunn. 8. the main part, the bulk : corp. 9. a substance, matter as

distinguished from other matter : corp, meall, gnè.
 10. strength : spionnadh, treòir, neart.
BODY-CLOTHES, s. Eudach-cuirp, còmhdach each, brat each.
BODY, v. a. Dean corp, cuir an cruth ni.
BOG, s. Fèithe, boglach, eabar, poll, sùil-chruthaich.
BOG, v. a. Aoirneagaich, eabair, cuir fuidhe am boglach.
BOG-LAND, adj. Càtharach.
BOGLE, } s. Bùcan, taibhse, tannasg.
BOGGLE, }
BOGGLE, v. n. 1. Start, fly back : clisg, leum air t'ais. 2. hesitate, be in doubt : stad, bi an teagamh, ag. 3. play fast and loose, dissemble : bi mealltach, bi cealgach.
BOGGLER, s. Gealtair, fear lag mhisnich, duine gun spiorad.
BOGGLISH, adj. Gealtach, neo-mhisneachail, lag-chridheach.
BOGGY, s. Càtharach, bog, fèitheach.
BOG-HOUSE, s. Tigh-socair.
BOIL, v. a. et n. 1. Heat by putting into boiling water, seethe : dean teth, bruich. 2. be agitated by heat : goil, dean goil. 3. be hot, fervent, or effervescent : bi teth, bi dian, bi brais. 4. move with an agitation like that of boiling water : bi fuidh bhuaireas, goil. 5. be in hot liquor, in order to be made tender by the heat : bi an uisge teth, goil. 6. cook by boiling : deasaich fe goil, goil, bruich, gréidh. 7. run over the vessel with heat : goil thairis.
BOIL, s. See Bile.
BOILER, s. 1. The person that boils any thing : goileadair, fear-bruich, còcaire. 2. the vessel in which any thing is boiled : goileadair, coire.
BOILERY, s. Tigh-goile, tigh-bruiche.
- CHASTISEMENT, *s.* Smachdachadh, cronachadh, ceannsachadh.
- CHASTISER, *s.* Fear-smachdachaidh, fear-cronachaidh, fear-ceannsachaidh.
- CHASTITY, *s.* 1. Purity of the body : geamnuidh-eachd. 2. freedom from obscenity : gloine, geamnuidheachd. 3. freedom from bad mixture of any kind : gloine, neo-thruaillidheachd.
- CHAT, *v. n.* Dean còmhradh, dean frith-labhairt, dean frith-bhruidhean, dean gobaireachd, dean biolasgadh.
- CHAT, *s.* Biolasgadh, gobaireachd, frith-chòmhradh, frith-bhruidhean.
- CHATEAU, *s.* Caisteal.
- CHATELET, *s.* Caistcal beag.
- CHATTEL, *s.* Maoin, àirneis.
- CHATTER, *s.* 1. Make a noise as a pie, or an unharmonious bird : dean cànrán. 2. make a noise by collision of the teeth : dean snagardaich fhiacall. 3. talk idly, or carelessly : dean faoin-chòmhradh.
- CHATTER, *s.* Goilcam, sgeilm.
- CHATTERBOX, *s.* Sgeilmear, sgeilmeag, fear goilcamach, fear-spagluinne, gobaire.
- CHATTERER, *s.* Gobaire, fear-spagluinne, sgeilmear.
- CHATTERING, *s.* See Chatter, *s.*
- CHATTY, *s.* Sgeilmearra, gobach, spagluinneach, faoin-bhruidhneach, frith-bhriathrach.
- CHATWOOD, *s.* Connadh, meanbh-chonnadh.
- CHAUN, *s.* See Chasm.
- CHAUNT, *v. n.* See Chant, *v.*
- CHAW, *v. a.* See Chew.
- CHAW, *s.* Càirean beathaich.
- CHAWDRON, *s.* Mionach.
- CHEAP, *adj.* 1. To be had at a low rate : saor. 2. of small value, not respected : neo-mheasail, air bhac meas.
- CHEAPEN, *v. a.* Lughdaich, no beagaich luach, leag pris.
- CHEAPENER, *s.* Fear-lughdachaidh prise.
- CHEAPLY, *adv.* See Cheap, *adj.*
- CHEAPNESS, *s.* Saorachd.
- CHEAR, *s. et v.* See Cheer.
- CHEAT, *v. a.* Meall, thoir an car as, dean foill air.
- CHEAT, *s.* 1. A fraud, a trick, an imposture : foill,
- feall, car. 2. a person guilty of fraud : mealltair fear-foille, slaightear.
- CHEATABLENESS, *s.* Mealltachd, mealltaireachd, foillealachd.
- CHEAT-BREAD, *s.* Aran geal, aran daor.
- CHEATER, *s.* See Cheat, 2.
- CHECK, *v. a. et n.* 1. Repress, curb : caisg, bac, grab, cum fuidh smachd. 2. reprove, chide : cronaich, achmhasanaich. 3. compare a bank note, or other bill with the correspondent paper : co-shamhuich, samhluich 'f' a chéile. 4. controul by a counter-reckoning : ath-shocruich, ath-shamhuich. 5. stop, make a stop : stad, dean stad. 6. clash, interfere : buin ri, cuir stad air. 7. strike with repression : buail air ais.
- CHECK, *s.* 1. Repressure, stop, rebuff, sudden restraint : bacadh, ath-bhacadh, grabadh, ath-ggrabadh, stad. 2. restraint, curb, government : smachd, uachdranachd, riaghladh. 3. a reproof, a slight : achmhasan, tàmailt. 4. a dislike, a sudden disgust : fuath, grad-fhuath, gràin. 5. (in falconry) : seacharan. 6. the person checking, the cause of restraint : smachd, fear-smachdachaidh, grabadh, fear-grabaidh. 7. any stop, or interruption : stad, grabadh, bacadh. 8. the corresponding cipher of a bank-bill : ath-chuid bain airgid. 9. linen cloth fabricated in squares : breac-aodach lin.
- CHECKER, } *v. a.* Breac, stiallaich, tarruing, stiallan
- CHEQUER, } tarsuing.
- CHECKER, } *s.* Aodach breac, breac-ghrinneas,
- CHECKER-WORK, } obair-iom-dhathach.
- CHECKER, } *s.* Bòrd-thàileasg.
- CHEQUER, } *s.* Bòrd-thàileasg.
- CHECKER, *s.* Fear-achmhasain, fear-cronachaidh, fear-riaghlaidh.
- CHECKLESS, *adj.* Neo-smachdaichte, gun smachd.
- CHEEK, *s.* Gruaidh, leth-cheann, bac, gial, leac.
- CHEEK-BONE, *s.* Gial, cnaimh-giala, peirceall.
- CHEEK BY JOWL, *adv.* Leth-cheann ri leth-cheann, gial ri geal.
- CHEEKTOOTH, *s.* Cùlag, fiacaill-chùil.
- CHEER, *s.* 1. Entertainment, provisions served at a feast : cuirm, cuilm, biadh-cuirme. 2. invitation to gaiety : faoilte, gairm-subhachais. 3. gaiety, jollity : aighear, aobhachd, aoibhneas. 4. air of the countenance : dreach, aogas, snuadh. 5. temper of mind in general : gean, misneach. 6. acclamation, shout of triumph, or applause : caithream, luathghair.
- CHEER, *v. a. et n.* 1. Incite, encourage, inspirit : misnich, brosnuich, tog inntinn. 2. comfort, console : sòlasaich, comhfhurtaich, thoir sòlas do. 3. gladden : dean aoibhneach, dean subhach, dean àit. 4. grow gay, or gladsome : tog do chridhe, fàs aoibhneach, fàs cridheil.
- CHEERER, *s.* Fear-comhfhurtachd, fear-sòlais, fear-togail misnich.
- CHEERFUL, *adj.* 1. Gay, full of life, full of mirth : àit, suilbhir, aoibhinn. 2. having an appearance of gaiety : suilbhir. 3. causing cheerfulness : aigheantach, aighearach, a thogas gean.
- CHEERFULLY, *adv.* See Cheerful.

CHEERFULNESS, *s.* 1. Freedom from dejection, alacrity: sùrd, suigcart, sùrdalachd, sunnd. 2. freedom from gloominess: toil-inntinn, cridhealas, beothalachd.

CHEERILY, *adv.* See Cheerful.

CHEERLESS, *adj.* Dubhach, fuidh ghruaim, neo-shuilbhir, neo-shunndach.

CHEERLY, *adj.* See Cheerful.

CHEERLY, *adv.* See Cheerful.

CHEERY, *adj.* Suilbhir, ait, aobhneach, aobhinn.

CHEESE, *s.* Càise, càis.

CHEESEPARING, *s.* Rùsg càise.

CHEESEPRESS, *s.* Fiodhan.

CHEESEVAT, *s.* Soitheach-mulachaig, fiodhan.

CHEESY, *adj.* Càiseach, mar chàise.

CHELY, *s.* Òrdag mhòr.

CHEMISE, *s.* 1. A shift: léine boirionnaich. 2. (in fortification): balla-dìona.

CHEMISTRY, *s.* See Chymistry.

CHEQUER, *v. a.* See Checker.

CHEQUER, *s.* See Treasury.

CHEQUER-WORK, *s.* See Checker-work.

CHERISH, *v. a.* Eiridinn, eiridnich, altrium, àraich, tog, dìon, thoir fasgadh do.

CHERISHER, *s.* Fear-eiridnidh, fear-altruim, fear-dìonaidh.

CHERISHING, *s.* Eiridneachadh, altrum, àrach, fasgadh.

CHERISHINGLY, *adv.* Gu h-eiridneach.

CHERRY, } *s.* Sirist, craobh-shirist.

CHERRY-TREE, }

CHERRY, *adj.* Siristeach.

CHERRY-CHEEKED, *adj.* Gruaidh-dhearg, gruaidh-fuichteach.

CHERT, *s.* Clach-spoir.

CHERUB, *s.* Focal Eabhruidheach, (a' ciallachadh), aingeal nèmhaidh.

CHERUBIN, *s.* See Cherub.

CHERVIL, *s.* Cos-uisge.

CHERUP, *v. n.* Dean ceilcìrean, deon faoin-ghuth binn.

CHESIBLE, *s.* Léine-sagairt.

CHESLIP, *s.* Clachair, gnè bhéisteig, corra-chosag.

CHESS, *s.* Tàileasg, cluiche fear-feòirne.

CHESS-BOARD, *s.* Bòrd-fhear-feòirne.

CHESS-MAN, *s.* Fear-feòirne.

CHESS-PLAYER, *s.* Fear-cluiche, fear-feòirne.

CHESSOM, *s.* Maoth-thalamh.

CHEST, *s.* 1. A box of wood or other materials: ciste, cobhan. 2. the trunk of the body: com, cliabh.

CHEST, *v. a.* 1. Lay up in a chest: cuir an ciste. 2. place in a coffin: càirich an ciste-luidhe.

CHEST-FOUNDING, *s.* Galar-cléibh am measg each.

CHESTED, *adj.* 1. Having a chest: cisteach. 2. broad-chested: cliabh-fharsuing.

CHESTNUT, } *s.* Geann-chno, craobh-gheann-

CHESTNUT-TREE, }

CHESTNUT, } *s.* Dath donn.

CHESNUT, }

CHEVALIER, *s.* Ridir.

CHEVERIL, *s.* 1. A kid: meann. 2. kid-leather: minicionn.

CHEW, *v. a. et n.* 1. Grind with the teeth, masticate: cagain, cnàmh. 2. meditate, or ruminate in the thoughts: cnuasaich, beachd-smuainich. 3. taste without swallowing: blais. 4. champ upon: cagain, criom. 5. ruminate: cnàmh do chìr.

CHEW, *s.* Greim, mìr-cagnaith.

CHEWING, *s.* Cagnadh.

CHICANE, *s.* 1. Art of protracting a contest by petty objection and artifice: brionglaid-char, innleachd, cuilbheirtean. 2. artifice in general: feall, foill, car, staraidheachd.

CHICANE, *v. n.* Dean brionglaid-char, cleachd cuilbheirtean.

CHICANER, *s.* Fear carach, fear-chuilbheirtean, mealltair.

CHICANERY, *s.* Feall, foill, foillealachd, cuilbheirteachd.

CHICHES, *s.* Peasar nan luch.

CHICHLING VETCH, *s.* See Chiches.

CHICK, } *s.* 1. The young of a bird: isean. 2.

CHICKEN, } a word of tenderness: isean. 3. a term for a young person: isean.

CHICK, *v. n.* Fàs, cinn 'n a fhochann.

CHICKEN-HEARTED, *adj.* Gealtach, cladharach.

CHICKEN-POX, *s.* A' bhreac-òtraich.

CHICKLING, *s.* Isean.

CHICK PEAS, *s.* Peasar nan luch.

CHICKWEED, *s.* Fliogh, fluth.

CHIDE, *v. a. et n.* 1. Reprove, check, correct with words: cronaich, achmhasanaich. 2. drive with reproof: bagair, cuir air ais le bagair. 3. blame, reproach: coirich, cuir coire as leth. 4. clamour, scold: troid. 5. quarrel with: troid, cuir a mach air. 6. make a noise: fuaimnich, dean fuaim.

CHIDE, *s.* Fuaim, borbhan.

CHIDER, *s.* Fear-cronachaidh, fear-achmhasain, fear-coireachaidh. See Chide, *v.*

CHIDING, *s.* 1. Rebuke, contention, quarrel: achmhasan, trod, aimhreit, buaireas. 2. noise, sound: fuaim.

CHIDINGLY, *adv.* Gu trodach, gu h-aimhreiteach, gu buaireasach, gu fuaimneach.

CHIEF, *adj.* 1. Principal, most eminent, above the rest: air thoiseach, ceud, àraidh, sònruichte, prìomh. 2. eminent, extraordinary: ainmeil, measail, eug-samhuil. 3. capital, of the first order, that to which other parts are inferior: àrd, prìomh, sònruichte, àraidh, còrr, mòr, flathail.

CHIEF, *s.* 1. A military commander, a leader of armies: ceann, ceannard, ceann-feadhna, ceann-ùil. 2. (in heraldry): ceann, ceann. 3. (in the Highlands of Scotland) of a clan: cleann-cinnidh, ceann, àrd-fhlath.

CHIEFAGE, or **CHIEVAGE**, *s.* Airgiod-cinn.

CHIEFLY, *adv.* See Chief, *adv.*

CHIEFTAIN, *s.* 1. A leader, a commander: ceann, ceannard, ceann-feadhna. 2. the head of a clan: ceann-cinnidh, ceann-cinneil, ceann-tighe.

CHIEFTAINRY, } *s.* Ceannas-cinnidh, ceann-tigh-

CHIEFTAINSHIP, }

CHILBLAIN, *s.* Cusp, fuachd-at, meallan-tachais.

CHILD, *s.* 1. An infant, or very young person:

- leanabh, naoidhean, cìocharan, pàisde, urra, maotheran. Children: clann. 2. one in the line of affiliation, opposed to parent: leanabh, mac, nighean. 3. the descendants of a man, how remote soever: gineal, sliochd, clann, iarmad. 4. in scripture, one weak in knowledge: leanaban. 5. any thing the product, or effect of another: buaidh, toradh. 6. with child: leth-tromach, torrach.
- CHILD, *v. a. et n.* 1. Bring forth children: beir. 2. bring children: beir do.
- CHILD-BEARING, *s.* Breith-cloinne, saothar-chloinne.
- CHILDBED, *s.* Leabaidh-shiùbhla, luidhe-siùbhla.
- CHILDBIRTH, *s.* Aisead, saothar-chloinne.
- CHILDERMASDAY, *s.* Latha na cloinne naòimb, latha seachantach àraidh.
- CHILDHOOD, *s.* Leanabachd, leanabas, leanabaidh-cachd, naoidheachanachd.
- CHILDISH, *adj.* 1. Having the qualities of a child, trifling, ignorant, simple: leanabail, leanabaidh, leanbail, leanabanta, aineolach. 2. becoming only children, trifling, puerile: faoin, leanabaidh.
- CHILDISHLY, *adv.* See Childish.
- CHILDISHMINDEDNESS, *s.* Faoineachd, leanabaidh-eachd.
- CHILDISHNESS, *s.* 1. State of a child, puerility, triflingness: leanabachd, leanabaidheachd, faoineachd. 2. harmlessness: neo-chiontachd, naoidheanachd.
- CHILDLESS, *adj.* Gun chlann, gun sliochd, aimrid.
- CHILDLIKE, *adj.* Mar leanahan, leanabail, naoidheanach.
- CHILIAD, *s.* Mìle.
- CHILIARCH, *s.* Ceannard mìle.
- CHILL, *adj.* 1. Cold to the touch: fuar, fuaraidh, fionnar. 2. having the sensation of cold, shivering with cold: air fuachd, air chrith le fuachd, fuar. 2. not warm, not forward: neo-aoidheil, neo-ghineil, neo-shunndach. 4. depressed, dejected, discouraged: fuidh sprochd, dubhach, fuidh mhi-ghèan. 5. unaffectionate, cold of temper: mi-chàrdeil, mi-chaoimhneil, fuaraidh, mi-dhàimheil.
- CHILL, *v. a.* 1. Make cold: fuaraich, fionnfhuaraidh. 2. depress, deject, discourage: dean muladach, dean dubhach, mi-mhùisnich. 3. blast with cold: searg le fuachd.
- CHILLINESS, *s.* Crith-fhuachd, fionnfhuarachd.
- CHILLY, *adj.* Fionnfhuar, fuar.
- CHILLY, *adv.* See Chill, and Chilly, *adj.*
- CHILLNESS, *s.* See Chilliness.
- CHIME, *s.* Ceann, ceann-baraille, màs tuba.
- CHIME, *s.* 1. The consonant sound of many instruments: co-sheirm, co-fhonn, còrdadh-fhuaim. 2. the correspondence of sound: co-fhonnmhorachd, co-fhuaimneachd. 3. the sound of bells struck with hammers: co-sheirm. 4. the correspondence of proportion or relations: co-fhreagarrachd, co-ionannachd, co-chòrdadh.
- CHIME, *v. a. et n.* 1. Cause to sound harmonically: tog co-sheirm, buail gu co-sheirmeach. 2. strike a bell with a hammer: buail clag le h-òrd. 3. sound in harmony: co-sheirmich, dean co-sheirm, co-fhuaimnich. 4. correspond in relation, or proportion: co-fhreagair. 5. agree, fall in with: co-
- chòrd, co-aontaich, aontaich le. 6. suit with, agree: còrd ri, taitinn ri, freagair do.
- CHIMERA, *s.* Breisleach, faoin-dhealbh, faoin bheachd.
- CHIMERICAL, *adj.* Breisleachail, faoin-bheachdail.
- CHIMERICALLY, *adv.* See Chimerical.
- CHIMINAGE, *s.* Cìs rathaid.
- CHIMNEY, *s.* 1. The passage through which the smoke ascends: luidheir, fàrlus. 2. the chimney top: binneag. 3. the fire-place: tinntean, cagailte.
- CHIMNEY-CORNER, *s.* Cùil ua cagailte, taobh na grios-aich.
- CHIMNEY-MONEY, *s.* Airgiod-cagailte.
- CHIMNEY-PIECE, *s.* Bràighe-cagailte.
- CHIMNEY-SWEEPER, *s.* Sguabair luidhear, dubh-sguab-air.
- CHIN, *s.* Smig, smigead.
- CHINNED, *adj.* Smigeach, smigeadach.
- CHINA, *s.* See Porcelain.
- CHINCOUGH, *s.* Triuthach, an triuthach.
- CHINE, *s.* Dronnag, mìr drama, cliathag.
- CHINED, *adj.* Dronnagach.
- CHINGLE, *s.* See Channel.
- CHINK, *s.* Sgoltadh, sgàineadh, gàgadh.
- CHINK, *v. a. et n.* 1. Sound by striking each other: gliong. 2. break into apertures, or chinks: sgàin, sgoilt. 3. open, or gape: sgàin, sgoilt. 4. shake so as to make a sound: thoir gliongadh air.
- CHINKY, *s.* Gàgach, sgàinte.
- CHINTS, *s.* Aodach canaich dreachmhor.
- CHIOPINNE, *s.* Bròg àrd.
- CHIP, *v. a. et n.* 1. Cut into small pieces, cut away a little at a time: pronn, snaidh. 2. break, or crack: sgàin, sgoilt.
- CHIP, *s.* Sliseag, mìr, bloighdeag, bloigheag.
- CHIP-AXE, *s.* Tuadh-shnaidhidh.
- CHIPPING, *s.* Sliseag, sgealb.
- CHIRAGRA, *s.* See Gout.
- CHIRK, *v. n.* See Chirp.
- CHIROGRAPH, *s.* Sgrìobhadh, bann-sgrìobhta, ùmhladh.
- CHIROGRAPHER, *s.* Fear-sgrìobhaidh, fear-sgrìobhaidh ùmhlaidhean an cùirt-lagha.
- CHIROGRAPHY, *s.* Sgrìobhadh, làmh-sgrìobhaidh.
- CHIROMANCER, *s.* Deàrnadair.
- CHIROMANCY, *s.* Deàrnadaireachd.
- CHIRP, *v. a. et n.* 1. Make cheerful: tog fonn air. 2. make a cheerful noise as birds without singing: dean crònan, dean dùrdan, dean bìdeil.
- CHIRP, *s.* Bìdeil, ceileirean, bìd.
- CHIRPER, *s.* Bìdear, ceileiriche, fear-dùrdain.
- CHIRPING, *s.* See Chirp.
- CHIRURGEON, *s.* See Surgeon.
- CHIRURGERY, *s.* See Surgery.
- CHISEL, *s.* Geilb, sgeilb.
- CHISEL, *v. a.* Oibrich le geilb, gearr le geilb.
- CHIT, *s.* 1. A child, a baby, (in contempt): isean. 2. the shoot of corn from the end of the grain: boinne bàn. 3. a freckle: ball brice.
- CHIT, *v. n.* Thig, thig a mach mar fhochann.
- CHITCHAT, *s.* Pronn-chainnt, gobaircachd, frith-bhruidhean.
- CHITTER, *v. n.* See Chatter.

CHITTERLINGS, *s.* Mionach, greallach.
CHITTY, *adj.* 1. Childish, like a baby: leanabaidh, iseanach. 2. full of chits, or warts: breac, fòinn-each.
CHIVALROUS, *adj.* Gaisgeil, euchdach, gaisgeanta, àrd-ghaisgeil.
CHIVALRY, *s.* 1. Knighthood: ridireachd. 2. qualifications of a knight, valour, dexterity in arms: ridireachd, euchd, euchdalachd, àrd-ghaisgealachd. 3. the general system of knighthood: ridireachd. 4. an adventure, an exploit: euchd-ghnìomh, treubhantas, deuchainn.
CHIVES, *s.* 1. Threads, or filaments of flowers with seeds at the end: meanbh-cholg luibhe. 2. a species of small onion: gnè uinnein.
CHLOROSIS, *s.* An tinneas uaine.
CHOAK, *v. a.* See Choke.
CHOCK, *s.* See Shock, *s.*
CHOICE, *s.* 1. The act of chusing, determination between different things proposed: roghadh, roghainn, taghadh. 2. the power of chusing, election: taghadh, comas-taghaidh. 3. care in choosing, curiosity of distinction: aire, ro-aire, cùram-taghaidh. 4. the thing chosen, the thing approved in preference to others: roghainn, roghadh. 5. the best part of any thing: a' chuid a' s' feàrr, taghadh, brod.
CHOICE, *adj.* 1. Select, of extraordinary value: taghta. 2. chary, frugal, careful: cùramach, caomhantach, faicilleach.
CHOICE-DRAWN, *adj.* Taghta le cùram, rò-thaghta.
CHOICELY, *adv.* See Choice, *adj.*
CHOICENESS, *s.* Luachmhorachd, luach.
CHOIR, *s.* 1. An assembly, or band of singers: cois-ir-chiùil, luchd-ciùil. 2. singers in divine worship: luchd-seinn ann an eaglais. 3. the part of the church where the choristers are placed: ionad-ciùil, ann an eaglais.
CHOKE, *v. a.* 1. Suffocate: tachd. 2. stop up, obstruct: mùch. 3. hinder by obstruction, or confinement: amail, dùin suas. 4. suppress: cuir as, mùch. 5. overpower: mùch, faigh buaidh air.
CHOKE-FULL, *adj.* Lom-làn.
CHOKER, *s.* 1. One who suffocates another: tachd-adair, fear-tachdaidh. 2. one that puts another to silence: fear-druididh beòil. 3. any thing that cannot be answered: ni nach gabh freagradh, focal gun àicheadh.
CHOKY, *adj.* A thachdas, a mhùchas.
CHOLER, *s.* 1. The bile. See Bile. 2. the humour supposed to produce irascibility: leanntan ainmeinn, leanntan frionais. 3. anger, rage: fearg, corruich, ascaoin.
CHOLERA MORBUS, *s.* Galar àraidh, a' bhuinneach mhòr.
CHOLERIC, *adj.* 1. Abounding with choler. See Billious. 2. irascible: feargach, lasanta, cas, frionasach.
CHOLERICNESS, *s.* Feargachas, lasantachd, caise, frionasachd.
CHOOSE, *v. a. et n.* 1. Take by way of preference: tagh, roghnaich. 2. take, not to refuse: gabh. 3. select, pick out of a number: tagh. 4. elect

for eternal happiness: tagh. 5. have the power of choice: gabh mar roghainn.
CHOOSEER, *s.* Fear-taghaidh, fear-roghnachaidh.
CHOOSING, *s.* Taghadh, rognachadh.
CHOP, *v. a. et n.* 1. Cut with a quick blow: sgud, gearr le buille. 2. devour eagerly: sluib suas, dian-shluig. 3. mince, cut into small pieces: pronn, min-phronn. 4. break inso chinks: sgoilt, sgàin. 5. do any thing with a quick and unexpected motion: grad-atharraich, grad-thionndaidh, thoir grad ionnsuidh. 6. catch with the mouth: thoir glam-adh air, glam. 7. light, or happen upon a thing suddenly: grad-amais air. 8. purchase by way of truck: malairtich, dean màlart, suaib. 9. put one thing in place of another: iomlaidich, cuir aon ni'an àite ni eile. 10. bandy, altercate, return one thing, or word for another: thoir focal air an fhocal, no, thoir ni air ni.
CHOP, *s.* 1. A piece chopped off. See Chip. 2. a small piece of meat, commonly of mutton: staoig muilt-fhcoil. 3. a crack, or cleft: sgàineadh, sgoltadh, gàg.
CHOP-FALLEN, *adj.* See Chap-fallen.
CHOP-HOUSE, *s.* Tigh-staoige, tigh-itheanaich.
CHOPIN, *s.* Seipin.
CHOPPER, *s.* Tuadh feòladair.
CHOPPING, *s.* 1. Act of merchandizing: reiccadh, no, ceannach. 2. altercation: ath-thilleadh fhocal, trod, comb-fharpuis.
CHOPPING-BLOCK, *s.* Ealag.
CHOPPING-KNIFE, *s.* Sgian-chocaireachd.
CHOPPY, *adj.* Làn tholl, làn sgàinidhean, làn sgoltaidhean, gàgach.
CHOPS, *s.* 1. The mouth of a beast: craos, beul beathaich. 2. the mouth of a man (in contempt): craos, cab. 3. the mouth of any thing, (in familiar language): beul, dorus.
CHORAL, *adj.* 1. Belonging to, or composing a choir, or concert: còisireach, co-sheirmeach. 2. singing in a choir: a sheinneas gu co-sheirmeach, no, ann an ionad-ciùil.
CHORALLY, *adv.* See Choral.
CHORD, *s.* 1. The string of a musical instrument: teud. 2. (in mathematics): sreang-bogha.
CHORD, *v. a.* Cuir teud ri, gleus.
CHOREPISCOPUS, *s.* Easbuig, fear-inbhe easbuige.
CHORION, *s.* Sreathan.
CHORIST, }
CHORISTER, } *s.* Fear-seinn, ann an co-sheirm.
CHORUS, *s.* 1. A number of singers, a concert: coisir, co-sheirm. 2. the persons who sing in tragedy: luchd-seinn ann an cluich. 3. the song between the acts of a tragedy: ceòl a sheinnear eadar earrannan cluiche. 4. verses of a song in which the company joins the singer: luinneag, fonn.
CHOSE, *pret.* of Choose, which See.
CHOSEN, *part.* Taghta, roghnaichte. See Choose.
CHOULE, *s.* Sgròban.
CHOUSE, *v. a.* Meall, thoir an car á.
CHOUSE, *s.* 1. A man fit to be cheated: àmaidh, baòth-fhear. 2. a trick, or sham: car, cuilbhciirt.
CHRISM, *s.* Ola-ungaidh.

CHRISTEN, *v. a.* 1. Baptize: baist. 2. name, denominate: ainmich, thoir ainm do, thoir ainm air.

CHRISTENDOM, *s.* A' chrìosdachd, a' chrìosdaidheachd.

CHRISTENING, *s.* Baisteadh.

CHRISTIAN, *s.* Crìosdaidh, fear aidmheil a' chreidimh Chrìosdaidh.

CHRISTIAN, *adj.* 1. Professing the religion of Christ: crìosdail, crìosdaidh, ag aidmheil a' chreidimh Chrìosdaidh. 2. ecclesiastical: Crìosdaidh, crìosdail.

CHRISTIAN-NAME, *s.* Ainm-baistidh, ceud ainm.

CHRISTIANISM, *s.* 1. The christian religion: crìosdachd, crìosdaidheachd, creidimh crìosdaidh. 2. the nations professing christianity: crìosdachd, crìosdaidheachd.

CHRISTIANITY, *s.* Crìosdachd, aidmheil a' chreidimh chrìosdaidh.

CHRISTIANISE, *v. a.* Dean crìosdaidh, tionndaidh gu aidmheil a' chreidimh chrìosdaidh, iompaich gu crìosdachd.

CHRISTIAN-LIKE, *adj.* Crìosdail.

CHRISTIANLY, *adv.* See Christian-like.

CHRISTIANLY, *adj.* Crìosdail.

CHRISTIANNES, *s.* Crìosdachd, aidmheil a' chreidimh chrìosdaidh.

CHRISTIANOGRAPHY, *s.* Cunntas air muinntir rìoghachdan na crìosdachd.

CHRISTMAS, *s.* 1. The day on which the nativity of our blessed Saviour is celebrated: latha nollaig, nollaig. 2. the season of Christmas, the festivity relating to it: nollaig, àm na nollaige.

CHRISTMAS-FLOWER, *s.* See Hellebore.

CHRISTMAS-THORN, *s.* An droigheann driseach.

CHROMATIC, *adj.* Dathach.

CHRONIC, } *adj.* Tiomail, tiom-chuairteach, amail,

CHRONICAL, } a thig aig ceann ùine àraid, leanailteach.

CHRONICLE, *s.* 1. A register or account of events in order of time: annaladh, min-eachdraidh. 2. a history: eachdaireachd, eachdraidh, eachdair, seanachas.

CHRONICLE, *v. a.* 1. Record in chronicle or history: sgrìobh an eachdraidh, cuir sìos an eachdraidh. 2. register, record: sgrìobh an annalaibh, cuir sìos an eachdraidh.

CHRONICLER, *s.* 1. A recorder of events in order of time: eachdaire, eachdraiche, fear-sgrìobhaidh annalaidh. 2. a historian: eachdaire, eachdraiche.

CHRONOGRAPHY, *s.* Eachdraidh, sgrìobhadh mu shean aimsir.

CHRONOLOGER, *s.* See Chronologist.

CHRONOLOGICAL, *adj.* Eachdruidheach, seanachaidheach.

CHRONOLOGICALLY, *adv.* See Chronological.

CHRONOLOGIST, *s.* Eachdair, eachdraiche, seanachaidh.

CHRONOLOGY, *s.* Aimsir-eòlas, àm-àireamh, ùin-oilean, ùin-eachdraidh.

CHRONOMETER, *s.* Uaireadair-ùine, uaireadair neo-mhearachdach.

CHRYSOLITE, *s.* Crisolit, clach-luachmhor.

CHUBBED, *adj.* Pluiceach, plocach, mòr-cheannach.

CHUBBY, } *adj.* See Chubbed.

CHUBBY-FACED, }

CHUCK, *v. a. et n.* 1. Call as a hen calls her young: gloc, dean glocail. 2. give a gentle blow under the chin: thoir fòil-bhuille smig. 3. throw by a quick and dexterous motion any heavy weight so that it shall nicely fall in a given place: tilg, tilg gu dòigheil. 4. make noise like a hen when she calls her young: gloc, goir, bi glocail mar chirc. 5. jeer, laugh: gàir, dean gàir aoibhinn.

CHUCK, *s.* 1. The voice of a hen: gloc, gràchdan. 2. a word of endearment: gaolach, luran, cuilean, gràdhan. 3. a sudden small noise: fann-fhuaim, fann-ghluasad, carachadh, bidil. 4. a little blow under the chin: fòil-bhuille smig, smig-dhiogail.

CHUCKLE, *v. a. et n.* 1. Call as a hen: gloc, goir. 2. cocker, fondle: breug, tàlaidh, tataidh, dean mùirn. 3. laugh vehemently: gàir, rach as na gialan a' gàireachdaich.

CHUD, *v. a.* See Champ.

CHUFF, *s.* Maolan, ùmaidh, burraidh, baodhaire.

CHUFFILY, *adv.* See Chuffy.

CHUFFINESS, *s.* Maol-cheannachd, iargaltas, doich-iollachd, ùmaidheachd.

CHUFFY, *adj.* Aineolach, ùmadail, gruamach, busach, pluiceach, gnù, iargalt, duairceach.

CHUM, *s.* Companach seòmair.

CHUMP, *s.* Òrd-fiodha, ploc.

CHURCH, *s.* 1. The collective body of Christians, usually termed the catholic church: eaglais, comunn nan crìosdaidhean. 2. the body of Christians adhering to one particular opinion or form of worship: eaglais. 3. the place which christians consecrate to the worship of God: eaglais, tigh-aoraidh, teampull, cill. 4. ecclesiastical power or authority: cléir-ùghdarras, cléir, eaglais.

CHURCH-ATTIRE, *s.* Culaidh-chléir, aodach na naoimh sheirbhis.

CHURCH-AUTHORITY, *s.* Cléir-ùghdarras, ùghdarras eaglaiseil.

CHURCHDOM, *s.* Cléir-uachdranachd, uachdranachd laghail eaglais.

CHURCH-LAND, *s.* Fearann-eaglais, fearann na h-eaglais.

CHURCHLIKE, *adj.* Diadhaidh, eaglaiseil.

CHURCHMAN, *s.* Pears'-eaglais, ministèir, cléireach.

CHURCH-WARDEN, Foirfeach, maor-eaglais.

CHURCHWAY, *s.* Rathad-cille.

CHURCHWORK, *s.* Obair-fhàrdalach.

CHURCH-YARD, *s.* Cladh, cill, clachan, bàghan.

CHURL, *s.* 1. A rustic, a countryman, a labourer: luidse, luidealach, tuathanach, saothraich, fear-oibre. 2. a rude, surly, ill-bred man: bodach, balach, duaircein, sgonn. 3. a miser, a niggard: miodhoir, iargaltaiche, bodach.

CHURLISH, *adj.* 1. Rude, brutal, harsh, austere: bodachail, balachail, ain-ìochdmhor, cruaidh, gnù cànrannach, duairceach, iargalta, neo-aoidheil, borb. 2. selfish, avaricious: doicheallach, gruamach, neo-fhial, gionach, sanntach. 3. (of things), unpliant, cross-grained: do-lùbaidh, teann, crosda,

rag, daobhaidh, danarra. 4. vexatious, obstructive: rag, daobhaidh, crosda, danarra.

CHURLISHLY, *adv.* See Churlish.

CHURLISHNESS, *s.* 1. Brutality, ruggedness of manner: ùmaidheachd, borbas, iargaltachd, iargaltas, neo-shìobhaltachd, gruamachd, doichioll. 2. difficulty of management: crosdachd, danarrachd, mìshuairceas.

CHURLY, *adv.* Gu bodachail, gu an-ìochdmhor, gu gruamach, gu duairceach, gu crosda.

CHURME, *s.* Toirm, fuaim, borbhan.

CHURN, *s.* Muidhe.

CHURN, *v. a.* 1. Agitate, shake any thing by violent motion: crath, luaisg, cuir troimh chéile, cuir fuidh ghluasad. 2. make butter by agitating the milk: maistrich, dean im, thoir im as.

CHURNING, *s.* Crathadh, maistreachadh.

CHURNSTAFF, *s.* Loinid, maide-muidhe.

CHURRWORM, *s.* An t-slat thomhais.

CHUSE, *v. a.* See Choose.

CHYLE, *s.* Leann-goile, màthair na fola, leann-meirbhidh.

CHYLIFICATION, *s.* Meirbheadh, tionndadh gu màthair na fola.

CHYLIFACTIVE, } *adj.* Cnàmhach, a thionndaidheas
CHYLOPOETIC, } gu màthair na fola.

CHYMIST, *s.* Feallsanach gnè nìthean, feallsanach suacain.

CHYMISTRY, Feallsanachd gnè nìthean, feallsanachd suacain.

CIBARIOUS, *adj.* Bìadhchar, aranach, maith air son bìdh.

CIBOL, *s.* See Chibal.

CICATRICE, } *s.* 1. The scar remaining after a wound:
CICATRIX, } leus, athailt, creim, gàg. 2. a mark, an impression: comharradh, athailt, lorg, làrach.

CICATRISANT, *s.* Plasd-athailte, ni a dh'fhagas lorg.

CICATRISIVE, *adj.* Gàgach, lorgach, a ni athailt.

CICATRIZATION, *s.* 1. The act of healing the wound: athailt-leigheas, creuchd-dhùnadh. 2. the state of being healed or skinned over: creuchd-dhùnadh, lot-leigheas, feòil-lionadh.

CICATRIZE, *v. a.* 1. Apply such medicines to wounds and ulcers as heal and skin them over: leighis, slànuich, dùin le cungaidh-leighis. 2. heal and induce the skin over a sore: leighis, slànuich, dùin suas.

CICELY, *s.* Seanas.

CICHORACEOUS, *adj.* Siucarach, anns am bheil gnè luis an t-siucair.

CICH-PEASE, Peasar nan luch.

CICURATE, *v. a.* Callaich, ceannsaich, ciùinich, mìnich, dean soirbh.

CICURATION, *s.* Callachadh, ceannsachadh, ciùineachadh, dèanamh soirbh.

CID, *s.* Ceann-feadhna, ceannard.

CIDER, *s.* 1. All kinds of strong liquor except wine: dìbh. 2. liquor made of the juice of fruits pressed: sùgh mheas, leann meas. 3. the juice of apples pressed and fermented: leann-ùbhlan, ubhal-bhrìgh.

CIDERIST, *s.* Grùdair ubhal-bhrìgh, fear-dèanamh-leann-ùbhlan.

CIELING, *s.* See Ceiling.

CILICIOUS, *adj.* Gaoisideach.

CIMELIARCH, *s.* Àrd-mhaor eaglais.

CIMETER, *s.* Claidheamh crom.

CIMISS, *s.* See Bug.

CIMMERIAN, *adj.* Dorch, doilleir, dubb-dhorch.

CINCTURE, *s.* 1. Something worn round the body: crios, bann, ceagal, cearcall. 2. an enclosure: dùnadh, gàradh. 3. (in architecture): cuairt, cearcall.

CINDER, *s.* 1. A mass ignited and quenched without being reduced to ashes: gual, guailleán. 2. a hot coal that has ceased to flame: guailleán.

CINERATION, *s.* Cnàmh gu luathre, luaitheadh.

CINEREOUS, *adj.* Liath-ghlas, air dhath na luathre.

CINERITIOUS, *adj.* Coltach ri luathre.

CINERULENT, *adj.* Luaitheadh.

CINGLE, *s.* Crios, tarrach.

CINNAMON, *s.* Canal.

CINQUE, *s.* Cùig, focal-cluiche.

CINQUE-FOIL, *s.* A chùig dhuilleagach, seamrag chùig-bhileach.

CINQUE-PACE, *s.* Dannsa toirteil.

CION, *s.* 1. A sprout, a shoot from a plant: faillean, fiùran, busag, ùr-fhàs, meangan. 2. the shoot engrafted or inserted on a stock: fiùran, meangan, ùr-fhàs.

CIPHER, *s.* 1. An arithmetical character by which some number is noted, a figure: comharradh an cunntas, comharradh àireamh. 2. an arithmetical mark which standing for nothing itself, increases the value of the other figures: mac-sambuil 0, an àireamh, neo-ni leis féin, ach treun le càch. 3. an intermixture of letters engraved usually on boxes or plate: comharradh, gearradh lìtrichean. 4. a character in general: comharradh, gearradh, ailt. 5. a secret or occult manner of writing, or the key to it: comharran dìomhair, sgrìobhadh lìtrichean dìomhair. 6. a species of juggling: cleasan, caran. 7. an insignificant person: gàrlach, sìochair, duine gun fheum.

CIPHER, *v. a. et n.* 1. Write in occult characters: sgrìobh le lìtrichibh dìomhair. 2. designate, characterise: comharrach. 3. practise arithmetic: àireamh, cunnt.

CIRCLE, *s.* 1. A line continued till it ends where it began, having all its parts equidistant from the common centre: cuairt, cearcall, crios-cuairte. 2. the space enclosed in a circular line: cuairt, cuairt-eag. 3. a round body, an orb: cuairt, cruinn-meall. 4. compass, enclosure: cuairt, gàradh. 5. an assembly surrounding the principal person: cuideachd, bannal, coisir, coimh-thional. 6. any series ending as it begins and perpetually repeated: cuairt, cearcall. 7. an inconclusive form of argument: cuairt, cearcall. 8. circumlocution: cuairt, cuairt-bhriathran.

CIRCLE, *v. a. et n.* 1. Move round any thing: cuartaich, cuir cearcall uime. 2. enclose, surround: iom-dhruid, iadhl mu, cuartaich. 3. confine, keep together: cum ri a chéile, cum a stigh, cruinnich.

CIRCLED, *adj.* Cruinn, cuairteagach, cearcallach.
CIRCLER, *s.* Bàrd-siubhail, droch-bhàrd.
CIRCLET, *s.* Cuairt, cearcall, cuairteag, fàinne, camag.
CIRCLING, *adj.* Cruinn.
CIRCLY, *adv.* Gu cruinn.
CIRCUIT, *s.* 1. The act of moving round any thing: cuartalan, cuairt, dol timchioll. 2. the space inclosed in a circle: cuairt-lann, cuairt. 3. space, extent, measured by travelling round: cuairt-astar. 4. a ring, a diadem, that by which any thing is encircled: fàinne, crùn, coron, cuairt. 5. the visitations of the judges for holding assizes: cuairt-bhreitheamh, cuairt nam mòr-fhearandearga.
CIRCUIT, *v. a. et n.* 1. Move round, travel round: cuaritich, rach mu 'n cuairt. 2. move circularly: bi cuairteachadh, bi dol mu 'n cuairt.
CIRCUICTION, *s.* 1. The act of going round any thing: cuairteachadh, dol mu 'n cuairt, cur cearcall air. 2. compass, maze of argument: cuairt, cuartan.
CIRCUITOUS, *adj.* Cruinn mu 'n cuairt, cuairteach.
CIRCUITOUSLY, *adv.* See Circuitous.
CIRCULABLE, *adj.* So-chuairteachaidh.
CIRCULAR, *adj.* 1. Round like a circle: cruinn, mar chuairt, cuairteach. 2. successive in order, always returning: cruinn, cuairteach. 3. vulgar, mean: bochd, suarach, a' dol mu 'n cuairt. 4. ending in itself: cruinn, cuairteagach. 5. circular letter: litir-fabhaidh, litir fhios. 6. circular lines: sgrìobhan cuairt-ghearraidh. 7. circular sailing: seòladh air bogha mòr-chuairt.
CIRCULARITY, *s.* Chruinn-chumadh.
CIRCULARLY, *adv.* See Circular.
CIRCULARY, *adj.* Cruinn, cuairteach.
CIRCULATE, *v. a. et n.* 1. Travel round: cuairtich, cuir cearcall mu. 2. put about: cuir mu 'n cuairt. 3. move in a circle: imich mu 'n cuairt, cuairtich. 4. be dispersed: bi sgaoilleadh, sgaoil.
CIRCULATION, *s.* 1. Motion in a circle: cuairteachadh, dol mu 'n cuairt. 2. a series in which the same order is always observed, and things always return to the same state: cuairt, ath-philleadh. 3. reciprocal interchange of meaning: ath-philleadh, ath-fhreagradh.
CIRCUMAMBIENCY, *s.* Cuairteachadh, cruinneachadh mu thimchioll.
CIRCUMAMBIENT, *adj.* Cuairteach, a' dol mu thimchioll.
CIRCUMAMBULATE, *v. n.* Cuairtich, coisich mu 'n cuairt.
CIRCUMCISE, *v. a.* Timchioll-ghèarr.
CIRCUMCISER, *s.* Fear timchioll-ghearraidh.
CIRCUMCISION, *s.* Timchioll-ghèarradh.
CIRCUMCURATION, *s.* Ruith a sìos 's a suas.
CIRCUMDUCT, *v. a.* Thoir timchioll, pill, bac, dubh as, mill.
CIRCUMDUCTION, *s.* 1. Nullification, cancellation: ditheadhadh milleadh, dubhadh as. 2. a leading about: cuairt-theòrachadh, cur mu 'n cuairt, toirt mu 'n cuairt.
CIRCUMFERENCE, *s.* 1. The periphery, the line including and surrounding any thing: cuairt-shreang, cuairt, cuairt-thomhas. 2. the space enclosed in a

circle: cuairt. 3. the external part of an orbicular body: cuairt, cruinne. 4. an orb, a circle: cuairt, cruinne.

CIRCUMFERENTIAL, *adj.* Cuairteach, cruinn.
CIRCUMFLUENCE, *s.* Iomdhruideadh uisge, being ri uisge.
CIRCUMFLUENT, *adj.* Cuairt-shruthach.
CIRCUMFLUOUS, *adj.* See Circumfluent.
CIRCUMFORANEAN, } *adj.* Iomrallach, o thigh gu
CIRCUMFORANEOUS, } tigh, badhalach.
CIRCUMFUSE, *v. a.* Dòirt mu 'n cuairt. taosg, spliut.
CIRCUMFUSILE, *adj.* Taosgach, spliutach, uim'-dhòrtach.
CIRCUMFUSION, *s.* Uim'-dhòrtachd, spliutadh, taosgadh.
CIRUMGYRATE, *v. a.* Rol, trus cruinn.
CIRUMGYRATION, *s.* Cuairt-ruith, cuartalan.
CIRCUMJACENT, *adj.* Dlùth, fagus, teamn air.
CIRCUMJUNCTION, *s.* Cuartachadh, dol timchioll, cuartalan, cuairt-imeachd.
CIRUMLIGATION, *s.* 1. The act of binding round: teamnachadh, ceangal mu 'n cuairt. 2. the bond with which any thing is encompassed: ceangal, bann, crios-ceangail.
CIRUMLOCUTION, *s.* 1. Periphrasis: cuairt-labhairt, iom-fhoclan, bith-bhriathran. 2. the use of indirect expressions: cuairt-chainnt.
CIRUMLOCUTORY, *adj.* Bith-bhriathrach, cuairt-chainnteach.
CIRUMMURED, *adj.* Callaideach, dùinte le balla.
CIRUMNAVIGABLE, *adj.* So-sheòlaidh mu 'n cuairt.
CIRUMNAVIGATE, *v. a.* Cuairt-sheòl, seòl mu 'n cuairt, uim'-sheòl.
CIRUMNAVIGATION, *s.* Cuairt-sheòladh, seòladh mu 'n chruinne.
CIRUMNAVIGATOR, *s.* Seòladair-cuairt a' chruinne.
CIRUMPLICATION, *s.* Cuairt-fhilleadh.
CIRUMPOLAR, *adj.* Mu 'n reul-iùil.
CIRUMPOSITION, *s.* Càradh mu 'n cuairt, cuairt-chàradh, cuairt-shuidheachadh.
CIRUMRASION, *s.* Cuairt-bhearradh, cuairt-sgudadh, cuairt-lomadh.
CIRUMROTATION, *s.* 1. The act of whirling round: roladh, cuibhleadh. 2. The state of being whirled about: roladh, cuibleadh, cur mu 'n cuairt.
CIRUMROTATORY, *adj.* Cuairt-shiùbhlach.
CIRUMSCRIBE, *v. a.* 1. Enclose in certain lines, or boundaries: iomdhruid, cuir crìoch ri, sgrìobh fuidh chrìochan. 2. bound, limit, confine: cuir crìoch ri, cuibhrich, cum a stigh. 3. write around: sgrìobh mu 'n cuairt.
CIRUMSCRIPTION, *s.* 1. Determination of particular form, or magnitude: cuairt-sgrìobhadh. 2. limitation, boundary: iomdhruideadh, cumbhangachadh. 3. writing round, a circular inscription: cuairt-sgrìobhadh.
CIRUMSCRIPTIVE, *adj.* Cuairteach, cruinn, crìochnach.
CIRUMSCRIPTIVELY, *adv.* See Circumscriptive.
CIRUMSPECT, *adj.* Cùramach, faicilleach, faireachail, furachail, crionna, sicir.
CIRUMSPECT, *v. n.* Dean faire, bi faicilleach, bi furachail.

CIRCUMSPECTION, s. Aire, cùram, faicill, furachas, crìonnachd.

CIRCUMSPECTIVE, adj. See *Circumspect, adj.*

CIRCUMSPECTIVELY, adv. See *Circumspective.*

CIRCUMSPECTLY, adv. See *Circumspect, adj.*

CIRCUMSPECTNESS, s. See *Circumspection.*

CIRCUMSTANCE, s. 1. Something appendant, or relative to a fault : cùis, nì, rud, càs, gnothach, cor. 2. the adjuncts of a fault which makes it more or less criminal : còimcheangal, còrr, gnothach. 3. accident, something adventitious : cùis, gnothach, càs, tuiteamas. 4. incident, event, generally of a subordinate kind : gnothach cùis, cor, staid, nì. 5. condition, state of affairs : staid, inbhe.

CIRCUMSTANCE, v. a. Cuir an cor àraidh, suidhich.

CIRCUMSTANT, adj. Cuairtiche, mu 'n cuairt, air gach taobh.

CIRCUMSTANTIAL, adj. 1. Accidental, not essential : tuiteamach, neo-àraidh, co-cheangailte. 2. incidental, happening by chance : tuiteamach. 3. full of small events, particular : pongail, min-chuiseach.

CIRCUMSTANTIALLY, adv. See *Circumstantial.*

CIRCUMSTANTIATE, v. a. 1. Place in particular circumstances : suidhich, càirich, leag, socraich gu dòigheil. 2. place in a particular condition with regard to power, or wealth : suidhich, socraich, càirich, cuir.

CIRCUMTERRANEOUS, adj. Mu 'n cuairt do 'n chruinne, cruinne-cuairteach.

CIRCUMVALLATE, v. a. 1. Enclose round with trenches, or fortifications : daingnich, iom'-dhruid, cuir callaid mu.

CIRCUMVALLATION, s. 1. The art, or act of casting up fortifications round a place : daingneachadh, timchioll-dhìon, balla-daingneachaidh, callaid-thogail. 2. the fortification, or trench thrown up round a place besieged : balla, being, dig.

CIRCUMVECTION, s. 1. The act of carrying round : cuairt-ghiuilan. 2. the state of being carried round : cuairt-ghiuilan.

CIRCUMVENT, v. a. Meall, thoir an car á, thoir a chreidsinn air.

CIRCUMVENTION, s. Foill, mealladh, feall, cuilbheart, cealg.

CIRCUMVENTIVE, adj. Mealltach, foilleil, fealltach, carach, cealgach.

CIRCUMVEST, v. a. Aodaich, còmhdaich, crioslaich mu 'n cuairt.

CIRCUMVOLVE, v. a. Rol, cuibhill, ruidhil, cuir mu 'n cuairt.

CIRCUMVOLUTION, s. 1. The act of rolling round : roladh, cuibhleadh. 2. the state of being rolled round : roladh, cruinneachadh, trusadh, uim'-foladh. 3. the thing rolled round another : roladh, car, trusadh.

CIST, s. 1. A case, a tegument : còmhdach, ciste. 2. an excavation : toll, slochd, fosgladh.

CISTED, adj. Còmhdaichte, dùinte.

CISTERN, s. 1. A receptacle of water for domestic uses : amar, tobar. 2. a reservoir : linne, tobar, amar. 3. any receptacle, or repository of water : linne, tobar, amar.

CISTUS, s. See *Rock-rose.*

CIT, s. Beadagan-bùth, fear-baile-mòir.

CITADEL, s. Dùn, daingneach, caisteal.

CITAL, s. 1. Reproof, impeachment : achmhasan, cronachadh, dìteadh. 2. summons, citation : rabhadh, gairm, sanas, fios gu cùirt. 3. quotation, citation : iasad-bhriathar.

CITATION, s. 1. The calling the person before the judge, for the sake of trying the cause of action commenced against him : fios gu cùirt, gairm. 2. quotation : iasad-bhriathar. 3. the passage, or words quoted : briathran iasaid. 4. enumeration, mention : ainmeachadh, aithris, cur an céill.

CITATORY, adj. Rabhadh, a bheir gairm-làthaireachd.

CITE, v. a. 1. Summon to answer in a court. See *Summon, v. a.* 2. enjoin, call upon authoritatively : gairm, òrduich, thoir rabhadh do. 3. quote. See *Quote.*

CITER, s. 1. One who cites into a court : rabhadair, fear-sanais, maor. 2. a quoter. See *Quoter.*

CITRESS, s. Bean-baile-mòir, ban-shaoranach.

CITICISM, s. Gnàths fir-baile-mòir.

CITIZEN, s. 1. A freeman of a city, not a foreigner, not a slave : saoranach, fear baile-mhòir. 1. a townsman, a man of trade, not a gentleman : fear-baile-mòir, ceannaiche, fear-malairt. 3. an inhabitant, a dweller in any place : fear-àiteachaidh, fear-còmhnuidh.

CITIZEN, adj. Neo-mhisneachail, neo-sgairteil, neospioradail.

CITIZENSHIP, s. Saorsa baile-mòir.

CITRINE, adj. Buidhe, buidhe-dhonn.

CITY, s. 1. A large collection of houses and inhabitants : baile, cathair. 2. (in the English law) a town-corporate : baile-mòr. 3. the inhabitants of a certain city, as distinguishing from other subjects : baile, cathair.

CITY, adj. 1. relating to the city : a bhineas do bhaile mòr. 2. resembling the manners of the citizens : baileach, a réir gnàth luchd-baile mòir.

CIVIL, adj. 1. Relating to the community, political : cuideachdail. 2. relating to any man as a member of the community : cuideachdail, comunnach. 3. not in anarchy, not wild : riaghailteach, rianail, dòigheil. 4. not foreign, intestine : cuideachdail, a bhineas d' ar dùthaich. 5. not ecclesiastical : neo-eaglaiseil, aimsireil. 6. not natural, as a person banished or outlawed, is said to suffer, *civil*, though not natural death : cuideachdail, comunnach. 7. not military : cuideachdail, comunnach, a bhineas do cheartas na tìre. 8. not criminal : neo-thoilteanach air bàs. 9. civilized, not barbarous : ciùin, modhail, dòigheil, riaghailteach, deadh-bheusach. 10. complaisant, civilized, gentle, well-bred : sìobhalta, suairce, còir, deadh-bheusach, modhail, caoimhneil. 11. grave, sober, not gay nor showy : còir, socrach, suidhichte.

CIVILIZATION, s. 1. A law, act of justice, which renders a criminal process civil : cur air cùl dìidh bàis. 2. the act of civilizing barbarous people : callachadh, ciùineachadh, toirt gu riaghailt.

3. the state of being civilized: rian, riaghailt, deadh-bheus.
- CIVILITY, s.** 1. Freedom from barbarity: riaghailteachd, modhalachd, rian, dòigh. 2. politeness, complaisance: modhalachd, sìobhaltachd, suairceas, grinneas. 3. rule of decency, practice of politeness: modhalachd, sìobhaltachd, suairceas. 4. partaking of the nature of a civilized state: riaghailteachd, rian.
- CIVILIZE, v. a.** Thoir gu riaghailt, ciùinich, teagaisg, callaich, thoir fuidh ghéill do 'n lagh.
- CIVILIZER, s.** Fear-callachaidh, fear-teagaisg nan allamharach.
- CIVILLY, adv.** See Civil.
- CIZAR, v. a.** Beàrr, lom.
- CIZE, s.** See Size.
- CLACK, s.** 1. Any thing that makes a lasting and importunate noise: clag, clagan, claban, glagan, fuaim. 2. the clack of a mill: claban, glagan.
- CLACK, v. a. et n.** 1. Clip wool, that it may weigh less, and so yield less custom to the king: beàrr, gearr dheth. 2. make a chinking noise: dean glagan, gliong. 3. let the tongue run: bi glagaireachd, dean glagadaich, no, glagaireachd.
- CLACKER, s.** Claban, glagan.
- CLACKING, s.** Gobaireachd, goileam, glagaireachd faoin chòmhradh.
- CLAD, part.** Aodaichte, còmhaichte, sgeadaichte.
- CLAIM, v. a.** 1. Demand of right: iarr mar chòir, tagair, agair. 2. call, name: gairm, ainmich.
- CLAIM, s.** 1. A demand of any thing as due: agradh, agartas, tagradh. 2. a title to any privilege or possession in the hands of another: còir, dlìghe. 3. (in law), a demand of any thing that is in the possession of another: iarruidh, agartas, tagradh. 4. a call: gairm, guth, rabhadh.
- CLAIMABLE, adj.** Agarrach, so-agraidh.
- CLAIMANT, CLAIMER, } s.** Tagaireach, agarach.
- CLAIMANT, adj.** Iarratach, gearanach.
- CLAM, v. a. et n.** 1. Clog with any glutinous matter: ragaich, ìon le bith, rìghnich, luchdaich le glaoth. 2. be moist: taisich. 3. unite certain sounds in the peal: dean co-fhuaim.
- CLAMBER, v. n.** Streap, dìrich a suas.
- CLAMMINESS, s.** Rìghneachas, rìghneachd, leanailteachd.
- CLAMMY, adj.** Glaothach, rìghinn, leanailteach, tiugh.
- CLAMOROUS, adj.** Collaideach, bruidhneach, àrd-labhrach.
- CLAMOROUSLY, adv.** See Clamorous.
- CLAMOUR, s.** 1. Outcry, noise, exclamation, vociferation: collaid, glaothaich, gaoir, gànrach, caithream. 2. of inanimate things: farum, gaoir, gànrach.
- CLAMOUR, v. a. et n.** 1. Stun or overpower with noise: bodhair, dean collaid. 2. make outcries, exclaim, vociferate: glaoth, éigh, dean iollach.
- CLAMOURER, s.** Glagair, glagaid, fear-collaid, clabastair.
- CLAMP, s.** 1. A piece of wood joined to another,
- as an addition of strength: cnòd, clabhdan. 2. a quantity of bricks: dùn meall.
- CLAMP, v. a.** Cuir clabhdan air, cum o shuathadh.
- CLAN, s.** 1. A family, a race: teaghlach, einneadh, fine, treubh. 2. a body or set of persons, in a sense of contempt: sliochd, dream, treubh.
- CLANCULAR, adj.** Uaigneach, folaichte, dìomhair, ceilte.
- CLANCULARLY, adv.** See Clancular.
- CLANDESTINE, adj.** Uaigneach, dìomhair, ceilte, neo-laghail.
- CLANDESTINELY, adv.** See Clandestine.
- CLANDESTINENESS, s.** Neo-laghalachd, dìomhair-eachd, uaigneachd.
- CLANG, s.** Gliong, glang, gliogar, gliogarsnaich.
- CLANG, v. a. et n.** 1. Strike together with a noise: dean gliogarsnaich, thoir glang air. 2. clatter, make a loud shrill noise: gliong, bi gliogarsaich.
- CLANGOUR, s.** Gleadhraich, gliogarsaich.
- CLANGOUS, adj.** Gliongach, glangach, gliogach.
- CLANK, s.** Gleadhar, cruaidh-ghlìong, farum.
- CLANSHIP, s.** Cinneadas, cinneadalachd.
- CLAP, v. a. et n.** 1. Strike together with a quick motion so as to make a noise by the collision: buail r' a chéile, buail air a chéile. 2. add one thing to another, implying the idea of something hasty, or unexpected: buail, thoir grad bhuille, spàrr rì. 3. do any thing with a sudden hasty motion, or unexpectedly: buail gu grad, dèan am briosgadh. 4. celebrate or praise by clapping the hands: buail le d' bhasaibh, dean bas-bhualadh, àrdmhol, cliùthaich. 5. infect with venereal poison: cuir an clap air. 6. *clap hands*, plight mutual troth: glac làmh, thoir do làmh. 7. *clap up*, complete suddenly without much precaution: buail thairis. 8. impress on with little formality or delay: spàrr a stìgh, cuir an greim, prìosanaich. 9. move nimbly with a noise: gluais, coisich, imich. 10. make a noise, as to knock: buail, thoir farum. 11. enter with alacrity and briskness upon any thing: teann rì, spàrr rì. 12. strike the hands together in applause: buail do bhasan, dean bas-bhualadh.
- CLAP, s.** 1. A loud noise made by sudden collision: buille, farum, gleadhar. 2. a sudden or unexpected act of motion: buille, leum. 3. an explosion of thunder: bragh. 4. an act of applause: gair-fhuaim, iolach. 5. a venereal infection: clap, druis-ghalar.
- CLAP-DISH, s.** Bigein, cuman, meadar.
- CLAPPER, s.** 1. An applauder: fear-iolaich, fear-molaidh. 2. the tongue of a bell: teanga, glagan. 3. the clapper of a mill: claban, glagan.
- CLAPPERCLAW, v. a.** Trod, càin, dio-mol.
- CLASS, v. a.** Roinn 'n an sreathaibh, roinn 'n an seòrsaibh, cuir 'n an dreamaibh.
- CLASSIC, s.** Ùghdair measail, àrd-ùghdair.
- CLASSIFICATION, s.** Earrannachadh, sreath-roinn, seòrsachadh.
- CLASSIFY, v. a.** See Class, v. a.
- CLATTER, v. a. et n.** 1. Strike any thing so as to make it sound and rattle: thoir glacadhar air, buail

sgaile, thoir farum, thoir gliong air. 2. dispute, jar : connsaich, dean brionglaid. 3. make a noise by knocking two sonorous bodies frequently together : gliong, thoir glang, bi ri gliogarsnaich. 4. utter a noise by striking another object : bi gliongarsnaich, gliong, bi straighlich. 5. talk fast and idly : dean blabhdaireachd.

CLATTER, *s.* 1. A rattling noise made by the frequent and quick collision of sonorous bodies : straighlich, gliogarsnaich, gliogarsnaich. 2. any tumultuous or confused noise : straighlich, farum, fuaim, gleadhraich.

CLATTERER, *s.* 1. He who makes any noise : fear-gleadhraich, gliongair, glagair, clab-sgàin. 2. one who will disclose any light secret : clabstair, gob-air, sgiolam.

CLATTERING, *s.* Gleadhraich, straighlich, gliogarsnaich.

CLAVATED, *adj.* Plucach, cnapach, meallach.

CLAUDENT, *adj.* Dùinte, druidte.

CLAUDICANT, *adj.* Crùbach, bacach.

CLAUDICATE, *v. n.* Bi crùbach, bi bacach.

CLAUDICATION, *s.* Crùbaiche, bacadhaiche.

CLAVICLE, *s.* Cnàmh an t-slinnein.

CLAUSE, *s.* 1. A sentence, a single part of a discourse : cuid, roinn, earrann, cuibhrionn. 2. an article or particular stipulation : pong, punc.

CLAUSURE, *s.* Dùnadh, druideadh, cuing.

CLAW, *s.* 1. The foot of a beast or bird armed with sharp nails : spàg, spòg, cròg. 2. sometimes a hand in contempt : spòg, cròg.

CLAW, *v. a.* 1. Tear with nails or claws : sgrìob, sgròb, reub, tachais. 2. pull as with nails : sgrìob, sgròb. 3. tear or scratch in general : sgrìob, sgròb, srac, reub. 4. flatter : sliob, imlich, dean gabhunn. 5. scold, rail at : troid ri, càin, tilg athais air.

CLAWBACK, *adj.* Miodalach, sodalach, gabhunnach.

CLAWED, *adj.* Spògach, crògach, iongach.

CLAY, *s.* 1. Unctuous and tenacious earth : criadh, làthach. 2. (in poetry), earth in general : criadh, talamh, duslach. 3. dirt, or moistened earth : clàbar, làthach.

CLAY, *v. a.* Còmhdach ìe criadh.

CLAY-COLD, *adj.* Marbh, gun deò, fuar mar am bàs.

CLAY-GROUND, *s.* Talamh criathach, fearann criathach.

CLAY-FIT, Slochd-crèadha, toll-crèadha.

CLAYES, *s.* Cailbhe-caoil.

CLAYEY, } *adj.* Criathach.

CLAYISH, }

CLAYMARL, *s.* Criadh-gheal.

CLAYMORE, *s.* Claidheamh-mòr.

CLAYSTONE, *s.* Clach-crèadha.

CLARIFICATION, *s.* Glanadh, sioladh, soilleireachadh.

CLARIFY, *v. a.* 1. Purify or clear any liquor : siolaidh, glan, dean soilleir. 2. brighten, illuminate : sgùr, dean loinnreach. 3. clear up, grow bright : soilleirich, fàs loinnreach, dèars.

CLARION, *s.* Trompaid, buabhall.

CLARITY, *s.* Soilleireachd, gloine, loinnreachd.

CLARY, *s.* Torman.

CLARY, *v. n.* Dean torman.

CLASH, *v. a. et n.* 1. Strike one thing against another : buail r' a chéile. 2. act with opposite power or contrary direction : cuir 'n a aghaidh, buail 'n a aghaidh. 3. make a noise by mutual collision : thoir farum, thoir gleadh, thoir tatag.

CLASH, *s.* 1. A noisy collision of two bodies : tatag, farum, fuaim, gleadh, gliong. 2. opposition, contradiction : àicheadh, cur an aghaidh.

CLASHING, *s.* Còmh-stri, aimhreit, diomb, àicheadh, cur an aghaidh.

CLASP, *s.* 1. A hook to hold any thing close : cromag, dubhan, clic, bràist. 2. an embrace, in contempt : glacadh, teannachadh.

CLASP, *v. a.* 1. Shut with a clasp : dùin ìe cromag. 2. catch and hold by twining : glac, greimich. 3. hold with the hands extended : glac, teannaich. 4. embrace : glac, teannaich, teannghlac, dlùthaich riut. 5. enclose : iomdhruid, dlùthaich riut.

CLASPER, *s.* Greimiche.

CLASP-KNIFE, *s.* Sgian-lùthaidh.

CLASS, *s.* 1. A rank or order of persons : dream, treubh, òrdugh. 2. an assembly of persons with a certain division : comunn, treubh, òrdugh, dream. 3. at school : comunn, sreath. 4. a set of beings or things : dream, seòrsa, cuideachd, comunn.

CLEAN, *adj.* 1. Free from dirt, or filth : glan, fìorghlan. 2. free from moral impurity, chaste, innocent, guiltless : glan, geannuidh, neo-chiontach, ionraic, neo-choireach. 3. elegant, neat, not unwieldy : glan, sgiolta, sgiobalta. 4. not foul with any loathsome disease : glan, slàn, fallain, neo-thruaillidh. 5. dexterous, not bungling : glan, cruinn, tapaidh, sgiobalta. 6. entire : glan, buileach, iomlan.

CLEAN, *adv.* See Clean, *adj.*

CLEAN, *v. a.* Glan, nigh, sgùr, ionnlaid, cairt.

CLEANLILY, *adv.* See Clean, *adj.*

DEPUTE, *v. a.* Sònruich mar fhear-ionaid, cuir air theachdaireachd.

DEPUTY, *s.* 1. A lieutenant, a viceroy: fear-ionaid, fear-àit uachdarain. 2. one that transacts business for another: fear-gnothaich, fear-ionaid.

DERACINATE, *v. a.* 1. Pluck or tear up by the roots: spion á fhreumhaibh, spion á bun. 2. abolish, destroy: dìth-mhill, sgrios, cuir as.

DERAIGN, } *v. a.* 1. Prove, justify: dearbh ceart.

DERAIN, } 2. disorder, turn out of course: cuir air seacharan.

DERAIGNMENT, } *s.* 1. The act of deraigning, or

DERAINMENT, } proving: dearbhadh, fireanachadh. 2. a disordering or turning out of course: dol air seacharan. 3. a discharge of profession, a departure out of religion: cùl-sleamhnachadh, tréigsinn creidimh.

DERANGE, *v. a.* Eas-òrduich, cuir air aimhreachd.

DERANGEMENT, *s.* Eas-òrdugh, mearaichinn.

DERAY, *s.* Eachrais, butarrais, ùprait, collaid, aimhreit.

DERELICTION, *s.* 1. Abandonment: dìobradh, tréigsinn, tur-chùl. 2. the state of being forsaken: dìobradh, tréigsinn.

DERIDE, *v. a.* Sgeig, fochaidich, mag, dean ceòl gàire dhethl.

DERIDER, *s.* 1. A mocker, a scoffer: sgeigeir, fear-fanaid, fear-fochaid. 2. a droll, a buffoon: àmh-uilteach, sgeigeir.

DERIDINGLY, *adv.* Gu magail, gu sgeigeil, gu foch-aideach.

DERISION, *s.* 1. The act of deriding or laughing at: sgeig, magadh, fochaid, fanaid, fath-chainnt. 2. contempt, scorn, a laughing stock: cùis-mhagaidh, ball-fanoid.

DERISIVE, *adj.* Sgeigeil, magail, fanaideach, foch-aideach.

DERISIVELY, *adv.* See Derisive.

DERIVABLE, *adj.* 1. Attainable by right of descent or derivation: air am bheil còir shinnsearachd. 2. deducible as from a root: aig éiridh o, a' sruthadh o.

DERIVATION, *s.* 1. A draining of water, a turning of its course: tarruing o mhlàthair uisge, sruth-

chlaonadh. 2. the tracing of a word from its source: focal-fhreumhachd. 3. the transmission of any thing from its source: sruthadh o cheann. 4. (in medicine), the drawing of a humour from one part of the body to another: tarruing leanntan.

DERIVATIVE, *adj.* Sruthach, a' teachd o ni eile.

DERIVATIVELY, *adv.* See Derivative.

DERIVE, *v. a. et n.* 1. Turn the course of water from its channel: tarruing o, tionndaidh, thoir á sruth-chlais. 2. deduce as from a root: tarruing, lorg. 3. communicate to another as from the origin and source: tarruing o. 4. receive by transmission: faigh o. 5. communicate to by descent of blood: sruth a dh' ionnsuidh. 6. spread, diffuse: sgaoil. 7. (in grammar), trace a word from its origin: dean focal-fhreumhachd. 8. come from, owe its origin to: thig o, tàrmaich.

DERIVER, *s.* Fear-tarruing o bhun cùise.

DERN, *adj.* Muldach, aonarach, cianail.

DERNIER, *adj.* Deireannach.

DEROGATE, *v. a. et n.* 1. Do an act so far contrary to a law or custom as to diminish its former extent: lughdaich, lagaich. 2. lessen the worth of any person or thing, disparage: tarcuisich, cuir dìmeas air. 3. detract, lessen reputation: dìth-mhol, lughdaich cliù. 4. degenerate, act beneath one's rank, or place, or birth: dean gu h-an-dualach.

DEROGATE, *adj.* Maslaichte, tarchuisichte.

DEROGATELY, *adv.* See Derogate, *adj.*

DEROGATION, *s.* 1. The act of weakening, or restraining a former law, or contract: cur an suarachas, bristeadh riaghailtè, lughdachadh meas. 2. a defamation, detraction: dìmeas, tarcuis.

DEROGATORILY, *adv.* Gu tarcuiseach.

DEROGATORY, *adj.* Tarcuiseach, eas-onorach, mi-chliùiteach.

DERRING, *adj.* See Daring.

DERVIS, *s.* Manach Turcagh.

DESART, *s.* See Desert.

DESCANT, *s.* 1. A song, or tune composed in parts: òran, rosg. 2. a discourse, a disputation: sean-achas ròpach, ròlaist, connsachadh.

DESCANT, *v. n.* 1. Sing in parts: séinn, ceileir. 2. make speeches in a sense of censure, or contempt: dean ròlaist.

DESCANTING, *s.* Barail, beachdaireachd.

DESCEND, *v. a. et n.* 1. Walk downward upon any place: tèarn, tèaruinn. 2. go downwards, fall, sink: tèaruinn, tèarn, tuit, tuirling. 3. come down, implying only an arrival at one place from another: thig a sios. 4. come suddenly, or violently, fall upon as from an eminence: tuit, tuirling, tuirl. 5. make an invasion: thig a nuas, buail a nuas. 6. proceed as from an original, be derived from: sìolaich o, tàrmaich o. 7. fall in order of inheritance to a successor: tuit a, dh' ionnsuidh. 8. extend a discourse from general to particular considerations: labhair ni 's mionaideiche.

DESCENDANT, *s.* Sìol, sliochd, gineal, iarmad.

DESCENDENT, *adj.* 1. Falling, sinking, coming down, descending: a' tèarnadh, a' tuiteam, a' tuirlingeadh.

2. proceeding from another as an original, or ancestor: a' teachd o, de shliochd, de shìol.

DESCENSION, s. 1. The act of going downwards: tèarnadh, tuirling, teachd le bruthach. 2. a declension, a degradation: ìsleachadh.

DESCENSIVE, adj. A' tèarnadh.

DESCENT, s. 1. The act of passing from a higher to a lower place: tèarnadh, dol a sìos. 2. progress downwards: tèarnadh, tuirlin. 3. obliquity, inclination: claoanadh, cromadh, aomadh, leathad. 4. lowest place: iochdar, bun, grunn. 5. fall from a higher state, degradation: ìsleachadh, tarcais. 6. invasion: teachd a' nuas, ionnsuidh. 7. transmission of any thing by succession and inheritance: dol sìos mar oighreachd. 8. the state of proceeding from an original, or progenitor: tàrmachadh, gineamhuinn. 9. birth, extraction, process of lineage: gineamhuinn, sloinneadh, breith, teachd o. 10. offspring, inheritors: sìol, sliochd. 11. a single step in the scale of genealogy: ceum ginealaich, glùn. 12. a rank in the scale of subordination: dream, ceum.

DESCRIBE, v. a. 1. Delineate, mark out: dealbh, dreach, tarruing. 2. mark out any thing by the mention of its properties: comharraich, aithris cunntas mu ìi, mìnich, thoir tuairisgeul air. 3. distribute into proper heads, or divisions: tarruing cunntas air, sgrìobh fuidh chinn.

DESCRIBER, s. Fear-aithris, fear-tuairisgeil.

DESCRIER, s. Fear-lorgachaidh, fear-faotainn a mach.

DESCRIPTION, s. 1. The act of delineating by perceptible properties: dreach, dealbh. 2. the sentence, or passage in which any thing is described: sgrìobhadh mu ìi, tuairisgeul, cunntas. 3. a lax definition: tuairisgeul. 4. the qualities expressed in a description: tuairisgeul, luaidh, sgrìobhadh.

DESCRY, v. a. 1. Give notice of any thing suddenly discovered: cuir os àird, thoir caismeachd. 2. spy out, examine at a distance: rannsaich a mach, beachdaich fad as, dearc, seall fada uait. 3. detect, find out any thing concealed: faigh a mach, lorg a mach. 4. discover, perceive by the eye: faic, faigh a mach, beachdaich.

DESCRY, s. Faodail, ni air fhaotainn a mach, taisgeal.

DESECRATE, v. a. Mi-àomhaich, mi-choisrig, truaill.

DESECRATION, s. Mi-àomhachadh, mi-choisrigeadh, truaillleadh.

DESERT, s. 1. A wilderness, solitude: fàsach, dìth-reabh. 2. qualities, or conduct considered with respect to rewards, or punishments: toillteanas. 3. proportional merit, claim to reward: toillteanas. 4. excellence, right to reward: toillteanas, maith-eas, airidh.

DESERT, adj. Fàsachail, fiadhaich, neo-àitichte.

DESERT, v. a. et n. 1. Forsake, fall away from: tréig, fàg, diobair. 2. leave, abandon: tréig, cuir cùl ri. 3. quit the army, or regiment in which one is enlisted: teich o' n arm.

DESERTER, s. 1. He that has forsaken his cause, or his post: fear-teichidh, cladhair. 2. he that leaves the army in which he is enlisted: fear-teichidh o' n arm, gealtair. 3. an abandoner: fear-tréigsinn.

DESERTFUL, adj. Clù-thoillteanach, ro-thoillteanach.

DESERTION, s. 1. The act of forsaking, or abandoning a cause, or post: tréigsinn, teicheadh, fàgail. 2. (in theology) a sense of the dereliction of God: tréigsinn, folach gnùise. 3. quitting the army, or regiment in which one is enlisted: teicheadh.

DESERTLESS, adj. Neo-thoillteanach, neo-airidh, gun luach.

DESERTLESSLY, adv. See Desertless.

DESERTRESS, s. Bean-thréigsinn.

DESERVE, v. a. 1. Be worthy of either good, or ill: toill, dean airidh, coisinn. 2. be worthy of reward: toill, bi airidh, dean airidh, coisinn.

DESERVEDLY, adv. Gu toillteanach, gu h-airidh.

DESERVER, s. Fear-toillteanais, fear-airidh.

DESERVING, s. Toillteanas, airidh.

DESERVINGLY, adv. Gu toillteanach, a réir airidh.

DESICCANTS, s. Tiormanan.

DESICCATE, v. a. et n. 1. Dry up, exhaust of moisture: tiormaich, thoir an sùgh a. 2. exhale moisture: cuir fallus deth. 3. grow dry, be drained of moisture: fàs tioram, traodh.

DESICCATION, s. Tiormachadh traodhadh.

DESICCATIVE, adj. Tiormachail.

DESIDERATE, v. a. Iarr, ionndrain.

DESIDERATUM, s. Ionndrain, easbhuidh.

DESIDIÖSE, adj. Leisg, lunnach, trom, dìomhanach.

DESIGN, v. a. 1. Purpose, intend any thing: rùnaich, cuir rómhad, sònraich. 2. form, or order with a particular purpose: rùnaich, sònraich, comharraich. 3. devote intentionally: rùnaich, sònraich. 4. plan, project, form in idea: tionnsgainn, dealbh. 5. mark out by particular tokens: comharraich.

DESIGN, s. 1. An intention, a purpose: rùn, tionnsgnadh miann, beachd, smuain. 2. a scheme, a plan of action: innleachd, dealbh, tionnsgnadh. 3. scheme formed to the detriment of another: innleachd, droch-bheart. 4. the idea which an artist endeavours to execute, or express: samhlachas.

DESIGNABLE, adj. So-aithnichte, comharraichte.

DESIGNATE, adj. Ainnichte, roghnuichte, air a shònrachadh.

DESIGNATE, v. a. Ainnich, comharraich a mach, roghnuich, sònraich.

DESIGNATION, s. 1. The act of pointing, or marking out by some particular token: ainmeachadh, ainm, comharraich. 2. appointment, direction: rùnachadh, sònrachadh. 3. import, intention: ciallachadh, ciall, brìgh.

DESIGNEDLY, adv. A dh' aon ghnòthach, le làn toil, a dh' aon obair.

DESIGNER, s. 1. One that designs: fear-rùnachaidh. 2. one that lays schemes: fear-innleachd, fear-tionnsgnadh. 3. one that forms the idea of any thing in painting: fear-samhlachaidh. 4. one that plans a building, garden, or the like: fear-dealbh.

DESIGNFULNESS, s. Innleachd, seòltachd.

DESIGNING, adj. Innleachdach, carach, seòlta.

DESIGNING, s. Tarruing dhealbh.

- DESIGNLESS, *adj.*** Gun toirt fainear, gun fhios. 2. without scheme or project : neo-charach.
- DESIGNLESSLY, *adv.*** See Designless.
- DESIGNMENT, *s.*** See Design, *s.*
- DESIRABLE, *adj.*** 1. To be wished with earnestness : ion-mhiannaichte. 2. pleasing, delightful : taitneach, ciatach.
- DESIRABLENESS, *s.*** Ion-mhiannachd.
- DESIRE, *s.*** Toil, iarraidh, miann, togradh, déidh, dùrachd.
- DESIRE, *v. a.*** 1. Wish, long for : miannaich, sanntaich iarr, togair. 2. express wishes, appear to long : miannaich, sinntaich, bi an déidh air, iarr. 3. ask, intreat : iarr, grios, asluich. 4. require, demand : iarr, sir.
- DESIRER, *s.*** Iarradair, iarrataich, fear-miannachaidh.
- DESIRELESS, *adj.*** Neo-iarratach.
- DESIROUS, *adj.*** Iarratach, miannach, déidheil, togarrach.
- DESIROUSLY, *adv.*** See Desirous.
- DESIROUSNESS, *s.*** Iarrtachd, miannachas.
- DESIST, *v. n.*** Stad, sguir, leig dhìot, dean fois, foisich.
- DESISTANCE, *s.*** Stad, sguir, tàmh, fosadh.
- DESITIVE, *adj.*** Criochnuicheach.
- DESK, *s.*** Crìnlein, bòrd-sgrìobhaidh.
- DESK, *v. a.*** Càraich an tasgaidh, taisg.
- DESOLATE, *adj.*** 1. Without inhabitants, uninhabited : fàs, fàsail, aonaranach, neo-àitichte. 2. deprived of inhabitants, laid waste : fàs, bàn, neo-àitichte. 3. solitary, without society : aonaranach, cianail, ànrach.
- DESOLATE, *v. a.*** Fàsaich, dìth-àraich.
- DESOLATELY, *adv.*** See Desolate, *adj.*
- DESOLATER, *s.*** Fear-fàsachaidh, dìth-mhilltear.
- DESOLATION, *s.*** 1. Destruction of inhabitants : fàsachadh, fàsalachd dòlas, creachadh. 2. gloominess, melancholy, destitution : cianalas, aonarachd, tiambhaidheachd. 3. a place wasted and forsaken : fàsach, dìthreabh.
- DESOLATORY, *adj.*** Sgrìosail, millteach, a' cur fàs.
- DESPAIR, *s.*** 1. Hopelessness, despondence : eu-dòchas, an-dòchas, an-earbsa, mi-mhisneach, mi-mhuinghinn. 2. that which causes despair ; that of which there is no hope : eu-dòchas, an-earbsa. 3. (in theology) loss of confidence in the mercy of God : an-earbsa, eu-dòchas.
- DESPAIR, *v. a. et n.*** 1. Cause to despair : cuir an an-earbsa, cuir an eu-dòchas. 2. be without hope, despond : thoir thairis dùil, bi an eu-dòchas.
- DESPAIRABLE, *adj.*** Eu-dòchasach, an-earbsach, an-dòchasach.
- DESPAIRER, *s.*** Fear-gun dòchas, fear an-earbsach.
- DESPAIRINGLY, *adv.*** Gu h-eu-dòchasach, gu h-an-earbsach.
- DESPATCH, *s.*** 1. Hasty execution, speedy performance : luath, ealamhachd, cabhag, deifir. 2. express, hasty messenger, or message : teachdair-eachd, cabhag.
- DESPATCH, *v. a.*** 1. Send away hastily : deifrich, cuir air falbh an cabhag. 2. send out of the world, put to death : cuir as do, foghainn do, spad.
3. perform a business quickly : deifrich, crìoch-naich an cabhag. 4. conclude an affair with another : dean gnothach ri.
- DESPATCHER, *s.*** 1. That which destroys, or makes an end of : fear-crìochnachaidh, fear cuir as do. 2. one who performs business : fear-dèanamh gnothaich.
- DESPATCHFUL, *adj.*** Deifreach, cabhagach, ealamh, luath.
- DESPECTION, *s.*** Amharc sìos.
- DESPERADO, *s.*** Fear aimsichte, fear gun athadh.
- DESPERATE, *adj.*** 1. Without hope : eu-dòchasach, an-earbsach, gun dòchas, no, earbsa. 2. without care of safety, rash : aimsichte, gun athadh, dian. 3. irretrievable, irrecoverable : eu-dòchasach, cailte. 4. mad, hot-brained : do-cheannsaichte, ainmheasach, mi-chiallach.
- DESPERATE, *s.*** See Desperado.
- DESPERATELY, *adv.*** See Desperate, *adj.*
- DESPERATENESS, *s.*** Cuthach, braise, gairge, aint eas.
- DESPERATION, *s.*** Eu-dòchas, an-dòchas, an-earbsa.
- DESPICABLE, *adj.*** Tàireil, suarach dìblidh, dì-measach, neo-fhiachail.
- DESPICABLENESS, *s.*** Tàirealachd, dìblidheachd, suar- aichead.
- DESPICABLY, *adv.*** See Despicable.
- DESPISABLE, *adj.*** Tàireil, suarach, neo-mheasail.
- DESPISAL, *s.*** Tàir, tarcuis, dìmeas.
- DESPISE, *v. a.*** Tarcuisich, dean suarach, cuir am mìshuim, dean dìmeas air.
- DESPISEDNESS, *s.*** Dìmheaddachd.
- DESPISER, *s.*** Fear-tàire fear-tarcuis, fear-dìmeas, sgeigeir.
- DESPISING, *s.*** Tàir, tarcuis, dìmeas.
- DESPITE, *s.*** 1. Malice, anger, malignity : gamhlas, fearg, tnu, diomb, mì-rùn, spid, droch-mheinn. 2. defiance, unsubmitted opposition : dùbblan, ain-deoin, an-toil. 3. act of malice, opposition : tarcuis, tailceas, tàir.
- DESPITE, *v. a.*** Dùbhланаich, feargaich, buair.
- DESPITEFUL, *adj.*** Gamhlasach, mì-rùnach, spideil, tarcuiseach, tàireil.
- DESPITEFULLY, *adv.*** See Despiteful.
- DESPITEFULNESS, *s.*** Gamhlas, fuath, fearg, tnu.
- DESPOIL, *v. a.*** 1. Rob, deprive : spùinn, spùill, creach, slad. 2. divest by any accident : spùinn, buin uaith, creach.
- DESPOILER, *s.*** Spùinneadair, creachadair, dìth-mhilltear.
- DESPOLIATION, *s.*** Spùinneadh, creach, slaid.
- DESPOND, *v. a.*** 1. Despair, lose hope : bi an an-earbsa, bi an eu-dòchas, cail dòchas. 2. (in theology), lose hope of the divine mercy : bi an an-earbsa, bi an eu-dòchas.
- DESPONDENCY, *s.*** An-dòchas, eu-dòchas, an-earbsa, mì-mhisneach, lag-mhisneach.
- DESPONDENT, *adj.*** Eu-dòchasach, an-dòchasach, an-earbsach, mì-mhisneachail.
- DESPONDER, *s.*** Fear eu-dòchasach.
- DESPONDINGLY, *adv.*** Gu h-an-dòchasach, gu h-eu-dòchasach, gu h-an-earbsach.
- DESPONSATE, *v. a.*** Réitich, dean ceangail pòsaidh.

DESPONSATION, *s.* Réiteachadh, ceangal, cùmhnant pòsaidh.

DESPOT, *s.* Aintighearn, àrd-uachdaran.

DESPOTIC, } *adj.* Aintighearnail.

DESPOTICAL, } *adj.* Aintighearnail.

DESPOTICALLY, *adv.* See Despotic.

DESPOTICALNESS, } *s.* Aintighearnas, ceannasachd.

DESPOTISM, } *s.* Aintighearnas, ceannasachd.

DESPUMATION, *s.* Copadh.

DESSERT, *s.* Milsean, deireannan.

DESTINATE, *v. a.* Sònraich, rùnaich, òrduich air son.

DESTINATE, *adj.* Òrduichte, suidhichte, air a shòn-rachadh.

DESTINATION, *s.* Sònrachadh, crìoch àraidh, crìoch, òrduchadh.

DESTINE, *v. a.* 1. Appoint unalterably to any state or condition: òrduich, sònraich. 2. devote to punishment: sònraich, òrduich, cuir air leth. 3. fix unalterably: òrduich, sònraich, suidhich.

DESTINY, *s.* 1. The power that spins the life, and determines the fate of living beings: dàn. 2. fate, invincible necessity: dàn, manadh. 3. doom, condition in future time: cor, crannchur siorruidh.

DESTITUTE, *adj.* 1. Forsaken, abandoned: falamh, tréigte, diobairte. 2. abject, friendless: ainnis, eisearadh, bochd, aonaranach. 3. in want of: falamh, uireasbhuidheach, easbhuidheach, ainnis.

DESTITUTE, *s.* Uireasbhach, aonaran.

DESTITUTE, *v. a.* Tréig, dìobair, fàg.

DESTITUTION, *s.* Ainniseachd, dìth, easbhuidh, uireasbhuidh, bochdainn, diobradh, feum.

DESTROY, *v. a.* 1. Overturn a city, rase a building: sgrios, dìth-làraich, tilg bun os ceann. 2. lay waste, make desolate: fàsaich, dìth-làraich. 3. kill: sgrios, dìth-mhill, marbh. 4. put an end to, bring to nought: dìthich, thoir gu neò-nì.

DESTROYABLE, *adj.* So-sgriosaidh.

DESTROYER, *s.* Sgriosadair, marbhaiche.

DESTRUCT, *v. a.* See Destroy.

DESTRUCTIBLE, *adj.* So-sgriosaidh, so-mhillidh.

DESTRUCTIBILITY, *s.* Bualteachd do sgrios.

DESTRUCTION, *s.* 1. The act of destroying, subversion, demolition: sgrios, léir-sgrios, milleadh, dìth-mhilleadh, fàsachadh, diobhail, dunaidh. 2. murder, massacre: sgrios, marbhadh, mort. 3. the state of being destroyed, ruin, murder suffered: marbhadh, dol a dhìth, sgrios. 4. the cause of destruction, as a consuming plague: sgrios. 5. (in theology), eternal death: sgrios.

DESTRUCTIVE, *adj.* Sgriosach, millteach, caithteach, marbhtach.

DESTRUCTIVELY, *adv.* See Destructive.

DESTRUCTIVENESS, *s.* Sgriosadaireachd, milteachd.

DESUDATION, *s.* Bòrcadh falluis, sruth falluis.

DESUETUDE, *s.* Ana-cleachdadh.

DESULTORY, } *adj.* 1. Roving from thing to thing, unsettled, immethodical: bristeach, mi-dhòighheil, neo-riaghailteach, neo-suidhichte, luaineach. 2. wavering: luaineach, luasganach, neo-bhunailteach.

DESULTORIOUS, } *adj.* 1. Roving from thing to thing, unsettled, immethodical: bristeach, mi-dhòighheil, neo-riaghailteach, neo-suidhichte, luaineach. 2. wavering: luaineach, luasganach, neo-bhunailteach.

DESULTORINESS, *s.* Neo-bhunailteas, caochlaideachd, luaineachd, luasganachd.

DETACH, *v. a.* 1. Separate, disengage, part from something: dealaich, cuir air leth, sgar. 2. send out a part of a greater body of men on an expedition: cuir air ionnsuidh.

DETACHMENT, *s.* Buidheann, cuideachd airm.

DETAIL, *v. a.* Innis gu poncail, aithris gu min.

DETAIL, *s.* Min-chunntas, cunntas poncail.

DETAILER, *s.* Fear aithris gu min.

DETAIN, *v. a.* 1. Keep that which belongs to another: cum air ais, gléidh. 2. withhold, keep back: cum air ais, bac. 3. restrain from departure: cum, maillich cuir mail' air. 4. hold in custody: cum an làmh.

DETAINEE, *s.* 1. He that holds back any one's right: fear-cumail air ais. 2. confinement, detention: grabadh, amladh. 3. (in law), the act of unlawfully holding back the right of another person: cumail droch còir.

DETECT, *v. a.* Faigh a mach, leig ris, nochd, foillsich.

DETECTOR, *s.* Fear-faotainn a mach.

DETECTION, *s.* 1. Discovery of guilt or fraud, or any other fault: faotainn a mach, cur ciont os àird. 2. discovery of any thing hidden: faotainn a mach, nochdadh.

DETENTION, *s.* 1. The act of keeping what belongs to another: gleidheadh, cumail, cumail o. 2. confinement, restraint: bacadh, cumail an làmh, amladh.

DETER, *v. a.* Mi-mhisnich, bac le h-eagal, cuir athadh air.

DETERMENT, *s.* Athadh, fàth-eagail.

DETERGE, *v. a.* Siah, glan, nigh.

DETERGENT, *adj.* Siabach, glanail.

DETERGENT, *s.* Siabair, glanadair.

DETERIORATE, *v. a.* Cuir am miosad.

DETERIORATION, *s.* Dol ni 's miosa, deanamh ni 's miosa.

DETERMINABLE, *adj.* A ghabhas deanamh a mach.

DETERMINATE, *adj.* 1. Settled, definite, determined: suidhichte, crìochnaichte, comharraicht' a mach. 2. established, settled by rule, positive: suidhichte. 3. decisive, conclusive: cinnteach, comh-dhùnach. 4. fixed, resolute: suidhichte, leagta ri, rùnaichte.

DETERMINATELY, *adv.* See Determinate.

DETERMINATION, *s.* 1. Absolute direction to a certain end: rùn suidhichte. 2. judicial decision: breith, crìoch-connsachaidh.

DETERMINATIVE, *adj.* A' crìochnachadh, a' suidheachadh.

DETERMINATOR, *s.* Fear-dearbhadh.

DETERMINE, *v. a. et n.* 1. Fix, settle: sònraich, suidhich, dean dearbh-chinnteach. 2. conclude, fix ultimately: comh-dhùn, suidhich. 3. bound, confine: suidhich, càirich ann, cuir crìoch ri. 4. influence the choice: suidhich, dean toileach. 5. resolve: suidhich, rùnaich. 6. decide: comh-dhùn, dearbh. 7. put an end to, destroy: cuir as do, foghainn do. 8. conclude: cuir romhad, comh-dhùn. 9. settle opinion: cuir gu taice. 10. end, come to an end: thig gu crìch. 11. make a

decision : rùnaich. 12. resolve concerning any thing : cuir gu taic, suidhich.

DETERMINER, *s.* Fear rùio-shuidhichte.

DETERRATION, *s.* Bùrach.

DETERSION, *s.* Glanadh, siabadh.

DETERSIVE, *adj.* Siabach, glanail.

DETERSIVE, *s.* Cungaiddh-ghlanaidh.

DETEST, *v. a.* Fuathaich, gràinich, gabh gràin deth.

DETESTABLE, *adj.* Fuathach, gràineil, dao-chail, sgreamhail.

DETESTABLY, *adv.* See Detestable.

DETESTABLENESS, *s.* Fuathmhaireachd, gràinealachd, dao-chalachd.

DETESTATION, *s.* Fuath, gràin, sgreamh, grìs.

DETESTER, *s.* Fear-fuathachaidh.

DETHRONE, *v. a.* Cuir bhàrr a' chrùin, cuir dheth 'n chathair.

DETHRONEMENT, *s.* Cur bhàrr a' chrùin, cur dheth 'n chathair.

DETHRONE, *s.* Fear-cuir dheth 'n chathair.

DETONATE, *v. n.* Bi fuaimneach.

DETONATION, *s.* Fuaimneach, toirmrich, tàirn-thoirm, tàirneach.

DETORSION, *s.* Seacharan deilbh, mi-bhreithneachadh, fiaradh.

DETORT, *v. a.* Mi-bhreithnich, fiar.

DEORTION, *s.* See Detorsion.

DETRACT, *v. a.* 1. Derogate : di-mhol, tarcuisich, cùl-chàin. 2. take away, withdraw : lughdaich, beagaich, thoir uaith.

DETRACTION, *s.* Cùl-chàineadh, di-moladh, tuaileas, sgainneal.

DETRACTIVE, *adj.* 1. Having the power to take or draw away : tàirneach. 2. disposed to derogate, or take away by slander : tuaileasach, tarcuiseach, cùl-chàineach.

DETRACTOR, *s.* Cùl-chainnteir.

DETRACTORY, *adj.* Tarcuiseach, tuaileasach, cùl-chainnteach.

DETRACTRESS, *s.* Breugag, ban-tuaileasaiche.

DETRIMENT, *s.* Call, dolaidh, diobhail, aimhleas, ciorram, dochann, cron.

DETRIMENTAL, *adj.* Cailteach, cronail, diobhalach, aimhleasach.

DETRITION, *s.* Caitheamh as, cnàmh as.

DETRUDE, *v. a.* Pùc sìos, islich, cuir fuidhe.

DETRUNCATE, *v. a.* Gèarr, coimh-ghèarr, bèarr, sgud.

DETRUNCATION, *s.* Coimh-ghèarradh, sgudadh.

DETRUSION, *s.* Pùcadh a sìos.

DETURBATION, *s.* Tilgadh bun os ceann.

DEVASTATE, *v. a.* Fàsaich, creach, mill, dìth-làraich.

DEVASTATION, *s.* Fàsachadh, léir-sgrìos, dìth-mhill-eadh, creach.

DEUCE, *s.* 1. Two : dìthis, a dhà. 2. the devil : an diabhul.

DEVELOPE, *v. a.* Foillsich, taisbein, thoir gu solus.

DEVELOPEMENT, *s.* Taisbeanadh gu min, nochdaidh, foillseachadh.

DEVEST, *v. a.* 1. Strip, deprive of clothes : rùisg, lomair, cuir dheth aodach. 2. annul, take away

any thing good : thoir o, buin o, dìthich. 3. free from any thing bad : saor, thoir o.

DEVEX, *adj.* Corrach, ag aomadh le leathad.

DEVEXITY, *s.* Cromadh, lùbadh, aomadh.

DEVIATE, *v. n.* 1. Wander from the right or common way : seachrain, theirig as an t-slighe, rach air seacharan, rach air bhadh, rach air faontradh. 2. go astray, err, sin : seachrain, rach air seacharan, claon o 'n t-slighe cheart.

DEVIATION, *s.* 1. The act of quitting the right way, wandering : seachran, badhal, faontradh, iomrall, mearachd. 2. variation from established rule : cleonadh air falbh. 3. offence, obliquity of conduct : mearachd, sacharan, claonadh.

DEVICE, *s.* 1. A contrivance, a stratagem : innleachd tionnsgal, tionnsgnadh, cleas, car, dealbh. 2. a design, a scheme formed, project : innleachd, rùn, combhairle, tionnsgnadh, smuain. 3. the emblem on a shield, the ensign armorial of a nation, or family : gearradh-arm. 4. invention, genius : innleachd, tionnsgal, seòltachd, ealantas. 5. spectacle, show : loiseam.

DEVICIFUL, *adj.* 1. Full of costly spectacles, and splendid exhibitions : loiseamach. 2. inventive, full of speculation : tionnsgalach, ealdhanach, ealanta.

DEVICIFULLY, *adv.* See Deviceful.

DEVIL, *s.* 1. A fallen angel : diabhul, deamhan, donas, aibhistear. 2. a ludicrous term for mischief : an donas, an t-olc. 3. a kind of expletive, expressing wonder or vexation : air an t-saoghal.

DEVILISH, *adj.* 1. Diabolical : diabhlaidh, deamhnaidh. 2. having communication with the devil : diabhlaidh, deamhnaidh. 3. an epithet of abhorrence or contempt : diabhlaidh, malluichte, coirp-idh. 4. excessive : diabhlaidh, anabarrach.

DEVILISHLY, *adv.* See Devilish.

DEVILISHNESS, *s.* Diabhlaidheachd.

DEVILIZE, *v. a.* Cuir an àireamh nan diabhul.

DEVILKIN, *s.* Donasan.

DEVILSHIP, *s.* Nàdur diabhail.

DEVI, *adj.* 1. Out of the common track : fiarasach, air frith-fathad. 2. wandering, roving, rambling : iomrallach, seachranach, badhalach, luaineach, siùbhlach. 3. erring, going astray from rectitude : seachranach, mearachdach.

DEVISABLE, *adj.* 1. Capable of being contrived or invented : tionnsgalach, innleachdach, a ghabhas dealbh. 2. possible to be excogitated : smuaineach, a dh' fhaodar a chnuasachd, cnuasachdach. 3. that may be granted by will : so-thiomnaidh.

DEVISE, *v. a. et n.* 1. Conceive, form by art, invent : tionnsgainn, cnuasaich, dealbh, suidhich innleachd. 2. plan, scheme : dealbh, cum. 3. consider, contrive, lay plans : breithnich, beachdaich, tionnsgainn.

DEVISE, *s.* 1. The act of giving or bequeathing by will : tiomnadh, dileab. 2. contrivance : innleachd.

DEVISE, *v. a.* Tiomain.

DEVISEE, *s.* Dileabaiche.

DEVISER, *s.* Fear-tionnsgnaidh, fear-dealbh.

DEVITABLE, *adj.* See Avoidable.

DEVITATION, *s.* Seachnadh, tàirsinn as.

DEVOCATION, *s.* Gairm a thaobh.

DEVOID, *adj.* 1. Empty, vacant, void: falamh, fàs.
2. without any thing, free from, in want of: saor o easbhuidheachd, as eugmhais.

DEVOIR, *s.* Dligheadh, dleasdanas, aire, seirbhis, cùirteas.

DEVOLVE, *v. a. et n.* 1. Roll down: cuairsg, rol, cuir car mu char. 2. move from one hand to another: cuir, no, leag air neach eile. 3. roll down: bi air do òladh, rach car mu char. 4. fall in succession into new hands: tuit a dh' ionnsuidh.

DEVOLUTION, *s.* 1. The act of rolling down: roladh. 2. removal, successive from hand to hand: tuiteam a dh' ionnsuidh.

DEVORATION, *s.* Glamadh, glutadh, glamaireachd, glàimhearachd.

DEVOTE, *v. a.* 1. Dedicate, consecrate: coisrig, naomhaich. 2. addict as to a sect, or study: thoir thairis do. 3. condemn, resign to ill: thoir thairis do, dìt. 4. addict, give up to ill: thoir seachad, tiomain do. 5. curse, execrate, doom to destruction: malluich, sònraich air son millidh.

DEVOTE, *adj.* Coisrigte, naomhaichte, rùnaichte, air a chur air leth air son.

DEVOTE, *s.* Fear dlùth-leanmhuinn.

DEVOTEDNESS, *s.* Coisrigeachd, tabhairt thairis do.

DEVOTEE, *s.* Saobh-chreidmheach, cràbhache.

DEVOTEMENT, *s.* Coisrigeadh, naomhachadh, cur air leth.

DEVOTER, *s.* See Devote, *s.*

DEVOTION, *s.* 1. The state of being dedicated: coisrigeadh. 2. piety, acts of religion, devoutness: diadhachd, cràbhachd, aoradh. 3. an act of external worship: aoradh, scirbhis. 4. prayer, an expression of devotion: aoradh, ùrnuigh. 5. an oblation devoted to charitable or pious use: ìobairt, tiodhlac. 6. the state of the mind under a strong sense of dependence upon God: diadhachd. 7. an act of reverence, respect, or ceremony: ùmhachd. 8. strong affection, ardent love: teasghràdh, toirt suas a' chridhe. 9. earnestness, dùrachd. 10. disposal, power: ùmhachd, toil.

DEVOTIONAL, *adj.* Cràbhach, diadhuidh.

DEVOTIONALIST, } *s.* Saobh-chreidmheach, cràbh-
DEVOTIONIST, } aiche.

DEVOTOR, *s.* Fear-aoraidh.

DEVOUR, *v. a.* 1. Eat up ravenously: ith suas, glam, glut, beubanaich, riasail. 2. destroy, or consume with rapidity and violence: sgrios, mill, cuir as do. 3. swallow up, annihilate: glam, glut, sluig suas. 4. enjoy with avidity: smuais te tlachd.

DEVOURER, *s.* Glutair, glaimseir, dìth-mhilltear, gionair.

DEVOURINGLY, *adv.* Gu glaimseach, gu glutach, gu gionach.

DEVOUT, *adj.* 1. Pious, religious: diadhuidh, cràbhach, naomh. 2. filled with pious thoughts: diadhuidh, cràbhach, naomh.

DEVOUT, *s.* See Devotee.

DEVOUTLESSNESS, *s.* Mi-dhiadhachd.

DEVOUTLY, *adv.* See Devout.

DEUTERONOMY, *s.* Leabhar an ath-lagha, Deuteronomi.

DEW, *v. a.* Fliuch le drùchd, fliuch le dealt, driog, fras, braon.

DEW, *s.* Drùchd, driùchd, dealt, braon.

DEWBERRY, *s.* Sùgh-chraobh.

DEWBESPRESS, *adj.* Fliuchta le dealt.

DEW-DROP, *s.* Boinne dealt, braon, drùchd.

DEWLAP, *s.* 1. The flesh that hangs down from the throat of oxen: gearradh uchd, sprogaill. 2. a lip flaccid with age: spreill.

DEWLAPT, *adj.* Sprogailleach.

DEW-WORM, *s.* Daol dealta.

DEWY, *adj.* 1. Resembling dew, partaking of dew: dealtach, dealtmhor, drùchdach, braonach. 2. moist with dew, roscid: dealtach, drùchdach, braonach, àitidh.

DEXTER, *adj.* Deas, deiscal.

DEXTERITY, *s.* 1. Readiness of limbs, activity, skill, expertness: deisealachd, tapachd, ealamachd. 2. readiness of contrivance: ealantachd, teòmachd, seòltachd, tionnsgalachd, làmhachaireachd.

DEXTEROUS, *adj.* 1. Expert at any manual employment, active, ready: deiseil, teòma, seòlta, ealanta làmhachair. 2. expert in management, subtle, full of expedients: teòma, seòlta, innleachdach, tionnsgalach.

DEXTEROUSLY, *adv.* See Dexterous.

DEXTEROUSNESS, *s.* See Dexterity.

DEXTRAL, *adj.* Deas, deiseil.

DEXTRALITY, *s.* Lamh-dheas, taobh ìa làimhe deise.

DEY, *s.* Uachdaran Algiers.

DIABETES, *s.* Ruith fuail.

DIABOLIC, } *adj.* Diabhlaidh, deamhnaidh, aing-
DIABOLICAL, } idh.

DIABOLICALLY, *adv.* See Diabolical.

DIABOLICALNESS, *s.* Diabhluidheachd.

DIABOLISM, *s.* 1. The actions of the devil: diabhluidheachd. 2. possession by the devil: sealbhachadh leis an diabhl.

DIACODIUM, *s.* Sùgh a' chodalain, deoch-codail.

DIACOUSTICS, *s.* Eòlas mhic-talla.

DIADEM, *s.* Crùn, coron.

DIADEMED, *adj.* Crùinte.

DIARESES, *s.* Roinn-abadh.

DIAGONAL, *adj.* Trasda, crasgach, o oisinn gu oisinn.

DIAGONAL, *s.* Trasdán.

DIAGONALLY, *adv.* See Diagonal, *adj.*

DIAGRAM, *s.* Dealbh.

DIAGRAPHICAL, *adj.* Dealbh-tharruingeach.

DIAL, *s.* Uaireadair-gréine.

DIAL-PLATE, *s.* Clar-innsidh ìa h-uarach.

DIALECT, *s.* 1. The subdivision of a language: dual-chainnt dual-bhruidhean. 2. style, manner of expression: dual-bhruidhean, modh-labhairt. 3. language, speech: cainnt.

DIALECTICAL, *adj.* 1. Logical, argumental: reuson-

- ach. 2. respecting dialects, or the subdivision of a language: dual-chainnteach, dual-bheurlach.
- DIALECTICIAN**, *s.* Fear-reusonachaidh, deasbair.
- DIALECTIC**, *s.* See Logic.
- DIALLING**, *s.* Tarruing uaircadair-gréine.
- DIALIST**, *s.* Fear-déanaimh uaireadairean gréine.
- DIALOGISE**, *v. n.* Comh-labhair.
- DIALOGIST**, *s.* Fear-comh-abairt, fear-comh-labhairt, fear-sgrìobhaidh chomh-abairtean.
- DIALOGUE**, *s.* Comh-abairt, comh-labhairt, còmh-radh-deise.
- DIALOGUE**, *v. n.* Comh-labhair.
- DIALOGUE-WRITER**, *s.* Fear-sgrìobhaidh chomh-abairtean, no, chòmhraidhean-deise.
- DIAMETER**, *s.* Croislin.
- DIAMETRAL**, *adj.* 1. Describing the diameter, or relating to it: croislineach. 2. opposite: dìreach an aghaidh.
- DIAMETRALLY**, *adv.* See Diametral.
- DIAMETRICAL**, *adj.* Croislineach.
- DIAMETRICALLY**, *adv.* See Diametrical.
- DIAMOND**, *s.* Daoimein, daoimean.
- DIAPASON**, *s.* Teud nan uile fhuaim.
- DIAPER**, *s.* 1. Linen cloth woven in flowers: anart-gréise. 2. a napkin, a towel: làmh-anart.
- DIAPER**, *v. a.* Stiallaich, gréis.
- DIAPHANEITY**, *s.* See Transparency.
- DIAPHANIC**, } *adj.* See Transparent.
- DIAPHANOUS**, }
- DIAPHORETIC**, *adj.* Fallusach.
- DIAPHORETIC**, *s.* Cungaidd fhalluis.
- DIAPHRAGM**, *s.* 1. The midriff which divides the upper cavity of the body from the lower: sgairt. 2. any division, or partition which divides a hollow body: dealachadh.
- DIARRHOEA**, *s.* Sgàird, buinneach, gearrach, flann-bhuinneach.
- DIARRHOETIC**, *adj.* Fuaisgealtach, purgaideach, sgàirdeach.
- DIARIST**, *s.* Fear cumail cunntais air gnothach gach latha.
- DIARY**, *s.* Leabhar-latha.
- DIATRIBE**, *s.* Cònsoid, ràsan.
- DIBBLE**, *s.* Pleadhag, putair.
- DIBBLE**, *v. n.* See Dape.
- DIBSTONE**, *s.* Pulag.
- DICACITY**, *s.* Beadaidheachd, abartachd.
- DICE**, *s.* Dìsnean, fir-fheòirne.
- DICE**, *v. n.* Cluich air dhìsnean.
- DICE-BOX**, *s.* Dìsnein.
- DICER**, *s.* Ceàrrach tàileisg.
- DICKER**, *s.* Deich mìrean.
- DICTATE**, *v. a.* Deachd, seòl, òrduich.
- DICTATE**, *s.* Riaghailt, deachdadh, òrdugh, reachd, àithne.
- DICTATION**, *s.* Deachdadh, òrduchadh, deachdair-eachd.
- DICTATOR**, *s.* 1. A magistrate of Rome made in times of exigence and distress, and invested with absolute authority: àrd-uachdaran Ròmhnanach. 2. one invested with absolute authority: àrd-uachdaran, deachdair. 3. one whose credit or authority enables him to direct the conduct or opinion of others: deachdair.
- DICTATORIAL**, *adj.* Ceannsalach, smachdail.
- DICTATORSHIP**, *s.* 1. The office of dictator: inbhe àrd-uachdaran. 2. authority, insolent confidence: ceannsal, ceannsalachd, smachd, deachdair-eachd.
- DICTION**, *s.* Labhradh, dòigh-labhairt, cainnt.
- DICTIONARY**, *s.* Foclair, focloir.
- DIDACTIC**, } *adj.* Seòlach.
- DIDACTICAL**, }
- DIDNAPPER**, *s.* Crannlach, gearradh-breac, dubh-shnàmhaiche.
- DIDDER**, *v. a.* Crith le fuachd.
- DIDDLE**, *v. n.* Bi starr-chosail.
- DIE**, *v. a. et n.* 1. Tinge, colour, stain: dath. 2. lose life, expire: bàsaich, eug, caochail, siubhail. 3. perish by violence or disease: bàsaich, faigh bàs, bi air do mharbhadh. 4. be punished with death: bàsaich, bi air do chur gu bàs. 5. be lost, perish, come to nothing: rach a dhìth, rach an mugha. 6. sink, faint: meath, bàsaich. 7. (in theology), perish everlastingly: bàsaich. 8. languish with pleasure or tenderness: leagh. 9. vanish: rach as. 10. wither as a vegetable: crion, seac, meath. 11. grow vapid as liquor: caill do chhlì.
- DIE**, *s.* 1. Colour, tincture: dath. 2. a small cube with spots for gaming: dìsne. 3. hazard, chance: deuchainn. 4. the stamp used in coinage: seul cùinnidh.
- DIER**, *s.* Dathadair.
- DIET**, *s.* 1. Food, victuals: lòn, biadh, teachd-an-tìr. 2. food regulated by the rules of medicine: biadh, biadh duine tinn. 3. allowance of provision: lòn, cuibhrionn, roinn. 4. an assembly of princes or estates: coinneamh fhilath.
- DIET**, *v. a. et n.* 1. Feed by the rules of medicine: beathaich, biadh. 2. give food to: beathaich, biadh. 3. board, supply with diet: beathaich, àraich. 4. eat by rules of physic: ith, gabh lòn riaghailteach. 5. eat, feed: ith, gabh biadh.
- DIET-DRINK**, *s.* Deòch-leighis.
- DIETER**, *s.* Fear-toirt seòlaidhean air son ithe.
- DIETETIC**, } *adj.* A bhuineas do lòn riaghailt-
- DIETETICAL**, } each.
- DIETING**, *s.* Ithe a réir riaghailt.
- DIFFER**, *v. a. et n.* 1. Make different: eadar-dhealachaidh, cuir eadar-dhealachadh. 2. be distinguished from: bi air d' eadar-dhealachadh, bi air leth o. 3. contend, be at variance: connsaich, cuir a mach air. 4. be of a contrary opinion: dealaich an barail.
- DIFFERENCE**, *s.* 1. State of being distinct from something: eadar-dhealachadh, mùthadh. 2. the disproportion between one thing and another caused by the qualities of each: eadar-dhealachadh, mùthadh, atharrachadh, caochladh. 3. dispute, debate, quarrel: cur a mach, tighinn eatorra. 4. distinction: eadar-dhealachadh, mùthadh. 5. ground of controversy: mùthadh, eadar-dhealachadh.
- DIFFERENCE**, *v. a.* Cuir eadar-dhealachadh, cuir mùthadh.

DIFFERENT, *adj.* 1. Distinct, not the same: air leth. 2. of contrary qualities: de ghnè eile, eucosmhuil. 3. unlike, dissimilar: eucoltach, eucosmhuil, eug-samhuil.

DIFFERENTLY, *adv.* See Different.

DIFFERINGLY, *adv.* See Different.

DIFFICILE, *adj.* See Difficult.

DIFFICULT, *adj.* 1. Troublesome, vexatious: deacair, duilich, doirbh, cruaidh, draghail. 2. hard, not easy, not facile: deacair, cruaidh, duilich, docair, neo-fhurasda. 3. hard to please, peevish: dreanlainneach, dreanganach corrach, do-thoileachaidh.

DIFFICULTY, *adv.* See Difficult.

DIFFICULTY, *s.* 1. Hardness, contrariety to easiness or facility: dorradas, deacaireachd, docaireachd. 2. that which is hard to accomplish: duilgheadas, dorradas, faspan. 3. distress, opposition: dorrannach, doirbheachd. 4. perplexity in affairs, uneasiness of circumstances: teanntachd, imcheist, cruaidh-chàs, airc. 5. objection, cavil: cron, coire.

DIFFIDE, *v. n.* Bi an-earbsach, bi an-cu-dòchas.

DIFFIDENCE, *s.* 1. Distrust, want of confidence in others: amharus, an-amharus, teaganl, mi-earbsa. 2. doubt, want of confidence in ourselves: amharus, saidealachd, mi-earbsa, faiteas.

DIFFIDENT, *adj.* 1. Distrustful, doubting others: amharusach, an-amharusach, mi-earbsach, teaganlach. 2. doubtful of an event, used of things, uncertain: teaganlach, neo-chinnteach. 3. doubtful of himself, not confident: amharusach, teaganlach, mi-earbsach, saidealach, faiteach, sgàthach.

DIFFIDENTLY, *adv.* See Diffident.

DIFFIND, *v. a.* Sgoilt, dean dà leth dheth.

DIFFINITIVE, *adj.* Comh-dhùnach, crìochnach.

DIFFISION, *s.* Sgoiltadh.

DIFFLUENCE, *s.* Silteachd, leaghadh, dòrtadh.

DIFFLUENT, *adj.* Silteach, leaghtach, leaghadh, dòrtach.

DIFFORM, *adj.* Eug-samhuil, ioma-chruthach, eucoltach.

DIFFORMITY, *s.* Eug-samhlachd, eucoltas.

DIFFRANCHISEMENT, *s.* Dith-chòireachadh.

DIFFUSE, *v. a.* 1. Pour out upon a plain so that the liquor may run every way: dòirt a mach, taom, taosg, sgaoil. 2. spread, scatter, disperse: sgaoil, sgap, craobh-sgaoil.

DIFFUSE, *adj.* 1. Scattered, widely spread: sgapta, sgaoilte, sgaoilteach. 2. copious, not concise: neo-phoncail, neo-sgiobalta, leudaichte.

DIFFUSED, *adj.* Sgaoilte, sgapta, craobh-sgaoilte.

DIFFUSEDLY, *adv.* See Diffused.

DIFFUSEDNESS, *s.* Sgaoilteachd.

DIFFUSELY, *adv.* See Diffuse, *adj.*

DIFFUSER, *s.* Sgapadair, fear-sgaoilidh, fear-craobh-sgaoilidh.

DIFFUSION, *s.* 1. Dispersion, the state of being scattered every way: sgaoileadh, craobh-sgaoil-

eadh, sgapadh. 2. copiousness: pailteas, neo-phoncalachd, neo-sgiobaltachd.

DIFFUSIVE, *adj.* 1. Having the quality of scattering any thing every way: sgaoilteach, sgapach, srabhach. 2. scattered, dispersed: sgaoilte, sgapta. 3. extended: sgaoilteach farsuinn.

DIFFUSIVELY, *adv.* See Diffusive.

DIFFUSIVENESS, *s.* 1. Extension, dispersion: sgaoilteachd. 2. want of conciseness: neo-phoncalachd, neo-sgiobaltachd leudachadh.

DIG, *v. a. et n.* 1. Pierce with a spade: cladhaich, tochail, treachail. 2. form by digging: cladhaich, tochail, treachail. 3. cultivate the ground by turning it with a spade: cladhaich, bùraich, ruamhair. 4. pierce with a sharp point: toll. 5. gain by digging: cladhaich, faigh le cladhach. 6. work with a spade: cladhaich, bi ruamhar. 7. dig up: cladhaich a suas.

DIGAMY, *s.* An dara pòsadh.

DIGERENT, *adj.* Cnàimhteach, cnàmhach.

DIGEST, *v. a. et n.* 1. Distribute into various classes or repositories: eagaraich, roinn, cuir an òrdugh. 2. concoct in the stomach: meirbh, cnàmh. 3. soften by heat as in a boiler: taisich. 4. range methodically in the mind, apply knowledge by meditation to its proper use: cnuasaich. 5. reduce to any plan: eagaraich, cuir an òrdugh. 6. receive without loathing or repugnance: gabh ri, giùlain le. 7. receive and enjoy: gabh ri, meall. 8. generate pus in a wound in order to cure: brach, grod, thoir air iongarachadh. 9. generate matter as a wound: iongaraich.

DIGESTER, *s.* 1. He that digests or disposes: fear-cuir an òrdugh. 2. he that digests his food: cnàmhaiche. 3. that which causes or strengthens the concoctive powers: cnàmhaiche.

DIGESTIBLE, *adj.* Cnàmhach, so-chnàmh.

DIGESTION, *s.* 1. The act of digesting or concocting food in the stomach: cnàmh, meirbheadh. 2. reduction to a plan, the act of methodising: eagarachadh. 3. the act of disposing a wound to generate matter: iongarachadh, brachadh, grodadh, malcadh.

DIGESTIVE, *adj.* 1. Having the power to cause digestion: cnàmhach, cnàimhteach. 2. methodising: eagarach.

DIGESTIVE, *s.* Plàs cnàmha.

DIGGABLE, *adj.* Tochailteach, so-chladhach.

DIGGER, *s.* Tochailiche, fear-cladhach.

DIGHT, *v. a.* 1. Dress, deck, bedeck, embellish: glan, sgcadaich, breaghaich. 2. put on: uidheamach, sgcadaich, cuir umad.

DIGIT, *s.* 1. The measure or length containing three-fourths of an inch: trì cheathramhlan na h-òirlich. 2. the twelfth part of the diameter of the sun or moon: dara cuid deug do choislin na gréine, na gealaich. 3. any of the numbers expressed by single figures: aon chomharradh àireamh.

DIGITAL, *adj.* Meurach.

DIGITATED, *adj.* Meurach, meangach.

DIGLADIATION, *s.* Còmhrag claidheimh, còmhlan.

DIGNIFIED, *adj.* Urramach, urramaichte.

DIGNIFICATION, *s.* Urramachadh, àrdachadh.
DIGNIFY, *v. a.* 1. Advance, prefer, exalt: urramaich, àrdaich, tog an inbhe. 2. honour, adorn, give lustre to: urramaich, àrdaich, onoraich.
DIGNITARY, *s.* Fear urramach.
DIGNITY, *s.* 1. Rank, elevation: urram, inbhe, inbheachd, meas, àrd-inbhe, onoir, àrdachadh. 2. grandeur of mien: ana-beachdalachd, meamnadh, àrd-aighe. 3. advancement, preferment, high place: àrdachadh, onoir.
DIGRESS, *v. n.* 1. Turn aside out of the road: tionndaidh as an t-slighe, claon, rach fiar. 2. depart from the main design of a discourse: bris air do sheanachas. 3. wander, expatiate: bi iomrallach, rach air seacharan.
DIGRESSION, *s.* 1. A passage deviating from the main tenour of a discourse: seacharan seanachais, iomrall cainnte. 2. deviation: claonadh, fiaradh, dol as an t-slighe.
DIGRESSIONAL, } *adj.* Iomrallach, seachranach, neo-
DIGRESSIVE, } phencail.
DIGRESSIVELY, *adv.* See Digressive.
DIKE, *s.* 1. A channel to receive water: clais, dìg, cam-fath. 2. a mound to hinder inundations: gàradh, bruach, callaid.
DILACERATE, *v. a.* Riasail, srac, stròic, reub, spion.
DILACERATION, *s.* Riasladh, sracadh, stròiceadh, reubadh.
DILANIATE, *v. a.* See Dilacerate.
DILANIATION, *s.* See Dilaceration.
DILAPIDATE, *v. a. et n.* 1. Make desert, consume wastefully: dith-làraich, dean 'n a nochd-làrach, fàsaich. 2. go to ruin, fall by decay: fàs 'n ad aibhist.
DILAPIDATION, *s.* Tuiteam sìos, fàs 'n a aibhist.
DILAPIDATOR, *s.* Fear-deanamh aibhist.
DILATABLE, *adj.* Sìnteach.
DILATATION, *s.* Sìneadh, sgaoileadh a mach, tarruing a mach.
DILATE, *v. a. et n.* 1. Extend, spread out, enlarge: sin, sgaoil a mach, leudaich. 2. relate at large, tell diffusely and copiously: leudaich, aithris gu min. 3. widen, grow wide: leudaich, meudaich, at, fàs mòr. 4. speak largely and copiously: leudaich, bi leudachadh, labhair gu min.
DILATE, *adj.* Sìnteach, farsuinn, mòr.
DILATER, *s.* Fear-leudachaidh.
DILATORILY, *adv.* See Dilatory.
DILATORINESS, *s.* Màirnealachd, maidheanachd, àthaisichead adhaiseachd seamsan, fàrdal, lunnair-eachd, teadalachd.
DILATORY, *adj.* Mall, màirnealach, fàrdalach, maidheanach, seamsanach, lunnadh.
DILECTION, *s.* Gràdhachadh, caoimheas-gràidh.
DILEMMA, *s.* 1. An argument equally conclusive by contrary suppositions: argumaid ribidh. 2. a difficult, or doubtful choice: ioma-chomhairle, imcheist.
DILIGENCE, *s.* Dicioll, aghartas, dùrachd.
DILIGENT, *adj.* 1. Constant in application, assiduous, not lazy: diciollach, callamh, dèanadach, dùrachdach, aghartach, gnòmhach. 2. constantly applied: diciollach, saothrachail.

DILIGENTLY, *adv.* See Diligent.
DILUCID, *adj.* Soilleir, glan.
DILUCIDATE, *v. a.* Soilleirich, mìnich.
DILUCIDATION, *s.* Soilleireachadh, mìneachadh.
DILUCIDLY, *adv.* See Dilucid.
DILEUENT, *adj.* A' tanachadh.
DILEUENT, *s.* Ni a thanaicheas.
DILUTE, *v. a.* 1. Make thin: tanaich. 2. make weak: lagaich.
DILUTE, *adj.* Tana, lag, caol, seang.
DILUTER, *s.* Fear-tanachaidh.
DILUTION, *s.* Tanachadh.
DILUVIAN, *adj.* Tuilteach, dilionach.
DIM, *adj.* 1. Not having a quick sight: doilleir, dorch, dall. 2. dull of apprehension: dorch, doilleir. 3. not clearly seen, obscure: neo-shoilleir, dorch. 4. obstructing the act of vision: dorch, duaichnidh.
DIM, *v. a.* 1. Cloud, darken: doilleirich, dorchaich, dall, neulaich. 2. make less bright, obscure: dorchaich, doilleirich, neulaich, dean dubharach.
DIM-SIGHTED, *adj.* Aig am bheil droch shealladh.
DIMBLE, *s.* See Dingle, *s.*
DIMENSION, *s.* Tomhas, meud, meudachd, tomad, tomult.
DIMENTIONLESS, *adj.* Gun tomhas.
DIMENSITY, *s.* Meudachd, farsuinneachd.
DIMENSIVE, *adj.* Crìochnach.
DIMICATION, *s.* Cath, cathachadh.
DIMINISH, *v. a. et n.* 1. Make less by abscission, or destruction of any part: lughdaich, beagaich, dean ni 's lugha. 2. impair, lessen, degrade: lughdaich, maslaich, thoir a sìos. 3. take any thing from that to which it belongs: thoir uath. 4. grow less, be impaired: fàs ni 's lugha.
DIMINISHINGLY, *adv.* Air mhodh lughdachaidh, no, lughdaireachd.
DIMINUTE, *adj.* Beag, crìon.
DIMINUTELY, *adv.* See Diminute.
DIMINUTION, *s.* 1. The act of making less: lughdachadh, beagachadh. 2. discredit, loss of dignity: eas-onorachadh, ìsleachadh. 3. deprivation of dignity, injury of reputation: lughdaireachd.
DIMINUTIVE, *adj.* Beag, crìon, leibideach, meanbh.
DIMINUTIVE, *s.* 1. A word formed to express littleness: focal crìon-sheadh. 2. that which diminishes, or abates: ni a lughdaicheas.
DIMINUTIVELY, *adv.* See Diminutive, *adj.*
DIMINUTIVENESS, *s.* Crìnead, neo-nitheachd, crìne.
DIMISH, *adj.* Doilleir, dubharach, car dorcha.
DI MISSION, *s.* Cead falbh.
DI MISSORY, *adj.* A' toirt cead falbha.
DIMIT, *v. a.* Thoir cead falbha.
DIMITY, *s.* Seòrs' aodaich canaich.
DIMLY, *adv.* See Dim, *adj.*
DIMMING, *s.* Doilleireachd, dubharachd.
DIMNESS, *s.* 1. Dulness of sight: doilleireachd, dubharachd, doille. 2. want of apprehension, stupidity: doille, doill' intinn.
DIMPLE, *s.* Lagan maise.
DIMPLE, *v. n.* Bi laganach.

DIMPLED, } *adj.* Laganach, copanach.
DIMPLY, }
DIN, *s.* Toirm, fuaim, bodhar-fhuaim, gaoir, stàirn, stairirich, farum.
DIN, *v. a.* Bodhair le sìor-thoirm.
DINE, *v. a. et n.* 1. Give dinner to, feed: thoir dinneir do, biadh. 2. eat the chief meal about the middle of the day: gabh dinneir, ith biadh feasgair, gabh proinn.
DINETICAL, *adj.* Cuartagach.
DING, *v. a. et n.* 1. Dash with violence: spealg, diong, spuaic, buail le gleadh, smàl, spad, tilg sìos. 2. impress with force: diong, spàrr ann, dinn ann. 3. bluster, bounce, huff: beuc, dean gleadh-raich, dean collaid.
DINGLE, *s.* Gleann, glac, lag.
DINGINESS, *s.* Duaicheachd.
DINGY, *adj.* Lachduinn.
DINING-ROOM, *s.* Seòmar-aoidheachd, proinn-lann, seòmar-dinnearach.
DINNER, *s.* Dinneir, proinn, biadh-feasgair.
DINNER-TIME, *s.* Àm-dinnearach, tràth-dinnearach, àm proinn.
DINT, *s.* 1. A blow, a stroke: buille, gleadh, stràc, coilleag. 2. the mark made by a blow: aileadh, lorg. 3. violence, power, force: neart, cumhachd, spionnadh.
DINT, *v. a.* Spuaic, cuir aileadh air.
DINURATION, *s.* Aireamh fa leth, cunntas aon an déigh aoin.
DIOCESAN, *s.* Easbuig.
DIOCESAN, *adj.* Easbuigeach.
DIOCESAN, *s.* Sgìreachd easbuig, cuairt easbuig.
DIP, *v. a. et n.* 1. Immerge, put into any liquor: tum, bog. 2. moisten, wet: bog, bogaich, taisich. 3. be engaged in any affair: bi an greim, cuir fuidhe. 4. engage as a pledge: cuir an geall. 5. sink, immerge: theirig fuidhe. 6. enter, pierce: theirig ann, toll. 7. enter slightly into a thing: rach thar uachdar. 8. take that which comes first: gabh cuid tuiteamais.
DIP, *s.* Tuiteam a sìos.
DIPETALOUS, *adj.* Dà-bhileach.
DIPHOTHONG, *s.* Dà-fhoghair.
DIPLOE, *s.* Slige 's tigh a' chlaiginn, claban a' chinn.
DIPLOMA, *s.* Còir-sgrìobhta, barrantas céirde.
DIPLOMACY, *s.* 1. A privileged state: staid còrach. 2. a body of envoys: còmhlan theachdairean.
DIPLOMATIC, *adj.* Teachdaireach.
DIPPER, *s.* Tumair.
DIPPING NEEDLE, *s.* Aomadh sìos 'n a cloich cùil.
DIRE, *adj.* Eagalach, uamhasach, uamharr, oillteil, dao-chail, borb.
DIRECT, *adj.* 1. Straight, not crooked: dìreach. 2. not oblique: dìreach, neo-chrom. 3. not collateral: dìreach. 4. apparently bending to some end, as in a straight line: dìreach. 4. open, not ambiguous: soilleir, dìreach, so-thuigsinn. 6. plain, express: rèidh, soilleir.
DIRECT, *v. a.* 1. Aim, or drive in a straight line: cuir dìreach, seòl, stiùir. 2. point against as a mark: cuimsich, cum dìreach ri. 3. regulate, ad-

just: steòrn, stiùir, seòl. 4. prescribe certain measure, mark out a certain course: seòl, stiùir, treòraich. 5. order, command: òrduich, seòl.
DIRECTER, *s.* See Director.
DIRECTION, *s.* 1. Aim at a certain point: seòladh, treòrachadh, stiùradh, steòrnadh. 2. tendency of motion impressed by a certain impulse: stiùradh, treòrachadh, aomadh, imeachd. 3. order, command, prescription: òrdugh, seòladh, àithne. 4. regularity, adjustment: steòrnadh, riaghailt.
DIRECTIVE, *adv.* 1. Having the power of direction: seòlach. 2. informing, shewing the way: seòlach, iùlmhor.
DIRECTLY, *adj.* See Direct, *adj.*
DIRECTNESS, *s.* Dìrichead.
DIRECTOR, *s.* 1. One that has authority over others, a superintendant: fear-seòlaidh, marascal. 2. a rule, an ordinance: riaghailt, òrdugh, reachd. 3. an instructor, one who shews the proper method of proceeding: fear-seòlaidh, treòruichear. 4. one who is consulted in cases of conscience: fear-seòlaidh. 5. one appointed to transact the affairs of a trading company: fear-gnothaich.
DIRECTORIAL, *adj.* See Directive.
DIRECTORY, *s.* Leabhar seòlaidh, treòruichear.
DIRECTORY, *adj.* 1. Guiding: seòlach. 2. commanding: a' toirt àithne, a' toirt òrduigh.
DIRECTRESS, } *s.* Bean-iùil, ban-treòruichear.
DIRECTRIX, }
DIREFUL, *adj.* See Dire.
DIREFULNESS, *s.* Uamharrachd, uamhasachd, oilltealachd, dao-chalachd.
DIREMPTION, *s.* Eadar-sgaradh.
DIRENESS, *s.* See Direfulness.
DIREPTION, *s.* Spùinneadh, spùilleadh, creachadh.
DIRGE, *s.* Tuireadh, cumha, marbhrann, corranach.
DIRK, *s.* Biodag, cuinnsear.
DIRT, *s.* 1. Excrement: cac, salachar, innear, aolach. 2. mud, filth, mire, any thing that sticks to the clothes or body: salachar, poll, clàbar, gaorr, eabar. 3. meanness, sordidness: mosaiche, trudaireachd, mìodhaireachd.
DIRT, *v. a.* Cac, salaich.
DIRT-PIE, *s.* Bonnach puill.
DIRTILY, *adv.* 1. Nastily, foully, filthily: gu salach, gu dreamsgalach, gu mosach. 2. meanly, sordidly: gu mosach, gu mìodhair.
DIRTINESS, *s.* 1. Nastiness, filthiness: salachar, salacharachd, clàbarachd. 2. meanness, baseness, sordidness: mosaiche, leibideachd, mìodhoireachd.
DIRTY, *adj.* 1. Foul, nasty, filthy: salach, mosach. 2. sullied, clouded, not elegant: salach, neo-ghlan, neo-fhìnealta. 3. mean, base, despicable: mìodhoir, mosach crion.
DIRTY, *v. a.* 1. Foul, soil: salaich, truail. 2. disgrace, scandalise: tàmailtich, maslaich, dubh, salaich.
DIRUPTION, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, sracadh.
DISABILITY, *s.* 1. Want of power to do any thing: neo-chomas. 2. want of proper qualifications for any purpose: neo-chomas, neo-iomchuidheachd.
DISABLE, *v. a.* 1. Deprive of force, weaken: dean

- neo-chomasach, cuir bho fheum, ciùrr. 2. hinder from action, used of things: cuir 'h a thàmh, cuir o fheum. 3. impair, diminish: mill, cuair a dhòidh. 4. deprive of usefulness or efficacy: cuir o fheum, mill. 5. exclude as wanting proper qualifications: bac, diùlt.
- DISABUSE, v. a.** Cuir ceart, saor o mhearachd.
- DISACCOMODATE, v. a.** Cuir gu dragh.
- DISACCOMMODATION, s.** Neo-uidheam, ana-gairios.
- DISACCORD, v. n.** Diùlt toil.
- DISACUSTOM, v. a.** Cuir á cleachdadh.
- DISACKNOWLEDGE, v. a.** Na h-aithnich.
- DISADORN, v. a.** Dith-mhaisich.
- DISADVANCE, v. a. et n.** 1. Stop, check: bac, cum air ais. 2. keep back, halt: stad, seas.
- DISADVANTAGE, s.** 1. Loss, injury to interest: call-dachd, call, dochair. 2. diminution of any thing desirable: call, ana-cothrom. 3. a state not prepared for defence: ana-cothrom, mi-chothrom.
- DISADVANTAGE, v. a.** Dochainn, thoir ana-cothrom do.
- DISADVANTAGEOUS, adj.** Ana-cothromach, diobhalach, caillteach.
- DISADVANTAGEOUSLY, adv.** See Disadvantageous.
- DISADVANTAGEOUSNESS, s.** See Disadvantage.
- DISADVENTURE, s.** Mi-fhortan, tubaist, mi-shealbh.
- DISADVENTUROUS, adj.** Mi-fhortanach, tubaisteach, mi-shealbhach.
- DISAFFECT, v. a.** 1. Fill with discontent: dean mi-thoilichte. 2. dislike, disdain: fuathaich, dean tàir air. 3. disorder: mi-riaghailtich.
- DISAFFECTED, adj.** Neo-thoilichte, mì-funach, càranach.
- DISAFFECTEDLY, adv.** See Disaffected.
- DISAFFECTION, s.** 1. Dislike, ill will: mi-thoileachadh, droch rùn. 2. want of zeal for the government: mi-dhillseachd, ceannairc. 3. disorder, bad constitution: mi-riaghailt, droch càil.
- DISAFFECTIONATE, adj.** Neo-spéiseil.
- DISAFFIRM, v. a.** Aicheidh.
- DISAGREE, v. n.** 1. Differ, be not the same: mi-chòrd, bi an aghaidh. 2. differ, not be of the same opinion: mi-chòrd, cuir a mach air, eas-aontach.
- DISAGREEABLE, adj.** 1. Contrary, unsuitable: neo-fhreacharrach, neo-chothromach. 2. unpleasing, offensive: neo-thaitneach, mi-thlachdmhor.
- DISAGREEABLENESS, s.** 1. Unsuitableness: neo-fhreacharrachd, neo-iomchuidheachd. 2. unpleasantry, offensiveness: mi-thaitneadh, neo-aoidhealachd, neo-aogasachd.
- DISAGREEABLY, adv.** See Disagreeable.
- DISAGREEMENT, s.** 1. Difference, dissimilitude: neo-amhluidheachd, eu-coltas, eug-samblachd. 2. difference of opinion: eu-còrdadh, aimbreit, eas-aonachd.
- DISALLOW, v. a. et n.** 1. Deny authority to any: toirmisg, bac. 2. consider as unlawful, permit not: diùlt, toirmisg, bac, na ceadach. 3. censure by some posterior act: coirich. 4. refuse permission: bi diùltadh, bi toirmeasg.
- DISALLOWABLE, adj.** Neo-cheadaichte, toirmisgte, neo-iomchuidh.
- DISALLOWANCE, s.** Bacadh, toirmeasg, diùltadh.
- DISANIMATE, v. a.** 1. Deprive of life: marbh, cuir an t-anam á. 2. discourage, deject: mi-mhinnich.
- DISANNUL, v. a.** See Annul.
- DISANNULING, s.** Cur air cùl.
- DISAPPEAR, v. n.** Theirig á fradharc, rach a sealladh, teich, falbh, thoir thu féin as.
- DISAPPEARANCE, } s. Dol á sealladh, dol á fradh-**
- DISAPPEARING, } arc.**
- DISAPPOINT, v. a.** Meall, fàillinnich air, dìobair.
- DISAPPOINTMENT, s.** Mealladh, mearachdachadh, toirmeasg, dùil-bhristeadh, tubaiste, dìobradh.
- DISAPPROBATION, } s. Cronachadh, coireachadh, ach-**
- DISAPPROVAL, } mhasan, dìteadh, mi-thaitneadh.**
- DISAPPROVE, v. a.** Coirich, cronaich, dìt, dìth-mol.
- DISARD, s.** Bleidir, bladair.
- DISARM, v. a.** Dith-armach.
- DISARMING, s.** Dith-armachadh.
- DISARRANGE, v. a.** Aimhreitich, cuir thar a chéile.
- DISARRANGEMENT, s.** Aimhreit, eas-òrdugh, mi-riaghailt.
- DISARRAY, v. a.** 1. Undress any one: rùisg, cuir aodach dheth. 2. discomfit, rout, overthrow: ruag, casgair.
- DISARRAY, s.** 1. Disorder, confusion: aimhreit, aimhreidh, tuairgneadh, eas-òrdugh, mi-riaghailt. 2. undress: rùsgadh.
- DISASTER, s.** Ànradh, truaighe, tubaist, calldachd, trioblaid, sgiòrradh, bochduinn.
- DISASTER, v. a.** Mill, claidh, cràidh, dean ànrach, dean truagh.
- DISASTROUS, adj.** 1. Unlucky, not fortunate: mi-fhortanach, mi-shealbhach, tubaisteach. 2. gloomy, threatening misfortune: doirbh, gruamach, mùigeach. 3. unhappy, calamitous, miserable: ànrach, an-rathach, dosgainneach, truagh, bochd, caillteach.
- DISASTROUSLY, adv.** See Disastrous.
- DISASTROUSNESS, s.** Ànrath, mi-shealbhachd, tubaisteachd, dosgaidheachd.
- DISAVOUCH, } v. a. Àicheidh, na h-aithnich.**
- DISAVOW, } s. Àicheadh, diùltadh.**
- DISAVOWAL, s.** Àicheadh, diùltadh.
- DISBAND, v. a. et n.** 1. Dismiss from military service: thoir cead do, bris, leig fuidh sgaoil, sgaoil. 2. dismiss from service: thoir cead do. 3. retire from military service: fàg an t-arm, tréig an t-saighdeircachd. 4. be dissolved: faigh do chead.
- DISBARK, v. a.** 1. Land from a ship, put on shore: cuir air tìr. 2. strip the bark from: rùisg, thoir a' chairt dheth.
- DISBELIEF, s.** Mi-chreideamh, mi-chreideas, ana-creideamh.
- DISBELIEVE, v. a.** Na creid.
- DISBELIEVER, s.** Ana-creidmheach, mi-chreidmheach.
- DISBOWEL, v. a.** Thoir am mionnach á.
- DISBURDEN, v. a. et n.** 1. Ease of a burden, unload: neo-luchdaich, eutromaich, cuir dheth call-

- ach. 2. disencumber : saor, leig fuasgailte. 3. throw off a burden : tilg dhìot eallach, neo-luchdaich. 4. ease the mind : eutromaich, cuir luchd dhìot.
- DISBURSE, v. a.** Cosd, cuir a mach airgid.
- DISBURSEMENT, s.** 1. Act of disbursing or laying out : cur a mach. 2. sum spent : cosdas.
- DISBURSER, s.** Fear roinn airgid.
- DISCANDY, v. n.** Leagh.
- DISCARD, v. a.** Cuir air falbh, thoir a chead do.
- DISCASE, v. a.** Rùisg, thoir as a thruaill.
- DISCEPTATION, s.** Connsachadh, conspoid.
- DISCERN, v. a. et n.** 1. Descry, see, discover : faic, thoir fainear. 2. judge : beachdaich, dearc, thoir fainear. 3. distinguish : àithnich, cuir eadar-dhealachadh. 4. make the difference between : faic mùthadh, cuir eadar-dhealachadh. 5. make distinction : cuir eadar-dhealachadh, bi cuir mùthaidh.
- DISCERNER, s.** Beachdair, breitheamh.
- DISCERNIBLE, adj.** So-fhaicinn, soilleir, faicsinneach.
- DISCERNIBLY, adv.** See Discernible.
- DISCERNING, s.** See Discernment.
- DISCERNING, adj.** Beachdail, tuigseach, geur, furachair.
- DISCERNINGLY, adv.** See Discerning, *adj.*
- DISCERNMENT, s.** Tuigse, eòlas, géire, deadh-bhreithneachadh, tùr,
- DISCERN, v. a.** 1. Tear in pieces ; srac, stròic, thoir as a chéile 'n a mhìrean, bloighdich. 2. separate, select : eadar-dhealaich, thoir a' chuid, 's a feàrr as.
- DISCHARGE, v. a. et n.** 1. Disburden, exonerate : eutromaich, neo-luchdaich. 3. give vent to any thing, let fly : tilg a mach, leig a mach, leig as. 4. unload a gun : tilg, leig, caith urchair. 5. clear a debt by payment : dìol, ioc, pàidh, thoir seachad. 6. set free from obligation : saor. 6. clear from an accusation or crime : saor. 7. perform, execute : cuir an gnìomh, dean. 8. put away, obliterate : caith, cuir as do. 9. divest of an office or employment : cuir air falbh, thoir a chead do, leig fuidh sgaoil. 11. emit : dìobhuir, cuir a mach. 12. dismiss itself, break up : sgaoil, bris a suas.
- DISCHARGE, s.** 1. Vent explosion, emission : bristeadh a mach, brùchdadh, bòrcadh, urchair. 2. matter vented : taomadh, sruth. 3. disruption : bristeadh. 4. dismissal from an office : cead, cuir air falbh, cur á dreuchd. 5. release from an obligation or penalty : saoradh, saorsa. 6. absolution from a crime : saoradh, maitheanas. 7. ransom : éiric, dìoladh. 8. performance : coimhionadh. 9. an acquittance from a debt : litir-shaoraidh. 10. exemption, privilege : saorsa.
- DISCHARGER, s.** Feir-leigidh fuasgailt.
- DISCIND, v. a.** Bris, bloighdich.
- DISCIPLE, s.** Deisciobul, sgoilear, fear-leanmhuinn.
- DISCIPLE, v. a.** 1. Train, bring up : ionnsaich, teagaisg, oileanaich. 2. punish, discipline : smachdaich, cum fuidh, cheannsal.
- DISCIPLELIKE, adj.** Mar dheisciobul.
- DISCIPLESHIP, s.** Deisciobulachd.
- DISCIPLINABLE, adj.** So-ionnsachaidh, oileanach.
- DISCIPLINARIAN, adj.** Smachdail, ceannsalach, smachdach.
- DISCIPLINARIAN, s.** Fear-teagaisg cruaidh, fear-smachdail.
- DISCIPLINARY, adj.** Oileanach, steòrnach, freagarrach do dheisciobul.
- DISCIPLINE, s.** 1. Education, instruction : oilean, teagasg, ionnsachadh, foghlum, muineadh. 2. rule of government, order, method of government : riaghladh, riaghailt. 3. military regulation : ùmh-lachd, smachd. 4. a state of subjection : smachd. 5. punishment : peanas. 6. external mortification : pianadh, ceannsachadh.
- DISCIPLINE, v. a.** 1. Educate, instruct : oileanaich, ionnsaich, teagaisg, foghlum. 2. regulate, keep in order : stiùir, seòl, riaghail. 3. punish, correct, chastise : smachdaich, ceannaich. 4. advance by instruction : oileanaich, ionnsaich.
- DISCLAIM, v. a.** Àicheadh, no, àicheidh, cuir cùl ri.
- DISCLAIMER, s.** Fear-cur cùl ri.
- DISCLOSE, v. a.** 1. Uncover : foillsich, cuir os àird, leig ris. 2. hatch, open : fosgail, thoir a mach. 3. reveal, tell, impart what is secret : innis, leig a mach taisbein, nochd.
- DISCLOSER, s.** Fear cur os àird.
- DISCLOSURE, s.** Leigeadh ris, seòladh, taisbeanadh, nochdadh, cur os àird, foillseachadh.
- DISCOLORATION, s.** 1. The act of changing the colour, the act of staining : dathadh, mùthadh dath. 2. change of colour, stain, die : mùthadh dath, ball, sal.
- DISCOLOUR, v. a.** Duaichnich, mill dath.
- DISCOLOURED, adj.** Iol-dhathach.
- DISCOMFIT, v. a.** Ceannaich, ruaig, no, ruag, claidh, casgair, ionghabh.
- DISCOMFIT, } s. Teicheadh, ruaig, claidh, sgrios,**
DISCOMFITURE, } casgradh, casgairt.
- DISCOMFORT, s.** Mulad, an-shocair, trioblaid, airseal, bròn, léireadh.
- DISCOMFORT, v. a.** Mì-mhisnich, léir.
- DISCOMFORTABLE, adj.** Muladach, brònach, dubhach, dochrach.
- DISCOMMEND, v. a.** Dith-mol.
- DISCOMMENDABLE, adj.** See Blameable.
- DISCOMMENDABLENESS, s.** See Blameableness.
- DISCOMMENDATION, s.** Dith-moladh.
- DISCOMMODE, v. a.** Cuir dragh air.
- DISCOMMODOUS, adj.** Draghail, trioblaideach, mì-thaitneach.
- DISCOMPOSE, v. a.** 1. Disorder, unsettle : aimhreitich, cuir thar dòigh, cuir thar a chéile. 2. ruffle, disorder : aimhreitich, cuir á riaghailt. 3. disturb the temper, agitate by perturbation : cuir thar a chéile, no, tròimh chéile, buair, cuir fuidh bhuaireas, feargaich, eargnaich. 4. offend, fret, vex : feargaich, dorranaich.
- DISCOMPOSITION, s.** Neo-fhreagarrachd, mì-chòrdadh.
- DISCOMPOSURE, s.** 1. Disorder, perturbation : aimhreit, aimbreidh, tuairgneadh, buaireas. 2. disa-

- greement of parts : troimh-cheile, eas-òrdugh, mi-chòrdadh.
- DISCONCERT**, *v. a.* 1. Unsettle the mind, discompose : cuir troimh chéile, buair, feargaidh, dorranaich. 2. break a scheme : cuir thar a chéile, cuir fa sgaoil, sgaoil.
- DISCONFORMITY**, *s.* Neo-fhreagarrachd, mi-chòrdadh, neo-choslachd.
- DISCONGRUITY**, *s.* Mi-chòrdadh, neo-fhreagarrachd.
- DISCONNECT**, *v. a.* Bris combhann.
- DISCONNECTION**, *s.* See Disunion.
- DISCONSOLATE**, *v. n.* Mi-chòrd.
- DISCONSOLATE**, *adj.* Tuirseach, brònach, dubhach, gun chomhfhurtachd.
- DISCONSOLATELY**, *adv.* See Disconsolate.
- DISCONSOLATENESS**, *s.* Dubhachas, mi-shuaimhneas.
- DISCONTENT**, *adj.* Mi-thoilichte, neo-thoilichte, mi-shuaimhneach, neo-shocrach, diombuidheach.
- DISCONTENT**, *s.* 1. Want of content : mi-thoileachadh, neo-thoileachadh, neo-thoileachas-inntinn, diombadh. 2. one who is discontented : duine diombuidheach.
- DISCONTENT**, *v. a.* Mi-thaitinn, mi-thoilich, cuir mi-ghean, no, anntlachd air.
- DISCONTENTED**, *adj.* Neo-thoilichte, mi-thoilichte.
- DISCONTENTEDLY**, *adv.* See Discontented.
- DISCONTENTEDNESS**, *s.* Neo-thoileachas-inntinn, neo-thoilealachd.
- DISCONTENTING**, *s.* Cur mìthlachd.
- DISCONTENTMENT**, *s.* Mi-thoileachadh, neo-thoileachas-inntinn.
- DISCONTINUANCE**, *s.* 1. Want of cohesion of parts, disruption : neo-mhairsinneachd, bristeachd. 2. cessation, intermission : stad, sgar, leigeadh seachad.
- DISCONTINUE**, *v. a. et n.* 1. Leave off, cease any practice, or habit : sgair, leig seachad, leig dhìot. 2. break off, interrupt : sgair, cuir stad air. 3. lose the cohesion of parts : teirig, ùa lean. 4. lose an established right, or custom : càill còir.
- DISCONVENIENCE**, *s.* See Incongruity.
- DISCONVENIENT**, *adj.* See Incongruous.
- DISCORD**, *s.* 1. Disagreement, opposition : aimhereit, eas-aonachd, mi-chòrdach, strì. 2. difference, or contrariety of qualities, particularly of sounds : mi-chòrdadh, ràcaireachd.
- DISCORD**, *v. n.* Mi-chòrd, eas aontaich.
- DISCORDANCE**, } *s.* Mi-chòrdadh, eas-aonachd, neo-
DISCORDANCY, } fhreagarrachd.
- DISCORDANT**, *adj.* 1. Inconsistent, at variance with itself : neo-fhreagarrach, neo-sheasmhach, aimhereiteach. 2. opposite, contrarious : easaontach, neo-chòrdail. 3. incongruous, not conformable : neo-fhreagarrach, eu-coltach.
- DISCORDANTLY**, *adv.* See Discordant.
- DISCOVER**, *v. a.* 1. Shew, disclose, bring to light : faigh a mach, foillsich, nochd, thoir am fradharc. 2. expose to view : leig fhaicinn, taisbein, seall. 3. shew, not shelter : nochd, leig ris. 4. make known, reveal : nochd, dean aithnichte. 5. ken, espy : faic. 6. find out, obtain information : faigh a mach. 7. detect : faigh a mach. 8. make any thing clean to be a covering : rùisg, thoir còmh-dach de.
- DISCOVERABLE**, *adj.* So-fhaotainn a mach, soilleir.
- DISCOVERER**, *s.* 1. One that finds any thing not known before : fear-faotainn a mach. 2. a scout : fear-brathaidh, brathadair.
- DISCOVERY**, *s.* 1. The act of finding out any thing hidden : faotainn a mach. 2. the act of revealing any secret : cur os àird, foillseachadh, nochdadh taisbeanadh.
- DISCOUNT**, *s.* 1. The sum refunded in a bargain : leigeadh sìos, dol sìos. 2. a deduction according to the rate of interest for money advanced beforehand : riadh airgid làimbe.
- DISCOUNT**, *v. a.* 1. Count back, pay back again . ath-dhiol. 2. pay before-hand : pàidh roimh làimh.
- DISCOURTANCE**, *v. a.* 1. Discourage by cold treatment : mi-mhisnich, amhaire air le anntlachd. 2. abash, put to shame : nàraich, cuir gu amhluidh.
- DISCOURTANCE**, *s.* Fuaralachd, fuar-chàirdeas, mi-shuim, mi-aidh.
- DISCOUNTER**, *s.* Fear-toirt air riadh, ocar-fhear.
- DISCOURAGE**, *v. a.* 1. Depress, deprive of confidence : mi-mhisnich, cuir fuidh aimheal. 2. deter, fright from any attempt : thoir mi-mhisneach do, sgàthaich, geiltich.
- DISCOURAGER**, *s.* Fear-mi-mhisneachaidh.
- DISCOURAGEMENT**, *s.* 1. The act of deterring or depressing hope : mi-mhisneachadh. 2. determent : mi-mhisneach, bacadh.
- DISCOURSE**, *s.* 1. The act of the understanding by which it passes from premises to consequences : cainnt, uirghioll. 2. conversation, mutual intercourse of language, talk : còmhradh, comh-labhairt, bruidhean, conaltradh. 3. effusion of language, speech : labhairt, cainnt, bruidhean. 4. a treatise, a dissertation either written or uttered : seanachas, uirghioll, searmon.
- DISCOURSE**, *v. a. et n.* 1. Treat of, talk over, discourse : comh-labhairt, labhair air, dean cainnt. 2. utter : labhair, bruidhinn. 3. converse, talk, relate : comh-labhairt, labhair, dean bruidhean, dean còmhradh. 4. treat upon in a solemn or set manner : innis seanachas, labhair mu, searmonaich. 5. reason : reusonaich.
- DISCOURSER**, *s.* 1. A speaker, an haranguer : fear-labhairt. 2. a writer on any subject, a dissertator : sgrìobhair sheanachas.
- DISCOURSING**, *s.* Còmhradh, conaltradh, bruidhean, comh-labhairt, comh-chainnt.
- DISCOURSIVE**, *adj.* 1. Passing by intermediate steps from premises to consequences : reusonaich. 2. containing dialogue : còmhraidhteach. 3. conversable, communicative : conaltrach, còmhraidhteach.
- DISCOURTEOUS**, *adj.* Neo-aidheil, mi-mhodhail, neo-shìobhalt, neo-shuair, dalma, duairceach.
- DISCOURTEOUSLY**, *adv.* See Discourteous.
- DISCOURTESY**, *s.* Mi-mhodh, neo-shìobhaltachd.
- DISCOUS**, *adj.* Leathan.
- DISCREDIT**, *s.* Masladh, tàir, mì-chliu, mì-nleas.

DISCREDIT, *v. a.* 1. Deprive of credibility, make not trusted: dean breugach. 2. disgrace, bring reproach upon: nàraich, maslach. 5. distrust, credit not: na creid, na toir creideas do.

DISCREDITABLE, *adj.* Mi-chliùiteach, nàrach, maslach, tàmailteach.

DISCREET, *adj.* 1. Prudent, circumspect, cautious: glic, faicilleach, crionna, cùramach. 2. modest, not forward: modhail, beusach, sìobhalt.

DISCREETLY, *adv.* See Discreet.

DISCREPANCY, *s.* Eadar-dhealachadh, mùthadh, eas-aonachd, neo-fhreagarrachd, mi-chòrdadh.

DISCREPANT, *adj.* Neo-fhreagarrach, eas-aontach.

DISCRETE, *adj.* Air leth, eadar-dhealaichte.

DISCRETION, *s.* 1. Prudence, knowledge to govern one's self: gliocas, tùr, ciall, crionntachd. 2. liberty of acting at pleasure: saorsa, saor-inntinn-eachd, toil.

DISCRETIONARY, } *adj.* A feir a thoile féin, neo-
DISCRETIONALLY, } cheangailte, saor, gun bhacadh.

DISCRETIONALLY, *adv.* See Discretionary.

DISCRIMINABLE, *adj.* So-aithneachaidh, so-chomharrachaidh.

DISCRIMINATE, *v. a.* 1. Distinguish by certain tokens from another: eadar-dhealaich, comharraich a mach. 2. select or separate from others, sever: eadar-dhealaich, sgar, tagh a mach.

DISCRIMINATE, *adj.* Comharraichte, eadar-dhealaichte.

DISCRIMINATELY, *adv.* See Discriminate, *adj.*

DISCRIMINATION, *s.* Eadar-dhealachadh, mùthadh, aithneachadh, comharradh air leth.

DISCRIMINATIVE, *adj.* Diùbhrasach, a' cur eadar-dhealachaidh.

DISCRIMINATIVELY, *adv.* See Discriminative.

DISCULPATE, *v. a.* See Exculpate.

DISCUMBENCY, *s.* Còrr-shuidhe.

DISCUMBER, *v. a.* Neo-luchdaich, saor bho eallach.

DISCURSIVE, *adj.* 1. Moving here and there, roving: luaineach, luasganach, falbhanach, siùbhlach. 2. argumentative: reusonach.

DISCURSIVELY, *adv.* See Discursive.

DISCUSS, *s.* Peilisteir.

DISCUSS, *v. a.* 1. Examine: feuch, rannsaich, sgrùd. 2. disperse: sgaoil, sgap. 3. break to pieces: bris, pronn spealg, bloighdich.

DISCUSSE, *s.* Fear feuchainn, rannsaiche.

DISCUSSING, *s.* Feuchainn, deuchainn, ceasnachadh.

DISCUSSION, *s.* Feuchainn, deuchainn, rannsachadh, sgrùdadh, ceasnachadh, cnuasachd, reusonachadh.

DISDAIN, *v. a. et n.* 1. Scorn, consider as unworthy of one's character: tarcuisich, na b' fhiù leat e, cuir suarach e. 2. scorn, think unworthy: na b' fhiach leat. 3. grow impatient or angry: fàs cas, fàs frionasach.

DISDAIN, *s.* Tàir, tarcuis, dìmeas spìd, dorran, farran.

DISDAINFUL, *adj.* Tarcuiseach, tàireil, spìdeil, àrdanach, uaibhreach, farranach.

DISDAINFULLY, *adv.* See Disdainful.

DISDAINFULNESS, *s.* Tàirealachd, spìdealachd, tarcuis.

DISDAINING, *s.* See Disdain, *s.*

DISEASE, *s.* Tinneas, euslaint, galar, eucail.

DISEASE, *v. a.* 1. Afflict with disease, torment with pain or sickness: dean tinn, dean eucaileach. 2. put in pain, make uneasy, disturb: pian, cràidh, leòn.

DISEASEDNESS, *s.* Tinneas, staid eucail.

DISEASEFUL, *adj.* 1. Abounding with disease, producing disease: tinn, galarach, eucaileach. 2. troublesome, occasioning uneasiness: trioblaideach, àmhgharach.

DISEGDED, *adj.* Maol, gun fhaobhar.

DISEMBARK, *v. a. et n.* 1. Carry to land: cuir air tìr, giùlain gu tìr. 2. land, go on land: rach air tìr.

DISEMBARRASS, *v. a.* Fuasgail, saor.

DISEMBITTER, *v. a.* Milsich, dean neo-shearbh.

DISEMBODIED, *adj.* Neo-chorporra, gun chorp.

DISEMBODY, *v. a.* See Disband, 1.

DISEMBOGUE, *v. a. et n.* 1. Pour out at the mouth of a river, vent: sruth, dòirt, taom. 2. eject, cast forth: dòirt a mach, tilg a mach. 3. give vent, flow: brùchd, sruth, steall.

DISEMBOWELLED, *adj.* Gun mhionach.

DISENABLE, *v. a.* Anfhanach, dean neo-chomasach, cuir o fheum.

DISENCHANT, *v. a.* Saor o gheasaibh.

DISENCUMBER, *v. a.* Dith-luchdaich, eutromaich thoir dheth uallach, faothaich.

DISENCOMBRANCE, *s.* Dith-luchdachadh, eutromachadh, faothachadh, saorsa o eallach.

DISENGAGE, *v. a. et n.* 1. Separate from any thing with which it is in union: fuasgail, dealaich cuir fuidh sgaoil. 2. disentangle, clear from impediments, or difficulties: réitich, saor o amladh. 3. withdraw, applied to the affections: tarruing o, cuir saor, dealaich, fuasgail. 4. free from any powerful detention: saor, cuir an saorsa. 5. release from an obligation: fuasgail. 6. set one's self free from: saor thu féin, bi fuasgailte.

DISENGAGED, *adj.* 1. Disjoined, disentangled: fuasgailte, neo-cheangailte, gun amladh.

DISENGAGEMENT, *s.* 1. Release from any engagement, or obligation: fuasgladh, saorsa. 2. freedom of attention, vacancy: socair, fois, tàmh, saorsa.

DISENTANGLE, *v. a.* 1. Unfold, or unloose the parts of any thing interwoven with one another: fuasgail, réitich, thoir á amladh. 2. set free from impediments, disembroil: saor, fuasgail thoir á amladh. 3. disengage, separate: cadar-dhealaich, dealaich, sgar.

DISENTANGLEMENT, *s.* Saoradh o amladh.

DISENTERR, *v. a.* Thoir as an uaigh.

DISENTHRAL, *v. a.* Saor o thràillealachd.

DISENTHRONE, *v. a.* Cuir bhàr a' chrùin.

DISENTITLE, *v. a.* Thoir uaithe còir.

DISESPOUSE, *v. a.* Eadar-dhealaich.

DISESTEEM, *s.* Dìmeas, mi-shuim, beag toirt.

DISESTEEM, *v. a.* Dean dìmeas air, dean tàir air, cuir an neo-shuim.

DISFAVOUR, *s.* Mi-fhàbhar, mi-aoidh, mi-ghean.

- DISFAVOUR, v. a.** 1. Discountenance, withhold, or withdraw kindness: cuir á fàbhar. 2. deform: cuir mi-dhealbh air, dean mi-dhreachtail, duaichnich.
- DISFIGURATION, s.** 1. The act of disfiguring: mi-dhealbh, mi-dhreachtail, duaichneachd. 2. the state of being disfigured: mi-dhealbh, mi-dhreachtail, mi-chumadh, duaichneachd. 3. deformity: mi-dhealbh, mi-dhreachtail, mi-chumadh, duaichneachd, an-dealbh.
- DISFIGURE, v. a.** Duaichnich, cuir á cumadh, mill dreacht.
- DISFIGUREMENT, s.** See Disfiguration.
- DISFRANCHISE, v. a.** Bris còraichean, cuir a còir.
- DISFRANCHISEMENT, s.** Briseadh còraichean, toirt air falbh còraichean.
- DISFURNISH, v. a.** Thoir air falbh àirneis, lom, rùisg.
- DISGARNISH, v. a.** 1. Strip off ornaments: spion dheth bhreaghachd. 2. take guns from a fortress: ruisg, lomair.
- DISGORGE, v. a.** 1. Discharge by the mouth, spew out: diobhlair, sgeith, brùchd. 2. pour out with violence: brùchd, sgeith, tilg.
- DISGORGEMENT, s.** Diobhuirt, sgeith.
- DISGRACE, s.** 1. State of being out of favour: eas-urram, cion fàbhair. 2. state of ignominy, dishonour, state of shame: maslath, tàmailt, nàire, eas-urram. 3. cause of shame: nàire, aobhar-nàire.
- DISGRACE, v. a.** 1. Bring a reproach upon, dishonour: maslach, tàmailtich, eas-urramaich. 2. bring to shame, as a cause: nàraich. 3. put out of favour: cuir á fàbhar, tilg á cùirt.
- DISGRACEFUL, adj.** Maslach, tàmailteach, nàrach, nàr.
- DISGRACEFULLY, adv.** See Disgraceful.
- DISGRACEFULNESS, s.** Maslath, tàmailt.
- DISGRACER, s.** Tàmaitear, fear-maslachaidh.
- DISGRACIOUS, adj.** Neo-thaitneach, neo-fhàbharach.
- DISGUISE, v. a.** 1. Conceal by an unusual dress: cleith, folaich, dean aimh-riochdach. 2. hide by a counterfeit appearance: ceil, folaich, atharraich cruth, cuir an aimh-riochd. 3. disfigure, change the form: atharraich cruth, mùth dreacht.
- DISGUISE, s.** 1. A dress contrived to conceal the person that wears it: còmhdach meallta, aimh-riochd. 2. a false appearance, counterfeit show: aimh-riochd, breug-riochd, cruth meallta. 3. disorder by drink: misg, buaireas. 4. a mask: cidhis, deise chleith.
- DISGUISEMENT, s.** Cidhis, deise chleith.
- DISGUISER, s.** 1. One that puts on a disguise: fear-aimhriochd, fear cidhis. 2. one that conceals another by a disguise: fear-folaich, fear-cuir an aimh-riochd.
- DISGUISED, s.** 1. Theatrical pastime: coinneamh luchd-cidhis. 2. the act of giving an appearance of truth to falsehood: cleith, cumail am folach, aimh-riochd.
- DISGUST, s.** 1. Aversion of the palate from any thing: gràin, sgreamh, fuath, déisinn, déisinn. 2. ill-humour, offence conceived: anntlachd, gràin, fuath déisinn.
- DISGUST, v. a.** 1. Raise aversion in the stomach, distaste: gràinich, cuir déisinn air, cuir sgreamh air, sgreamhaich, sgreaiteach. 2. strike with dislike, offend: cuir mi-thlachd air, cuir gràin air. 3. produce aversion: gràinich, fuathaich, cuir déisinn air.
- DISGUSTFUL, adj.** Déisinneach, déisinneach, gràineil, fuathach, sgreamhail.
- DISGUSTINGLY, adv.** Gu déisinneach, gu gràineil, gu fuathach, gu sgreamhail.
- DISH, s.** 1. A broad wide vessel in which food is served up at table: soitheach, mias. 2. a deep hollow vessel for liquid food: soitheach. 3. the meat served in a dish: mias, soitheach.
- DISH, v. a.** Cuir am mèis.
- DISH-CLOUT, s.** Clùd nan soitheichean.
- DISH-WATER, s.** Ùisge nan soitheichean.
- DISHABILLE, adj.** Neo-uidheamaichte.
- DISHABILLE, s.** Neo-uidheam.
- DISHABIT, v. a.** Cuir á fàrdoch, fuadaich.
- DISHARMONY, s.** Mì-chòrdadh.
- DISHEARTEN, v. a.** Mì-mhisnich, dean lag-chridheach.
- DISHEIR, v. a.** Cuir á oighreachd, buin uaithe 'chòir-bhreith.
- DISHERIT, v. a.** See Disheir.
- DISHERITANCE, s.** Toirt air falbh còir-bhreith.
- DISHLEVEL, v. a.** Sgap falt, cuir falt troimh chéile.
- DISHONEST, adj.** 1. Void of probity, wicked, fraudulent: eas-ionraic, eas-onorach, mi-onoireach, neo-oinearach. 2. unchaste, lewd: mi-gheamnuidh. 3. disgraced, dishonoured: eas-urramach, mi-onoireach. 4. disgraceful, ignominious: maslach, tàmailteach.
- DISHONESTLY, adv.** See Dishonest.
- DISHONESTLY, s.** 1. Want of probity, faithlessness: eas-ionracas, eas-onoir, mi-onoir, mi-dhillseachd. 2. unchastity, incontinence, lewdness: mi-gheamnuidheachd.
- DISHONOUR, s.** 1. Reproach, disgrace, ignominy: eas-urram eas-onoir, dìmeas, maslath, tàmailt. 2. reproach uttered, censure, report of infamy: mì-chlin, sgainneal.
- DISHONOUR, v. a.** 1. Disgrace, bring shame upon: mi-onoirich eas-onoraich, eas-urramaich, maslach, nàraich. 2. violate chastity: truail. 3. treat with indignity: maslach, eas-urramaich, mi-onoirich. 4. deprive of ornament: lomair, rùisg.
- DISHONOURABLE, adj.** Eas-urramach, eas-onorach, mi-onoireach, mì-chliùiteach, maslach, tàmailteach, nàrach, mì-mheasail.
- DISHONOURABLY, adv.** See Dishonourable.
- DISHONOURER, s.** 1. One that treats another with indignity: fear-eas-onoraichaidh. 2. a violator of chastity: fear-truailidh.
- DISHORN, v. a.** Cuir na h-adhaircean deth.
- DISHUMOUR, s.** Droch-mheinn, dreamlainn.
- DISINCARCERATE, v. a.** Fuasgail á prìosan.
- DISINCLINATION, s.** Mì-thoil, dìth-tograidh, neo-thoil, neo-thoirt.
- DISINCLINE, v. a.** Dean mì-thoileach, dean neo-thoileach, dean neo-thoirtail, dean neo-aontachail.

DISINCLINED, *adj.* Mi-thoileach, aindeonach, neo-thoileach, neo-aontachail.

DISINGENUITY, *s.* Dùbailteachd, mi-dhìrichead, mealltaireachd.

DISINGENUOUS, *adj.* Dùbailte, carach, lùbach, neo-dhìreach, fealltach, cleasach.

DISINGENUOUSLY, *adv.* See Disingenuous.

DISINGENUOUSNESS, *s.* See Disingenuity.

DISINHABITED, *adj.* Dith-làraichte, neo-àitichte.

DISINHERISON, *s.* Toirt air falbh còir bhreith.

DISINHERIT, *v. a.* Buin uaithe a choir-bhreith, cuir á còir.

DISINTER, *v. a.* Tog á uaigh.

DISINTERESTED, *adj.* 1. Superior to regard of private advantage: neo-fhéineil, glan, fialaidh. 2. without fear or hope: coma.

DISINTERESTEDLY, *adv.* See Disinterested.

DISINTERESTEDNESS, *s.* Neo-fhéinealachd, gloine, fialaidheachd.

DISINTERESTING, *adj.* Neo-fhéineil.

DISINTERMENT, *s.* Togail as an uaigh, ais-eirigh.

DISINURE, *v. a.* Cuir á cleachdadh.

DISJOIN, *v. a.* Dealaidh, eadar-dhealaidh, fuasgail, thoir as a chéile.

DISJOINT, *v. a. et n.* 1. Put out of joint: cuir as an alt. 2. break at junctures: bris. 3. break in pieces: bloighdich, bris, spealg, sgealb, cuir as a chéile. 4. carve a fowl: bris, cuir á altaibh. 5. make incoherent, break the relation between the parts: mi-riaghailtich. 6. fall in pieces: tuit 'n ad mhìrean.

DISJOINT, } *adj.* Dealaidhte, á alt.

DISJOINTED, }

DISJOINTLY, *adv.* See Disjoint, *adj.*

DISJUNCT, *adj.* Dealaidhte, eadar-dhealaidhte.

DISJUNCTION, *s.* Dealachadh, eadar-dhealachadh, sgaradh.

DISJUNCTIVE, *adj.* Easaontach, eas-cridbeach.

DISJUNCTIVELY, *adv.* See Disjunctive.

DISK, *s.* 1. The face of the sun or planet as it appears to the eye: aodann, aghaidh. 2. quoit: peilisteir.

DISKINDNESS, *s.* Mi-chaomhalachd, mi-chaomhneas, mi-shuairceas.

DISLIKE, *s.* 1. Disinclination: mi-thoil, neo-thoirt, fuath, mi-thaitneadh, gràin. 2. discord, disagreement: mi-chòrdadh, eu-còrdadh.

DISLIKE, *v. a.* Fuathaich, sgreamhaich roimh.

DISLIKEN, *v. a.* Dean mi-chosmhuil, dean eugsamhuil.

DISLIKENESS, *s.* Eu-coltas, mi-choltachd, neo-amhluidheachd.

DISLIKER, *s.* Fear-fuathachaidh, fear neo-thoilichte.

DISLIMB, *v. a.* Srac, stròic, riasail, thoir ball o bhall.

DISLOCATE, *v. a.* 1. Put out of the proper place: cuir á àite. 2. disjoint: cuir á alt.

DISLOCATION, *s.* 1. The act of shifting the place of things: carachadh, cur a' àite. 2. the state of being displaced: atharrachadh. 3. a joint put out: dol as an alt, cur á alt.

DISLUDGE, *v. a. et n.* 2. Remove from a place: cuir á àite, fògair, cuir air falbh. 2. drive an enc-

my from a station: cuir air falbh, cuir air theich-eadh. 3. remove an army to other quarters: imrich, cuir imrich. 4. go away to another place: gluais, imrich, rach imrich.

DISLOYAL, *adj.* Neo-dhìleas, mi-dhìleas, mi-riòghail.

DISLOYALLY, *adv.* See Disloyal.

DISLOYALTY, *s.* Mi-riòghalachd, mi-dhìlseachd, neo-dhìlseachd.

DISMAL, *adj.* Oillteil, uamharra, eagalach, brònach, dubhach neo-shuilbhir.

DISMALLY, *adv.* See Dismal.

DISMALNESS, *s.* Uamharrachd, oilltealachd, dorchad.

DISMANTLE, *v. a.* 1. Deprive of dress: rùisg, cuir dheth a chòmhdach. 2. loose, throw off a dress, open: fuasgail, tilg dheth, rùisg. 3. break down any thing external: tilg sìos, leag gu làr.

DISMAY, *v. a.* Oilltich, clisg, cuir uamhann air, cuir eagal air.

DISMAY, *s.* Òillt, clisgeadh, eagal, uamhann.

DISMAYEDNESS, *s.* Oilltealachd, uamhannachd.

DISME, *s.* Deicheadh.

DISMEMBER, *v. a.* Bloighdich, spìon as á chéile, gearr 'n a òrdaibh, thoir ball o bhall.

DISMEMBERMENT, *s.* Bloighdeachadh, roinn.

DISMISS, *v. a.* 1. Send away: cuir air falbh, sgaoil. 2. give leave of departure: thoir a chead do. 3. discard, divest of an office: cuir á dreuchd.

DISMISSAL, } *s.* 1. Dispatch, act of sending away:

DISMISSION, } sgaoilteadh, cur air falbh, cur air theachdaireachd. 2. an honourable discharge from any office or place: ceadachadh falbh. 3. deprivation: cur á dreuchd.

DISMOUNT, *v. a. et n.* 1. Throw off an horse: tilg bhàrr a mhuin, tilg dheth, cuir a sìos. 2. throw from any elevation or place of honour: cuir a sìos, tilg sìos. 3. alight from a horse: tèarn, tuirl, thig bhàrr cich. 4. descend from any elevation: tèarn, tuirl.

DISOBEDIENCE, *s.* 1. Violation of lawful command or prohibition: eas-ùmhachd, ceannairc. 2. in-compliance: diùltadh, eas-ùmhachd.

DISOBEDIENT, *adj.* Eas-umhail, ceannairceach, ceann-laidir.

DISOBEY, *v. a.* Eas-ùmhlaich, na toir ùmhachd, diùlt géilleadh, na strìochd.

DISOBLIGATION, *s.* Oilbheum, mi-choingheall.

DISOBLIGE, *v. a.* 1. Offend, disgust: thoir oilbheum do, cuir mio-thlachd air, dean mi-choingheall ri. 2. release from an obligation: saor, fuasgail.

DISOBLIGER, *s.* Fear mi-choingheallach.

DISOBLIGING, *adj.* Mi-choingheallach, mi-thlachd-mhor, oilbheumach.

DISOBLIGINGLY, *adv.* See Disobliging.

DISORDER, *s.* 1. Want of regular disposition: mi-riaghailt, eas-òrdugh, aimbreit. 2. tumult, disturbance, bustle: aimbreit, buaireas, troimh chéile, eacharra, butarais. 3. neglect of rule, irregularity: mi-riaghailt, troimh-chéile. 4. breach of laws: mi-riaghailt. 5. sickness, distemper: tinneas, mi-riaghailt, eas-òrdugh. 6. discomposure of mind: buaireas, troimh chéile.

DISORDER, *v. a.* 1. Throw into confusion, confound: mi-riaghailtich, eas-òrduich, ainhreitech, cuir thar

- a chéile. 2. make sick, disturb the body : cuir á òrdugh, cuir thar a chéile. 3. disturb the mind : buair, cuir thar a chéile. 4. turn out of holy orders, depose : cuir á beathachadh.
- DISORDERLY**, *adj.* 1. Confused, immethodical : mi-riaghailteach, aimhreiteach, neo-dhòigheil, mi-rìanail. 2. irregular, tumultuous : mi-riaghailteach aimhreiteach, thar a chéile. 3. lawless, contrary to law, inordinate : eas-òrdach.
- DISORDERLY**, *adv.* See Disorderly, *adj.*
- DISORDINATE**, *adj.* Mi-riaghailteach, mi-bheusach.
- DISORDINATELY**, *adv.* See Disordinate.
- DISORGANIZATION**, *s.* Milleadh deilbh.
- DISORGANIZE**, *v. a.* Mill òrdugh deilbh, eas-òrduich.
- DISOWN**, *v. a.* Àicheadh, na h-aidich na gabh rì.
- DISPAND**, *v. a.* Sgaoil a mach.
- DISPAIR**, *v. a.* Eadar-dhealach.
- DISPARAGE**, *v. a.* 1. Treat with contempt : tarcuiseach, thoir tàir do, cuir an dimeas maslach. 2. bring reproach upon : maslach, thoir tàmailt, cuir an dimeas.
- DISPARAGEMENT**, *s.* Masladh, tàir, tàmailt, ìsleachadh, dimeas, mi-mheas, eas-onoir, tarcuiseach.
- DISPARAGER**, *s.* Fear-maslachaidh.
- DISPARAGINGLY**, *adv.* Gu maslach, gu tàireil, gu tarcuiseach.
- DISPARITY**, *s.* 1. Inequality, difference in degree either of rank or excellence : eu-coltas, neo-ionannachd, diùbhras. 2. dissimilitude, unlikeness : mì-coltas, mùthadh.
- DISPARK**, *v. a.* Fosgail, thoir air falbh callaid.
- DISPASSIONATE**, } *adj.* Stòlda, ciùin, socrach, neo-
- DISPASSIONATED**, } bhuaireasach.
- DISPASSIONATELY**, *adv.* See Dispassionate.
- DISPATCH**, *v. a.* See Despatch.
- DISPEL**, *v. a.* Sgap, sgaoil, fuadaich, iom-sgaoil, iom-ruag.
- DISPEND**, *v. a.* Caith, mill, dean ana-caitheamh.
- DISPENSABLE**, *adj.* A dh'fhaodar teachd as eugais.
- DISPENSARY**, *s.* Tigh nan iocshlaintean.
- DISPENSATION**, *s.* 1. Distribution, the act of dealing out any thing : compàirteachadh, riarachadh. 2. method of providence : buileachadh, dòigh bhuilleachaidh. 3. an allowance to omit something commanded : cead, comas, comas peacachaidh.
- DISPENSATIVE**, *adj.* A' buileachadh, a' compàirteachadh.
- DISPENSATIVELY**, *adv.* See Dispensative.
- DISPENSATOR**, *s.* See Distributer.
- DISPENSE**, *v. a.* 1. Deal out, distribute : compàirteachadh, roinn, riarachadh. 2. make up a medicine : dean suas cungaidh-leighis. 3. dispense *with* : leig seachad, thig as eugais.
- DISPENSE**, *s.* See Dispensation.
- DISPENSER**, *s.* 1. A distributer : fear-compàirteachaidh, fear-roinn. 2. one that frames excuses : leisgeulaich.
- DISPEOPLE**, *v. a.* Fàsaich, dìth-làraich.
- DISPEOPLER**, *s.* Dìth-mhillteir, fear-dìth-làrachaidh.
- DISPERGE**, *v. a.* Crath, sgiot.
- DISPERSE**, *v. a.* 1. Scatter, dissipate, drive to dif-
- ferent parts : sgap, sgaoil, iom-sgaoil, sgiot. 2. deal about, distribute : sgaoil, sgap.
- DISPERSEDLY**, *adv.* Gu sgaoilteach, gu sgapta.
- DISPERSNESS**, *s.* Tanachd, sgaoilteachd.
- DISPERSER**, *s.* Sgapadair.
- DISPERSION**, *s.* Sgaoileadh, iom-sgaoileadh, sgapadh.
- DISPERSIVE**, *adj.* Sgaoilteach, sgapach.
- DISPIRIT**, *v. a.* 1. Discourage, deject, depress : mi-mhisnich, meataich, tiomaich, lagaich a spiorad, claidh. 2. exhaust the spirits, oppress the constitution of the body : claidh, cìosnaich.
- DISPIRITEDNESS**, *s.* Lag-chridheachd, neo-smioralachd.
- DISPITEOUS**, *adj.* Neo-thruacanta, mi chneasda.
- DISPITEOUSLY**, *adv.* See Dispiteous.
- DISPLACE**, *v. a.* 1. Put out of place : cuir á àite, cuir as ionad. 2. disorder : eas-òrduich, aimhreiteach.
- DISPLANT**, *v. a.* Cuir imrich, fuadaich.
- DISPLANTATION**, *s.* 1. The removal of a plant : imrich luis. 2. the ejection of a people : fuadachadh, fàsachadh, cur imrich.
- DISPLANTING**, *s.* Imrich, cur imrich.
- DISPLAY**, *v. a.* 1. Spread wide : sgaoil a mach, foillsich. 2. exhibit to the sight, or mind : nochd, seall, fòillsich, taisbean. 3. carve, cut up : gearr gu snasmhor. 4. talk without restraint : dean sgoileam. 6. open, unlock : fosgail, leig rìs.
- DISPLAY**, *s.* Nochdadh folluiseach, foillseachadh, taisbeanadh, leigeadh rìs gu loiseamach.
- DISPLAYER**, *s.* Fear-nochdaidh.
- DISPLEASANT**, *adj.* See Unpleasant.
- DISPLEASE**, *v. a. et n.* 1. Offend, make angry : mì-thoilich, thoir oibheum do, feargach. 2. make sad : dean duilich. 3. disgust, raise aversion : mì-thaitinn.
- DISPLEASURE**, *s.* 1. Uneasiness, pain received : mì-thaitneadh, mì-thoil-inntinn, neo-thoileachas-inntinn. 2. offence, pain given : oibheum, mì-thlachd. 3. anger, indignation : diomb, mì-thlachd, fearg, corruich. 4. state of disgrace, disfavour : mìghean masladh.
- DISPLUMED**, *adj.* Rùisgte, neo-iteagach.
- DISPORT**, *s.* Cluich, mireag, fala-dhà, fearas-chuideachd.
- DISPORT**, *v. a. et n.* See Sport, *v.*
- DISPOSABLE**, *adj.* So-sheachnaidh, so-bhuileachaidh.
- DISPOSAL**, *s.* 1. The act of disposing, or regulating any thing : buileachadh, compàirteachadh, riarachadh. 2. the power of distribution : comas tabhairt, comas buileachaidh. 3. government, management, conduct : riaghladh, stiùradh, steòrnadh, seòladh. 4. dismissal into new hands : tabhairt seachad.
- DISPOSE**, *v. a.* 1. Employ to various purposes, diffuse : suidhich, eagaraich, cuir an òrdugh. 2. give, place, bestow : builich, suidhich, ceartaich. 3. turn to any particular end or consequence : òrdugh. 4. adapt, form to any purpose : òrduich, rùnaich. 5. incline the mind : aom, suidhich. 6. regulate, adjust : eagaraich, cuir an òrdugh. 7. dispose *of*, put into the hands of another : thoir

- seachad. 8. dispose *of*, conduct, behave : giùlain, iomchair. 9. dispose *of*, place in any condition : dean fì, builich.
- DISPOSE**, *s.* See Disposal.
- DISPOSER**, *s.* 1. Distributer : fear-riarachaidh, fear-buileachaidh. 2. governor, regulator, director : riaghladair, fear-seòlaidh, fear-iùil. 3. one who takes from and gives to whom he pleases : àrd-uachdaran.
- DISPOSING**, *s.* Riaghladh, stiùradh, treòrachadh.
- DISPOSITION**, *s.* 1. Order, method, distribution : riaghailt, dòigh, seòl, suidheachadh, rian, eagar. 2. natural fitness, quality : nàdur, freagarrachd. 3. tendency to any act or state : aomadh, claonadh. 4. temper of mind : nàdur, gnè, càil. 5. affection of kindness, or ill-will : aigne, dùrachd.
- DISPOSITIVE**, *adj.* 1. That which implies disposal of any property : pàirteachail. 2. inclinable : togarrach, toileach, deònach.
- DISPOSITIVELY**, *adv.* See Dispositive.
- DISPOSSESS**, *v. a.* Cuir á seilbh, cuir a mach, thoir o.
- DISPOSSESSION**, *s.* Cur á seilbh.
- DISPOSURE**, *s.* 1. Disposal, government, management : comas buileachaidh, uachdranachd, riaghladh. 2. state, posture : suidheachadh, leagadh.
- DISPRAISE**, *s.* Dio-moladh, eas-urram, cronachadh, mi-chliù.
- DISPRAISE**, *v. a.* Dio-mol, cronaich, coirich, dìt.
- DISPRAISER**, *s.* Dio-moltair.
- DISPRAISINGLY**, *adv.* Gu cronachail, air mhodh diomolaidh.
- DISPREAD**, *v. a. et n.* 1. Spread different ways : sgap, sgiot, sgaoil. 2. extend or expand itself : sgaoil a mach, sin a mach.
- DISPRISE**, *v. a.* Meas fuidh luach.
- DISPROFIT**, *s.* Call, calldach, dìobhail.
- DISPROOF**, *s.* Àicheadh, dearbhadh 'n a bhréig.
- DISPROPORTION**, *s.* Neo-ionannachd, neo-fhreagarrachd, eu-coltas.
- DISPROPORTION**, *v. a.* Ceangail gu mi-fhreagarrach, no, neo-fhreagarrach.
- DISPROPORTIONABLE**, *adj.* Mi-fhreagarrach, neo-fhreagarrach.
- DISPROPORTIONABLENESS**, *s.* Neo-fhreagarrachd.
- DISPROPORTIONABLY**, *adv.* See Disproportionable.
- DISPROPORTIONAL**, } *adj.* See Disproportionable.
- DISPROPORTIONATE**, }
- DISPROPORTIONATELY**, *adv.* See Disproportionately.
- DISPROVE**, *v. a.* 1. Confute an assertion : breugnach, dearbh 'n a bhréig. 2. disapprove, disallow : cronaich, na ceadaich.
- DISPROVER**, *s.* 1. One that disproves or confutes : fear-breugnachaidh. 2. a censorer : cronadair.
- DISPUNGE**, *v. a.* See Expunge.
- DISPUNISHABLE**, *adj.* Saor o dhioghaltas.
- DISPURSE**, *v. a.* See Disburse.
- DISPUTABLE**, *adj.* 1. Controvertible : tagrach, ion-chònspoideach. 2. lawful to be contested : tagarrach. 3. fond of disputation : cònspoideach, brionglaideach, cònsachail, conspanach, iomarbhaidheach.
- DISPUTANT**, *s.* Deasbair, cònspair, cònspoideiche.
- DISPUTATION**, *s.* 1. The skill of controversy, argumentation : cònsachadh, reusanachadh. 2. controversy, argumental contest : cònsachadh, cònspaireachd, cònsoid, deasbud, deasboireachd.
- DISPUTATIOUS**, } *adj.* Cònsachail, cònspoideach,
- DISPUTATIVE**, }
- DISPUTE**, *v. a. et n.* 1. Contend for : cònsaich, cothaich, tagair. 2. question, reason about : cònsaich, reusanaich. 3. contend by argument, altercate : cònsaich, cothaich, bi deasboireachd.
- DISPUTE**, *s.* Cònsachadh, deasbud, deasboireachd.
- DISPUTELESS**, *adj.* Neo-theagmhach, gun cheist.
- DISPUTER**, *s.* See Disputant.
- DISPUTING**, *s.* Cònsachadh, cònsoid, deasbud, deasboireachd.
- DISQUALIFICATION**, *s.* Neo-chomas, mi-mhurrachas.
- DISQUALIFY**, *v. a.* Dean-neo-chomasach, dean mi-mhurrach.
- DISQUIET**, *s.* An-shocair, mi-shuaimhneas, iomaguin, buaireas, neo-fhoisneachd, eislean.
- DISQUIET**, *adj.* An-shocrach, mi-shuaimhneach, iomaguineach, neo-fhoisneach.
- DISQUIET**, *v. a.* Buair, trioblaidich, cuir dragh air.
- DISQUIETER**, *s.* Buairleadair, fear-trioblaidheachaidh.
- DISQUIETFUL**, *adj.* Mi-shuaimhneach, neo-fhoisneach, buaireasach.
- DISQUIETING**, *s.* Mi-shuaimhneas, buaireas, an-shocair.
- DISQUIETLY**, *adv.* See Disquiet, *adj.*
- DISQUIETNESS**, }
- DISQUIETUDE**, }
- DISQUISITION**, *s.* Rannsachadh, ceasnachadh, sgrùdadh, deuchainn, deasboireachd.
- DISREGARD**, *s.* Dìmeas, mi-mheas, neo shuimealachd, tarcuis, neo-thoirt.
- DISREGARD**, *v. a.* Tarcuisich, dean dìmeas air.
- DISREGARDER**, *s.* Fear-tarcuiseachaidh.
- DISREGARDFUL**, *adj.* Tarcuiseach, neo-shuimeil, neo-thoirteil.
- DISREGARDFULLY**, *adv.* See Disregardful.
- DISRELISH**, *s.* Anablas, an-déistinn.
- DISRELISH**, *v. a.* 1. Make nauseous, infect with an unpleasant taste : sgreamhaich, sgreadaich, gràinich, cuir anablas air, dean an-déistinn. 2. want a taste of, dislike : fuathaich, gabh gràin deth.
- DISREPUTABLE**, *adj.* Neo-mheasail, mi-chliùiteach, tàmailteach, eas-onorach.
- DISREPUTE**, *s.* Mi-chliù, droch-thuairisgeul, droch-ainn, eas-onoir.
- DISRESPECT**, *s.* Eas-urram, tarcuis, tàir, dìmeas.
- DISRESPECT**, *v. a.* Dean dìmeas air, tarcuisich, eas-onoraich.
- DISRESPECTFUL**, *adj.* Eas-urramach, tarcuiseach, dìmeasach, mi-mhodhail.
- DISRESPECTFULLY**, *adv.* See Disrespectful.
- DISROBE**, *v. a.* Thoir a chulaidh dheth, lom, rùisg.
- DISRUPTION**, *s.* 1. The act of breaking asunder : bristeadh, sgàineadh. 2. breach, rent, dilaceration : bristeadh, sracadh, sgàineadh.
- DISSATISFACTION**, *s.* Mi-thoilceachadh, mi-thaitneadh, neo-thoilceachas-inntinn.
- DISSATISFY**, *v. a.* 1. Discontent, displease : mi-

- thoilich. 2. fail to please : mi-thoilich, na riaraich.
- DISSECT**, *v. a.* 1. Cut in pieces : dean corp-shnasaireachd, bloighdich, cuir as a chéile. 2. divide and examine minutely : geàrr, sgrùd, dean mìn-gheàrradh.
- DISSECTION**, *s.* Corp-shnasaireachd, corp-shnasadh.
- DISSECTOR**, *s.* Corp-shnasaire.
- DISSEIZOR**, *s.* Fear-cuir á seilbh.
- DISSEMBLANCE**, *s.* See Dissimilitude.
- DISSEMBLE**, *v. a. et n.* 1. Hide under false appearance : cuir an aimhriochd, folaich, ceil, meall. 2. play the hypocrite, wheedle : leig ort, bi cealgach.
- DISSEMBLER**, *s.* Cealgair, mealltair.
- DISSEMBLING**, *s.* See Dissimulation.
- DISSEMBLINGLY**, *adv.* Gu cealgach, gu meallta, gu cuilbheartach.
- DISSEMINATE**, *v. a.* Sgaoil, iom-sgaoil, craobh-sgaoil, sgap.
- DISSEMINATION**, *s.* Sgaoileadh, iom-sgaoileadh, craobh-sgaoileadh, sgapadh.
- DISSEMINATOR**, *s.* Fear-craobh-sgaoilidh.
- DISSENSION**, *s.* Eas-aont, aimhreit, ceannairc, mi-chòrdadh.
- DISSENSIOUS**, *adj.* Eas-aontach, aimhreiteach, ceannairceach.
- DISSENT**, *v. n.* 1. Disagree in opinion : eas-aontaich, bi air chaochladh barail, mi-chòrd. 2. differ, be of a contrary nature : eas-aontaich mi-chòrd, na coimh-fhreagair an gnè. 3. differ from the established church : sgar, dealaich.
- DISSENT**, *s.* Eas-aontachadh, dealachadh, caochladh barail.
- DISSIDENT**, *s.* Cur an céill mùthadh baralach.
- DISSIDENT**, *v. n.* Còrsaich, cothaich.
- DISSERTATION**, *s.* Òraid, searmon, ùr-sgeul.
- DISSERVE**, *v. a.* Ciùrr, dean call do, dochainn.
- DISSERVICEABLE**, *adj.* Caillteach, cronail.
- DISSEVER**, *v. a.* See Sever.
- DISSEVERING**, *s.* Sgaradh, eadar-sgaradh, eadar-dhealachadh.
- DISSIDENCE**, *s.* Eas-aont, eas-aontachadh, mi-chòrdadh.
- DISSIDENT**, *adj.* Eas-aontach, neo-fhreagarrach.
- DISSILIENCE**, *s.* Leum o chéile, sgagadh.
- DISSILIENT**, *adj.* Leumnach, sgagach, sgoltach.
- DISSIMILAR**, *adj.* Neo-choslach, eu-coltach, eu-cosmhuil.
- DISSIMILARITY**, *s.* Neo-choslachd, eu-coltas, eu-cosmhalachd.
- DISSIMILE**, *s.* Coimeas nìthean neo-fhreagarrach.
- DISSIMILITUDE**, *s.* See Dissimilarity.
- DISSIMULATION**, *s.* Cealgaireachd, gnùis-mhealladh, cluain, cuilbheart, mealltaireachd.
- DISSIPABLE**, *adj.* So-sgaoilidh, so-sgapidh.
- DISSIPATE**, *v. a.* 1. Disperse : sgaoil, sgap, iom-sgaoil. 2. scatter the attention : buair, cuir thar a chéile. 3. spend a fortune : caith, dean ana-caitheamh.
- DISSIPATION**, *s.* 1. The act of dispersion : sgaoileadh, sgapadh, iom-sgaoileadh, ana-caitheamh. 2. the state of being dispersed : sgaoileadh, sgapadh, ana-caitheamh. 3. scattered attention : buaireas, troimh chéile.
- DISSOCIABLE**, *adj.* Neo-chompanta.
- DISSOCIATE**, *v. a.* Sgaoil, eadar-dhealaich, dealaich, sgar.
- DISSOLVABLE**, } *adj.* Leaghach, so leaghaidh.
- DISSOLUBLE**, }
- DISSOLVE**, *v. a. et n.* 1. Melt : leagh. 2. break, disunite in any manner : bris, sgaoil, cuir o chéile. 3. loose, break the ties of any thing : fuasgail, sgaoil, cuir fuidh sgaoil. 4. separate persons united : eadar-dhealaich, sgar o chéile. 5. break up assemblies : sgaoil. 6. solve, clear : fuasgail, dean soilleir. 7. be relaxed by pleasure : leagh. 8. be melted : leagh. 9. sink away, fall to nothing : leagh, tuit air falbh.
- DISSOLVENT**, *adj.* Leaghach, a leaghas.
- DISSOLVENT**, } *s.* Rud a nì leaghadh.
- DISSOLVER**, }
- DISSOLUTE**, *adj.* Fuasgailte, macnusach, baoiseach, stròthail, ana-measarra, neo-gheamnuidh.
- DISSOLUTELY**, *adv.* See Dissolute.
- DISSOLUTENESS**, *s.* Fuasgailteachd, stròthalachd, neo-gheamnuidheachd, ana-measarrachd.
- DISSOLUTION**, *s.* 1. The act of liquefying, the state of being liquefied, or liquefactious : leaghadh. 2. destruction of any thing by the separation of its parts : leaghadh, fuasgladh, dol as a chéile. 3. the substance formed by dissolving any body : nì leaghta. 4. death : caochladh, bàs, sgrios, eug. 5. destruction : sgrios. 6. breach or ruin of any thing compacted or united : bristeadh, sgaoileadh, dol as a chéile. 7. the act of breaking up an assembly : sgaoileadh. 8. looseness of manners : fuasgailteachd.
- DISSONANCE**, *s.* Ràsan, ràcaireachd, mi-chòrdadh am fuaim.
- DISSONANT**, *adj.* 1. Harsh, unharmonious : ràsanach, neo-bhinn, searbh. 2. incongruous, disagreeing : neo-fhreagarrach, eas-aontach.
- DISSUADE**, *v. a.* Comhairlich an aghaidh, ath-chomhairlich.
- DISSUADER**, *s.* Comhairliche 'n aghaidh.
- DISSUASION**, } *s.* Earalachadh, toirmeasg, ath-chomhairlicheachd.
- DISSUASIVE**, }
- DISSUASIVE**, *adj.* Earalach, a' comhairleachadh an aghaidh.
- DISSYLLABLE**, *s.* Dà-shioladh, focal dà lideadh.
- DISTAFF**, *s.* Cuigeal.
- DISTAIN**, *v. a.* See Stain, *v. a.*
- DISTANCE**, *s.* 1. Space considered barely in length between any two beings without considering any thing else between them : astar, uidhe. 2. remoteness in place : astar, uidhe, céin. 3. contrariety, opposition : eas-aontachd. 4. space of time : ùine,

seal. 5. remoteness in time either past or future: céin, fad air falbh. 6. ideal distinction: astar, mùthadh. 7. respect, distant behaviour: astar, uidhe, urram, meas. 8. reserve: àite féin.

DISTANCE, *v. a.* 1. Place remotely: cuir fad as. 2. leave behind at a race the length of a distance: fàg, cuir air deireadh.

DISTANT, *adj.* 1. Remote in place: fad, fada, fad air falbh, fad as. 2. remote in time either past or future: céin, fad, fad uaithe. 3. remote to a certain degree: fad. 4. reserved, shy: coimheach, fuaranach, neo-shuibhir. 5. remote in nature, not allied: fad uaithe, neo-dhàimheil. 6. not obvious, not plain: dorcha, doilleir.

DISTASTE, *s.* 1. Aversion of the palate: ana-blas, searbhadh, droch-bhlas, déistinn, gràin. 2. dislike, uneasiness: mi-thoir, gràin, anntlachd. 3. anger, alienation of affection: gràin, fuath, déistinn.

DISTASTE, *v. a.* 1. Fill the mouth with nauseousness or disrelish: searbhach, gràinich, sgreamhach, cuir droch bhlas air. 2. dislike, loath: fuathach, gabh gràin deth. 3. offend, disgust: dean diombach, gràinich. 4. vex, exasperate, sour: dorranaich, feargaich, cuir gràin air. 5. make distasteful: searbhach, cuir droch bhlas air.

DISTASTEFUL, *adj.* 1. Nauseous to the palate, disgusting: mi-bhlasda, neo-bhlasda, searbh. 2. offensive, unpleasing: neo-thaitneach, fuathach. 3. malignant, malevolent: fiadhaich, droch-mheinneach, droch-inntinneach.

DISTASTEFULNESS, *s.* Gairge, neo-bhlasdachd, searbhachd.

 EMPHATICAL, } làidir, neartmhor. 2. striking the
 sight : làidir.
 EMPIERCE, *v. a.* Troimh-lot, torchuir, sàth, bior.
 EMPIRE, *s.* 1. Imperial power, supreme dominion :
 uachdranachd, mòr-chumbachd. 2. the region
 over which dominion is extended : mòr rìoghachd.
 EMPIRIC, *s.* Léigh gun eòlas.
 EMPIRIC, } *adj.* Deuchainneach, teagamhach, a'
 EMPIRICAL, } toirt dheuchainnean.
 EMPIRICALLY, *adv.* See Empirical.
 EMPIRICISM, *s.* See Quackery.
 ENPLASTER, *v. a.* Cuir plàsd' air.
 ENPLASTIC, *adj.* Glaodhach, plàsdach, rìghinn.
 EMPLOY, *v. a.* 1. Busy, keep at work, exercise :
 thoir obair do, oibrich, gnàthaich. 2. use as an
 instrument : gnàthaich, cleachd. 3. commission :
 thoir comas do. 4. fill up with business : lion le
 gnothaichean.
 EMPLOY, *s.* See Employment.
 EMPLOYER, *s.* Fear toirt oibre.
 EMPLOYMENT, *s.* 1. Business, object of industry :
 gnothach, obair. 2. business, the state of being
 employed : dèanamh. 3. office, post of business :
 dreuchd, cèaird. 4. business intrusted : gnoth-
 ach.
 EMPOISON, *v. a.* See Poison, *v. a.*
 EMPOISONER, *s.* Fear-puinsionachaidh.
 EMPOISONMENT, *s.* Puinsionachadh.
 EMPORIUM, *s.* Baile-margaidh, margadh.

EMPOVERISH, *v. a.* Dean bochd, dean ainnis, thoir gu aimbeart.
ENPOVERISHER, *s.* Fear-deanaimh bochd.
EMPOVERISHMENT, *s.* Aimbeart, bochduinn.
EMPOWER, *v. a.* 1. Authorize, commission: thoir comas, thoir ùghdarras, thoir barantas. 2. give natural force, enable: dean comasach, thoir comas.
EMPRESS, *s.* Ban mhòr-rìgh, ban-rìgh.
EMPTIER, *s.* Fear-deanaimh falamh.
EMPTINESS, *s.* 1. Absence of plenitude: falaimhead. 2. a void space: àite falamh. 3. want of substance, or solidity: falaimhead. 4. unsatisfactoriness: falaimhead. 5. vacuity of head, want of knowledge: falaimhead, aineolas.
EMPTY, *adj.* 1. Void, having nothing in it: falamh. 2. evacuated, no longer full: falamh, fàs, faoin. 3. devoid, unfurnished: falamh, easbhuidheach. 4. unsatisfactory, unable to fill the mind or desires: falamh, neo-choimhionta. 5. hungry: oc-rach. 6. vacant of head, ignorant: aineolach. 7. unfruitful, barren: neo-thorrach, seasg. 8. wanting substance, vain: faoin, gun bhrìgh.
EMPTY, *v. a. et n.* 1. Evacuate, exhaust: falmh-aich tràigh. 2. become empty: fàs falamh, tràigh.
EMPURPLE, *v. a.* Dath dearg.
EMPUZZLE, *v. a.* Cuir an imcheist, cuir am breathal.
EMPYREAL, *adj.* Nèamhaidh, adharail.
EMPYREAN, *s.* Flaitheanas, na nèamhan a 's àirde.
EMPYREUM, } *s.* Bràth-losgadh.
EMPYREUMA, }
EMPYROSIS, *s.* Comh-losgadh.
EMULATE, *v. a.* 1. Rival: dean comh-fharpais, dean comh-strì, dean strì. 2. be equal to, rise in equality with: dean comh-fharpais, dean comh-ortas. 3. imitate, copy, resemble: lean cleachdadh neach.
EMULATION, *s.* 1. Rivalry, desire of superiority: comh-fharpais, comh-ortas, strì, spàirn comh-dheuchainn. 2. envy, desire of depressing another: comh-fharpais, farmad, eud, comh-strì.
EMULATIVE, *adj.* Comh-fharpaiseach, eudmhor.
EMULATOR, *s.* Comhlannach fear comh-strì.
EMULGE, *v. a.* Bleagh, leig.
EMULGENT, *adj.* A' bleoghan.
EMULOUS, *adj.* 1. Rivaling, engaged in competition: comh-fharpaiseach, eudmhor. 2. factious, contentious: comh-stritheach, comh-fharpaiseach.
EMULOUSLY, *adv.* See Emulous.
EMUSCATION, *s.* Glanadh o mhòinteach.
ENABLE, *v. a.* Dean comasach, thoir comas, neartaich.
ENACT, *v. a.* Daingnich, òrduich, comh-shuidhich, àithn, reachdaich.
ENACT, *s.* Rùn, reachd, òrdugh.
ENACTOR, *s.* Reachadair.
ENAMEL, *v. a. et n.* 1. Inlay, variegated with colours: dealtraich, tarruing dealbh an. 2. practise the use of enamel: bi dealtradh.
ENAMOUR, *v. a.* Gràdhaich, cuir an gaol.
ENARRATION, *s.* See Explanation.
ENATATION, *s.* Snàmh.
ENCAGE, *v. a.* Cuir an cuing, cròidh.

ENCAMP, *v. a. et n.* 1. Form an army into a regular camp: campaich. 2. pitch tents: campaich.
ENCAMPING, *s.* Campachadh, leagail campa.
ENCAMPMENT, *s.* 1. The act of encamping, or pitching camps: campachadh. 2. a camp: camp, campa.
ENCASE, *v. a.* Dùin am bocsa.
ENCAVE, *v. a.* Foluich an uamhaibh.
ENCHAFE, *v. a.* Feargaich, eargnaich, brosnuich.
ENCHAIN, *v. a.* 1. Fasten with a chain: ceangail air slabhraidh. 2. link together, concatenate: comh-chuibhricht.
ENCHANT, *v. a.* 1. Give efficacy to any thing by songs, or sorcery: cuir fuidh gheasaibh, cuir buits-eachd air. 2. delight in a high degree: dean ro-shòlasach.
ENCHANTER, *s.* Geasadair, druidh, buitseach.
ENCHANTINGLY, *adv.* Le cumhachd druidheachd.
ENCHANTMENT, *s.* 1. Magical charms: geasadair-eachd, druidheachd, buitseachd. 2. irresistible influence, overpowering delight: àrd-shòlas, mòraoibhneas.
ENCHANTRESS, *s.* 1. A sorceress: buitseach, ban-fhiosaich. 2. a woman whose beauty, or excellencies give irresistible influence: té mheallaidh gràidh, maise innà.
ENCHASE, *v. a.* 1. Infit: dùin mu 'n cuairt, ceangail a stigh. 2. engrave: grabhal.
ENCIRCLE, *v. a.* Cuairtich, iomdhruid.
ENCIRCLE, *s.* Cuairt, fàinne.
ENCLOISTER, *v. a.* Dùin an tigh chailleacha dubha.
ENCLOSE, *v. a.* 1. Part from things, or grounds common, by a fence: dùin. 2. environ, encircle, surround: dùin, cuairtich, iomdhruid.
ENCLOSER, *s.* Fear-iomdhruidh.
ENCLOSURE, *s.* 1. The act of enclosing, or environing any thing: dùnadh, iathadh mu, cuartachadh, iomdhruideadh. 3. space enclosed: dùnadh, lann.
ENCOMIAST, *s.* Fear molaidh.
ENCOMIASTIC, } *adj.* Moltach.
ENCOMIASTICAL, }
ENCOMIUM, *s.* Moladh, cliù.
ENCOMPASS, *v. a.* 1. Enclose, encircle: dùin, iomdhruid. 2. shut in, surround, environ: dùin, iomdhruid, cuir an lann. 3. go round any place: cuairtich, iadh mu.
ENCOMPASSMENT, *s.* Cuartachadh, dol mu 'n cuairt, iadhadh.
ENCORE, *adv.* A rìs, uair eile.
ENCOUNTER, *s.* 1. Duel, single fight, conflict: còmhlan comhrag-deise, còmhrag. 2. battle, fight in which enemies rush against each other: cath, còmhrag. 3. eager and warm conversation either of love, or anger: dian chòmhradh. 4. accidental congress: coinneamh, còdhail. 5. accosting, transient, or unexpected address: tachairt, coinneamh.
ENCOUNTER, *v. a. et n.* 1. Meet face to face, front: coinnich, cuir aghaidh ri aghaidh. 2. meet in a hostile manner, rush against in conflict: buail air còmhrag, tachair air, cuir aghaidh ri aghaidh. 3. meet with reciprocal kindness: tachair, thoir coinneamh do, coinnich. 4. oppose, oppugn: cuir an

- aghaidh. 5. meet by accident : tachair. 6. rush together in a hostile manner, conflict : cog, bi cath, tachair an cath. 7. meet face to face : coinnich.
- ENCOUNTERER, *s.* Comhlannach, nàmhaid.
- ENCOURAGE, *v. a.* 1. Animate, incite to any thing : misnich, broснаich, beothaich. 2. give courage to, support, embolden : thoir misneach do, cuir misneach ann.
- ENCOURAGEMENT, *s.* 1. Incitement to any action, or practice, incentive : misneach, brosnachadh. 2. favour, countenance, support : misneach, fàbhar, còmhnaidh, taobh.
- ENCOURAGER, *s.* Fear-misneachaidh.
- ENCRIPSED, *adj.* Camagach, dualach, fainneach.
- ENCROACH, *v. a. et n.* 1. Make invasions upon the right of another : thig air a chrìch, ionghabh. 2. advance gradually and by stealth, upon that to which one has no right : thig thar a crìch gun fhios. 3. pass bounds : rach thar a crìch.
- ENCROACHER, *s.* Fear gabhail gum-i-laghail, fear leamh.
- ENCROACHMENT, *s.* Gabhaltas, ionghabhail.
- ENCUMBER, *v. a.* 1. Clog, load, impede : luchdaich, grab, cuir trom air. 2. entangle, embarrass, obstruct : grab, bac, amail, cuir éir' air.
- ENCUMBRANCE, *s.* 1. Clog, load, impediment : cud-throm, trom, uallach, eallach, éire, amladh, grabadh. 2. excrescence, useless addition : uallach, eallach.
- ENCYCLOPEDIA, } *s.* Uile-fhoghlum, eòlas gach ni.
ENCYCLOPEDIA, }
- ENCYCLOPEDIIST, *s.* Fear-cruinneachaidh leabhraichean uile fhoghlum.
- ENCYSTED, *adj.* Ann am balg.
- END, *s.* 1. Extremity, or last part in general : deireadh, crìoch, finid. 2. the last particle of any assignable duration : crìoch, deireadh. 3. the conclusion, or last part of any thing : deireadh, crìoch, ceann. 4. final determination, conclusion of debate, or deliberation : deireadh, comh-dhùnadh. 5. death, decease : crìoch, bàs. 6. cessation, period : deircadh, crìoch. 7. abolition, total loss : crìoch, tilgeadh bun os ceann. 8. consequence, conclusive event : crìoch, deireadh, comh-dhùnadh.
- END, *v. a. et n.* 1. Terminate, conclude, finish : crìochnaich, cuir crìoch air, thoir gu crìch. 2. destroy, put to death : crìochnaich, marbh. 3. come to an end, be finished : thig gu crìch. 4. die : crìochnaich, bàsaich. 5. terminate, conclude : crìochnaich, comh-dhùn. 6. cease, fail : sguir.
- ENDAMAGE, *v. a.* Dochainn, mill, ciùrr.
- ENDAMAGING, *s.* Call, milleadh, dolaidh, dochann ciùrradh.
- ENDANGER, *v. a.* Cunnartaich, cuir an cunnart, cuir am baoghal.
- ENDANGERMENT, *s.* Cunnart, baoghal.
- ENDEAR, *v. a.* 1. Make dear, make beloved : taidh, tàlaidh, tarruing spèis, dean gràdhach. 2. make dear, raise the price of any thing : àrdaich an luach, daoraich.
- ENDEARMENT, *s.* 1. The cause of love, means by which any thing is endeared : ionmhuinneachd, gràdhmhorachd, fàth gaoid, beadradh. 2. the state of being endeared : ionmhuinneachd, gràdhmhorachd.
- ENDEAVOUR, *s.* Oidhirp, deuchainn, dìchioll, ionnsuidh, saothair.
- ENDEAVOUR, *v. a. et n.* 1. Attempt, essay : oidhirpich thoir deuchainn, dean dìchioll. 2. labour to a certain purpose, work for a certain end : thoir oidhirp, feuch ri.
- ENDEAVOURER, *s.* Fear-deuchainn.
- ENDENIZE, *v. a.* See Enfranchise.
- ENDER, *s.* Fear-crìochnachaidh.
- ENDING, *s.* 1. Conclusion, consequence : crìoch, comh-dhùnadh. 2. termination of life : crìoch, bàs. 3. cessation of any action : crìoch, ceanndeiridh.
- ENDITE, *v. n.* Coimh-dhean.
- ENDITER, *s.* 1. An accuser : casaidiche. 2. a composer, a writer, an author : sgrìobhadair, ùghdair.
- ENDLESS, *adj.* 1. Having no end : neo-chrìochnach, gun cheann. 2. infinite in extent or duration : neo-chrìochnach, maireannach, sìorruidh bith-bhuan. 3. incessant, continual : a ghnàth, sìorruidh.
- ENDLESSLY, *adv.* See Endless.
- ENDLESSNESS, *s.* Maireannachd, maireachduinn, buanas, neo-chrìochnuidheachd, sìorruidheachd.
- ENDLONG, *adv.* Air fhad.
- ENDMOST, *adv.* Aig a cheann a 's faid' as.
- ENDORSE, *v. a.* Cùl-sgrìobh.
- ENDORSEMENT, *s.* 1. Superscription : cùl-sgrìobhadh. 2. the name of a proprietor or endorser of a bill of exchange : ainm fir-boinne. 3. ratification : daingneachadh.
- ENDORSER, *s.* Fear d' am buin a' bhann.
- ENDOW, *v. a.* 1. Enrich with a portion : thoir tochradh, thoir cuibhrionn. 2. supply with any external good : thoir cuibhrionn, beartaich. 3. enrich with any excellence : beartaich, dean saobhir.
- ENDOWER, *s.* Fear-buileachaidh cuibhrionn.
- ENDOWMENT, *s.* 1. Wealth bestowed to any person or use : saobhbreas, beartas, tiodhlac airgid. 2. the bestowing or assuring a dower : tochradh. 3. gifts of nature : feart, càil, tuigse, eòlas.
- ENDUE, *v. a.* Tiodhlaic, bàrig, builich.
- ENDRUDGE, *v. a.* Dean tàrlaid dheth.
- ENDURANCE, *s.* 1. Continuance : maireannachd, buanas. 2. patience, sufferance : foighlidinn, giùlan le. 3. state of suffering : fulang.
- ENDURE, *v. a. et n.* 1. Bear, sustain : fulaing, giùlain. 2. last, remain, continue : mair, fan, fuirich. 3. brook, bear, admit : giùlain le, fulaing.
- ENDURER, *s.* 1. Sustainer : fear-fulaing. 2. continuer, laster : fear a mhaireas.
- ENDWISE, *adv.* Air a cheann, 'n a sheasamh dìreach.
- ENEMY, *s.* 1. A public foe : nàmh, nàmhaid, eas-caraid. 2. a private opponent : nàmhaid, eas-caraid. 3. one who regards another with malevolence : nàmhaid, fear-fuath, fear-diomb. 4. (in theology) the fiend, the devil : nàmhaid, diabol, eas-caraid.
- ENERGETIC, } *adj.* 1. Forcible, strong : làidir,
ENERGETICAL, } neartmhor. 2. operative, active :
gnìomhach, dèanadh.
- ENERGETICALLY, *adv.* See Energetical.
- ENERGY, *s.* 1. Power, force, vigour : comas, neart, spionnadh, tàbhachd. 2. faculty, operation : feart,

lùth. 3. strength of expression : sgairt, spionnadh.
ENERVATE, v. a. Lagaich, meataich.
ENERVATE, adj. Lagaichte, meataichte.
ENERVATION, s. Meatachadh, lagachadh, anmhunnachadh.
ENFEEBLE, v. a. Lagaich, thoir a lùths as, anmhunnach.
ENFEOFF, v. a. Cuir an seilbh, gabh seilbh, tog clach is ùir.
ENFEOFFMENT, s. Gabhail seilbh, togail cloich is ùire, bann-seilbhe.
ENFILADE, s. Cunglach, bealach cumhang.
ENFORCE, v. a. et n. 1. Give strength to : neartaich, thoir spionnadh do, spàrr. 2. make or gain by force : faigh, éignich. 3. instigate, provoke, urge on : spàrr, spreod, stuig. 4. urge with energy : sgàrr, earalaich. 5. compel, constrain : coimh-éignich. 6. attempt by force : oidhirpich. 7. prove, evince : dearbh.
ENFORCEMENT, s. 1. Compulsion : éigneachadh, coimh-éigneachadh. 2. sanction : toil, cead, aont' an uachdarain. 3. urgent evidence : dearbhadh.
ENFORM, v. a. See Fashion.
ENFRANCHISE, v. a. 1. Admit to the privilege of a freeman : dean 'n a shaoranach, thoir seachad da saorsa baile-margaidh. 2. set free from slavery : saor, thoir saorsa do. 3. release from custody : leig saor, fuasgail o chuibhreach.
ENFRANCHISEMENT, s. 1. Investiture of the privileges of a denizen : saorsa baile-margaidh, saorsa. 2. release from prison or from slavery : fuasgladh, saoradh.
ENGAGE v. a. et n. 1. Make liable for a debt to a creditor : gabh os làimh, geall, ceangail, freagair air son. 2. impawn, stake : cuir an geall, cuir air son. 3. enlist : fasdaidh, ceangail ri. 4. embark in an affair : gabh gnothach ri. 5. induce, win : coisinn, meall, tàlaidh, tataidh. 6. bind by an appointment : ceangail. 7. employ, hold in business : cuir an gnìomh. 8. encounter, fight : cath. 9. conflict, fight : cog. 10. embark in any business : gabh gnothach os làimh.
ENGAGEMENT, s. 1. Obligation : gabhail os làimh, gealladh, cùmhnant. 2. adherence to a party or cause : ceangal, aonadh. 3. employment of the attention : beachdachadh. 4. fight, conflict, battle : cath, còmhrag, blàr.
ENGAGINGLY, adv. Air mhodh tàlaidh.
ENGAOI, v. a. Priosanaich, dùin a stigh.
ENGARRISON, v. a. Dian le daingneach.
ENGENDER, v. a. et n. 1. Beget between different sexes : gin. 2. produce, form : gin, dealbh, cum. 3. excite, cause, produce : thoir a mach, gin. 4. bring forth : beir. 5. be caused, be produced : bi gintinn.
ENGENDERER, s. Fear-gintinn, fear-gineamhuinn.
ENGINE, s. Inneal, uidheam, beart.
ENGINEER, s. 1. One who manages engines : fear-seòlaidh inneal, innleachdair. 2. a maker of engines : fear-dèanaimh innealan.
ENGINERY, s. 1. The art of managing artillery : gunnaireachd. 2. artillery : gunnathan mòra. 3. any device or contrivance : innleachd.

ENGIRD, } v. a. Iomdhruid, iadh, teannaich, crios-
ENGIRT, } laich.
ENGLAND, s. Sasunn.
ENGLISH, adj. Sasunnach.
ENGLISH, s. 1. The people of England : Sasunnach. 2. the language of England : Beurla.
ENGLISH, v. a. Eadar-theangaich gu Beurla.
ENGLUT, v. a. See Glut.
ENGORGE, v. a. et n. 1. Swallow, devour, gorge : sluig, glam, glut. 2. devour, feed with eagerness and voracity : glut, glam.
ENGRAFTED, adj. Suidhichte, air a leagadh ann.
ENGRAIN, v. a. Dath trom.
ENGRAPPLE, v. n. Teann-ghlac, greimich, theirig an casgairt dhòrn.
ENGRASP, v. a. Teann-ghlac, gramaich, greimich.
ENGRAVE, v. a. 1. Picture of incisions in any matter : grabhal. 2. mark wood or stone : gearr, grabhail, snaidh. 3. impress deeply, imprint : cuir ail' ann, spàrr air. 4. bury : adhlaic.
ENGRAVER, s. Grabhaltaich.
ENGRAVING, s. 1. The work of an engraver : grabhaladh, gcarradh. 2. the art of engraving : grabhaladh.
ENGROSS, v. a. 1. Thicken, make thick : tiughach, dean dòmhail. 2. increase in bulk : dean dòmhail, dean tomadach, meudaich. 3. fatten, plump up : dean reambar. 4. seize in the gross, seize the whole of any thing : glac chugad an t-iomlan. 5. purchase any commodity for the sake of selling at a high price : ceannaich an t-iomlan. 6. copy in a large hand : dean ath-sgrìobhadh garbh.
ENGROSSER, s. Fear ceannaich an iomlan.
ENGROSSING, } s. Ceannach an iomlan.
ENGROSSMENT, }
ENGULF, v. a. Tilg an geotha.
ENHANCE, v. a. 1. Raise, advance, heighten in price : àrdaich, tog an luach. 3. raise in esteem : cuir barrachd meas air, àrdaich. 3. aggravate, increase : meudaich, an-tromaich.
ENHANCEMENT, s. 1. Increase, augmentation of value : àrdachadh, togail. 2. aggravation, increase of ill : an-tromachadh.
ENHANCER, s. Fear-meudachaidh luach.
ENIGMA, s. Tòimhseachan, tòimhseagan, dubh-fhocal.
ENIGMATICAL, adj. Tòimhseachanach, dorch, teag-anthach, doilleir.
ENIGMATICALY, adv. See Enigmatical.
ENIGMATIST, s. Fear-thòimhseagan.
ENJOIN, v. a. Òrduich, àithn, iarr, earalaich.
ENJOINER, s. Fear-òrduchaidh.
ENJOINMENT, s. Òrduich, seòladh, àithne.
ENJOY, v. a. et n. 1. Feel or perceive with pleasure : meal, gabh tlachd ann. 2. obtain possession or fruition of : meal, scalbhaich. 3. please, gladden : taitinn, toilich. 4. live in happiness : bì, sona.
ENJOYER, s. Fear-seilbh.
ENJOYMENT, s. Toil-intinn, mealtuinn, sonas.
ENKINDLE, v. a. 1. Set on fire, inflame : fadaidh, las, beothaich, cuir 'n a theine. 2. incite to any act or hope : dùisg, brosaich.
ENLARD, v. a. Buaic.

- ENLARGE, v. a. et n.** 1. Make greater in quantity or appearance : meudaich, leudaich. 2. exaggerate, aibheisich. 3. dilate, expand : leudaich, cuir am farsuingeachd. 6. amplify : meudaich, àrd- aich. 5. release from confinement : saor, cuir fuidh sgaoil. 6. diffuse in eloquence : leudaich. 7. expatiate, speak in many words : leudaich, bi bith-bhriathrach.
- ENLARGEMENT, s.** 1. Increase, augmentation : meudachd, meudachadh, farsuingeachd, piseach. 2. release from confinement or servitude : fuasgladh, saoradh. 3. magnifying representation : aibheiseachadh. 4. expatiating speech ; leudachadh.
- ENLARGER, s.** Fear-meudachaidh.
- ENLARGING, s.** Farsuingeachd, meudachd.
- ENLIGHTEN, v. a.** 1. Illuminate, supply with light : soillsich, soilleirich, thoir fradharc. 2. instruct, furnish with increase of knowledge : oil, teagaisg, ionnsaich, soilleirich, soillsich. 3. cheer, exhilarate, gladden : beothaich, cuir dheth smalan.
- ENLIGHTENER, s.** Fear-soillseachaidh.
- ENLINK, v. a.** Ceangail, cuir an gcamhail.
- ENLIVEN, v. a.** 1. Make quick, make alive, animate : beothaich, misnich. 2. make sprightly or vivacious : cuir dheth smalan, beothaich, cuir sunnd fuidhe.
- ENLIVENER, s.** Fear-beothachaidh.
- ENLIVENING, s.** Beothachadh.
- ENMITY, s.** 1. Unfriendly disposition, malevolence : naimhdeas, mì-rùn, gamhlas, fuath. 2. state of opposition : naimhdeas. 3. malice, mischievous attempts : mì-rùn, fuath.
- ENNOBLE, v. a.** 1. Raise from commonalty to nobility : uaislich, àrd- aich, cuir an àireamh nam maith- ean, no, nam fhath. 2. dignify, aggrandise : àrd- aich, dean urramach. 3. make famous or illustrious : dèan ainmeil, dèan cliùiteach.
- ENNOBLEMENT, s.** 1. The act of raising to the rank of nobility : uaisleachadh, àrdachadh. 2. exaltation, elevation : àrdachadh, togail an urram.
- ENNUI, s.** Cianalas, airtneal, fadal.
- ENOBATION, s.** Fuasgladh snaime.
- ENORMITY, s.** 1. Irregularity : mi-riaghailteachd, anabarrachd, uamhasachd. 2. deviation from right, depravity : gràinealachd, déistinn. 3. atrocious crime : gràinealachd, uamharrachd, aingidheachd.
- ENORMOUS, adj.** 1. Irregular : mi-riaghailteach. 2. wicked beyond the common measure : déistinneach, aingidh. 3. exceeding in bulk the common measure : anabarrach, uamhasach, fuathasach.
- ENORMOUSLY, adv.** See Enormous.
- ENOUGH, adj.** Leòr,
- ENOUGH, s.** Leòr, pailteas.
- ENOUGH, adv.** Gu leòr.
- EN PASSANT, adv.** 'S an dol seachad.
- ENQUIRE, v. a.** See Inquire.
- ENRAGE, v. a.** Feargaich, eargnaich, broснаich, cuir corruich air.
- ENRANGE, v. a.** See Range, v. a.
- ENRANK, v. a.** Sreathaich, cuir an òrdugh.
- ENRAPTURE, v. a.** Dean ro-aoibhneach, dean ro-ait.
- ENRAVISH, v. a.** Cuir a leum le aoibhneas.
- ENRAVISHMENT, s.** Aoibhneas mòr.
- ENRICH, v. a.** 1. Make wealthy, make opulent : beartaich, dean beartach, saoihbhrich. 2. fertilize, make fruitful : mathaich, leasaich. 3. store : trus, cruinnich.
- ENRICHMENT, s.** 1. Augmentation of wealth : saoihbheas, beartas. 2. amplification, improvement by addition : trusadh, cruinneachadh.
- ENRING, v. a.** Dean cuairt cheangal.
- ENRIPEN, v. a.** See Ripen.
- ENROBE, v. a.** Sgeadaich, éid, còmhdach.
- ENROL, v. a.** 1. Insert in a roll, list or register : sgrìobh sìos, ainmich, cuir an leabhar ainmean. 2. record, leave in writing : cuir sìos, sgrìobh sìos. 3. involve, inwrap, fill : paisg, cuairsg, rol.
- ENROLLER, s.** Fear sgrìobhaidh an ainm-chlàr.
- ENROLMENT, s.** Ainm-chlàr.
- ENROOT, v. a.** Bunaich, freumhaich.
- ENROUND, v. a.** Cuairtich.
- ENSANGUINE, v. a.** Dath le fuil.
- ENSCONCE, v. a.** Daingnich, didinn.
- ENSEAM, v. a.** Fuaigh.
- ENSEAR, v. a.** Loisg le iarunn, loisg.
- ENSHIELD, v. a.** Dion le sgéith.
- ENSHRINE, v. a.** Taisg gu cùramach, cuir an naomh- thasgadh.
- ENSIFORM, adj.** Claidheamhail.
- ENSIGN, s.** 1. The flag or standard of a regiment : bratach, meirghe, suaicheantas. 2. any signal to assemble : bratach, suaicheantas. 3. mark of distinction : suaicheantas. 4. the officer of foot who carries the flag : fear brataich.
- ENSIGNCY, s.** Inbhe fir brataich.
- ENSLAVE, v. a.** 1. Reduce to servitude : dean 'n a thràill, thoir gu tràillealachd, thoir am bruid. 2. make over to another as his slave, or bondman : thoir mar thràill, reic fò dhaorsa.
- ENSLAVEMENT, s.** Tràillealachd, daorsa.
- ENSLAVER, s.** Fear-toirt am bruid, fear-deanaimh thràillean.
- ENSUE, v. a. et n.** 1. Follow, pursue : lean. 2. follow as a consequence to premises ; lean, thig an lorg, bi leanmhuinn, sruth. 3. succeed in a train of events, or course of time : lean, thig an lorg.
- ENSURANCE, } s. Urras cunnairt, fear-deanaimh cinnt-**
ENSURER, } each.
- ENTABLATURE, } s. Barr'-bhailc.**
ENTABLEMENT, }
- ENTAIL, v. a.** Cuir fuidh chòir dhligheach.
- ENTAIL, s.** 1. The estate entailed, or settled, with regard to the rule of its descent : suidheachadh seilbh oighreachd. 2. the rule of descent settled for any estate : riaghailt seilbh oighreachd.
- ENTAME, v. a.** Callaich, dean soirbh.
- ENTANGLE, v. a.** 1. Ensnare with something not easily extricable : rib, amail, glac an lion. 2. twist in such a manner as that a separation cannot easily be made : aimhreitich, cuir thar a chéile. 3. involve in difficulties, embarrass : amail, rib, cuir an imcheist. 4. puzzle, bewilder : rib, cuir 'n a bhreislich. 5. distract with a variety of cares : rib, cuir an sàs.
- ENTANGLEMENT, s.** 1. Involution of any thing in-

- tricate or adhesive : ribeadh, amladh, buaradh. 2. perplexity, puzzle : ribeadh, imcheist.
- ENTANGLER, s.** Fear-ribidh.
- ENTER, v. a. et n.** 1. Go on, come into any place : intrig, rach a steach. 2. initiate in a business, method, or society : tòisich gnothach. 3. introduce, or admit into any counsel : rach a steach. 4. set down in writing : cuir a sìos. 5. come in, go in : rach a steach. 2. engage in, or be initiated in : tòisich.
- ENTERER, s.** Fear-tòiseachaidh.
- ENTERING, s.** Dol a steach, inntreachduinn.
- ENTERPRISE, s.** Guais-bheart, deuchainn, oidhirp mhisneachail.
- ENTERPRISE, v. a.** Feuch ri, thoir ionnsuidh, thoir deuchainn.
- ENTERPRISER, s.** Fear guais-bheartach.
- ENTERTAIN, v. a.** 1. Converse with, talk with : comh-labhair, cùm còmhradh ri. 2. treat at the table : thoir cuirm, dean biatachd. 3. receive hospitably : thoir aoidheachd. 4. keep in one's service : cum. 5. keep, or reserve in the mind : rùnaich. 6. please, amuse, divert : toilich, taitinn. 7. admit : gabh ri.
- ENTERTAINER, s.** Biadhtach, fear fial, fear-toirt taitneis.
- ENTERTAINMENT, s.** 1. Conversation : còmhradh, comh-labhairt. 2. treatment at the table : aoidheachd, biatachd, cuirm, fleagh. 3. hospitable reception : aoidheachd biatachd. 4. reception, admission : gabhail ri. 5. amusement, diversion : fearas-chuideachd, fala dhà, ealaidh.
- ENTHRILL, v. a.** Bior, troimh-lot.
- ENTHRONE, v. a.** Cuir air rìgh chathair, cuir air a chrùn, àrdaich.
- ENTHUSIASM, s.** 1. A vain belief of private revelation : baoth-chreidimh. 2. heat of imagination : teas-inntinn, dealas. 3. elevation of fancy : àrd-inntinn.
- ENTHUSIAST, s.** 1. One who vainly imagines himself to have intercourse with God : fear baoth-chreidimh. 2. one of a hot imagination, or violent passion : fear dealasach.
- ENTHUSIASTIC, } adj.** 1. Persuaded of some communication with the Deity :
ENTHUSIASTICAL, } baoth-chreidmheach. 2. vehemently hot in any cause : dealasach, dian. 3. elevated in fancy : àrd-inntinneach.
- ENTICE, v. a.** Meall, tàlaidh, tataidh, breug, buair, thoir a thaobh.
- ENTICEMENT, s.** 1. The act or practice of alluring to ill : mealladh, tàladh, breugadh, boaircadh. 2. the means by which one is allured to ill : mealladh, culaidh-mheallaidh.
- ENTICER, s.** Fear-tàlaidh, buaireadair, mealltair.
- ENTICING, s.** Mealladh, tàladh, tataidh.
- ENTICINGLY, adv.** Gu mcalltach, air mhodh tàlaidh.
- ENTIRE, adj.** 1. Whole, undivided : iomlan, coimhlionta. 2. unbroken : iomlan, slàn, uile. 3. full, complete : iomlan, coimhlionta, slàn, làn. 4. firm, sure, solid : daingean, cinnteach, neo-glhuasdach. 5. unmingled, unalloyed : neo-mheasgta, neo-thruaillte. 6. honest, firm, faithful : dìreach, dileas, seasmhach. 7. in full strength : ùr, iomlan.
- ENTIRENESS, s.** 1. Completeness : iomlanachd, coimhliontachd. 2. honesty, integrity : ionracas, treibhdhireas.
- ENTITLE, v. a.** 1. Grace or dignify with a title, or honourable appellation : urramaich, thoir tìodal do. 2. give a discriminative appellation : ainmich. 3. superscribe, or prefix as a title : sgrìobh tìodal. 4. give a claim to any thing : thoir coir do.
- ENTITY, s.** Bith.
- ENTOIL, v. a.** Glac an ribe.
- ENTOMB, v. a.** Cuir 's an uaigh, adhlac, tìodhlac.
- ENTRAILS, s.** Mionach, greallach, caolain.
- ENTRAMMELLED, adj.** Cuairsgeach, camagach.
- ENTRANCE, s.** 1. The power of entering into a place : comas dol a steach, leigeadh a steach. 2. the act of entering : dol a steach. 3. the passage by which a place is entered : slighe dhol a steach. 4. initiation, commencement : tionnsgnadh, tòiseachadh. 5. intellectual ingress : eòlas. 6. the act of taking possession of an office : gabhail seilbh.
- ENTRANCE, v. a.** Cuir am paisean, rach an neul, giùlain an inntinn o ùibh fairsinneach.
- ENTRAP, v. a.** 1. Ensnare : rib, glac, cuir an sàs, painntirich. 2. take advantage of : gabh cothrom air.
- ENTREAT, v. a. et n.** 1. Petition, solicit, impertune : guidh, asluich, grios, achuingich, iarr. 2. prevail upon by solicitation : faigh le achuinge. 3. treat well or ill : grèidh, buin ri, càirich. 4. make a petition : dean achuinge.
- ENTREATER, s.** Fear-achuing', fear-guidhe.
- ENTREATY, s.** Guidhe, achuinge, iarrtas.
- ENTRY, s.** 1. The passage by which any one enters a house : dorus. 2. the act of entrance : dol a steach. 3. the act of taking possession of an estate : gabhail seilbh. 4. the act of setting down in writing : cur a sìos. 5. the act of entering publicly into any city : dol a steach.
- ENTWIST, v. a.** Toinn.
- ENVELOPE, v. a.** 1. Inwrap, cover : fill, paisg, còmhdaich. 2. cover, hide, surround : còmhdaich, foluich, cuairtich. 3. line : lìnig.
- ENVELOPE, s.** Pasgadh, còmhdaich.
- ENVELOPEMENT, s.** Amladh, grabadh, imcheist.
- ENVENOM, v. a.** 1. Taint with poison : puinsionaich. 2. make odious : duaichnich, truaill. 3. enrage, exasperate : feargaich, cuir air boile.
- ENVIABLE, adj.** Farnadach.
- ENVIER, s.** Fear-fuath, fear-mì-ruin.
- ENVIOUS, adj.** Farnadach.
- ENVIOUSLY, adv.** See Envious.
- ENVIRON, v. a.** 1. Surround, encompass, encircle : cuairtich, iomdhruid, iadh mu. 2. involve, envelope : timchiollaich, cuairtich. 2. besiege, hem in : iomdruid, cuairtich.
- ENVIRONS, s.** Ionadan mu 'n cuairt, coimhearsnachd.
- ENUMERATE, v. a.** Cunnt, àireamh.
- ENUMERATION, s.** Cunntas, àireamh.
- ENUMERATIVE, adj.** Àireamhach.
- ENUNCIATE, v. a.** Cuir an céill, innis, aithris, gairn, foillsich.

ENUNCIATION, *s.* 1. Declaration: aithris, nochdadh, cur an céill. 2. intelligence, information: innseadh, fios. 3. expression in writing: sgrìobhadh, briathran sgrìobhta. 4. manner of utterance: modh labhairt.

ENUNCIATIVE, *adv.* Aithriseach, a' cur an céill.

ENUNCIATIVELY, *adv.* See Enunciative.

ENVOY, *s.* 1. A public minister sent from one power to another: teachdaire rìgh. 2. a messenger: teachdaire.

ENVY, *v. a. et n.* 1. Hate another for excellence, happiness, or success: gabh farmad fì. 2. grudge, impart unwillingly: maoidh. 3. feel envy: bi farmadach.

ENVY, *s.* 1. Pain felt, and malignity conceived at the sight of excellence, or happiness: farmad. 2. rivalry, competition: farmad, comh-stri, comh-fharpais. 3. malice, malignity: gamhlas, tnù, mi-rùn. 4. public odium: fuath, droch-mheas, droch cliù.

ENVYING, *s.* Farmad.

ENWOMB, *v. a.* 1. Make pregnant: torraich, dèan torrach. 2. bury, hide as in the womb: folaich.

EPACT, *s.* Aireamh leis am faighear aois na gealaich.

EPAULEMENT, *s.* Beinge thalmhaim.

EPAULET, *s.* Babag gualainn.

EPHA, *s.* Ephah.

EPHEMERA, *s.* 1. A fever that terminates in one day: teasach, no fiabhrus nach mair ach aon latha. 2. an insect that lives only one day: cnuimh, bith aon latha.

EPHEMERAL, } *adj.* Lathail, neo-mhaireannach.

EPHEMERIC, }

EPHEMERIS, *s.* 1. A journal, an account of daily transactions: leabhar latha. 2. an account of the daily motions and situations of the planets: cunnas reul-imeachd.

EPHEMERIST, *s.* Speuradair, reul-dhruidh.

EPHESIAN, *s.* Ephesianach.

EPHOD, *s.* Ephod.

EPIC, *s.* Duan eachdraidhe, dàn mòr, duan mòrdha.

EPICEDE, } *s.* Marbhrann.

EPICEDUM, }

EPICURE, *s.* Geòcair, pòitear, glaimseir, glutair.

EPICUREAN, *s.* Epicurèanach.

EPICUREAN, *adj.* 1. Pertaining to the sect of Epicurus: Epicurèanach. 2. luxurious: sòghmhor, geòcach, neo-mheasarra.

EPICURISM, *s.* 1. Luxury, sensual enjoyment: sògh, pòit, geòcaireachd, sàimh, ròic. 2. the doctrine of Epicurus: teagasg Epicuruis.

EPIDEMIC, } *adj.* Gabhaltach, sgaoilteach, coit-

EPIDEMICAL, }

EPIDERMIS, *s.* Croicinn uachdair.

EPIGLOTTIS, *s.* Claban a' sgòrnain, sgòrn-chailbhe.

EPIGRAM, *s.* Geàrr-dhuanag.

EPIGRAMMATIC, } *adj.* Duanach.

EPIGRAMMATICAL, }

EPIGRAMMATIST, *s.* Duanaire.

EPILEPSY, *s.* An tinneas tuiteamach, an tuiteamas.

EPILEPTIC, } *adj.* Tuiteamach, air am bheil an

EPILEPTICAL, }

EPILOGUE, *s.* Crìoch-cluiche.

EPINCYTIS, *s.* Leònagan.

EPIPHANY, *s.* Féill an taisbeanaidh.

EPISCOPACY, *s.* Easbuigeachd.

EPISCOPAL, *adj.* Easbuigeach.

EPISCOPALIANS, *s.* Creideamh an easbuig.

EPISCOPATE, *s.* Easbuigeachd.

EPISCOPI, *s.* Rannsachadh, sgrùdadh.

EPISODE, *s.* Taobh sgeul, sgeul am meadhon dàna.

EPISPASTIC, *s.* 1. Drawing: tarruing. 2. blistering: leusachadh.

EPISTLE, *s.* Litir.

EPISTOLARY, *adj.* Litireach, a bhuineas do litricheibh.

EPISTLER, *s.* Fear-sgrìobhaidh litrichean.

EPISTYLE, *s.* Barr'-bhàil.

EPITAPH, *s.* Sgrìobhadh air leac-lighe.

EPITHALAMIUM, } *s.* Òran pòsaidh, òran bainnse.

EPITHALAMY, }

EPITHET, *s.* Foir-bhriathar, focal-buaidh.

EPITOME, *s.* Giorradan, brìgh sgeòil.

EPITOMISE, *v. a.* Giorraich, coimh-gheàrr.

EPITOMISER, } *s.* Giorraiche.

EPITOMIST, }

EPOCH, } *s.* Àm o'n cunntar aimsir, tùs àireimh.

EPOCH, }

EPOPEE, *s.* Duan mòr.

EPULARY, *adj.* Fleadhach.

EPULATION, *s.* Cuirn, fleadh, féisd.

EQUABILITY, *s.* Ionannachd, coimh-ionannas.

EQUABLE, *adj.* Coimh-ionann, ionann, comh-chosmhùil, comh-chothromach, dìreach.

EQUABLY, *adv.* See Equable.

EQUAL, *adj.* 1. Like another in bulk, excellence, or any other quality that admits comparison: ionann, coimh-ionann, comh-chosmhùil, coimeas. 2. adequate to any purpose: comasach, murrach, cubhaidh. 3. even, uniform: réidh, còmh-nard. 4. in just proportion: comh-fhreagarrach. 5. impartial, neutral: dìreach, ceart, neo-chlaon-bhreith-each. 6. indifferent: coma, neo-shuimeil.

EQUAL, *s.* 1. One not inferior or superior to another: coimpire, leth-bhreach, mac samhùil. 2. one of the same age: comh-aois, comh-aimsireach. 3. equality: ionannachd, coimh-ionannas.

EQUAL, *v. a.* 1. Make one thing or person equal to another: coimeas, dean cosmhùil, dean ionann. 2. rise to the same state with another person: cuir an coimh-ionannachd, cuir 's an aon inbhe. 3. be equal to: bi comh-ionann. 4. recompense fully, answer in full proportion: coimh-fhreagair.

EQUALISE, *v. a.* Comh-chothromaich, dean comh-ionann.

EQUALITY, *s.* 1. Likeness with regard to any quantities compared: ionannachd, coimh-ionannachd, coimeas, comh-choltas. 2. the same degree of dignity: coimh-ionannachd, comh-choltas. 3. evenness, uniformity: suidheachadh inntinn, còmh-nardachd.

EQUALLY, *adv.* See Equal, *adj.*

EQUANGULAR, *adj.* Comh-oisinneach, comh-uileannach.

EQUANIMITY, *s.* Socair inntinn, sèimheachd, soim-eachd.
EQUANIMOUS, *adj.* Soimeach, sèimh, socrach.
EQUATION, *s.* Comh-fhreagarrachd.
EQUATOR, *s.* Cearcall meadhoin na talmhainn.
QUERY, *s.* 1. A grand lodge or stable for horses : each-lann. 2. an officer who has the care of horses : fear-cùraim each-lann.
EQUESTRIAN, *adj.* A' marcachd, air muin eich.
EQUIANGULAR, *adj.* See Equangular.
EQUIDISTANCE, *s.* Co fhad as.
EQUIDISTANT, *adj.* Aig an aon fhad.
EQUILATERAL, *adj.* Comh-shlisneach.
EQUILIBRATE, *v. a.* Comh-chothromaich.
EQUILIBRATION, *s.* Comh-chothromachadh.
EQUILIBRIOUS, *adj.* Comh-chothromach.
EQUILIBRITY, } *s.* Comh-chothrom.
EQUILIBRIUM, }
EQUINOCTIAL, *s.* Cearcall na comh-fhad-thrath.
EQUINOCTIAL, *adj.* A bhuneas do'n chomh-fhad-thrath.
EQUINOX, *s.* Comh-fhad-thrath.
EQUIP, *v. a.* Deasaich, cuir an uidheam, ullamhaich.
EQUIPAGE, *s.* 1. Furniture for a horseman : uidheam, deise mharcachd. 2. carriage of state, vehicle : carbad 'n a làn uidheam. 3. attendance, retinue : coisridh, frithealadh. 4. accoutrements, furniture : acfhuinn, àirneis, fasair.
EQUIPAGED, *adj.* An làn uidheam.
EQUIPMENT, *s.* 1. The act of equipping or accoutreting : deasachadh, uidheamachadh. 2. accoutrement, equipage : acfhuinn, àirneis.
EQUIPOISE, *s.* Comh-chudthrom, comh-chothrom.
EQUIPOLLENCE, } *s.* Comh-chumhachd, comh-
EQUIPOLLENCY, } fhreagarrachd an neart.
EQUIPONDERANCE, } *s.* Comh-chudthrom, comh-
EQUIPONDERANCY, } chothrom.
EQUIPONDERANT, *adj.* Comh-chudthromach, comh-chothromach.
EQUIPONDERATE, *v. n.* Comh-chudthromaich, comh-chothromaich.
EQUITABLE, *adj.* Ceart, cothromach, dìreach, neo-chlaon.
EQUITABLY, *adv.* See Equitable.
EQUITY, *s.* 1. Justice, right, honesty : ceartas, cothrom. 2. impartiality : ceartas, cothromachd, ceart-breitheanas.
EQUIVALENT, *adj.* 1. Equal in value, excellence, force, or power : coimh-ionann, ionann. 2. of the same cogency or weight : comh-chudthromach. 3. of the same import or meaning : comh-chiallach.
EQUIVALENT, *s.* Ni co-luachmhor.
EQUIVOCAL, *adj.* Teagamhach, doilleir, dà sheadhach.
EQUIVOCALLY, *adv.* See Equivocal.
EQUIVOCALNESS, *s.* See Equivocation.
EQUIVOCATE, *v. a. et n.* 1. Render capable of a double interpretation : dean teagamhach, dean dà-sheadhach. 2. use ambiguous expressions : bi an teagamh, dean ceilt-inntinn.
EQUIVOCATION, *s.* Ceilt-inntinn.
EQUIVOCATOR, *s.* Fear ceilt-inntinn.

ERA, *s.* See Epoch.

ERADIATE, *v. n.* Dèarrs, dèarrsaich, dealraich.

ERADIATION, *s.* Dèarsadh, dealrachadh, dealradh.

ERADICATE, *v. a.* 1. Pull up by the root : spion, thoir á 'fhreumhaibh. 2. destroy completely, cut off : dìth-mhill, sgrios.

ERADICATION, *s.* Spionadh, toirt á 'fhreumaibh, dìth-mhilleadh, sgrios.

ERASE, *v. a.* 1. Destroy, excise : mill, sgrios, spion as. 2. expunge, rub out : dubh a mach, mill.

ERASEMENT, *s.* 1. Destruction, devastation : dìth-mhilleadh, sgrios. 2. expunction, abolition : dubhadh as, milleadh.

ERE, *adv.* Ròimhe, mu 'n, an toiseach.

ERE, *prep.* Ròimh.

ERELONG, *adv.* A chlisgeadh, gu goirid.

ERENOW, *adv.* Roime so.

EREWHILE, } *adv.* A chianamh.

EREWHILES, }

ERECT, *v. a. et n.* 1. Raise in a strait line : tog dìreach. 2. raise, build : tog. 3. establish anew, settle : suidhich, socraich. 4. elevate, exalt : àrd-aich, tog an àird. 5. raise consequences from premises : comh-dhùn, dean a suas. 6. animate, not depress : misnich tog an àird. 7. rise upright : éirich dìreach.

ERECT, *adj.* 1. Upright, not leaning : dìreach, neo-chrom. 2. directed upwards : a' cur an àirde. 3. bold, confident : daingean, misneachail, colgarra, sgairteil.

ERECTED, *adj.* Togta suas.

ERECTION, *s.* 1. The act of raising, or state of being raised upward : éiridh, togail. 2. the act of building or raising edifices : togail. 3. establishment, settlement : suidheachadh, socrachadh. 4. elevation, exaltation of sentiments : àrdachadh inntinn. 5. excitement to attention : dùsgadh, beothachadh.

ERECTNESS, *s.* Dirichead.

ERECTOR, *s.* Fear-togail.

EREMIT, *s.* Aonaran, maol-chiaran, dìthreabhach.

EREMITICAL, *adj.* Aonaranach, cianail.

EREPTION, *s.* Tiolpadh, spionadh, spiolladh.

ERGO, *adv.* Uime sin.

ERIACH, } *s.* Éiric, ùmhladh.

ERIC, }

ERISTICAL, *adj.* Connspuideach, tagarrach.

ERMINE, *s.* Neas nam fuar thìrean

ERODE, *v. a.* Cnàmh, ith, caith as.

EROGATE, *v. a.* Bàirig, builich, tiodhlaic.

EROGATION, *s.* Bàirigeadh, buileachadh.

EROSION, *s.* Cnàmhadh, caitheamh as.

ERR, *v. n.* 1. Wander, ramble : rach air iomrall, rach air faontraigh. 2. miss the right way : seachrain, rach air seachran. 3. deviate from any purpose : rach a thaobh. 4. mistake : rach mearachd.

ERRABLE, *adj.* Mearachdach, seachranach, iomrallach.

ERRAND, *s.* Teachdaireachd, gnothach.

ERRANT, *adj.* 1. Wandering, roving, rambling : iomrallach, faondrach, seachranach. 2. deviating

- from a certain course : neo-shuidhichte, seachranach, a' clao nadh, a' camadh.
- ERRANTRY**, *s.* Seachranachd, iomrall, faontradh.
- ERRATA**, *s.* Mearachdan a' chlàdh-bhualaidh.
- ERRATIC**, } *adj.* Iomrallach, mearachdach, seach-
ERRATICAL, } ranach.
- ERRATICALLY**, *adv.* See Erratical.
- ERRING**, *adj.* Mearachdach, seachranach, neo-shuidhichte.
- ERRONEOUS**, *adj.* 1. Wandering, unsettled : mearachdach, neo-shuidhichte, ceàrr. 2. irregular, wandering from the right road : seachranach, mi-riaghailteach, iomrallach, faondrach. 2. mistaking, misled by error : mearachdach, a' dol mearachd. 4. mistaken, not conformable to truth : mearachdach, breugach.
- ERRONEOUSLY**, *adv.* See Erroneous.
- ERROR**, *s.* 1. Mistake, involuntary deviation from truth : mearachd. 2. a blunder : mearachd. 3. roving excursion : iomrall, sacluan, faontradh. 4. (in theology), sin : peacadh.
- ERSE**, } *s.* Gaelic Albannach.
EARSE, }
- ERST**, *adv.* See Ere.
- ERUBESCENCE**, } *s.* Ruadhachadh, fàs dearg, rugh-
ERUBESCENCY, } adh.
- ERUBESCENT**, *adj.* Rughach, ruiteagach.
- ERUCT**, } *v. a.* Brùchd, dean brùchdail.
ERUCTATE, }
- ERUCTATION**, *s.* 1. The act of belching : brùchdadh, dìobhuirt. 2. belch, the matter vented from the stomach : brùchd, dìobhuirt. 3. any sudden burst of wind or matter : brùchd.
- ERUDITE**, *adj.* Ionnsaichte, foghlumte.
- ERUDITION**, *s.* Ionnsachadh, foghlum, oilean, eòlas.
- ERUPTION**, *s.* 1. The act of breaking or bursting forth from any confinement : brùchdadh, bristeadh a mach. 2. burst, emission : brùchd, taom. 3. sudden excursion of an hostile kind : ionnsuidh. 4. violent exclamation : éigheach, glaidhaich. 5. efflorescence, pustules : ruaidhe, broth, bristeadh a mach.
- ERUPTIVE**, *adj.* 1. Bursting forth : a' bristeadh a mach. 2. exhibiting diseased eruption : a' bristeadh a mach, brothach, guireanach.
- ERYSIPELAS**, *s.* Ruaidhe, teinidh dé.
- ESCALADE**, *s.* Streapadli balla.
- ESCALOP**, *s.* See Scollop.
- ESCAPE**, *v. a. et n.* 1. Obtain exemption from, fly : teich, tàir as. 2. pass unobserved by one : seachain. 3. fly, get out of danger : teich, tàir as.
- ESCAPE**, *s.* 1. Flight : teicheadh, dol as o chunnart. 2. excuse : leisgeul. 3. oversight, mistake : mearachd, di-chuimhinn.
- ESCAPING**, *s.* Teicheadh, seachnadh cunnart.
- ESCHALOT**, *s.* Seòrs uinnean.
- ESCHAR**, *s.* Aile, combharradh.
- ESCHAROTIC**, *adj.* See Caustic.
- ESCHEAT**, *s.* Fearann, no, cuid, gun oighr' air.
- ESCHEAT**, *v. n.* Tuit a dh'ith oighre dh' ionnsuidh an uachdarain.
- ESCHEW**, *v. a.* Seachain, teich uaith, na gabh gnothach ri.
- ESCORT**, *s.* Coimheadachd, dìon, freiceadan.
- ESCORT**, *v. a.* Thoir coimheadachd do, dìon.
- ESCOT**, *v. a.* Paidh an lach air son neach.
- ESCOT**, *s.* Càin baile mòir.
- ESCRITOIRE**, *s.* See Desk.
- ESCULENT**, *adj.* A dh' fhaodar ithe, biadhchar.
- ESCULENT**, *s.* Biadh, ni a fhaodar ithe.
- ESCUTCHEON**, *s.* Sgiath teaghlach, suaicheantas bra-taich.
- ESOTERY**, *s.* Rùn-dìomhair.
- ESPECIAL**, *adj.* Àraidh, sònruichte, prìomh, combharrichte.
- ESPECIALLY**, *adv.* See Especial.
- ESPIAL**, *s.* Tabhairt faineair, nochdadh, faighinn a mach.
- ESPIER**, *s.* Fear cùl-bheachd.
- ESPLANADE**, *s.* 1. The space between the glacis of a citadel and the first houses of a town : cùl balla daingnich. 2. a grass plot : àilean.
- ESPOUSAL**, *s.* Uchdmhacachd, dìon.
- ESPOUSALS**, *s.* Ceangal-pòsaidh, còrladh, réiteach.
- ESPOUSE**, *v. a.* 1. Contract or betroth to another : dean ceangal-pòsaidh, ceangail. 2. marry, wed : pòs. 3. adopt : uchdmhacaich, gabh ort féin. 4. maintain, defend : dìon, teasaig.
- ESPOUSER**, *s.* Fear gabhail cuise 'n a làimh féin.
- ESPY**, *v. a. et n.* 1. See things at a distance : faic, beachdaich, combharrach. 2. discover any thing intended to be hid : faigh a mach. 3. see unexpectedly : faic, amhaire air. 4. discover as a spy : rannsaich. 5. watch, look about : gabh sealladh.
- ESQUIRE**, *s.* 1. The armour-bearer or attendant on a knight : fear-coimheadachd fìdìre, fear iomchair arm ridire. 2. a title of dignity, and next in degree below a knight : fear tighearnais.
- ESSAY**, *v. a.* 1. Attempt, try, endeavour : feuch, oidhirpich, thoir deuchainn. 2. make an experiment of : feuch, cuir gu deuchainn.
- ESSAY**, *s.* 1. Attempt, endeavour : deuchainn, feuchainn, oidhirp. 2. a loose sally of the mind, an irregular indigested piece : òraid, oidhirp sgrìobhaidh. 3. a trial, an experiment : deuchainn, oidhirp. 4. first taste of any thing : feuchainn, deuchainn.
- ESSAYIST**, *s.* Fear-sgrìobhaidh òraidean.
- ESSENCE**, *s.* 1. The very nature of any being : gnè, brìgh, blad. 2. existence, the quality of being : bith, beatha. 3. being, existent person : bith. 4. (in medicine) the chief properties or virtues of any simple, or composition, collected in a narrow compass : gnè, brìgh, sùgh, blad. 5. perfume, odeur, scent ; boltrach, faile.
- ESSENCE**, *v. a.* See Perfume, *v. a.*
- ESSENTIAL**, *adj.* 1. Necessary to the constitution or existence of any thing : feumail, nach gabh seachnadh, ro-àraidh. 2. important in the highest degree, principal : ro-àraidh, prìomh. 3. pure, highly rectified : fìor-ghlan, ro bhrioghunhor.
- ESSENTIAL**, *s.* See Essence.
- ESSENTIALLY**, *adv.* See Essential, *adj.*
- ESTABLISH**, *v. a.* 1. Settle firmly : suidhich, stéidh-

ich, socraich. 2. settle in any privilege or possession : suidhich, socraich, càirich. 3. ratify : daingnich, comh-dhaingnich. 4. settle in an opinion : daingnich. 5. form or model : suidhich, leag, riaghailtich.

ESTABLISHER, *s.* Fear-suidheachaidh.

ESTABLISHMENT, *s.* 1. Settlement, fixed state : suidheachadh, socrachadh, stéidheachadh. 2. confirmation of something already done, ratification : daingneachadh, comh-dhaingneachadh. 3. settled regulation, model of a government or family : comh-dhealbhadh, suidheachadh. 4. foundation, fundamental principle, settled law : stéidh, lagh-suidhichte. 5. allowance, income, salary : tuar-asdal, teachd a stigh. 6. settled or final rest : suidheachadh, stéidh.

ESTATE, *s.* 1. Condition of life, with regard to prosperity or adversity : seasamb, cor, inbhe. 2. fortune, possession : seilbh, fearann, oighreachd. 3. rank, quality : mòrachd, inbhe, àrd uaisle.

ESTEEM, *v. a. et n.* 1. Set a value upon any thing : meas, cuir luach air. 2. compare, estimate by proportion : meas, coimeas. 3. prize, rate high, regard with reverence : meas, cuir meas air, urramaich, meas luachmhor. 4. hold in opinion, think, imagine : meas, cuir suim air. 5. consider as to value : gabh suim.

ESTEEM, *s.* 1. High value, reverential regard : meas, urram, onoir, miadh. 2. reckoning, estimate, account : cunntas, luach.

ESTEEMABLE, *adj.* Measail, luachmhor, miadhach.

ESTEEMER, *s.* Fear meas luachmhor.

ESTIMABLE, *adj.* 1. Valuable : luachmhor, prìseil, miadhach, miadhail. 2. worthy of esteem : miadhail, measail, urramach.

ESTIMABLENESS, *s.* Luachmhorachd, miadhalachd.

ESTIMATE, *v. a.* 1. Rate : meas, cuir luach air. 2. calculate, compute : cunnt, àireambh.

ESTIMATE, *s.* 1. Computation, calculation : cunntas, àireambh, meas. 2. value : luach. 3. valuation : meas, luach, fiach, prìseachadh.

ESTIMATION, *s.* 1. The act of adjusting, proportional value : meas, luachmhorachd. 2. calculation, computation : cunntas, àireambh, meas. 3. opinion, judgment : barail, breith. 4. esteem, regard, honour : meas, urram, onoir.

ESTIMATIVE, *adj.* A' coimeas an luach.

ESTIMATOR, *s.* Fear meas.

ESTIVAL, *adj.* Samhrach, samhrachail.

ESTRADE, *s.* Còmhnard, réidhlean.

ESTRANGE, *v. a.* 1. Keep at a distance, withdraw : cum air falbh, tarruing air falbh. 2. alienate, divert from its original use or possessor : dean, coimheach. 3. alienate from affection : dean fuathach, dean 'n a choigreach. 4. withdraw, withhold : cum air ais, tarruing air falbh.

ESTRANGEMENT, *s.* Coimheachas, dol a thaobh, tréigsinn càirdeis.

ESTUARY, *s.* Caolas, bàgh, camus, cneas-mhuir.

ESTUATE, *v. a.* Goil, lion is tràgh.

ESTUATION, *s.* Goil, lionadh is tràghadh, tulgadh tuinne.

ESURIENT, *adj.* Ocrach, cìocrach.

ESURINE, *adj.* Cnàmhach, cnàimhreach.

ET CAETERA, *s.* Agus mar sin.

ETCH, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing.

ETCHING, *s.* Dealbh sgrìobhaidh.

ETERNAL, *adj.* 1. Without beginning or end : bith-bhuan, sìorruidh. 2. without beginning : sìorruidh, gun toiseach. 3. without end : maireannach, neo-chrìochnach, bithbhuan. 4. perpetual, constant : gun sgar, maireannach. 5. unchangeable : neo-chaochlaideach.

ETERNAL, *s.* An Ti sìorruidh, an Ti bith-bhuan.

ETERNALISE, *v. a.* Dean sìorruidh.

ETERNALLY, *adv.* See Eternal, *adj.*

ETERNITY, *s.* Sìorruidheachd, bith-bhuantachd.

ETERNISE, *v. a.* Dean sìorruidh, dean neo-bhàsmhor.

ETHER, *s.* Aile fìor-ghlan, adhar finealta.

ETHEREAL, *adj.* 1. Formed of ether : adharach, adharail. 2. celestial, heavenly : nèamhaidh, spioradail.

ETHIC, } *adj.* Modhanail, deas-ghnàthach, beus-
ETHICAL, } ach.

ETHICALLY, *adv.* See Ethical.

ETHICS, *s.* Modhannan, riaghailt nam modhannan, teagasg nan deas-ghnàth, lagh nam beus.

ETHIOPE, *s.* Fear a' mhuinntir Etiòpia.

ETHNICAL, *adj.* Pàganach.

ETHNICISM, *s.* Pàganachd.

ETHNICS, *s.* Pàganaich.

ETIQUETTE, *s.* Modh, deas-ghnàth.

ETTIN, *s.* Famhair.

ETYMOLOGICAL, *adj.* A bhuineas do dh' fhocal-freumhachd.

ETYMOLOGIST, *s.* Focal-freumbaiche.

ETYMOLOGY, *s.* Focal-freumhachd.

ETYMON, *s.* Freumh-fhocal.

EVACATE, *v. a.* Falmhaich, tilg a mach.

EVACUATE, *v. a. et n.* 1. Make empty, clear : falmhaich, dean fàlamh, fàsaich. 2. throw out as noxious, or offensive : tilg a mach, glan, cairt. 3. make void, annul : cuir as do, mill. 4. quit, withdraw from out of a place : fàg, falbh as. 5. let blood : leig fuil, tarruing fuil.

EVACUATION, *s.* 1. Such emissions as leave a vacancy : falmhachadh, tarruing air falbh. 2. abolition, nullification : cur gu 'dith, milleadh, cur air cùl. 3. the practice of emptying the body by physic : glanadh, purgaideachadh, cartadh. 4. a withdrawing from out of a place : fàgail, falbh.

EVADÉ, *v. a. et n.* 1. Elude, escape by artifice or stratagem : seachain, faigh as, tàir as. 2. avoid : seachain. 3. escape by sophistry : seachain, sèap. 4. escape as too great, or too subtle to be subdued : seachain. 5. slip away : sèap, tàir as.

EVANESCENCE, *s.* Diombuaineachd, diombuainead, caochlaidheachd, faileas.

EVANESCENT, *adj.* Diombuain, caochlach, faileasach.

EVANGELICAL, *adj.* Soisgeulach.

EVANGELICALLY, *adv.* See Evangelical.

EVANGELIST, *s.* Soisgeulach, soisgeulaiche.

EVANGELIZE, *v. a.* Searmonaich an soisgeul.

EVANID, *adj.* Lag, fann, anmhuinn.

EVANISH, *v. n.* See Vanish.

EVAPORATE, *v. a. et n.* 1. Drive away in fumes : cuir 'n a smùid, cuir 'n a cheò. 2. give vent to, let out in ebullition, or sallies : leig a mach, leig fa sgaoil. 3. fly away in vapours, or fumes : rach 'n a d' cheò, falbh 'n a d' smùid, bi cur deataich dhìot.

EVAPORATION, *s.* 1. The act of flying away in fumes or vapours : dol 'n a smùid, smùid, deataich. 2. the act of attenuating matter so as to make it fume away : tiormachadh, cur ceò dheth.

EVASION, *s.* Leithsgeul, seachnadh, car, siomaguid, cur seachad.

EVASIVE, *adj.* Leisgeulach, carach, cealgach, cuilbheartach.

EVASIVELY, *adv.* See Evasive.

EUCARIST, *s.* Comanachadh, suipeir an Tighearna.

EUCARISTICAL, } *adj.* A bhùineas, do 'n choman-
EUCARISTIC, } achadh.

EUCRACY, *s.* Deadh chàil, deadh shlàinte.

EVE, } *s.* 1. The close of the day : feasgar, àrd-

EVEN, } fheasgar, eadar-sholus. 2. the vigil, or fast to be observed before an holyday : trasgadh, foimh fhéill.

EVEN, *adj.* 1. Level, not rugged : réidh, còmhnd. 2. uniform, equal to itself : comh-ionann, neo-chaochlaideach. 3. level with : comh-shìnte, air an aon leagadh. 4. not having inclination any way : còmhnd. 5. equal on both sides, not favouring either : dìreach, neo-chlaon. 6. without any thing owed, out of debt : saor, ionann. 7. calm, not subject to elevation : ciùin, sèimh, còmhnd. 8. not odd : slàn, do dh'àireamh a ghabhas roinn.

EVEN, *v. a.* 1. Make even : dean còmhnd, dean réidh, dean comh-ionann. 2. make out of debt : dean saor, dean gun fhiachaibh. 3. level, make level : dean còmhnd, dean réidh.

EVEN, *adv.* Eadhon.

EVENHAND, *s.* Coimh-ionannachd.

EVENHANDED, *adj.* Dìreach, ceart, neo-chlaon-bhreitheach, cothromach.

EVENING, *s.* Feasgar, beul na h-òidhche.

EVENING, *adj.* Anns an fheasgar, feasgarach.

EVENING-STAR, *s.* Reul-fheasgair.

EVENLY, *adv.* See Even, *adj.*

LAMENT, *v. a. et n.* 1. Bewail, mourn for: caoidh, guil, dean bròn air son. 2. mourn, wail, grieve: caoidh, dean caoidh, bi tuirseach, bi brònach, bi dubhach.
LAMENT, *s.* Cumha, caoidh, tuireadh, tuirse, bròn.
LAMENTABLE, *adj.* Tuirseach, brònach, airsnealach, muladach, dubhach, deurach.
LAMENTABLY, *adv.* See Lamentable.
LAMENTATION, *s.* Tuireadh, cumhadh, caoidh, bròn, mulad.

LAMENTER, *s.* Fear-caoidh, fear-bròin, fear brònach.
LAMENTING, *s.* See Lamentation.
LAMINA, *s.* Sgrath, no, leac thana, slige, rùsg tana.
LAMINATED, *adj.* Sgrathach, leacach, leacanta.
LAMM, *v. a.* Buail, gréidh le bata.
LAMMAS, *s.* Liùnasdan, liùnasd-fheill, lùnasdal.
LAMP, *s.* Lòchran, crùisgean, solus-ola, leus.
LAMPBLACK, *s.* Dubhach-lòchrain.
LAMPOON, *s.* Aoir, aoireadh, bàrd-chàineadh.
LAMPOON, *v. a.* Aoir, càin.
LAMPOONER, *s.* Aoireadair, fear-càinidh.
LAMPREY, *s.* Seòrsa casguinn, buarach na baoibhe.
LANCE, *s.* Sleadh, lann, gath.
LANCE, *v. a.* 1. Pierce, cut: geàrr, gon, bruidich. 2. open surgically, cut in order to cure: leig fuil, fosgail, leig air.
LANCER, *s.* Fear-sleagha, sleaghadair.
LANCET, *s.* Sgian-fhola, gath-fola, cuisleag.
LANCH, *v. a. et n.* See Launch, *v.*
LANCINATE, *v. a.* Srac, sgoilt, sgàin.
LANCINATION, *s.* Sracadh, reubadh, sgoltadh, sgàin-cadh.
LAND, *s.* 1. A country, a region, distinct from other countries: tìr, dùthaich, fearann. 2. earth, distinct from water: talamh, talamh tioram. 3. an estate, real and immovable: fearann, oighreachd. 4. a nation, a people, the inhabitants of the land: tìr, luchd-àiteachaidh.
LAND, *v. a. et n.* 1. Set on shore: cuir air tìr. 2. come to shore: gabh tìr, rach air tìr.
LANDED, *adj.* Fearannach, beartach, am fearann.
LANDFALL, *s.* Tuiteamas fearainn, dìleab-fearainn.
LANDELOOD, *s.* Tuil, dile, dilinn.
LAND-FORCES, *s.* Feachd-tìre.
LANDHOLDER, *s.* Fear-fearainn, fear-oighreachd.
LANDING, } *s.* 1. The top of stairs: ceann
LANDING-PLACE, } staighre. 2. the act of coming on shore: tìr-ghabhail. 3. a pier, or mole: laimhrig.
LANDJOBBER, *s.* Fear-reic is ceannach fearainn.
LANDLADY, *s.* 1. A woman who has tenants holding from her: baintighearn, ban-uachdaran. 2. the mistress of an inn: bean-tighe, bean-an-tighe, bean-òsda, ban-ghrùdair.
LANDLESS, *adj.* Gun fhonn, gun fhearann.
LANDLOCKED, *adj.* Tìr-dhruidte, tìr-chuairtiche.
LANDLOPER, *s.* Fear-tìre, tìreanach.
LANDLORD, *s.* One who owns lands or houses, and has tenants under him: uachdaran, tighearn. 2. the master of an inn: fear-tighe, fear-an-tighe, òsdair, grùdair.
LANDMAN, *s.* Fear-tìre, tìreanach.
LANDMARK, *s.* Clach-chrìche, comharradh-crìche.
LANDSCAPE, *s.* Aghaidh-dùthcha, sealladh tìre, dealbh-tìre.
LAND-TAX, *s.* Cìs-fhearainn, fonn-chìs.
LAND-WAITER, *s.* Maor-cuspuinn.
LANDWARD, *adv.* Gu tìr.
LAND-WIND, *s.* Gaoth-thìre, gaoth-bheann.
LAND-WORKER, *s.* Treabhaiche, tuathanach.
LANE, *s.* 1. A narrow way between hedges: frith-rathad. 2. a narrow street, an alley: sràid chumh-

- ann, frith-shràid. 3. a passage between men standing on each side: fosgladh.
- LANGUAGE, *s.* Caint, càin, uirghioll, teanga.
- LANGUAGE, *adj.* 1. Knowing language, using language properly or gracefully: cainnteach, deas-chainnteach, deas-bhriathrach. 2. having various languages: ioma-chainnteach.
- LANGUAGE-MASTER, *s.* Oide-chainntean, fear-teagaisg chàinain.
- LANGUID, *adj.* 1. Faint, weak, feeble: lag, fann, anfhann, lag-chuiseach. 2. dull, heartless: marbhanta, lag-chridheach, trom, neo-shunndach.
- LANGUIDLY, *adv.* See Languid.
- LANGUIDNESS, *s.* Laige, fannachd, anfhannachd, lag-chuiseachd, marbhantachd, lag-chridheachd.
- LANGUISH, *v. a. et n.* 1. Make feeble, cause to droop, depress, wear out: lagaich, sàruich, claidh. 2. grow feeble, pine away, lose strength: lagaich, fannaich, fàs lag, searg as, siolaidh seachad. 3. sink or pine under sorrow, or any slow passion: searg, caith as, crion.
- LANGUISH, *s.* 1. Act or state of pining: seargadh, crìonadh. 2. soft appearance: tlàth-shealladh, tlàth-shul.
- LANDUISHER, *s.* Fear-crìonaidh, fear-caitheimh as, seargadair.
- LANGUISHING, *s.* Laigse, fannachd, anfhannachd.
- LANGUISHINGLY, *adv.* Gu fann, gu h-anfhann, gu lag.
- LANGUISHMENT, *s.* 1. State of pining: lagachadh, fannachadh, crìonadh, seargadh as, sioladh as, sioladh seachad. 2. softness of mien: tlàthas, tlàth-shealladh, mìn-shealladh.
- LANGUOR, *s.* 1. Faintness, wearisomeness: laigse, sgìos, anfhannachd. 2. listlessness, inattention: neo-aire, neo-spéis, neo-mhothalachd, neo-bheothalachd. 3. softness, laxity: taise, buige, sgìth-ealachd, fannachd.
- LANIATE, *v. a.* See Lacerate.
- LANIFICE, *s.* Aodach ollainn, obair ollainn.
- LANIGEROUS, *adj.* Ollanach, clòimheach.
- LANK, *adj.* Seang, caol, neo-làn, neo-theann, tana, bochd.
- LANK, *v. n.* Caith as, fannaich, caith.
- LANKLY, *adv.* See Lank.
- LANKNESS, *s.* Seangachd, caoile, neo-lànachd, neo-theannachd.
- LANSQUENET, *s.* Saighdear-coise.
- LANTERN, *s.* 1. A transparent case for a candle: lainntear, lòchran. 2. a light-house: tigh soluis. Lantern jaws: peircall thana.
- LANUGINOUS, *adj.* Clòimheach, molach.
- LAP, *s.* 1. The loose part of a garment, that may be doubled at pleasure: filleadh, filleag, sgùird-iomall. 2. in the lap: air a ghlùn.
- LAP, *v. a. et n.* 1. Wrap, or twist round any thing: fill, figh mu 'n cuairt, paisg. 2. be spread or turned over any thing: cuairtich, fill. 3. feed by quick reciprocations of the tongue: imlich, lap-raich.
- LAPDOG, *s.* Measan, crann-chu.
- LAPFUL, *s.* Làn-sgùird.
- LAPICIDE, *s.* Cloch-gherradair.
- LAPIDARY, *s.* Fear-leug-chlach, leug ghearradair, leug-foiccadair.
- LAPIDATE, *v. a.* Clach, clach gu bàs.
- LAPIDATION, *s.* Clachadh, clachadh gu bàs.
- LAPIDEOUS, *adj.* Clachaidh, clachach.
- LAPIDESCENCE, *s.* Clach-chruinneachadh, cruadhachadh.
- LAPIDIFIC, *adj.* Clach-dhèanadach, clach-ghineadach.
- LAPIDIFICATION, *s.* Clach dhèanamh, clach-ghineamhuinn.
- LAPIDIST, *s.* See Lapidary.
- LAPIS, *s.* Cloch.
- LAPPER, *s.* 1. One who wraps up: filleadair, fear-pasgaidh. 2. One who laps, or licks: fear-imlich, fear-laprachaidh.
- LAPPET, *s.* Filleag, crochadan.
- LAPSE, *s.* 1. Flow, fall, smooth course: aomadh, tuiteam, slaodadh, sruthadh, réidh-shruth. 2. a petty error, a slight fault: tapag, mearachd. 3. translation of right from one to another: atharrachadh, ath-bhuileachadh.
- LAPSE, *v. a. et n.* 1. Suffer to slip: leig ruith le. 2. suffer to fall or be vacant: leig le, fàg falamh. 3. accuse, convict of a fault: coirich, dit. 4. glide slowly, fall by degrees: sleamhnaich, tuit. 5. fail in any thing, slip, commit a fault: fàilbich, rach mearachd, rach iomrall. 6. slip, as by inadvertency, or mistake: tuislich. 7. fall from perfection, truth, or faith: cùl-sleamhnaich, tuit o 'n chreidimh.
- LAPWING, *s.* Currag, adharca, adharca-luachrach, adharca-luachrach,
- LAPWORK, *s.* Obair-fhillte.
- LARBOARD, *s.* Taobh cùl luinge, bac-bhord.
- LARCENY, *s.* Braide, beag-ghaduidheachd, minmhèirle.
- LARCH, *s.* Learag, craobh-learaig.
- LARD, *s.* 1. The grease of swine: geir-mhuc, muc-bhlonag. 2. bacon, the flesh of swine: muic-fheoil.
- LARD, *v. a. et n.* 1. Stuff with bacon: lion le saill. 2. fatten: reamraich. 2. mix with something else by way of improvement: leasaich. 4. grow fat: fàs reamhar.
- LARDER, *s.* Tigh-feòla, tigh-bìdh.
- LARDERER, *s.* Fear-coimhid tigh-feòla.
- LARDON, *s.* Staog muic-fheoil.
- LARDRY, *s.* Tigh-bìdh.
- LARGE, *adj.* 1. Big, bulky: mòr, tomadach, tomultach. 2. wide, extensive: farsuinn, leathan. 3. liberal, abundant, plentiful: pailt, saobhir, tarbhach. 4. comprehensive, great: tarbhach, briogh-mhor, mòr. 5. copious, diffuse: fuasgailteach, sgaoilteach, fuasgailte. 6. at large, without restraint: gun chuing, saor, fuasgailte. 7. at large, diffusely, in the full extent: gu farsuing, gu h-iomlan.
- LARGELY, *adv.* See Large.
- LARGENESS, *s.* 1. Bigness, bulk: mòrachd, meud, meudachd, tomult. 2. liberality: pailteas, saobh-

reas, fialaidheachd. 3. greatness, comprehension : farsuingeachd, tarbhachd. 4. extension, amplitude : meudachd, farsuingeachd. 5. wideness : leud.

LARGEHEARTEDNESS, *s.* Fialaidheachd, mòr-chridh-eachd.

LARGESS, *s.* Tìodhlaic, tabhartas, toirbheartas, saor-thahhartas.

LARK, *s.* Uiseag, iseag.

LARKLIKE, *adj.* Uiseagach, uiseagail.

LARUM, *s.* Rabhadh, fuaim-cunnairt, caismeachd, fuaim-gàbhaidh, maoin.

LARYNGOTOMY, *s.* Gearradh sgòrnain, chum leighis.

LARYNX, *s.* Bràighe 'n sgòrnain.

LASCIVIENCY, *s.* See Lasciviousness.

LASCIVIENT, *adj.* Mear, mireagach.

LASCIVIOUS, *adj.* 1. Lewd, lustful : collaidh, mac-nusach, druiseil, ana-miannach. 2. wanton, soft, luxurious : mear, neo-gheannuidh, neo-ghlan, sòghail.

LASCIVIOUSLY, *adv.* See Lascivious.

LASCIVIOUSNESS, *s.* Macnus, macnusachd, druisealachd, ana-miannachd.

LASH, *s.* 1. A stroke with any thing pliant and tough : buille-slaite. 2. the thong or point of the whip : iall-cuipe, ceann-shreang cuipe. 3. a sarcasm : geur-fhocal, beum, beum-teanga.

LASH, *v. a. et n.* 1. Strike with any thing pliant, scourge : sgiùrs, buail le slat. 2. move with a sudden spring, or jerk : grad-charaich, grad-ghluais. 3. beat, strike with a sharp sound : buail, thoir gleaghar air. 4. scourge with satire : aoir. 5. tie any thing down to the side or mast of a ship : ceangail, ceangail sìos. 6. ply the whipe : buail, sgiùrs.

LASHER, *s.* Fear-sgiùrsaidh, sgiùrsair.

LASS, *s.* Nighean, inghinn, cailin, cailleag, òg-bhean, finne, nighneag, gruagach, cruinneag, òigh, maighdean.

LASSITUDE, *s.* 1. Weariness, fatigue : sgìos, sgìth-eas. 2. in physic : anfhannachd, laigse.

LAST, *adj.* 1. Latent, that which follows all the rest in time, or place : deireannach, air deireadh. 2. the lowest, the meanest : a 's ìsle. 3. next before the present : a chaidh. 4. utmost : iomallach. 5. at last : mu dheireadh. 6. the end, the last : an deireadh, a' chrìoch. To the last : gus a' chrìoch. Last year : an uraidh. The last day : latha bhràth, là a' bhrèitheanais.

LAST, *adv.* 1. The last time, the next before the present : mu dheireadh. 2. in conclusion : 's an àite mu dheireadh.

LAST, *v. n.* Mair, buanaich, bi maireannach, seas, fan.

LAST, *s.* Ceap, ceap-bròige.

LASTAGE, *s.* 1. Custom paid for freightage : cusunn-faraidh. 2. ballast for a ship : cudthrom-socruchaidh luinge.

LASTERY, *s.* Dath-dearg, lasradh.

LASTING, *s.* Maireannach, seasmhach, buan, sìor-sheasmach.

LASTINGLY, *adv.* See Lasting.

LASTINGNESS, *s.* Maireannachd, seasmhachd, buanas, sìor-sheasmhachd.

LASTLY, *adv.* See Last, *adv.*

LATCH, *s.* Dealan-doruis, clàimhean, clàimhean-doruis.

LATCH, *v. a.* 1. See Catch, *v.* 2. fasten with a latch : dùin, cuir crann air. 3. smear : smeur, smior.

LATCHET, *s.* Barr-iall, iall-bròige.

LATE, *adj.* 1. Contrary to early, slow, tardy, long delayed : annoch, fadalach, màirnealach. 2. last in any place, office, or character : deireannach, mu dheireadh. 3. last in time : a chaidh. 3. the deceased : nach maireann, a dh'èug. 5. far in the day, or night : fada dheth, annoch.

LATE, *adv.* 1. After long delays, after a long time : mu dheireadh, annoch, gu h-annoch. 2. in a later season : deireannach, gu deireannach. 3. lately, not long ago : o cheann ghoirid, a chian-amh. 4. of late : o cheann ghoirid.

LATED, *adj.* Annoch, feasgarach.

LATELY, *adv.* O cheann ghoirid.

LATENCY, *s.* Folach, dìomhaireachd.

LATENESS, *s.* Annoichead, deireannachd.

LATENT, *adj.* Foluichte, dìomhair, ceilte, am folach.

LATERAL, *adj.* Taobhach, taobhail, leth-taobhach.

LATERALITY, *s.* Taobhachd, taobhalachd.

LATERALLY, *adv.* Gu taobh, air a thaobh, air leth-taobh.

LATEWARD, *adj.* Annoch, fadalach.

LATEWARD, *adv.* Leth-annoch, gu h-annoch.

LATH, *v. a.* Slaisnich, cuir suas cabair.

LATH, *s.* Spealt, sgoiltean fiodha.

LATHE, *s.* Beart-thuairnearachd.

LATHER, *v. a. et n.* Dean cop, tog cop air, tog coth-air air.

LATHER, *s.* Cop, cop-siabuinn, cothar-siabuinn.

LATHY, *adj.* Sgoilteanach, tana.

LATIN, *adj.* et *s.* Laidinn.

LATINITY, *s.* Laidinneachd.

LATINIZE, *v. a.* Laidinnich, tionndaidh gu Laidinn.

LATISH, *adj.* Leth-annoch, breac-annoch.

LATITANCY, *s.* Ceilteachd, folach.

LATITANT, *adj.* Foluichte, ceilte, dìomhair, á fradh-arc.

LATITATION, *s.* See Latitancy.

LATITUDE, *s.* Leud, farsuingeachd, meudachd, sgaoilteachd, fuasgailteachd.

LATITUDINARIAN, *adj.* 1. Not restrained, or confined, thinking or acting at large : fuasgailte, saor neo-chuibhrichte. 2. free in religious opinions : fuasgailte, saobh-chreidmheach.

LATITUDINARIAN, *s.* Saobh-chreidmheach, fear-seacharain-creidimh.

LATRANT, *adj.* Comhartach, tathunnach.

LATRATE, *v. n.* Dean tathunn, dean comhartaich.

LATRATION, *s.* Comhartaich, tathunn.

LATRIA, *s.* Àrd-aoradh, am measg Phàpanach.

LATTEN, *s.* Umha, pràis.

LATTER, *adj.* Deireannach, mu dheireadh, a 's deir-annaiche.

LATTERLY, *adv.* See Latter.

LATTICE, *s.* Cliath-uinneag, for-uinneag, lion-uinneag.
LATTICE, *v. a.* Figh air a chéile, mar lion, no mar chliath.
LAVATION, *s.* Nighe, nigheadh, ionnlad, glanadh.
LAVATORY, *s.* Uidheam-ionnlaid, àite-ionnlaid, tobar-ionnlaid.
LAUD, *s.* Cliù, moladh, àrd-mholadh, cliùthachadh.
LAUD, *v. a.* Cliùthaich, mol, àrd-mhol.
LAUDABILITY, *s.* Ion-mholtaich, cliùiteachd.
LAUDABLE, *adj.* Ion-mholta, cliùiteach, cliù-thoill-tinneach.
LAUDABLENESS, *s.* See Laudability.
LAUDABLY, *adv.* See Laudable.
LAUDANUM, *s.* Deoch-chodail, cungaidh-chodail.
LAUDATION, *s.* Cliùthachadh, moladh, àrd-mholaidh.
LAUDATORY, *s.* Moltach, moltachail, a' toirt molaidh.
LAUDER, *s.* Fear-molaidh, fear-clìùthachaidh.
LAVE, *v. a. et n.* 1. Wash, bathe : nigh, ionnlaid. 2. throw up : tilg suas. 3. draw out : tarruing a mach. 4. wash thyself, bathe : ionnlaid, faire.
LAVEER, *v. n.* Atharraich cùrsa.
LAVER, *s.* Soitheach-nighe, soitheach-ionnlaid.
LAVERACK, *s.* See Lark.
LAUGH, *v. a. et n.* 1. Deride, scorn : mag, dean fochaid air, tarcuisich. 2. laugh at : dean gàire ri. 3. make that noise which sudden merriment excites : dean gàire. 4. appear gay, favourable, or pleasant : bi aoidheil, bi geanail, bi subhach.
LAUGH, *s.* Gàire, gàir.
LAUGHABLE, *adj.* Gàireachdail, neònach, a thogas gàire.
LAUGHER, *s.* Gàireachdair, fear cridheil, fear aigh-earach.
LAUGHINGLY, *adv.* Gu gàireachdail, gu cridheil, fe fiamh ghàire.
LAUGHING-STOCK, *s.* Culaidh-ghàire, ball-magaidh, ball-bùird, ball-abhacais.
LAUGHTER, *s.* Gàireachdail, fearas-chuideachd, iolach ait.
LAVISH, *adj.* 1. Prodigal, wasteful, indiscreetly liberal : struidheil, stròdhail, sgaoilteach, iomsgaoilteach. 2. scattered in waste, profuse : bàrrsgaoilteach, neo-cuibheasach. 3. wild, unrestrained : fuasgailte, neo-stéidhichte, fiadhaich.
LAVISH, *v. a.* Struidh, bàrr-sgaoil, sgap, dean ana-caitheamh.
LAVISHER, *s.* Struidhear, fear-strohdail, fear ana-caitheach.
LAVISHLY, *adv.* See Lavish, *adj.*
LAVISHMENT, } *s.* Struidhealachd, stròdhalachd,
LAVISHNESS, } struidh, ana-caitheamh.
LAUNCH, *v. a. et n.* 1. Force a vessel into the sea : cuir air fairge, cuir air snámh. 2. rove at large, expatiate, make excursions : leudaich, rach air leud, gabh farsuingeachd. 3. plunge into : gabh romhad, grad-thòisich air. 4. push to sea : gabh gu fairge.
LAUNCH, *s.* 1. Act of putting a ship out of the

dock into the water : cuir air snámh. 2. a particular kind of long boat : bata mòr luinge.
LAUND, *s.* See Lawn, *s.* 1.
LAUNDER, } *s.* Bean-nigheadaireachd, bean-nighe.
LAUNDRESS, }
LAUNDRY, *s.* 1. The room in which clothes are washed : tigh nigheadaireachd, seòmar-nighe. 2. act or state of washing : nighe, nigheadaireachd.
LAUREATE, *s.* Laibhrichte, crùnta le laibhris.
LAUREATE, *v. a.* Crùn le laibhris.
LAUREATION, *s.* Urram àird-fhoghlaim.
LAUREL, *s.* Laibhreas, craobh-laibhreis.
LAW, *s.* 1. A rule of action : lagh, reachd, riaghailt. 2. a decree, edict, statute : lagh, statuinn, òrdugh, achd. 3. judicial process : lagh. 4. a distinct edict or rule : achd, reachd. 5. conformity to law, any thing lawful : ceart, ceartas, còir, laghalachd. 6. the rules or axioms of science : bunait, stéidh. 7. the Mosaical institution : an lagh.
LAWBREAKER, *s.* Fear-brisidh lagha.
LAWDAY, *s.* Latha mòid, latha-ceartais.
LAWFUL, *adj.* Laghail, dlìgheach, ceart, ccaidaichte.
LAWFULLY, *adv.* See Lawful.
LAWFULNESS, *s.* Laghalachd, ceartas, ceart, còir.
LAWGIVER, *s.* Fear-tabhairt lagha, fear-dèanaimh-lagha.
LAWGIVING, *adj.* Lagh-thabhairteach, reachd-thabhairteach.
LAWLESS, *adj.* 1. Unrestrained by, not subject to law : gun lagh, gun riaghailt, do-cheannsaichte. 2. contrary to law, illegal : neo-laghail, mi-laghail, ann-dlìgheach, ana-ceart.
LAWLESSLY, *adv.* See Lawless.
LAWLESSNESS, *s.* Neo-riaghailteachd, do-cheannsaichd, neo-laghalachd.
LAWMAKER, *s.* See Lawgiver.
LAWN, *s.* 1. An open space between woods : réidhlean, achadh, faiche, eadar dà choille. 2. fine linen : anart grinn, anart finealta.
LAWNY, *adj.* Réidhleanach, faicheach, maghach.
LAWSUIT, *s.* Cùis-lagha, iomart-làgha, connspoid lagha.
LAWYER, *s.* Fear-lagha.
LAX, *s.* 1. Loose, not confined : fuasgailte, saor. 2. disunited, not strongly combined : fuasgailteach, neo-cheangailte, neo-theann. 3. vague, not rigidly exact : barr-sgaoilteach, neo-dhiongmholta, neo-eagnaidh. 4. loose in body : fuasgailte, neo-theann 's a' chorp. 5. slack, not tense : lasach, neo-dhaingean.
LAX, *s.* 1. See Diarrhoea. 2. a kind of salmon : bradan.
LAXATION, *s.* Lasachadh, fuasgladh, sgaoileadh.
LAXATIVE, *adj.* Lasachail, fuasgailteach, purgaid-each.
LAXATIVE, *s.* Cungaidh fuasgailteach, leigheas purgaid-each.
LAXATIVENESS, *s.* Buaidh-fhuasglaidh, fuasgailteachd cuim.
LAXITY, *s.* 1. Not compression, slackness of contexture : sgaoilteachd, neo-theanntachd, fuasgailteachd. 2. contrariety to rigorous precision : neo-

eagnaidheachd, nee-dhiongmholtachd. 3. looseness, not costiveness: fuasgailteachd. 4. slackness, contrariety to tention: lasachd, neo-dhaingneachd. 5. openness, not closeness: fosgailteachd, sgaoilteachd.

LAXLY, *adv.* See Lax, *adj.*

LAXNESS, *s.* Fuasgailteachd, lasachd, neo-theanntachd, neo-dhaingneachd.

LAY, *pret.* of Lie, *v.* Luidh.

LAY, *v. a. et n.* 1. Place, put, reposit: leag, càirich, cuir. 2. place along: leag, suidhich. 3. beat down corn, or grass: leag sìos, buail sìos. 4. keep from rising: see Allay. 5. fix deep, dispose regularly: leag, suidhich, càirich. 6. put, place: cuir, suidhich. 7. bury, inter: adhlaic, tòrr. 8. station, or place privily: suidhich. 9. spread on a surface: sgaoil, sgaoil air. 10. paint, enamel: tarruing, tarruing air. 11. put into any state of quiet: stòldaich, ceannaich, sìthich. 12. calm, still: ciùinich, sìthich, cuir gu fois. 13. prohibit a spirit to walk: seun, cuir fuidh gheasaibb. 14. set on the table: cuir air, cuir nòs air. 15. propagate plants by fixing their twigs in the ground: suidhich, planndaich. 16. wager, stake: cuir geall. 17. reposit any thing: cuir an taisg. 18. exclude eggs: beir. 19. apply with violence, as blows: leag, buail. 20. apply nearly: leag, cuir air, cuir ri. 21. lay, conjoin: cuir ri. 22. scheme, contrive: tionnsgainn, dealbh, suidhich. 23. charge as a payment: leag, leag air, sir o. 24. impute, charge: cuir as leth, cuir air. 25. impose as evil, or punishment: leag, leag air. 26. enjoin as a duty: cuir, cuir nar fhiachaibh air. 27. exhibit, offer: taisg, taisbein. 28. throw by violence: leag, tilg sìos. 29. place in comparison: cuir mu choinneamh, samhlaich. 30. lay aside, or apart: cuir uait, leig dhìot. 31. lay away: cuir dhìot, cuir seachad. 32. lay before, expose to view: taisbein, feuch, cuir roimh. 33. lay by, reserve for future use: taisg, cuir suas. 34. lay by, put from one: cuir uait, cuir seachad. 35. lay down, deposit as a pledge: leig sìos. 36. lay down, quit, resign: lcig dhìot. 37. lay down, commit to repose: luidh, cuir 'n a luidhe. 38. lay down, advance as a proposition: cuir sìos, leag, suidhich. 39. lay for, attempt by ambush: suidhich ribe, feall-thèith. 40. lay forth, diffuse, expatiate: cuir a mach, leudaich air. 41. lay forth, place when dead in a decent posture: sin, ruidh. 42. lay hold of: glac, beir air, dean-greim air. 43. lay in store, treasure: taisg, cuir cuideachd. 44. lay on, apply with violence: leag, leag air. 45. lay open, shew, expose: rùisg, lcig ris. 46. lay over, incrust, cover: còmhdaich, tarruing air. 47. lay out, expend: cuir a mach, builich air. 48. lay out, display discover: foillsich, leig ris, taisbein. 49. lay out, with the reciprocal pronoun exert: thoir thu féin do, saothraich. 50. lay out, compose the limbs of the dead. See Sense 41. 51. lay to, charge upon: cuir air, cuir as leth. 52. apply with vigour: leig air, cuir ri. 53. lay to, harass, attack: buail air, leag air, teann ri. 54.

lay together: cruinnich, tòrr. 55. lay under, subject to: thoir fuidh chis do, ceannaich. 56. lay up, confine to the bed, or chamber: cuir air an leabaidh. 57. lay up, store, treasure: taisg, tòrr, cruinnich. 58. bring eggs: beir. 59. form a scheme: tionnsgainn, dealbh, cnuasaich. 60. lay about, strike on all sides, act with great diligence and vigour: teann ri, buail air. 61. lay at, strike, endeavour to strike: buail, thoir ionnsuidh. 62. lay on, strike, beat without interruption: buail, thoir sìor bhuillean. 63. lay out, take measures: oidhirpich, feuch ri.

LAY, *s.* 1. A row, a stratum, a layer: breath, sreath. 2. a wager: geall. 3. grassy ground, ground unploughed: glas-talamh, glasach, glaslach. 4. a song, a poem: òran, duan, duanag, luinneag, fonn.

LAY, *adj.* Nach buin do 'n chléir.

LAYER, *s.* 1. A stratum or row: sreath, breath. 2. a sprig of a plant: fàilean, meanglan. 3. a hen that lays eggs: cearc-uibhean.

LAYMAN, *s.* Neo-chléireach, fear nach buin do 'n chléir.

LAYSTALL, *s.* Dùnan, òtrach.

LAZAR, *s.* Fear fuidh eucail ghràineil, lobhar.

LAZAR-HOUSE, }
LAZARET, } *s.* Tigh-leighis eucail, tigh-tinnis,
LAZARETT, } tigh nan euslan.

LAZARLY, *adj.* Lobhta, lobht'-ghalarach.

LAZILY, *adv.* See Lazy.

LAZINESS, *s.* Leisg, lunnaircachd, leisgeachd, màirn-ealachd, diomhanas.

LAZY, *adj.* 1. Idle, sluggish, unwilling to work: leasg, leisg, lunnach, diomhain. 2. slow, tedious: màirnealach, fadalach, mall.

LEA, *s.* Achadh, cluan, raon, faiche, glas-talamh.

LEAD, *s.* 1. The metal: luaidhe. 2. *pl.* Mullach-tighe.

LEAD, *v. a.* Cuir luaidhe air, còmhdaich le luaidhe.

LEAD, *v. a. et n.* 1. Guide by the hand: treùraich, stiùir, seòl. 2. conduct to any place: seòl, treùraich, stiùir. 3. conduct, as head, or commander: stiùir, treùraich. 4. introduce by going first: roimh-imich, thoir feat. 5. guide, shew the method of attaining: seòl, stiùir. 6. draw, entice, allure: tarruing, tàlaidh. 7. induce, prevail upon by pleasing motives: thoir air, co-éignich. 8. pass, spend in any certain manner: caith, thig beò. 9. go first, and shew the way: rach air thoiseach, roimh-imich. 10. exercise dominion: clacaidh ùghdarras, riaghail. 11. lead off; begin: tòisich.

LEAD, *s.* Ceannas, uachdranachd, toiseach.

LEADEN, *adj.* 1. Made of lead: luaidhe, luaidheach. 2. heavy, unwilling, motionless: trom, aindconach, neo-ghluasadach, marbh, marbhanta. 3. heavy, dull: trom, trom-chridheach, trom-inntinn-eah. 4. stupid, absurd: baoth, cu-céillidh, mi-chiallach.

LEADEN-HEARTED, *adj.* Neo-thlusail, cruaidh-chridheach, neo-mhothachail.

LEADEN-STEPPING, *adj.* Trom-shiùbhlach, trom-cheumach.

LEADER, *s.* 1. One that leads, or conducts: fear-

- treòrachaidh, fear-stiùraidh. 2. captain, commander : ceann-feadhna, ceann-iùil, ceannard. 3. one who goes first : fear-ccann-shreath. 4. one at the head of a party, or faction : ceann-iùil, ceannard.
- LEADING**, *part. adj.* Prìomh, àrd, ceud.
- LEADING**, *s.* 1. Guidance, conduct by the hand : treòrachadh, stiùradh. 2. conduct of a commander : nachdranachd, riaghladh.
- LEADINGSTRINGS**, *s.* Crìosan-treòrachaidh.
- LEADMAN**, *s.* Fear-tòiseachaidh dannsa.
- LEAF**, *s.* Duilleag, duille, bileag.
- LEAF**, *v. n.* Giùlain duille, cuir a mach duilleagan.
- LEAFAGE**, *s.* Duilleach, duille.
- LEAFLESS**, *adj.* Cun duille, lom, rùisgte, seargta.
- LEAFY**, *adj.* Duilleagach, fuidh bhlàth, gorm.
- LEAGUE**, *s.* Co-bhann, co-cheangal, co-chomunn, comh-phàirt.
- LEAGUE**, *v. n.* Dean co-cheangal, co-aontaich, dean comh-bhann.
- LEAGUE**, *s.* Tomhas, no fad thrì mìle.
- LEAGUED**, *adj.* Co-cheangailte, an co-bhoinn, co-aontaichte.
- LEAGUER**, *s.* 1. A camp : campa, longphort. 2. a siege : séisd, séisdeadh. 3. one united in a confederacy : fear-comh-bhoinn.
- LEAK**, *s.* Toll, sgoltadh, sgàineadh, eu-dìon.
- LEAK**, *v. a. et n.* 1. Let out : leig a mach. 2. let water in : bi eu-dìonach, bi neo-dhìonach. 3. let water out : caill, bi eu-dìonach, leig asad. 4. drop through a breach, or discontinuity : sil, snith.
- LEAKAGE**, *s.* Eu-dìon, eu-dìonachd, call eu-dìona.
- LEAKY**, *adj.* 1. Battered or pierced so as to let water in or out : eu-dìonach, neo-dhìonach. 2. loquacious, not close : bruidhneach, fòsgailte, luath-bheulach.
- LEAN**, *v. n.* 1. Incline against, rest against : leag do thaic ri, leag taic air, leig do chudthrom air, luidh air. 2. propend, tend towards : lean ri, biodh do thaic ri, aom. 3. be in a bending posture : crom thu féin, bi a' cromadh. 4. bend, waver, totter : aom, luaisg, bi air chrith.
- LEAN**, *adj.* 1. Not fat, meagre, wanting flesh, bareboned : caol, bochd, tana, gun fheòil, lom, lom-chnaimheach. 2. not unctuous, thin, hungry : neo-shultmhor, tana, goirteach. 3. low, poor : bochd, truagh. 4. jejune, not comprehensive : tioram, neo-bhrìoghail, gun seadh. 5. shallow, dull : neo-sheadhach, trom.
- LEAN**, *s.* Blianach, dubh-fheòil, feòil gun saill.
- LEANLY**, *adv.* See *Lean, adj.*
- LEANNESS**, *s.* 1. Extenuation of body, want of flesh, meagreness : caoile, caoilcad, neo-shultmhorachd, tanad. 2. want of matter, thinness, poverty : neo-bhrìoghalachd, tiormachd, luimcad.
- LEANY**, *adj.* See *Lean, adj.*
- LEAP**, *v. a. et n.* 1. Pass over or into by leaping : leum, leum thairis air, leum ann. 2. compress, as beasts : leum air. 3. jump : leum. 4. rush with vehemence : leum, thoir leum. 5. bound, spring : leum.
- LEAP**, *s.* 1. Bound, jump, act of leaping : leum, cruinn-leum. 2. space passed by leaping : leum, fad léime. 3. sudden transition : leum, briosgadh, grad-charachadh. 4. an assault of an animal of prey : leum, ionnsuidh, ruathar. 5. embrace of animals : leum.
- LEAP-YEAR**, *s.* Bliadhna léim.
- LEAPER**, *s.* Leumadair, fear-léime.
- LEARN**, *v. a. et n.* 1. Gain the knowledge or skill of : foghlum, ionnsuich. 2. take pattern of : foghlum o, ionnsuich o.
- LEARNED**, *adj.* 1. Versed in science and literature : foghlumte, ionnsuichte, oileanta. 2. skilled in, skilful, knowing : eòlach, fiosrach. 3. skilled in scholastic, as distinct from other knowledge : sgoileireach, leabhrach. 4. wise : glic, ciallach, domhain, tuigseach.
- LEARNEDLY**, *adv.* See *Learned*,
- LEARNER**, *s.* Foghlumaiche, foghlainteach, sgoilear.
- LEARNING**, *s.* Foghluma, ionnsachadh, eòlas, oilean, sgoil.
- LEASE**, *s.* Gabhail, cùmhnant, suidheachadh.
- LEASE**, *v. a.* Leig a mach air ghabhail, thoir gabhail do.
- LEASE**, *v. n.* Dioghlum, tionail suas.
- LEASER**, *s.* 1. A gleaner, gatherer after the reaper : dioghlumaiche. 2. a liar : breugair.
- LEASH**, *s.* 1. A leather thong : iall. 2. a tierce, three : trìùir. 3. a band wherewith to tie any thing in general : bann, ceanglachan.
- LEASH**, *v. a.* Cum air éill, ceangail le iall.
- LEASING**, *s.* Breugan, mealltaireachd, foill.
- LEASOW**, *s.* Ionaltradh, fearann ionaltraidh, lios-bhò.
- LEAST**, *adj.* A 's lugha, a 's bige, a 's crìne.
- LEAST**, *adv.* Mar a 's lugha, air a' chuid a 's lugha, air a laghad.
- AT LEAST**,
AT THE LEAST,
AT LEASTWISE, } *adv.* An car a 's lugha, air a' chuid a 's lugha, co dhiù.
- LEATHER**, *s.* Leathar, craicionn cairtidh, seich, bian-cairtidh.
- LEATHER**, *v. a.* Gréidh, buail, slachd.
- LEATHER-DRESSER**, *s.* Fear-deasachaidh leathrach.
- LEATHERN**, *adj.* Leathrach, dèanta do leathar, mar leathar.
- LEATHERSELLER**, *s.* Fear-reic leathrach.
- LEATHERY**, *adj.* Leathrachail, mar leathair.
- LEAVE**, *s.* 1. Grant of liberty, permission, allowance : cead, luathrachd. 2. farewell, adieu ceud.
- LEAVE**, *v. a. et n.* 1. Quit, forsake : fàg, tréig. 2. desert, abandon : tréig, cùlaich, cuir cùl ri. 3. depart from : fàg. 4. have remaining at death : fàg. 5. deprive not of : fàg aig, leig le. 6. suffer to remain : leig le, fàg. 7. reject, choose not : diùlt, fàg. 8. fix as a token or remembrance : fàg, fàg mar chuimhneachan. 9. bequeath, give as an inheritance : fàg, fàg an dileab, tiomain. 10. give up, resign, part with : leig seachad, thoir seachad, leig uait. 11. permit without interposition : leig le. 12. cease to do, desist from : sguir, leig dhìot. 13. leave off, desist from, forbear : leig dhìot, sguir. 14. leave off, forsake : tréig. 15. leave out, omit, neglect : fàg, di-chuimhnich.

16. cease, desist : sguir. 17. leave *off*, desist, stop : sguir, stad.

LEAVED, *adj.* Duilleagach, bileagach, duilleach.

LEAVELESS, *adj.* See Leafless.

LEAVEN, *s.* Taois.

LEAVEN, *v. a.* Taoisinn.

LEAVENING, *s.* Taosnadh, taoisneadh.

LEAVER, *s.* Fear-tréigsinn, fear-diobraidh, fear-fágail.

LEAVES, *pl.* of Leaf, which see.

LEAVINGS, *s.* Fuighealach, fuigheall, spruilleach.

LEAVY, *adj.* See Leafy.

LECHER, *s.* Fear-siùrsachd, fear-drùiseil, fear neoghloine.

LECHER, *v. n.* Dean siùrsachd.

LECHEROUS, *adj.* 1. Provoking lust : drùiseil, macnusach, draosda. 2. lewd, lustful : ana-miannach, collaidh, neo-gheamnuidh.

LECHEROUSLY, *adv.* See Lecherous.

LECHEROUSNESS, *s.* Drùisealachd, macnusachd, draosdachd, neo-gheamnuidheachd.

LECHERY, *s.* See Lowdness.

LECTION, *s.* Leughadh.

LECTURE, *s.* 1. A discourse pronounced upon any subject : leughadh, mìneachadh, seanchas-mìneachaidh. 2. the act, or practice of reading : leughadh. 3. a magisterial reprimand : achnihasan, cronachadh, trod.

LECTURE, *v. n.* Minich, teagaisg am follais.

LECTURER, *s.* Fear-mìneachaidh, fear-teagaisg am follais.

LECTURESHP, *s.* Dreuchd fir-mìneachaidh.

LED, *pret. part. v.* Lead. Treòraichte, stiùirte.

LEDGE, *s.* 1. A row, layer, stratum : sreath, breath, cuairt, leabaidh. 2. a ridge rising above or projecting beyond the rest : sreath mhullaich, oir, foir, sreath oireach.

LEDGER, *s.* Leabhar-cunntais.

LEDHORSE, *s.* Each-saic, each-eallaich.

LEE, *s.* 1. Dregs, sediment, refuse : dèasgair, dèasgadh, làib. 2. a sea term : fasgadh. Lee side : taobh an fhasgaidh, an taobh leis. Weather side : taobh an fuaraidh, an taobh ris.

LEECH, *s.* 1. A physician : léigh. 2. a small kind of water serpent, used to draw blood : deal, dealtholl, dollag.

LEECH, *v. a.* Cuir léigheas ri, cuir deal ri.

LEECHCRAFT, *s.* Ealainn-leighis, còlas léighean.

LEEF, *adj.* 1. Agreeable, pleasing, grateful, dear : taitneach, caomb, caoimhneil, gràdhach. 2. willing : toileach.

LEEK, *s.* Creamh, an creamh, creamh-gàraidh.

LEER, *s.* 1. Complexion, hue, face : gnùis, aogas, snuadh, aghaidh. 2. an oblique view : siar shealladh, fiar-shealladh, fiar-shuil. 3. a laboured cast of countenance : gnùis-cheilg. 4. the cheek : leth-cheann, leac.

LEER, *v. a. et n.* 1. Draw on with smiles, beguile with leering : tataidh, tàlaidh. 2. look obliquely, look archly : amhaire siar, dean caog-shuil.

LEERINGLY, *adv.* Gu caog-shuileach, gu fiar-sheallach.

LEES, *s.* See Lee, *s.*

LEESE, *v. a.* 1. See Lose. 2. hurt, destroy : mill, sgrìos, ciùrr.

LEET, *s.* Latha-ceartais, latha-mòid. In Scotland, a list out of which one is to be chosen : cunntas ainmean, chum taghaidh, cunntas-taghaidh.

LEEWARD, *s.* Air fasgadh, gu fasgadh.

LEFT, *pret. part.* of Leave. Fàgta, tréigte. See Leave.

LEFT, *adj.* Clith, tuaitheal, toisgeal, tual, ceàrr.

LEFT-HANDED, *adj.* Clith-lamhach, ceàrr-lamhach, ciotach.

LEFT-HANDEDNESS, *s.* Clith-lamhachd, ceàrr-lamhachd, ciotaiche.

LEG, *s.* Lurg, cos, cas, calpa, lurgann.

LEGACY, *s.* Dileab.

LEGAL, *adj.* Laghail, ceart, ceadaichte, dligheach.

LEGALITY, *s.* Laghaileachd, ceartas, dligheachas, dligheachd.

LEGALIZE, *v. a.* Dean laghail, dean ceadaichte.

LEGALLY, *adv.* See Legal.

LEGATARY, *s.* See Legatee.

LEGATE, *s.* 1. A deputy, an ambassador : teachd-air, fear ionaid, teachdair rìgh. 2. a Pope's ambassador : teachdair o'n Phàpa.

LEGATEE, *s.* Fear-dilib, dileabach.

LEGATION, *s.* Teachdaireachd.

LEGATOR, *s.* Fear-tionnaidh, fear-fágail dhileab, tionnaidhear.

LEGEND, *s.* 1. A chronicle or register of the lives of saints : eachdraidh nan naomb. 2. any memorial, or relation : seanachas, sgeul. 3. any incredible unauthentic narrative : faoin-sgeul, sgeulachd. 4. any inscription, particularly on medals, or coins. sean sgrìobhadh.

LEGEND, *v. a.* Aithris sgeulachd.

LEGENDARY, *adj.* Seann-sgeulach, spleadhach.

LEGENDARY, *s.* 1. A book of old histories : leabhar fhaoin-sgeul, leabhar shean-eachdraidh. 2. a relater of legends : fear-aithris sgeulachdan.

LEGER, *s.* See Ledger.

LEGEMDEMAIN, *s.* Cleasachd, lùb-chleasachd, làmh-chleas, cleas meallta, lùth-chleas, claon-char, cuilbheart.

LEGGED, *adj.* Cosach, casach.

LEGIBILITY, *s.* So-leughachd, soilleireachd.

LEGIBLE, *adj.* So-leughaidh, soilleir.

LEGIBLENESS, *s.* See Legibility.

LEGIBLY, *adv.* See Legible.

LEGION, *s.* 1. A body of Roman soldiers : feachd-bhuidheann Romhananach, mu chùig mìle. 2. a military force : feachd, arm. 3. any great number : iomadaidh, mòran.

LEGIONARY, *adj.* Sluaghmhor, feachdail, iomadaidheach.

LEGISLATE, *v. n.* Dean laghan, thoir laghanna do.

LEGISLATION, *s.* Lagh-dheanamh, lagh-thabhartas.

LEGISLATIVE, *adj.* Lagh-thabhairteach.

LEGISLATOR, *s.* Lagh-thabhairtear, fear-dèanamh laghanna.

LEGISLATORSHP, *s.* Lagh-thabhairtearachd.

LEGISLATURE, *s.* Lagh-thabhartas, lagh-ùghdarras.

LEGIST, *s.* Fear-lagha, fear-còlach 's an lagh.

LEGITIMACY, *s.* 1. Lawfulness of birth : dligheachd-

- breithe, breith-dhligheachd. 2. genuineness, not spuriousness : firinn, firinneachd, glaine.
- LEGITIMATE, *adj.*** 1. Born in marriage, lawfully begotten : neo-dhiolain, dligheach. 2. genuine, not spurious : fìor, fìrinneach, dligheach. 3. lawful : laghail, ceart, dligheach.
- LEGITIMATE, *v. a.*** Dean dligheach, dean laghail.
- LEGITIMATELY, *adv.*** See Legitimate, *adj.*
- LEGITIMATENESS, *s.*** See Legitimacy.
- LEGITIMATION, *s.*** 1. See Legitimacy, 1. 2. act of investing with the privileges of lawful birth : dlighe-thabhairt.
- LEGUME, } *s.*** Fras, ros, siol cochullach, peasar,
LEGUMEN, } pònar.
- LEGUMINOUS, *adj.*** Cochullach, mar pheasar, mar pònar.
- LEISURABLE, *adj.*** Adhaiseach, air adhais, socrach.
- LEISURABLY, *adv.*** See Leisureable.
- LEISURE, *s.*** 1. Freedom from business, or hurry : adhais, socair, fois. 2. convenience of time : cothrom, fàth, fàth-chothrom.
- LEISURE, *adj.*** Cothromach, socrach, adhaiseach.
- LEISURELY, *adj.*** Adhaiseach, mall, socrach.
- LEISURELY, *adv.*** See Leisurely, *adj.*
- LEMAN, *s.*** Leannan, gràidhean, gràidheag.
- LEND, *v. a.*** 1. Afford, or supply, on condition of repayment : thoir an iasad, thoir an iasachd, thoir an coingheall. 2. afford, grant in general : thoir, tabhair, thoir uat.
- LENDER, *s.*** 1. One who lends any thing : iasad-aiche. 2. an usurer : fear-riadh, ocairaiche, ocairear.
- LENGTH, *s.*** Fad, sìneadh, astar. At length : mu dheireadh thall, fa-dheòidh.
- LENGTHEN, *v. a. et n.*** 1. Make longer : cuir am fad, dean ni 's faide, sìn, sìn a mach. 2. grow longer : sìn, fàs ni 's faide.
- LENGTHENING, *s.*** Sìneadh, cur am faidead, dol am faidead.
- LENGTHFUL, *adj.*** Fada.
- LENGTHWISE, *adv.*** Air 'fhad.
- LENIENT, *adj.*** 1. Assuasive, softening, mitigating : ciùin, caoin, maoth, tlàth. 2. laxative, emollient : fuasgailteach, taiseachail.
- LENIENT, *s.*** Ioeshlaint-thaiseachaidh.
- LENIFY, *v. n.*** Ciùinich, sìthich, taisich, dean maoth.
- LENITIVE, *adj.*** Ciùineachail, taiseachail, maoth-dheanadach.
- LENITIVE, *s.*** Ioeshlaint-thaiseachaidh, leigheas-maothachaidh.
- LENITY, *s.*** Bàigh, iochd, caomhalachd, ciùine, sèimhealachd, tlus, caomhneas.
- LENS, *s.*** Gloine-mheudachaidh, no, lughdachaidh, gloine-losgaidh.
- LENT, *pret. part. v.*** Lend. Air a thabhairt an iasad.
- LENT, *s.*** Cairgheas, àm-trasgaidh.
- LENTIGINOUS, *adj.*** Sgrathach, cochullach, carrach.
- LENTICO, *s.*** Càrr, tachas, briseadh-craicinn.
- LENTIL, *s.*** Gall-pheasair.
- LENTITUDE, *s.*** Adhairceachd, moille.
- LENTOR, *s.*** 1. Tenacity, viscosity : leantuinneachd, teanntachd, rìghneachd. 2. slowness, delay, sluggish coldness : màirnealachd, leisg, raigead, raige.
- LENTOUS, *adj.*** Rìghinn, rag, slamach.
- LEOD, *s.*** Sluagh.
- LEONINE, *adj.*** Leòmhannach.
- LEOPARD, *s.*** Liopard.
- LEPER, *s.*** Lobhar.
- LEPEROUS, *adj.*** See Leprous.
- LEPID, *adj.*** Sunndach, suigeartach, mear.
- LEPORINE, *adj.*** Maigheachail.
- LEPROSITY, *s.*** Lobharach, luibhreach.
- LEPROSY, *s.*** Luibhre, mùir, ball-ghalar.
- LEPROUS, *s.*** Lobharach, luibhreach, mùireach.
- LEPROUSLY, *adv.*** See Leprous.
- LEPROUSNESS, *s.*** Luibhreachd, lobharachd.
- LERRY, *s.*** Achmhasan, trod.
- LESS, *conj.*** See Unless.
- LESS, *adj.*** Ni 's lugha, ni 's crìne.
- LESS, *s.*** Ni 's lugha.
- LESSEE, *s.*** Fear-gabhail, fear-gabhalach, tuathanach.
- LESSEN, *v. a. et n.*** 1. Make less, diminish in bulk : lughdaich, cuir an lughad. 2. degrade, deprive of power or dignity : islich, thoir sìos, leag sìos. 3. grow less, be diminished : fàs ni 's lugha, rach an lughad.
- LESSER, *adj.*** See Less, *adj.*
- LESSES, *s.*** Buachar, innear.
- LESSON, *s.*** 1. Any thing read or repeated to a teacher, in order to improvement : earrann-leughaidh, *leasan*, leas-aithne. 2. precept, notion inculcated : àithne, ionnsachadh, teagasg. 3. a rating lecture : trod, achmhasan.
- LESSON, *v. a.*** Teagaisg, thoir teagasg do.
- LESSON, *s.*** Fear suidheachaidh fearainn, no, thighean.
- LEST, *conj.*** Mu, mun, mu 'n, air eagal gu, an t-eagal gu.
- LET, *v. a.*** 1. Allow, suffer, permit : leig le, luathsaich, ceadaich. 2. leave : leig le. 3. put to hire, grant to a tenant : suidhich, thoir air chumh-aibh, thoir air ghabhail. 3. let *be* : leig le, leig leis. 4. let *be*, let go, let alone : leig ruith le, leig as. 5. let *blood* : leig fuil, tarruing fuil. 6. let *in* : leig a stigh. 7. let *off*, discharge : leig as. Let us go : tiugaimn, falbhamaid. Let them go, *i. e.* they may go : falbhadh iad. Let us rise : éireamaid. Let us sit : suidheamaid. Let us speak : labhramaid.
- LET, *v. a. et n.*** 1. Hinder, obstruct, oppose : bac, grab, toirmisg, cuir stad air. 2. forbear, withhold thyself : eum ort, cum ort féin.
- LET, *s.*** Bacadh, stad, grabadh, maille, dàil, amladh, cnap-starraidh.
- LETHAL, *adj.*** Bàsmhor, fuilteach, millteach.
- LETHALITY, *s.*** Bàsmhorachd.
- LETHARGIC, } *adj.*** Marbhanta, airsnealach, turra-
LETHARGICAL, } chodalach, trom-inntinneach.
- LETHARGICALLY, *adv.*** See Lethargical.
- LETHARGICALNESS, *s.*** Marbhantachd, airsnealachd, trom-inntinneachd.
- LETHARGY, *s.*** Trom-chodal, truime, marbh-sgìtheachd, suain-ghalar, turra-chodal.
- LETHE, *s.*** Deoch dhi-chuimhne.
- LETHIFEROUS, *adj.*** See Lethal.

LETTER, s. 1. One who lets, or permits: fear-luathsachaidh. 2. one who hinders: fear-bacaidh. 3. one who gives vent to any thing: fear-leigeil a mach. 4. a letter go: struidhear.

LETTER, s. Litir.

LETTER, v. a. Litrich, comharraich le litrichibh.

LETTERED, adj. 1. Learned: foghlumte, ionnsuichte, oileanta. 2. belonging to learning, suiting letters: sgoilearach, leabhrach.

LETTERPRESS, s. Clòdh-bhualachd, clòdh.

LEUCOPHEGMACY, s. Glas-ñeulachas, fuar-fhallus.

LEEVE, s. 1. Time of rising: àm éiridh. 2. the concourse of people that crowd round a man of power in the morning: cuideachd-maidne.

LEVEL, adj. Còmhnard, réidh.

LEVEL, v. a. et n. 1. Make even, free from inequalities: dean còmhnard, dean réidh. 2. reduce to the same height with something else: co-islich. 3. lay flat: leag sìos, buail sìos, leag gu làr. 4. bring to equality of condition: dean aon-inbheach, dean co-inbheach. 5. point in taking aim, aim: cuimsich, gabh cuimse. 6. aim at, bring to the same line with the mark: gabh fradharc, rach 'an amharc, gabh cuimse. 7. conjecture, attempt to guess: tomhais. 8. make attempts, aim: oidhirpich, thoir ionnsuidh. 9. square with, accord: còrd, rì, bi réidh rì.

LEVEL, s. 1. A plane, a surface without protuberances or inequalities: còmhnard, réidh-ionad. 2. rate, standard, customary height: àirde, cuimse. 3. suitable or proportionate height: co-àirde, co-chuimse, iomchuidheachd. 4. a state of equality: coimeas, co-inbheachd, co-àirde. 5. the line of direction in which any missive weapon is aimed: cuimse.

LEVELLER, s. 1. One who makes any thing even, one who measures, or lays a level: fear-dèanaimh còmhnard, fear-tomhais. 2. one who destroys superiority: fear-leagaidh inbhean, nàmhaid uachranachd.

LEVELNESS, s. Còmhnardachd, réidheachd.

LEVER, s. Geimhleag, inneal-togail.

LEVERET, s. Cuilean maighich, maigheach òg.

LEVET, s. Sgal-trompaid.

LEVEROCK, s. See Laverock.

LEVIABLE, adj. So-thogail, so-thionail mar chis.

LEVIATHAN, s. Muc-mhara, an ceirean-cròin.

LEVIGATE, v. a. 1. Polish, smooth: lìomh. 2. rub or grind to an impalpable powder: meil, mìnmheil, mìn-phronn. 3. mix till the liquor becomes smooth and uniform: suath.

LEVIGATION, s. Lìomhadh, meileadh, suathadh. See Levigate.

LEVITATION, s. Eutromachadh, deanamh eutrom.

LEVITE, s. Lebhithiach, neach de threubh Lebhi, sagart.

LEVITICAL, adj. Lebhithiach, sagartach.

LEVITICALLY, adv. See Levitical.

LEVITY, s. 1. Lightness, not heaviness: eutruime, eutromachd. 2. inconstancy, changeableness: luaineachas, caochlaidheachd, gòraich, gogaidheachd. 3. idle pleasure, vanity: dìomhanas,

amaideachd. 4. trifling gaiety, want of seriousness: neo-stòdachd, neo-shuidhichteachd.

LEVY, v. a. 1. Raise, bring together, of men: tog, tionail, dean suas feachd. 2. raise, applied to money: tog.

LEVY, s. 1. Act of raising money, or men: togail. 2. the men raised: feachd, armait, cruinneachadh, buidheann. 3. war raised: cogadh.

LEW, adj. See Lukewarm.

LEWD, adj. 1. Wicked, bad, dissolute: olc, aingidh, mi-bheusach, coirbte. 2. lustful, libidinous: ana-miannach, druseil, strìopachail, draosda, collaidh.

LEWDLY, adv. See Lewd.

LEWDNESS, s. 1. Grossness, want of shame: mì-nàire, mì-stuamachd. 2. wickedness, propensity to wickedness: coirbteachd, droch-mhuinteachd, aingidheachd. 3. lustful licentiousness: ana-miann, drusealachd, draosdachd, collaidheachd.

LEWDSTER, s. Druisear, fear draosda.

LEXICOGRAPHER, s. Fear-dèanaimh foclair, foclad-air.

LEXICOGRAPHY, s. Foclairachd, focladaireachd.

LEXICON, s. Foclair, leabhar-fhocal.

LEY, s. See Lea.

LIABILITY, s. Buailteachd do, do-sheachantachd.

LIABLE, adj. Buailteach, buailteach do, do-sheachantach.

LIABLENESS, s. See Liability.

LIAR, s. Breugair, fear aithbris bhreug, truthair, cealgair.

LIARD, adj. Liath, liath-ghlas.

LIB, v. a. See Castrate.

LIBATION, s. Iobairt-dibhe, ìobairt-òil.

LIBBARD, s. See Leopard.

LIBEL, s. 1. A satire, a defamatory writing, a lampoon: aoir, aoireadh. 2. a declaration, or charge in writing against a person exhibited in court: casaid sgriobhta, cùis-chasaid, cùis-dhìtidh.

LIBEL, v. a. Aoir, càin, maslach.

LIBELLER, s. Aoireadair, fear-aoiridh, fear-càinidh.

LIBELLING, s. Aoireadh, càineadh, dìteadh.

LIBELLOUS, adj. Diteachail, maslachail, tàir-chainnteach.

LIBERAL, adj. 1. Not mean, not low in birth, or mind: uasal, flathail, fiùghantach, fial, fialaidh. 2. becoming a gentleman: uasal. 3. munificent, generous, bountiful, not parsimonious: fialaidh, tabhairteach, toirbheartach, pailt-làmhach, aoidheil, geanail, faoilidh. 3. gross, licentious, free to excess: mi-bheusach, mi-mhodhail, mi-shubhailceach, ama-measarra.

LIBERALITY, s. Tabhairteachd, toirbheartas, fialaidheachd, féile, uaisle, aoidheachd, aoidhealachd.

LIBERALIZE, v. a. Dean aoidheil, dean uasail, dean fialaidh, fàg fialaidh, cuir am bodach as.

LIBERALLY, adv. See Liberal.

LIBERATE, v. a. Cuir mu sgaoil, cuir fuidh sgaoil, saor, thoir saorsa do.

LIBERATION, s. Cur fuidh sgaoil, fuasgladh, saoradh.

LIBERATOR, s. Saoradair, fear-fuasglaidh.

LIBERTINAGE, s. See Libertinism.

LIBERTINE, s. 1. One unconfined, one at liberty : saoranach, duine gun chuing. 2. one who lives without restraint or law : duine gun smachd, fear-aimhreit, ceann-buairidh. 3. one who pays no regard to religion : aindiadhach, ana-creidmheach. 4. (in law) a freedman, the son of a freedman : duine saor.

LIBERTINE, adj. Ain-diadhaidh, ana-creidmheach.

LIBERTINISM, s. 1. Irreligion, licentiousness of opinions and practice : aindiadhachd, ana-creidimh, neo-mheasarrachd. 2. privilege of a freedman : dlighe saoir dhuine.

LIBERTY, s. 1. Freedom, as opposed to slavery : saorsa. 2. exemption from tyranny or inordinate government : saorsa, socair, fois. 3. freedom, as opposed to necessity : saorsa, cead. 4. privilege, immunity, exemption : sochair, dlighe. 5. relaxation of restraint : fuasgladh. 6. leave, permission : cead, luathsachadh.

LIBIDINIST, s. See Lewdster.

LIBIDINOUS, adj. Ana-miannach, druiseil, neo-gheamnuidh, collaidh.

LIBIDINOUSLY, adv. See Libidinous.

LIBIDINOUSNESS, s. Ana-miannachd, druisealachd, neo-gheamnuidheachd, collaidheachd.

LIBRARIAN, s. Fear-gleidhidh leabhraichean, fear-leabhar-lann.

LIBRARY, s. 1. A large collection of books : leabhar-lann, leabhradan. 2. a book room : leabhar-lann, seòmar-leabhraichean.

LIBRATION, s. Co-chothromachadh, meigheachadh.

LIBRATORY, adj. Co-mheigheachail, luasganach.

LICE, pl. of Louse, which see.

LICENSE, s. 1. Exorbitant liberty, contempt of legal and necessary restraint : ro-shaorsa, fuasgailteachd, srian fhuasgailte. 2. a grant of permission : cead, comas. 3. liberty, permission : cead, luathsachadh.

LICENSE, v. a. Ceadach, thoir cead laghail do.

LICENSER, s. Fear-ceadachaidh.

LICENTIATE, s. Fear ceadachte 'n a dhreuchd, fear-barrantais.

LICENTIATE, v. a. Thoir barrantas do, ceadach le barrantas.

LICENTIOUS, adj. 1. Unrestrained by law, or morality : fuasgailte, neo-mheasarra, mi-bheusach. 2. presumptuous, unconfined : dàna, ann-dàna, ladarna.

LICENTIOUSLY, adv. See Licentious.

LICENTIOUSNESS, s. Fuasgailteachd, neo-mheasarrachd, mi-bheus, ann-dànas, ladarnas.

LICI, s. Corp, fear-lic.

LICHEN, s. Crotal, griaman.

LICHOWL, s. Coilleach-oidhche, cumhachag.

LICIT, adj. Laghail, ceart, dligheach.

LICITLY, adv. See Licit.

LICITNESS, s. Laghaileachd, dligheachas, ceartas, còir.

LICK, v. a. Imlich. Lick up : sluig.

LICK, v. a. Buail, gabh air, dòrn, gréidh.

LICK, s. Buille, dòrn, cnap, gréidheadh.

LICKER, s. Fear-imlich.

LICKERISH, } adj. 1. Nice in the choice of food :
LICKEROUS, } sòghmhor, geòcail, rùithteil. 2. ea-
ger, greedy to swallow : ciocrach, lonach, geòcach.

LICKERISHNESS, } s. Sòghmhorachd, geòcaiche,
LICKEROUSNESS, } geòcaireachd.
LICOROUSNESS, }

LICKERISHLY, } adv. See Lickerish.
LICOROUSLY, }

LICORICE, s. Maide milis, cara-mealla.

LICTOR, s. Maor Romhanach.

LID, s. 1. A cover: còmhach, ceann, brod. 2. the membrane that when we sleep or wink is drawn over the eye : fabhradh, rosg.

LIE, s. Coimeasgadh, treamsgal.

LIE, s. Breug.

LIE, v. n. Innis breug, dean breug.

LIE, v. n. 1. Rest horizontally : luidh. 2. rest, press upon : luidh, luidh air. 3. be repositied in the grave : luidh sìnte. 4. pass the time of sleep : luidh, coidil. 5. remain fixed : fan, fuirich. 6. reside : tàmh, fan, tuinich, còmhnuich. 7. be placed or situated with respect to something else : luidh, bi suidhichte, bi. 8. press upon afflictively : luidh air. 9. be troublesome or tedious : bi draghail do, luidh air. 10. be judicially imputed : bi air. 11. be in any particular state : bi. 12. be in a state of concealment : bi am folach, bi fol-aichte. 13. be in prison : bi an sàs, bi am prìosan. 14. be in a bad state : bi an droch luidhe, bi air dhroch càreadh. 15. consist : comh-sheas. 16. be in the power, belong to : bi an comas do. 17. be *by*, rest, remain, still : foisich, bi aig fois. 18. lie *down*, rest, go into a state of repose : luidh sìos. 19. lie *in* : bi an leabaidh-shiùbhla. 20. lie *under*, be subject to, be oppressed by : luidh fuidh, bi fuidh.

LIEF, adj. See Leaf.

LIEGE, s. Tighearn, uachdaran.

LIEGE, adj. Uachdranach.

LIEGER, s. Teachdaire-rìgh.

LIENTERY, s. Sior-phlucas, buinneach mhòr, grad-bhuinneach.

LIER, s. Fear-luidhe, neach 'n a shìneadh.

LIEU, s. Àite, ionad, riochd. In lieu of : an àite, an ionad, an riochd.

LIEVE, adv. Gu toileach, gu deònach, gu h-èasg-uidh.

LIEUTENANCY, s. Fo-uachdranachd, fo-fhlaitheachd.

LIEUTENANT, s. Fo-uachdaran, fo-cheannard.

LIEUTANANTSHIP, s. See Lieutenantcy.

LIFE, s. 1. Vitality, animation : beatha, deò. 2. present state : beatha, a' bheatha ta làthair. 3. enjoyment, or possession of existence : beò, beatha. 4. blood, supposed vehicle of life : fuil. 5. conduct, manner of living : beatha, caitheamh-beatha. 6. condition, manner of living : cor, inbhe, seòl. 7. continuance of our present state : beatha, aimsir, làithean. 8. exact resemblance *to* : mac-samhuil. 9. general state of man : beatha. 10. common occurrences, the course of things : saoghal. 11. living person : creutair beò, neach beò. 12. narrative of a past life : beatha, eachdraidh-beatha.

13. spirit, briskness, vivacity, resolution : smior, smioralachd, beothalachd, meanmnachd. 14. animal, animated existence : deo, cré.

LIFE-BLOOD, *s.* Fuil na beatha.

LIFEGIVING, *adj.* Beatha-thabhairteach.

LIFEGUARD, *s.* Freiceadan rìgh.

LIFELESS, *adj.* 1. Dead, deprived of life : marbh, gun deò. 2. unanimated : marbhanta, neo-bheothail. 3. wanting power, force, or spirit : neo-mheanmach, neo-shunndach, gun chli.

LIFELESSLY, *adv.* See Lifeless.

LIFESTRING, *s.* Sreang-bheatha, cuisle.

LIFETIME, *s.* Aimsir, ùine, làithean.

LIFEWEARY, *adj.* Truagh, truaghanach.

LIFT, *v. a. et n.* 1. Raise from the ground, heave, elevate : tog. 2. rob, plunder : tog creach. 3. exalt, elevate mentally : àrdaich. 4. raise in fortune : tog, cuir suas, àrdaich. 5. exalt in dignity, or estimation : àrdaich. 6. elevate, swell as with pride : tog, at. 7. strive to raise by strength : tog. 8. practise theft : tog creach, creach, goid, bi ri gaduidheachd.

LIFT, *s.* 1. The manner of lifting : seòl-togail. 2. act of lifting : togail. 3. effort, struggle : oidheirp, ionnsuidh. 4. (in Scotland), load, or surcharge : eallach, togail. 5. (in Scottish) : speur, athar.

LIFTER, *s.* 1. One that lifts : fear-togalach. 2. a thief : gaduiche, mèirleach, creachadair.

LIFTING, *s.* Togail, cuideachadh.

LIG, *v. n.* Dean breug.

LIGAMENT, *s.* Ceanglachan, sreang-cheangail, ceangal.

LIGAMENTAL, } *adj.* Ceanglachanach, sreangach.

LIGAMENTOUS, }

LIGATION, *s.* Ceangal.

LIGATURE, *s.* Ceanglachan, bann, ceangal.

LIGHT, *s.* 1. The material medium of sight : solus. 2. power of perceiving external objects by the eye : fradharc, léirsinn. 3. state of the elements in which things become visible : solus, soillse. 4. day : là, latha, solus-latha. 5. life : beatha. 6. artificial light : solas. 7. illumination of mind, instruction, knowledge : eòlas, soilleireachd, foghlum. 8. point of view, situation, direction : sealladh, amharc. 9. public view, public notice : folluiseachd, follus, solus. 10. explanation : mìneachadh, soilleireachadh. 11. any thing that gives light : lòchran, solus.

LIGHT, *adj.* 1. Not heavy : eutrom. 2. not burdensome, easy to be worn, or carried : eutrom, so-ghiùlain, so-iomchar. 3. not afflictive, easy to be endured : so-fhulang, so-ghiùlain, eutrom. 4. easy to be performed, not difficult : furasda, eutrom. 5. not heavily armed : eutrom. 6. active, nimble : ealamb, lùthair, luath. 7. unencumbered, unembarrassed : socrach, foisneach, saor. 8. slight, not great : suarach, beag. 9. not dense, not gross : tana, caol. 10. unsteady, unsettled : luaineach, neo-shuidhichte, gòrach. 11. gay, airy, wanting dignity, or solidity : baoth, guanach, baogalta, gogaideach. 12. not chaste, not regular in conduct : neo-gheamnuidh, neo-mheasarra. 13. bright,

clear : soilleir, soillseach. 14. not dark, tending to whiteness : soilleir.

LIGHT, *v. a. et n.* 1. Kindle, inflame, set on fire : las, soillsich, beothaich. 2. give light to, guide by light : soillsich, thoir solus do. 3. illuminate, fill with light : dealraich, dean soilleir. 4. lighten, ease of a burden : eutromaich. 5. happen to find, fall upon by chance : tuit air, amais, amais air. 4. fall in any particular direction : tuit, tuit air. 7. fall, strike on : buail. 8. descend from a horse or carriage : téirinn, thig a mhàn, thig a nuas.

LIGHT-BEARER, *s.* Gille-lòchrain.

LIGHTBRAIN, *s.* Ceann-eutrom, neach gòrach.

LIGHTEN, *v. n.* 1. Flash, with thunder : dealraich, boillsg. 2. shine like lightning : dèars, boillsg. 3. fall, light : tuit, thig air.

LIGHTEN, *v. a.* 1. Illuminate, enlighten : soillsich, soilleirich. 2. exonerate, unload : eutromaich, saor o. 2. make less heavy : eutromaich. 4. exhilarate, cheer : tog gean, dean cridheil.

LIGHTER, *s.* 1. A large open vessel : seòrsa luinge. 2. one who communicates light : fear-soillseachaidh, fear-lasaidh.

LIGHTFINGERED, *adj.* Bradach, luath-mheurach.

LIGHTFOOT, *adj.* Luath-chosach, eutrom, lùthmhor.

LIGHTFOOT, *s.* Sithionn.

LIGHTFOOTED, *adj.* Eutrom, luath, luath-chosach.

LIGHTHEADED, *adj.* 1. Unsteady, loose, thoughtless, weak : corr-cheannach, sgaogach, eutrom, gog-cheannach. 2. delirious : air boile, air mhear-an-céille, gòrach.

LIGHTHEADEDNESS, *s.* Gòraiche, mearan-céille.

LIGHT-HEARTED, *adj.* Sunndach, suigeartach, aigh-earach, aigeantach, cridheil.

LIGHT-HOUSE, *s.* Tigh-soluis.

LIGHT-LEGGED, *adj.* Eutrom, luath, luath-chosach, siubhlach, grad-cheumach.

LIGHTLESS, *adj.* Doilleir, dorch, gun solus.

LIGHTLY, *adv.* See Light.

LIGHTNESS, *s.* 1. Want of weight : eutromachd, eutruime. 2. inconstancy, unsteadiness : luaineachas, neo-sheasmhachd, guaineas. 3. unchastity : neo-gheamnuidheachd. 4. agility, nimbleness : lùthmhorachd, cliseachd.

LIGHTNING, *s.* Dealanach, teine-dealanaich, tein'athar, teine speur.

LIGHTS, *s.* See Lungs.

LIGHTSOME, *adj.* 1. Luminous, not dark, not opaque : soilleir, soillseach, dearach. 2. gay, airy, having the power to exhilarate : sunndach, aighearach, cridheil.

LIGHTSOMENESS, *s.* 1. Luminousness, not opacity, not obscurity : soilleireachd, soillseachd. 2. cheerfulness, merriment, levity : sunnd, sunndachd, sùrd, aighear, cridhealas.

LIGNEOUS, } *adj.* Fiodha, fiodhach.

LIGNOUS, }

LIGURE, *s.* Ligur.

LIKE, *adj.* 1. Resembling, having resemblance : coltach, coslach. 2. equal, of the same quantity : ionann. 3. likely, in a state giving probable expectation : coltach, coslach, so-chreidsinn.

- LIKE, s.** 1. Some person or thing resembling another: mac-samhuil, samhuil, samhlahd. 2. like, used with *had*, i. e. had like: theab, theabadh.
- LIKE, adv.** 1. In the same manner: ionann agus, amhuil, amhuil mar, mar. 2. in such manner as befits: mar. 3. likely, probable: coltach.
- LIKE, v. a. et n.** 1. Choose, with some degree of preference: togair, roghnaich, gabh mar fòghainn. 2. approve, view with approbation: gabh ciatfadh dhe. 3. please, be agreeable to: taitinn ri. 4. liken: samhluich. 5. be pleased, chuse, list: tog-air, bi toilcach, be deònach.
- LIKELIHOOD, } s.** Coltas, coslach, cosmhalachd. In
LIKELINESS, } all likelihood: a réir coslais, a réir gach coslais.
- LIKELY, adj.** 1. Such as may be liked, such as may please: taitneach, riochdail, dreachmhor. 2. probable: coltach, cosmhuil.
- LIKELY, adv.** See *Likely, adj.*
- LIKEN, v. a.** Samhluich, coimeas.
- LIKENESS, s.** 1. Representation, parable, comparison: samhlahd. 2. resemblance, similitude: coslas, coltas, cosmhalachd. 3. form, appearance: dreach, coslas, dealbh. 4. a copy: mac-samhuil.
- LIKewise, adv.** Mar an ceudna, air a' mhodh cheudna, fòs, cuideachd.
- LIKING, adj.** Sultmhor, reamhar.
- LIKING, s.** 1. Good state of body, plumpness: sultmhorachd, reamhrachd. 2. state of trial: deuchainn. 3. inclination, desire: togradh, toil. 4. delight in, pleasure in: tlachd, toil-inntinn, toileachas.
- LILY, s.** Lilidh, neòinean.
- LILY-DAFFODIL, s.** Lus-a'-chrom-chinn.
- LILY-HANDED, adj.** Geal-lamhach.
- LILY-LIVERED, adj.** Cladhaireach, gealtach.
- LILT, v. n.** Dean gu clis, dean gu grad.
- LIMATURE, s.** Gaineamh mhiotailte, duslach an eadha.
- LIMB, s.** Ball, ball-cuirp. (of a tree): meur, geug.
- LIMB, v. a.** 1. Supply with limbs: cuir buill ri. 2. tear asunder, dismember: reub, srac, cuir as a bhuill.
- LIMBECK, s.** See *Alembic*.
- LIMBED, adj.** Cumta, iomlan 'n a bhallaibh.
- LIMBER, adj.** So-lùbaidh, so-thoinneamh, maoth.
- LIMBERNESS, s.** So-lùbaidheachd, maothachd.
- LIMBLESS, adj.** Gun bhuill, lom.
- LIMBO, s.** 1. A fabulous region bordering on hell, without pleasure or pain: ionad mharbh. 2. hell: ifrinn. 3. any place of misery and restraint: gainntir.
- LIME, s.** 1. A viscous substance drawn over twigs to catch birds: gladh cun. 2. matter of which mortar is made: aol.
- LIME, v. a.** 1. Entangle, ensnare: rib, glac. 2. smear with lime, manure with lime: aol.
- LIMEHOUND, s.** Mial-chu.
- LIME-KILN, s.** Àth-aoil.
- LIMESTONE, s.** Clach-aoil.
- LIME-WATER, s.** Uisge-aoil.
- LIMIT, s.** Crìoch, iomall, oir, ceann-crìche.
- LIMIT, v. a.** Cuairtich, cuir crìoch ri, cuir crìoch mu, suidhich crìochan.
- LIMITANEous, adj.** Crìochail, iomallach.
- LIMITARY, adj.** Crìoch-chaitriseach.
- LIMITATION, s.** 1. Restriction: crìoch-chur, bacadh. 2. circumspection: furachras, faicill. 3. limited time: ùine shuidhichte.
- LIMITLESS, adj.** Neo-chrìochnach.
- LIMNER, s.** 1. See *Limehound*. 2. a thill, or shaft: làimh, sambhach.
- LINN, v. a.** Tarruing, tarruing dealbh.
- LIMNER, s.** Fear-tarruing dhealbh.
- LIMOUS, adj.** Làibeach, clàbarach, làthachail.
- LIMP, v. n.** Bi bacach, bi crùbach, falbh air leth-chos.
- LIMP, s.** Crùbaiche, bacaiche.
- LIMPER, s.** Fear bacach, fear crùbach.
- LIMPET, s.** Bàirneach.
- LIMPID, adj.** Glan, soilleir, trìd-shoilleir.
- LIMPIDNESS, s.** Gloine, soilleireachd, trìd-shoilleir-eachd.
- LIMPINGLY, adv.** Gu crùbach, gu bacach.
- LIMPITUDE, s.** See *Limpidness*.
- LIMY, adj.** 1. Viscous, glutinous: gladhach. 2. containing lime: aolach.
- LIN, v. n.** Stad, thoir thairis sguir, leig dhìot.
- LINCHPIN, s.** Tarrung-aisil.
- LINCTUS, s.** Iocshlaint imlich.
- LINDEN, s.** Teile, crann-teile.
- LINE, s.** 1. Longitudinal extension: sgrìob, fad, sìneadh. 2. a slender string: sreang, sreangag. 3. a thread extended to direct any operations: sreang, còrd. 4. the string that sustains the angler's hook: driamlach, teilg. 5. lineaments or marks in the hands or face: stiall, stiallag. 6. delineation, sketch: dreach, cumadh, riaghailt. 7. as much as is written from one margin to the other, a verse: sreath-sgrìobhaidh, ceum dàin. 8. rank of soldiers: sreath, sreath-bhuidhne. 9. work thrown up, a trench: dig-daingnich. 10. method, disposition: dòigh, alt, seòl, riaghailt. 11. extension, limit: fad, astar, fad-criche. 12. equator, equinoctial circle: crios-meadhoin an t-saoghail. 13. progeny, family, ascending, or descending: linn, iarmad, sliochd, siol, gineal. 14. the tenth part of an inch: deicheamh earrann na h-òirleach. 15. a letter: litir. 16. lint, or flax: lion.
- LINE, v. a.** 1. Cover on the inside: lìng, cluthaich. 2. guard within: daingnich, dìon. 3. strengthen by inner works: daingnich. 4. cover with something soft: còmhdaich. 5. strengthen with help: neartaich. 6. impregnate, applied to animals generating: dean torrach, dàir, reithich.
- LINEAGE, s.** Linn, sliochd, iarmad, clann, cinneadh, fine, siol, teaghlach, gineal.
- LINEAL, adj.** 1. Composed of lines, delineated: sìnte, sreathach, dealbhata, tarruingte. 2. descending in a direct genealogy: dìreach, dligheach. 3. hereditary, derived from ancestors: dligheach,

dualach, dùthchasach. 4. allied by direct descent : dàimheil, an cleamhnas.

LINEALLY, *adv.* See Lineal.

LINEAMENT, *s.* Cruth, dreach, dualachas, comharradh, gnùise.

LINEAR, *adj.* See Lineal, 1.

LINEATION, *s.* Stiall, sgrìob, sgrìach, sreath.

LINEN, *s.* Anart, lion-eudach.

LINEN, *adj.* Anartach, mar anart.

LINENDRAPER, *s.* Reiceadair anart.

LINNENER, } *s.* See Linendrapper.

LINNENMAN, }

LING, *s.* 1. Heath : fraoch, shiabh. 2. a certain fish : langa.

LINGER, *v. n.* 1. Remain long in languour and pain : bi fada am péin, bi fuaidh chràdh-thinneas. 2. hesitate, be in suspense : ag, bi an teagamh, bi an iom-chomhairle. 3. remain long ; in an ill sense : dean màirneal, dean fadal. 4. remain long, without any action or determination : dean fadal, cuir dàil ann, dean dàil. 5. wait long in expectation, or uncertainty : fuirich, fan ri. 6. be long in producing effect : bi fada ri, gabh ùine.

LINGERER, *s.* Fear-màirneil, fear-fadail, fear dàlach, fear leasg, lunnair.

LINGERING, *s.* Màirneal, fadal, dàil.

LINGERINGLY, *adv.* Gu màirnealach, gu fadalach, gu h-adhaiseach.

LINGET, *s.* Òrd beag miotailte, geinn.

LINGLE, *s.* Snàithinn greusaiche.

LINGO, *s.* Cànan, cainnt, teanga, seòl-labhairt.

LINGUACIOUS, *adj.* Cainteach, bruidhneach, briathrach, gobach.

LINGUIST, *s.* Fear-chànain, teangair, fear ionnsuichte an caintibh.

LINIMENT, *s.* Cungaidh-leighis, sàbh, acfluinn-ungaidh.

LINING, *s.* Linig, lingeadh.

LINK, *s.* 1. A single ring of a chain : tinne, dùla. 2. any thing doubled, and closed together : cuairteag, deala. 3. a chain, any thing connected : ceangal, ceanglachan. 4. a torch : leus, torr-leus.

LINK, *v. a. et n.* 1. Complicate, as the links of a chain : co-cheangail, tàth, figh 's a chéile. 2. unite, join in concord : co-dhlùthaich, aon, co-cheangail. 3. join, connect : ceangail, aonaich, co-cheangail. 4. join by confederacy, or contract : dean co-cheangal ri, cuir an bannaibh, cuir an co-chomunn. 5. connect, as concomitant : dlùthaich ceangail. 6. link in, be connected : bi am bannaibh, bi 'n dlùthachd.

LINKBOY, } *s.* Fear-torr-leus, gille-leus, gille-soluis.

LINKMAN, }

LINNET, *s.* Bricean-beithe, gealan-lin.

LINSEED, *s.* Ros-lin, fras-lin.

LINSEY, } *s.* Drogaid.

LINSEY-WOOLSEY, }

LINSEY-WOOLSEY, } *adj.* 1. Made of linen and wool mixed : drogaideach. 2. vile, mean, of different and unsuitable parts : neo-mhaiseach, mìothar, suarach.

LINSTOCK, *s.* Maide-teine, fadadh-cluaise.

LINT, *s.* 1. The soft substance commonly called flax : lion. 2. linen scraped into soft woolly substance to lay upon sores : caiteas.

LINTEL, *s.* Àrd-dorus, for-dorus.

LION, *s.* Leòmhann.

LIONESS, *s.* Leòmhann boirionn, ban-leòmhann.

LIONLIKE, } *adj.* Leòmhannach, leòmhanta.

LIONLY, }

LIP, *s.* 1. The outer part of the mouth : bile, lip. 2. the edge of any thing : oir, bile, foir. 3. make a lip : cuir bus ort.

LIP-DEVOTION, *s.* Aoradh-beòil.

LIP-GOOD, *adj.* Beul-mhaith, beul-bhreagha.

LIP-LABOUR, *s.* Briathrachas, briathran gun seadh.

LIPOTHYMOUS, *adj.* Paiseanach, breisleachail, dol an neul.

LIPOTHYMY, *s.* Paisean, breisleach, neul.

LIPPED, *adj.* Bileach, busach, oircach.

LIPPITUDE, *s.* Prabaiche, brach-shuilleachd.

LIP-WISDOM, *s.* Beul-ghliocas, gliocas-beoil.

LIQUABLE, *adj.* So-leaghaidh.

LIQUATION, *s.* 1. Act of melting : leaghadh. 2. capacity to be melted : so-leaghachd.

LIQUATE, *v. n.* Leagh, fas tana.

LIQUEFACTION, *s.* Leaghadh.

LIQUEFIABLE, *adj.* So-leaghaidh.

LIQUEFY, *v. a. et n.* Leagh, fàs tana.

LIQUESCENCY, *s.* Leaghtachd, leaghantachd.

LIQUESCENT, *s.* Leaghtach, leaghanta.

LIQUEUR, *s.* Dràm cubhraidh.

LIQUID, *adj.* 1. Not solid, fluid : tana. 2. soft, clear : bog, tais, soilleir. 3. pronounced without any jar or harshness : min, so-labhraidh.

LIQUID, *s.* Dibh, uisge, deoch, ni tana sam bith, mar uisge.

LIQUIDATE, *v. a.* Glan air falbh, lughdaich fiachan.

LIQUIDATION, *s.* Glanadh air falbh, lughdachadh fhiachan.

LIQUIDITY, } *s.* Tainead, tanad, leaghtachd, uisg-

LIQUIDNESS, } ealachd.

LIQUOR, *s.* Deoch, dibh, deoch làidir. See Liquid, *s.*

LIQUOR, *v. a.* Fliuch, bogaich, taisich.

LIQUORICE, *s.* See Licorice.

LISNE, *s.* Fàslach, còs, lag.

LISP, *v. a. et n.* 1. Utter with a lisp, express imperfectly, or with hesitation : dean liotaiche, labhair gu h-agail. 2. speak with too frequent apulses of the tongue to teeth or palate : bi liotach, bi manndach.

LISPER, *s.* Fear liotach, fear manndach.

LISPINGLY, *adv.* Gu liotach, gu manndach.

LISSOM, *adj.* See Limber.

LIST, *s.* 1. A roll, a catalogue : clàir-ainm, ainmchlàr. 2. enclosed ground in which tilts are run : ionad-còmhraig. 3. bound, limit : crìoch, iomall. 4. desire, willingness, choice : togradh, miann, toil. 5. a strip of cloth : stiall, stìom. 6. a border : oir.

LIST, *v. a. et n.* 1. Enrol, register : tog, cuir an àireamh, cuir a stigh t'ainm. 2. retain and enrol soldiers, enlist : gubh, cuir airgid rìgh air, gabh mar shaighdear. 3. enclose for combats : cuairtich, dùin a stigh ionad còmhraig. 4. sew together :

fuaigh. 5. hearken to, listen, attend : éisd, thoir an aire do, dean far-chluais.

LISTED, *adj.* Stiallach.

LISTEN, *v. n.* Éisd, thoir aire do, dean far-chluais.

LISTENER, *s.* Fear-éisdcachd, fear-far-chluais.

LISTFUL, *adj.* Aireachail, faicilleach.

LISTLESS, *adj.* 1. Without inclination, without any determination to one thing more than another : coma, coinheis, neo-umhailleach. 2. careless, heedless : neo-chùramach, gun aire, neo-mhothachail.

LISTLESSLY, *adv.* See Listless.

LISTLESSNESS, *s.* Cion-umhail, coimhiseachd, neo-mhothalachd, nao-aire, neo-chùram.

LIT, *pret.* of Light, *v.* Eas, dh' fhadaidh, bheothaich, shoillsich. See Light, *v.*

LITANY, *s.* An Liodan, fuirm-ùrnuigh, ùrnuigh, fhuirmeil.

LITERAL, *adj.* Litireil, litireach.

LITERAL, *s.* An litir, seadh na litreach.

LITERALITY, *s.* Prìomh sheadh, seadh litireil.

LITERALLY, *adv.* See Literal.

LITERARY, *adj.* Ionnsuichte, foghlumte, oilean-achte, grinn-fhoghlumte, a bhùineas do ghrinn-fhoghlum.

LITERATE, *adj.* Ionnsuichte, foghlumte.

LITERATI, *s.* Luchd-foghlum, aois-foghlum.

LITERATOR, *s.* Oide-foghlum, maighstir-sgoile.

LITERATURE, *s.* Oilean, foghlum, grinn-fhoghlum, feallsanachd.

LITHE, *adj.* See Limber.

LITHENESS, *s.* See Limberness.

LITHER, *adj.* 1. Soft, pliant : maoth, tais, so-lùbaidh. 2. bad, sorry, corrupt : olc, suarach, truailidh.

LITHOGRAPHY, *s.* Cloch-sgrìobhadh, cloch-ghrabhadh.

LITHOMANCY, *s.* Cloch-fhàisneachd.

LITHONTRIPTICK, *adj.* Cloch teaghtach, leaghtach air cloch-fhnail.

LITHOTOMIST, *s.* Léigh fhnail-chloich.

LITHOTOMY, *s.* Gearradh air son na cloich-fhuail.

LITHY, *adj.* Maoth, so-lùbaidh.

LITIGANT, *s.* Lagh-thagradair, tagairtear-lagha.

LITIGANT, *adj.* Lagh-thagairteach, agartach, tagluinneach.

LITIGATE, *v. a.* Dean lagh ri, dean cùis lagha, agair lagh air.

LITIGATION, *s.* Tagairt, tagradh, cùis-lagha, tagairt-lagha.

LITIGIOUS, *adj.* 1. Inclined to law-suits, quarrelsome, wrangling : lagh-agartach, conasach. 2. disputable, controvertible : connspoideach, doirbh, deacair.

LITIGIOUSLY, *adv.* See Litigious.

LITIGIOUSNESS, *s.* Tagluinneachd, connspoideachd, buairesachd, conasachd.

LITTER, *s.* 1. A kind of vehicular bed : crò-leabaidh, carbad-codail. 2. the straw laid under animals, or on plants : connlach, leabadh. 3. a brood of young : cuain. 4. any number of things thrown sluttishly about : treamsгал, ùtrais.

LITTER, *v. a.* 1. Bring forth : beir, beir àl. 2. cover with things negligently, or sluttishly : ùtrais-ich, cuir 'n a ùtrais. 3. cover with straw : cuir connlach fuidh, cuir connlach air.

LITTLE, *adj.* 1. Small in extent : beag, cumhang. 2. not great, of small bulk, diminutive : crìon, meanbh, beag. 3. of small dignity, power, or importance : neo-inbheach, beag, suarach, ìosal, bochd. 4. not much, not many : tearc, aincamh, gann. 5. some, not none : beagan, cuid.

LITTLE, *s.* 1. A small space : beagan. 2. a small part, a small proportion : beagan, earran bheag. 3. a slight affair : rud beag, neo-ni.

LITTLE, *adv.* See Little, *adj.*

LITTLENESS, *s.* 1. Smallness of bulk : meanbhachd, bige, beagachd, crìonachd, crìonad, lughad. 2. want of dignity : mìotharachd, suarachas, neo-uaisleachd.

LITTORAL, *adj.* Cladachail, tràigheach, oirthreach.

LITURGY, *s.* Ùrnuigh choitcheann, deas-ghnath aoraidh.

LIVE, *v. n.* 1. Be in a state of animation : bi beò. 2. pass life in any certain manner with regard to habits : thig beò, caith do bheatha. 3. continue in life : mair, mair beò. 4. remain undestroyed : mair, seas, buanaich. 5. continue, be not lost : mair, bi làthair. 6. converse, cohabit with : còmhnuich le, bi an comunn ri. 7. feed upon : thig beò air. 8. maintain thyself, be supported : beathaich thu féin, bi air do bheathachadh. 9. be in a state of motion, or vegetation : bi beò. 10. be unextinguished : bi beò, mair beò.

LIVE, *adj.* 1. Quick, not dead : beò. 2. active, not extinguished : beothail, beathail. 3. vivid, spoken of colour : beothail, grinn.

LIVELESS, *adv.* See Lifeless.

LIVELIHOOD, *s.* 1. Support of life, maintenance : beathachadh, teachd-an-tìr, lòn. 2. living form, appearance of life : beatha, beathalachd.

LIVELY, *adv.* See Lively.

LIVELINESS, *s.* 1. appearance of life : beatha, deò. 2. vivacity, sprightliness : beothalachd, sunndachd, cridhealachd.

LIVELoad, *s.* See Livelihood.

LIVELONG, *adj.* Fadalach, buan, sgèth.

LIVELY, *adj.* 1. Brisk, vigorous, vivacious : sunndach, beothail, cridheil. 2. gay, airy : meanmnach, aighearach, ait, mear. 3. representing life : beothail. 4. strong, energetic : làidir, tapaidh, fearail.

LIVELY, } *adv.* See Lively, *adj.*

LIVELY, }

LIVER, *s.* Fear beò, neach beò, cré.

LIVER, *s.* Atha, adha, gràn.

LIVER-COLOUR, *adj.* Dubh-ruadh, dubh-dhearg, dorch-dhearg.

LIVERED, *adj.* Athach, adhach, grànach.

LIVERY, *s.* 1. Act of giving possession : seilbhtabhairt, no, seilbh-ghabhail. 2. release from wardship : saorsa, comas, cead, fuasgladh. 3. the writ by which possession is obtained : sgrìobhadh-seilbh, seilbh-sgrìobhadh, bann. 4. clothes given to servants : eudach sheirbhiseach, éideadh-suaich-

eantais. 5. a particular dress, a garb worn as a token or consequence of any thing : eudach-suaicheantais, culaidh-shuaicheantais.

LIVERYMAN, *s.* 1. One wearing a livery, a servant of an inferior kind : gille suaicheantais. 2. (in London) a free man of a company : saoranach am baile Lunnainn.

LIVES, *s. pl.* of Life. Beathan, beathachan.

LIVID, *adj.* Dubh-ghorm.

LIVIDITY, } *s.* Duhh-ghuirme.
LIVIDNESS, }

LIVING, *part. adj.* Beò, beothail.

LIVING, *s.* 1. Support, maintenance : beathachadh, teachd-an tìr, beòlaid, lòn. 2. power of continuing life : comas-beatha, tighian beò, beatha. 3. See Livelihood. 4. benefice of a clergyman : beathachadh.

LIVINGLY, *adv.* An staid bheò, an staid nam beò.

LIXIVIAL, *adj.* Saillte, salannach, làn salainn.

LIXIVIATE, } *adj.* Saillteach, salannach.
LIXIVIATED, }

LIXIVIUM, *s.* Uisge làn salainn.

LIZARD, *s.* Dearc-luachaire, dearc-luachrach.

LO, *interj.* Faic, feuch, seall, amhairc.

LOAD, *s.* 1. A burden, a freight, lading : luchd, lòd, eallach. 2. weight, pressure, incumbrance : éire, eallach, cudthrom. 3. weight, or violence of blows : cudthrom. 4. any thing that depresses : trom, truime, cudthrom, uallach. 5. as much drink as one can bear : sàr-dheoch, pòit.

LOAD, *v. a.* 1. Burden, freight : luchdaich, eallaich, lòn. 2. encumber, embarrass : cuimrigich, cuir fuidh éire. 3. charge a gun : cuir urchair a stigh, lòn. 4. make heavy by something appended to : cudthromaich, tromaich, amail.

LOADER, *s.* Fear-luchdachaidh.

LOADSMAN, *s.* Fear-iùil, ceann-iùil.

LOADSTAR, *s.* See Polestar.

LOADSTONE, *s.* Clach-iùil.

LOAF, *s.* Buillonn.

LOAM, *s.* Fearann reamhar, trom-thalamh, talamh-laomaidh.

LOAMY, *adj.* Laomaidh.

LOAN, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.

LOATH, *adj.* Aindeonach, leag, neo-ullamh.

LOATHE, *v. a. et n.* 1. Hate, look on with abhorrence : fuathaich, sgreataich roimh, gabh daoch roimh. 2. consider with disgust or satiety : gabh gràin ri, dubh-fhuathaich. 3. feel abhorrence or disgust : tog aobhar ghràin.

LOATHER, *s.* Fear-gràin, fear sgreataidheachd.

LOATHFUL, *adj.* 1. Abhorring, hating : fuathachail, gràineachail. 2. abhorred, hated : gràineil, fuathmhor, daoachail, sgreataidh.

LOATHING, *s.* Gràin, fuath, sgreath, daoch.

LOATHINGLY, *adv.* Gu sgreataidh, gu sgreamhail, gu gràineil, gu daoachail, gu déisdeineach.

LOATHLY, *adv.* Gràineil, sgreataidh, sgreamhail, daoachail, déisdeineach.

LOATHLY, *adv.* See Loath.

LOATHNESS, *s.* Aindeonachd, raige, aindeoin, easbhuidh toile.

LOATHSOME, *adj.* See Loathly, *adj.*

LOATHSOMELY, *adv.* See Loathly, *adj.*

LOATHSOMENESS, *s.* Gràinealachd, sgreamhalachd, sgreataidheachd, déisdeineachd.

LOAVES, *s. pl.* of Loaf, which See.

LOB, *s.* 1. Any one heavy, clumsy, or sluggish : ludair, slaodair, liobasdair, bumeilear. 2. lob's pound, a prison : toll-bùth, gainntir. 3. big worm : biathainn.

LOB, *v. a.* Leag le luidseadh, leig le spleòic.

LOBBY, *s.* Roimh-ionad, eadar-sheòmar, foir-sheòmar.

LOBE, *s.* Roinn, carrann, duilleag an sgamhain, taobh-chridhe.

LOBSTER, *s.* Giomach.

LOCAL, *adj.* 1. Having the properties of place : ionadach. 2. relating to place : àiteil, ionadail. 3. being in a particular place : dùthchasach, dùthcha.

LOCALITY, *s.* Ionadachd, àite, ionad, còmlnuidh.

LOCALLY, *adv.* See Local.

LOCATE, *v. a.* Suidhich, thoir còmhnuidh do, càirich ann.

LOCATION, *s.* Suidheachadh, toirt còmhnuidh do, càireadh ann.

LOCH, *s.* Loch, linne.

LOCK, *s.* 1. Of a door, &c. : glas. 2. the part of a gun by which the fire is struck : gleus. 3. a hug, a grapple : dlùth-ghreimeachadh, iom-dhruid-eadh. 4. a quantity of hair hanging together : bachlag, ciabh-fuilt, ròinne, dual, ciabhlag. 3. a quantity of wool : ròinne, ròinneag, toinntean, badan : a tuft : badan.

LOCK, *v. a. et n.* 1. Shut or fasten with locks : glais. 2. shut up, or confine as with locks : druid, dùin. 3. close fast : druid, cruaidh-dhruid, glais. 4. become fast by a lock : bi dùinte, bi glaiste, bi druidte. 5. unite by mutual insertion : bi dlùth-aichte, bi air alpadh.

LOCKER, *s.* Àite-gleidhidh, àite glaiste, taisg-ionad, cisteag.

LOCKET, *s.* Seud-glasaidh, glas bheag, glasag-muineil.

LOCKRAM, *s.* Garbh-anart, anart-asgairt.

LOCKSMITH, *s.* Gobha-ghlasachan.

LOCOMOTION, *s.* Glusad, carachadh, siubhal.

LOCOMOTIVE, *adj.* Glusadach, carachail, siubhlachail.

LOCOMOTIVITY, *s.* Comas-glusaid, comas-siùbhail.

LOCUST, *s.* Locust.

LOCUTION, *s.* Cainnt, bruidhean, labhairt.

LODGE, *v. a. et n.* 1. Place in a temporary habitation : cuir an ionad còmhnuidh, cuir an àite-tàimh, suidhich an àite. 2. afford a temporary dwelling, harbour one for a night : thoir aoidheach do, thoir cuid-oidhche do. 3. place, plant : suidhich, soerlich, càirich. 4. fix, settle : daingnich. 5. place in the memory : gleidh an cuimhne. 6. harbour, or cover : thoir fasnadh do, dìon. 7. afford place to : thoir àite do. 8. lay flat : leag, leag ri làr. 9. reside, keep residence : tuinich, còmhnuich, gabh còmhnuidh ann, fan, tàmh ann. 10. take a temporary habitation : foisich, gabh tàimh, fuirich,

- stad. 11. take up residence at night : fuirich, fan, tàmh. 12. lie flat : luidh, luidh air làr.
- LODGE, *s.* Tighean, tigh beag, tigh-fasgaidh, tigh-geata.
- LODGEMENT, *s.* 1. Disposition, or collocation in a certain place : cruinneachadh, càireadh. 2. accumulation, collection : cruinneachadh, dòmhlachadh. 3. possession of the enemy's work : seilbh, seilbh-ghlacadh, toirt a mach daingnich.
- LODGER, *s.* Fear-fàrdoich, fear-tàimh, aoidh, fear-àrois.
- LODGING, *s.* 1. Temporary habitation, rooms hired in another's house : ionad-còmhnuidh, fàrdoch. 2. place of residence : ionad-còmhnuidh, àite-tàimhe, còmhnuidh. 3. harbour, covert : dìon, fasgadh. 4. convenience to sleep on : uigheam-codail.
- LOFT, *s.* 1. A floor : urlair, urlair-déile, lobhta. 2. the highest floor : àrd-lobhta, lobhta-mullaich. 3. rooms on high : seòmraichean uachdarach.
- LOFTILY, *adv.* See Lofty.
- LOFTINESS, *s.* 1. Height, local elevation : àirde. 2. sublimity, elevation of sentiment : uailse, àrd-smuainteachd, allaileachd. 3. pride, haughtiness : mòr-chuis, mòr-chuiseachd, àrdan, féin-bheachd, uabhar.
- LOFTY, *adj.* 1. High, hovering, elevated in place : àrd. 2. elevated in condition, or character : mòr, uaibhreach, spéiseil, uasal. 3. sublime, elevated in sentiment : allail, òirdheirc. 4. proud, haughty : mòr-chuiseach, àrdanach, féin-bheachdail, uaibhreach.
- LOG, *s.* 1. A shapeless, bulky piece of wood : sgonn, òrd mòr fiodha, maide mòr. 2. a Hebrew measure : tomhas Eabhruideach.
- LOGGERHEAD, *s.* Buimelear, ùmaidh, gurraiceach, amhlair, baohair. Fall to loggerheads : bi an caonnag, bi an cluasaibh a chèile.
- LOGGERHEADED, *adj.* Buimeilearach, amhlaireach, baoharach.
- LOGIC, *s.* Ealain-reusonachaidh, ealan-deasboireachd.
- LOGICAL, *adj.* Reusonach, dian-chiallach, fìor-thoinisgeil.
- LOGICALLY, *adv.* See Logical.
- LOGICIAN, *s.* Filidh, fear-dian-reusonachaidh.
- LOGMAN, *s.* Fear-giùlain fiodha.
- LOGOMACHY, *s.* Srith-bhriathran, connspoid mu fhocl-aibh.
- LOGWOOD, *s.* Fiodh-datha, dearg-fhiodh.
- LOIN, *s.* 1. The back of an animal carved out by the butcher : dronnag, dronnag-fheòla, mìr-dronnag. 2. loins, the reins : leasraidh, blian.
- LOITER, *v. a. et n.* 1. Consume in trifles, waste carelessly : mi-bhuilich, struidh. 2. linger, spend time carelessly, idle : dean màirneal, bi màirnealach, bi dìomhanach, bi rì stèdcaireachd.
- LOITERER, *s.* Fear màirneil, leisgean, lunnair, stèdcaire, rong, slaodair.
- LOLL, *v. a. et n.* 1. Put out, used of the tongue : cuir a mach. 2. lean idly, rest lazily against any thing : leag do chudthrom air, dean leth-luidhe rì, leag do thaic air. 3. hang out, used of the tongue : croch a mach.
- LONDONER, *s.* Lunnainneach.
- LONE, *adj.* 1. Solitary, unfrequented, having no company : aonarach, aonaranach. 2. single, not conjoined or neighbouring to others : leis féin.
- LONELINESS, *s.* 1. Solitary : aonarachd, aonaranachd. 2. disposition to solitude : dìomhaireachd, uaigneachd.
- LONELY, *adj.* 1. Solitary : aonarach, aonaranach. 2. addicted to solitude : dìomhair, uaigneach.
- LONELINESS, *s.* Aonarachd, aonaranachd, uaigneas.
- LONENESS, *s.* Aonaranachd, uaigneas.
- LONESOME, *adj.* 1. Solitary : aonarach, aonaranach. 2. dismal : tiamhaidh.
- LONESOMELY, *adv.* See Lonesome.
- LONESOMENESS, *s.* Aonaranachd, tiamhaidheachd.
- LONG, *adj.* 1. Not short, used of time : fada, buan. 2. not short, used of space : fada, neo-gheàrr. 3. of any certain measure in length : fada. 4. not soon ceasing, or at an end : buan, maireannach. 5. dilatory : fadalach, màirnealach. 6. tedious in narration : sgìth, sgìtheil, trom. 7. continued by succession to a great series : buan, fada. 9. longing, desirous : déigheil, togarrach.
- LONG, *adv.* Fada, gu fada. See Long, *adj.*
- LONG, *v. n.* Miannaich, bi miannach, biodh a' mhiann ort, gabh fadal.
- LONGANIMITY, *s.* Foighidinn, fad-fhoighidinn, fad-fhulangas.
- LONGBOAT, *s.* Bàta mor, bàta fada.
- LONGEVAL, } *adj.* Fad-shaoghalach, buan, maireann-
LONGEVOUS, } ach.
- LONGEVITY, *s.* Fad-shaoghal, fad-shaoghalachd.
- LONGIMANOUS, *adj.* Fad-lamhach, làmh-fhadach.
- LONGIMETRY, *s.* Tomhas astair, tomhas fhad, uidh-eam-thomhas.
- LONGING, *s.* Miann, togradh, dian-thogradh, fadachd, geall, déidh.
- LONGINGLY, *adv.* Gu miannach, gu dian-thogarrach, gu déidheil.
- LONGINQUITY, *s.* Fad, astar fada, céineachd.
- LONGISH, *adj.* Car fada, breac-fhada, leth-char fada.
- LONGITUDE, *s.* 1. Length, the greatest dimension : fad. 2. the circumference of the earth measured from any meridian : cuairt-cruinne. 3. the distance from any part of the earth, east or west of any place : iar-astar, no, ear-astar.
- LONGITUDINAL, *adj.* Air fhad.
- LOGLIVED, *adj.* Aosmhor, buan-shaoghalach, fad-shaoghalach.
- LONGLY, *adv.* 1. Tediously, of much continuance : gu fadalach, gu trom, gu sgìtheil. 2. longingly, with great liking : gu déidheil, gu togarrach, gu miannach.
- LONGNESS, *s.* Fad; faide, faideachd.
- LONGSOME, *adj.* Fadalach, sgìtheil, trom.
- LONGSHANKED, *adj.* Fad-chosach, fad-luirgneach.
- LONGSPUN, *adj.* Sinteach, fada, sgìtheil.
- LONGSUFFERANCE, *s.* Fad-fhulangas, fad-fhoighidinn.
- LONGSUFFERING, *adj.* Fad-fhulangach, fad-fhoigidneach.

LONGSUFFERING, s. Fad-fhulangas, fad-fhulangachd, fad-fhoighidinn.
LONGTONGUED, adj. Fad-theangach, gobach, goil-eamach.
LONGWAYS, adv. Air 'fhad.
LONGWINDED, adj. 1. Long-breathed : fad-anail-each. 2. tedious : trom, fadalach, sgitheil.
LONGWISE, adv. See Longways.
LONISH, adj. Car aonarach, breac-aonarach.
LOOBILY, adj. Cearbach, sgòdach, neo-sgairteil, luid-seach.
LOOBY, s. Bumailear, blaghastair, buamasdar, liob-asdair, burraidh.
LOOF, v. a. Teann ri soirbheas, thoir a' dh' ionnsuidh na gaoithe, fan ri gaoth.
LOOK, v. a. et n. 1. Seek, search for : sir, iarr, rannsuich. 2. turn the eye upon : dearc, dearc air, seall air. 3. look out, discover by searching : rannsuich, faigh a mach. 4. direct the eye to or from any object : seall, amhairc, faic. 5. have power of seeing : faic. 6. direct the intellectual eye : dearc, seall, beachdaich. 7. expect : seall air son, bi an dùil ri. 8. take care, watch : feith, dean caithris, thoir aire, thoir an aire. 9. be directed with regard to any object : amhairc. 10. have any particular appearance, seem : amhairc, seall, taisbean. 11. have any air, mien, or manner : seall, bi coltach ri, amhairc. 12. look about one, be alarmed, be vigilant : bi air t' fhaicill, bi 'n ad rabhadh. 13. look after : seall ri. 14. look black, shew sign of dislike, or disgust : biodh mùig ort, biodh gruaim ort. 15. look for, expect : feith ri, bi an dùil, bi am beachd. 16. look into, sift, inspect closely : rannsuich, sir. 17. look on, or upon, respect, esteem, regard as good or bad : seall air, amhairc air, beachdaich air. 18. look on, be a mere idle spectator : dearc, amhairc. 19. look over, examine, try one by one : rannsuich, feuch, min-fannsuich. 20. look out, search, seek : sir, faigh rabhas air. 21. look out, be on the watch : bi air t' fhaicill, seall romhad. 22. look to, behold : dearc, dearc air.
LOOK, interj. Seall, faic, feuch.
LOOK, s. 1. Air of the face, mien, cast of the countenance : snuadh, dreach, aogas, sealladh, tuar, fiamh, neul. 2. act of looking or seeing : faic-sinn, amharc. 3. view, look out : sealladh, fradharc.
LOOKER, s. Fear-amhairc, fear-sealltuinn.
LOOKING, s. i. e. Looking for : dùil.
LOOKING-GLASS, s. Sgàthan.
LOOM, s. 1. The frame in which weavers work their cloth : beart, beart-fhigheadaireachd. 2. household stuff, furniture : àirneis, àirneis-tighe. 3. heir-loom : ball-sinnsireachd.
LOON, s. Balach, crochair, slaightear.
LOOP, s. 1. A double through which a string or lease is drawn : lùb. 2. a small aperture in ancient castles, to spy the enemy, fire through, or admit light : sùil, eag-sùla, eag-amhairc.
LOOPED, adj. Tolltach, lùbach, sùileach.
LOOPHOLE, s. 1. Aperture, hole to give passage :

toll, fosgladh. 2. a shift, an invasion : dorus, dorus-teichidh, ear, cuilbheart, innleachd.
LOOPHOLED, adj. Sùileach, tolltach, lùbach.
LOORD, s. Lunn-dair, leisgean.
LOOSE, v. a. et n. 1. Unbind, untie any thing fastened : fuasgail, sgaoil, lasaich. 2. relax : lasaich, fuasgail. 3. unbind any one bound : fuasgail, cuir mu sgaoil, leig fa sgaoil. 4. free from imprisonment : cuir fa sgaoil, thoir cead do, fuasgail. 5. free from any obligation : fuasgail o, cuir saor o. 6. free from any thing that shackles the mind : lasaich, thoir saorsa do, saor. 7. free from any thing painful : fuasgail. 8. disengage : fuasgail, lasaich, leig as. 9. set sail : seòl, fuasgail o chala, tog acair.
LOOSE, adj. 1. Unbound, untied : fuasgailte. 2. not fast, not fixed : las, lasach, fuasgailte. 3. not tight as a loose robe : farsuing. 4. not crowded, not close : neo-dhlùth, neo-dhòmlaichte, tana, briste. 5. wanton, not chaste : macnusach, neo-gheammaidh. 6. not close, not concise, lax : neo-dhiongmholta, fuasgailte. 7. vague, indeterminate, not accurate : neo-eagnaiddh, neo-sheadhail, neo-phongail. 8. not strait, not rigid : fuasgailte, neo-aireach, neo-fhaicilleach. 9. unconnected, rambling : luaineach, siubhlach, neo-shuidhichte. 10. lax of body, not costive : fuasgailte, neo-theann. 11. disengaged, not enslaved : saor. 12. disengaged from obligation : saor, fuasgailte. 13. free from confinement : saor, fa sgaoil. 14. remiss, not attentive : neo-aireachail, neo-shuimeil. 15. break loose : bris a mach, bris air falbh, bris fuasgailte. 16. let loose, set at liberty : fuasgail, cuir fa sgaoil, thoir saorsa do.
LOOSE, s. 1. Liberty, freedom from restraint : saorsa, comas. 2. dismissal from any restraining force : fuasgladh, cead, comas, saorsa.
LOOSELY, adv. See Loose, adj.
LOOSEN, v. a. et n. 1. Relax any thing tied : fuasgail, lasaich. 2. make less coherent : lasaich. 3. separate a compages : thoir as a chèile. 4. free from restraint : fuasgail, cuir saor o. 5. make not costive : fuasgail. 6. part, tend to separation : bi sgaoilteach, bi fuasgailte.
LOOSENES, s. 1. State contrary to that of being fast or fixed : fuasgailteachd, neo-dhaingneachd. 2. latitude, criminal levity : mi-stuaim, mi-gheamnidheachd, macnus. 3. irregularity, neglect of laws : mi-riaghailteachd, buaireasachd. 4. diarrhoea, flux of the belly : fuasgladh-cuirp, gèarrach, buinneach.
LOOSESTRIFE, s. Lus-na-sìothaimh.
LOP, v. a. 1. Cut the branches of trees : geàrr, beàrr, sgud. 2. cut any thing : geàrr, beàrr, sgath.
LOP, s. 1. That which is cut from trees : barrach. 2. a flea : deargann.
LOPPER, s. Bearradair, gearradair, fear-sgathaidh chrann.
LOPPERED, adj. Slamblanach, lapach.
LOPPINGS, s. Barrach.
LOQUACIOUS, adj. Bruidhneach, labhairteach, cainnt-cach, teangach, beul-fhuasgailte, gobach.

LOQUACIOUSNESS, } s. Bruidhneachd, bruidhneachas,
LOQUACITY, } labhairteachd, cainnteachd,
gobaireachd.

LORD, s. 1. Monarch, ruler, governor: tighearn, uachdaran, triath, rìgh, riaghlair. 2. master, supreme person: tighearn, maighstir. 3. a tyrant, an oppressive ruler: aintighearn, fear-ainneirt. 4. a husband: fear, fear-pòsda, céile. 5. one at the head of any business, an overseer: uachdaran, fear-riaghlaidh, fear-dreuchd. 6. a nobleman: mòr-fhear, morair, flath, triath. 7. a general name for a peer: morair.

LORD, v. a. et n. 1. Invest with the dignity and privileges of a lord: uaislich, dean morair dheth. 2. domineer, rule despotically: bi aintighearnail, bi stràiceil, dean cruaidh riaghladh, sàruich.

LORDLIKE, adj. 1. Befitting a lord: flathail, morair, uasal. 2. haughty, proud, insolent: àrdanach, stràicil, mòr-chuiseach, uaibhreach.

LORDLING, s. Tighearna beag, sgrog-thighearn.

LORDLINESS, s. 1. Dignity, high station: flathail-eachd, mòrachd, urram, àrd-inbhe. 2. pride, haughtiness: uabhar, stràic, stràicealachd, mòr-chuis.

LORDLY, adj. See Lordlike.

LORDLY, adv. See Lordlike.

LORDSHIP, s. 1. Dominion, power: tighearnas, uachdranachd, moraireachd. 2. title of honour used to a nobleman: moraireachd.

LORE, s. 1. Lesson, doctrine, instruction: foghlum, oilean, teagasg. 2. workmanship: obair.

LORICATE, v. a. Còmhdach le miotail, cuir lùir-each air, armaich, no, beartaich le lùireach.

LORIMER, } s. Dialladair, fear-dèanaimh dhiallaid,
LORIMER, } no shrian, fear-dèanaimh each-bheart.

LORN, adj. Tréigte, cailte, dìobrach, aonaranach.

LOSE, v. a. et n. 1. Forfeit by unsuccessful contest: caill. 2. forfeit as a penalty: caill. 3. be deprived of: caill. 4. suffer diminution of: caill. 5. miss so as not to find: caill, rach mearachd air. 6. ruin, send to perdition: dìthich, dì-mhill. 7. deprive of: thoir o, thoir air falbh o. 8. bewilder, so as that the way is no longer known: cuir mearachd, cuir air seacharan. 9. employ not, enjoy not: caill. 10. squander, throw away: struidh, mì-bhuilich, mill. 11. suffer to vanish from view: caill, leig á fradharc. 12. destroy by shipwreck: bris, dean long-bhriscadh air. 13. miss, part with, so as not to recover: caill. 14. win not: caill. 15. decline, fail: fàiling, bi air do chlaoidh.

LOSEABLE, adj. So-chailte, so-dhealachaidh.

LOSER, s. Fear-caildaich, am fear a chail.

LOSING, s. Call, calldach.

LOSS, s. 1. Detriment, privation, diminution of good: call, calldachd. 2. miss, privation: dìth, uireasbhuidh. 3. deprivation, forfeiture: call. 4. destruction: milleadh, sgrios, dìtheachadh. 5. fault, puzzle, at a loss: iom-chomhairle, teagamh. I am at a loss: tha mi an iom-chomhairle. 6. useless application: call saothrach.

LOSSFUL, adj. Cailteach, dìtheachail, millteach.

LOSSLESS, adj. Gun chall, gun mhilleadh.

LOT, s. 1. Fortune, state assigned: car, suidheachadh, crannchur. 2. a die, or any thing used in determining chances: crann. 3. a portion, a parcel of goods: cuibhrionn, roinn, carrann. It was his lot, or his fate: bha e an dàn da.

LOT, v. a. 1. Assign, set apart: roinn, suidhich 'n a earrannaibh. 2. distribute into lots, catalogue: cuir an òrdugh, réitich, cuir 'n a roinnibh.

LOTION, s. Cungaidh-ionnlaid, cungaidh-nighe.

LOTTERY, s. Cranuchur, cur-chrannchur, tuiteamas.

LOVAGE, s. Lus-an-liagaire.

LOUD, adj. 1. Noisy, striking the ear with great force: labhar, tartarach, àrd-fhuaimneach. 2. clamorous, turbulent: buaireasach, bruidhneach, àrd-blruidhneach, farumach.

LOUD, } adv. See Loud, adj.
LOUDLY, }

LOUDNESS, s. 1. Noise, force of sound: labhrachd, fuaimneachd. 2. turbulence, vehemence of clamour: buaireasachd, buaireas, tartar, toirm, farum.

LOVE, v. a. et n. 1. Regard with passionate affection: gràdhaich, thoir gaol do, thoir gràdh do. 2. regard with the affection of a friend: gràdhaich. 3. regard with parental tenderness: gràdhaich. 4. be pleased with, delight in: gabh tlachd ann. 5. delight, take pleasure: biodh e ait le. My people love to have it so: is ait le m' shluagh-sa e bhì mar sin.

LOVE, s. 1. Passion between the sexes: gaol, gràdh, déidh. 2. kindness, good-will, friendship: dàimh, càirdeas, deagh-rùn. 3. courtship: gaol, suiridh. 4. tenderness, parental care: gràdh, gaol. 5. object beloved: gaol, gràdh, rùn, aongail. 6. liking, inclination to: déidh, iartras, miann, miann air. 7. lewdness: neo-ghcamnuidheachd, neo-ghloine. 8. unreasonable liking: ro-dhéidh, ro-thogradh, ana-miann. 9. fondness, concord: réite, aontachd, caoimhneas. 10. a word of endearment: gràidhean, gràidheag, mo ghràdh, mo ghaol. 11. due reverence to God: gràdh, àrd-uram.

LOVEABLE, adj. Ion-ghràidh, ion-gràdhaichte.

LOVEFAVOUR, s. Cuimhnéachan-gràidh, cuimhneachan-gaol.

LOVEKNOT, s. Snaidhm-gaol, bad-leannanachd.

LOVELASS, s. Leannan.

LOVELESS, adj. 1. Without love, void of the passion between the sexes: gun ghràdh, neo-ghràdhach. 2. without endearment, without tenderness: neo-ghràdhach, neo-dhileas, neo-chaoimhneil. 3. void of kindness: neo-sheirceil, neo-thlusail.

LOVELETTER, s. Litir-ghaol, litir-leannanachd.

LOVELY, adv. See Lovely.

LOVELINESS, s. Gràdhalachd, àillteachd, ionmhuinneachd.

LOVELORN, adj. Tréigte, cùlaichte.

LOVELY, adj. Gràdhail, àillidh, ionmhuinn, maiseil, maiseach.

LOVELY, adv. See Lovely, adj.

LOVEMONGER, s. Fear-leannanachd, gille-suiridh.

LOVER, s. 1. One who is in love: fear-gaol, fear-an gaol, neach an gaol, leannan. 2. a friend, one

who regards with kindness: caraid, caomhach. 3. one who likes any thing: fear-tograidh, fear-déigh-eil air.

LOVESECRET, s. Rùn, rùn-leannanachd, dìomhair-eaclid-gaoil.

LOVESICK, adj. Tinn le gaol, an gaol, an tinneas-gaoil.

LOVESONG, s. Òran-gaoil.

LOVESUIT, s. Suiridh.

LOVETALE, s. Sgeula-gaoil, sgeula-leannanachd.

LOVETHOUGHT, s. Smuain-gaoil.

LOVETOY, s. Comharradh-gaoil, tìodhlaic-leannanachd.

LOVETRICK, s. Ealainn-ghaoil, innleachd-ghaoil.

LOUGH, s. See Loch.

LOVING, adj. 1. Kind, affectionate: gràdhach, caoimhneil, caomh, dàimheil, seirceil. 2. expressing kindness: gràdhach, gràdh-bhriathrach.

LOVING-KINDNESS, s. Caoimhneas gràidh, iochd.

LOVINGLY, adv. See Loving.

LOVINGNESS, s. Caomhalachd, gràdhalachd, caoimhneas, dàimh.

LOUNGE, v. n. Bi dìomhanach, bi dìomhain, bi lunnadh.

LOUNGER, s. Lunndair, fear-dìomhain, dìomhainiche.

LOUR, v. n. See Lower, *v. n.*

LOUSE, s. Mìol, mial.

LOUSE, v. a. Faisg, mialaich, sealg miallan.

LOUSEWORT, s. An lus riabhach.

LOUSILY, adv. See Lousy.

LOUSINESS, s. Mialachas, mosaiche, mìotharachd.

LOUSY, adj. 1. Swarming with lice, overrun with lice: miallach, làn mhial. 2. mean, low-born, bred on the dunghill: ìosal, tàireil, suarach. 3. mean, contemptible, applied to things: mosach, mìothar.

LOUT, s. Ludair, burraidh, tuaisdear, sgonn balaich.

LOUT, v. n. Crom sìos, crom gu làr.

LOUTISH, adj. Ludaireach, tuaisdeach, ludarra, balachail.

LOUTISHLY, adv. See Loutish.

LOURER, s. Luidheir, fàrlus.

Low, adj. 1. Not high: ìosal. 2. not rising far upwards: ìosal. 3. not elevated in place, or local situation: ìosal. 4. descending far downwards, deep: domhain. 5. not deep, not swelling high, shallow, used of water: eu-domhain. 6. not of high price: saor. 7. not loud, not noisy: neo-fhuaimneach, neo-labhar. 8. not rising to so great a sum: beag. 9. late, or later in time: deireannach. 10. dejected, depressed: muladach, trom-inntinneach, trom, tuirseach. 11. impotent, subdued: ceannaichte, claoidhte. 12. not elevated in rank, or station, abject: neo-inbheach, suarach, ìosal. 13. dishonourable, betokening meanness of mind: mosach, mìothar. 14. not sublime, not exalted in thought or diction: ìosal, neo-allail, bochd. 15. submissive, humble, reverent: strìochdail, ùmhal, fuidh smachd. 16. not tall: beag, crìon, goirid.

Low, adv. See Low, *adj.*

Low, v. a. See Lower, *v. a.*

Low, v. n. Geum, dean géim, dean géimnich, dean langanaich.

Low, s. Lasar.

LOWER, v. a. et. n. 1. Bring low, bring down by way of submission: ìslich, thoir sìos, ceannaich. 2. suffer to sink down: leig ìe, leig sìolaidh sìos ìe. 3. lessen, make less in price or value: lughdaich luach, leag luach, dean saor. 4. grow less, fall, sink: tuit, tuit sìos, sìolaidh sìos.

LOWER, v. n. 1. Appear dark, stormy, and gloomy, be clouded: bi duaichnidh, bi neulach, dorchaich. 2. frown, pout, look sullen: bi gruamach, cuir mùig ort, bi duaichmidh.

LOWER, s. 1. Cloudiness, gloominess: duaichmidheachd, doilleireachd, dubh-dluibhre. 2. cloudiness of look: gruaim, mùig.

LOWERINGLY, adv. Gu duaichnidh, gu doilleir, gu dubh-neulach.

LOWERMOST, adj. Iochdarach, a 's iochdaraiche, a 's ìsle, a 's doimhne, a 's faide fuidhe.

LOWING, s. Géimnich, geum, langan, langanaich.

LOWLAND, s. Fonn còmhnaidh, machair.

LOWLAND, adj. (as understood in Scotland in opposition to Highland): gallda, machaireach.

LOWLILY, adv. See Lowly, *adj.*

LOWLINESS, s. 1. Humility, freedom from pride: irioslachd, macantas, suairceas, stuamachd. 2. meanness, want of dignity: mìotharachd, tàirealachd, mosaiche.

LOWLY, adj. 1. Humble, meek, mild: iriosal, macanta, stuama, suairc, ciùin, soitheamh. 2. mean, wanting dignity, not great: an-usal, neo-usal, mìothar, suarach. 3. not lofty, not sublime: neo-allail, ìosal. 4. not elevated in local situation: ìosal, neo-àrd.

LOWLY, adv. See Lowly, *adj.*

LOWN, s. Balach, burraidh, gurraiceach.

LOWNESS, s. 1. Contrariety to height: ìsleachd. 2. meanness of character or condition: suarachas, mìotharachd, neo-uaisle. 3. want of rank, want of dignity: neo-inbheachd. 4. want of sublimity: neo-allaileachd. 5. submissiveness: ùmhlachd, strìochdalachd. 6. depression, dejection: trom-intinn, mulad, tuirse.

LOWSPIRITED, adj. Mìothar, mosach, an-usal, tàireil.

LOWTHOUGHTED, adj. Tàir-aigheach, neo-usal, tàireil.

LOYAL, adj. 1. Obedient, true to the prince: ùmhail, rioghail, dileas. 2. faithful in love, true to a lady, or lover: dileas, tairis, treibhdhireach, firinneach.

LOYALIST, s. Fear dileas, fear dileas do 'n rìgh.

LOYALLY, adv. See Loyal.

LOYALTY, s. Dilseachd, treibhdhìreas, firinneachd, tairiseachd. See Loyal.

**LUBBARD, } s. Rag-bhallach, steòcair, slaodair, gurr-
LUBBER, } aiceach, boganach.**

LUBBERLY, *adj.* Slaodach, bog, gealtach, rag, dìomh-anach.

LUBBEALY, *adv.* See Lubberly, *adj.*

LUBRICATE, } *v. a.* Dean sliom, liomh, dean
LUBRICITATE, } sleamhuinn, fàg sleamhuinn.

LUBRICITY, *s.* 1. Slipperiness, smoothness of surface: sleamhnachd, sliomachd. 2. wantonness, lewdness: macnus, macnusachd.

LUBRICK, *adj.* 1. Slippery, smooth on the surface: sleamhainn, liomhaidh. 2. wanton, lewd: macnusach, neo-gheamnuidh.

LUBRICOUS, *adj.* 1. Slippery, smooth: sleamhainn. 2. uncertain: teagamhach, neo-chinnteach.

LUBRIFICATION, } *s.* Sleamhnachadh, deanamh
LUBRIFACTION, } sleamhainn, no, réidh, no, mìn.

LUCE, *s.* Geadas, gead-iasg.

LUCENT, *s.* Liomhaidh, dèarsach, dealrach, loinnir-each.

LUCERNE, *s.* Seòrsa feòir, lusairneach.

LUCID, *adj.* 1. Shining, bright, glittering: loinnir-each, dèarsach, dealrach. 2. pellucid, transparent: soilleir, glain, trid-shoilleir. 3. bright with the radiance of intellect, not darkened by madness: glan-thuigseach, céillidh, stòlda.

LUCIDITY, *s.* Loinnireachd, dèarsachd, dealrachd, trid-shoilleireachd, glan-thuigseachd. See Lucid.

LUCIDNESS, *s.* Trid-shoilleireachd, gloine.

LUCIFERIAN, *s.* Deamhnaidh, diabhlaidh.

LUCIFEROUS, *adj.* Soillseach, solusach, soilleir.

LUCIFEROUSLY, *adv.* See Luciferous.

LUCIFIC, *adj.* Solus-thabhairteach.

LUCIFORM, *adj.* Soillseach, solusach.

LUCK, *s.* 1. Chance, accident, fortune, hap, casual event: tuiteamas, tachartas, dàn, tapadh, càs. 2. fortune, good or bad: dàn, crannchur. 3. good luck: sealbh, rath, sonas. 4. bad luck: donas, anrath, mi-shealbh, mi-shonas.

LUCKILY, *adv.* See Lucky.

LUCKINESS, *s.* Sealbhachd, sealbhachas, deadhshealbh, rath, soirbheas.

LUCKLESS, *adv.* Mi-shealbhach, mi-shona, ànrathach, ànrach.

LUCKY, *adj.* Sealbhach, rathail, soirbheasach.

LUCTATIVE, *adj.* Buannachdail, buinnigeach, tarbhach.

LUCRE, *s.* Buannachd. In an ill sense: buannachd shalach.

LUCRIFEROUS, } *adj.* Buannachdail, buinnigeach.
LUCRIFIC, }

LUCTATION, *s.* Strì, spàirn, iomairt, deuchainn, gleachd.

LUCUBRATE, *v. n.* Dean faire, cum faire, oibrich 's an oidhche, no, ri solus.

LUCUBRATION, *s.* Saothar oidhche, saothar-soluis.

LUCUBRATORY, *adj.* Saothraichte 's an oidhche, oidhch-dhèanta.

LUCULENT, *adj.* Glan, soilleir, soillseach, trid-shoilleir, cinnteach.

LUDICROUS, *adj.* Àbhachdas, àmhailteach, abhcaid-each, neònach, sùgach.

LUDICROUSLY, *adv.* See Ludicrous.

LUDICROUSNESS, *s.* Àbhachdas, àmhailteachd, abhcaid-eachd, neònachas.

LUDIFICATION, *s.* Magadh, fanoid, spòrs.

LUDIFACTORY, *adj.* Magail, fanoideach, spòrsail, baoth.

LUFF, *s.* Dèarn, dèarnaidh, bois, bas.

LUFF, *v. n.* Cum ris a' ghaoith, teann ri soirbheas.

LUG, *v. a. et n.* 1. Hale, or drag, pull with rugged violence: slaod, spion leat. 2. pull, or shake by the ears: tarruing air chluasaibh.

LUG, *s.* 1. A small kind of fish: biathainn-tràghad. 2. the ear: cluas. 3. a land measure. See Pole, and Perch, *s.*

LUGGAGE, *s.* Àirneis, goireas-turuis, treallaich.

LUGUBRIOUS, *adj.* See Mournful.

LUKEWARM, *adj.* 1. Moderately, or mildly warm: meadh-bhlàth. 2. indifferent, not ardent, or zealous: neo-thoirteil, coimhis, caoin-shuarach, neo-dhealasach, neo-eudmhor.

LUKEWARMLY, *adv.* See Lukewarm.

LUKEWARMNESS, *s.* 1. Moderate, or pleasing heat: meadh-bhlàthas. 2. indifferency, want of ardour: coimhiseachd, neo-thoirtealachd, neo-dhealasachd.

LULL, *v. a.* 1. Compose to sleep by a pleasing sound, draw to sleep: cuir 'n a chodal, cuir gu tàmh, cuir sàmhach. 2. compose, quiet, put to rest: cuir gu tàmh, cuir gu fois.

LULLABY, *s.* Òran-codail, fonn-codail, crònan, luidh-leabaidh, luaidh-leabaidh.

LUMBAGO, *s.* Leum-droma. He is ill of a lumbago: lenn a dhruim air.

LUMBAL, } *adj.* Leasraidheach.
LUMBAR, }

LUMBER, *s.* Treallaich, treallaich-àirneis, sean àirneis.

LUMBER, *v. a. et n.* 1. Heap like useless goods: dòmhlaich, cuir 'n a ùtrais. 2. move heavily, as burdened with his own bulk: luidrich, gluais trom.

LUMINARY, *s.* 1. Any body that gives light: solus. 2. any thing which gives intelligence: sanas, fear-sanais, fear-naidheachd. 3. any one that instructs mankind: fear-eòlais, fear-soillseachaidh.

LUMINATE, *v. a.* See Illuminate.

LUMINATION, *s.* See Illumination.

LUMINOUS, *adj.* 1. Shining, emitting light: soillseach, dealrach. 2. enlightened: soilleir, glan. 3. shining, brig'at: dèarsach, boillsgeach.

LUMINOUSLY, *adv.* See Luminous.

LUMINOUSNESS, *s.* Soillseachd, dealrachd, soilleir-eachd, boillsgeachd.

LUMP, *s.* 1. A small mass of any matter: meall. 2. a shapeless mass: sgonn, meall gun chumadh. 3. the whole together, the gross: am meall, an t-iomlan.

LUMP, *v. a.* Gabh còmh-luath, gabh 's an iomlan, dean meall dheth.

LUMPISH, *adj.* Trom, leasg, marbhanta, tomadach.

LUMPISHLY, *adv.* See Lumpish.

LUMPISHNESS, *s.* Truime, leisg, marbhantachd, tomadachd.

LUMPY, *adv.* Meallach, meallanach, cnapach, cnapan-ach.

LUNACY, *s.* Cuthach, boile, mearan-céille, bàinidh.

LUNAR, *adj.* Gealachail.

LUNATED, *adj.* Leth-chruinn, air chumadh leth-gealach.

LUNATIC, *adj.* Air a' chuthach, mearanach, air boile, as a chiall, baoth.

LUNATIC, *s.* Fear-cuthaich, fear-mearain, neach thar a chiall.

LUNATION, *s.* Cuairt na gealaich.

LUNCHEON, *s.* 1. As much food as one's hand can hold : làn-dùirn de 'n bhiaidh, greim-bidh. 2. a kind of meal between breakfast and dinner : biadh meadhoin-là, greim-ñeòin.

LUNE, *s.* 1. Any thing in shape of a half-moon : ni leth-chruinn, air chumadh na leth-ghealach. 2. a fit of lunacy, or frenzy : leuin-cuthaich, leum-boile. 3. a leash : iall.

LUNETTE, *s.* Leth-ghealach, solus ùr, gealach bheag.

LUNGED, *adj.* Sgamhanach.

LUNGS, *s.* Sgamhan.

LUNGWORT, *s.* Crotal-coille.

LUNT, *s.* Inncal-lasaidh gunna mòir, fadadh-cluaise.

LURCH, *s.* Teinn, teinne, teanntachd, drip, iom-cheist.

LURCH, *v. a. et n.* 1. Devour, swallow greedily : sluig suas, dean ròichd air. 2. defeat, disappoint : ruaig, cuir gu teicheadh, thoir an car á. 3. steal privily, filsh, pilfer : goid, dean frith-ghoid, siolc. 4. shift, play tricks : dean ceilg, bi cuilbheartach. 5. lie in wait. See Lurk, *v.*

LURCHER, *s.* 1. One that watches to steal, or betray, or entrap : fear foill-fholach, fear-foille. 2. a dog that watches for his game : cù-seilg.

LURDAN, *s.* Crochair, slaightear, fear mosach, lunn-dair.

LURE, *s.* Culaidh-bhuairidh, mealladh, buaireadh.

LURE, *v. a.* Buair, tàlaidh, meall, taruing gu lion.

LURID, *adj.* Tiamhaidh, duaichnidh, gruamach.

LURK, *v. n.* Dean feall-fholach, luidh am plaid, crùb, dean èalaidh.

LURKER, *s.* Fear-foille, fear-luidhe am plaid.

LURKING-PLACE, *s.* Aite-fohuich, ionad-foille.

LUSCIOUS, *adj.* Sòghmhor, ro-bhlasda, ro-mhilis, ro-thaitneach.

LUSCIOUSLY, *adv.* See Luscious.

LUSCIOUSNESS, *s.* Sòghmhorachd, ro-bhlasdachd, ro-mhìlseachd.

LUSH, *adj.* 1. Of a dark, deep, full colour : trom-dhathach. 2. conjectured by Mr. Todd to have been originally applied to plants, and to signify their juicy, full, succulent, and rank state : lusach, làn.

LUSK, *adj.* Leasg, dìomhain, trom, neo-shunndach.

LUSK, *s.* Leisgean, fear dìomhain.

LUSKISH, *adj.* Leasgach, dìomhaineach, neo-shunndach.

LUSKISNNES, *s.* Leasgachd, leisgeachd, neo-shunnd.

LUSORIOUS, *adj.* Cluicheil, beadarrach, spòrsail.

LUSORY, *adj.* See Lusorious.

LUST, *s.* 1. Desire, inclination, will : miann, togradh, déidh. 2. carnal desire : miann feòlmhor, miann collaidh, ana-miann. 3. any violent, or irregular desire : ann-togradh, ana-miann.

LUST, *v. n.* 1. Desire carnally : miannaich, ana-miannaich. 2. desire vehemently : dian-thogair,

bi an ro-thogradh, bi ana-miannach. 3. have irregular dispositions : bi ana-miannach.

LUSTFUL, *adj.* Ana-miannach, collaidh, ann-togradh.

LUSTFULLY, *adv.* See Lustful.

LUSTFULNESS, *s.* Ana-miannachd.

LUSTIHEAD, } *s.* Meanmnachd, neart, spionnadh,
LUSTIHOOD, } sgairt.

LUSTILY, *adv.* See Lusty.

LUSTINESS, *s.* Meanmnachd, sultmhorachd, dòmh-aileachd, spionnadh.

LUSTLESS, *adj.* Lag, neo-mheanmnach, neo-bheothail, marbhanta.

LUSTRAL, *adj.* Ionnladach, a ghlanas.

LUSTRATE, *v. a.* Glan, ionnlaid.

LUSTRATION, *s.* Ionnlad, glanadh, glanadh le uisge.

LUSTRE, *s.* 1. Brightness, splendour, glitter : dealradh, dèarsadh, lannair, soillse, loinnreachd. 2. eminence, renown : cliù, mòr-chliù, ainmealachd, cliùiteachd. 3. the space of five years : ùine chùig bliadhna.

LUSTRING, *s.* Sìoda boillsgeil.

LUSTRUM, *s.* Ùine chùig bliadhna.

LUSTY, *adj.* Làidir, calma, neartmhor, sultmhor, foghainteach, garbh.

LUTE, *s.* 1. A stringed instrument of music : inneal-ciùil àraidh, cruit. 2. a certain composition of clay, with which chemists close their vessels : crèadh-thaois, crèadh-ghlaodh.

LUTE, *v. a.* Cuir crèadh-ghlaodh air.

LUTER, } *s.* Fear-cruite.

LUTIST, }

LUTESTRING, *s.* See Lustring.

LUTULENT, *adj.* Làibeach, clàbarach, treamsgalach.

LUX, } *v. a.* Cuir á alt, sguch.

LUXATE, }

LUXATION, *s.* Cur á alt, sguchadh.

LUXE, *s.* See Luxury.

LUXURIANCE, } *s.* Mòr-chinneachadh, ro-phailteas,

LUXURIANCY, } reamhrachd.

LUXURIANT, *adj.* Ro-phait, fàs-mhor, tarbhach. A luxuriant crop : bàrr trom.

LUXURIANTLY, *adv.* See Luxuriant.

LUXURIATE, *v. n.* Fàs pailt, cinnich gu trom, no, gu h-anabarrach.

LUXURIOUS, *adj.* 1. Delighting in the pleasures of the table : sòghail, geòcach. 2. administering to luxury : sòghach, geòcaireach. 3. lustful, libidinous : ana-miannach, ann-togradh. 4. voluptuous, enslaved to pleasure : sòghail. 5. See Luxuriant.

LUXURIOUSLY, *adv.* See Luxurious.

LUXURIOUSNESS, *s.* Sòghalachd, geòcaireachd, geòcaiche. See Luxurious.

LUXURY, *s.* 1. Voluptuousness, addictedness to pleasure : sòghalachd. 2. lust, lewdness : ana-miann, neo-ghloine. 3. See Luxuriance. 4. delicious fare : sògh, anabarr.

LYAM, *s.* Làimh-iall, iall coin-seilge.

LYCANTHROPY, *s.* Cuthach ainmhidheach.

LYE, *v. n.* See Lie, *v. n.*

LYING, *s.* Deanamh bhreug, breugaireachd.

LYING, *s.* Luidhe, sineadh.

LYINGLY, *adv.* Gu breugach.

LYM, *s.* See Limehound.
 LYMPH, *s.* Uisge, sùgh glan.
 LYMPHATED, *adj.* Air a' chuthach, air boile, mear-anach.
 LYMPHATIC, *adj.* 1. Uisgeach, uisgeil. 2. See Lumatic.

LYRE, *s.* Inneal-ciùil, clàrsach, cruit.
 LYRIC, } *adj.* A shinnear ri clàrsach, fonnmhor,
 LYRICAL, } binn, ceòlmhor.
 LYRIC, *s.* Bàrd-cruite, cruit-fhìlidh.
 LYRIST, *s.* Clàrsair, fear-cruite.

MAC

M COMHARRADH air son mìle, 1000.
 MACARONI, *s.* 1. A kind of paste meat: biadh eanaraich. 2. a sort of droll, or fool: baoghalan, amadan. 3. a fop: lasgair, fear spaid-eil.
 MACARONICK, *s.* Ùtrais, treamsgal.
 MACAROON, *s.* Balach, burraidh.
 MACE, *s.* 1. An ensign of authority: suaicheantas-inbhe, suaicheantas-dreuchd. 2. a heavy blunt weapon, a club of metal: cuaille, bata maol, iarunn. 3. a kind of spice: seòrsa spìosraidh.
 MACE ALE, *s.* Leann-spìosraichte.
 MACEBEARER, *s.* Fear-suaicheantais, gille-suaicheantais.
 MACERATE, *v. a.* 1. Make lean, wear away: cnàmh, claidh, caith air falbh. 2. mortify, harass with corporal hardships: sàruich, claidh, pian, bruth. 3. steep almost to solution: bogaich, taisich an uisge.
 MACERATION, *s.* 1. Act of wasting, or making lean: cnàmh, claidheadh, caitheadh air falbh. 2. mortification, corporal hardship: sàruchadh, claidheadh, bruthadh. 3. infusion, either with or without heat: bogachadh, bogadh, taiseachadh.
 MACHINAL, *adj.* Innealach, innleachdach.
 MACHINATE, *v. n.* Dealbh, tionnsgail, dean-innleachd.
 MACHINATION, *s.* Dealbhadh, innleachd, tionnsgalachd, car, droch-innleachd.
 MACHINATOR, *s.* Fear-dealbhaidh, fear-innleachd, fear droch innleachd.
 MACHINE, *s.* 1. Any complicated work in which any part contributes to the motion of another: obair innealta, beairt-innleachd, inneal, àirneis ghleusda. 2. an engine: inneal. 3. a name for a stage coach: carbad-rathaid.
 MACHINERY, *s.* Obair calanta, obair innleachdach, obair ghluasadach.
 MACHINIST, *s.* Fear-céirde, fear-innleachdan.

MAD

MACILENCY, *s.* Caoile.
 MACILENT, *adj.* Caol, tana, bochd.
 MACKAREL, *s.* Ronnach, reannach. Mackarel gale: sgairt-shoirbheas. Mackarel sky: breac a' mhuilt-ein.
 MACROLOGY, *s.* Fad-sheanachas, bith-bhriathrachd.
 MACROCOSM, *s.* An cruinne-cé, a' chruitheachd, an domhain.
 MACTATION, *s.* Ìobradh, casgairt, casgradh.
 MACULA, *s.* Ball, smùrmean, briseadh-croicinn.
 MACULATE, *v. a.* Ballaich, cuir ball air, salaich.
 MACULATE, *adj.* Ballach, salaichte.
 MACULATION, *s.* Ballachadh, salachadh.
 MACULE, *s.* See Macula.
 MAD, *adj.* 1. Disordered in the mind, distracted: mearanach, thair céille, air a' chuthach, air boil. 2. expressing disorder of mind: gòrach, neoshuidhichte. 3. overrun with any unreasonable or violent desire: air boile, lasanta. 4. enraged, furious: feargach, garg.
 MAD, *v. a. et n.* 1. Make mad: cuir air boile, cuir air a' chuthach. 2. be mad, be furious: bi air boile, bi garg. 3. be wild: bi fiadhaich, bi docheannsaichte.
 MADAM, *s.* Baintighearn.
 MADBRAIN, } *adj.* Mearanach, bras, cas, fiadh-
 MADBRAINED, } aich, buairesach.
 MADCAP, *s.* Fear-mearain, fear-gòraich, fear fiadh-aich.
 MADDEN, *v. a. et n.* See Mad, *v.*
 MADDER, *s.* Màdar.
 MADE, *pret. et part. v.* Make. 1. Rinn. 2. Dèanta.
 MADEFACION, *s.* Fliuchadh, bogadh, bogachadh.
 MADEFY, *v. a.* Fliuch, bog, bogaich.
 MADGEHOWLET, *s.* Cumhachag, cailleach-oidhche.
 MAD-HEADED, *adj.* See Madbrain.
 MADHOUSE, *s.* Tigh-cuthaich.
 MADID, *adj.* Fliuch.
 MADLY, *adv.* See Mad, *adj.*
 MADNESS, *s.* 1. Distraction, loss of understanding:

mearan, cuthach, boile. 2. fury, rage : corruich, fraoch, fraoch-feirge.

MADRIGAL, *s.* Luinneag, fonn, duanag.

MAERE, *adv.* Mòr.

MAFFLE, *v. n.* See Stammer, *v.*

MAFFLER, *s.* See Stammerer.

MAGAZINE, *s.* Tigh-tasgaidh, tigh-stòrais, ionad-tasgaidh.

MAGE, *s.* See Magician.

MAGGOT, *s.* 1. A small grub which turns into a fly : cnuimh, cnuimheag. 2. whimsy, caprice, odd fancy : baoth-smuain, tuaineul-cinn.

MAGGOTY, *adj.* 1. Full of maggots : cnuimheach, cnuimheagach. 2. capricious, whimsical : baoth-smuainteach, gòrach.

MAGGOT-HEADED, *adj.* Baoth-cheannach, gòrach.

MAGI, *s.* Oir-dhraoidhean, speuradairean na h-àirde 'n-ear.

MAGIC, *s.* 1. Art of putting in action the power of spirits : druidheachd, eòlas druidheachd, geasan, dubh-chleasachd. 2. the secret operations of natural powers : dìomhaireachd.

MAGIC, } *adj.* Druidheachail, druidheil, geasagach.

MAGICAL, }

MAGICALLY, *adv.* See Magic, *adj.*

MAGICIAN, *s.* Druidh, fear-druidheachd, fiosaiche.

MAGISTERIAL, *adj.* 1. Such as suits a master : tighearnail, maighstireil. 2. lofty, arrogant, proud, insolent, despotic : ceannasach, làdasach, stràiceil, uaibhreach.

MAGISTERIALLY, *adv.* See Magisterial.

MAGISTERIALNESS, *s.* Ceannasachd, làdasachd, stràicealachd, uaibhreachas.

MAGISTRACY, *s.* Uachdranachd, bàillidhneachd.

MAGISTRAL, *adj.* 1. Authoritative, suiting a magistrate, or master : smachdail, tighearnail, maighstireil. 2. artificial, skilful, cunning : seòlta, ealanta.

MAGISTRALLY, *adv.* See Magistral.

MAGISTRATE, *s.* Bàillidh, uachdaran, breitheamh, fear-riaghlaidh.

MAGISTRATIC, *adj.* Uachdaranail, mar breitheamh.

MAGNANIMITY, *s.* Mòr-inntinneachd, mòr-aigeantachd, mòrachd, curantachd, fathaileachd.

MAGNANIMOUS, *adj.* Mòr-inntinneach, mòr-aigeantach, curanta, fathail.

MAGNANIMOUSLY, *adv.* See Magnanimous.

MAGNET, *s.* Clach-iùil.

MAGNETIC, } *adj.* Tarruingeach, mar a' chloch-

MAGNETICAL, } iùil.

MAGNETICALLY, *adv.* See Magnetic.

MAGNETISM, *s.* Cumhachd-tarruing d' a ionnsuidh féin, tàlaidheachd.

MAGNIFIABLE, *adj.* Sò-mheudachaidh, sò-àrdachaidh.

MAGNIFIC, } *adj.* See Illustrious.

MAGNIFICAL, }

MAGNIFICENCE, *s.* Òirdheirceas, mòrdhalachd, mòrchuiseachd, greadhnachas.

MAGNIFICENT, *adj.* Òirdheirc, mòrdhalach, mòrchuiseach, greadhnach.

MAGNIFICENTLY, *adv.* See Magnificent.

MAGNIFIER, *s.* 1. One that increases, or enlarges : fear-meudachaidh, fear-àrdachaidh. 2. one that praises, an encomiast : fear-molaidh, fear-clìuthachaidh. 3. a glass that increases the bulk of any object : gloine-mheudachaidh.

MAGNIFY, *v. a.* 1. Praise greatly, extol highly : àrd-mhol, àrd-chlìuthaich. 2. make great, exaggerate, amplify : cuir am meud, meudaich. 3. exalt, elevate, raise in estimation : àrdaich, tog, urramaich. 4. raise in pride, or pretension : séid suas, at. 5. increase the bulk of any object to the eye : meudaich, cuir am meud.

MAGNILOQUENCE, *s.* Mòr-bhruidhncachas, àrdghuthachd.

MAGNITUDE, *s.* Meud, meudachd, mòrachd, tomult, tomad.

MAGPIE, *s.* Pioghaid, cadhag, agaid.

MAID, } *s.* 1. An unmarried woman, a virgin : MAIDEN, } maighdean, òigh, finne, caileag, gruagach, nighean, cailin, ainnir, cruinnic, òg-bhean. 2. a woman-servant : ban-oglach, ban-sheirbhis-each, bean-mhuinntir. 3. a female : beirionnach.

MAIDEN, } *adj.* 1. Consisting of virgins : òigheach, maighdeanach, 2. fresh, new, unused, unpolluted : glan, ùr, fìor-ghlan.

MAIDENHAIR, *s.* Dubh-charrach.

MAIDENHEAD, } *s.* Maighdeanas.

MAIDENHOOD, }

MAIDENLINESS, *s.* Maighdeanachd, beusachd, ban-alas.

MAIDENLIKE, } *adj.* Maighdeanail, banail, òigheil, MAIDENLY, } maldà.

MAIDENLY, *adv.* See Maidenlike.

MAIDHOOD, *s.* Maighdeanas.

MAIDPALE, *adj.* Glais-neulach.

MAIDSERVANT, *s.* Banoglach, ban-sheirbhis-each, bean-mhuinntir.

MAJESTIC, } *adj.* Mòrdha, greadhnach, mòrdhal-

MAJESTICAL, } ach, urramach, fathail, àrd.

MAJESTICNESS, } *s.* Mòrdhalachd, greadhnachas, MAJESTICALNESS, } fathalachd, àirde.

MAJESTICALLY, *adv.* See Majestic.

MAJESTY, *s.* 1. Dignity, grandeur, greatness of appearance : mòrachd, mòrdhalachd, greadhnachas, òirdheirceas. 2. power, sovereignty : àrd-chumhachd, tighearnas, uachdranachd. 3. dignity, elevation of manner. See Sense, 1. 4. the title of kings and queens : rioghalachd, mòrachd.

MAIL, *s.* 1. A coat of steel network worn for defence : lùireach, lùireach mhàilleach, lùireach-chogaidh. 2. any armour : armachd, arm. 3. a postman's bundle, a bag : màilcid, màla. 4. a rent : màl. 5. a spot : smal.

MAIL, *v. a.* 1. Arm defensively, cover as with armour : armaich, éid le airm-dhìona. 2. bundle in a wrapper : cuir suas, paisg suas.

MAIM, *v. a.* Leòin, ciùrr, dochainn, bacaich, crioplaich, dochainn.

MAIM, *s.* 1. Privation of some essential part : dochainn, ciùrradh. 2. lameness produced by a wound, or amputation : bacaiche, crùbaiche. 3. injury,

mischief: cron, coire, dochann, aimbleas. 4. essential defect: goid, uireasbhuidh.

MAIMEDNESS, *s.* Bacaiche, crùbaiche.

MAIN, *adj.* 1. Principal, chief, leading: prìomh, ceud, àraidh. 2. mighty, huge, overpowering, vast: mòr, àrd, fuathlasach, atmhor. 3. gross, containing the chief part: cudthromach, sònruichte, àraidh. 4. important, forcible: cudthromach, sònruichte, brioghmhor.

MAIN, *s.* 1. The gross, the bulk, the greater part: a' chuid mhòr, a' mhòr chuid, tomad, tomult. 2. the sum, the whole, the general: an t-iomlan. 3. the ocean, the great sea: cuan, tabh, fairge, an fhairste mhòr. 4. violence, force: neart, ainneart. 5. the continent, the mainland: tìr mòr, a' mhòr-thìr. 6. a course, a dent: clàis, amar.

MAINLAND, *s.* Tir mòr, a' mhòr thìr.

MAINLY, *adv.* See Main, *adj.*

MAINMAST, *s.* Crann mòr.

MAINPERNOR, *s.* Urras, fear-urrais.

MAINPRISE, *s.* Tabhairt air urras.

MAINPRISE, *v. a.* See Bail, *v.*

MAINSAIL, *s.* Scòl mòr.

MAINSHEET, *s.* Sgòid an t-siùil mhòir.

MAINSWEAR, *v. n.* Thoir mionnan cithich.

MAINTAIN, *v. a. et n.* 1. Preserve, keep, suffer not to change: gleidh, cum, daingnich, dean seasmhach. 2. defend, hold out, make good, resign not: dìon, seas, buanaich, gléidh, coisinn. 3. vindicate, justify, support: seas, dìon, tagair, dean dìon do. 4. keep up, support the expense of: cum suas, beathaich, àraich. 5. support with the conveniences of life: thoir beathachadh do, thoir teachd-an-tìr do. 6. preserve from failure: cum suas. 7. support by argument, assert as a tenet: tagair, còmhdaich.

MAINTAINABLE, *adj.* So-dhion, so-ghleidhidh, so-chumail, so-thagraidh, so-sheasaimh, so-chòmh-dachaidh.

MAINTAINER, *s.* Fear-cumail suas, fear-àraich, fear-eiridnidh.

MAINTENANCE, *s.* 1. Support, protection, defence: dìon, taic, fagadh, tèarmunn. 2. supply of the necessaries of life, sustenance: teachd-an-tìr, beathachadh. 3. continuance, security from failure: seasmhachd, maireannachd, daingneachd.

MAINTOP, *s.* Bàrr a' chroinn mhòir.

MAINYARD, *s.* Slat-shiùil á chroinn mhòir.

MAJOR, *adj.* A 's mò, a 's urramaiche.

MAJOR, *s.* 1. An officer: màidsear. 2. of a syllogism: ceann-rensionachaidh, firinn-choitcheonn.

MAJORATION, *s.* Meudachadh, dol am meud.

MAJORITY, *s.* 1. The state of being greater: mòid, meud. 2. the greater number: a' chuid a' s mò, a' mhòr chuid. 3. ancestry: sinnsireachd. 4. full age: làn-aois, aois-lagha.

MAIZE, *s.* Cruithneachd Innscanach.

MAKE, *v. a. et n.* 1. Create: cruthaich, dealbh. 2. form of materials: dealbh, cum, dèan. 3. compose, as parts, materials, or ingredients: dean suas. 4. form by art what is not natural: dealbh. 5. produce, or effect, as the agent: dèan. 6. pro-

duce as a cause: aobharaich. 7. do, perform, practise: dèan, gnàthaich. 8. cause to have any quality: dean, thoir air. 9. bring into any state or condition: dèan. 10. form, settle, establish: suidhich, socraich, dèan. 11. hold, keep: dèan, gabh, cum. 12. secure from distress, establish in riches or happiness: suidhich, gléidh, cum. 13. suffer, incur: dèan, thoir ort féin. 14. commit: dèan. 15. compel, force, constrain: thoir air, comh-éignich gu. 16. intend, purpose to do: dèan, rùnaich. 17. raise as a profit from any thing: dèan air, coisinn air, buannaich. 18. reach, tend to, arrive at, *sea term*: ruig, dean dheth. 19. gain: buannaich, coisinn. 20. force, gain by force: thoir a mach, buadhaich, dèan. 21. exhibit: dèan, feuch. 22. pay, give: dèan, dìol. 23. put, place: dèan, cuir. 24. turn to some use: builich, dèan dheth. 25. incline, dispose to: thoir air, aom. 26. effect as an argument: buadhaich. 27. represent, show: dean a mach, dèan dheth. 28. constitute: dean suas. 29. amount to: dèan. 30. mould, form: dealbh, càirich, suidhich, dèan. 31. make *away*, kill, destroy: marbh, spad. 32. make *away*, transfer: thoir seachad. 33. make *account*, reckon, believe: creid, smuainich. 34. make *account of*, esteem, regard: meas. 35. make *free with*, treat without ceremony: bi dàn air, dean saorsa ri. 36. make *good*, maintain, defend, justify: coisinn, gléidh, dean a mach. 37. make *good*, fulfil, accomplish: coimhlion. 38. make *light of*: dean tàir air, dean dìmeas air. 39. make *love*: dean suiridh, dean lannanachd. 40. make *a man*: dean duine dheth. 41. make *merry*: bi subhach, dean aighear, dean cridhealas. 42. make *much of*: dean deth, caidrich, taitaidh. 43. make *of*, understand: dèan deth, tuig le. 44. make *of*, produce from: dean deth, dean o. 45. make *of*, consider, account, esteem: meas, cuir meas air. 46. make *over*, settle in the hands of trustees: thoir seachad, thoir seachad do. 47. make *out*, clear, explain: dean a mach, dearbh. 48. make *out*, prove, evince: dearbh, còmhdaich, feuch. 49. make *sure of*, consider as certain: dean cinnteach á. 50. make *sure of*, secure to one's possession: dean cinnteach, dean tèaruint. 51. make *up*, get together: cruinnich, cuir f' a chéile. 52. make *up*, reconcile, compose: réitich, dean réidh. 53. make *up*, repair: dean suas, leasaich. 54. make *up*, compose as ingredients: dean suas. 55. make *up*, shape: cum. 56. make *up*, supply: dean suas, lìon. 57. compensate, balance: dean suas air son, dìol, socraich. 58. make *up*, settle, adjust: suidhich, socraich. 59. make *up*, accomplish, conclude: coimhlion, dean suas. 60. tend, travel, go any way: aom, iadh, imich, siubhail. 61. contribute, have effect: dean, bi air son. 62. operate, act as a proof, or argument, or cause: aobharaich, taisbean. 63. show, appear, carry appearance: dean, seall, taisbean. 64. make *away with*: cuir as do. 65. make *for*, advantage, favour: bi 'n àite. 67. make *with*, concur: aont- aich le.

MAKE, *s.* Dèanamh, cumadh, dealbh, cruth, cumachd.
 MAKE, *s.* See Mate.
 MAKEABLE, *adj.* So-dhèanaimh, so-dhèanta.
 MAKEBATE, *s.* Ball-aimleisg, ball-aimhleis, ceann-buaircis.
 MAKELESS, *adj.* See Matchless, and Mateless.
 MAKEPEACE, *s.* Fear-réite, fear-siothaimh.
 MAKER, *s.* 1. The Creator: An Cruithfhear. 2. one who makes any thing: fear-dèanaimh, dealbhadair, cumadair.
 MAKEWEIGHT, *s.* Leasachadh, leasachadh-cudthrom.
 MALADMINISTRATION, *s.* Mi-bhuileachadh, mi-riaghladh, mi-steòrnadh.
 MALADY, *s.* Galar, cuslaint, tinneas, eucail.
 MALAPERT, *adj.* Bcadaidh, dàna, leamh, bathais-each, lonach.
 MALAPERTLY, *adv.* See Malapert.
 MALAPERTNESS, *s.* Beadaidheachd, dånachd, leamhachas, bathaiseachd, lonachd.
 MALAPROPOS, *adv.* Gu neo-àmail, gu neo-iom-chuidh.
 MALAXATE, *v. a.* Bogaich, taoisinn.
 MALAXATION, *s.* Bogachadh, taosnadh.
 MALE, *adj.* Firionn.
 MALE, *s.* Firionnach.
 MALE, In composition: mi, neo, droch.
 MALEADMINISTRATION, *s.* See Maladministration.
 MALECONTENT, } *adj.* Mi-thoilichte, neo-riar-
 MALECONTENTED, } aichte.
 MALECONTENT, *s.* Fear mi-thoilichte, gearanaiche, neach gearanach.
 MALECONTENTEDLY, *adv.* See Malecontented.
 MALECONTENTEDNESS, *s.* Mi-thoileachas.
 MALEDICENCY, *s.* Droch-cainnteachd, searbh-chainnteachd.
 MALEDICENT, *adj.* Droch-cainnteach, searbh-chainnteach.
 MALEDICTED, *adj.* Malaichte.
 MALEDICTION, *s.* Mallachadh, mallachd.
 MALEFACTION, *s.* Coire, droch-bheart, lochd, oilbheum, ciont.
 MALEFACTOR, *s.* Fear-droch-bheirt, ciontach.
 MALEFICE, *s.* See Malefaction.
 MALEFICENT, *adj.* Droch-bheartach, olc-dhèanach, coirpte.
 MALEFICIATE, *v. a.* Cuir druidheachd air, cuir fuidh gheasaibh.
 MALEFICIATION, *s.* Druidheachd, geasan.
 MALEFIC, } *adj.* Dochannach, donasach, droch-
 MALEFIQUE, } bheartach.
 MALENGINE, *s.* Ceilg, mealltaireachd, cliùcaireachd.
 MALEPRACTICE, *s.* Droch-ghnàths, mi-ghnàths.
 MALESPIRITED, *adj.* Duineil, fearail, gaisgeil.
 MALET, *s.* Màla, màileid.
 MALEVOLENCE, *s.* Mi-rùn, gamhlas, fuath, nimhealachd, droch-rùn, mìosguinn.
 MALEVOLENT, *adj.* Mi-rùnach, gamhlasach, nimheil, droch-rùnach, mìosguinneach.
 MALEVOLENTLY, *adv.* See Malevolent.
 MALEVOLOUS, *adj.* See Malevolent.
 MALICE, *s.* Tnùth, gamhlas, mì-rùn, droch-mhèinn, nàimhdeas.

MALICIOUS, *adj.* Tnùthach, gamhlasach, mì-rùnach, droch-mhèinneach, naimhdeil.
 MALICIOUSLY, *adv.* See Malicious.
 MALICIOUSNESS, *s.* Tnùthachd, gamhlasachd, mì-rùnachd, droch-mhèinneachd, nimhealachd.
 MALIGN, *adj.* 1. See Malicious. 2. infectious, fatal to the body, pestilential: gabhaltach, guineach, nimheil, millteach, sgriosail.
 MALIGN, *v. a. et n.* 1. Regard with envy, or malice: fuathaich. 2. mischief, hurt, harm: dochainn, ciùrr, dean cron do. 3. entertain malice: biodh gamhlas agad do.
 MALIGNANCY, *s.* 1. See Malevolence. 2. destructive tendency: millteachd.
 MALIGNANT, *adj.* See Malign, *adj.* 2. hostile to life: millteach, sgriosail.
 MALIGNANT, *s.* Fear-uì-rùin, fear-tnùth, fear-gamhlais.
 MALIGNANTLY, *adv.* See Malignant, *adj.*
 MALIGNER, *s.* 1. One who regards another with ill will: fear-mì-rùin, fear-gamhlais. 2. a sarcastical censurer: fear-càinidh.
 MALIGNITY, *s.* 1. See Malice. 2. contrariety to life, destructive tendency: millteachd, sgriosalachd, 3. evilness of nature: droch-mhèinn.
 MALIGNLY, *adv.* See Malign, *adj.*
 MALISON, *s.* Mallachd, mallachadh.
 MALKIN, *s.* 1. A kind of mop: mèaban-sguabaidh. 2. a dirty wench: caile bhreun, dubh-chaille. 3. a frightful figure of clouts dressed up: bòchdan.
 MALL, *s.* 1. A kind of beater, or hammer: bata-slachdaidh, simid, òrd. 2. a walk: sràid.
 MALL, *v. a.* Slachd, buail, slachduinn.
 MALLARD, *s.* Ràc.
 MALLEABILITY, *s.* So-bhristeachd, fulang-ùird.
 MALLEABLE, *adj.* So-oibreachaidh, so-leudachaidh le bualadh.
 MALLEABLENESS, *s.* See Malleability.
 MALLEATE, *v. a.* Buail le òrd, oibrich air innean.
 MALLEATION, *s.* Bualadh le òrd, oibreachadh air innean.
 MALLET, *s.* Fairche, slachdan, simid.
 MALLS, *s.* Lus nam meall mòra, gropais.
 MALT, *s.* Braich.
 MALTDUST, *s.* Sad braiche.
 MALTFLOOR, *s.* Làr-braiche, urlar-braiche.
 MALT, *v. n.* Brach, gabh brachadh.
 MALTMAN, } *s.* Brachadair.
 MALTSTER, }
 MALTREAT, *v. a.* Droch-càirich, droch-bhuilich.
 MALTWORM, *s.* Fear-drùbhaig, fear-òil.
 MALVERSATION, *s.* Droch-innleachd, cuilbheart, mealltaireachd.
 MAM, } *s.* Mamaidh, muime.
 MAMA, }
 MAMMYR, *v. n.* See Maunder.
 MAMMET, *s.* Dealbh, dealbh-cleasachd.
 MAMMIFORM, *adj.* Air chumadh ciche.
 MAMMILLARY, *adj.* Cìochach, ùbliach.
 MAMMOCK, *s.* Mir, sgealb, sgonn.
 MAMMON, *s.* Beartas, saoihbreas, maoin saoghalta.

MAMMONIST, *s.* Duine saoghalta, spòcair, cnuimh.
MAN, *s.* 1. A human being: duine, creutair reus-onta, cré. 2. not a woman: fear. 3. not a boy: duine. 4. a servant, an attendant, a dependent: seirbhiseach, gille, fear eisimeileach, fear-oibre. 5. one, any one: neach, duine. 6. one of uncommon qualifications: duine, gaisgeach. 7. a man-of-war: long-chogaidh.
MAN-MIDWIFE, *s.* Fear-aisead bhan.
MAN, *v. a.* 1. Furnish with men: thoir daoine do, cuir sgioba air. 2. guard with men: cuir daoine air, daingnich. 3. fortify, strengthen: dìon, neart-aidh, daingnich. 4. attend, wait, serve: fritheil do, fritheil air.
MANACLE, *s.* Glas-làmh, ceangal-dhòrn, cuibhreach.
MANACLE, *v. a.* Cuir glas-làmh air, cuibhrich.
MANAGE, *v. a. et n.* 1. Conduct, carry on: stiùir, riaghail, òrduich. 2. train a horse to graceful action: ceannsaich, bris. 3. govern, make tractable: ceannsaich, riaghail. 4. wield, or move easily: iomain. 5. husband, make the object of caution: stèorn, stiùir, thoir an aire air. 6. superintend affairs, transact: riaghail, stiùir, gnìomhaich, dèan.
MANAGE, *s.* 1. Conduct, administration: stiùradh, riaghladh. 2. use, instrumentality: feum meadhonachd. 3. government of a horse: srian-chur, ceannsachadh. 4. discipline, governance: riaghladh, smachd.
MANAGEABLE, *adj.* So-iomairt, so-chleachdaidh, so-riaghlaidh, so-stiùraidh, so-cheannsachaidh.
MANAGEABLENESS, *s.* So-iomairteachd, so-chleachdaidheachd, so-cheannsachd.
MANAGEMENT, *s.* 1. Conduct, administration: riaghladh, stiùradh. 2. prudence, cunning practice: crionnachd, seòltachd, sicireachd, innleachd. 3. practice, transaction, dealing: iomairt, cleachdamh, obair.
MANAGER, *s.* 1. One who has the conduct or direction of any thing: fear-riaghlaidh, fear-stiùraidh, fear-laimhseachaidh, fear-rian. 2. a man of frugality, a good husband: fear-buileachaidh, fear-steòrnaidh, fear caombhantach.
MANAGERY, *s.* 1. Conduct, direction, administration: riaghladh, stiùradh, coimhead. 2. husbandry, frugality: caomhnadh, steòrnadh, deadh-bhuilcachadh. 3. manner of using: cleas, iomairt.
MANATION, *s.* Sruthadh.
MANCIET, *s.* Aran milis.
MANCIPATE, *s.* Cuir fuidh dhaorsa, dean 'n a thràill, cuibhrich.
MANCIPATION, *s.* Cur fuidh dhaorsa, cuibhreachadh, braighdeanas.
MANCIFLE, *s.* Fear-riaghlaidh, fear-solair, stiùbhard.
MANDANUS, *s.* Òrdugh rìgh, òrdugh rioghail, òrdugh-lagha.
MANDATORY, *s.* Pears'-eaglais pàpanach.
MANDATE, *s.* Àithne, òrdugh, reachd, earail.
MANDATOR, *s.* Fear-àithnidh, fear-riaghlaidh.
MANDATORY, *adj.* Àithneil, caralach, àithnteach.
MANDIBLE, *s.* Peirceall, gial.
MANDIBULAR, *adj.* Peirceallach, gialach.

MANDIL, } *s.* See Mantle.
MANDILION, }
MANDRAGORA, } *s.* Mandrago, ubhal beag cùbh-
MANDRAKE, } raidh.
MANDUCABLE, *adj.* So-chagnaidh, so-ithte.
MANDUCATE, *v. a.* Cagain, ith.
MANDUCATION, *s.* Cagnadh, itheadh.
MANE, *s.* Muing, muinnidh eich.
MANEATER, *s.* Fear-ithidh dhaoine.
MANED, *adj.* Muingeach.
MANEGE, *s.* Sgoil-mharcachd.
MANERIAL, *adj.* See Manorial.
MANES, *s.* Taibhse, spiorad, tàsg, tanasg, tàcharan.
MANFUL, *adj.* Fearail, duineil, smiorail, misneachail, calma.
MANFULLY, *adv.* See Manful.
MANFULNESS, *s.* Fearalachd, duinealas, smioralachd, calmachd.
MANGANESE, *s.* Clach-iaruinn.
MANGCORN, *s.* Arbhar coimeasgta.
MANGE, *s.* Cloimh, galar ainmhidhean, mùir.
MANGER, *s.* Prasach, praiseach.
MANGINESS, *s.* Cloimheachd.
MANGLE, *v. a.* Reub, srac, mill, thoir as a chéile, dean ablach dheth.
MANGLE, *v. a.* Mìnich anart, dean mìn.
MANGLE, *s.* Inneal-mineachaidh anart, preas-mìn-eachaidh.
MANGLER, *s.* Fear-reubaidh, fear-sracaidh, fear-milidh.
MANGY, *adj.* Cloimheach, làn-cloimhe, no, mùir.
MANHATER, *s.* Fuathadair-dhaoine, fear-fuathachaidh dhaoine.
MANHOOD, *s.* 1. Human-nature: nàdur daonna, daonnachd. 2. virility, not womanhood: firionnachd. 3. virility, not childhood: làn-aois. 4. courage, bravery, resolution, fortitude: duinealas, fearalas, misneach, treubhachd, gaisge.
MANIA, *s.* Boile-cuthaich, cuthach.
MANIAC, *s.* Neach air boile-cuthaich, neach cuthaich.
MANIAC, } *adj.* Fuidh 'n chuthach, air boile-cuth-
MANIACAL, } aich.
MANIFEST, *adj.* Folluiseach, soilleir, taisbeanta, so-fhaicsinneach.
MANIFEST, *s.* Gairm-choitcheionn, teistean coitcheionn.
MANIFEST, *v. a.* Dean-soilleir, taisbean, soilleirich, foillsich, nochd, feuch, leig ris, dean aithnichte.
MANIFESTATION, *s.* Foillseachadh, soilleireachadh, nochdadh, taisbeanadh, leigeil ris.
MANIFESTIBLE, *adj.* So-shoillseachaidh, so-nochdaidh, so-aithneachaidh.
MANIFESTLY, *adv.* See Manifest, *adj.*
MANIFESTNESS, *s.* Soilleireachd, folluiseachd, so-fhaicsinnachd.
MANIFESTO, *s.* Gairm fholluiseach, teistean coitcheionn.
MANIFOLD, *adj.* Iom-fhillteach, iom-ghnèitheach, iomadaidh, lionmhor.
MANIFOLDED, *adj.* Iom-fhillteach.
MANIFOLDLY, *adv.* See Manifest.

MANIFOLDNESS, s. Iom-fhillteachd, iom-ghnèith-eachd, iomadaideachd, lìonmhorachd.
MANIKIN, s. Duineachan, troich, luspardan.
MANIPLE, s. 1. A handful : làn-dùirn. 2. a small band of soldiers : buidhean bheag, buidhnean.
MANIPULAR, adj. Meanbh, beag-bhuidhneach.
MANKILLING, adj. Sgrìosail air daoineibh.
MANKILLER, s. Fear-marbhaidh dhaoine, mortair.
MANKIND, s. An cinneadh daonna, an cinneadh daoine.
MANKIND, adj. Firionn, mar dhuine.
MANLIKE, adj. Duineil, fearail, smiorail.
MANLESS, adj. As eugmhais fir, as eugmhais fhear, gun daoine, gun duine.
MANLINESS, s. Duinealas, duinealachd, fearalachd, smioralachd.
MANLING, s. See Manikin.
MANLY, adj. Duineil, fearail, smiorail, trom, calma, foghainteach, gaisgeil.
MANLY, adv. See Manly, *adj.*
MANNA, s. Mana, aran nèamhaidh.
MANNER, s. 1. Form, method : modh, seòl, alt. 2. custom, habit, fashion : gnàth, gnàths, cleachdamh, nòs. 3. certain degree : cor. 4. cost, kind : gnè, seòrsa. 5. mien, cast of the look : tuar, snuadh, sealladh, aogas. 6. peculiar way, distinct mode of person : modh, rian, seòl. 7. way, mode of things : rian, seòl. 8. *pl.* manners, character of the mind : beus, gnàths, beusan. 9. *pl.* manners, general way of life, morals, habits : caithe-beatha, gnàths, cleachdadh. 10. *pl.* manners, ceremonious behaviour, studied civility : deas-ghnàth, modhalachd, modhan, oilean.
MANNER, v. a. Oileanaich, foghlum am beusaibh, teagais modhan do.
MANNERIST, s. Fear-modh, fear-mhodhan, fear-deas-ghnath.
MANNERLINESS, s. Modhalachd, beusachd, deas-ghnathachd, suairceas.
MANNERLY, adj. Modhail, beusach, deas-ghnathach, suairce.
MANNERLY, adv. See Mannerly, *adj.*
MANNIKIN, s. See Manikin.
MANNISH, adj. 1. Human : daonna. 2. having the appearance of a man, bold, masculine, impudent : mar dhuine, dàna, ladarna, bathaiseach.
MANOEUVRE, s. Cleas, iomairt, car, seòl.
MANOEUVRE, v. n. Dean cleas, iomair, gabh seòl ri.
MANOR, s. Fearann-dlighe, oighreachd, fearann tigh mòir, fearann tighearna.
MANORHOUSE, } s. Tigh mòr, tigh-uachdarain, tigh-
**MANORSEAT, } tighearna.
MANQUELLER, s. Fear-marbhaidh dhaoine, mortair.
MAN, s. 1. Farm and land : tigh is fearann, àiteachas. 2. a parsonage house : tigh ministèir.
MANSION, s. 1. The lord's house in a manor : tigh mòr, tigh tighearna. 2. place of residence, abode, house : tigh, dachaidh. 3. residence, abode : tàmh, còmhuidh.
MANSION, v. n. Tàmh, gabh tàmh.
MANSLAUGHTER, s. 1. Murder, destruction of the**

human species : mort, sgrìos dhaoine. 2. (*in law*), act of killing not without fault, but without malice : marbhadh gun ghamblas.
MANSLAYER, s. Fear-marbhaidh duine, fear-dòrt-aidh fola.
MANSTEALER, s. Mèirleach dhaoine.
MANSUETE, adj. Suairc, min, tairis, ciùin, soitheamb, neo-bhuairesach.
MANSUETUDE, s. Suairceas, mìneachd, tairiseachd, ciùineachd, soitheamhachd.
MANTEL, s. See Mantle.
MANTELET, s. 1. A small cloak : cleòcan, tonnag. 2. (in fortification) : tigh-fasgaidh, brat-dìona.
MANTLE, s. Cleòca, faluinn, earasaid, rachdan.
MANTLE, v. a. et n. 1. Cloke, cover : còmhdaich. 2. disguise : ceil, foluich. 3. joy, revel : bi subhach, bi aoibhinn. 4. be expanded, spread luxuriantly : sgaoil a mach, leudaich. 5. gather any thing on the surface, froth : cuir cop dhiot. 6. ferment, be in sprightly agitation : oibrich.
MANTO, s. See Mantle, *s.*
MANTUA, s. Gùn, gùn ban-tighearna.
MANUFACTURER, s. Ban-tàilleir.
MANUAL, adj. Làmhach, làimh-ghleusach.
MANUAL, s. Leabhrachan-làimhe, leabhrachan-cràbhaidh.
MANUARY, adj. See Manual, *adj.*
MANUBIAL, adj. Faobhach, còbhartachdail.
MANUBRIUM, s. Làmh, cas, samhach.
MANUDUCTION, s. Làmh-stiùradh, làmh-thrèrachadh.
MANUDUCTOR, s. Fear-làimh-thrèrachaidh, fear-làimh-stiùraidh.
MANUFACTORY, s. 1. The practice of making any piece of workmanship : làmh-obair, làmh-oibreachadh. 2. the place where manufactory is carried on : tigh-oibreachaidh, tigh-céirde.
MANUFACTURE, s. 1. The practice of making any piece of workmanship : làmh-obair, làmh-oibreachadh. 2. any thing made by art : obair, obair-làimh, obair ealanta.
MANUFACTURE, v. a. et n. 1. Make by art or labour, form by workmanship : dealbh, oibrich, figh. 2. employ in work, work up : oibrich. 3. be engaged in any manufacture : saothraich, oibrich, bi gnìomhach.
MANUFACTURER, s. Fear-oibreachaidh, fear-céirde, figheadair, fear-làimh-oibre.
MANUMISE, v. a. See Manumit.
MANUMISSION, s. Saoradh o thràillealachd, fuasgladh-tràille, bann-saorsa.
MANUMIT, v. a. Saor tràill, dean saor, fuasgail o dhaorsa.
MANURABLE, adj. So-leasachaidh, so-mhathlachaidh, so-àiteachaidh.
MANURAGE, } s. Àiteach, treabhadh, àr, fearas-
**MANURANCE, } tighe.
MANURE, v. a. 1. Cultivate by manual labour : àiteich, àr, treabh. 2. dung, fatten with composts : leasaich, mathaich. 3. fatten as a compost : reamhraich.
MANURE, s. Mathachadh, leasachadh, innear.**

- MANUREMENT, *s.* Àr, treabhaidh, àiteach, leasach-adh.
- MANURER, *s.* Fear-leasachaidh, fear-àitich, fear-treabhaidh, treabhaiche.
- MANUSCRIPT, *s.* Leabhar sgrìobhta, sgrìobhadh.
- MANY, *adj.* Iomadh, lionmhor, iomadach, mòr.
- MANY, *s.* 1. A multitude, a company, a great number, people : cruinneachadh, sluagh, cuideachd, mòr-bhuidhean. 2. retinue of servants, household, family : muinntir, luchd-muinntir. 3. with a singular noun : iomadh. Many a man would do it : 's iomadh duine a dhèanadh e.
- MANY-COLOURED, *adj.* Iom-dhathach.
- MANY-CORNERED, *adj.* Iom-òisinnach, iom-cheàrnach.
- MANY-HEADED, *adj.* Iom-cheannach.
- MANY-LANGUED, *adj.* Iom-chainnteach.
- MANY-PEOPLED, *adj.* Iom-shluaghach.
- MANYTIMES, *adv.* Iomadh uar, tric.
- MAP, *s.* Dealbh, dealbh-dùthcha, rioghadh, no, baile.
- MAP, *v. a.* Cuir sìos 'n a dhealbh, dealbhaich.
- MAPPERY, *s.* Ealain-dealbhaidh, dealbhadaireachd.
- MAR, *v. a.* Lèir, mill, lochdaich, dochainn, dean cron do, truaill.
- MAR, *s.* Léireadh, milleadh, lochd, dochann.
- MARANATHA, *s.* Tha 'n Tighearn a' teachd, tha 'n Tighearn gu tighinn.
- MARASMUS, *s.* Tinneas-caitheimh, cnuimh, cnuimhghalar.
- MARAUDER, *s.* Fear-spùinnidh, fear-creachaidh, creachadair.
- MARAUDING, *s.* Reubainn, spùinneadh, creachadh.
- MARBLE, *s.* Marmor.
- MARBLE, *adj.* Marmorach.
- MARBLE, *v. a.* Breacaich, dean ballach, no srianach, mar mharmoir.
- MARBLEHEARTED, *adj.* Cruaidh-chridheach.
- MARCH, *s.* Am Màirt, mìos a' Mhàirt.
- MARCH, *v. a. et n.* 1. Move in military form : gluais, imich le feachd-cheum, triall, feachd-imich. 2. walk in a grave, deliberate, or stately manner : ceumnaich, fal-cheumnaich, gluais gu stàtail. 3. put in military movement : gluais, gluais an òrdugh, tarraing, gluais le feachd-cheum. 4. border, join : bi co-chrìochach, bi dlùth do.
- MARCH, *s.* Military movement, journey of soldiers : feachd-cheum, feachd-imeachd, triall, feachd-shiubhal. 2. grave and solemn walk : mall-cheum, ceum sèimh, ceum stòlda. 3. signal to move : caismeachd-shiubhail, triall-chaismeachd. 4. *pl.* marches, borders, limits, confines : crìoch, iomall, oir, ceann-crìche.
- MARCHER, *s.* Fear-chrìochan, fear-gléidhidh chrìoch.
- MARCHING, *s.* Feachd-thriall, feachd-ghluasad, feachd-imeachd.
- MARCHIONESS, *s.* Ban-mhorair, baintighearn marcuis.
- MARCHPANE, *s.* Aran milis.
- MARCHID, *adj.* Caol, bochd, tana, seargta, glaisneulach.
- MARCOUR, *s.* Caoile, bochdas, taine, seargachd, glaisneulachd.
- MARE, *s.* 1. The female of a horse : capull, làir. 2. the night-hag : trom-luidhe.
- MARESCHAL, *s.* Àrd-cheannard airm, feachd-cheannard, marascal.
- MARGARITE, *s.* Nèamhnuid.
- MARGARITES, *s.* Neòincan.
- MARGE, } *s.* Oir, bile, iomall, bruach, crìoch,
MARGENT, } beul, leth-oir.
MARGIN, }
- MARGINAL, *adj.* Iomallach, oireach, bruachach, bilcach, leth-oireach.
- MARGINALLY, *adv.* See Marginal.
- MARGINATE, *v. a.* Cuir oir air, fàg oir, no, ionall air.
- MARGINATED, *adj.* See Marginal.
- MARGRAVE, *s.* Urra mhòr Ghearmailteach, fear-chrìochan.
- MARYGOLD, *s.* Lus-màiri, a' bhile bhuidhe.
- MARINATE, *v. a.* Saill iasg.
- MARINE, *adj.* Fairgeach, mara, muireach.
- MARINE, *s.* 1. Sea affairs : cùisean-mara. 2. a soldier taken on shipboard : saighdear-mara, saighdear-luinge.
- MARINER, *s.* Maraiche, seòladair, fear-fairge.
- MARISH, *s.* See Marsh.
- MARISH, *adj.* See Marshy.
- MARITAL, *adj.* Céileach, a bhuineas do fhear-pòsda.
- MARITATED, *adj.* Pòsda.
- MARITIMAL, } *adj.* 1. Performed on the sea, ma-
MARITIME, } rine : air moir, fairgeach. 2. re-
lating to the sea, naval : mara, muireach, longach.
3. bordering on the sea : cladaichail, tràigheil, ri taobh mara.
- MARK, *s.* 1. A token by which any thing is known : comharradh. 2. a stamp, an impression : làrach, ailt, lorg, comharradh. 3. a proof, an evidence : dearbhadh, còmhach. 4. notice taken : beachd. 5. any thing at which a missile weapon is directed : comharradh, ball-amais, cuspair. 6. the evidence of a horse's age : comharradh-fiacail. 7. a sum of thirteen shillings and four pence : marg.
- MARK, *v. a. et n.* 1. Impress with a token, or evidence : comharraich. 2. note, take notice of : beachdaich, gabh beachd air, comharraich. 3. heed, regard as valid, or important : thoir aire do. 4. note, take notice : seall, thoir an aire, amhairc.
- MARKER, *s.* 1. One that puts a mark on any thing : fear-comharrachaidh. 2. one that notes, or takes notice : fear-amhairc.
- MARKET, *s.* 1. A public time, or appointed place for buying and selling : féill, margadh, faighir. 2. purchase and sale : reic, ceannachd. 3. rate, price : cosdas, luach, airgid.
- MARKET, *v. n.* Dean margadh, dean féill, reic, ceannaich.
- MARKET-BELL, *s.* Clag-margaidh, clag-féille.
- MARKET-CROSS, *s.* Crois-margaidh, crois-féille, ionad-féille.
- MARKET-DAY, *s.* Latha-margaidh, latha-féille.
- MARKET-FOLKS, *s.* Luchd-margaidh, luchd-féille.
- MARKET-MAID, *s.* Bean-margaidh, bean-féille.

MARKET-MAN, *s.* Fear-margaidh, fear-féille.
 MARKET-PLACE, *s.* Àite-margaidh, àite-féille, ionad-féille.
 MARKET-PRICE, } *s.* Prìs-féille, luach-féille.
 MARKET-RATE, }
 MARKET-TOWN, *s.* Baile-margaidh, baile-féille.
 MARKETABLE, *adj.* Margail, a fuitheas air margadh, no-féill.
 MARKMAN, } *s.* Fear-amais, fear-cuspaireachd.
 MARKSMAN, }
 MARL, *s.* Criadh-mhathachaidh, criadh-reamhar.
 MARL, *v. a.* Mathaich le criadh-reamhar.
 MARLPIT, *s.* Slochd-chrèadhha-reamhair.
 MARMOREAN, *adj.* Marmorach.
 MARQUETRY, *s.* Breacachadh, breac-obair.
 MARQUIS, *s.* Marcus, mac diùca, oighre diùca.
 MARRER, *s.* Fear-millidh, fear-diobhail, fear-dolaidh.
 MARRIAGE, *s.* Pòsadh. Marriage-articles: cùmhnant-pòsaidh. Marriage-bed: leabaidh-phòsda.
 MARRIAGEABLE, *adj.* So-phòsaidh, ion-phòsda, aig aois-pòsaidh.
 MARRIED, *adj.* Pòsda.
 MARROW, *s.* Smior, smear. Of the back bone: smior chailleach.
 MARROW, *v. a.* Sàr-lìon, reamhraich, sàsaich.
 MARROWBONE, *s.* Cnàimh-smiora. In burlesque language: glùn.
 MARROWFAT, *s.* Peasar mhòr.
 MARROWISH, *adj.* Smiorach, làn smiora.
 MARROWLESS, *adj.* Gun smior, neo-smiorach.
 MARROWY, *adj.* Smiorach, làn smiora.
 MARRY, *interj.* Moire, muire, nàile.
 MARRY, *v. a. et n.* 1. Join a man and woman as performing the rite: pòs. 2. dispose of in marriage: thoir am pòsadh, pòs ri. 3. take for husband or wife: pòs.
 MARSH, *s.* Lòn, boglach, fèith.
 MARSH-MALLOW, *s.* Malomh, lus nam meall mòra.
 MARSH-MARIGOLD, *s.* Lus-buidhc-bealltainn.
 MARSHAL, *s.* 1. The chief officer of arms: ceannard-airm, àrd-cheann-feadhna. 2. an officer who regulates combats in the lists: ceannard-còmh-raig. 3. any one who regulates rank or order at a feast: ceann-suidhe, ceann-riaghailt. 4. an har-binger: roimh-rùith-fhear.
 MARSHAL, *v. a.* 1. Arrange, rank in order: tarruing suas, cuir an òrdugh. 2. lead, as an har-binger: roimh-imich, treòraich.
 MARSHALLER, *s.* Fear-riaghailt, fear-riaghlaidh.
 MARSHALSHIP, *s.* Àrd-cheann-feadhnaichd, marascalachd.
 MARSH-CROCKET, *s.* Scòrsa de bhiolar-an-fhuarain.
 MARSHY, *adj.* Bog, fliuch, fèitheach, lòn-teach.
 MART, *s.* 1. A place of public traffic: àite-margaidh. 2. bargain, purchase and sale: cùmhnant, reic, ceannachd.
 MART, *v. a. et n.* 1. Traffic, buy or sell: dean margadh, reic, malairtich, ceannaich. 2. trade dishonourably: dean feall-cheannachd.
 MARTEL, *v. n.* Buail, thoir buile do.
 MARTEN, } *s.* 1. A kind of weasel: taghan. 2.
 MARTERN, } a kind of swallow: gobhlan-gaoithe.

MARTIAL, *adj.* 1. Warlike, fighting, given to war: cogach, gaisgeanta, curanta, cròdha, treun. 2. having a warlike show, suiting war: cogail, cathach, saighdearach.
 MARTIALISM, *s.* Gaisgealachd, curantachd, tréine.
 MARTIALIST, *s.* Fear-cogaidh, fear-catha, curaidh, gaisgeach.
 MARTINET, } *s.* Gobhlan-gaoithe.
 MARTLET, }
 MARTINGAL, *s.* Iall-chasaidh, iall-cheannsaichaidh eich.
 MARTINMAS, *s.* Samhuinn. Martinmas day: lathasamhna. Fèill màrtainn.
 MARTYR, *s.* Fianuis, fear-fianuis, martarach.
 MARTYR, *v. a.* 1. Put to death for virtue, or true profession: cuir gu bàs, air son a' chreidimh. 2. torment: pian. 3. murder, destroy: mort, mill, dìthich, sgrios.
 MARTYRDOM, *s.* Bàs fir-fianuis, bàs air son a' chreidimh.
 MARTYRIZE, *v. a.* Ìobair, tairg mar ìobairt.
 MARTYROLOGE, *s.* Clàr-ainm fhear-fhianuis.
 MARTYROLOGIST, *s.* Sgrìobhadair, mu luchd-fianuis.
 MARTYROLOGY, *s.* Sgrìobhadh, no, eachdraidh luchd-fianuis.
 MARVEL, *s.* Iongantas, iongnadh.
 MARVEL, *v. n.* Gabh iongnadh, biodh iongnadh ort.
 MARVELLOUS, *adj.* Iongantach, neònach, annasach, do-chreidsinn.
 MARVELLOUSLY, *adv.* See Marvellous.
 MARVELLOUSNESS, *s.* Iongantachd, neònachas, annasachd.
 MARY-BUD, *s.* See Marigold.
 MASCULATE, *v. a.* Dean làidir, fàg làidir.
 MASCULINE, *adj.* 1. Male, not female: firionn. 2. resembling man, virile, powerful: duineil, neartmhor, fearail, tapaidh, garbh.
 MASCULINELY, *adv.* See Masculine.
 MASCULINENESS, *s.* Duinealachd, neartmhorachd, fearalachd, tapachd, gairbhe.
 MASH, *s.* 1. The space between the threads of a net: mogul. 2. any thing mingled or beaten together into an indistinguished, or confused body: measgan, measgadh, coimeasgadh.
 MASH, *v. a.* 1. Beat into a confused mass: pronn, bruth, co-phronn, coimeasg. 2. mix malt and water together in brewing: maistrich.
 MASHY, *adj.* Pronnta, coimeasgta, brutha.
 MASK, *s.* 1. A cover to disguise the face: cidhis. 2. any pretence or subterfuge: leisgeul, cuilbheart, car. 3. a festive entertainment in which the company is masked: cluich-cidhis. 4. a revel, a piece of mummercy, a wild bustle: buaireas, ùpraid.
 MASK, *v. a. et n.* 1. Disguise with a mask or vizor: cuir cidhis air. 2. cover, hide: ceil, folaidh. 3. revel, play the mummer: dean balbh-shùgradh, bi ri balbh-aighear. 4. be disguised any way: bi ceilte, bi an riochd cile.
 MASKER, *s.* Fear-cidhis.
 MASLIN, *adj.* Measgta, coimeasgta.
 MASON, *s.* Clachair.

MASONIC, *adj.* Clachaireach.
MASONRY, *s.* Clachaireachd.
MASQUERADE, *s.* 1. A diversion in which the company is masked: cluich-chidhis. 2. disguise: folach.
MASQUERADE, *v. a. et n.* Rach fuidh chidhis, cuir fuidh chidhis.
MASQUERADER, *s.* Fear-cidhis.
MASS, *s.* 1. A body, a lump, a continuous quantity: meall, dùn, tòrr. 2. a large quantity, bulk, a vast body: tomad, tomult, tom. 3. the general, the bulk: a' mhòr-chuid. 4. the service of the Romish church at the celebration of the eucharist: aifrionn. 5. a festival: féill, féisd.
MASS, *v. n.* Dean aifrionn.
MASSACRE, *s.* 1. Carnage, slaughter, butchery, indiscriminate destruction: casgradh, casgairt, di-mhillleadh, sluagh-mhortadh. 2. murder: mort.
MASSACRE, *v. a.* Casgair, marbh, di-mhill, dean sluagh-mhort.
MASSACRER, *s.* Fear-casgraidh, fear-sluagh mhortaidh.
MASSETER, *s.* Fèith-peircill.
MASSINESS, } *s.* Cudthrom, tomad, truimead, tom-
MASSIVENESS, } adachd.
MASSIVE, } *adj.* Cudthromach, trom, tomadach.
MASSY, }
MAST, *s.* 1. Of a boat or ship: crann. 2. the fruit of the oak and beech: cnò.
MASTED, *adj.* Crannach.
MASTER, *s.* 1. One who has servants: maighstir, fear-tighe. 2. a director, a governor: fear-riaghlaidh, fear-stiùraidh, uachdaran. 3. owner, proprietor: maighstir, sealbhadair. 3. a lord, a ruler: tighearn, uachdaran. 5. chief, head: ceann. In composition: àrd. *Master-builder*: àrd-fhear-togalach. 6. commander of a trading ship: sgiobair. 7. one uncontrolled: saoranach, fear saor. 8. one who teaches, a teacher: maighstir, fear-teagaisg, oide-ionnsachaidh.
MASTER, *v. a. et n.* 1. Be a master, rule, govern: dean maighstireachd air, riaghail. 2. conquer, overpower, subdue: ceannaich, faigh buaidh air. 3. execute with skill: coimhlean gu gleusda. 4. excel in any thing: bi ealanta, bi gleusda.
MASTER-JEST, *s.* Àrd-abhcaid, àrd-àmhailt.
MASTER-KEY, *s.* Àrd-iuchar.
MASTER-SINEW, *s.* An fhèith mhòr, fèith na h-iosgaid.
MASTER-STRING, *s.* Àrd-theud.
MASTER-TEETH, *s.* Fiaclan mòra.
MASTERY, *s.* Maighstireachd.
MASTERFUL, *adj.* 1. Imperious: tighearnail, smachdail, làdasach. 2. having the skill of a master, artful: ealanta, gleusda.
MASTERLESS, *adj.* 1. Wanting a master or owner: gun maighstir, gun scalbhadair. 2. ungoverned, unsubsided: neo-cheannsaichte.
MASTERLINESS, *s.* Àrd-ealantachd.
MASTERLY, *adj.* Maighstireil, ealanta, grinn.
MASTERPIECE, *s.* 1. Capital performance: àrd-ghnìomh, cùch, gnìomh urramach. 2. chief ex-

cellence: urram, an t-urram, àrd-innleachd, àrd-bhuaidh.
MASTERSHIP, *s.* 1. Dominion, rule, power: maighstireachd, uachdranachd, ceannsal. 2. superiority, pre-eminence: urram, buaidh. 3. chief work: àrd-ghnìomh. 4. skill, knowledge: ealain, eòlas.
MASTERY, *s.* See Mastership.
MASTFUL, *adj.* Cnòthach, làn chnothan daraich.
MASTICATION, *s.* Cagnadh.
MASTICATORY, *s.* Cungaidh-chagnaidh, leigheas-cagnaidh.
MASTICH, } *s.* Bìgh, seòrsa glaidh.
MASTICK, }
MASTIFF, *s.* Madadh, cù mòr, cù feòladair.
MASTLESS, *adj.* Gun chrann, gun chnothan. See Mast, *s.*
MASTLIN, *s.* Coimeasgadh.
MAT, *s.* Brat-luachrach, brat-ùrlair.
MAT, *v. a.* 1. Cover with mats: còmhdaich le brat-luachrach. 2. twist together, join like a mat: fìgh, co-fhìgh.
MATCH, *s.* Leus, lasadan.
MATCH, *s.* 1. One equal to another, one able to contest with another: mac-sambuil, fear-dùlain. 2. one that suits, or tallies with another: lethbhreac. 3. a marriage: pòsadh. 4. one to be married: urra-phòsaidh. 5. a contest, a game: comh-stri, connsachadh.
MATCH, *v. a. et n.* 1. Be equal to, suit, proportion: co-fhreagair. 2. marry, give in marriage: pòs, thoir am pòsadh. 3. be married: pòs, bi pòsda.
MATCHABLE, *adj.* Co-fhreagarrach, co-ionannach.
MATCHLESS, *adj.* Gun choimeas, ro urramach, ro ghasda.
MATCHLESSLY, *adv.* See Matchless.
MATCHLESSNESS, *s.* [Neo-shamhluidheachd, ro-urramachd.
MATCHMAKER, *s.* 1. One who contrives marriages: fear-dèanaimh phòsaidhean. 2. one who makes matches to burn: fear-dèanaimh lasadan.
MATE, *s.* 1. A husband, or wife: céile. 2. a companion, male, or female: còmhlan, companach. 3. the male or female of animals: céile. 4. one that sails in the same ship: co-shedladair, còmhlanluinge.
MATE, *v. a.* 1. Match, marry: pòs. 2. be equal to: co-fhreagair. 3. oppose to, equal: dean co-ionann.
MATELESS, *adj.* Gun chéile, gun chompanach, aonarach.
MATERIAL, *adj.* 1. Consisting of matter, corporeal, not spiritual: corporra. 2. important, momentous, essential: cudthromach, feumail, sònruichte. 3. not formal: ann féin.
MATERIALISM, *s.* Àicheadh spiorad.
MATERIALIST, *s.* Fear-àicheidh spiorad.
MATERIALITY, *s.* Corporrachd, brioghmhorachd.
MATERIALIZE, *v. a.* Thoir corp do, cuir an cruth corpoita.
MATERIALLY, *adv.* See Material.
MATERIALNESS, *s.* 1. State of being material: corporrachd. 2. importance: cudthromachd.

MATERIATE, } *adj.* Corporra.
MATERIATED, }
MATERNAL, *adj.* Màthaireil.
MATERNITY, *s.* Màthaireachd, màthairealachd.
MATHEMATICIAN, *s.* Fear ealain thomhas is àir-eamh.
MATHEMATICS, *s.* Ealain thomhas is àireamh.
MATHER, *s.* Màdar.
MATHESIS, *s.* See Mathematics.
MATIN, *adj.* Maduinneach, maduinneil, moch.
MATIN, *s.* Maduinn, moch-thra.
MATINS, *s.* Aoradh maidne, maduinnean.
MATRASS, *s.* Gloine-thogalach, seòrsa buideil, no, searraig.
MATRICE, *s.* 1. The womb : bolg, machlag. 2. a mould : laghadair, inneal cumaidh.
MATRICIDE, *s.* 1. Slaughter of a mother : mort màthar. 2. a mother-killer : mortair màthar.
MATRICULATE, *v. a.* Gabh a stigh ainm, cuir sìos ainm an co-chomunn, mar ainm foghlumaiche an oil-thigh.
MATRICULATE, *s.* Foghlumaich ainmichte.
MATRICULATE, *adj.* Ainmichte an comunn, no, an oil-thigh.
MATRICULATION, *s.* Ainm-ghabhail, cur sìos ainme.
- SEVERITY**, *s.* 1. Cruel treatment: cruas, an-ìochd, borbas. 2. hardness: cruas, teanntachd. 3. strictness: cruas, geur-smachd, smior. 4. rigour, austerity: cruas, gairge, iargaltas.
- SEW**, *v. a. et n.* 1. Follow: lean. 2. by threads with a needle: fuaigh.
- SEWER**, *s.* 1. An officer who serves up a feast: gille cuirme. 2. a passage for water: dòirteal, càrn-rath, guitear, slochd-shalchair. 3. that uses a needle: fear-fuaigheil, tàileir.
- SEX**, *s.* Cineal, cineil, gnè.
- SEXANGULAR**, *adj.* Sèa-chearnach.
- SEXTON**, *s.* Maor-eaglais.
- SEXTUPLE**, *adj.* Sèa-fillte.
- SEXUAL**, *adj.* Gnèitheach.
- SHABBILY**, *adv.* See Shabby.
- SHABBINESS**, *s.* Mìodhoireachd, spìocaireachd.
- SHABBY**, *adj.* Mìodhoir, spìocach, leibideach, suarach.
- SHACKLE**, *v. a.* Cuibhricht, geimhlich, cuingich, urchallaich.
- SHACKLES**, *s.* Cuibhrichean, geimhlean, ceanglaichean, urchall, cangach.
- SHAD**, *s.* Gobhlachan.
- SHADE**, *s.* 1. Cloud, or opacity: dubhar, faileas sgàil. 2. darkness, obscurity: dorchadas, doilleireachd, duibhre. 3. coolness: dubhar. 4. an obscure place: ionad doilleir, ionad dubharach. 5. screen: sgàil, sgàilean. 6. protection, shelter: dìon, fàsghadh. 7. a colour: dath. 8. of a picture: dubhar. 9. the shadow: faileas, sgàil. 10. a spirit, a ghost: taibhs, aog.
- SHADE**, *v. a.* 1. Overspread with opacity: sgàil, tarruing dubhar. 2. shelter, hide: dìon, cuir sgàil air, folaich. 3. paint in obscure colours: tarruing le dath dorch.
- SHADINESS**, *s.* Dubharachd, doilleireachd, duibhre.
- SHADOW**, *s.* 1. Of a body: faileas, dubhar. 2. opacity, shade: dubhar, sgàil. 3. obscure place: ionad dubharach. 4. of a picture: sgàil, dubhar. 5. a ghost: faileas, taibhs. 6. faint representation: faileas. 7. type: samhladh. 8. protection: dìon, tèarmunn.
- SHADOW**, *v. a.* 1. Cover with opacity: dorchaich, sgàil. 2. make cool: sgàil, tarruing sgàil. 3. conceal, hide: folaich, ceil. 4. protect: dìon, dìon fuidh sgàil. 5. mark: cuir dathan sgàile air. 6. represent imperfectly: taiscealb, samhlaich. 7. represent typically: samhlaich.
- SHADOWING**, *s.* Sgàileadh.
- SHADOWY**, *adj.* 1. Gloomy: dubharach, neulach, sgàileach, faileasach. 2. not luminous: faileasach, sgàileach. 3. typical: samhlach. 4. unreal: faileasach, sgàileach. 5. dark, opaque: dorch, doilleir.
- SHADY**, *adj.* Dubharach, sgàileach, dorch.
- SHAFT**, *s.* 1. An arrow: saighead, gath. 2. a pit: toll domhain. 3. a spire: turaid. 4. of a weapon: dòrn, cas. 5. of a carriage: caol mhaide carbaid.
- SHAFTED**, *adj.* Làmbach.
- SHAG**, *s.* Fionnadh, clòinì gharbh, caitein.
- SHAGGY**, *adj.* Ròmach, molach, pabach, caiteineach, giobach, peallagach, peallach, badach, mogach.
- SHAGGEDNESS**, *s.* Ròmaiche, molachas, giobaiche, giobaichead.
- SHAGREEN**, *s.* Craicionn mùrlaich.
- SHAKE**, *v. a. et n.* Crath, luaisg, caislich, cuir air chrith, luaisg, tilg sìos, lagaich, cuir fuidh mhì-mhisnich, crith, crionaich.
- SHAKE**, *s.* Crathadh, luasgadh, leagadh.
- SHAKER**, *s.* Fear-crathaidh, fear-luasgaidh.
- SHAKING**, *s.* See Shake, *s.*
- SHALOON**, *s.* Clòdh tana.
- SHALLOP**, *s.* Eithear, bàta beag.
- SHALLOW**, *adj.* 1. Not deep: tana, cu-domhain. 2. not intellectually deep: tana, neo-gheur, faoin, lag-inntinneach.
- SHALLOW**, *s.* Tanalach, àthan, oitir.
- SHALLOWNESS**, *s.* 1. Want of depth: tainead, tanalachd. 2. want of thought: baoghaltachd, faoin-eachd.
- SHAM**, *v. a.* Meall, thoir an car á, gabh brath foille.
- SHAM**, *s.* Mealladh, mi-chleas, droch-cleas, car.
- SHAMBLES**, *s.* Margadh na feòla.
- SHAMBLING**, *adj.* Neo-chuimir, a null 's a nàil.
- SHAME**, *s.* Nàire, nàisneachd, maslath, tàir, tàmailt, mi-chliu, athais, tarcais.
- SHAME**, *v. a. et n.* 1. Make ashamed: nàraich, cuir gu nàire. 2. disgrace: maslaich, thoir tàir do, thoir tàmailt do. 3. be ashamed: gabh nàire.
- SHAMEFACED**, *adj.* Nàisneach, nàrach, gnùis-nàireach, saidealta, diùididh.
- SHAMEFACEDLY**, *adv.* See Shamefaced.
- SHAMEFACEDNESS**, *s.* Gnùis-nàire, nàisneachd, diùideachd.
- SHAMEFUL**, *adj.* Nàrach, nàr, maslach, tàmailteach, mi-chliùiteach.
- SHAMEFULLY**, *adv.* See Shameful.
- SHAMELESS**, *adj.* Mì-nàrach, neo-mhodhail, mi-

- mhodhail, beag-narach, bathaiseach, ladarna, bead-aidh.
- SHAMELESSLY, *adv.* See Shameless.
- SHAMROCK, *s.* Seamrag.
- SHANK, *s.* Lurg, luirgean, luirgeann.
- SHANKED, *adj.* Luirgneach.
- SHAPE, *v. a. et n.* 1. Form: cum, dealbh, dreach, dèan. 2. mould, regulate, adjust: riaghailtich, cuir air dòigh. 3. image, conceive: tionnsgain, saoil. 4. square, suit: cum, dealbh.
- SHAPE, *s.* 1. Form: cumadh, cruth, dealbh, dreach, aogas, riochd. 2. of the body: cruth, dreach, com.
- SHAPELESS, *adj.* Gun chumadh, neo-chumadail, midhealbhach, mi-dhreachail, ain-riochdail.
- SHAPELINESS, *s.* Cumadalachd, eireachdas, snasmhorachd.
- SHAPELY, *adj.* Cumadail, cumachdail, eireachdail, snasmhor, dreachmhor, deadh-chruthach.
- SHARD, *s.* 1. The fragment of an earthen vessel: bloigh, sgealb. 2. the shell of an egg: plaosg.
- SHARE, *v. a. et n.* 1. Divide: roinn, pàirtich, compàirtich, dàilich, earrannaich. 2. partake: compàirtich. 3. separate: gearr, roinn. 4. have part: gabh earrann, gabh roinn.
- SHARE, *s.* 1. Part, allotment: earrann, roinn, cuid, cuibhrionn, pàirt. 2. of a plow: coltar.
- SHARER, *s.* 1. One who apportions to others: earrannaiche, roinneadair, fear-roinn, fear-compàirt-eachaidh. 2. a partaker: fear-faighinn roinn, fear-compàirt.
- SHARING, *s.* Comh-foinn, compàirteachdail.
- SHARK, *s.* 1. A sea fish: iasg nan geur fhicall. 2. a greedy artful fellow: gionach, fear cuilbheartach. 3. trick, fraud: mi-chleas.
- SHARK, *v. a.* 1. Pack up hastily: sluih gu cìocrach, glac le cabhag. 2. play the petty thief: sgiòle, tiolp, goid, thoir an car á. 3. fawn, beg: bi sgimilearachd.
- SHARKING, *s.* Tiolpadh, min-ghoid.
- SHARP, *adj.* 1. Keen, piercing: geur, biorach, guineach, faobharach. 2. terminating in a point: biorach, binneach. 3. acute of mind, witty: geur, tapaidh, ealamh, beothail. 4. quick, as of sight: geur. 5. sour: geur, goirt. 6. shrill: geur, biorach, sgreadach. 7. severe, harsh: geur, sgaiteach, beur, beumnach. 8. cruel: cruaidh, an-ìochdnìhor. 9. eager: dian, guineach. 10. painful: goirt, cràidhteach, guineach, goimheach. 11. fierce: dian, bras. 12. attentive, vigilant: furachail, air-eachail. 13. acrid, biting: geur, lotach. 14. emaciated, lean: caol, biorach, bochd.
- SHARP, *s.* 1. A sharp or acute sound: geur-fhonn, fuaim biorach. 2. small sword: biodag, cuinnsear.
- SHARP, *v. a. et n.* 1. Make keen: geuraich, dean biorach. 2. render quick: dean geur, dean grad. 3. play thievish tricks: dean mi-chleasan, meall.
- SHARPEN, *v. a. et n.* 1. Make keen, edge: geuraich, roinnich. 2. make quick, or acute: dean geur, dean grad, dean smiorail. 3. make eager or hungry: geuraich, dean cìocrach. 4. make fierce or angry: geuraich, dean feargach. 5. make biting or severe: dean guineach, dean sgaiteach.
6. make sour: dean goirt, no, geur. 7. grow sharp: fàs geur.
- SHARPER, *s.* Fear mhi-chleasan, biorrachdair, car-aiche, mealltair, cluipheadair.
- SHARPLY, *adv.* See Sharp, *adj.*
- SHARPNESS, *s.* 1. Of edge, or point: géire, géiread, bioraichead. 2. sourness: goirtead, géire. 3. of language: géire, géiread. 4. painfulness: goirtead, cràdh. 5. intellectual acuteness: géire, géiread.
- SHARP-SET, *adj.* Dian, cìocrach, guineach.
- SHARPSIGHTED, *adj.* Geur-shuileach, bior-shuileach biorach.
- SHARP-WITTED, *adj.* Geur-fhocalach, geur-fhoclach, beumnach.
- SHASTER, *s.* Sgriobtuir nann Innseanach soir.
- SHATTER, *v. a. et n.* 1. Break at once into many pieces: bris, bloighdich, bruan, spealg, pronn. 2. be broken: bris, bruan, rach 'n ad spealgan.
- SHATTER, *s.* Spealg, bloigh, bruan.
- SHATTERBRAINED, *adj.* Faoin-cheannach, umpadail, neo-aireach.
- SHAVE, *v. a.* 1. With a razor: beàrr, lom. 2. pare close: lom, beàrr, lomair, rùisg. 3. skim by, passing near: suath, siab. 4. cut in thin slices: gearr tana, sliseagaich. 5. pillage: creach, lomair, spùinn.
- SHAVELING, *s.* Fear beàrrta, manach bochd.
- SHAVER, *s.* 1. See Barber. 2. one closely attentive to his own interest: fear geur-chuiseach. 3. a robber: spùinneadair.
- SHAVING, *s.* Sliseag, bearradh.
- SHAWL, *s.* Earrasaid, filleag.
- SHE, *pron.* 1. The female pronoun demonstrative: i, ise, si. 2. the female, not the male: boirionn.
- SHEAF, *s.* 1. Of corn: sguab, fleasg. 2. any bundle: dòrlach, trusgan.
- SHEAF, *v. n.* Dean sguaban.
- SHEAR, *v. a. et n.* 1. Clip, or cut: beàrr, lomair, gearr. 2. by the sickle: buain, gearr. 3. (in navigation): fiar, siar, bòrd.
- SHEAR, } *s.* Deamhas, siosar.
- SHEARS, }
- SHEARD, *s.* Spealg, sgealb, bloigh, bruan.
- SHEARER, *s.* 1. One that clips with shears: lom-artair, bearradair. 2. a reaper: buanaiche.
- SHEATH, *s.* Truail, duille.
- SHEATH, } *v. a.* Cuir an truail, cuir an duille.
- SHEATHE, }
- SHEATHLESS, *adj.* Gun truail, gun duille.
- SIED, *v. a. et n.* 1. Effuse, pour out: dòirt, taom. 2. scatter, let fall: sgap, sgaoil, srad, 3. let fall in parts: dòirt, sgap, srad, sil.
- SHEEN, } *adj.* Soillseach, dèarsach, boillsgeach.
- SHEENY, }
- SHEEN, *s.* Boillsgeadh, dèarsadh, dealradh.
- SHEEP, *s.* Caora.
- SHEEPCOT, } *s.* Crò chaorach, mainnir.
- SHEEPFOLD, }
- SHEEPHOOK, *s.* Cromag cibeir, bachull buachaille.
- SHEEPISH, *adj.* Saidealta, nàisneach, nàrach, tais.

SHEEPISHLY, *adv.* See Sheepish.
SHEEPISHNESS, *s.* Saidealtachd, cladhachd, nàire, nàisneachd.
SHEEPSHEARING, *s.* Lomairt, no, rùsgadh chaorach.
SHEEPWALK, *s.* Ionatrachd chaorach.
SHEER, *s.* Glan, fìor-ghlan, neo-thruaillidh.
SHEER, *adv.* Gu glan, a dh' aon bheum, gu h-ealamh.
SHEER OFF, *v. n.* Sèap, teich, goid air falbh.
SHEET, *s.* 1. Of linen: brà-lìn, lìon-eudach, brat-lìn. 2. of a bed: brà-lìn, bràil-lìn, lìon-anart. 3. of paper: site, stuadh, ròla. 4. of paper in a book: duilleag. 5. of any thing expanded: leac. 6. the sails of a ship: seòl, bréid. 7. sheet-anchor: acair-éigin.
SHEET, *v. a.* 1. Furnish with sheets: thoir brà-lìn do. 2. enfold in a sheet: paisg, fill. 3. cover as with a sheet: còmhdaich.
SHEETING, *s.* Lìon-eudach.
SHEKEL, *s.* Bonn-leth-chruin.
SHELF, *s.* 1. A board fixed: sgeilp. 2. in the sea: tanalach, sgeir, oitir.
SHELFY, *adj.* Sgeilpeach, sgorach, sgeireach.
SHELL, *s.* 1. The hard covering of any thing: rùsg, sgrath, ballan, plaosg. 2. of testaceous or crustaceous animals: slige. 3. of siliginous plants: cochull, plaosg, rùsg. 4. of kernels, or an egg: rùsg, plaosg. 5. of an house: slige.
SHELL, *v. a. et n.* 1. Take out of the shell: plaoisg, rùisg, sgiol, sgroill. 2. fall off as broken shells: sgiol, fosgail, tuit.
SHELL-DUCK, *s.* Cràdh-ghèadh.
SHELLFISH, *s.* Maorach, faoch, iasg sligeach.
SHELLY, *adj.* Sligeach.
SHELTER, *s.* 1. A cover: dìdean, dian, sgàth, tèarmunn, fàsgadh, asgailt. 2. a protector: dì-dionnair, fear-dìona, fear-tèarmunn. 3. protection, security: dìdean, dìon.
SHELTER, *v. a. et n.* 1. Cover: dìon, didinn, tèarn, thoir tèarmunn. 2. defend, protect: dìon, tèarn, tèaruinn, teasairg. 3. betake to cover: gabh dìon, gabh fàsgadh. 4. take shelter: gabh dìon, gabh fàsgadh. 5. give shelter: thoir dìon, thoir fàsgadh.
SHELTIE, *s.* Eachan.
SHELV, *v. a.* Cuir air sgeilpean.
SHELVING, *adj.* Claon, uchdanach, leth-chorrach, cas.
SHELVY, *adj.* Sgeireach, creagach, sgorach, eu-domhain.
SHEPHERD, *s.* Buachail, cibeir, aodhair, treudaich.
SHEPHERDESS, *s.* Ban-chibeir, ban-bhuachail.
SHEPHERD'S PURSE, *s.* Lus-na-fola.
SHERIFF, *s.* Siorraimh, siorram.
SHERIFDOM, *s.* Siorramachd.
SHOWER, *s.* Fear-seòlaidh.
SHIELD, *s.* 1. A buckler: sgiath, caoimh-sgiath, targaid. 2. defence, protection: sgiath, dìon, dìdean, tèarmunn. 3. one that gives protection or security: didionnair, fear-dìona.
SHIELD, *v. a.* 1. Cover with a shield: dìon le sgiath, còmhdaich le sgiath. 2. defend, protect: dìon,

didinn, tèaruinn. 3. keep off: dìon, cum air falbh.

SHIFT, *v. a. et n.* 1. Change, alter: mùth, atharraich, caochail, caraich. 2. change clothes: mùth, atharraich. 3. find some expedient: dean luim, solair. 4. practise indirect methods: cleachd claon feuson. 6. shift off: cuir seachad.

SHIFT, *s.* 1. Change: mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. expedient found: alt, luim, innleachd, seòl, dòigh. 3. fraud, artifice: car, cleas, cluaintearachd. 4. evasion: car, cur seachad. 5. a woman's under linen: léine boirionnach, sgùird.

SHIFTER, *s.* 1. One who changes or alters: fear-mùthaidh, fear-atharrachaidh. 2. who plays tricks: fear carach, fear-mhi-chleasan.

SHIFTING, *s.* 1. Act of changing: mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. evasion, fraud: cur seachad, cuilbheart.

SHIFTLESS, *adj.* Gun seòl, gun dòigh, gun innleachd, gun luim.

SHILLING, *s.* Tasdan, sgillin Shasunnach.

SHILY, *adv.* See Shy.

SHIN, *s.* Faobhar na lurga.

SHINE, *v. n.* 1. Have bright resplendence, glitter: dèarrs, soillsich, dealraich, boillsg. 2. be glossy: bi dèarsach, bi soillsach. 3. be eminent: bi sònruichte, bi urramach. 4. give light: soillsich, dèarrs, thoir solus.

SHINE, *s.* 1. Fair weather: turadh, aimsir ghrianach, uair shoilleir. 2. brightness, splendour: lainnir, soilleireachd, dèarsadh.

SHINESS, *s.* Coinheachas, fiatachd, fiadhaichead.

SHINGLE, *s.* Déile, cùil.

SHINGLE, *v. a.* Còmhdaich le déileachan, còmhdaich le cùil.

SHINGLES, *s.* Ruiceanan.

SHINY, *adj.* Soilleir, dealrach, dèarsach, boillsgeach.

SHIP, *s.* Long, soitheach.

SHIP, *v. a.* 1. Put into a ship: cuir an long, cuir air bòrd. 2. transport in a ship: aisig, giùlain an long.

SHIPBOARD, *s.* Bòrd luinge.

SHIPBOY, *s.* Giollan luinge.

SHIPLESS, *adj.* Gun long.

SHIPMAN, *s.* Seòladair, maraiche.

SHIPPING, *s.* 1. Vessels of navigation, fleet: loingcas. 2. passage in a ship: seòladh, turus air muir.

SHIPWRECK, *s.* Long-bhriseadh.

SHIPWRECK, *v. a.* Dean long-bhriseadh.

SHIPWRIGHT, *s.* Saor luinge.

SHIRE, *s.* Siorramachd.

SHIRT, *s.* Léine.

SHIRT, *v. a.* Còmhdaich le léine, cuir léin' air.

SHIVE, *s.* Sliscag.

SHIVER, *v. a. et n.* 1. Shatter: bris, sgealb, bruan, bloighdich, bruansgail. 2. fall at once into many parts or shives: bris, rach 'n ad bhloighdean. 3. quake, tremble: crith.

SHIVER, *s.* 1. A fragment: bruan, bloigheag, spealg, sgealb, mìr. 2. a thin slice: sliscag. 3. a shaking fit: ball-chrith.

SHIVERING, s. 1. Act of trembling : ball-chrith, crith-fhuachd. 2. division : bristeadh, bloigh-deachadh, sgealbadh.

SHIVERY, adj. Bristeach, breòite.

SHOAL, s. 1. A crowd : sgaoth, sgann. 2. a sand-bank : tanalach, oitir, sgeir.

SHOALINESS, s. Taineadh.

SHOALY, adj. Sgeireach, làn oitirean.

SHOCK, s. 1. Conflict : stàirn, stàirneach, ruathar, ionnsuidh. 2. concussion, external violence : carachadh, gleachd, sbàirn. 3. of enemies : gleachd, còmhrag. 4. offence : oibbheum. 5. of corn : adag. 6. a rough dog : cù molach.

SHOCK, v. a. et n. 1. Shake by violence : luaisg, crath. 2. meet force with force : còmhraig, thoir coinneamh. 3. offend, disgust : thoir oibbheum. 4. meet with hostile violence : tachair le fraoch feirge. 5. be offensive : bi oibbheumach. 6. build up piles of sheaves : dean adagan.

SHOCKINGLY, adv. Gu h-oibbheumach, gu déistinn-each.

SHOE, s. 1. The cover of a man's foot : bròg. 2. of a horse's foot : crudha.

SHOE, v. a. Crudh, cuir crudhan.

SHOEBOY, s. Gille-bhròg.

SHOEMAKER, s. Greusaich, fear-dèanaimh bhròg.

SHOER, s. Fear-crudhaidh.

SHOESTRING, } s. Bar-iall bròige, barr-iall.
SHOETYE, }

SHOOT, v. a. et n. 1. Discharge with speed or violence : tilg, thoir urchair. 2. as from a bow or gun : tilg, tilg urchair. 3. as a vegetable : cuir a mach, cuir thuige. 4. push suddenly : pùc. 5. fit to each other : dean comh-fhreagarrach. 6. germinate : fàs, cinn, bi cur a mach. 7. protuberate : brùchd, bòrc. 8. move swiftly along : ruith. 9. feel a quick glancing pain : biorg.

SHOOT, s. 1. The act or impression of any thing emitted : urchair, tilgeadh. 2. a branch : fiùran, faillean, meangan. 3. a young swine : uircean.

SHOOTER, s. Fear-tilgidh, fear-bogha, cuimsiche.

SHOOTING, s. 1. Act of emitting as from a gun or bow : tilgeadh, gunnaireachd, làmhach. 2. sensation of quick pain : biorgadh.

SHOP, s. Bùth.

SHOPBOARD, s. Bòrd oibre.

SHOPBOOK, s. Leabhar cunntais, leabhar reiceadair.

SHOPKEEPER, s. Ceannaiche, reiceadair, fear-bùtha.

SHOPMAN, s. 1. A petty trader : fear-bùtha. 2. one who serves in a shop : gille-bùtha.

SHORE, s. 1. Of the sea : tràigh, cladach, eilthir. 2. of a river : cladach, bruach. 3. a drain : gut-car, dòirteal. 4. a buttress : barr'-bhalla.

SHORE, v. a. Cuir barr'-bhalla ri, taic, cum suas.

SHORN, part. Rùisgte, lomairte.

SHORT, adj. 1. Not long : gearr, goirid. 2. in space, or extent : goirid, gearr, aithghearr. 3. in time : gearr, goirid, aithghearr, neo-flhada. 4. not adequate : aithghearr, gann. 5. scanty : gann. 6. narrow : cumhang. 7. brittle : brisg, pronn. 8. laconic : goirid, cas.

SHORT, s. Cunntas gearr, no, aithghearr.

SHORTEN, v. a. Giorraich, coimh-gheàrr, gearr dheth, cum a stigh, cuingich, cumlangaich, meang.

SHORTLIVED, adj. Gearr-shaoghalach, diombuan.

SHORTLY, adv. See Short, *adj.*

SHORTNESS, s. 1. The quality of being short : giorrad. 2. of words : tearcad, giorrad. 3. want of capacity : giorrad, gainead, neo-chomas. 4. imperfection : éis, dìth, neo-choimhliontachd.

SHORT-SIGHTED, adj. Gearr-sheallach, gearr-shuil-each.

SHORT-SIGHTEDNESS, s. Gearr-shealladh.

SHORT-WINDED, adj. Gearr-analach.

SHOT, s. 1. The act of shooting : tilgeadh, làmhach. 2. the missile weapon : urchair, dionnal. 3. flight of a missile weapon : urchair. 4. a sum charged : lach.

SHOTFREE, adj. Saor, gun a lach a dhìoladh.

SHOVE, v. a. et n. 1. Push by main strength : pùc, put. 2. rush against : pùc, put, thoir upag. 3. before one : pùc, ùp, bi pùcadh. 4. in a boat not by oars but by a pole : pùc, bi pùcadh.

SHOVE, s. Pùcadh, ùpadh, ùpag, putadh.

SHOVEL, s. Sluasaid.

SHOVEL, v. a. 1. Throw or heap with a shovel : sluaisd, sluaisir. 2. gather in great quantities : cruinnich, trus le sluasaid.

SHOULD, v. n. Bu chòir, n' an. I should go : *bu chòir* dhomh dol. If I should go : *'n an rachainn.*

SHOULDER, s. Guala, gualann, slinnean, slinneag.

SHOULDER, v. a. 1. Push with insolence and violence : ùp, pùc. 2. put upon the shoulder : guallich, cuir air gualainnean.

SHOULDERBELT, s. Crios-gualainn.

SHOULDERBLADE, s. Slinnean, slinneag, cnaimh slinnein.

SHOUT, s. Iolach, caithream, glaoth, gàir, sgairt.

SHOUT, v. a. et n. 1. Treat with noise and shouts : glaoth ri, dean gàir ri. 2. cry in triumph or exhortation : glaoth, éigh, dean iolach, dean comh-ghàirich.

SHOUTING, s. Iolach, caithream, glaoth, gàir, comh-ghàirich.

SHOW, v. a. et n. 1. Exhibit to view : nochd, foillsich, taisbean, leig ris. 2. make to see : nochd, foillsich, seall, taisbean, feuch. 3. make to know : leig ris, leig fhaicinn, teagaisg. 4. prove : nochd, taisbean, dearbh. 5. publish : foillsich, dean aith-nichte. 6. inform : nochd, seall, teagaisg. 7. conduct : stiùir, treòraich, steòrn. 8. offer, afford : taig, dèan. 9. explain : mìnich, soilleirich. 10. appear : amhaire, seall.

SHOW, s. 1. A spectacle : sealladh, iognadh. 2. superficial appearance : sealladh, samhladh, coltas. 3. ostentatious display : loiseam, bàsdal, greadhnachas. 4. public appearance : nochdadh, taisbeanadh. 5. semblance, likeness : samhladh, riochd. 6. speciousness : deadh choltas. 7. external appearance : coltas, aogas, draoch. 8. phantom, not reality : cruth, samhladh. 9. representative action : comharradh, samhladh.

SHOWBREAD, s. Aran taisbeanta, aran coisrigte.

SHOWER, s. 1. Rain : fras, citb, frasach, frasadh,

- silcadh. 2. storm : sian, doinniann, fras throm.
3. liberal distribution : frasadh, frasach, buileachadh pailt.
- SHOWER, *v. a. et n.* 1. Wet with rain : fras, fiuch, braon. 2. pour down : dòirt, taom. 3. distribute with liberality : sgap, sgaol, roinn-phàirtich. 4. be rainy : sil, bi frasach.
- SHOWERY, *adj.* Frasach, fiuch, silteach, fearthuinn-each, citheach.
- SHOWILY, *adv.* See Showy.
- SHOWY, *adj.* Loiseamach, basdalach, greadhnach, rìomhach, faicheil.
- SHRED, *v. a.* Srac, geàrr, bloighdich.
- SHRED, *s.* Mìrean, crioman, bìdeag, cearb, luideag.
- SHREDDING, *s.* Còrr, fuigheall.
- SHREW, *s.* Baobh, caille ladarna, bàirseach.
- SHREWD, *adj.* 1. Having the qualities of a shrew : baobhail, mì-funach. 2. cunning : seòlta, sicir, dùbailt, crionna. 3. bad, ill betokening : olc, dona. 4. painful, dangerous : cràidhteach, doghruinn-each.
- SHREWDLY, *adv.* See Shrewd.
- SHREWDNESS, *s.* 1. Mischievousness, petulance : mealltaireachd, beadaidheachd. 2. sly cunning : seòltachd, cuilbheartachd, crionnachd.
- SHREWISH, *adj.* Baobhail, trodail, beadaidh, ladarna.
- SHREWISHNESS, *s.* Ladarnachd, ladarnas, beadaidheachd, baobhalachd.
- SHRIEK, *v. n.* Sgreuch, sgread, ràn, raoic, thoir sgal.
- SHRIEK, *s.* Sreuch, sgread, ràn, raoic, sgal.
- SHRILL, *adj.* Sgreadach, beur, caol-fhuaimneach, sgalach.
- SHRILLY, *adv.* See Shrill, *adj.*
- SHRILLNESS, *s.* Sgalantachd.
- SHRIMP, *s.* 1. A fish : carran, clòimheag. 2. a little wrinkled man : droich, duineachan, fearan preasach.
- SHRIMP, *v. a.* Crup.
- SHRINE, *s.* Cobhan coisrigte, comhan.
- SHRINK, *v. a. et n.* 1. Make to shrink : crup. 2. contract itself : crup, crùb, seac, preas. 3. as from danger : crup, ath.
- SHRINK, *s.* 1. Corrugation : crupadh, preasadh, seargadh, seacadh. 2. from fear or horror : crupadh, crùbadh.
- SHRINKER, *s.* Cladhair, gealtair.
- SHRINKING, *s.* Crupadh, crùbadh.
- SHRIVEL, *v. n.* Crup, comh-chrup, preas, seachd, searg, sgreag.
- SHRIVELLING, *s.* Crupadh, preasadh, sgreagadh.
- SHROUD, *s.* 1. A shelter, cover : sgàile, còmhdach, fasgadh, dìon. 2. a winding sheet : corp-léine, linnseag, aodach mairbh, eislinn, marbh-phaisg. 3. the sail ropes : beairtean.
- SHROUD, *v. a. et n.* 1. Shelter : dìon, còmhdaich, thoir fasgadh. 2. dress for the grave : marbh-phaisg, ollanaich. 3. clothe, dress : uidheamaich, sgeadaich. 4. cover, conceal : còmhdaich, folaich, ceil. 5. depend : dìon, tèarn. 6. harbour : gabh dìon.
- SHROVETIDE, *s.* Inid.
- SHROVE-TUESDAY, *v.* Di-màirt inid.
- SHROVING, *s.* Féisd inid.
- SHRUB, *s.* 1. A small tree : preas, ras-ehran, ras. 2. a liquor : doch bhlasda.
- SHRUBBERY, *s.* Preasarnach, ionad phreasan.
- SHRUBBY, *adj.* Preasach, làn phreasan, fiodhach.
- SHRUG, *v. a. et n.* Crup, crùb, clòimhdich.
- SHRUG, *s.* Clòimhdeachadh, crupadh.
- SHUDDER, *v. n.* Crith, criothnaich, oilltich.
- SHUDDER, *s.* Crith, ball-chrith, criothnachadh, oillt.
- SHUFFLE, *v. a. et n.* 1. Throw into disorder : cuir thar a chéile, crath, coimeasg. 2. change the position of cards : cuir am measg a chéile, coimeasg, mùth. 3. with some fraudulent tumult : tilg as an rathad. 4. shuffle *off* : cùitich, faigh cùiteas, cuir air falbh, cuir dhìot. 5. shuffle *up* : dean suas. 6. play mean tricks, evade fair questions : bi cluipireachd, thoir car fuidh luib. 7. struggle, shift : dean luim.
- SHUFFLE, *s.* 1. The act of disordering things : cur thar a chéile, coimeasgadh. 2. a trick : car, cleas, siomaguad, car fuidh luib.
- SHUFFLER, *s.* Caraiche, mealltair, cluipeadair.
- SHUFFLING, *s.* 1. Act of throwing into disorder : cur thar a chéile, coimeasgadh. 2. trick : cleas, car, car fuidh luib, cluipireachd.
- SHUN, *v. a. et n.* Seachain, ob, seun, diùlt.
- SHUT, *v. a. et n.* 1. Close : druid, dùin. 2. inclose : dùin, druid, iomdhruid, cum a stigh. 3. prohibit : bac, toirmisg. 4. exclude : dùin a mach, druid. 5. shut *out* : cum a mach, dùin a mach, druid a mach. 6. shut *up* : dùin a suas. 7. shut *up*, conclude : comh-dhùin. 8. be closed : dùin, bi druidte.
- SHUT, *s.* 1. Close, act of shutting : dùnadh, druid-eadh. 2. small door or cover : còmhla bhacag.
- SHUTTER, *s.* 1. One that shuts : fear-dùnaidh. 2. a cover, a door : còmhla, brod, clàr-uinneig, foir-uinneag.
- SHUTTLE, *s.* Spàl.
- SHY, *adj.* 1. Reserved : fiadhta, dùinte, coimheach. 2. cautious : faicilleach, cùramach. 3. keeping at a distance : fiadhta, neo-chompanta. 4. suspicious : an-earbsach, amharusach.
- SHYLY, *adv.* See Shy.
- SHYNESS, *s.* Fiadhaichead, fiatachd, coimheachas.
- SIBILANT, *adj.* Srannach.
- SIBYL, *s.* Ban-fhiosaiche phàganach.
- SICAMORE, *s.* Sicamore.
- SICK, *adj.* 1. With disease : tinn, euslan, euslaint-each. 2. corrupted : truaillidh, neo-fhallain. 3. disgusted : tinn, sàruichte, sgèth.
- SICKEN, *v. a. et n.* 1. Make sick : dean tinn, cuir galar air. 2. weaken : lagaich, dean breòite. 3. grow sick : fàs tinn, bi tinn. 4. be disgusted : bi tinn, gabh sgreatachd. 5. grow weak : fannaich, fàs lag.
- SICKISH, *adj.* Tinn, leth-char tinn, fann.
- SICKLE, *s.* Corran.
- SICKLED, *adj.* A' giùlan corrain.
- SICKLEWORT, *s.* Lus-a-chorrain.
- SICKLEMAN, }
SICKLER, } *s.* Buanaiche, fear-corrain.

SICKLIENESS, s. Tinnead, ea-slàine, breòiteachd.
SICKLY, adv. See Sick.
SICKLY, adj. 1. Not healthy: tinn, euslainteach, euslan. 2. faint: fann, lag, breòite, neo-fhallain, aiceideach, driachanach.
SICKNESS, s. Tinneas, galar, eusline, eucail.
SIDE, s. Slios, taobh, cliathach, bruach, oir.
SIDE, adj. Air gach taobh, leth-taobhach.
SIDE, v. a. et n. 1. Stand at the side of: seas ri taobh. 2. suit: freagair do. 3. lean on one side: aom, claon. 4. take a party: taic, gabh taobh.
SIDELONG, adj. Leth-taobhach, taobhach.
SIDELONG, adv. 1. Laterally, obliquely: gu leth-taobhach, an coinneamh a thaoibh. 2. on the side: air taobh.
SIDESADDLE, s. Diòlaid boirionnaich.
SIDEWAYS, } adv. An comhair a thaoibh, an coinne-
**SIDEWISE, } eamh a thaoibh, a leth-taobh.
SIDING, s. Cumail taobh ri, còmhnaidh.
SIEGE, s. Séisd, séisdeadh, iom-dhruideaidh, cur ri, dian leantuinn.
SIEVE, s. Criathar.
SIFT, v. a. 1. By a sieve: criathair, sìolaidh. 2. separate, part: dealaich, sgar. 3. examine, try: feuch, rannsaich, sgrùd.
SIGH, v. n. Osnaich, tarruing osnadh, cnead, acain.
SIGH, s. Osnadh, osnag, ospag, acain.
SIGHER, s. Fear-osnaich, fear-acain.
SIGHING, s. Osnaich, ospagaich, acain.
SIGHT, s. 1. By the eye: fradharc, faicinn, léirsinn, sealladh. 2. open view: sealladh, amharc. 3. act of seeing: sealladh, amharc. 4. knowledge: aithne, fiosrachadh. 5. instrument of seeing: sealladh, sùil. 6. apertures pervious to the eye: sùil. 7. spectacle: sealladh, taisbeanadh.
SIGHTED, adj. Sùileach, léirsinneach.
SIGHTLESS, adj. 1. Wanting sight, blind: dall, gun fhradharc, gun léirsinn. 2. invisible: as an t-sealladh, neo-fhaicsinneach.
SIGHTLINESS, s. Taitneas.
SIGHTLY, adj. Taitneach, maiseach do 'n t-sùil, ciatach.
SIGN, s. 1. A token: comharradh, comhara. 2. a wonder: comharradh, mìorbhuil, iongant. 3. a picture at a door: suaicheantas, sop-reic, comharradh. 4. a monument: cuimhneachan. 5. a constellation: comharradh 's a' ghréin-chrios. 6. token given: smèideadh. 7. mark of distinction: comharradh, suaicheantas. 8. symbol: samhlahd. 9. a subscription: ainm, làmh-sgrìobhaidh.
SIGN, v. a. et n. 1. Mark: comharraich. 2. denote: seall, taisbean, nochd. 3. ratify: cuir do làmh ri, cuir d' ainm ri. 4. betoken: ciallaich, samhlaich.
SIGNAL, s. Comharradh, caismeachd, sanas.
SIGNAL, adj. Comharraichte, sònruichte, àraidh.
SIGNALIZE, v. a. Comharraich, nochd, dean ainmeil.
SIGNALLY, adv. See Signal, *adj.*
SIGNATURE, s. Comharradh, seula.**

SIGNET, s. Seula, saoil, seula rìgh.
SIGNIFICANCE, } s. 1. Meaning: ciall, seadh, brìgh,
**SIGNIFICANCY, } sùim, ciallachadh. 2. force, en-
ergy: comas, neart, feart. 3. importance: cud-
throm, brìghcalachd.
SIGNIFICANT, adj. 1. Expressive beyond the external mark: samhlach. 2. in an eminent degree: samhlach, seadhach, brioghmhor.
SIGNIFICANTLY, adv. See Significant, *adj.*
SIGNIFICATION, s. 1. Act of making known: ciallachadh, samhlahadh. 2. meaning expressed: ciall, seadh, brìgh, blad, sùim.
SIGNIFICATIVE, adj. 1. Betokening: samhlach. 2. forcible: brìgheil, brioghmhor, seadhach.
SIGNIFY, v. a. et n. 1. Declare: samhlaich, seadhaich, nochd, feuch, ciallaich. 2. mean, express: ciallaich. 3. import, weigh: ciallaich. 4. make known: aithris, innis, cuir an cèill. 5. express with force: seadhaich.
SIGNPOST, s. Colbh seòlaidh.
SILENCE, s. 1. The state of holding peace: tosd, tosdachd, sàmhchair. 2. secrecy: rùn-dìomhair. 3. stillness: tàmh, sàmhchair, fèth. 4. oblivion: dichuimhne, dol a' cuimhne.
SILENCE, v. a. Cuir sàmhach, cuir 'n a thosd, dean sìth, tosaich.
SILENCE, interj. Uist!
SILENT, adj. 1. Not speaking, mute: tosdach, balbh. 2. not talkative, not loquacious: tosdach, sàmhach, bith. 3. still, having no noise: sàmhach, ciùin.
SILENTLY, adv. See Silent.
SILICIOUS, adj. 1. Made of hair: ròinneach, ròinneagach. 2. full of stones: clachach, sgorach.
SILIQUEA, s. Cochull, plaosg.
SILK, s. Sìoda, sròl.
SILKEN, adj. Sìodail, sròlach.
SILKWORM, s. Sìod-chnuimh.
SILKY, adj. See Silken.
SILL, s. 1. Of the door: stairsneach. 2. of a window frame: bonn inneig.
SILLILY, adv. See Silly.
SILLINESS, s. Faoineachd, baoghaltachd, amaideachd, feamachas.
SILLY, adj. 1. Harmless, innocent: neo-chronail, neo-lochdach. 2. weak, helpless: lag, faoin, seòchlanach, gun treòir. 3. foolish: gleòsgach, faoin, gòrach, amaideach, baoghalta. 4. weak, not in health: lag, breòite, fann.
SYLVAN, adj. Coillteach, coillteachail.
SILVER, s. Airgid.
SILVER, adj. 1. Made of silver: airgiodach. 2. white, like silver: odhar, glas, air dhath airgid. 3. gentle, quiet: sàmhach, ciùin.
SILVER, v. a. Còmhaich le airgid, dealtraich.
SILVER FIR, s. Giubhas gear.
SILVERLY, adv. See Silver, *adj.*
SILVERSMITH, s. Ceàrd airgid.
SILVERWEED, s. Barra-bhrisgein.
SILVERY, adj. Airgiodach, a' dèalradh mar airgid.
SIMAR, s. Earrasaid.
SIMILAR, adj. 1. Homogeneous: comh-ghnèitli-**

- each. 2. resembling: coltach, cosmhuil, comh-ionann.
- SIMILARITY, s.** Coltas, cosmhuileachd, comh-ionannachd.
- SIMILARLY, adv.** See Similar.
- SIMILE, s.** Cosmhuileachd, coimeas, samhladh.
- SIMILITUDE, s.** 1. Resemblance: coltas, coslas. 2. simile: cosmhuileachd, coimeas.
- SIMMER, v. n.** Bruich, goil socrach, teòdh, slaop.
- SIMONIAICAL, adj.** Naomh-ghoideach a' ceal-ghoid, a' naomh-cheannachd.
- SIMONY, s.** Naomh-cheannachd, naomh-ghoid, ceal-ghoid.
- SIMPER, v. n.** Gàir, dean gàire faoin.
- SIMPER, s.** Faoin-ghàire, snodh-ghàire, fianh ghàire.
- SIMPLE, adj.** 1. Plain, artless: aon-fhillte, simplidh, neo-chiontach, neo-chronail, neo-lochdach. 2. uncompounded: neo-choimeasgta, neo-thruaillte. 3. not wise: socharach, pleòisgeach, simplidh, baoghalta.
- SIMPLENESS, s.** Aon-fhillteachd, simplidheachd.
- SIMPLETON, s.** Baothair, burraidh, amadan, cliobaire.
- SIMPLICITY, s.** 1. Plainness, artlessness: aon-fhillteachd, baoghaltachd, simplidheachd, treibhdhìreas. 2. plainness, not abstruseness: simplidheachd. 3. plainness, not finery: simplidheachd, neo-spéis do rìomhadh. 4. weakness, silliness: baoghaltachd, faoineachd, amaideachd.
- SIMPLIFY, v. a.** Dean so-thuigsinn, dean réidh.
- SIMPLY, adv.** See Simple.
- SIMULATE, v. a.** Gabh ort, aimh-rìochdaich, cuir am fiachaibh.
- SIMULATION, s.** Cealgaireachd, mealltaireachd, cur am fiachaibh.
- SIMULTANEOUS, adj.** Comh-luath, a dh'aon bheum, cuideachd.
- SIN, s.** Peacadh, eu-ceart, ciont, eusaontas, lochd, coire.
- SIN, v. n.** Peacaich, ciontaich, dean euceart.
- SINCE, conj.** 1. Because that: chionn, a chionn. 2. from the time that: o, bho.
- SINCE, adv.** O chionn, roimhe so.
- SINCE, prep.** O, bho, o 'n àm. Since the world began: o thoiseach an t-saoghail. Siuce he went away: o na dh' fhalbh e.
- SINCERE, adj.** 1. Unhurt: slàn, fallain, iomlan, coimhionta. 2. pure: glan, neo-thruaillidh, fiorghlan. 3. honest: treibhdhìreach, ionraic, onorach, fireannach, neo-chealgach.
- SINCERELY, adv.** See Sincere.
- SINCERITY, s.** Treibhdhìreachd, ionracas, aon-fhillteachd, neo-chealgachd.
- SINDON, s.** Paisg, fillcadh.
- SINE, s.** Uchdach.
- SINECURE, s.** Dreuchd gun dragh, tuarasdal gun obair.
- SINew, s.** 1. A tendon: fèith. 2. whatever gives strength or compactness: taic, neart.
- SINewED, } adj.** 1. Furnished with sinews: fèith-
- SINewY, } each, fèitheanach, tàthach. 2. strong: làidir, daingean, cruaidh, fulangach, garbh, fèitheach, lùthmhor.**
- SINFUL, adj.** Peacach, ain-diadhaidh, ciontach, truailidh, olc, aingidh, mi-naomh.
- SINFULLY, adv.** See Sinful.
- SINFULNESS, s.** Aingidheachd, peacaidheachd, truailidheachd, ciont.
- SING, v. a. et n.** 1. Relate or mention in poetry: mol, cuir an dàn. 2. utter harmoniously: seinn, can. 3. form the voice to melody: seinn, dean ceòl, gabh ceòl. 4. sing a song: gabh òran.
- SINGE, v. a.** Doth, dàth.
- SINGER, s.** Fear-seinn, òranaiche.
- SINGING, s.** Seinn, gabhail ciùil.
- SINGLE, adj.** 1. Not more than one: aon-fhillte, singilte. 2. individual: àraid, sam bith. 3. alone: aonaranach, leis féin. 4. pure: glan, neo-thruaillidh. 5. small: tana, caol. 6. weak, silly: lag, faoin.
- SINGLE, v. a.** 1. Choose: roghnaich, tagh, sònruich. 2. withdraw: dealaich, tearb. 3. take alone: gabh fear an déigh fir, gabh mu seach. 4. separate: dealaich, sgair.
- SINGLENESS, s.** Aon-fhillteachd, treibhdhìreas, simplidheachd, ionracas.
- SINGLY, adv.** See Single, adj.
- SING-SONG, s.** Droch sheinn, ràsan.
- SINGULAE, adj.** 1. Single: aon-fhillte, neo-choimeasgta. 2. (in grammar): aonar. 3. particular: àraidh, neo-chotchionn, sònruichte, air leth. 4. not common to others: àraidh, air leth, neònach. 5. but one: aonar, air leth, còrr, sàr, òirdheirc.
- SINGULARITY, s.** Àireamhachd, neònachas.
- SINGULARLY, adv.** See singular.
- SINISTER, adj.** 1. On the left hand: cèarr, clì. 2. bad, perverse: olc, aingidh, coiripidh, neo-chothromach. 3. unlucky: tubaisteach, mi-shealbhach, mi-shona.
- SINISTROUS, adj.** Claon, coiripidh, baoth.
- SINISTROUSLY, adv.** See Sinistrous.
- SINK, v. a. et n.** 1. Put under water: cuir fodha, siolaidh, tum. 2. delve: cladhaich, treachail, tochail. 3. degrade: cuir sìos, sàruich, ìslich. 4. make to decline: thoir sìos, ìslich. 5. conceal: ceil, folaich. 6. fall down: sìolaidh, theirig fodha. 7. fall gradually: sìolaidh, tuit. 8. penetrate: rach a stigh, rach an sàs. 9. fall to a level: tuit. 10. be overwhelmed: fàilnich, tuit, fàs sgìth. 11. be received: gabh a stigh, drùigh. 12. decay: searg, seachd.
- SINK, s.** 1. A drain: dòirteal, guitear, clais. 2. where corruption is gathered; slochd salchair.
- SINLESS, adj.** Neo-lochdach, neo-chiontach, neo-choireach.
- SINLESSNESS, s.** Neo-chiontachd.
- SINNER, s.** Peacair, peacach, ciontach.
- SINOFFERING, s.** Ìobairt pheacaidh.
- SINUATE, v. a.** Lùb, crom, fiar.
- SINUOUS, adj.** Lùbach, sniomhanach, cam.
- SINUS, s.** 1. A bay: camus, gotha, bàdh. 2. any fold or opening: fillleadh, fosgladh.
- SIP, v. a. et n.** Sùgh, òl, deoghail.
- SIP, s.** Balgum, làn beòil, drùbhag, blasad.
- SIPHON, s.** Tunnadair, piob uisge.

SIR, *s.* 1. The word of respect in compellation : a dhuin' uasail, le 'r cead. 2. the title of knight or baronet : ridir.

SIRE, *s.* 1. The word of respect used in addressing the King : a thriath, bhur mòrachd. 2. a father : athair, gintear.

SIREN, *s.* Maighdean mhara, bean tàlaidh gu sgrios.

SIREN, *adj.* Meallta, a' tàladh.

SIRIUS, *s.* Reul a' choin.

SIRNAME, *s.* See Surname.

SIRRAH, *s.* Balach.

SISTER, *s.* Piuthar.

SISTER-IN-LAW, *s.* Piuthar-chéile.

SISTERHOOD, *s.* Peathrachas.

SISTERLY, *adj.* Piutharail.

SIT, *v. a. et n.* 1. Keep the seat upon : cum ionad suidhe. 2. rest upon the buttocks : suidh, dean suidhe. 3. be in a state of rest or idleness : suidh, bi 'n ad thàmh. 4. rest as a weight or burden : luidh. 5. settle, abide : suidhich, tuinich. 6. brood, incubate : guir, suidh. 7. be with respect to fitness or unfitnes : luidh. 8. be placed in order to be painted : suidh. 9. sit *down* : suidh sìos, dean suidhe. 10. sit *up*, rise from lying to sitting : éirich, suidh suas. 11. sit *up*, watch : suidh suas, dean faire.

SITE, *s.* Suidheachadh, làrach, àite.

SITED, *adj.* Suidhichte.

SITHE, *s.* Speal, fàladair.

SITTER, *s.* 1. One that sits : fear-suidhe. 2. one that watches or goes not to bed : fear-faire. 3. a bird that broods : eun-guir.

SITTING, *s.* 1. The posture of sitting on a seat : suidhe. 2. a time at which one exhibits himself to a painter : suidhe, suidhe sìos. 3. a meeting : suidhe, coinneachadh, mòd. 4. incubation : gur. 5. a time at which one sits at any thing : suidhe.

SITUATE, *adj.* Suidhichte, air a shuidheachadh.

SITUATION, *s.* 1. Position : suidheachadh, àite, ionad. 2. condition, state : cor, staid, inbhe. 3. temporary state : suidheachadh.

SIX, *adj.* Sè, sèa.

SIX, *s.* Sèathnar.

SIXFOLD, *adj.* Sèa-fillte.

SIXPENCE, *s.* Sè sgillinn, crotag.

SIXSCORE, *s.* Sè-fichead.

SIXTEEN, *adj.* Sè deug, sèa-deug.

SIXTEENTH, *adj.* Sèathadh-deug, sèathamh-deug.

SIXTH, *adj.* Sèathadh.

SIXTH, *s.* Sèathadh cuid.

SIXTHLY, *adv.* 'S an t-sèathadh àite.

SIXTIETH, *adj.* Trì-ficheadamh.

SIXTY, *adj.* Trì fichead.

SIZE, *s.* Meud, meudachd, tomad, domhlas, domhladas.

SIZE, *v. a.* 1. Increase the bulk of : dòmhlaich. 2. adjust : tomhais, cuir a féir a chéile. 3. settle, fix : suidhich, sònruich.

SIZED, *adj.* Tomultach, am meud.

SIZEABLE, *adj.* Tomultach, dòmhail, freagarrach an tomhas.

SIZY, *adj.* Rìghinn, glaodhach.

SKAIN, } *s.* Sgéinnidh.

SKEIN, }

SKATE, *s.* Sgait, sòrnan.

SKEAN, *s.* Sgian.

SKELETON, *s.* Aog, craidhneach.

SKEP, *s.* 1. A sort of basket : cliabh. 2. of bees : sgeap.

SKETCH, *v. a.* 1. Draw by tracing the outline : dreach, dealbh. 2. plan : dealbh, tionnsgain.

SKETCH, *s.* Dealbh cabhagach, ceud chumadh, ceud tharruing.

SKEWER, *s.* Dealg, pinne, bior feòla.

SKEWER, *v. a.* Teannaich le deilg, cuir deilg ann.

SKIP, *s.* Bàta, geòla, culaidh, sgoth, eathar, fiùrach.

SKILFUL, *adj.* Eòlach, seòlta, ealanta, teòma, ealaineach.

SKILFULLY, *adv.* See Skilful.

SKILFULNESS, *s.* Eòlas, ealantachd, eagnaidheachd, teòmachd, seòltachd.

SKILL, *s.* 1. Of any practice or art : eòlas, sgil, teòmachd, fiosrachd. 2. any particular art : ceàird, ealdhain.

SKILL, *v. n.* Bi eòlach, bi ealanta.

SKILLED, *adj.* Eòlach, ealanta, teòma, fiosrach, seòlta.

SKILLET, *s.* Sgeileid, aghann.

SKIM, *v. a. et n.* 1. Clear off from the upper part : thoir bàrr dheth, thoir uachdar dheth. 2. brush the surface slightly : siab, suath. 3. pass lightly : siab, shob.

SKIMMER, *s.* 1. With which the skum is taken off : sgumadair. 2. one who skims over a book or subject : fear-siabaidh.

SKIM-MILK, *s.* Bainne lom.

SKIN, *s.* 1. Of the flesh : croicionn, craicionn. 2. hide : seiche, craicionn, bian. 3. the person : bodhaig. 4. a husk : cochull, rùsg, plaosg.

SKIN, *v. a.* 1. Flay : fionn, feann, rùisg. 2. cover with the skin : cuir craicionn air. 3. cover superficially : cuir sgrath air.

SKINK, *s.* Biadh spàine.

SKINKER, *s.* Gille copain, fear-riarachaidh.

SKINNED, *adj.* Croicneach, cruaidh, teann.

SKINNER, *s.* Reiceadair bhoicionn, seicheadair, ceannaiche chraicionn.

SKINNY, *adj.* Caol, tana, cruaidh, lapach.

SKIP, *v. n.* Leum clis, thoir sùrdag, thoir sìnteag, bi frith-leumnaich. Skip *over* : seachain, leum thairis.

SKIP, *s.* Leum, sùrdag, sìnteag, frith-leum.

SKIPPER, *s.* 1. A dancer : dansair. 2. a ship-master : sgiobair, maighstir luinge.

SKIPPLINGLY, *adv.* Gu leumnach, ri frith-leuman.

SKIRMISH, *s.* 1. A slight fight : sgeamhla, còmhrag, sgeamhladh leth-bhlàr, ruathar, teugmhail, cath beag. 2. a contest : sabaid, iorghuill, comhstri, iargall.

SKIRMISH, *v. a.* Còmhraig, cuir cath beag.

SKIRMISHING, *s.* Còmhrag, cathachadh.

SKIRMISHER, *s.* Fear-còmhraig, fear-teugmhail.

SKIRRET, *s.* Cromag.

SKIRT, *s.* 1. Of a garment : sgòid, sgioball, beann-

- ag, sgiort. 2. of any part of the dress: oir, iomall. 3. edge, margin: oir, iomall, balt.
- SKIRT**, *v. a.* Cuir oir ri, sgiortaich.
- SKITTISH**, *adj.* 1. Shy: fiadhta, sgàthach, gealtach, sgeunach. 2. wanton: macnusach, mear, eutrom. 3. changeable, fickle: luasganach, luaineach, neo-shuidlichte.
- SKITTISHLY**, *adv.* See Skittish.
- SKITTISHNESS**, *s.* Macnus, mire, luaineachd, luasganachd.
- SKREEN**, *s.* See Screen, *s.*
- SKUE**, *adj.* Claon, fiar.
- SKULK**, *v. n.* See Skulk.
- SKULL**, *s.* Claigionn, claigeann, ballag.
- SKULL CAP**, *s.* Currachd cinn, clogaid.
- SKY**, *s.* 1. Which surrounds this earth: speur, adhar, iarmailt. 2. the heavens: nèamh, speur. 3. the weather, the climate: sian, uair.
- SKYCOLOUR**, *s.* Gorm, liath-ghorm, dath an adhair.
- SKYCOLOURED**, } *adj.* Gorm, liath-ghorm air dbath
- SKYISH**, } nan speur.
- SKYLIGHT**, *s.* Uinneag mhullaich, uinneag ri adhar.
- SLAB**, *adj.* Tiugh, gladhach, leanailteach.
- SLAB**, *s.* 1. A puddle: eabar, poll, làthach. 2. a plane of stone: leac réidh. 3. the outside plank: cùl.
- SLABBER**, *v. a. et n.* 1. Smear with spittle: salaich le smugaidean, ronnaich. 2. shed, spill: dèirt, taom, taosg. 3. drivel: ronnaich, sil ronnan.
- SLABBERER**, *s.* Ronnair.
- SLABBY**, *adj.* Fliuch, drabhasach.
- SLACK**, *adj.* 1. Not tense: las, lasach, fuasgailte, neo-dhaingean. 2. relaxed, weak: las, lag. 3. remiss: tais, mall, màirnealach. 4. not violent: socrach, maidheanach, athaiseach.
- SLACK**, } *v. a. et n.* 1. Loosen: lasaich, fuasgail.
- SLACKEN**, } 2. relax: lasaich, thoir lasachadh. 3. remit for want of eagerness: fannaich, maillich. 4. relieve: lasaich, foisich. 5. use less liberally: lughdaich. 6. crumble: bris, bruan. 7. neglect: dearmaid, leig seachad. 8. abate: ìslich. 9. languish: fàilnich, fannaich.
- SLACK**, *s.* Gual mìn, gual pronn.
- SLACKLY**, *adv.* See Slack, *adj.*
- SLACKNESS**, *s.* 1. Looseness: lasachadh, fuasgailteachd. 2. negligence: neo-shùim, mi-chùram, cion faicill. 3. tardiness: màidheanachd, màirnealachd, seamsan. 4. weakness: laige, laigse.
- SLAG**, *s.* Luaithe, smùr.
- SLAIC**, *s.* Slinn.
- SLAKE**, *v. a. et n.* 1. Quench, extinguish: bàth, caisg, mùch. 2. grow less tense: fàs las. 3. abate: ìslich. 4. go out. theirig as.
- SLAM**, *v. a.* Casgair, marbh, bruth, spad.
- SLANDER**, *v. a.* Càin, cùl-chàin, tog tuailleas.
- SLANDER**, *s.* 1. False invective: tuailleas, cùl-chàineadh, sgainneal. 2. disgrace, reproach: tàmailt, masladh, mi-chliù. 3. ill name: droch ainm, mi-chliù.
- SLANDERER**, *s.* Cùl-chainnteir, fear-tuailcis.
- SLANDEROUS**, *adj.* 1. Uttering or containing reproachful falsehoods: cùl-chainnteach, tuailleasach, tarcuiseach. 2. scandalous: tàireil, tarcuiseach, mi-chliùiteach.
- SLANDEROUSLY**, *adv.* See Slanderous.
- SLANT**, } *adj.* Claon, fiar, nco-dhìreach.
- SLANTING**, }
- SLANTLY**, } *adv.* See Slant.
- SLANTWISE**, }
- SLAP**, *s.* Déiseag, boiseag, pailleart, bosag.
- SLAP**, *v. a.* Thoir déiseag, thoir pailleart.
- SLASH**, *v. a.* Sgath, geàrr.
- SLASH**, *s.* 1. Cut, wound: sgathadh, gearradh, leòn. 2. a cut in cloth: gearradh.
- SLATE**, *s.* Leachd, sgliat.
- SLATE**, *v. a.* Còmhdach le sgliat, sgliat.
- SLATER**, *s.* Sgliatair.
- SLATTERN**, *s.* Sgledit, straille, sgliùrach, sgumrag.
- SLATY**, *adj.* Sgliatach.
- SLAVE**, *s.* Tràill, ciomach, tàrlaid, daoranach.
- SLAVE**, *v. a. et n.* See Enslave.
- SLAVER**, *s.* Ronn, smugaid, seile.
- SLAVER**, *v. a. et n.* 1. Smear with drivel: ronnaich, salaich le ronnaibh. 2. be smeared with or emit spittle: ronnaich, sil ronnan.
- SLAVERER**, *s.* Ronnair.
- SLAVERY**, *s.* Tràillealachd, daorsa, braighdeanas.
- SLAUGHTER**, *s.* Casgradh, casgair, marbhadh, àr, sgrios, cosgradh.
- SLAUGHTER**, *v. a.* Casgair, marbh, sgrios, mort.
- SLAUGHTERER**, *s.* Fear-casgair, casgraiche.
- SLAUGHTERHOUSE**, *s.* Tigh-casgair.
- SLAUGHTEROUS**, *adj.* Marbhtach, millteach, sgriosail, fuilteach.
- SLAVISH**, *adj.* Tràilleil, tàrlaideach, eisiomaileach
- SLAVISHLY**, *adv.* See Slavish.
- SLAVISHNESS**, *s.* See Slavery.
- SLAY**, *v. a.* Marbh, casgair, cuir gu bàs.
- SLAYER**, *s.* Marbhaiche, milltear, mortair.
- SLED**, *s.* Càrn, losgann.
- SLEDGE**, *s.* 1. A large heavy hammer: fairche, òrd mòr. 2. a sled: càrn, losgann, slaod.
- SLEEK**, *adj.* Mìn, liomharra, sleamhuinn, slìobach, slìom.
- SLEEK**, *v. a.* Cir, slìob, suath, dean mìn.
- SLEEKNESS**, *s.* Minead, slìobachd.
- SLEEKY**, *adj.* Mìn, liomharra.
- SLEEP**, *v. n.* 1. Take rest: caidil, coidil, gabh fòis, dean suain. 2. live thoughtlessly: bi maol-snèimheil, coidil. 3. be dead: coidil, bi marbh.
- SLEEP**, *s.* Cadal, codal, suain, tàmh.
- SLEEPER**, *s.* 1. One who sleeps: codalaiche, fear-codail. 2. a lazy inactive drone: fear maol-snèimheil, lundair, leisgean, dreoll, mac-leisg.
- SLEEPILY**, *adv.* See Sleepy.
- SLEEPINESS**, *s.* Codalachd, cadaltachd, truime, tromsanaich.
- SLEEPING**, *s.* Cadal, codal.
- SLEEPLESS**, *adj.* Gun chodal, caithriseach, mi-fhoisnecach.
- SLEEPY**, *adj.* Codalach, trom-cheannach, trom, airsnealach, maol-snèimheil.

SLEET, *s.* Gliob, flichneachd, fliuch-shneachd, fichne, clàmhuinn.

SLEET, *v. n.* Fras gliob, cuir gliob, cuir flichneachd.

SLEETY, *adj.* Flichneach, flichnidh.

SLEEVE, *s.* Muilicheann, muilichinn. Laugh in the sleeve: dean ceòl-gàire de. Hang on the sleeve: bi 'n eisiomail.

SLEIGHT, *s.* Car, cleas, lùth-chleas, lùth-chleasachd.

SLEIGHTFUL, *adj.* Carach, lùth-chleasach.

SLENDER, *adj.* 1. Small in circumference compared with the length: caol, seang, tana. 2. slight: lag, meuranda, caol. 3. less than enough: sgrubail. 4. not amply supplied: bochd, lom, gann.

SLENDERLY, *adv.* See Slender.

SLENDERNESS, *s.* 1. Thinness: caoilead, tainead.

2. want of bulk or strength: caoilead, laige, meurandachd. 3. want of plenty: gainne.

SLEY, *v. n.* Figh, dualaich, snìomh.

SLICE, *v. a.* Sliseagaich, snaidh.

SLICE, *s.* Sliseag, spealg, sgealb, mìr tana.

SLIDE, *v. n.* 1. Pass along smoothly, glide: sleamhnaich. 2. move without change of the foot: sleamhuich, spéil. 3. pass unnoticed: slaod. 4. pass along by silent progression: sleamhuich, sruth seachad.

SLIDE, *s.* Sleamhnachadh, spéileadh.

SLIDER, *s.* Fear-sleamhnachaidh, spéilear.

SLIGHT, *adj.* 1. Small, worthless: meanbh, suarach, faoin. 2. not important, weak: lag, faoin, beag, suarach. 3. negligent: neo-chùramach, neo-shuimeil. 4. foolish: faoin, gòrach, amaideach. 5. not strong: lag, anmhunn.

SLIGHT, *s.* 1. Neglect, contempt: tàir, tarcuis, eas-onoir, eas-urram, dìmeas. 2. artifice, cunning practice: lùth-chleas, lùth-chleasachd.

SLIGHT, *v. a.* Dearmaid, dean tàir air, dean dìmeas air, cuir an suarachas.

SLIGHTER, *s.* Fear-dearmaid, fear-cuir an suarachas.

SLIGHTINGLY, *adv.* Gu dì-measach, gu tàireil.

SLIGHTLY, *adv.* See Slight, *adj.*

SLIGHTNESS, *s.* 1. Weakness, want of strength: meurandachd, anmhuinneachd. 2. negligence, want of attention: neo-shùim, mì-chùram.

SLILY, *adv.* See Sly.

SLIM, *adj.* See Slight, *adj.*

SLIME, *s.* Làthach, clàbar, eabar.

SLIMINESS, *s.* Leanailteachd, rìghneachas.

SLIMY, *adj.* 1. Overspread with slime: sleamhuinn, làbanach, salach le làthaich. 2. viscous: glaodhach, leanailteach, rìghinn.

SLINESS, *s.* Cuihbheartachd, seòltachd.

SLING, *s.* 1. A missive weapon: crann-tabhuill. 2. a throw: buille, urchair. 3. in which a wounded limb is sustained: crios crochaidh, bann.

SLING, *v. a.* 1. Throw by a sling: tilg le crann-tabhuill. 2. hang loosely by a string: croch. 3. move by means of a rope: luaisg, tulg.

SLINGER, *s.* Fear croinn-tabhuill.

SLINK, *v. n.* Siap, teich, èalaidh, sèap.

SLIP, *v. a.* et *n.* 1. Convey secretly: goid, cuir gun fhios. 2. lose by negligence: leig seachad, caill.

3. part twigs from the main body: sgoilt. 4. let loose: fuasgail, leig fuasgailte. 5. slide: sleamhnuich, spéil. 6. sneak, slink: sèap, èalaidh. 7. glide: sleamhnuich, falbh. 8. fall into fault: rach mearachd, tuislich. 9. creep by oversight: goid. 10. escape, let out of the memory: leig air di-chuimhn'.

SLIP, *s.* 1. False step: tuisleadh, sleamhnachadh.

2. error: mearachd, tuisleadh. 3. a twig torn off: meur, cuiseag, maothan. 4. in which a dog is held: iall, lodhainn. 5. an escape: goid as, sèapadh. 6. a counterfeit piece of money: droch cùinneadh. 7. a long narrow piece: stiall. 8. of yarn: iarna.

SLIP-KNOT, *s.* Lùb-ruith.

SLIPPER, *s.* Bròg sheòmail, cuaran.

SLIPPED, *adj.* Cuaranach.

SLIPPERINESS, *s.* Sleamhnachd, sleamhnad.

SLIPPERY, *adj.* 1. Smooth, glib: sleamhuinn, slìom.

2. not affording firm footing: sleamhuinn, tuisleach, 3. hard to hold: sleamhuinn, ruitheach. 4. changeable: neo-chinnteach, mùiteach. 5. not chaste: neo-gheamnuidh.

SLIPPY, *adj.* Sleamhuinn.

SLIT, *v. a.* Sgoilt, gearr, sgoth.

SLIT, *s.* Sgoltadh, gearradh fada, sracadh.

SLOCKEN, *v. n.* See Slake.

SLOE, *s.* Àirneag, buileastair, draighneag.

SLOOP, *s.* Long aoin-chroinn.

SLOP, *v. a.* 1. Drink grossly and greedily: sluig cabhagach, òl grad. 2. soil by letting water or other liquor fall: spliut, spairt.

SLOP, *s.* 1. Mean liquor: leann goirt, droch dhibh. 2. soil or spot made by water: ball salach. 3. trousers, drawers: drathais. 4. ready-made clothes: aodach ullamh.

SLOPE, *adj.* Claon, cam, fiar, cas, corrach, learganach.

SLOPE, *s.* Leacainn, learg.

SLOPE, *adv.* Gu fiar, gu claon, gu cam.

SLOPE, *v. a.* et *n.* Fiar, claon, cam.

SLOPEWISE, *adv.* Le leathad.

SLOPPY, *adj.* Fliuch, làbanach.

SLOT, *s.* Lorg féidh.

SLOTH, *s.* 1. Slowness: màirneal, seamsan, maidheanachd. 2. laziness: leisg, lunndaireachd.

SLOTHFUL, *adj.* Leasg, leisgeanta, lunndach, dìomhanach, seamsanach, màirnealach, maidheanach.

SLOTHFULLY, *adv.* See Slothful.

SLOTHFULNESS, *s.* Leasg, leisgeanachd, dìomhanas, lunndaireachd, slaodaireachd.

SLOUCH, *s.* 1. An idle fellow: lunndair, leisgean, cuagaire. 2. a downcast look: cromadh, sealladh dìblidh.

SLOUCH, *v. n.* Imich gu gruigeanach.

SLOVEN, *s.* Straille, ludair, luiriste, ludragan, tuaisd, sgleòid, slibist.

SLOVENLINESS, *s.* Luiristeachd, liobasdachd, salcharachd.

SLOVENLY, *adj.* Luiristeach, liobasta, ludraganach, drabhasach, neo-chuimir, bodachail, drabach, gliomach.

SLOVENLY, adv. See *Slovenly, adj.*
SLOUGH, s. 1. A deep miry place : slochd, slugaid, dig, boglach, rumach, làthach, càthar. 2. old skin : sean chroicionn.
SLOUGH, v. n. Sgar, geàrr o.
SLOUGHY, adj. Bog, fèitheach, càtharach, làn rum-
 aichean.
SLOW, adj. 1. Not swift : mall, màsanach, màirn-
 ealach, maidheanach, neo-ghrad. 2. late : fadal-
 ach, fàrdalach. 3. not ready : athaiseach, mall,
 neo-dheas. 4. sluggish : trom, seamsanach, neo-
 bhriosg. 5. heavy in wit : trom-cheannach, pleòisg-
 each.
SLOWLY, adv. See *Slow.*
SLOWNESS, s. Maille, màirnealachd, fadal, fàrdal,
 athaisichead, maidheanachd, monais.
SLOWWORM, s. Daol, dall.
SLUBBER, v. a. et n. 1. Do any thing lazily : dean
 air chor éigin. 2. stain, daub : tum, salaich. 3.
 be in a hurry : bi cabhagach.
SLUDGE, s. Clàbar, eabar, poll.
SLUG, s. 1. An idler : leisgean, lunnair. 2. an
 hindrance : grabadh, amladh. 3. a kind of slow
 creeping snail : seilcheag.
SLUGGARD, s. Leisgean, lunnair, slaod, rongair, droll.
SLUGGISH, adj. Leasg, leisgeanta, lunnach, slaod-
 ach, rongach, dìomhair, maidheanach.
SLUGGISHLY, adv. See *Sluggish.*
SLUGGISHNESSES, s. Leasg, leasganachd, dìomhanas,
 lunnairachd, mì-theòmtachd, maidheanachd,
 slaodaireachd.
SLUICE, s. Bior-chòmhlà, tuil-dhorus.
SLUICE, v. a. Leig troimh bhior-chomhlà.
SLUCY, adj. Taomach, a' teachd troimh bhior-chòmhl-
 an.
SLUMBER, v. a. et n. 1. Lay to sleep : cuir an codal.
 2. sleep lightly : coidil, dean clò-chodal. 3. be
 in a state of negligence : bi trom-cheannach, bi
 maol-snèimheil.
SLUMBER, s. Cadal, codal, clò-chodal, pràmh.
SLUMBERER, s. Codalaiche.
SLUMBERING, s. Cadal, codal, suain.
SLUR, v. a. 1. Sully, soil : salaich, truail, mill. 2.
 balk, miss : seachain. 2. cheat : thoir an car á,
 meall.
SLUR, s. 1. Faint reproach : athais, dìmeas, ball,
 sal. 2. trick : cleas, car. 3. (in music) : aonadh
 phuncan.
SLUT, s. Sgliùrach, sgleòid, botrumaid, breunag,
 doimeag.
SLUTTERY, s. Mosaiche, beus sgliùraich, sgliùrachd.
SLUTTISH, adj. Mosach, salach, sgleòideach.
SLUTTISHLY, adv. See *Sluttish.*
SLUTTISHNESS, s. Mosaiche, sgliùrachd.
SLY, adj. Carach, scòlta, lùbach, meallta, cuilbheart-
 achi.
SLYLY, adv. See *Sly.*
SLYNESS, s. Cuilbheartachd, scòltachd, sligheachas.
SMACK, v. a. et n. 1. Kiss : pòg. 2. make to emit
 any quick smart noise : crac. 3. have a taste :
 blais. 4. by separation of the lips strongly pres-
 sed together : dean fuaim le d' bhilean.

SMACK, s. 1. Taste, savour : blas. 2. a pleasing
 taste : blas cùbhraidh. 3. a small quantity : blas,
 feuchainn, blasad. 4. a loud kiss : pòg smiorail.
 5. a small ship : long bheag, bàta mòr. 6. a blow
 given : pailleart, déiseag.
SMALL, adj. 1. Little in quantity : beag, crìon,
 geàrr. 2. slender : caol, seang. 3. petty, mi-
 nute : beag, meanbh, min, crìon. 4. gentle,
 soft : tlà, caomh. 5. small beer : lean caol.
SMALL, s. Caol.
SMALLAGE, s. Pearsal, lus-na-smaileag.
SMALLCRAFT, s. Long bheag, soitheach beag.
SMALLNESS, s. 1. Littleness : lughad, crìne. 2.
 minuteness : caoile, lughad. 3. weakness : laig-
 ead, laigse, meurandachd. 4. gentleness : min-
 ead, grinnead.
SMALLPOX, s. Breac, bean-mhaith.
SMALT, s. Dath gorm.
SMART, s. Guin, goimh, pian, cràdh, ciùrradh, biorg-
 adh.
SMART, v. n. Fairich guin, bi cràidhteach, bi air do
 chiùrradh.
SMART, adj. 1. Pungent : goirt, geur, guineach.
 2. vigorous : smiorail, beothail, briosg, tapaidh. 3.
 acute, witty : geur, beur.
SMARTLY, adv. See *Smart, adj.*
SMARTNESS, s. Smioralachd, beothalachd, tapachd,
 géire, graideal.
SMASH, v. n. Bruan, bris, bloighdich, smuais.
SMATCH, s. Blas, fàile.
SMATTER, v. n. Labhair air bheag eòlais.
SMATTERER, s. Fear faoin-eòlais, fear leth-oilein.
SMATTERING, s. Faoin eòlas.
SMEAR, v. a. 1. Overspread : buaichd, smeur, spairt.
 2. soil, contaminate : salaich, truail.
SMEAR, s. Buaicid, smeuradh.
SMEARY, adj. Slaopach, glaodhach, leanailteach.
SMELL, v. a. et n. 1. Perceive by the nose : bof,
 gabh, fàile, fairich fàile. 2. find out : lorgaich,
 tuig. 3. strike the nostrils : fairich fàile, thoir
 boladh. 4. have a smack of any quality : biodh
 fàile dhìot.
SMELL, s. 1. Power of smelling : fàile, fàileadh,
 boladh. 2. scent, power of affecting the nose :
 fàile, fàileadh, boladh, samh, tòchd.
SMELLING, s. Fàile, fàileadh, boladh.
SMELT, v. n. Leagh.
SMELTER, s. Leaghadair.
SMERK, v. n. Dean gàire macnusach, dean gàire tlà.
SMIDDY, s. Ceàrdach.
SMILE, v. n. Dean snodh-ghàire, bi fiamh ghàireach,
 seall le gean maith.
SMILE, s. Gàire, smigeadh, fiamh ghàire, mìog.
SMILINGLY, adv. Le fiamh ghàire, le gnùis aoidh-
 eil.
SMIRCH, v. a. Trnail, salaich, dubh, dorchaich.
SMIRK, v. n. Seall gu tlà, seall gu mìn.
SMITE, v. a. et n. 1. Strike : buail. 2. kill : marbh,
 sgrios, buail. 3. afflict : buail, smachdaich. 4.
 blast : buail. 5. affect with any passion : buail.
SMITEA, s. Fear-bualaidh, buailtear.
SMITH, s. 1. One who forges with his hammer :

· gobha, gobhain, ceàrd. 2. he that makes : fear-dèanaimh, fear-deilbh.

SMITHCRAFT, *s.* Goibhneachd.

SMITHY, *s.* Ceàrdach.

SMOCK, *s.* Léine boirionnaich.

SMOCK-FACED, *adj.* Glas-neulach, glas-bhàn, glasd-aidh.

SMOKE, *s.* Deathach, deatach, toit, smùid, ceò.

SMOKE, *v. a. et n.* 1. Scent by smoke : toit, tior-
maich 's an deatach. 2. expel by smoke : fuad-
aich le toit, cuir air theicheadh le deathach. 3.
find out : lorgaich, faigh a mach. 4. sneer, ridi-
cule : mag, fochaidich. 5. emit smoke : cuir deat-
ach dhìot, bi deatachail, cuir smùid. 6. burn :
las. 7. move very fast : ruith.

SMOKER, *s.* 1. One that dries or perfumes by smoke :
fear-toitidh. 2. one that uses tobacco : fear-gabh-
ail pioba.

SMOKILY, *adv.* See Smoky.

SMOKY, *adj.* Deatachail, toiteach, smùideach, neul-
ach.

SMOOTH, *adj.* 1. Even on the surface : mìn, réidh,
còmhnard. 2. evenly spread, glossy : sleamhuinn,
mìn, lìomharra. 3. equal in pace : socrach, còmhn-
ard. 4. gently flowing : mìn, sèimh. 5. bland,
mild : mìn, réidh, tlà, ciùin, sèimh.

SMOOTH, *s.* Luime.

SMOOTH, *v. a.* 1. Make even on the surface : mìn-
ich, lìomb, dean réidh. 2. work into a soft uni-
form mass : dean mìn, dean réidh. 3. make easy :
dean réidh, dean socrach. 4. make flowing : dean
tlà, dean mìn. 5. palliate, soften : gabh leisgeul. 6.
calm : ciùinich, sìthich. 7. flatter : brosguil.

SMOOTH-FACED, *adj.* Faoidh, aoidheil, mállda, fòil.

SMOOTHLY, *adv.* See Smooth.

SMOOTHNESS, *s.* 1. Evenness on the surface : réidh-
eachd, mìnead. 2. softness on the palate : tait-
neas, blasdachd. 3. of numbers : réidheachd. 4.
of speech : ciùineas, ciùine, tlàithhead.

SMOTHER, *v. a. et n.* 1. Suffocate with smoke :
tachd, mùch. 2. suppress : mùch, caisg, ceil. 3.
smoke without vent : bi deatachail, dean deatach,
dean smùid. 4. be suppressed : bi mùchta, bi an
cleith.

SMOTHER, *s.* See Smoke, *s.*

SMUG, *adj.* Grinn, sgiolta, sgeilmeil, cuimir.

SMUG, *v. a.* Breaghaich, dean sgeilmeil, dean cuimir.

SMUGGLE, *v. a.* 1. Import or export goods without
paying the customs : dean ceannachd gun chis. 2.
manage or convey secretly : cuir air falbh fuidh
làimh, dean gun fhios.

SMUGGLER, *s.* Fear-dèanaimh ceannachd gun chis
dhioladh.

SMUGGLING, *s.* Ceannachd gun chis-dhioladh.

SMUGNESS, *s.* Sgioltachd, sgeilmeileachd.

SMUT, *s.* 1. A spot : ball sùithe, ball guail. 2.
mildew : dubhadh, dothadh. 3. obscenity : drab-
astachd, draosdachd.

SMUT, *v. a. et n.* 1. Stain : salaich, comharraich le
ball dubh. 2. taint with mildew : dubh, doth. 3.
gather rust : bi air do dhubhadh, bi air do dhoth-
adh.

SMUTTILY, *adv.* See Smutty.

SMUTTINESS, *s.* 1. Soil from smoke : salacharachd.
2. obscenity : drabastachd, draosdachd.

SMUTTY, *adj.* 1. Black with smoke or coal : dubh
le sùith, dubh. 2. tainted with mildew : dubh,
air dothadh. 3. obscene : draosda, drabasta,
amasguidh.

SNACK, *s.* Cuibhrionn, earrann, pàirt, roinn.

SNAFFLE, *s.* Aghastair, srian.

SNAFFLE, *v. a.* Srian, cuir srian ri.

SNAG, *s.* 1. A jag : sgòrr, faobhar. 2. a tooth :
fiacail aonaranach.

SNAGGED, } *adj.* Sgorrach, cnapach, fiaclach.
SNAGGY, }

SNAIL, *s.* Seilcheag.

SNAKE, *s.* Asc, nathair gun phuinnsean, nathair gun
nimh.

SNAKY, *adj.* Mar nathair, lùbach, dreach-lùbach.

SNAP, *v. a. et n.* 1. Break at once : bris, bris gu
grad. 2. strike : crac, crag. 3. bite : teum, thoir
greim á. 3. snatch suddenly : tiolp, glac gu grad.
4. treat with sharp language : beum, gearr.

SNAP, *s.* 1. The act of breaking quickly : briseadh,
grad-bhriseadh. 2. a greedy fellow : tollaran,
tiolpadair. 3. a quick eager bite : greim, crioman,
teumadh, tiolam. 4. a catch, a theft : tiolpadh,
siolcadh.

SNAPPER, *s.* Tiolpadair, siolcair, fear-teumaidh.

SNAPPISH, *adj.* 1. Eager to bite : tiolpach, teum-
ach, sgaiteach. 2. peevish : tiolpach, beumach,
sgaiteach, croèda, dreamlainneach.

SNAPPISHLY, *adv.* See Snappish.

SNAPPISHNESS, *s.* Sgaiteachd, dranndan, dreamlainn.

SNARE, *s.* Lion, painntear, ribe, gòisne, peinntear.

SNARE, *v. a.* Painntirich, painntrich, rib, cuibhrich,
cuir lìon mu.

SNARL, *v. a. et n.* 1. Entangle, embarrass : glac,
rib, painntirich. 2. frown : bi grunsgulaich, dean
grunsgul, dream. 3. speak roughly : labhair gu
cas, bruidhinn gu colgach.

SNARLER, *s.* Fear dranndanach, conusan, fear dream-
laineach, dreangan.

SNARY, *adj.* Ribeachail, painntireach.

SNAST, *s.* Smàl coimle.

SNATCH, *v. a. et n.* 1. Seize hastily : tiolp, glac,
siab, beir air. 2. carry suddenly : tiolp, giùlain
an cabhag. 3. bite eagerly at : greimich, tiolp.

SNATCH, *s.* 1. A hasty catch : tiolpadh, tiolam,
teumadh, grad-ghlacadh. 2. a short fit : tiolam,
greis, deannal. 3. a small part : mir, crioman,
bideag.

SNATCHER, *s.* Tiolpadair.

SNATCHINGLY, *adv.* Gu luath-lamhach, gu tiolpach.

SNEAK, *v. a. et n.* 1. Hide, conceal : falaich, ceil.
2. creep slyly : càlaidh, snàig, siap. 3. crouch,
truckle : crub.

SNEAKING, *adj.* 1. Servile, mean : diblidh, suarach,
ìosal, tàireil. 2. niggardly : miodhoir, spìocach,
gionach, sanntach.

SNEAKINGLY, *adv.* See Sneaking.

SNEAP, *s.* Achmahasan, cronachadh, trod.

SNEER, *v. n.* Fochaidich, mag, seall fochaidheach.

- SNEER**, *s.* Fanaid, fochaid, tàir, magadh, sgeig, sealladh, no, focal tarcuiseach.
- SNEERER**, *s.* Fanaidiche, sgeigear, fear-magaidh.
- SNEERINGLY**, *adv.* Le sealladh tarcuiseach, gu fanoideach.
- SNEEZE**, *v. n.* Dean sreothart, bi sreothairtich.
- SNEEZE**, *s.* Sreothart.
- SNEEZING**, *s.* Sreothartaich.
- SNEEZEWORT**, *s.* Meacan-roibe.
- SNET**, *s.* Blonag féidh.
- SNIP**, *v. a.* Sgud, gearr a dh'aon bheum.
- SNIP**, *s.* 1. A single cut : sgudadh, gearradh. 2. a small shred : criomag, bìdeag.
- SNIPE**, *s.* 1. A fowl : meannan-adhair, gobhair-adhair, croman-lòin, eun-ghabhrag. 2. a block-head : amadan, baothair.
- SNIVEL**, *s.* Sglongaid, splangaid.
- SNIVEL**, *v. n.* 1. Run at the nose : sil splangaidean, ronnach, bi sglongaideach. 2. cry as children : guil, caoin.
- SNIVELLER**, *s.* Boganach, cladbair.
- SNORE**, *v. n.* Tarruing srann, dean srann.
- SNORE**, *s.* Srann.
- SNORER**, *s.* Srannair.
- SNORT**, *v. a. et n.* 1. Turn up in anger or scorn : coc sròn, cuir friodhan ort. 2. as in sleep : tarruing srann. 3. as a high-mettled horse : bi séidrich, dean srann.
- SNORTING**, *s.* Srann, srannail.
- SNOT**, *s.* Sglongaid, splangaid, clòimhein.
- SNOTTY**, *adj.* Sglongaideach, splangaideach, fiuchshrònach, smugach.
- SNOUT**, *s.* Soc, gnos, bus, sròn, driùchdan.
- SNOUTED**, } *adj.* Socach, gnosach, busach.
- SNOUTY**, }
- SNOW**, *s.* Sneachd, sneachda.
- SNOW**, *v. a. et n.* Cuir sneachd, dean sneachd, bi sneachd.
- SNOWDROP**, *s.* Dithean tràthail.
- SNOW-WHITE**, *adj.* Sneachd-gheal, geal mar shneachd.
- SNOWY**, *adj.* Sneachdach.
- SNUB**, *s.* Meall, cnap, gath, alt.
- SNUB**, *v. a. et n.* 1. Check, reprimand : bac, cronach grab, troid fi. 2. nip : pioc, bid. 3. sob with convulsions : tarruing osnadh.
- SNUDGES**, *s.* Spiocair, fear mìodhoir.
- SNUFF**, *s.* 1. Smell : fàile, fàileadh, boladh. 2. of a candle : smàl. 3. powdered tobacco : snaoisean.
- SNUFF**, *v. a. et n.* 1. Draw in the breath : ruab anail, deoghail anail. 2. scent : fairich fàile, mothach boladh. 3. crop the candle : smàl. 4. snort : tarruing srann, dean srannail.
- SNUFFBOX**, *s.* Bocsna snaoisein, bòsdan.
- SNUFFER**, *s.* Fear-gabhail snaoisein.
- SNUFFERS**, *s.* Smàladair.
- SNUFFLE**, *v. n.* Labhair roimh a' shròn, bruidhinn gu smùchdach.
- SNUFFLER**, *s.* Fear smùchdach.
- SNUG**, *adj.* Seasgair, blàth, gaireil, ciorbail, còsagach.
- SNUGLY**, *adv.* See Snug.
- So**, *adv.* 1. In like manner : mar, mar sin, air a' mhodh sin, amhuil sin, air an dòigh sin, air an t-seòl sin. 2. to such a degree : co, cho. Why is his chariot so long in coming : c' ar son a ta 'charbad co fhad a' teachd. 3. in such a manner : air leithid a' dhòigh. 4. in the same manner : air a' mhodh cheudna, air an dòigh cheudna. 5. thus, in this manner : mar so, air an dòigh so. 6. therefore : uime sin, air son so. 7. provided that : ma 's e; mur. 8. noting a kind of abrupt beginning, well : seadh. 9. so forth : leithid sin, mar sin. 10. so, so : indifferently : an eatorras, meadhanoch. 12. so, then : uime sin.
- SOAK**, *v. a. et n.* 1. Steep : bogaich, taisich, fiuch. 2. through the pores : sùgh, tarruing a stigh. 3. drain : tiormaich. 4. lie steeped : bi air do thaiscachadh, bi bogta. 5. enter by degrees : sùgh, dcoghail. 6. drink gluttonously : òl, bi còcrach.
- SOAKER**, *s.* 1. One that macerates : fear-taiseachaidh, fear-bogachaidh. 2. a great drinker : geòc-air, pòitear.
- SOAP**, *s.* Siopunn, siabunn.
- SOAPY**, *adj.* Siopunnach.
- SOAR**, *v. n.* 1. Fly aloft : éirich air iteag, itealach gu h-àrd. 2. mount intellectually : éirich, dìrich, an àird. 3. rise high : éirich àrd.
- SOAR**, *s.* Éiridh, àrd-itealach.
- SOARING**, *s.* Éiridh, dìreadh suas.
- SOB**, *v. n.* Osnach, tarruing osnaidh thròm.
- SOB**, *s.* Osnadh, ospag, osmag, plog, ànnich.
- SOBBING**, *s.* Osnach.
- SOBER**, *adj.* 1. Temperate : measarra, stuama. 2. not mad : tuigseach, ciallach, riaghailteach, suidhichte. 3. regular, calm : riaghailteach, ciùin, measarra. 4. serious, solemn : suidhichte, stòlda.
- SOBERLY**, *adv.* See Sober.
- SOBERNESS**, *s.* 1. Temperance : measarrachd, stuamachd. 2. calmness : ciall, suidheachadh.
- SOBRIETY**, *s.* 1. Soberness : measarrachd, stuamachd. 2. freedom from inordinate passion : ciùine, ciùineas, ciall. 3. seriousness : suidheachadh, stòldachd.
- SOCIABLE**, *adj.* 1. Fit to be conjoined : comhfhreagarrach, comh-chòrdail. 2. ready to unite in a general interest : cuideachdail. 3. friendly : caidreach, cuideachdail, conaltrach, còmhraiteach. 4. inclined to company : cuideachdail, companta.
- SOCIABLENESS**, *s.* Compantas, déigh air conaltradh.
- SOCIABLY**, *adv.* See Sociable.
- SOCIAL**, *adj.* Cuideachdail, conaltrach.
- SOCIALLY**, *adv.* See Social.
- SOCIALNESS**, *s.* Compantas.
- SOCIETY**, *s.* 1. Union of many in one interest : caoinheachas, comunn, comh-chuideachd. 2. company, converse : cuideachd, còisir. 3. partnership : comunn, companas.
- SOCK**, *s.* 1. Between the foot and the shoe : bréid bròige, osan gearr. 2. shoe of the ancient comic actors : bròg shean luchd-cluich, cuaran. 3. a ploughshare : soc.
- SOCKET**, *s.* 1. Any hollow pipe : bonn, cobhan. 2.

the receptacle of the eye : lag na sùla. 3. any hollow : slochd, toll.

SOD, *s.* Fòid, fòd, sgrath, ploc, clod.

SODDY, *adj.* Plocach, fòideach, clodach.

SODER, *v. a.* Tàth, comh-thàth, ceangail r' a chéile.

SODER, *s.* Miotailt ghlaodhach, borras.

SOC, *s.* Tuba.

SOFA, *s.* Langasaid.

SOFT, *adj.* 1. Not hard : bog, tais. 2. not rugged : mìn, tlàth. 3. ductile : sùbailt, so-lùbaidh, so-ghéillidh. 4. timorous : lag, eagalach. 5. mild : mállda, sèimh, fòil, furasda, caomh. 6. meek, civil : ciùin, sìobhalt, suairc. 7. placid, easy : sièmh, socrach. 8. elegantly tender : banail, mìn. 9. weak, simple : baoghalta, faoin. 10. gentle : sièmh, neo-gharg. 11. smooth : socrach, réidh.

SOFT, *interj.* Stad, socair.

SOFTEN, *v. a. et n.* 1. Make soft : taisich, bogaich. 2. mollify : taisich, ciùinich. 3. make easy, compose : ciùinich, sìthich. 4. make less harsh : dean mìn, dean sèimh. 5. enervate : lagaich. 6. grow less hard : fàs tais, fàs bog. 7. grow less obdurate : tiomaich, fàs sèimh.

SOFTENING, *s.* Taiseachadh, bogachadh.

SOFTHEARTED, *adj.* Tiom-chridheach, truacanta.

SOFTLY, *adv.* See *Soft*, *adj.*

SOFTNER, *s.* 1. That which makes soft : ni a thaisicheas. 2. one who palliates : leisgeulaiche, fear-ciùineachaidh.

SOFTNESS, *s.* 1. Quality contrary to hardness : buige, taiseachd. 2. mildness : caomhalachd, caoimhneas. 3. civility : sìobhaltachd, sèimheachd. 4. effeminacy : mi-fhearalachd, neo-smioralachd. 5. timorousness : tiomachd, gealtachd. 6. quality contrary to harshness : minead. 7. gentleness, facility : soimheachd, soineantachd. 8. simplicity : baoghaltachd.

SOIL, *v. a.* 1. Foul, dirty : salaich, truail, mill, dubh. 2. dung, manure : leasaich, mathaich.

SOIL, *s.* 1. Dirt, spot : salchar, ball, drabas, truailleadh. 2. ground, earth : talamh, fearann, fonn. 3. land, country : tìr, dùthaich. 4. dung, compost : innear, mathachadh, leasachadh.

SOJOURN, *v. n.* Tuinich rè seal, fan tacan, bi air chuairt.

SOJOURN, *s.* Còmhnuidh neo-bhunaiteach, aoidheachd sealain, tàmh car tiom, turus.

SOJOURNER, *s.* Eil-threach, fear-cuairt, aoidh.

SOJOURNING, *s.* Cuairt, eilthirc.

SOLACE, *v. a.* Furtaich, comh-fhurtaich, sòlasaich, thoir sòlas.

SOLACE, *s.* Furtachd, comh-fhurtachd, sòlas, aibhneas.

SOLAND-GOOSE, *s.* Sùlair, guga.

SOLAR, } *adj.* Grianach, do 'n ghréin.

SOLARY, }

SOLDER, *v. a.* See *Soder*, *v. a.*

SOLDIER, *s.* Saighdear, mìlidh, gaisgeach.

SOLDIERESS, *s.* Ban-saighdear, ban-churaidh.

SOLDIERLIKE, } *adj.* Gaisgeil, misneachail, treubh-

SOLDIERLY, } ach.

SOLDIERSHIP, *s.* Saighdearachd.

SOLDIERY, *s.* 1. Body of military men : saighdearan, arm, feachd. 2. soldiership : saighdearachd.

SOLE, *s.* Bonn.

SOLE, *v. a.* Cuir bonn air.

SOLE, *adj.* Aon-fhillte, singilte, aonarach, gun phòsadh.

SOLECISM, *s.* Cron-sgrìobhaidh, coire, mi-fhreagarrachd.

SOLELY, *adv.* See *Sole*, *adj.*

SOLEMN, *adj.* 1. Anniversary : bliadhna. 2. religiously grave, awful : greadhnach, mòr, solumta. 3. formal, ritual : riaghailteach. 4. sober, serious : cudthromach, stòlda.

SOLEMNITY, *s.* 1. Ceremony or rite annually performed : àrd-fhéill, òrdugh bliadhna. 2. religious ceremony : deas-ghnàth, cràbhadh. 3. gravity : stòldachd, cudthromachd. 4. awful procession : greadhnachas, àrd-fhéill.

SOLEMNIZE, *v. a.* 1. Dignify by particular formalities : cuir an gnìomh gu deas-ghnàthach, urramaich, coimhid gu deas-ghnàthach. 2. once a-year : cum féill bhliadhna, coimhid àrd-fhéill.

SOLEMNLY, *adv.* See *Solemn*.

SOLICIT, *v. a.* 1. Importune, intreat : iarr, sir, asluich. 2. call to action : dùisg, mosgail, brosnuich. 3. implore : guidh, grios, athchuingich. 4. attempt : sir, iarr, feuch am faigh.

SOLICITATION, *s.* 1. Importunity : iarraidh, asluich dian iarraidh, griosad, sireadh, athchuinge. 2. excitement : dùsgadh, mosgladh, brosnuchadh.

SOLICITOR, *s.* 1. One who importunes or entreats : iarradair, fear-asluichaidh. 2. one who petitions for another : fear-tagraidh, tagradair. 3. in chancery : fear-tagraidh, fear-lagha.

SOLICITOUS, *adj.* Iarratach, iomaguineach, cùramach, déigheil.

SOLICITOUSLY, *adv.* See *Solicitous*.

SOLICITUDE, *s.* Ro chùram, iomaguin, cùram, iomluasgadh.

SOLICITRESS, *s.* Ban-thagradair, ban-iarradair.

SOLID, *adj.* 1. Not fluid : teann, daingean, tioram. 2. compact, dense : teann, daingean, dinnte. 3. strong, firm : teann, làidir, daingean. 4. sound : fallain, slàn. 5. real : brioghmhor, fìor. 6. grave, profound : ciallach, crionna, glic, suidhichte.

SOLID, *s.* Chuid theann de 'n chorp.

SOLIDITY, *s.* 1. Fullness of matter, compactness : daingneachd, tiughachd. 2. firmness, hardness : tiughachd, gramalas. 3. truth : ciall, brioghmhorachd.

SOLIDLY, *adv.* See *Solid*.

SOLIDNESS, *s.* See *Solidity*.

SOLILOQUY, *s.* Féin-labhairt, bruidhean ris féin, féin-chòmhradh.

SOLIPED, *s.* Ainmhidh slàn-iongach.

SOLITARILY, *adv.* See *Solitary*.

SOLITARINESS, *s.* Aonarachd, dìomhaireachd, uaigneachd.

SOLITARY, *adj.* 1. Living alone : aonarach, aonaranach. 2. retired : aonaranach, uaigneach, dìomhair. 3. gloomy, dismal : cianail, tiamhaidh, ùd-laidh, uamhalt, fàsail. 4. single : aon.

SOLITARY, *s.* Aonaran, dithreabhach.
SOLITUDE, *s.* 1. Lonely life : aonarachd, beatha aonarach. 2. loneliness : aonarachd, diomhair-eachd, uaigneas. 3. a lonely place : fàsach, dithreabh, àit' aonarach.
SOLSTICE, *s.* Grian-stad, seas-ghrian.
SOLVABLE, *adj.* So-fhuasglaidh, so-mhìneachaidh.
SOLUBLE, *adj.* 1. Capable of dissolution : so-leaghaidh, leaghach, leaghtach. 2. producing laxity : fuasgailteach, purgaideach.
SOLVE, *v. a.* Fuasgail, mìnich, soilleirich.
SOLVENCY, *s.* Coinas pàidhidh, murrachas dìolaidh.
SOLVENT, *adj.* 1. Having the power to cause dissolution : leaghach, a leaghas. 2. able to pay debts : murrach air dìoladh, comasach air pàidheadh.
SOLVIBLE, *adj.* See Solvable.
SOLUTION, *s.* 1. Disruption, breach : sgaoileadh, fuasgladh, dealachadh. 2. matter dissolved : leaghadh, ni leaghta. 3. resolution of a doubt : fuasgladh, mìneachadh. 4. release, deliverance : fuasgladh, saoradh.
SOLUTIVE, *adj.* Fuasgailteach, purgaideach.
SOMBRE, } *adj.* Dorch, neulach, lachduinn, ciar.
SOMBROUS, }
SOME, *adj.* Cuid, feadhainn, muinntir.
SOMEBODY, *s.* Neach-eigin, cuid-eigin.
SOMEHOW, *adv.* Air sheol-eigin, air dhòigh-eigin, air chor-eigin.
SOMERSAULT, } *s.* Car a' mhuiltein.
SOMERSET, }
SOMETHING, *s.* Rud-eigin, ni-eigin, càil-eigin.
SOMETHING, *adv.* An tomhas àraidh, beagan, car.
SOMETIME, *adv.* Uair-eigin.
SOMETIMES, *adv.* Air uairibh, 'n a uaireannan, an tràth 's a fìs, còrr uairean.
SOMEWHAT, *s.* 1. Something : rud-eigin, ni-eigin, càil-eigin. 2. more or less : beag no mòr, ni-eigin. 3. part greater or less : cuid.
SOMEWHAT, *adv.* An tomhas àraidh, beagan, leth-char.
SOMEWHERE, *adv.* An àit-eigin.
SOMNIFEROUS, } *adj.* Codalach, codaltach.
SOMNIFIC, }
SON, *s.* Mac. The sons of men : mic dhaoine, clann daoine.
SON-IN-LAW, *s.* Cliamhuinn.
SONG, *s.* Òran, luinneag, dàn, duan, rann, bàrdachd, rannaidheachd. Of birds : ceileir, ceileireadh.
SONGSTER, *s.* Òranaiche, cliaraiche, rannach.
SONGSTRESS, *s.* Ban-òranaiche.
SONNET, *s.* Duanag, òran beag, luinneag bheag.
SONIFEROUS, *adj.* Fuaimneach, a' toirt fuaim.
SONOROUS, *adj.* Fuaimneach, seirmeach, àrd-fhuaimneach, beur.
SONOROUSNESS, *s.* Fuaim, àrd-fhuaim, seirmeachd.
SONSHIP, *s.* Dlighe, no stàid mic.
SOON, *adv.* 1. Before long time be past : gu goirid, a chlisgeadh, an ùine ghearr. 2. early : gu tràthail, gu tiomail, moch. 3. readily, willingly : gu toileach, gu deònach. 4. as soon : cho luath. 5. soon as : cho luath, an uair.

SOOT, *s.* Sùith, saoth, dùbhdan.
SOOTED, *adj.* Làn sùith, còmhdhichte le sùith.
SOOTH, *s.* 1. Truth, reality : fìrinn. In sooth : gu dearbh, gu fìor. 2. sweetness, kindness : caoimheas, caomhalachd.
SOOTHE, *v. a.* 1. Flatter : toilich, breug, tàlaidh, brosguil. 2. calm, mollify : ciùinich, sìthich.
SOOTHER, *s.* Fear-tàlaidh, fear-ciùineachaidh, comhfhurtair.
SOOTHINGLY, *adv.* Gu mìn-bhriathrach, gu beulach.
SOOTHSAY, *v. n.* Targair, innis foimh-làimh, dean fàisneachd.
SOOTHSAYING, *s.* Targradh, fàisneachd, fiosachd.
SOOTHSAYER, *s.* Fiosaiche, fàidh, druidh.
SOOTINESS, *s.* Sùith, salcharachd na deathaich.
SOOTY, *adj.* Sùitheach, dorch, dùbhdanach.
SOP, *s.* 1. Any thing steeped in liquor : mìr tumta, greim tumta. 2. to pacify : greim air son sìtle.
SOP, *v. a.* Tum, bog.
SOPHICAL, *adj.* Tuigseach, a' teagasg gliocais.
SOPHISM, *s.* Reusanachadh meallta, reusanachadh carach.
SOPHIST, } *s.* Gliocasair, feallsanach carach, feall-
SOPHISTER, } samhnach.
SOPHISTICAL, *adj.* Lùbach, carach, meallta.
SOPHISTRY, *s.* Feallsanachd charach, reusanachadh cealgach.
SOPORIFEROUS, } *adj.* Codalach, codaltach.
SOPORIFIC, }
SORCERER, *s.* Draoth, draoidh, druidh, geasadair, fiosaiche.
SORCERESS, *s.* Ban-draoidh, ban-druidh, ban-fhiosaiche, buitseach, baobh.
SORCERY, *s.* Draoitheachd, geasadaireachd, fiosachd, druidheachd.
SORD, *s.* Fàl, fòid.
SORDES, *s.* Dràbhag, druap, grunnasg, deasguinn.
SORDID, *adj.* 1. Foul, gross, dirty : mosach, salach. 2. intellectually dirty : miodhoir, spìocach, crìon, suarach, sanntach, dìbhlidh.
SORDIDLY, *adv.* See Sordid.
SORDIDNESS, *s.* 1. Mcanness, baseness : spìocaiche, spìocaireachd, miodhoireachd, crìne. 2. nastiness : mosaiche, luiristeachd, salcharachd.
SORE, *s.* Cneadh, creuchd, lot, rud goirt.
SORE, *adj.* 1. Tender to the touch : goirt, cràidhteach, piantachail, searbh. 2. easily vexed : goirt, cràidhteach, piantachail, searbh.
SORE, *adv.* Gu ro chràidhteach, gu dòghruinneach.
SOREL, *adj.* Buidhe-ruadh.
SORELY, *adv.* See Sore.
SORENESS, *s.* Goirteas, cràdh, doghruinn, piantachd.
SORREL, *s.* Sabh, samhadh, sealbhag.
SORRILY, *adv.* See Sorry.
SORRINESS, *s.* Dìbhlidheachd, truaighe, dimeas.
SORROW, *s.* Mulad, bròn, doilgheas, tuirse, dubhachas.
SORROW, *v. n.* Bi muladach, bi doilgheasach, bi dubhach.
SORROWFUL, *adj.* Muladach, brònach, doilgheasach, tuirseach, dubhach, éisleincach.

SORROWFULLY, adv. See Sorrowful.
SORROWING, s. Mulad, bròn, cumhadh, caoidh.
SORRY, adj. 1. Grieved: duilich, muladach, aithreach, dubhach, brònach, tuirseach. 2. melancholy, dismal: muladach, tiamahaidh, cianail, ùd-laidh. 3. worthless: diblidh, suarach, truagh, ceacharra.
SORT, s. 1. A kind, species: gnè, seòrsa. 2. form of being or acting: dòigh, seòl, modh, rathad. 3. a degree: càileigin. 4. order of persons: dream, muinntir. 5. a company: buidheann, bannal, cruinneachadh. 6. a pair: càraid.
SORT, v. a. et n. 1. Separate into distinct classes: seòrsaich, eagaraich, cuir an òrdugh. 2. reduce to order: eagaraich, riaghailtich, cuir an òrdugh, cuir ceart. 3. conjoin: seòrsaich, coimeas. 4. be joined to: bi seòrsaichte, bi eagaraichte. 5. consort, join: aon, ceangail. 6. suit, fit: freagair do, bi freagarrach. 7. have success: soirbhich, buadhaich. 8. fall out: tuit a mach.
SORTANCE, s. Comh-chòrdachd, comh-fhreagarrachd.
SORTMENT, s. 1. The act of sorting: ceartachadh, eagarachadh, seòrsachadh. 2. a parcel sorted and distributed: ni air a sheòrsachadh.
SOT, s. 1. A blockhead: umpaidh, amadan, pleòisg. 2. a wretch stupified by drinking: pòitear, misgear.
SOT, v. a. See Besot.
SOTTISH, adj. Pleòisgeach, umpadail, neo-thuigseach.
SOTTISHLY, adv. See Sottish.
SOTTISHNESS, s. 1. Dulness, stupidity: pleòisgeachd, umpadalachd. 2. drunken stupidity: misgearachd, pleòisgeachd.
SOVEREIGN, adj. 1. Supreme in power: uachdarach, àrd, rioghail, còrr. 2. supremely efficacious: còrr, ro mhaith, comasach, cumhachdach, buadhach.
SOVEREIGN, s. 1. Supreme lord: àrd-uachdaran, rìgh, àrd-thriath. 2. a gold coin: bonn òir fhìch-ead tastan.
SOVEREIGNLY, adv. See Sovereign, *adj.*
SOVEREIGNTY, s. Uachdranachd, tighearnas, àrd-cheannas.
SOUL, s. 1. The spirit of man: anam, spiorad. 2. intellectual principle: inutinn. 3. vital principle: beatha. 4. spirit, essence: beatha, smior. 5. human being: neach, urra. 6. spirit, fire: beatha, smioralachd, spiorad.
SOULLESS, adj. 1. Without soul: marbh, gun bheatha, gun anam. 2. spiritless: mìodhoir, spìocach, crìon.
SOUND, adj. 1. Healthy, hearty: slàn, fallain, slàinteil. 2. right, orthodox: ceart, fallain. 3. stout, strong: làidir, calma. 4. valid: cinnteach, daingean. 5. (applied to sleep): trom.
SOUND, s. 1. A shallow sea: caolas, tanalach. 2. a probe: iarradair, inneal feuchainn lot. 3. any thing audible: fuaim. 4. mere empty noise: guth, fuaim.
SOUND, v. a. et n. 1. Search, try depth: tomhais, feuch. 2. examine: sgrùd, rannsaich. 3. with

the sounding line: feuch doimhneachd, tomhais.
 4. cause to make a noise: thoir fuafm air. 5. celebrate by sound: seinn, mol, seirm. 6. make a noise: dean fuaim, bi fuaimneach. 7. be conveyed in sound: seirm, bi air do ghiùlan am fuaim.
SOUNDING, adj. Fuaimneach, seirmeach.
SOUNDING, s. 1. Act of trying the depth with a plummet: feuchainn doimhneachd. 2. act of emitting a sound: toirt fuaim.
SOUNDLESS, adj. 1. Not to be fathomed: gun ghrund. 2. without sound: gun fhuaim.
SOUNDLY, adv. See Sound, *adj.*
SOUNDNESS, s. 1. Health: fallaineachd, slàinte. 2. rectitude: fallaineachd, fìrinn, neo-thruailleachd. 3. strength: neart, neartmhorachd, spionnadh.
SOUP, s. Eun-bhrìgh, canaraich.
SOUR, adj. 1. Acid, austere: goirt, geur, searbh. 2. peevish: droch-mheinneach, crosda, garg, duairceach, amhaidh, gruamach. 3. afflictive, painful: goirt, cràidhteach, doghruinneach. 4. expressing discontent: searbh, coimleach.
SOUR, v. a. et n. 1. Make acid: dean geur, dean goirt, dean searbh. 2. make harsh or unkindly: dean gruamach, dean coimheach. 3. make uneasy: mill, dean mi-thaitneach. 4. make discontented: mi-thoilich, dean diombach. 5. become acid: fàs geur, fàs goirt. 6. grow peevish: fàs crosda, fàs dreamlainneach.
SOURCE, s. 1. Spring, head: tobar, màthair uisge, ceann. 2. first producer: athair, màthair. 3. first cause: aobhar, màthair aobhar, freumh, tùs, toiseach.
SOURISH, adj. Car goirt, leth-char goirt.
SOURLY, adv. See Sour, *adj.*
SOURNESS, s. 1. Acidity: géire, goirteas, searbas. 2. harshness of temper: gruamachd, coimheachas.
SOUTH, s. Àirde deas, deas, gaoth dheas.
SOUTH, adj. Deas.
SOUTH, adv. 1. Towards the south: mu dheas, gu deas. 2. from the south: á deas, o dheas.
SOUTHEAST, s. Ear-dheas, àirde 'n ear-dheas
SOUTHING, adj. A' dol gu deas.
**SOUTHERLY, } adj. Deas, á deas, mu dheas.
 SOUTHERN, }**
SOUTHERMOST, adj. Is faide deas.
SOUTHWARD, s. Deas, taobh deas.
SOUTHWEST, s. Iar-dheas, àirde 'n iar-dheas.
SOW, s. 1. A female pig: muc. 2. an oblong mass of lead: meall fada luaidhe.
SOW, v. a. et n. 1. In order to growth: cuir, siòl-chuir. 2. spread, propagate: sgap, sgaoil, iomsgaoil, craobh-sgaoil. 3. besprinkle: crath. 4. join by needle work: fuaigh.
SOWER, s. Fear-cuir.
SOWENS, s. Làgan.
SPACE, s. 1. Local extension: farsuingeachd, leud, rùn, ionad falamh, àite. 2. quantity of time: ùine, àm, tìm.
SPACIOUS, adj. Farsuinn, farsuing, mòr.
SPACIOUSLY, adv. See Spacious.
SPACIOUSNESS, s. Farsuingeachd, farsaingeachd.
SPADE, s. 1. An instrument of digging: spaid,

- ceaba. 2. a deer three years old : trì-bhliadhach féidh. 3. suit of cards : spaid.
- SPAN, *s.* Réis, leud boise.
- SPAN, *v. a.* 1. Measure by the hand extended : tomhais le réis. 2. measure : tomhais.
- SPANCEL, *s.* Buarach.
- SPANCEL, *v. n.* Ceangal le buaraich, cuir gad air.
- SPANGLE, *s.* 1. Of shining metal : lann, àileagan dealrach. 2. any thing sparkling and shining : lann, ni dealrach.
- SPANGLE, *v. a.* Dean dealrach, dean soillseach, cuir lannan air.
- SPANIEL, *s.* 1. A dog : cù eunaich. 2. a low fellow : sgimileir, sgléapair.
- SPANIEL, *v. n.* Dean miolasg, dean sodal.
- SPANISH, *s.* Spàinteach.
- SPANNER, *s.* Aefhuinn gunna.
- SPAR, *v. a. et n.* 1. Shut, close : spàrr, dùin, druid, crann. 2. fight with prelusive strokes : dòrn, cath.
- SPAR, *s.* Spàrr, crann.
- SPARABLE, *s.* Tacaid bheag, tacaid shàlach.
- SPARE, *v. a. et n.* 1. Use frugally : caomhain. 2. have unemployed : cuir seachad, caomhain. 3. do without : seachain, thig as eugais. 4. omit : leig seachad, caomhain. 5. use tenderly : caomhain, coigil. 6. grant, allow : ceadaich, deònaich, 7. live frugally : caomhain, gléidh. 8. be scrupulous : caomhain, seachain. 9. forgive : coigil, caomhain, maith, logh, bi bàigheil.
- SPARE, *adj.* 1. Scanty, frugal : gann, caomhantach, gléidhteach. 2. superfluous : a bharrachd, a thuilleadh 's a chòir. 3. lean : caol, tana, bochd.
- SPARENESS, *s.* Caoile.
- SPARER, *s.* Spiocair, mìodhoir, fear leibideach.
- SPARERIE, *s.* Aisne air bheag feòla.
- SPARING, *adj.* 1. Scarce : gann, beag. 2. not plentiful : gann, neo-phailt. 3. parsimonious : mìodhoir, spiocach, cruaidh.
- SPARINGLY, *adv.* See Sparing.
- SPARINGNESS, *s.* 1. Parsimony : spiocachd, mìodhaireachd. 2. caution : faicill, cùram.
- SPARK, *s.* 1. Of fire or kindled matter : srad, sradag, dril. 2. any thing shining : srad, dril. 3. any thing vivid : srad. 4. a lively, showy man : fear spaireasach, spailpean, bùban, lasgair. 5. a lover : suiridheach.
- SPARKISH, *adj.* Spaireasach, spailleichdeil, uallach.
- SPARKLE, *s.* 1. Of fire : srad, drithlis, sradag. 2. any luminous particle : srad, dril. 3. lustre : lannair, dealradh, dèarsadh.
- SPARKLE, *v. a. et n.* 1. Disperse, scatter : sgaoil, sgap. 2. emit sparks : srad, bi sradach. 3. shine, glitter : dèars, boillsg, soillsich. 4. emit little bubbles, as liquor in a glass : srad.
- SPARKLING, *adj.* Drilseach, dèarsach, sradach, soills-each.
- SPARKLINGLY, *adv.* See Sparkling.
- SPARROW, *s.* Gealbhonn, gobhlan-gaoithe, glais-eun.
- SPARROWHAWK, *s.* Seabhag beag, speircag.
- SPASM, *s.* Forc, iodh, féith-chrupadh.
- SPASMODIC, *adj.* Air am bheil forc, no, iodh.
- SPATIATE, *v. n.* Seabhaid, falbh air iomrall.
- SPATTER, *v. a. et n.* 1. Sprinkle with : salaich, spairt. 2. asperse, defame : cùl-chàin, càin, dìt. 3. spit : tilg smugaid.
- SPATTERDASHES, *s.* Casa-gearra.
- SEAVIN, *s.* Fliodh cruaidh eich.
- SPAW, *s.* Aite sònruichte air son uisge leighis.
- SPAWL, *v. n.* Tilg smugaidean.
- SPAWL, *s.* Smugaid, spliug, splangaid.
- SPAWN, *s.* 1. The eggs of fish : siol, iuchair, ubh-chruth, cladh. 2. the eggs of frogs : glothagach. 2. any product, or offspring (in contempt) : siol.
- SPAWN, *v. a. et n.* 1. Produce as fishes do eggs : cladh. 2. generate (in contempt) : cladh, beir, gin, sìolaich.
- SPAWNER, *s.* Glasag, iasg boirionn, bean-iasg.
- SPAY, *v. a.* Spoth.
- SPEAK, *v. a. et n.* 1. Utter with the mouth : labh-air ri, dean bruidhean. 2. proclaim : cuir an céill, aithris, dean luaidh air. 3. exhibit : cuir an céill, nochd, taisbean. 4. utter articulate sounds : abair, labhair, bruidhinn. 5. harangue : labhair. 6. speak for or against : labhair, tagair.
- SPEAKABLE, *adj.* Còmhraideach, conaltrach, so-labhairt.
- SPEAKER, *s.* Fear-labhairt, fear-bruidhne.
- SPEAKING, *s.* Còmhradh, labhairt, cainnt, bruidhean.
- SPEAR, *s.* 1. A lance : gath, sleagh, lann, craosach. 2. to kill fish : muirgheadh.
- SPEAR, *v. a. et n.* 1. Kill or pierce with a spear : troimh-lot, torchuir, sàth. 2. shoot or sprout : fàs, cinn.
- SPEARMAN, *s.* Fear-sleagha.
- SPEARWORT, *s.* Glaisleun, lus mòr.
- SPECIAL, *adj.* 1. Particular, peculiar : àraid, àraidh. 2. appropriate, designed for : sònruichte, àraidh. 3. extraordinary : sònruichte, neo-choitichionn, neo-ghnàthaichte. 4. chief : taghta, òirdheirc, prìomh.
- SPECIALITY, } *s.* Ni àraidh, cùis àraidh.
- SPECIALTY, } *s.* Ni àraidh, cùis àraidh.
- SPECIALLY, *adv.* See Special.
- SPECIES, *s.* Ion-fhaileas, seòrsa, gnè, dream, òrdugh.
- SPECIFIC, } *adj.* Speiseald, araidh, sònruichte.
- SPECIFICALLY, } *adv.* See Specific.
- SPECIFICALLY, *adv.* See Specific.
- SPECIFICATION, *s.* Comharrachadh, ainmeachadh.
- SPECIFY, *v. a.* Comharrachadh a mach, ainmich, sònruich.
- SPECIMEN, *s.* Samhladh, sampull.
- SPECIOUS, *adj.* Dealbhach, taitneach, greadhnach, breagha, coltach, samhlach.
- SPECIOUSLY, *adv.* See Specious.
- SPECIOUSNESS, *s.* Deadh choltas.
- SPECK, *s.* Ball, smal, sal.
- SPECK, *v. a.* Ballaich, salaich.
- SPECKLE, *s.* Ball beag.
- SPECKLE, *v. a.* Ballaich, cuir buill bheaga air, dean breac.
- SPECTACLE, *s.* 1. A show : sealladh, taisbeanadh, ball-amhairc. 2. any thing perceived by the

sight: sealladh. 3. glasses: speuclair, spleuchd-lan.

SPECTACLED, *adj.* Speuclaireach.

SPECTATOR, *s.* Fear-amhaire, amharcaiche, fear-seallaidh, fear-beachdachaidh.

SPECTATORSHIP, *s.* Amharc, tabhairt fainear.

SPECTRE, *s.* Taibhs, tannasg, bòcan, bodach, arrachd, aog.

SPECULATE, *v. a. et n.* 1. Consider attentively: beachdaich, cnuasaich, smaoinich. 2. meditate, contemplate: meòraich, ath-smaoinich.

SPECULATION, *s.* 1. Examination: beachdachadh, geur-amharc. 2. mental view: fìdreachadh, meòrachadh, beachdachadh, smaoineachadh, ath-smaoineachadh. 3. mental scheme: cnuasachd, dealbhadh, tionnsgnadh.

SPECULATIVE, *adj.* Beachdail, smaoineachdail, tionnsgnach.

SPECULATIVELY, *adv.* See Speculative.

SPECULATOR, *s.* 1. One who forms theories: dealbh-adair, fear-tionnsgnadh. 2. an observer: fear-amhaire, fear-beachdachaidh. 3. a spy: fear-brathaidh.

SPECULUM, *s.* Sgàthan.

SPEECH, *s.* 1. The power of articulate utterance: uirghioll, bruidhean, cainnt, labhairt. 2. language: còmhradh, labhairt, bruidhean, cainnt. 3. particular language: cànan, teanga. 4. talk: bruidhean, luaidh, iomradh. 5. oration: òraid, uirghioll.

SPEECHLESS, *adj.* Balbh, tosdach, gun labhairt, sàmhaich.

SPEED, *v. a.* 1. Dispatch in haste: greas, deifrich, cuir air chabhadh. 2. hasten: luathaich, luathailtich. 3. kill: marbh, sgrios. 4. assist: cuidich, cuir air aghart. 5. make prosperous: soirbhich. 6. make haste: greas, deifrich. 7. have good success: soirbhich.

SPEED, *s.* 1. Quickness, celerity: luaths, luathailt, déineas. 2. haste, hurry: cabhadh, deifir. 3. of a horse: luaths, spid. 4. success: soirbheachadh.

SPEEDILY, *adv.* See Speedy.

SPEEDINESS, *s.* Luathas, luathailteachd.

SPEEDWELL, *s.* Seamrag-chrè, lus-crè.

SPEEDY, *adj.* Luath, cabhagach, deifreach, calamh, grad.

SPELL, *s.* 1. A charm: giseag, geas, geasag. 2. a turn of work: greis, tacan.

SPELL, *v. a. et n.* 1. Write with the proper letters: sgrìobh ceart, dean ceart-sgrìobhadh. 2. read by naming letters simply: ainmich litrichean. 3. charm: cuir fuidh gheasaibh, cuir druidheachd air. 4. form words of letters: cuir litrichean r' a chéile. 5. read: leugh.

SPEND, *v. a. et n.* 1. Consume: caith. 2. bestow: caith, builich. 2. effuse: caith, sgaoil, sgap. 4. suffer to pass away: caith, cuir seachad. 6. waste: caith, claidh, sàruich. 6. make expense: caith, dean caithcamh.

SPENDER, *s.* 1. One who spends: fear-caitheimh. 2. a prodigal: struidhear.

SPENDING, *s.* Caitheamh, cosdas.

SPENDTHRIFT, *s.* Struidhear, ana-caitheach, cath-teach mac stròdhail, fear-ana-measara.

SPERM, *s.* Siol.

SPEW, *v. a. et n.* Sgeith, dìobhuir, tilg, tilg a mach.

SPEWER, *s.* Fear-sgeith, fear-dìobhuirt.

SPEWING, *s.* Sgeith, dìobhuirt, tilgadh.

SPHACELUS, *s.* See Gangrene.

SPHERE, *s.* 1. A globe: cruinne, ball. 2. of the mundane system: cruinne, cruinne-cé. 3. representing the earth or sky: cruinne, ball cruinn, dealbhan t-saoghail. 4. circuit of motion: cuairt, cruinne. 5. compass of knowledge or action: inbhe, àite.

SPHERE, *v. a.* Dean cruinn.

SPHERIC, } *adj.* Cruinn, cuairsgeach.

SPHERICAL, }

SPHERICALNESS, *s.* Cruinne, cumadh cruinn.

SPHERICS, *s.* Cruinn-eòlas.

SPICE, *s.* Peabar, spìosradh.

SPICE, *v. a.* Spìosraich, cuir peabar air, peabraich.

SPICER, *s.* Fear-reic spìosradh.

SPICERY, *s.* 1. The commodity of spices: spìosradh, peabar. 2. a repository of spices: cuile spìosraidh.

SPICY, *adj.* 1. Producing spice: spìosrach. 2. aromatic: spìosrach, cùbhraidh.

SPIDER, *s.* Damhan alluidh, fìghtheadair, dallan-dà.

SPIKE, *s.* 1. An ear of corn: dias. 2. a long nail of iron or wood: tarrang mhòr.

SPIGOT, *s.* Spiocaid, pinne, leigeadair.

SPIKE, *v. a.* 1. Fasten with long nails: tàirng, spéic, teannaich le tàirngean mòra. 2. make sharp at the end: bioraich, dean biorach.

SPIKENARD, *s.* Spiocnard, boltrachan.

SPIKY, *adj.* Biorach.

SPILL, *s.* Sliseag.

SPILL, *v. a. et n.* 1. Shed: dòirt, taom. 2. destroy: sgrios, mill. 3. throw away: tilg air falbh, dòirt. 3. waste: caith, cuir a dholaidh. 4. be shed: dòirt, bi air do dhòrtadh.

SPILTII, *s.* Dòrtadh, taomadh.

SPIN, *v. a. et n.* 1. Draw out into threads: snìomh. 2. stream out into a thread: snìomh. 3. as a spindle: toinn, ruith mu 'n cuairt.

SPINAGE, *s.* Bloingein-gàraidh.

SPINAL, *adj.* A bhùineas do chnàimh an droma.

SPINDLE, *s.* 1. By which the thread is formed: fèarsaid, dealgan, cinneag. 2. a stalk: cuinntein. 3. any thing slender (in contempt): fèarsaid.

SPINDLE, *v. n.* Cuir a mach cuinntein fada.

SPINE, *s.* Cnàimh an droma, saith.

SPINK, *s.* Bùidheag.

SPINNAGE, *s.* Càl-bloin'gein.

SPINNER, *s.* 1. One skilled in spinning: snìomhadair, snìomhaiche. 2. a spider: damhan-alluidh, dallan-dà.

SPINNING-WHEEL, *s.* Cuibhle shnìomhaich.

SPINOUS, *adj.* Driseach, driscarnach.

SPINSTER, *s.* Ban-shnìomhaich.

SPINSTRY, *s.* Snìomh, snìomhach.

SPIRACLE, *s.* Toll caol, toll gaoithe.

SPIRAL, *adj.* Snìomhach, cuairsgeach, lùbach.
SPIRALLY, *adv.* See Spiral.
SPIRE, *s.* 1. A curl, a twist : cuairsg, camag, lùbag.
 2. any thing growing up taper : turaid. 3. the top or uppermost part : bidein, mullach.
SPIRIT, *s.* 1. Breath, wind : anail, deò. 2. an immaterial substance : spiorad. 3. the soul of man : spiorad, anam. 4. an apparition : spiorad, taibhs, tannasg, aog. 5. temper : nadur, càil, spiorad. 6. ardour, courage : spiorad, misneach. 7. genius : feart, mòr-thuigse. 8. intellectual powers : inntinn. 9. sentiment : barail. 10. eagerness : déine, braise, dùrachd, togradh. 11. man of activity : duine beothail, fear smiorail. 12. that which gives vigour or cheerfulness : spiorad, misneach. 13. any thing pure : spiorad. 14. an inflammable liquor : spiorad, deoch làidir.
SPIRIT, *v. a.* Misnich, beothaich, bruidich, brosnuich.
SPIRITED, *adj.* Misneachail, beothail, fearail, smiorail, spioradail, aigcannach, eangarra.
SPIRITEDLY, *adv.* See Spirited.
SPIRITEDNESS, *s.* Misneach, beothalachd, smioralachd.
SPIRITLESS, *adj.* 1. Dejected, low : ana-gleusta, neo-sporadail, neo-smiorail, trom, airsnealach, neo-sgairteil. 2. having no breath, extinct : gun deò, marbh.
SPIRITLESSLY, *adv.* See Spiritless.
SPIRITOUS, *adj.* 1. Refined : glan, fìor-ghlan. 2. ardent, active : smiorail, sgairteil.
SPIRITUAL, *adj.* 1. Distinct from matter : spioradail, neo-chorporra. 2. intellectual : spioradail, inntinneach. 3. not gross : glan, fìor-ghlan, neo-thruaillidh. 4. ecclesiastical : spioradail, eaglaiseil.
SPIRITUALITY, *s.* 1. Immateriality : spioradalachd. 2. intellectual nature : spioradalachd, nàdur spioradail. 3. pure acts of the soul : gnàths spioradail.
SPIRITUALLY, *adv.* See Spiritual.
SPIRITUOUS, *adj.* See Spiritous.
SPIRT, *v. a. et n.* Spùt, steall.
SPIRT, *s.* 1. Sudden ejection : spùt, steall. 2. sudden and short effort : greis, tacan, dcannal.
SPIRTLE, *v. a.* Sgap, sgaoil.
SPIRY, *adj.* 1. Pyramidal : biorraideach. 2. curled : cuairsgeach, lùbach.
SPISSITUDE, *s.* Tiughad, feamachas.
SPIT, *s.* Bior, bior-ròsdaidh, bior-feòla.
SPIT, *v. a. et n.* 1. Put upon a spit : cuir air bior. 2. thrust through : troimh-lot, sàth. 3. from the mouth : tilg smugaid. 4. throw out spittle : tilg smugaid, cuir a mach seile.
SPIT, *s.* Smugaid, seile, seile.
SPITE, *s.* Gamhblas, falachd, tnù, diomb, fuath, mìrùn, spìd, iogan. *Spite of*: ge b'oil le, a dh'aindeoin.
SPITE, *v. a.* 1. Vex : cuir aineadas air, cuir farran air. 2. fill with spite : feargaich, dean diombach.
SPITEFUL, *adj.* Gamhblasach, mì-rùnach, feargach, miosguinneach.
SPITEFULLY, *adv.* See Spiteful.
SPITEFULNESS, *s.* See Spite.

SPITTER, *s.* 1. One who puts meat on a spit : còc-air. 2. one who spits with his mouth : fear-tilgidh smugaidean.
SPITTLE, *s.* Smugaid, seile, seile.
SPLASH, *v. a.* Spairt, spliut.
SPLASHY, *adj.* Salach, clàbarach.
SPLAY, *v. a.* Cuir á alt, cuir as an alt.
SPLAY-FOOT, } *adj.* Clàr-chasach, baleach, plit-
SPLAY-FOOTED, } ach.
SPLAYMOUTH, *s.* Clab, craos, braoisg.
SPLEEN, *s.* 1. The milt : dubh-liath. 2. anger, spite : fearg, tnù, gamhblas. 3. a fit of anger : leum corruich, beum corruich. 4. inconstancy, caprice : mac-meannna, luasgan. 5. a sudden motion : mi-ghean, duisleannan, frionas. 6. melancholy : airsneal, sprochd, lèann-dubh.
SPLEENFUL, *adj.* Feargach, crosda, dreamlaiuneach, airsnealach.
SPLEENWORT, *s.* Lus-a-chorrain, lus-na-seilge.
SPLEENY, *adj.* See Spleenful.
SPLENDENT, *adj.* Dealrach, soilleir, soillseach.
SPLENDID, *adj.* Basdalach, loiseamach, dealrach, greadhbach.
SPLENDIDLY, *adv.* See Splendid.
SPLENDOUR, *s.* 1. Lustre : dealradh, dèarsadh, lainnir. 2. magnificence : loiseam, basdal, greadhnachas, mòr-chuis.
SPLENETIC, *adj.* Feargach, crosda, frionasach, airsnealach.
SPLICE, *v. a.* Tàth.
SPLINT, *s.* 1. A fragment of wood : spealg, sgealb. 2. to hold the bone newly set : sliseag, spealt.
SPLINTER, *s.* 1. A fragment : sgealb, spealg, bloigh. 2. a thin piece of wood : spealt, sliseag.
SPLINTER, *v. a.* Spealg, sgealb, spealt, bruan, bris.
SPLIT, *v. a. et n.* 1. Cleave, rive : sgoilt, srachd. 2. divide, part : roinn, sgar, dealaich. 3. dash and break on a rock : bris, bruan, spealg. 4. burst in sunder : srachd, sgoilt, sgàin.
SPLITTER, *s.* Fear-sgoltaidh, fear-srachdaidh.
SPLUTTER, *s.* Eachrais, aimhreit, buaireas, ùprait.
SPOIL, *v. a. et n.* 1. Seize by robbery : spùinn, spùill, creach. 2. corrupt, mar : bròcail, mill, truail, cuir a dholaidh. 3. practise robbery or plunder : bi creach, dean spùinneadh. 4. grow useless : rach a dholaidh.
SPOIL, *s.* 1. Plunder, booty : spùinneadh, spùilleadh, creach, cobhartach, faobh. 2. the act of robbery, waste : creach, spùinneadh, spùilleadh. 3. cause of corruption : milleadh, truailleadh.
SPOILER, *s.* Spùinneadair, fear-millidh, dìth-mhilltear, fear-creich.
SPOKE, *s.* Tarsannan, tarsnan.
SPOKESMAN, *s.* Fear-labhairt.
SPOLIATE, *v. a.* Creach, spùinn, spùill.
SPOLIATION, *s.* Creach, spùinneadh, spùilleadh, faobh.
SPONGE, *s.* Spong, cluan, fàisgein.
SPONGE, *v. a. et n.* 1. Blot : dubh a mach, glan air falbh. 2. drain, squeeze : fàisg. 3. suck in as a sponge : sùigh, sùgh.
SPONGINESS, *s.* Còsachd.
SPONGY, *adj.* Spongach, còsach, uisgidh.

SPONK, *s.* Cailleach-spuing.
SPONSOR, *s.* Urras, fear-urrais, goistidh.
SPONTANEITY, *s.* Deòin, saor-thoil, gean maith.
SPONTANEOUS, *adj.* Toileach, deònach, saor-thoil-each.
SPONTANEOUSLY, *adv.* See Spontaneous.
SPOOL, *s.* Iteachan.
SPOON, *s.* Spàin.
SPOON, *v. n.* Seòl leis a' ghaoth.
SPOONFUL, *s.* Làn-spàine.
SPOONMEAT, *s.* Biadh-spàine.
SPOONWORT, *s.* See Scurvy grass.
SPORT, *s.* 1. Sport, diversion: àbhachd, fala-dhà, fearas-chuideachd, ealaidh, eluich. 2. contemptuous mirth: magadh, culaidh-bhùird, aobhar-ghàire. 3. play: cluich. 4. of the field: sealgaireachd, eunach, iasgach, sealg.
SPORT, *v. a. et n.* 1. Make merry: cluich, mìr, dean mire. 2. by any kind of play: cluich, dean iomairt. 3. frolic: eluich, dean mire. 4. trifle: dean àbhachd do, cuir gu faoin.
SPORTFUL, *adj.* 1. Acting in jest: mear, sùgach, cleasach. 2. ludicrous: àbhachdaeh, cridheil.
SPORTFULLY, *adv.* See Sportful.
SPORTIVE, *adj.* Cridheil, sunndach, mear, cleasach, sùgach, buiceiseach.
SPORTIVENESS, *s.* Cridhealas, mire, mearentas, cleasaich, sunnd.
SPORTLESS, *adj.* Gun àbhachd, gun cheòl-gaire.
SPORTSMAN, *s.* Sealgair, eunadair, giùmanach.
SPOT, *s.* 1. A blot: ball, smal. 2. a taint, disgrace: masladh, tàmailt, meang, coire, aisg, gaoid. 3. a small place: ball. 4. upon the *spot*: an làrach nam bonn.
SPOT, *v. a.* 1. Mark with discolorations: ballaich breac, conharraich le buill. 2. patch: breac. 3. corrupt, taint: truail, mill, salaich.
SPOTLESS, *adj.* Glan, gun bhall, gun smal, gun sal, neo-thruailidh.
SPOTLESSNESS, *s.* Neo-chiontachd, glaine.
SPOTTY, *adj.* Ballach, breac.
SPOUSAL, *adj.* Pòsachail, maraisteach.
SPOUSE, *s.* Céile, fear, no bean phòsda.
SPOUSELESS, *adj.* Gun chéile, gun fhear, no, bhean phòsda.
SPOUT, *s.* 1. A pipe, or mouth of a pipe or vessel: feadan, srùb, srùlag, pìob, goc, spùt. 2. a cata-ract: eas, spùt, steall.
SPOUT, *v. a. et n.* 1. Pour with violence or in a collected body: spùt, steall, taom. 2. pour out words: labhair gu h-àrd-ghloireach. 3. issue: dòirt, taom, spùt.
SPRAIN, *v. a.* Siach, sguch, snìomh, dean elisgeadh fèithe.
SPRAIN, *s.* Siachadh, sguchadh, snìomh, clisgeadh fèithe.
SPRAT, *s.* Sàrdail, bricein, garbhag.
SPRAWL, *v. n.* Snàig, èalaidh.
SPRAY, *s.* 1. Extremity of a branch: bàrt phreas, fiùran, maothan. 2. of the sea: cathadh-fairge.
SPREAD, *v. a. et n.* 1. Extend, expand: sgaoil, sin a mach. 2. cover over: còmhdaich thairis.

3. stretch, extend: sin, sgaoil. 4. publish, divulge: cuir an céill, foillsich, sgaoil. 5. extend or expand itself: sgaoil, leudaich.
SPREAD, *s.* 1. Extent, compass: farsuingeachd, leud. 2. expansion of parts: sgaoileadh, sineadh.
SPREADER, *s.* Fear-sgaoilidh, fear-foillseachaidh.
SPREADING, *s.* Sgaoileadh, sineadh a mach.
SPRIG, *s.* 1. A small branch: fiùran, maothan, faillean, bileag. 2. a nail without a head: tacaid shàlach.
SPRIGGY, *adj.* Fiùranach, failleanach, meanganach, bailleagach.
SPRIGHT, *s.* 1. Spirit, shade: spiorad, taibhs, tannasg, màilleachan, luspardan, tàcharan. 2. power which gives cheerfulness or courage: spiorad, misneach.
SPRIGHFUL, *adj.* Beothail, smiorail, misneachail, gleusta.
SPRIGHFULLY, *adv.* See Sprightly.
SPRIGHFULNESS, *s.* Smioralachd, beothalachd, sunndachd, cridhealas, meanmnachd, cruitealachd.
SPRIGHTLY, *adj.* Beothail, cridheil, sunndach, smiorail, suilbhi.
SPRING, *v. a. et n.* 1. Start game: cuir faoghaid, gluais, caraich, dùisg. 2. produce quickly: dean gu grad, dean an cabhag. 3. make by starting, applied to a ship: sgag, sgàin. 4. pass by leaping: leum. 5. arise out of the ground: éirich, fàs, einnich. 6. from seed: einnich, fàs, thig gu bith. 7. come into existence: thig gu bith, thig a mach. 8. arise: éirich, thig 's an t-sealladh, thig am fradhare. 9. from ancestors, or country: éirich, thig a mach. 10. grow, thrive: einnich, fàs suas. 11. bound, leap: leum, thoir sùrdag. 12. fly with elastic power: briosg, leum. 13. from a fountain: sruth, sil.
SPRING, *s.* 1. The vernal season: earrach. 2. elastic force: sùbailteachd. 3. a bound: leum, sùrdag, sinteag. 4. a leak: sgagadh, sgàineadh. 5. a fountain: fuaran, tobar. 6. a source: tobar, aobhar, mathair-aobhair. 7. beginning: toiseach, tùs. 8. a plant: fiùran, faillean.
SPRINGE, *s.* Painntear, ribe, gòisne.
SPRINGE, *v. a.* Rib, painntirich, painntrich.
SPRINGHEAD, *s.* Ceann, tobar.
SPRINGINESS, *s.* Sùbailteachd.
SPRINGING, *s.* Fàs, cinneachadh.
SPRINGLE, *s.* Dùl, ribe.
SPRINGTIDE, *s.* Reothart, reothairt.
SPRINGY, *adj.* Sùbailte, leumnaeh, lùbach.
SPRINKLE, *v. a.* 1. Scatter: sgap, sgaoil. 2. besprinkle: crath, srad.
SPRINKLING, *s.* Crathadh, sradadh, sgaoileadh, sgiotadh.
SPRIT, *v. n.* Fàs, einn.
SPRIT, *s.* Fiùran, maothan, faillean.
SPRITSAIL, *s.* Seòl-spreòid, seòl-toisich.
- VERTEX, s.** 1. Zenith: àird' an speur. 2. the top of any thing: mullach, binnean.
- VERTICAL, adj.** Direach os ceann.
- VERTICALLY, adv.** An druim an adbair.
- VERTIGINOUS, adj.** 1. Rotatory: rothach, cuairsg-each. 2. giddy: tuainealach, timchiollach, siùdanach.
- VERTIGO, s.** Tuaineal, tuaicheal, stùird, stùirdean.
- VERVAIN, s.** Trom-bhad.
- VERY, adj.** Fìor, ceart. *That very hour*: a' cheart uair sin.
- VERY, adv.** Ro, gu fìor, gu mòr, glé.
- VESICLE, s.** Leus, bolg, builgein.
- VESICULAR, adj.** Còsach.
- VESPER, s.** Reul an fheasgair.
- VESPERS, s.** Urnuigh fheasgair.
- VESSEL, s.** Soitheach, eathar.
- VEST, s.** Peiteag, peitean, aodach cuim.
- VEST, v. a.** 1. Dress, enrobe: éid, sgeadaich, còmhdaich. 2. invest with: cuir an seilbh, suidhich.
- VESTAL, s.** Cailleach-dhubh, maighdean, òigh.
- VESTAL, adj.** Maighdeanail.
- VESTIGE, s.** Aile, lorg, combarradh.
- VESTMENT, s.** Aodach, sgeadach, trusgan, culaidh, earradh.
- VESTRY, s.** 1. A room for the sacerdotal garments: seòmar na culaidh. 2. a parochial assembly: coinnceamh fhoirfeach.
- VESTURE, s.** Trusgan, carradh, aodach, culaidh.
- VETCH, s.** Peasair-chapuil, peasair-fhionain, peasair luchag, fiat-ghal.
- VETERAN, s.** Sean laoch, sean saighdear.
- VEX, v. a. et n.** 1. Plague, torment: dorranaich, léir, pian, cràidh. 2. disturb, disquiet: buair, léir, pian, cràidh. 3. trouble with slight provocations: buair, pian, léir, cuir dragh air, sàruich, sgithich. 4. fret: bi frionasach, bi frithearra.
- VEXATION, s.** 1. The act of troubling: léireadh, buaireadh, sàruchadh. 2. uneasiness, sorrow: léireadh, aineadas, buaireadh, aimheal, dorrann, cùr-
- adh, farran, àmhghar. 3. a slight teasing trouble: dragh, trioblaid.
- VEXATIOUS, adj.** 1. Afflictive, troublesome: dorrannach, farranach, buaireasach, àmhgharach. 2. full of trouble: trioblaidach, iomaguineach. 3. teasing: draghail, trioblaidach.
- VEXATIOUSLY, adv.** See Vexatious.
- VEXATIOUSNESS, s.** Farran, dorrann, aineadas.
- VENER, s.** Buaireadair, fear-sàruchaidh.
- UGLILY, adv.** See Ugly.
- UGLINESS, s.** 1. Deformity, contrariety to beauty: grànndead, grànnde, duaichneachd. 2. turpitude: gràinealachd, déisinneachd.
- Ugly, adj.** Grannda, duaichnidh, déisinneach.
- VIAL, s.** Soitheach gloine, searrag.
- VIAND, s.** Lòn, biadh deasaichte.
- VIATICUM, s.** Lòn-turuis, biadh-siubhail.
- VIBRATE, v. a. et n.** 1. Brandish: crath, luaisg, turamanaich, crith. 2. make to quiver: trì-buail. 3. play up and down: bi air chrith, seòg. 4. quiver: trì-buail.
- VIBRATION, s.** Luasgadh, crathadh, trì-bualadh.
- VIBRATORY, adj.** Seògach, a' trì-bualadh.
- VICAR, s.** 1. The incumbent of an appropriated or impropriated benefice: comh-arba. 2. a substitute: fear-ionaid.
- VICARAGE, s.** Beathachadh chomh-arba.
- VICARIOUS, adj.** An riochd, an ionad.
- VICARSHIP, s.** Dreuchd chomh-arba.
- VICE, s.** 1. Depravity of manner: dubhailc, aingidheachd, coirpeachd. 2. a fault, an offence: lochd, droch-bheart, coire. 3. a kind of small iron press: greimich, glamar. 4. grasp: greim.
- VICEGERENT, s.** Fear-ionaid.
- VICEROY, s.** Fear-ionaid rìgh, mòr-uachdaran.
- VICINAGE, s.** Coimhearsnachd, nàbuidheachd.
- VICINAL, adj.** Dlùth, teann air.
- VICINITY, s.** 1. Nearness: foguisge, foguisgead. 2. neighbourhood: coimhearsnachd, nàbuidheachd.
- VICIOUS, adj.** Dubhailceach, dò-bheartach, coiripidh, olc, droch-mhuinnt.
- VICIOUSLY, adv.** See Vicious.
- VICISSITUDE, s.** Atharrachadh, caochladh, mùthadh, tionndadh.
- VICTIM, s.** 1. A sacrifice: ìobairt, tabhartas. 2. something destroyed: neach air a chlàrradh.
- VICTOR, s.** Buadhair, buadhaiche, gaisgeach, curaidh.
- VICTORIOUS, adj.** Buadhach, buadhmhor, caitbreamaich, cosgarra.
- VICTORIOUSLY, adv.** See Victorious.
- VICTORIOUSNESS, s.** Buadhachas.
- VICTORY, s.** Buaidh, caitbream, buaidh làrach, cosgarachd.
- VICTUAL, } s. Biadh, lòn, teachd-an-tìr, beathanan,**
VICTUALS, } biotailt, biotailte.
- VICTUAL, v. a.** Solair lòn, biadh, trus biadh.
- VICTUALLER, s.** Fear-solair lòn, trusaiche.
- VIDELICET, adv.** Eadhon, 's e sin rì ràdh.
- VIDUITY, s.** Bantachas.
- VIE, v. a. et n.** 1. Stake, wager: cuir geall. 2.

- contest, contend : cuir strì, dean spàirn, gleachd ri.
- VIEW, v. a. et n.** 1. Survey : beachdaich air, dearc, seall. 2. see, perceive by the eye : seall, amhairc, faic.
- VIEW, s.** 1. Prospect : sealladh, fradharc. 2. power of beholding : sealladh, fradharc, léirsinn. 3. intellectual sight : beachd, amharc. 4. act of seeing : faicinn. 5. survey, examination by the eye : beachdachadh. 6. appearance : sealladh, aogas. 7. prospect of interest : dùil. 8. intention, design : rùn.
- VIEWER, s.** Fear-amhairc, beachdair.
- VIGIL, s.** 1. Watch, devotions performed in the customary hours of rest : aodhradh oidhche, ùrnuigh oidhche. 2. a fast kept before a holiday : trasg. 3. forbearance of sleep : faire, caithris.
- VIGILANCE, } s.** 1. Forbearance of sleep : faire, **VIGILANCY, }** caithris. 2. watchfulness, circum-
spection : furachas, furachras, aire, faicill. 3. guard, watch : faire, dìon.
- VIGILANT, adj.** Fùrachail, faicilleach, aireach, air-eachàil, caithriseach.
- VIGILANTLY, adv.** See Vigilant.
- VIGOROUS, adj.** Neartmhor, beothail, làidir, calma, greimeil.
- VIGOROUSLY, adv.** See Vigorous.
- VIGOUR, s.** 1. Force, strength : spionnadh, neart, làidreachd, lùth, treis. 2. mental force : comas, cumhachd. 3. energy, efficacy : éifeachd, tàbhachd, beothachd, beothantachd.
- VILE, adj.** 1. Base, mean, worthless : suarach, diblidh, tàireil. 2. morally impure, wicked : truaillidh, gràineil, dubhailceach.
- VILELY, adv.** See Vile.
- VILENESS, s.** 1. Baseness, meanness : suaraichead, suarachas, tàirealachd. 2. moral or intellectual baseness : gràinealachd, truaillidheachd.
- VILIFY, v. a.** 1. Debase, degrade : islich, dean tàireil, dean suarach. 2. defame, make contemptible : maslaich, mi-chliùthaich, càin, cùl-chàin.
- VILLA, s.** Baile duin' uasail, tigh samhraidh.
- VILLAGE, s.** Baile beag, frith-bhaile, baile dùthcha, clachan.
- VILLAGER, s.** Fear baile bhig, fear frith-bhaile.
- VILLAIN, s.** 1. A servant : òglach, fear-muinntir. 2. a wicked wretch : crochair, slaightear.
- VILLANAGE, s.** Tràillealachd.
- VILLANOUS, adj.** Suarach, olc, aingidh, gràineil, slaightearach.
- VILLANOUSLY, adv.** See Villanous.
- VILLANY, s.** 1. Wickedness, baseness : aingidheachd, slaight, slaightearachd, gràinealachd, truaillidheachd. 2. a wicked action, a crime : ciont, lochd, dòbheart.
- VILLOUS, adj.** Ròmach, molach, giobach, caitein-each.
- VINCIBLE, adj.** So-cheannsachaidh, so-chlaidh.
- VINDICATE, v. a.** 1. Justify, support : fireanaich, taic, cum cothrom ri, gabh a leisgeul, tagair. 2. revenge : dìoghail, thoir a mach aicheamhal. 3. assert, claim with efficacy : tagair. 4. protect from censure : saor, fireanaich.
- VINDICATION, s.** Dìon, tagradh, fìreanachadh.
- VINDICATOR, s.** Fear-fìreanachaidh, tagradair, leisgeulaiche, fear-dìona.
- VINDICATORY, adj.** 1. Punitive : dìoghaltach, peanasach. 2. defensory, justificatory : a' fìreanachadh, leisgeulach.
- VINDICTIVE, adj.** Dìoghaltach, gamhlasach, dibheargach.
- VINDICTIVELY, adv.** See Vindictive.
- VINE, s.** Fìonan, fìonain, craobh-fhìona, crann-fìona.
- VINEGAR, s.** Fìon-guer.
- VINEPRESS, s.** Fìon-amar, fìon-fhàisgein.
- VINEYARD, s.** Fìon-lios, gàradh-fìona, fineambuinn, fìonan.
- VINTAGE, s.** Foghar nam fìon-dhearc, àm tionail, nam fìon-chaor.
- VINTNER, s.** Fear-reic fìona, òsdair, òsd-fhear.
- VIOL, s.** See Violin.
- VIOLABLE, adj.** So-chiùrraidh, so-bhrisidh.
- VIOLATE, v. a.** 1. Injure, hurt : ciùrr, dochainn. 2. infringe : bris. 3. ravish : éignich, thoir air éigin.
- VIOLATION, s.** 1. Infringement or injury of something sacred or venerable : briseadh. 2. rape : éigneachadh, truaillidheachd.
- VIOLATOR, s.** 1. One who injures or infringes something sacred : fear-brisidh. 2. a ravisher : fear-éigneachaidh.
- VIOLENCE, s.** 1. Force : spionnadh, neart. 2. an attack, an assault : ionnsuidh, droch ionnsuidh. 3. outrage, unjust force : ainneart, fòirneart. 4. eagerness, vehemence : déine, braise, fòirneart. 5. injury, infringement : ciorram, dochann, coire. 6. forcible defloration : éigneachadh, truaillidheachd.
- VIOLENT, adj.** 1. Forcible, acting with strength : làidir, neartmhor. 2. assailant, acting by force : fòirneartach, ainneartach. 3. unseasonably vehement : dian, bras, ceann-làidir, garg. 4. extorted, not voluntary : aindeonach, fòirneartach.
- VIOLENTLY, adv.** See Violent.
- VIOLET, s.** Fail-chuach.
- VIOLIN, s.** Fiodhull, cruit.
- VIPER, s.** Nathair-nimhe, beithir.
- VIPEROUS, adj.** Nimheil, nimhneach.
- VIRAGO, s.** Baobh, bana-ghaisgeach, bean cheannasach.
- VIRGIN, s.** 1. A maid : maighdean, òigh, ainmir. 2. the sign of the zodiac in which the sun is in August : reul na maighdin 's a' ghréin-chrios. 3. virgin honey : mil fhìor-ghlan.
- VIRGIN, adj.** Maighdeanail, banail, beusach, òigheil.
- VIRGINAL, adj.** Maighdeanail, òigheil, beusach, banail, haiddidh.
- VIRGINAL, s.** Òigh-cheòl, ceòl maighdin.
- VIRGINITY, s.** Maighdeanas, òigheachd.
- VIRILE, adj.** 1. Belonging to man : fearail, a bhuneas do dh' fhirionnach. 2. procreative : siolmhor.
- VIRILITY, s.** 1. Manhood : firionnachd, fearalachd, duineadas, duinealachd. 2. power of procreation : gineamhuinn, siolmhorachd.

- VIRTUAL**, *adj.* Brìgheil, feartach.
VIRTUALLY, *adv.* See Virtual.
- VIRTUE**, *s.* 1. Moral goodness: subhailc, deadhbheus. 2. medicinal quality: feart, éifeachd, buaidh. 3. efficacy: éifeachd, cumhachd. 4. acting power: cumhachd, feart. 5. bravery, valour: misneach, cruadal. 6. that which gives excellence: òirdheirceas, maitheas.
- VIRTUELESS**, *adj.* 1. Wanting virtue: mi-bheusach, droch-bheartach. 2. not having efficacy: neo-éifeachdach, neo-thàbhachdach.
- VIRTUOSO**, *s.* Ollamh, fear ionnsuichte, fear eòlach.
- VIRTUOUS**, *adj.* 1. Morally good: subhailceach, deadhbheusach, beusach. 2. chaste: geamnuidh, beusach, banail. 3. efficacious, powerful: éifeachdach, feartach, cumhachdach. 4. having medicinal qualities: feartach, slàinteil, iocshlainteach.
- VIRTUOUSLY**, *adv.* See Virtuous.
- VIRULENCE**, } *s.* Gamhlas, nimhneachd, droch-
VIRULENCY, } mhuinteachd, mì-fun.
- VIRULENT**, *adj.* 1. Poisonous, venomous: puinn-sionach, nimheil. 2. poisoned in the mind, bitter: nimheil, gamhlasach, mì-funach.
- VIRULENTLY**, *adv.* See Virulent.
- VISAGE**, *s.* Gnùis, aodann, aogas, tuar.
- VISCERATE**, *v. a.* Thoir am mionach á.
- VISCID**, *adj.* Tiugh, glaodhach, rìghinn, leanailteach.
- VISCOUNT**, *s.* Mor-fhear.
- VISCOUNTESS**, *s.* Ban-mhor-fhear.
- VISCOUS**, *adj.* Rìghinn, leanailteach, glaodhach.
- VISIBILITY**, *s.* Sealladh, faicsinn, léirsinneachd, soilleireachd.
- VISIBLE**, *adj.* Soilleir, folluiseach, faicinneach, faicsinneach, so-fhaicsinn.
- VISIBLY**, *adv.* See Visible.
- VISION**, *s.* 1. Sight, the faculty of seeing: fradharc, léirsinn, sealladh. 2. the act of seeing: faicinn, faicsinn, sealltuinn. 3. a spectre, a phantom: sealladh, taibhs, tannasg. 4. a dream: brудар, aisling, taisbean.
- VISIONAL**, *adj.* Taisbeanach, mar aisling.
- VISIONARY**, *adj.* Taisbeanach, faoin, mac-meanmach.
- VISIONARY**, *s.* Aislingiche, brударaiche, fear-mic-meanmna.
- VISIT**, *v. a. et n.* 1. Go to see: rach a dh' fhaicinn, dean guth. 2. (in scriptural language): fiosraich. 3. salute with a present: rach a dh' fhaicinn, rach a choimhead. 4. come to a survey with judicial authority: rannsaich, rach a cheasnachadh. 5. keep up the intercourse of ceremonial salutations at houses: tadhail, taoghail.
- VISIT**, *s.* Céilidh, aoidheachd, cuairt, farail.
- VISITANT**, *s.* Fear-céilidh, cuairtear, fear-tathaich, aoidh.
- VISITATION**, *s.* 1. The act of visiting: taoghal, faicinn. 2. judicial visit: cuairt rannsachaidh, ceasnachadh. 3. sent by God: fiosrachadh, breitheanas. 4. of divine love: fiosrachadh.
- VISITER**, } *s.* 1. One who comes to see another:
VISITOR, } fear-céilidh, fear-tathaich, aoidh. 2.
- an occasional judge: fear-rannsachaidh, fear-amhairc.
- VISITING**, *s.* Taoghal, céilidh.
- VISOR**, *s.* 1. A mask: cidhis. 2. a movable part in the front of a helmet to protect the upper part of the face: sgiath-bathais, cidhis, sgáil-bréige.
- VISTA**, *s.* Sealladh caol.
- VISUAL**, *adj.* Léirsinneach, faicsinneach.
- VITAL**, *adj.* Beothail, beathail, a bhuneas do bheatha.
- VITALITY**, *s.* Beathalachd, beothalachd.
- VITALLY**, *adv.* See Vital.
- VITALS**, *s.* Buill na beatha.
- VITIATE**, *v. a.* Truail, salaich, mill, cuir a dholaidh.
- VITIATION**, *s.* Truailleadh, milleadh, salchadh.
- VITIOUS**, *adj.* See Vicious.
- VITIOUSLY**, *adv.* See Viciously.
- VITIOUSNESS**, *s.* 1. Corruptness: coiriptheachd, truailleadh, aingidheachd. 2. depravation: truailleadh, milleadh.
- VITRIFICATION**, *s.* Tionndadh gu gloine.
- VITRIFY**, *v. a. et n.* 1. Change into glass: tionndaidh gu gloine, dean 'n a ghloine. 2. become glass: fàs 'n ad ghloine.
- VITRIOL**, *s.* Uisge nimhe, uisge loisgeach.
- VITRIOLIC**, *adj.* Mar uisge nimhe, mar uisge loisgeach.
- VIVACIOUS**, *adj.* 1. Long-lived: buan, fad-shaogalach. 2. spritely, gay: beothail, deò, smiorail, snìlbhair, cridheil, sunndach.
- VIVACITY**, *s.* 1. Liveliness, spriteliness: beothalachd, beathalachd, smioralachd. 2. longevity: aosmhorachd, beatha fhada.
- VIVID**, *adj.* 1. Lively, quick, striking: boillsgeanta, boillsgeil. 2. spritely, active: beathail, beothail, beò, siniorail, grad.
- VIVIDLY**, *adv.* See Vivid.
- VIVIDNESS**, *s.* Beathalachd, beothalachd, graide, soilleireachd.
- VIVIFY**, *v. a.* Beothaich, thoir beatha, cuir beath' ann.
- VIXEN**, *s.* Baobh, neach danarra, crosda.
- VIZ**, *adv.* 'Se sinn 'i' a ràdh, eadhon.
- VIZARD**, *s.* Cidhis.
- ULCER**, *s.* Creuchd, cneadh, iongrachadh, cnàmhuin.
- ULCERATE**, *v. a. et n.* 1. Disease with sores: thoir iongrachadh air. 2. turn to an ulcer: iongrach, leannaich, steinlich.
- ULCERATION**, *s.* 1. The act of breaking into ulcers: iongarachadh, iongrachadh, leannachadh, steinleachadh. 2. ulcer: creuchd, cneadh, iongrachadh.
- ULCERED**, *adj.* Iongraichte, iongaraichte, steinlichte, leannaichte.
- ULCEROUS**, *adj.* Creuchdach, neasgaideach, otharach.
- ULIGINOUS**, *adj.* Salach, clàbarach, fèitheach, sleamhuinn.
- ULTERIOR**, *adj.* Air an taobh thall.
- ULTIMATE**, *adj.* Deireannach, air deireadh.
- ULTIMATELY**, *adv.* Mu dheireadh, air dheireadh na cùise.
- ULTRAMARINE**, *adj.* Tairlearach.

ULTRONEOUS, *adj.* Deònach, toileach, fe saor thoil.
 UMBELLATED, *adj.* Cluigeineach, bagaideach.
 UMBER, *s.* Dath dorch.
 UMBILICAL, *adj.* Iomlagach.
 UNBO, *s.* Cop, cnap sgèithe.
 UMBRAGE, *s.* 1. Shade : sgàil, sgàileag, dubhar. 2. shadow, appearance : sgàile, faileas, faileus. 3. resentment, offence : oilbheum, mìothlachd, diomb.
 UMBRELLA, *s.* Fasgadan, sgàileagan.
 UNPIRAGE, *s.* Réiteachadh, deanamh réidh.
 UMPIRE, *s.* Fear-réite, breitheamh.
 UN, *particle.* Neo, mi, eu, an, do.
 UNABLE, *adj.* Neo-chomasach.
 UNACTIVE, *adj.* 1. Not brisk : neo-smiorail, neo-bheothail. 2. having no employment : neo-ghnìomhach. 3. not busy : neo-shùrdail.
 UNANIMITY, *s.* Aon-toil, aon-inntinn, aontachd.
 UNANIMOUS, *adj.* Aon-inntinneach, aon-sgeulach.
 UNANIMOUSLY, *adv.* See Unanimous.
 UNAPPLICABLE, *adj.* Neo-fhreagarrach, mi-fhreagarrach.
 UNAPPREHENSIVE, *adj.* 1. Not ready of conception : neo-gheur, neo-ghrad. 2. not suspecting : neo-amharusach.
 UNAPPROPRIATED, *adj.* Neo-fhreagarrach.
 UNAPT, *adj.* 1. Dull : neo-gheur, neo-ghrad cearb-ach. 2. not ready : neo-ullamh. 3. unfit, unproper : neo-chubhaidh, neo-fhreagarrach.
 UNATTAINABLE, *adj.* Do-rùigheachd, thar comas, do-rùigsinn.
 UNAVOIDABLE, *adj.* Do-sheachnadh, nach gabh seachnadh.
 UNAWARE, } *adv.* Gun fhios, gun fhaireachadh, gu
 UNAWARES, } h-obann, gu grad.
 UNAWED, *adj.* Neo-ghealtach, neo-sgàthach, gun eagal, gun fhiamh.
 UNBAR, *v. a.* Fosgail, thoir an crann dheth.
 UNBECOMING, *adj.* Mi-chiatach, mi-iomchuidh, neo-chiatach, neo-thlachdmhor.
 UNBELIEF, *s.* 1. Incredulity : mi-chreideas, mi-chreidimh. 2. infidelity : ana-creidimh, mi-chreidimh.
 UNBEHELD, *adj.* Neo-fhaicsinneach.
 UNBELIEVER, *s.* Ana-creidmheach, mi-chreidmheach.
 UNBELIEVING, *adj.* Mi-chreidmheach.
 UNBEND, *v. a.* 1. Free from flexure : dìrich, lasaich. 2. set at ease for a time : lasaich, fuasgail.
 UNBID, } *adj.* 1. Uninvited : gun chuireadh,
 UNBIDDEN, } gun iarraidh. 2. spontaneous : deòn-ach, o shaor thoil.
 UNCEASING, *adj.* Daonnan, gun sgur, gun stad.
 UNCERTAIN, *adj.* Neo-chinnteach, neo-fhiosrach, teagamhach, neo-shuidhichte.
 UNCERTAINTY, *s.* 1. Dubiousness, want of knowledge : neo-chinnteach, neo-chinnteachd. 2. inaccuracy : mearachd, neo-chinnteachd. 3. something unknown : ni neo-chinnteach.
 UNCHANGEABLE, *adj.* Neo-chaochlaideach, bunait-each, dìongmhalta.
 UNCHANGEABLENESS, *s.* Neo-chaochlaideachd.
 UNCHARITABLE, *adj.* Mi-sheirceil, mi-chneasda.

UNCHARITABLENESS, *s.* Mi-sheirc, mi-sheirceilachd, mi-chneasdachd.
 UNCHASTE, *adj.* Mi-ghcamnuidh, neo-gheamnuidh.
 UNCHRISTIAN, *adj.* Ana-criosdail, mi-dhiadhaidh.
 UNCLE, *s.* Bràthair athar, bràthair màthar.
 UNCLEAN, } *adj.* 1. Foul, dirty : salach, neo-ghlan, salach, truaillidh, peacach. 3. lewd, unchaste : neo-ghlan, druiseil, mi-gheamnuidh.
 UNCLEANLY, }
 UNCLEANLINESS, *s.* Neo-ghloine, neo-gheamnuidheachd.
 UNCLEANNESS, *s.* 1. Lewdness : neo-ghloine, neo-gheamnuidheachd. 2. want of cleanliness : mos-aiche, salachar, salacharachd. 3. sin, wickedness : neo-ghloine, aingidheachd, truaillidheachd.
 UNCOMELY, *adj.* Mi-bhòidheach, neo-bhòidheach, mi-dhàicheil, mi-dhealbhach.
 UNCOMFORTABLE, *adj.* 1. Affording no comfort, gloomy : truagh, an-shocrach, mi-shuaimhneach, docrach. 2. receiving no comfort, melancholy : mi-shuaimhneach, an-shocrach, mi-shona.
 UNCOMFORTABLY, *adv.* See Uncomfortable.
 UNCOMMON, *adj.* Neo-chumanta, neo-ghnàthach, do-ghnàthach.
 UNCOMMONNESS, *s.* Teircead, ainneamhachd.
 UNCONCERNED, *adj.* Neo-shuimeil, neo-thoirteil, coma, neo-umhailleach.
 UNCONFINED, *adj.* 1. Free from restraint : saor neo-cheangailte. 2. unbounded : neo-chrìoch-nach.
 UNCONSCIOUS, *adj.* Neo-fhiosrach, ain-eolach.
 UNCONSTANT, *adj.* Caochlaideach, mùiteach, neo-sheasmhach.
 UNCONSTRAINED, *adj.* Deònach, toileach.
 UNCONTESTABLE, *adj.* Dearbhta, nach gabh àich-eadh, soilleir, gun ag.
 UNCORRUPT, *adj.* Neo-thruaillidh, dìreach, treibhdhìreach ionraic, onorach.
 UNCORRUPTIBLE, *adj.* Neo-thruaillidh.
 UNCORRUPTNESS, *s.* Neo-thruaillidheachd, ionracas, treibhdhìreas.
 UNCOVER, *v. a.* 1. Divest of a covering : rùisg, tog còmhach. 2. deprive of clothes : rùisg. 3. strip off the roof : sgrath, rùisg. 4. shew openly : nochd, foillsich, leig ris. 5. bare the head : thoir dhìot do bhoineid.
 UNCTION, *s.* 1. The act of anointing : ungradh. 2. unguent, ointment : ungradh, ola, oladh. 3. extreme unction : ola bhàis.
 UNCTUOUS, *adj.* Reamhar, sleamhuinn.
 UNCULTIVATED, *adj.* 1. Not improved by tillage : fàs, gun treabhadh, gun àr. 2. not instructed : neo-ionnsuichte, neo-oileanaichte.
 UNCURL, *v. a. et n.* 1. Loose from ringlets : cuir á casadh. 2. fall from the ringlets : tuit á casadh, fàs dìreach.
 UNDAUNTED, *adj.* Neo-ghealtach, neo-eagalach, neo-sgàthach, misneachail.
 UNDER, *prep.* Fuidh, fo, fa. Under *him* : fodha. Under *sail* : fo sheòl. Under *them* : fodhpa.
 UNDER, *adj.* Ni 's lugha, ni 's ìsle.
 UNDER, *adv.* Fodha, sìos.

UNDERGO, *v. n.* 1. Suffer, endure evil: fuilg, giùlain. 2. sustain: giùlain, iomchair. 3. pass through: imich trid. 4. be subject to: bi fodha.

UNDERHAND, *adv.* O 's ìosal, gu dìomhair, gu cealgach.

UNDERHAND, *adj.* Dìomhair, carach, cealgach.

UNDERMASTER, *s.* Dara maighstir, frith-mhaighstir.

UNDERMINE, *v. a.* 1. Sap: cladhaich fuidh, toll fuidh, tochail fuidh. 2. injure by clandestine means: cladhaich fuidh, toll fuidh, cuir a mach.

UNDERMOST, *adj.* A 's ìsle a 's ìochdraiche, a 's faide gu h-ìosal.

UNDERNEATH, *adv.* Gu h-ìosal, 's an ionad ìochdrach.

UNDERNEATH, *prep.* Fuidh, fo, fa.

UNDERSTAND, *v. a. et n.* 1. Conceive with adequate ideas, comprehend: tuig. 2. know by experience: fairich, mothaich. 3. have the use of intellectual faculties: tuig, bi tuigseach. 4. be informed by another: tuig. 5. not to be ignorant, have learned: tuig, thoir faineas.

UNDERSTANDING, *s.* 1. Intellectual powers: tuigse, toinìg, ciall. 2. skill, knowledge: eòlas, tuigse. 3. intelligence, terms of communication: còrdadh, aon rùn.

UNDERSTRAPPER, *s.* Fear suarach, seirbhiseach neach ùile.

UNDERTAKE, *v. a. et n.* 1. Attempt, engage in: gabh fo 's làimh, oidhripich. 2. engage with, attack: feuch ri, thoir ionnsuidh air. 3. have the charge of: gabh cùram deth. 4. assume any business or province: gabh cùis ort, gabh o 's làimh. 5. venture: feuch. 6. promise: geall.

UNDERTAKER, *s.* 1. One who engages in projects and affairs: fear-gabhail o 's làimh, fear-gnothuich. 2. one who manages funerals: fear-cùmhuantachaidh air son tiodhlacaidh, adhlacanach.

UNDERTAKING, *s.* Gnothuich, cùis, oidhrip, gnìomh.

UNDERSERVING, *adj.* Neo-airidh, neo-thoilinneach.

UNDETERMINED, *adj.* Neo-chinnteach, neo-shuidhichte.

UNDIGESTED, *adj.* Neo-chnuasaichte.

UNDISCERNIBLE, *adj.* Neo-fhaicsinneach.

UNDISCIPLINED, *adj.* 1. Not subdued to regularity and order: neo-cheannsaichte, borb. 2. uninstructed: neo-ionnsuichte, neo-oileanaichte.

UNDISCREET, *adj.* Neo-ghlic, gòrach, mi-chiallach.

UNDISTINGUISHABLE, *adj.* Do-eadar-dhealachaidh, neo-shoilleir.

UNDISTINGUISHED, *adj.* 1. Not marked out so as to be known from each other: neo-sgairte, gun eadar-dhealachadh. 2. not to be seen otherwise than confusedly: dorch, neo-shoilleir. 3. not treated with any particular respect: neo-chomharrach, gun mhèas àraidh.

UNDO, *v. a.* 1. Ruin, bring to destruction: mill, sgrios, cuir a dholaidh. 2. loose, open: fosgail, fuasgail, leig saor. 3. change any thing done to its former state: dean air ais.

UNDONE, *adj.* 1. Not performed: neo-chrìochnaichte, neo-ionlan. 2. ruined: millte, air a chur a dholaidh, creachta.

UNDOUBTED, *adj.* Cinnteach, dearbhta, fìor, gun teagamh.

UNDRESS, *v. a.* 1. Divest of clothes: rùisg, neo-sgeadaich. 2. divest of ornaments: neo-sgeadaich, rùisg. 3. take off the dressing from the wound: rùisg.

UNDRESS, *s.* Trusgan maidne.

UNDUBITABLE, *adj.* Cinnteach, dearbhta, gun teagamh.

UNDULATION, *s.* Tonn, luasgadh, tulgadh, udal.

UNDUTEOUS, } *adj.* Neo-dhlìgheach, neo-dhleasdan-

UNDUTIFUL, } da, neo-dhleasdanach, mi-dhleasdanach, an-dlìgheach.

UNDUTIFULLY, *adv.* See Undutiful.

UNDUTIFULNESS, *s.* Neo-dhleasdanas, eas-ùmhachd, mi-dhleasdanas, mi-dhlìghe, an-dlìghe.

UNDYING, *adj.* Neo-bhàsmhor.

UNEASINESS, *s.* An-shocair, mi-shuaimhneas, docair.

UNEASY, *adj.* 1. Painful, giving disturbance: an-shocrach, mi-shuaimhneach, trioblaideach. 2. disturbed, not at ease: an-shocrach, mi-shuaimhneach, neo-shuaimhneach, mi-shocrach, àmhgharach. 3. constrained, stiff: leacanta. 4. peevish: frithearra, crosda, dreanganach.

UNEMPLOYED, *adj.* 1. Not busy, idle: neo-ghnìomhach, dìomhanach, dìomhain. 2. not engaged in any particular work: dìomhain, 'n a thàmh.

UNEQUAL, *adj.* 1. Not even: neo-chòmhnard. 2. not equal, inferior: neo-ionann. 3. partial: neo-chothromach, claon-bhreitheach. 4. disproportioned: neo-fhreagarach, mi-fhreagarach. 5. not regular: neo-riaghailteach.

UNEVEN, *adj.* 1. Not even, not level: neo-chòmhnard, garbh, neo-fèidh. 2. not suiting each other: neo-fhreagarach.

UNEXCEPTIONABLE, *adj.* Coimhlionta, iomlan, gun choire.

UNEXPERIENCED, *adj.* Aincolach, neo-eòlach, neo-chleachda.

UNFADING, *adj.* Neo-sheargta, neo-bhàsmhor, buan.

UNFAIR, *adj.* Neo-chothromach, neo-cheart.

UNFAIRNESS, *s.* Neo-chothrom, eu-cheart.

UNFAITHFUL, *adj.* 1. Perfidious, treacherous: mi-dhileas, neo-dhileas, cealgach ain-dileas. 2. impious: ain-diadhaidh, aingidh, coiripidh.

UNFAITHFULLY, *adv.* See Unfaithful.

UNFAITHFULNESS, *s.* Neo-dhìlse, neo-dhìlseachd, mi-dhìlseachd, cealgairachd.

UNFEELING, *adj.* An-ìochdmhor, neo-thruacanta, neo-mhìothachail, cruaidh-chridheach.

UNFEELINGNESS, *s.* Mi-thruacantachd, neo-thruacantas, an-ìochd, cruaidh-chridheachd.

UNFEIGNED, *adj.* Neo-chealgach, fìor, ceart, treibhdhreach.

UNFEIGNEDLY, *adv.* See Unfeigned.

UNFINISHED, *adj.* Neo-chrìochnaichte, neo-ionlan, neo-ullamb.

UNFIT, *adj.* Neo-fhreagarach, mi-fhreagarach, neo-chubhaidh, neo-ionchuidh.

UNFIXED, *adj.* 1. Wandering, vagrant: siùbhlach, luaineach, seabhaideach, seachranach. 2. not determined: neo-shuidhichte.

- UNFOLD, v. a.** 1. Expand: fosgail, thoir á 'fhill-eadh. 2. tell, declare: innis, aithris, cuir an céill. 3. discover, reveal: nochd, foillsich, taisbean.
- UNFORESEEN, adj.** Gun fhios, gun fhaicinn roimh làimh.
- UNFORTIFIED, adj.** Neo-dhaingnichte, gùn dìon, gun dìdean, gun tèarmunn.
- UNFORTUNATE, adj.** Neo-shona, mi-shona, mi-shealbhach, mi-fhortanach, anrathach.
- UNFORTUNATELY, adv.** See Unfortunate.
- UNGAINLY, adj.** Neo-chiatach, neo-thaitneach, cèarr.
- UNGENEROUS, adj.** Neo-uasal, spìocach, crìon, neo-fhialaidh.
- UNGODLINESS, s.** Mi-dhiadhachd, ain-diadhachd, neo-dhiadhaidheachd, aingidheachd.
- UNGODLY, adj.** Mi-dhiadhaidh, an-diadhaidh, neo-dhiadhaidh, aingidh.
- UNGRACIOUS, adj.** 1. Wicked, odious: gràineil, déisínneach. 2. offensive, displeasing: neo-thaitneach, neo-chiatach.
- UNGRATEFUL, adj.** Mi-thaingeil, neo-bhuidheach.
- UNGRATEFULNESS, s.** 1. Ingratitude: mi-thaingeachd, mi-thaing. 2. unacceptableness: mi-chiata.
- UNGUENT, s.** Ungadh, oladh.
- UNHALLOW, v. a.** Mi-ñaomhaich, truail, salaich.
- UNHALLOWED, adj.** Mi-ñaomha, mi-dhiadhaidh.
- UNHAPPY, adj.** Truagh, mi-shona, mi-fhortanach, mi-shealbhach.
- UNHARDY, adj.** Lag, fann, maoth, neo-chruadalach.
- UNHARMONIOUS, adj.** Neo-fhonnmhòr, neo-réidh.
- UNHEALTHFUL, adj.** Neo-fhallain, galarach, euslan, tinn.
- UNHOLINESS, s.** Mi-ñaomhachd, mi-dhiadhachd.
- UNHOLY, adj.** Mi-ñaomha, an-diadhaidh, mi-dhiadhaidh, aingidh.
- UNHOSPITABLE, adj.** Neo-aoidheil, coimheach, mosach.
- UNICORN, s.** Aon-adharcach, buabhall, buabhull.
- UNIFORM, adj.** Riaghailteach, aon-dealbhach, comh-ionann.
- UNIFORM, s.** Deise freiceadain.
- UNIFORMITY, s.** Riaghailteachd, comh-ionannachd.
- UNIFORMLY, adv.** See Uniform.
- UNINSPIRED, adj.** Neo-dheachdta leis an Spiorad.
- UNINTENTIONAL, adj.** Neo-rùnaichte, gun rùn suidhichte.
- UNINVITED, adj.** Gun chuireadh, gun iarraidh.
- UNION, s.** 1. The act of joining two or more so as to make them one: aonadh, aonachadh. 2. concord: còrdadh, comh-chòrdadh.
- UNIQUE, adj.** Gun choimeas, gun leth-bhreach.
- UNISON, s.** 1. A string that has the same sound with another: teud chomh-fhuaimneach. 2. an exact agreement of sound: coimh-cheòl, comh-fhuamnich, aon-ghuthach.
- UNIT, s.** Aon.
- UNITE, v. a. et n.** 1. Join two or more into one: aonaich. 2. make to agree: dean comh-chòrdach. 3. make to adhere: tàth, comh-thàth. 4. join: ceangail, ceangail i' a chèile. 5. join in act, concur: còrd, aontaich. 6. coalesce, be cemented: dlùthaich, gabh tàthadh. 7. grow into one: fàs mar aon.
- UNITY, s.** 1. The state of being one: aonach, aonadh. 2. concord: còrdadh, comh-chòrdadh, comh-aontachadh.
- UNIVERSAL, adj.** Uile, coitcheonn.
- UNIVERSAL, s.** Iomlan, uile-choitcheonn.
- UNIVERSALITY, s.** Iomlanachd, uileachd, uile-choitcheonnachd.
- UNIVERSALLY, adv.** See Universal.
- UNIVERSE, s.** Domhan, cruinne, cruinne cé.
- UNIVERSITY, s.** Àrd-sgoil, oil-thigh, àrd-cholaisde.
- UNJUST, adj.** Neo-cheart, eucorach, neo-chothromach.
- UNJUSTIFIABLE, adj.** Do-fhìreanachaidh, neo-feisgeulach.
- UNJUSTLY, adv.** See Unjust.
- UNKEPT, adj.** Neo-ghleidhte, neo-chumta, gun ghleidheadh, gun chumail.
- UNKIND, adj.** Mi-chaoimhneil, neo-bhàigheil, neo-chàirdeil, neo-thruacanta, mi-chaidreach, mi-chaidreachail.
- UNKINDNESS, s.** Mi-chaoimhneas, mi-chaomhalachd.
- UNKNOWN, adj.** Aineolach, neo-eòlach.
- UNKNOWN, adj.** Neo-aithnichte, neo-eòlach.
- UNLABOURED, adj.** 1. Not produced by labour: neo-shaothraichte, gun saothair. 2. voluntary: deònach, toileach.
- UNLADE, v. a.** Eutromaich, neo-luchdaich.
- UNLAID, adj.** Neo-shuidhichte, neo-chàirichte.
- UNLAWFUL, adj.** Neo-laghail, mi-laghail, neo-cheart, mi-dhligheach.
- UNLAWFULNESS, s.** Neo-laghalachd, mi-laghalachd, eucairteachd.
- UNLEARNED, adj.** Neo-ionnsuichte, neo-oileanaichte, neo-fhoghluinnte, neo-eòlach, aineolach.
- UNLEAVENED, adj.** Neo-ghoirtichte.
- UNLESS, conj.** Mur, mu 's e 's nach.
- UNLIKE, adj.** Neo-choslach, eu-cosmhui, ao-coltach.
- UNLIKELIHOOD, s.** Neo-choslachd.
- UNLIKELY, adj.** Neo-choslach, eu-cosmhui.
- UNLIKELY, adv.** See Unlikely, *adj.*
- UNLIKENESS, s.** Neo-choslachd, eu-cosmhalachd, eu-coltas.
- UNLIMITED, adj.** Neo-chrìochnach, gun cheann.
- UNLOAD, v. a.** Neo-luchdaich, cuir eachach dheth.
- UNLOCK, v. a.** Fosgail glas, fosgail.
- UNLOOSE, v. a.** Fuasgail.
- UNLUCKY, adj.** Mi-fhortanach, mi-shealbhach, mi-shona, tubaisteach.
- UNMADE, adj.** Neo-ullamh, neo-dhèanta.
- UNMERCIFUL, adj.** An-iochdmhòr, neo-thruacanta, neo-thròcaireach, an-tròcaireach.
- UNMERCIFULLY, adv.** See Unmerciful.
- UNMERCIFULNESS, s.** An-iòchd, neo-thròcaireachd, neo-thruacantachd, an-tròcaireachd.
- UNMERITED, adj.** Neo-thoilltinnach, neo-airidh.
- UNMINDFUL, adj.** Neo-chùramach, neo-shuimeil, neo-thoirteil, neo-umhailleach.
- UNMINGLED, } adj.** Neo-mheasgta, fìor-ghlan.
- UNMIXED, }**
- UNNECESSARY, adj.** Neo-fheumail.

UNOPENED, *adj.* Dùinte.
 UNPARALLELED, *adj.* Gun choimeas, gun leth-bhreac, barrail.
 UNPARDONABLE, *adj.* Nach fhaodar a mbathadh, domhathaidh.
 UNPARDONED, *adj.* Neo-mhathta, gun mhathadh.
 UNPLEASANT, *adj.* Neo-thaitneach, mi-thaitneach, mi-chiatach.
 UNPOLISHED, *adj.* 1. Not smoothed: neo-liomhta, neo-shnaidhte, neo-mhìnichte. 2. not civilized, not refined: neo-oileanaichte, neo-ghrinn.
 UNPOLITE, *adj.* Neo-ghrinn, mi-mhodhail, neo-shuairc, neo-shìobhalta.
 UNQUESTIONABLE, *adj.* Cinnteach, gun cheist, gun teagamh.
 UNREADY, *adj.* 1. Not prepared, not fit: neo-dheas, neo-uidheamaichte, neo-ullamh. 2. not prompt, not quick: neo-ghrad, mall, adhaiseach. 3. awkward: cearbach, neo-làmhchair.
 UNREASONABLE, *adj.* Mi-reusonta, mi-cheart.
 UNRELENTING, *adj.* Neo-thruacanta, neo-throcaireach, neo-bhàigheil, an-ìochdmhor, cruaidh-chridheach.
 UNRENEWED, *adj.* Neo-iompaichte.
 UNREPENTED, *adj.* Neo-aithreach, neo-aithreachail.
 UNRIGHTEOUSNESS, *s.* Neo-fhìreantachd, aingidheachd, mi-dhiadhachd, cas-ionracas.
 UNRIPE, *adj.* 1. Immature: anaibich, neo-abuich. 2. not seasonable: neo-amail, á àm. 3. too early: tràthail, ro luath.
 UNRULY, *adj.* Buairesach, mi-riaghailteach, aimhreiteach.
 UNSAVOURY, *adj.* 1. Tasteless: neo-bhlasda. 2. having a bad taste: domblasda. 3. having an ill smell: neo-chùbhraidh. 4. unpleasing, disgusting: neo-thaitneach, mi-chiatach.
 UNSEEN, *adj.* 1. Not seen, not discovered: gun fhaicinn, neo-fhaicsinneach. 2. invisible: neo-fhaicsinneach, do-fhaicinn. 3. unskilled: neo-eòlach, aineolach, neo-fhiosrach.
 UNSETTLED, *adj.* 1. Not determined: neo-shuidhichte, neo-shocraichte. 2. unequable, changeable: mùiteach, caochlaideach. 3. not established: neo-shuidhichte, neo-shocraichte, neo-stéidhichte. 4. not fixed in a place or abode: luaineach, sìubhlach, luasganach.
 UNSPEAKABLE, *adj.* Do-labhairt, do-innsidh, do-aithris.
 UNSPOTTED, *adj.* 1. Not marked with any stain: neo-shalach, gun bhall salchair. 2. immaculate: glan, ionraic, neo-lochdach.
 UNSTEADY, *adj.* 1. Inconstant, irresolute: neo-dhiongmhalta, luaineach, neo-shuidhichte. 2. mutable, changeable: mùiteach, caochlaideach, luaineach, luasganach. 3. not fixed: neo-shuidhichte, neo-dhaingean.
 UNTAINTED, *adj.* 1. Not sullied: neo-thruaillte, neo-shalach. 2. not charged with any crime: neo-lochdach, neo-mheangail. 3. not corrupted by mixture: neo-mheasgta.
 UNTIL, *adv.* Gus, gu.
 UNTIL, *prep.* Gus, gu, gu ruig.

UNTO, *prep.* Do, chun, chum, gu, a dh' ionnsuidh.
 UNTOWARD, } *adj.* 1. Froward, not easily guided.
 UNTOWARDLY, } ed or taught: dearrasach, rag, dùr. 2. awkward, ungraceful: cearbach, neo-shnasmhor. 3. inconvenient, troublesome: trioblaideach, aimlìgeach, draghail.
 UNTRUE, *adj.* 1. False, contrary to reality: breugach, ain-fhìor, neo-fhìor. 2. false, not faithful: mi-dhileas, meallta, claon.
 UNTRUTH, *s.* Breug, mealltaireachd, mealladh, sglèò.
 UNWARES, *adj.* Gu h-obann, gun fhios.
 UNWELCOME, *adj.* Neo-thaitneach, gun dith-beatha.
 UNWHOLESOME, *adj.* Neo-fhallain, neo-shlàinteil, grod, olc, mi-fhallain.
 UNWIELDINESS, *s.* Truime, lèdalachd, cudthrom.
 UNWIELDY, *adj.* Trom, ludurra, liobasta, mòr, lèdail.
 UNWILLING, *adj.* Neo-thoileach, neo-thogarrach, ain-deonach, leasg, an-toileach, mi-thogarrach.
 UNWILLINGLY, *adv.* See Unwilling.
 UNWILLINGNESS, *s.* Neo-thoilealachd, an-toil, ain-deoineachd.
 UNWORTHY, *adj.* 1. Not deserving, whether good or bad: droch-airidh, neo-thoilltinnach, neo-airidh. 2. wanting merit: mi-fhìù, mi-fhìùthail. 3. mean, worthless: suarach, gun fhiaich. 4. not suitable: neo-fhreagarrach, neo-chubhaidh, neo-iomchuidh.
 VOCABLE, *adj.* Focal, briathar.
 VOCABULARY, *s.* Foclair, leabhar fhocal, briathrachan.
 VOCAL, *adj.* Guthach, fonnmhor.
 VOCALITY, *s.* Labhairt, cainnt, guthmhorachd.
 VOCALLY, *adv.* See Vocal.
 VOCATION, *s.* 1. Calling by the will of God: gairm. 2. summons: gairm mòid. 3. trade: ceàird.
 VOCIFERATE, *v. a.* Glaodh, éigh, guthaich.
 VOCIFERATION, *s.* Glaodh, glaochaich, sgairtich, iollach.
 VOCIFEROUS, *adj.* Glaodhach, guthach, beucach, sgairteach.
 VOGUE, *s.* Fasan, nòs, cleachdadh, àbhaist, gnàths.
 VOICE, *s.* 1. By the mouth: guth, focal. 2. any sound made by breath: guth, fuaim. 3. vote: guth taghaidh. 4. language, words: cainnt, labhairt.
 VOICED, *adj.* Guthach.
 VOID, *adj.* 1. Empty, vacant: falamh, fàs, faoin. 2. vain, ineffectual: dìomhain, neo-éifeachdach, neo-thàbhachdach, dìomhain. 3. unsubstantial, unreal: faoin, faileusach.
 VOID, *s.* Falaimhe, falaimhead, ionad falamh.
 VOID, *v. a.* 1. Quit, leave empty: falmhaich, dean falamh. 2. pour out, emit: taom a mach, tilg a mach. 3. vacate, nullify: cuir air cùl.
 VOIDABLE, *adj.* So-chur air cùl.
 VOIDNESS, *s.* 1. Emptiness, vacuity: falaimhe, falaimhead. 2. nullity, inefficacy: neo-éifeachd, neo-thàbhachd.
 VOLATILE, *adj.* 1. Flying: iteach, ag iteach. 2. by spontaneous evaporation: tiormachail, gradthioram. 3. fickle, changeable: spioradail, beothail, luasganach, mùiteach, caochlaideach.
 VOLATILITY, *s.* 1. The quality of flying away by

evaporation : tiormachd. 2. mutability of mind : mùiteachd, luaineachd, iomluaths.

VOLCANO, *s.* Beinn theine, beinn a bhrùchdas teine.

VOLE, *s.* Buaidh iomlan.

VOLITION, *s.* Toil, rùn, deònachadh.

VOLLEY, *s.* 1. A flight of shot : fras pheileirean, lòd, comh-urchraichean, gunnaireachd, grìosach. 2. a burst : spreadhadh, gaoir, gàir.

VOLUBILITY, *s.* 1. The act or power of rolling : dol mu'n cuairt, cuartalan. 2. activity of tongue : Ionais, gobaireachd, briathrachas. 3. mutability : luaineachd, caochlaideachd, mùiteachd.

VOLUBLE, *adj.* 1. Formed so as to roll easily : rothach, so-rolaidh. 2. nimble, active (applied to the tongue) : ealanta, luath, siùhlach. 3. fluent of words : luath-bheulach, gobach, béileanach.

VOLUBLY, *adv.* See Voluble.

VOLUME, *s.* 1. Something rolled or convolved : rol, pasgan, cuairt. 2. a book : Icabhar, rol, rola.

VOLUMINOUS, *adj.* Rolach, ioma-rolach, iom-fhillteach.

VOLUMINOUSLY, *adv.* See Voluminous.

VOLUNTARILY, *adv.* See Voluntary.

VOLUNTARINESS, *s.* Deòntas, deòntachd.

VOLUNTARY, *adj.* Toileach, deònach, saor.

VOLUNTEER, *s.* Saighdear saoir thoile.

VOLUNTEER, *v. n.* Gabh airgid an rìgh, gabh 's an t-saighdearachd.

VOLUTUARY, *s.* Druisear, struidhear, fear-sòghail.

VOLUPTUOUS, *adj.* Feòlmhor, sòghmhor, druisel, macnusaich.

VOLUPTUOUSLY, *adv.* See Voluptuous.

VOLUPTUOUSNESS, *s.* Ana-measarrachd, feòlmhorachd, sògh, mi-stuamachd.

VOLUTATION, *s.* Aornagain, aonagail, roladh.

VOMIT, *v. a. et n.* 1. From the stomach : dìobhuir, sgeith, tilg a mach. 2. with violence : brùchd, sgeith.

VOMIT, *s.* 1. The matter thrown up : sgeith, dìobhuir, tilgeadh. 2. a medicine : purgaid-thilgidh, cungaidh-thilgidh, cliabh-sgeathrach.

VORACIOUS, *adj.* Cìocrach, gionach, glutach, Ionach, craosach.

VORACIOUSLY, *adv.* See Voracious.

VORACIOUSNESS, } *s.* Cìocras, gionachd, Ion, glamair-
VORACITY, } eachd, glutaireachd.

VORTEX, *s.* Cuartag, faochag, cuinneag-thuaitheil.

VORTICAL, *adj.* Cuairteach, cuairteagach, tuaicheadh.

VOTARESS, *s.* Ban-bhòidiche.

VOTARY, *s.* Fear-bhòide, fear fuidh bhòid.

VOTE, *s.* Guth-taghadh, guth, cur le.

VOTE, *v. a.* Roghnuich, thoir guth-taghadh, tagh.

VOTER, *s.* Fear guth-taghadh.

VOTIVE, *adj.* Bòideach.

VOUCH, *v. a.* Fianuisich, dearbh, tog fianuis.

VOUCH, *s.* Fianuis, dearbhadh, barantas, teisteanas.

VOUCHER, *s.* 1. One who gives witness to any thing : fianuis, fear-dearbhadh. 2. testimony : teisteanas, dearbhadh.

VOUCHSAFE, *v. a. et n.* 1. Permit any thing to be done without danger : ceadach, deònach. 2. con-

descend, grant : ceadach, deònach, aontach. 3. deign, yield : deònach, strìochd, géill.

VOW, *s.* Bòid, mòid, mionnan cùmhnainte, geas, freiteach.

VOW, *v. a. et n.* Bòidich, thoir bòid, thoir mionnan, mionnach.

VOWED, *adj.* Bòidichte, coisrigte.

VOWEL, *s.* Foghair, faoghar.

VOWER, *s.* Fear-bòideachaidh.

VOYAGE, *s.* Turus, astar, turas mara, astar cuain.

VOYAGE, *v. a. et n.* Gabh turus mara, seòl, siubhail, triall.

VOYAGER, *s.* Fear-astair cuain, maraiche.

UP, *adv.* 1. Aloft, on high : suas, shuas, gu h-àrd an àird. 2. out of bed : air éiridh. 3. a state of being risen : air éiridh. 4. from my youth up : o 'm' òige nìos. 5. up and down : sìos 's a suas. 6. up to : gu ruig.

UP, *interj.* Suas, 'n àird ìe.

UP, *prep.* An àirde, suas ri, suas gu.

UPBRAID, *v. a.* Tilg air, athaisich, nàraich, mas-laich.

UPBRAIDER, *s.* Athaiseach, fear-tarcuis.

UPBRAIDING, *s.* Athais, masladh, tàmailt, nàire.

UPBRAIDINGLY, *adv.* Gu h-athaiseach, gu tarcuis-each.

UPCAST, *s.* Tilgeadh suas.

UPHELD, *part.* Air a chumail suas, taicte.

UPHILL, *adj.* Duilich, deacair, doirbh, corrach.

UPHOLD, *v. a.* 1. Lift on high : tog suas, àrdaich. 2. support : taic, cum taic ri, cum suas. 3. continue : mair.

UPHOLDER, *s.* Fear-cumail suas, fear-cuideachaidh, fear-taice, fear-togalach.

UPHOLSTERER, *s.* Fear-dèanaimh àirneis.

UPHOLSTERY, *s.* Àirneis.

UPLAND, *s.* Fearann àrd, bràighe, fireach.

UPLANDISH, *adj.* Àrd, monadail, cnochach.

UPLIFT, *v. a.* Tog suas, tog an àird.

UPMOST, *adj.* A 's àirde, an uachdar.

UPON, *prep.* Air.

UPPER, *adj.* Uachdarach, an uachdar.

UPPERMOST, *adj.* A 's àirde, a 's uachdaraiche.

UPPISH, *adj.* Uallach, stràiceil, àrdanach, spaileichdeil.

UPRIGHT, *adj.* 1. Perpendicularly erect : dìreach. 2. erected, pricked up : an togail, an àirde. 3. honest : dìreach, treibhdhìreach, ionraic, onorach.

UPRIGHTLY, *adv.* See Upright.

UPRIGHTNESS, *s.* 1. Perpendicular erection : dìreachan. 2. honesty, integrity : treibhdhìreas, ionracas, seasmhachd, fireantachd.

UPROAR, *s.* Buairesas, caouag, aimhreit, mi-riaghailt.

UPROOT, *v. a.* Spìon á bun, thoir á fhreumhaibh.

UPSET, *v. a.* Tìonndaidh thairis.

UPSHOT, *s.* Crìoch, deireadh na cùise, comh-dhùnadh.

UPSIDE-DOWN, *adv.* Bun os ceann, thar a chéile, troimh chéile.

UPSTART, *v. n.* Leum suas.

UPSTART, *s.* Uranach, fear-éiridh as ùr.

UPWARD, *adj.* Suas, ag amharc an àird.
 UPWARD, } *adv.* 1. Towards a higher place: an
 UPWARDS, } àirde, suas. 2. with respect to the
 higher part: gu h-àrd. 3. more than: a thuill-
 eadh, tuilleadh, còrr.
 URBANE, *adj.* Siobhalta, suaire, modhail, còir.
 URBANITY, *s.* Siobhaltachd, suairceas.
 URCHIN, *s.* 1. A hedge-hog: gràineag. 2. a name
 of slight anger to a child: isean, gàrlach.
 URGE, *v. a. et n.* 1. Incite, push: brosnuich, cuir
 thuige. 2. provoke: brosnuich, bruidich. 3. fol-
 low close, so as to impel: pùc, dlùth-lean, teann-
 aich. 4. press, enforce: spàrr. 5. importune:
 asluich, guidh. 6. press forward: pùc, bruth.
 URGENCY, *s.* 1. Pressure of difficulty or necessity:
 teanntachd, éigin, cruaidh-chàs, càs. 2. entreaty,
 solicitation: asluichadh, guidhe.
 URGENT, *adj.* Dian, a' cur thuige, éigneach.
 URGENTLY, *adv.* See Urgent.
 URIN, *s.* Urim.
 URINARY, *adj.* Fuail, a bhuneas do dh' fhuail.
 URINE, *s.* Fual, mùn.
 URINE, *v. n.* Mùin, dean mùn, dean uisge.
 URN, *s.* 1. A water pot: fualan. 2. the vessel in
 which the remains of burnt bodies were put: soith-
 each tasgaidh luathre nam marbh.
 Us, *pron.* Sinn, sinne.
 USAGE, *s.* 1. Treatment: gréidheadh, càramh. 2.
 custom: cleachdamh, gnàths, nòs, àbhaist.
 USANCE, *s.* 1. Use: feum. 2. usury: riadh, ocar,
 coingheall. 3. (in bills of exchange): ùine réidh.
 USE, *s.* 1. The act of employing any thing: feum,
 stà. 2. qualities: maith, feum, stà. 3. need of:
 feum, feumalachd. 4. convenience, help: feum,
 stà, cuideachadh, cobhair, còmh-nadh. 5. usage,
 customary: cleachdadh, cleachdamh. 6. prac-
 tice, habit: nòs, gnàths, àbhaist. 7. interest:
 riadh, ocar.
 USE, *v. a. et n.* 1. Employ to any purpose: cleachd,
 gnàthaich, dean feum do, cuir gu feum. 2. habi-
 tuate: cleachd, gnàthaich. 3. treat: gréidh,
 nidhsich, càirich. 4. be accustomed: bi cleachd-
 ta, dean cleachdamh do.
 USEFUL, *adj.* Feumail, tarbhach, maith.
 USEFULLY, *adv.* See Useful.
 USEFULNESS, *s.* Feumalachd, tairbhe, stà, slàthalachd.
 USELESS, *adj.* Neo-fheumail, neo-tharbhach, gun
 fheum, gun mhaith.
 USELESSLY, *adv.* See Useless.
 USELESSNESS, *s.* Neo-fheumalachd, cion stà.
 USER, *s.* 1. One whose business is to introduce
 strangers: fear-frithealaidh, gocaman, gille doruis.
 2. an under teacher: fath-oide, foir-theachdair.
 USHER, *v. a.* Thoir a steach, thoir a stigh, cuir air
 aghart.
 USQUEBAUGH, *s.* Uisge-beatha.
 USUAL, *adj.* Cleachdach, cleachdail, gnàthaichte,
 coitcheonn, àbhaiseach, nòsach.

USUALLY, *adv.* See Usual.
 USUALNESS, *s.* Cumantachd, cumantas, àbhaiseachd,
 àbhaisteachd.
 USURER, *s.* Fear-réidh, ocar-fhear, fear-ocair, an-
 riadhair.
 USURIOUS, *adj.* Riadhach, sanntach, a' gabhail réidh.
 USURP, *v. a.* Glac gun chòir, gabh seilbh gun
 dlìghe.
 USURPATION, *s.* 1. Forcible, unjust possession:
 glacadh seilbh, foireigneachd, seilbh ainneirt,
 sglamhaireachd. 2. use, usage: cleachdadh,
 cleachdamh.
 USURPER, *s.* Foireigniche, fear-glacaidh seibh 'te
 h-ainneart, sglamhair.
 USURPINGLY, *adv.* Gu h-eucorach, gun chòir, gun
 dlìghe.
 USURY, *s.* Riadh, an-riadh, ocar.
 UTENSIL, *s.* Inneal, ball àirneis.
 UTERUS, *s.* Bolg, machlag.
 UTILITY, *s.* Feumalachd, feum, maith, tairbhe.
 UTMOST, *adj.* 1. Extreme: a 's iomallaich, a 's faid as.
 2. being in the highest degree: a 's motha a 's àirde.
 UTMOST, *s.* Meud, làn, oidhirp.
 UTTER, *adj.* 1. Situate on the outside: iomallach,
 air an taobh muigh. 2. complete, total: iomlan,
 buileach, coimhionta. 3. peremptory: buileach.
 UTTER, *v. a.* 1. Speak: labhair, abair. 2. disclose,
 discover: innis, aithris, nochd, foillsich, cuir an
 céill. 3. sell: reic. 4. disperse: sgaoil. 5. put
 forth: cuir a mach.
 UTTERABLE, *adj.* So-labhairt, so-radh.
 UTTERANCE, *s.* 1. Pronunciation: labhairt, bruidh-
 ean. 2. vocal expression: guth. 3. sale: reic.
 UTTERLY, *adv.* See Utter, *adj.*
 UTTERMOST, *adj.* A 's iomallaich, a 's faid as.
 VULGAR, *adj.* 1. Plebeian: cumanta, coitcheonn.
 2. vernacular, national: màtharail. 3. mean,
 low: suarach, ìosal, tàireil, mi-usal.
 VULGAR, *s.* Gràisg, prabar, an cumanta.
 VULGARISM, }
 VULGARITY, } *s.* Suarichead, gràisgealachd.
 VULGARLY, *adv.* See Vulgar, *adj.*
 VULGATE, *s.* Biobull Laidinn.
 VULNERABLE, *adj.* So-leòn, so-lot, so-dhochann, so-
 chiùraidh.
 VULNERARY, *adj.* Leigheasach air leòn.
 VULNERATE, *v. a.* Leòn, ciùrr, lot, dochainn.
 VULNERATION, *s.* Lotadh, leòn, leònadh, dochann,
 ciùrradh.
 VULTURE, *s.* Fang, prechan ìngneach, fitheach
 garbh.
 VULTURINE, *adj.* Prechanach.
 VULTUROUS, *adj.* Mar fhang, mar phrechan.
 UVULA, *s.* Cìoch-bhràghad, cìoch-shlugain.
 UXORIOUS, *adj.* Déidheil air a mhnaoi, deòthasach
 mu bhean phòsda.
 UXORIOUSLY, *adv.* Air chomhairle mnà pòsda.
 UXORIOUSNESS, *s.* Deothas mu bhean phòsda.

WAI

- W**ABBLE, *v. n.* Bi seòganaich, bi turaman.
WAD, *s.* 1. A bundle of straw or loose matter: trusan, boitein. 2. any thing crammed or stuffed: cuifein.
WADDING, *s.* Lìng.
WADDLE, *v. n.* Imich 's an turamanaich.
WADE, *v. n.* 1. Walk through the waters: rach tre uisge, coisich troimh uisge. 2. pass laboriously: rach troimh' air éigin.
WAFER, *s.* 1. A thin cake: breacag, abhlan, deàrnag. 2. paste made to close letters: gearrag.
WAFT, *v. a. et n.* 1. Carry through the air or water: giùlain, iomchair. 2. buoy: cum an uachdar. 3. beckon: smèid air. 4. turn: tionndaidh. 5. float: snàmh.
WAFT, *s.* 1. A floating body: ràth. 2. motion of a streamer: crathadh brataich.
WAFTER, *s.* 1. A passage boat: bàt aisig. 2. one who wafts or conveys: fear-giùlain, fear-iomchair.
WAG, *v. a. et n.* 1. Move lightly: crath, gluais. 2. be in quick or ludicrous motion: crith, crath, bog, seòg, siùd. 3. pack off: thoir ort, bi falbh.
WAG, *s.* Àmhuilteach, fear abhcaideach, cleasaiche, sgeigeir.
WAGE, } *s.* 1. Pay given for service: tuarasdail,
WAGES, } dìoladh bunndaist, pàidheadh. 2. gage,
pledge: geall.
WAGE, *v. a.* 1. Attempt, venture: feuch, oidhirp-ich thoir ionnsuidh, thoir oidhirp. 2. make, carry on, (applied to war): dean.
WAGER, *s.* Geall.
WAGER, *v. a.* Cuir geall, cuir an geall.
WAGERER, *s.* Fear-gill.
WAGGERY, *s.* Abhcaid, fala-dhà, fearas-chuideachd, cleasachd, sgeigcas.
WAGGISH, *adj.* Abhcaideach, cleasanta, ain-cheardach.
WAGGISHLY, *adv.* See Waggish.
WAGGISHNESS, *s.* Abhcaid, aincheard, cleasachd.
WAGGLE, *v. n.* Imich 's an tuaramanaich.
WAGGON, *s.* Feun, cairt.
WAGGONER, *s.* Cairtear.
WAGTAIL, *s.* Breac-an-t-sìl, glaisein-seilich.
WAIL, *v. a. et n.* Guil, caoin, caoidh.
WAIL, *s.* Gul, caoineadh, caoidh, tuireadh.
WAILFUL, *adj.* Muldach, brònach, dubhach, deurach.
WAILING, *s.* Cumhadh, bròn, tuireadh, caoidh.
WAIN, *s.* Carbad, feun.
WAINSCOT, *v. a.* Lìng le fiodh.
WAIST, *s.* Cneas, caol a' chuim, crios, criosan, meadhon, bolgan.
WAISTCOAT, *s.* Peiteag.
WAIT, *v. a. et n.* 1. Expect, stay for: feith, fuirich, fan. 2. attend: fritheil. 3. attend as a con-

WAL

- sequence: feith. 4. expect, stay in expectation: fan, fuirich, stad, bi an dùil. 5. stay: fuirich, fan, stad.
WAIT, *s.* Plaid-luidhe, luidhe.
WAITER, *s.* Gille frithealaidh, gille bùird.
WAKE, *v. a. et n.* 1. Rouse from sleep: dùisg, mosgail. 2. excite: brosnuich, cuir chuige, bruidich. 3. bring to life again: ath-bheothaich, dùisg. 4. watch or attend a corpse: dean caithris, dean faireachadh. 5. watch, not sleep: fairich. 6. be roused from sleep: dùisg, mosgail, éirich. 7. be alive: bi beò.
WAKE, *s.* 1. The feast of the dedication of the church: féisd choisrigidh. 2. vigils: faireachadh, caithris. 3. act of waking from sleep: mosgail, dùsgadh. 4. of a ship: rotal.
WAKEFUL, *adj.* Caithriseach, aireachail, faicill-each.
WAKEFULNESS, *s.* Caithris, faicill, furachas.
WAKEN, *v. a. et n.* See Wake, *v. a. et n.*
WAKING, *s.* Faireachadh.
WALK, *v. a. et n.* 1. Pass through: coisich air, imich trid, gluais. 2. lead out for the sake of air or exercise: gabh sraid le. 3. conduct, lead: treòraich, stiùir. 4. move by leisurely steps: coisich, imich, gluais, falbh. 5. be in motion: gluais. 6. move off: bi falbh.
WALK, *s.* 1. Act of walking for air or exercise: coiseachd, sràid-imeachd, sràid. 2. gait: coiseachd, falbh, imeachd. 3. a length of space through which one walks: sràid. 4. an avenue set with trees: sràid. 5. way, road: rathad, slighe.
WALKER, *s.* 1. One that walks: coisiche, falbh-adair. 2. a fuller: fucadair.
WALKINGSTAFF, *s.* Bata, lorg, trosdan.
WALL, *s.* 1. Of brick or stone: balla. 2. fortification: balla, balla dìona, callaid, caiseal.
WALL, *v. a.* 1. Inclose with walls: cuir ball' uime, dùin le balla, no mùr. 2. defend by walls: tog balla daingneachaidh, tog balla dìona. 3. fill up with a wall: tog balla.
WALLET, *s.* Màileid, balg, poca, aparsag, taplach.
WALLEYED, *adj.* Geal-shuileach.
WALLFRUIT, *s.* Meas balla.
WALLOW, *v. n.* Goil, bruich.
WALLOW, *v. a. et n.* 1. Roll: aornagain, loirc, luidir. 2. move heavily and clumsily: gluais gu luidseach. 3. roll one's self in mire: loirc, aornagain, aonairt. 4. live in any state of filth or gross vice: aornagain an aingidheachd.
WALLOW, *s.* Imeachd tuirseach.
WALLOWING, *s.* Aornagain, aonagail.
WALNUT, *s.* Cno-fhrancach.
WALTRON, *s.* Each-uisge.

WAN, *adj.* Glas-bhàn, glas-neulach, glasdaidh, glasail.
WAND, *s.* Slat, slatag.
WANDER, *v. a. et n.* 1. Travel over: coisich air, seabhaid. 2. rove: falbh air iomrall, falbh air seabhaideachd. 3. deviate, go astray: rach air seacharan, seachrain.
WANDERER, *s.* Fear seabhaideach, fear-fuadain, fògarach, falbhanach, fear-allabain, falbhair, seachranaich.
WANDERING, *s.* Seachran, faontradh, seabhaid, iomrall, allaban.
WANE, *v. n.* Searg, caith as, crìon, fàs sean.
WANE, *s.* 1. Decrease of the moon: èarr-dubh. 2. decline, diminution: crìonadh, lughdachadh.
WANNESS, *s.* Glas-neulachd, glasdaidheachd, bànachd.
WANT, *v. a. et n.* 1. Be without something fit or necessary: bi an uireasbhuidh, bi an dith. 2. need, lack: bi an feum. 3. wish, long: iarr, sir, bi as eugais. 4. fail: fàilnich, thig gearr. 5. be missed: bi a dh' easbhuidh.
WANT, *s.* 1. Need: feum, uireasbhuidh, dìth, easbhuidh, gainne, cion. 2. poverty: bochduinn, éis. 3. a mole: dallag, ùr-fhamh.
WANTON, *adj.* 1. Lascivious, libidinous: mear, macnusach, feòlmhor, druiseil. 2. frolicsome, gay: cleasanta, sùgach, eutrom, meanmnach, iollagach. 3. loose: fuasgailte. 4. luxuriant, superfluous: pailt, làn, reachdmhor.
WANTON, *s.* 1. A lascivious person, a strumpet: striopach, gaorsach, siùrsach. 2. a trifler, an insignificant flutterer: sgimilear, trusdar.
WANTON, *v. n.* Bi mire, dean cluich, dean sùgradh.
WANTONLY, *adv.* See *Wanton, adj.*
HAUD, *adv.* Cha 'n e, ni h-eadh.
HAUDQUAQUAM, *adv.* Cha 'n 'eil air aon dòigh.
HAURIO, -IRE, *v. n.* Òl, srub; *accipe*: gabh, gabh a stigh, sùgh, deoghail; *consume*: caith, cosd, giùlain.
HAUSTOR, *s.* Fear-tarring.
HAUSTUS, *s.* Òl, sùghadh, deoghal, deoch.
HEBDOMADA, *s.* Seachduin.
HEBEO, -ERE, *v. n.* Maolaich, dean maol.
HEBES, *adj.* Maol, neo-gheur, lag, anfhann.
HEBESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs maol, fàs neo-gheur.
HEBETATIO, *s.* Maolachadh.
HEBETO, -ARE, *v. a.* Maolaich, dean maol.
HECATOMBE, *s.* Iobairt cheud.
HERERA, *s.* Eidheann, eidheann mu chrann, iadhshtat.
HERERACEUS, *adj.* Eidheannach.
HEREROSUS, *adj.* Làn eiddhinn.
HEDYPSNOIS, *s.* Bèarnan-brìde, fiacaill-leomhain.
HEI! *interj.* Och, mo thruaighe.
HELIOSTROPHON, } *s.* Lus-na-gréine, grian-nòimean.
HELIOTROPIUM, }
HELLUATIO, *s.* Glutadh, glamhaireachd.
HELLUO, *s.* Glutair, glamhair, geòcair, tollaran.
HELLUOR, -ARI, *v. dep.* Glut, ith gu gionnach.
HELXINE, *s.* Lus-a'-bhalla.
HEN! *interj.* Um, hum.
HEMERODROMUS, *s.* Gille.
HEMISPHERIUM, *s.* Leth-chruinne.
HEMITONIUM, *s.* Leth-fhuaim.
HEPAR, *s.* Grùthan.
HEPARARIUS, } *adj.* Grùthanach.
HEPATICUS, }
HERA, *s.* Ban-mhaighstir, ban-tighearn.
HERACLEON, *s.* Lus-chosgaidh na fola, athair-thalmhainn.
HERBA, *s.* Lus, luibh.
HERBACEUS, } *adj.* Lusach, luibheach, feurach.
HERBARIUS, }
HERBARIUS, *s.* Lustragan.
HERBEUS, *adj.* Uaine, gorm.
HERBIDUS, *adj.* Feurach, lusach.
HERBULA, *s.* Feur beag.
HERCULEUS, *adj.* Mòr, làidir, treun.
HERE, *adv.* An dè, an raoir.
HERILIS, *adj.* Maighstireach.
HERMAPIRODITUS, *s.* Neach firionn boirionn.
HERNIA, *s.* Màm-sice.
HEROICUS, *adj.* Gaisgeil, treun, treubhach, euchdach.
HEROINA, *s.* Ban-laoch, ban-tighearn.
HEROIS, *s.* Ban-tighearn mhòr.
HEROS, *s.* Curaidh, gaisgeach, laoch.
HEROUS, *adj.* Gaisgeil, euchdach.
HERPES, *s.* Tachas meallanach.
HERUS, *s.* Maighstir, ceann-teaghlach.
HESPERIUS, *adj.* Iar.

HESPERUS, *s.* Reul fheasgair.
HESTERNUS, *adj.* An dé.
HETAERIA, *s.* Cuideachd, buidheann.
HEU! *interj.* Och, mo thruaighe.
HEUS, *adv.* Ho.
HEXACHORDUS, *s.* Sè-chòrdach.
HEXAGONUS, *adj.* Sè-shlisneach.
HEXAMETER, *adj.* Sè-chosach.
HEXERES, *s.* Sè-ràmhach.
HIASCO, -ERE, *v. incept.* Fosgail, sgàin, sgaoil.
HIATUS, *s.* Fosgladh, sgàineadh, sgoltadh; *oscitatio*: mèananaich, mèanan.
HIBERNA,
HIBERNACULA, } *s.* Cairtealan geamhraidh.
HIBERNO, -ARE, *v. a.* Geamhraich, caith an geamhradh.
HIBERNUS, *adj.* Geamhrail, geamhrachail.
HIBISCUM, *s.* Malomb, lus nam meall mòra.
HIC, *pron.* Esan, am fear so.
HIC, *adv.* An so.
HICCE,
HICCINE, } *pron.* So, a' cheart.
HIEMALIS, *adj.* Geamhrail, geamhrach.
HIEMATIO, *s.* Geamhrachadh.
HIEMO, -ARE, *v. n.* Geamhraich.
HIEMS, *s.* Geamhradh; *tempestas*: stoirm, ànradh.
HIERATICUS, *adj.* Sagartail, sagartach.
HIEROBATANE, *s.* Trom-bhad.
HIEROGLYPHICUS, *adj.* Samhlachail.
HILARIS, *adj.* Suilbhear, sunndach, cridheil.
HILARITAS, *s.* Cridhealas, aighear, sùgradh.
HILARITER, *adv.* Gu sunndach, gu cridheil.
HILARITUDO, *s.* Cridhealas, sùgradh, àbhachdas.
HILARO, -ARE, *v. a.* Eiltich, dean cridheil.
HILLA, *s.* Marag, isbean.
HILUM, *s.* Dubh na h-ìonga.
HINC, *adv.* O so, uaithe so, o so mach.
HINNIO, -IRE, *v. a.* Sitir, dean sitir.
HINNITUS, *s.* Sitir, sitirich.
HINNULUS, *s.* Laogh féidh.
HINNUS, *s.* Muileid, muilead.
HIO, -ARE, *v. a.* Dean mèananaich, dean mèanan, fosgail, sgoilt.
HIPPAGUS, *s.* Bàt' each.
HIPPIATRUS, *s.* Leigh each.
HIPPOCAMPA, *s.* Each-uisge.
HIPPODROMUS, *s.* Réis-each.
HIPPOMANES, *s.* Nimh, puinnsean fliodh puinnseanach.
HIPPOPOTAMUS, *s.* Each uisge.
HIPPOSELINUM, *s.* Lus-an-liagaire.
HIRA, *s.* Caolan.
HIRCINUS, *adj.* Mear, reitheach.
HIRCUS, *s.* Boc, boc gaibhre.
HIRQUUS, *adj.* Iomall na sùla.
HIRSUTUS,
HIRTUS, } *adj.* Molach, ròmach, gaoiseadach.
HIRUDO, *s.* Creithleag nan each.
HIRUNDO, *s.* Gobhlan-gaoithe, ainleag; *ver*: carrach.
HISCO, -ERE, *v. incept.* Fosgail, sgàin, sgoilt, gàg.
HISPIDUS, *adj.* Garbh, molach, ròmach.

HISTORIA, *s.* Eachdraidh, eachdaireachd, seanachas.
HISTORIALIS,
HISTORICUS, } *adj.* Seanachasach.
HISTRICUS, *adj.* Lùth-chleasach.
HISTRIO, *s.* Lùth-chleasaich, cleasaiche, fear-cluiche.
HISTRIONALIS, *adj.* Cluicheach, cluicheil, lùth-chleasach.
HISTRIONIA, *s.* Lùth-chleasachd, caraidheachd.
HIULCO, -ARE, *v. a.* Fosgail, thoir fosgladh air.
HIULCUS, *adj.* Gàgach, sgàinteach.
HODIE, *adv.* An diugh.
HODIERNUS, *adj.* Do'n diugh.
HOI, *interj.* Hoi.
HOMER, *s.* Homer, òmar.
HOMICIDA, *s.* Marbhaiche, mortair.
HOMICIDIUM, *s.* Marbhadh, mortadh.
HOMO, *s.* Duine, fear, neach.
HOMOTONUS, *adj.* Coimh-shìnteach.
HOMULUS, *s.* Duineachan, deòiridh.
HOMUNCIO, *s.* Stochair, spìocair, gàrlach, trusdar.
HONESTAMENTUM, *s.* Breaghachadh, maiseachadh.
HONESTAS, *s.* Onoir, urram, òidheirceas; *dignitas*: mòrachd ainmealachd.
HONESTO, -ARE, *v. a.* Breaghaich, maisich, rìomhaich.
HONESTUM, *s.* Onoir, maise, breaghachd.
HONESTUS, *adj.* Urramach, measail; *probus*: onorach, ionraic; *facie*: maiseach, eireachdail; *moribus*: grinn.
HONOR, et **HONOS**, *s.* Onoir, urram, meas; *officii*: dreuchd; *aspectus*: maise, maisealachd, breaghachd.
HONORABILIS, *adj.* Urramach, òirdheirc, uasal.
HONORARIUM, *s.* Tìodhlac.
HONORARIUS, *adj.* Urramach, onorach.
HONORATUS, *adj.* Urramach, measail, cliùiteach.
HONORIFICUS, *adj.* Urramach, cliùiteach, measail.
HONORO, -ARE, *v. a.* Onoraich, cuir urram air.
HONORUS, *adj.* Onorach, measail, cliùiteach.
HOPLOMACHUS, *s.* Basbair.
HORA, *s.* Uair, àm.
HORAEUS, *adj.* Amail, tìomail.
HORARIUM, *s.* Uaireadair.
HORARIUS, *adj.* Uaireil.
HORDEUM, *s.* Èorna.
HORIA, *s.* Bàt'-iasgaich.
HOROLOGIUM, *s.* Uaireadair.
HOROSCOPIUS, *s.* Suidheachadh reul aig àm breith.
HORREO, -ERE, *v. n.* Tog friodhan, cuir calgort, *pavore*: crith, oilltich; *algore*: crith, bì fuar.
HORREOLUM, *s.* Sabhal beag.
HORRESCO, -ERE, *v. incept.* Fas garbh, fàs ròmach; *terrore*: crath, luaisg, crith.
HORREUM, *s.* Sabhal, tigh-taisg.
HORRIBILIS, *adj.* Oillteil, eagalach, uamhasach, gairisneach.
HORRIDUS,
HORRIFER, } *adj.* Garbh, doirbh; *terribilis*: eagal-
HORRIFICO, -ARE, *v. a.* Oillteil, uamhasach.
HORRIFICO, -ARE, *v. a.* Oillteil, geiltich, cuir eagal air.
HORROR, *s.* Crith, eagal, oillt.
HORSUM, *adv.* Mar so, an taobh so.

HORTAMEN, *s.* Misneach, misneachadh.
 HORTATIO, *s.* Comhairle, earail.
 HORTATIVUS, *adj.* Earalach, comhairleach.
 HORTATOR, *s.* Fear-misneachaidh, comhairliche.
 HORTATUS, *s.* Comhairle, earail.
 HORTOR, -ARI, *v. dep.* Comhairlich, earalaich; misnich.
 HORTUS, *s.* Gàradh; *vicus*: baile-beag, clachan.
 HOSPE, *s.* Aoidh; *qui hospitio aliquem accipit*: biadhach, fear-tighe.
 HOSPITA, *s.* Ban-aoidh; *cui domus pertinet*: ban-bhiadhach, bean-tighe.
 HOSPITALIS, *adj.* Fialaidh, faoilidh, fiùghantach, aoidheil.
 HOSPITALITAS, *s.* Aoidheachd, biadhachd, fialachd.
 HOSPITIUM, *s.* Tigh-aoidheachd, aoidheachd, biadhachd; *asylum*: dìdean, tèarmunn.
 HOSPITOR, -ARI, *v. dep.* Thoir aoidheachd, thoir biadhachd.
 HOSPITUS, *adj.* Càirdeil, aoidheil, caoimhneil.
 HOSTIA, *s.* Ìobairt.
 HOSTICUM, *s.* Tìr naimhdean.
 HOSTICUS, } *adj.* Naimhdeil, eascairdeach.
 HOSTILIS, }
 HOSTILITAS, *s.* Naimhdeas, eas-càirdeas.
 HOSTIS, *s.* Nàmhaid, eas-caraid.
 HUBER, *s.* Ùth.
 HUC, *adv.* An so, mar so, a nall an taobn so.
 HUCINE, *adv.* An ann an so, an ann a nall.
 HUCUSQUE, *adv.* Chuige, thuige.
 HUIJUSCEMODI, *adj.* De 'n ghnè so.
 HUMANITAS, *s.* Daonnachd, caomhalachd, suairceas; *morum*: deas-ghnàthachd, modhalachd; *doctrina*: ionnsachadh, oilean.
 HUMANITUS, *adv.* Mar dhuine.
 HUMANUS, *adj.* Daonna, daonnach, daonnach,

bàigheil, truacanta; *doctus*: ionnsuichte; *minimè constans*: neo-sheasmhach, diombuain.
 HUMATIO, *s.* Adhlacadh, ollanachadh, tòrradh.
 HUMECTO, -ARE, *v. a.* Fliuch, taisich.
 HUMEO, -ERE, *v. n.* Bi fliuch, bi tais.
 HUMERUS, *s.* Gualann.
 HUMESCO, -ERE, *v. insep* Fàs fliuch, fàs àitidh.
 HUMIDO, -ARE, *v. a.* Fliuch, dean àitidh.
 HUMIDUS, *adj.* Fliuch, àitidh.
 HUMILIS, *adj.* Ìosal; *rebus suis*: bochd, ìosal; *animò*: suarach, tàireil; *viribus*: lag, anfhann; *de se humiliter sentiens*: iriosal, umhal, neo-stràiceil.
 HUMILITAS, *s.* Ìsle; *rerum suarum*: bochduinn; *virum*: laige, laigsinn; *modestia*: irioslachd.
 HUMO, -ARE, *v. a.* Adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
 HUMOR, *s.* Flicheachd, àitidheachd; *liquor*: uisge, sùgh.
 HUMUS, *s.* Talamh, fearann.
 HYDRAE, *s.* Nathair uisge.
 HYDRIA, *s.* Cuinneag.
 HYDROCEPHALOS, *s.* Uisge 's a' cheann.
 HYDROMELI, *s.* Mil is uisge.
 HYDROPHOBIA, *s.* Galar a' choin chuthaich.
 HYDROPSIS, } *s.* Meud-bhronn.
 HADROPS, }
 HYDRUS, *s.* Nathair uisge.
 HYMEN, *s.* Dia a' phòsaidh.
 HYMENAEUS, *s.* Pòsadh, òran-pòsaidh.
 HYPATE, *s.* Teud chùil.
 HYPERBOLE, *s.* Aibhiseachadh, spleadh.
 HYPERBOLICE, *adv.* Gu h-aibhiseach.
 HYPODIDASCULUS, *s.* Fath-oide.
 HYPOTHECA, *s.* Geall.
 HYPOTHESIS, *s.* Barail, barail gun dearbhadh.
 HYPOTYRUM, *s.* Stairsneach.
 HYSOPIUS, *s.* Hisop.
 HYSTRIX, *s.* Gràineag.

JAC

JACEO, -ERE, *v. n.* Luidh, uidh sìos; *contemne*: tarcuisich, cuir an dìmeas; *cede*: marbh, leag.
 JACIO, -ERE, *v. a.* Tilg, tilg air falbh, suidhich, leag.
 JACTANS, *adj.* A' tilgeadh, spleadhach.
 JACTANTIA, *s.* Spagluinn, uaill, bòsd.
 JACTATIO, *s.* Gluasad, carachadh, tilgeadh, spagluinn, uaill.
 JACTATOR, *s.* Fear spagluinneach, glagair.
 JACTATUS, *s.* Tilgeadh, luasgadh.
 JACTO, -ARE, *v. a.* Tilg, luaisg, crath; *meditatione*:
 Vol. II.

JAM

smuainich, dearc; *disputatione*: connsaich; *verba*: innis, aithris, cuir an céill; *dubita*: bi an ag, bi an teagamh.
 JACTURA, *s.* Call, callachd, dolaidh.
 JACTUS, *s.* Tilgeadh, urchair.
 JACULATIO, *s.* Tilgeadh, caitheadh.
 JACULATOR, *s.* Fear-tilgidh, fear-caithidh.
 JACULOR, -ARI, *v. dep.* Tilg, caith, saighead, bonnsaich.
 JACULUM, *s.* Saighead, gath.
 JAM, *adv.* Cheana, a bhàrr, a thuilleadh.
 JANDUDUM, *adv.* O chian, o chian fada.
 5 Z

JAMPRIDEM, *adv.* O cheann tacain.
 JANITOR, *s.* Dorsair.
 JANITRIX, *s.* Ban-dorsair.
 JANUA, *s.* Dorus, geata; *rei*: toiseach.
 JANUARIUS, *s.* Ceud mhìos na bliadhna.
 JASPIS, *s.* Cloch iasper.
 IBEX, *s.* Gobhar fhiadhaich.
 ISI, *adv.* An sud, mar sud.
 IBIDEM, *adv.* 'S an àite cheudna.
 ICO, -ERE, *v. a.* Buail, buail air falbh.
 ICON, *s.* Ìomhaigh.
 ICONICUS, *adj.* Ìomhaigheach.
 ICTIS, *s.* Neas.
 ICTUS, *s.* Buille, gleadh.
 IDCIRCO, *adv.* Uime sin, air an aobhar sin.
 IDEA, *s.* Smuain, barail, beachd.
 IDENTIDEM, *adv.* An tràsa 's a rìs.
 IDEO, *conj.* Uime sin, air son sin.
 IDIOTA, *s.* Amadan, òinseach, burraidh.
 IDIOTISMUS, *s.* Gnàths-cainnte, seòl-labhairt.
 IDOLUM, *s.* Ìomhaigh, dealbh, iodhol.
 IDONEUS, *adj.* Freagarrach, iomchuidh, cubhaidh.
 JECUR, *s.* Grùthan, àithnean.
 JEJUNITAS, *s.* Falaimhead, neo-thorraichead, aim-rideachd.
 JEJUNIUM, *s.* Trasg, trasgadh, ocras.
 JEJUNUS, *adj.* Gun bhiaidh, ocrach, ocrasach; *sterilis*: tioram, falamh.
 JENTACULUM, *s.* Biadh-maidne.
 JENTO, -ARE, *v. a.* Gabh biadh-maidne, ith biadh-maidne.
 IGITUR, *adv.* Uime sin, air an aobhar sin.
 IGNARUS, *adj.* Aineolach, neo-theòma.
 IGNAVIA, *s.* Léisg lunnadaireachd, gealtachd, cladh-aireachd.
 IGNAVUS, *adj.* Leasg, lunnadh, fadalach, gealtach, lag-chridheach.
 IGNECO, -ERE, *v. insep.* Las, loisg, bi r' a theine.
 IGNEUS, *adj.* Lasach, loisgeach, dèarsach.
 IGNIARIUM, *s.* Cailleach-spuinge.
 IGNICULUS, *s.* Srad, sradag.
 IGNIS, *s.* Teine; *fugetrum*: dealanach, tein'-adhair; *amoris*: gaol, gràdh; *qui amatur*: gaolach, luaidh.
 IGNOBILIS, *adj.* Ìosal, neo-inbheach, suarach, dìb-
lidh, tàireil, mìodhoir.
 IGNOBILITAS, *s.* Mìodhorachd, suarachas, tàireal-
achd.
 IGNOMINIA, *s.* Nàire, masladh, tarcuais, tàmailt.
 IGNOMINIOSUS, *adj.* Nàrach, maslach, tàmailteach,
tarcuiseach.
 IGNORABILIS, *adj.* Aineolach.
 IGNORANTIA, } *s.* Aincolas, ain-fhios.
 IGNORATIO, }
 IGNORO, -ARE, *v. a.* Bi aineolach, bi an an-fhios.
 IGNOSCO, -ERE, *v. n.* Maith, logh.
 ILE, *s.* Loch-bhlèin.
 ILEX, *s.* Darach.
 ILIA, *s.* Loch-bhlèin, mionach.
 ILICET, *adv.* An ceart uair.
 ILICETUM, *s.* Doire daraich.
 ILICO, *adv.* Gu luath, gu grad.

ILLABOR, *v. dep.* Tuit, sleamhnaich.
 ILLABORATUS, *part.* Neo-shaothraichte.
 ILLABORO, -ARE, *v. a.* Saothraich, gabh saothair.
 ILLAC, *adv.* Air an taobh so.
 ILLACERABILIS, *adj.* Do-shracaiddh.
 ILLACHRYMABILIS, *adj.* Neo-dheurach, neo-dhubh-
ach.
 ILLACHRYMO, -ARE, *v. a.* Vide Lachrymo.
 ILLAESUS, *adj.* Neo-chiùrrta, slàn, fallain.
 ILLAETABILIS, *adj.* Brònach, dubhach.
 ILLAQUEO, -ARE, *v. a.* Rib, amail.
 ILLAUDABILIS, *adj.* Neo-mholta.
 ILLE, *pron.* E, esa, esan.
 ILLECEBRA, *s.* Mealladh, tàladh, geasan, druidh-
eachd.
 ILLECTUS, *s.* Mealladh, tàladh.
 ILLEPIDUS, *adj.* Neo-chuimhir, neo-bhòidheach.
 ILLEX, *s.* Mealladh, tàladh.
 ILLIBERALIS, *adj.* Balachail, an-uasal, neo-uasal,
spìocach, mìodhoir.
 ILLIBERALITAS, *s.* Spìocaireachd, mìodhoireachd.
 ILLIC, *adv.* An sud.
 ILLICIO, -ERE, *v. a.* Meall, tàladh.
 ILLICITUS, *adj.* Neo-laghail, mi-laghail.
 ILLICIUM, *s.* Tàladh, mealladh.
 ILLICO, *adv.* An ceart uair.
 ILLIDO, -ERE, *v. a.* Bris, bruan, spealg.
 ILLIGO, -ARE, *v. a.* Vide Ligo.
 ILLIMIS, *adj.* Soilleir, glan.
 ILLINC, *adv.* Uaithe so, uaithe sin.
 ILLISUS, *s.* Bualadh air.
 ILLITERATUS, *adj.* Aineolach, neo-fhoghlumte,
neo-ionnsuichte.
 ILLITUS, *s.* Ungadh, buaichdeadh.
 ILLO, *adv.* An sud, dh' ionnsuidh sud.
 ILLUC, *adv.* An sud, do 'n àit ud.
 ILLUCEO, -ERE, *v. n.* Soillsich air, dèars.
 ILLUDO, -ERE, *v. a.* Mag, fanaidich.
 ILLUMINATE, *adv.* Gu soilleir.
 ILLUMINO, -ARE, *v. a.* Soilleirich, soillsich; *orna-
mentis*: maisich, breaghaich.
 ILLUSIO, *s.* Magadh, sgeig, fochaid.
 ILLUSTRATIO, *s.* Soilleireachadh.
 ILLUSTRIS, *adj.* Soilleir, dèarsach, òirdheirc, ain-
meil, cliùiteach, measail.
 ILLUSTRO, -ARE, *v. a.* Soilleirich, soillsich, dean
òirdheirc, dean cliùiteach.
 ILLUVIES, *s.* Salchar, mosaiche, trusdaireachd.
 IMAGINARIUS, *adj.* Faoin-bharalach, cruth-inntinn-
each.
 IMAGINATIO, *s.* Mac-meanna, smuain, beachd, faoin-
beachd.
 IMAGINOR, -ARI, *v. dep.* Smuainich, saoil, breith-
nich.
 IMAGINOSUS, *adj.* Mac-meannach, faoin-bharalach.
 IMAGO, *s.* Ìomhaigh, samhldh; *inter somnium*: ais-
ling, brùadar; *forma*: cruth, dealbh; *prætextus*:
leisgeul, cur seachad; *spectrum*: bòcan, spiorad.
 IMBECILLIS, *adj.* Lag, anfhann; *pauper*: easbhuidh-
each, aimbeartach.
 IMBECILLITAS, *s.* Laige, anfhannachd.
 IMBECILLUS, *adj.* Leasg, lunnadh, lag.

IMBELLIS, *adj.* Lag, fann, lag-chridheach.
 IMBER, *s.* Fras; *agua*: uisge.
 IMBIBO, -ERE, *v. a.* Òl, sùgh, deoghail.
 IMBEX, *s.* Cìrean mullaich.
 IMBRIFER, *adj.* Frasach.
 IMBUO, -ERE, *v. a.* Òl, sùigh; *exercee*: cleachd;
tinge: dath, snuadhaich.
 IMITABILIS, *adj.* So-shamhlachail, so-leantuinn.
 IMITAMEN, } *s.* Riochd, samhladh, dreach.
 IMITATIO, }
 IMITATOR, *s.* Samhladair, fear-leanmluinn.
 IMITATRIX, *s.* Ban-shamhladair.
 IMITOR, -ARI, *v. dep.* Riochdaich, comh-shamhlaich,
 lean.
 IMMANIS, *adj.* Fìadhaich, garg, an-ìochdmhor; *magnitudine*: mòr, ro-mhòr, ana-cuimseach; *ferus*:
 fìadhaich, allaidh.
 IMMANITAS, *s.* Buirbe, gairge, brùidealachd; *magnitudo*:
 meudachd, morachd.
 IMMANSUETUS, *adj.* Garg, fìadhaich, borb.
 IMMATURITAS, *s.* Anabuicheachd, neo-iomlanachd,
 luathaireachd.
 IMMATURUS, *adj.* An-abuich, luatharach.
 IMMEDICABILIS, *adj.* Do-leigheas, neo-leigheasach.
 IMMENOR, *adj.* Dì-chuimhneach, mi-chùramach,
 coma.
 IMMEMORABILIS, *adj.* D-ìchuimhneach.
 IMMENSITAS, *s.* Anabarrachd, aibhseachd.
 IMMENSUS, *adj.* Mòr, ana-cuimseach, anabarrach,
 fuathasach.
 IMMENSUS, *adj.* Neo-airidh, mi thoillteanach.
 IMMERGO, -ERE, *v. a.* Vide Mergo.
 IMMERITO, *adv.* Gu neo-airidh, gu mi-thoillteanach.
 IMMERITUM, *s.* Mi-thoillteanas, neo-airidheachd.
 IMMIGRO, -ARE, *v. n.* Imich a steach.
 IMMINEO, -ERE, *v. n.* Croch os ceann, bagair; *proxime*
es: bi dlùth, bi teann air.
 IMMINUO, -ERE, *v. a.* Lughdaich, beagaich.
 IMMINUTIO, *s.* Lughdachadh, beagachadh.
 IMMISCEO, -ERE, *v. a.* Comh-mheasgaich, measgaich
 le.
 IMMISERICORS, *adj.* Neo-thruacanta, an-ìochdmhor.
 IMMISSIO, *s.* Cur a steach, leigeil a steach.
 IMMITIS, *adj.* Garg, anabuich, an-ìochdmhor, neo-
 thruacanta.
 IMMITTO, -ERE, *v. a.* Cuir a steach, cuir a stigh;
jacte: tilg; *immiscee*: comh-mheasgaich, coim-
 isg.
 IMMOBILIS, *adj.* Neo-glusadach, maireannach.
 IMMODERATIO, *s.* Anabarr, ana-measarrachd.
 IMMODERATUS, *adj.* Ana-measarra, anabarrach, ana-
 cuimseach, fuathasach.
 IMMODESTIA, *s.* Mi-stuamachd, mi-gheamnuidh-
 eachd, ana-measarrachd.
 IMMODESTUS, *adj.* Mi-nàrach, mi-bheusach, neo-
 gheamnuidh; *immensus*: anabarrach, ana-cuims-
 each.
 IMMODICUS, *adj.* Anabarrach, ana-cuimseach, ana-
 measarra.
 IMMOLATIO, *s.* Ìobradh, ìobairt.
 IMMOLO, -ARE, *v. a.* Ìobair, thoir ìobairt.
 IMMORIOR, -IRI, *v. dep.* Bàsaich air.

IMMORTALIS, *adj.* Neo-bhàsmhor, neo-chrìochnach,
 bith-bhuan.
 IMMORTALITAS, *s.* Neo-bhàsmhorachd, neo-chrìoch-
 nachd.
 IMMULGEO, -ERE, *v. a.* Vide Mulgeo.
 IMMUNDITIA, *s.* Salcharachd, trusdaireachd.
 IMMUNDUS, *adj.* Salach, neò-ghlan.
 IMMUNIFICUS, *adj.* Mìodhoir, spìocach.
 IMMUNIS, *adj.* Saor; *innocuus*: ionraic, saor, neo-
 choireach.
 IMMUNITAS, *s.* Saorsa, fuasgladh, cead.
 IMMUTABILIS, *adj.* Neo-ghluasadach, neo-chaoch-
 laideach.
 IMMUTABILITAS, *s.* Neo-ghluasadachd, neo-chaoch-
 laideachd.
 IMMUTATIO, *s.* Glusad, mùthadh, caochladh.
 IMMUTIO, -IRE, *v. n.* Dean gnosal.
 IMMUTO, -ARE, *v. a.* Atharraich, caraich.
 IMO, *conj.* Seadh, ach.
 IMPAGES, *s.* Fiaclacladh.
 IMPAR, *adj.* Neo-chòmhnard, neo-fhrecagarrach, neo-
 choltach.
 IMPARATUS, *part.* Neo-dheasaichte, neo-uidbeam-
 aichte.
 IMPASCO, -ERE, *v. a.* Ionaltair le.
 IMPATIBILIS, *adj.* Do-ghiùlain, do-iomchair.
 IMPATIENS, *adj.* Mi-fhoighidneach, neo-fhoighid-
 neach.
 IMPATIENTIA, *s.* Mi-fhoighidinn, neo-fhoighidinn.
 IMPAVIDUS, *adj.* Neo-sgàthach, dàna, misneachail.
 IMPEDIMENTA, *s.* Airmes feachd.
 IMPEDIMENTUM, *s.* Bacadh, amladh, grabadh.
 IMPEDIO, -ERE, *v. a.* Bac, amail, grab.
 IMPEDITIO, *s.* Bacadh, grabadh, amladh.
 IMPEDITO, -ARE, *v. a.* Bac, amail.
 IMPEDITUS, *adj.* Bacta, amailte.
 IMPELLO, -ERE, *v. a.* Greas, brosnuich, spàrr.
 IMPENDEO, -ERE, *v. n.* Croch os ceann; *es proxime*:
 dlùthaich, bi ag làimh.
 IMPENDIOSUS, *adj.* Cosdail.
 IMPENDIUM, *s.* Cosdas.
 IMPENDO, -ERE, *v. a.* Cosd, caith.
 IMPENETRABILIS, *adj.* Do-thollta, do-chladhaichte,
 dùinte.
 IMPENSA, *s.* Cosdas.
 IMPENSUS, *adj.* Mòr, cumhachdach; *pretiosus*: cosd-
 ail, daor.
 IMPERATOR, *s.* Uachdaran, riaghlair, ceannard.
 IMPERATORIUS, *adj.* Ceannsachail, smachdail.
 IMPERATRIX, *s.* Ban-uachdaran, ban-riaghlair.
 IMPERATUM, *s.* Àithne, òrdugh.
 IMPERCO, -ERE, *v. a.* Na caomhain.
 IMPERFECTUS, *adj.* Neo-fhoirfe, neo-iomlan.
 IMPERIOSUS, *adj.* Ain-tighearnail, ainneartach,
 smachdail, garg, fìadhaich, an-ìochdmhor, borb.
 IMPERITIA, *s.* Aineolas, mi-calantachd.
 IMPERITO, -ARE, *v. a.* Riaghail, bi thairis air.
 IMPERITUS, *adj.* Aineolach, neo-theòma, neo-cal-
 anta, neo-ionnsuichte.
 IMPERIUM, *s.* Uachdranachd, riaghladh, ùghdarras,
 cumhachd, rìoghachd.
 IMPERMISSUS, *adj.* Mi-laghail, neo-cheadaichte.

IMPERO, -ARE, *v. a.* Riaghail, marasglaich, òrduich, àithn.
 IMPERSPICUUS, *adj.* Doilleir, dorch.
 IMPERTIO, -IRE, *v. a.* } Tabhair, tiodhlaic, com-
 IMPERTIOR, -IRE, *v. dep.* } pàirtich.
 IMPERVIUS, *adj.* Do-roinntè, dùinte, druidte.
 IMPES, *s.* Ionnsuidh, ruathar.
 IMPETIGO, *s.* Fride, frideag.
 IMPETO, -ERE, *v. a.* Thoir ionnsuidh.
 IMPETRABILIS, *adj.* So-aslachaidh, so-iarruidh.
 IMPETRATIO, *s.* Faotainn, faighinn.
 IMPETRO, -ARE, *v. a.* Faigh, crìochnaich, thoir gu crìch.
 IMPETUS, *s.* Ionnsuidh, ruathar, sìtheadh, dian-oidhirp, neart.
 IMPETAS, *s.* Mi-dhiadhachd, mi-ñaombachd.
 IMPIGER, *adj.* Dìchiollach, gleusta, ealamh, ullamh, grad, luath.
 IMPIGRITAS, *s.* Dìchioll, ealamhachd, graideal.
 IMPINGO, -ERE, *v. a.* Buail air, spealg.
 INPIUS, *adj.* An-diadhuidh, as-creidmheach, aingidh, mi-ñaomha.
 INPLACABILIS, *adj.* Do-réiteachail, do-chasgaidh.
 INPLACIDUS, *adj.* Do-thoileachaidh, neo-thlusail.
 IMPLEO, -ERE, *v. a.* Lion; *pinguedine*: reamhraich, dean reambar; *fac*: dèan, coimhion; *satisfac*: toilich, riarach.
 IMPLEXUS, *s.* Filleadh, suaineadh.
 IMPLICATIO, *s.* Filleadh, suaineadh, figheadh.
 IMPLICITUS, *adj.* Suainte, comh-fhillte; *difficilis*: duilich, deacair, ciogailteach.
 INPLICO, -ARE, *v. a.* Fill, suain, figh, measgaich, coimheasg.
 IMPLORATIO, *s.* Guidhe, iarruidh, asluchadh.
 IMPLORO, -ARE, *v. a.* Guidh, iarr, asluich.
 INPLUMBO, -ARE, *v. a.* Daingnich, tàtl.
 INPLUMIS, *adj.* Neo-iteagach, rùisgte.
 INPLUO, -ERE, *v. n.* Vide Pluo.
 INPLUVIUM, *s.* Clais-uisge.
 IMPOLITE, *adv.* Gu mi-mhodhail, gu balachail.
 IMPONO, -ERE, *v. a.* Cuir, suidhich, leag, sònruich; *fraudem alicui*: meall, thoir an car á; *junge*: aon, ceangail ri, cuir ri.
 IMPORTO, -ARE, *v. a.* Thoir a stigh, giùlain a stigh.
 IMPORTUNITAS, *s.* Liosdachd, leamhachas.
 IMPORTUNUS, *adj.* Dreanganach, frionasach; *intempestivus*: neo-amail, á am; *solicitus*: iartach, aslachail.
 IMPORTUOSUS, *adj.* Gun challa.
 IMPOS, *adj.* Neo-chomasach.
 IMPOSITIO, *s.* Leagadh, leagail air.
 IMPOSITIUS, } *adj.* Leagt' air.
 IMPOSITIVUS, }
 IMPOSSIBILIS, *adj.* Do-dhèanta, neo-chomasach.
 IMPOTENS, *adj.* Lag, anfhann; *vehemens*: bras, meamnach, do-chasgaidh.
 IMPOTENTIA, *s.* Laigse, annhunnachd, neo-chomas; *vehementia*: braise, déine.
 IMPRECATIO, *s.* Mallachadh, mallachd.
 IMPRECOR, -ARI, *v. dep.* Mallaich, guidh mallachd air.

IMPRESSIO, *s.* Comharradh, ailt, saoil; *impetus*: ionnsuidh, ruathar.
 IMPRIMIS, *adv.* 'S a' cheud àite.
 IMPRIMO, -ERE, *v. a.* Comharrach, saoil.
 IMPROBABILIS, *adj.* Neo-choslach, neo-chreidsinn-each.
 IMPROBATIO, *s.* Toirmeasg, dì-moladh.
 IMPROBITAS, *s.* Eas-ionracas, foill, ceilg.
 IMPROBO, -ARE, *v. a.* Toirmisg, diùlt; *vituperata*: càin.
 IMPROBUS, *adj.* Olc, neo-fhallain, cealgach, foilleil, carach, aingidh; *aspectu*: grànda, gràda; *audax*: dàna, ladarna; *atrox*: garg, an-ìochdmhor.
 IMPROMPTUS, *adj.* Mall, màirnealach, neo-ealamh.
 IMPROPERO, -ARE, *v. a.* Greas, luathaich.
 IMPROPERUS, *adj.* Mall, adhaiseach.
 IMPROPRIUS, *adj.* Mi-iomchuidh, neo-fhreagarrach.
 IMPROSPER, *adj.* Mi-shealbhach, mi-shona.
 IMPROVIDUS, *adj.* Mi-fhaicilleach, neo-fhreasdalach.
 IMPROVISUS, *adj.* Obann, gun dùil.
 IMPRUDENS, *adj.* Neo-chrionna, gòrach, amaideach.
 IMPRUDENTIA, *s.* Neo-chrionnachd, gòraiche.
 IMPUBES, } *adj.* An-abuich.
 IMPUBIS, }
 IMPUDENS, *adj.* Dàna, ladarna, bathaiseach.
 IMPUDENTIA, *s.* Dànadas, ladarnas, bathaiseachd.
 IMPUDICITIA, *s.* Neo-gheammuidheachd, mi-gheamnuidheachd.
 IMPUDICUS, *adj.* Mi-gheamnuidh, neò-ghlan, feòlmhor.
 IMPUGNATIO, *s.* Cathachadh, strì.
 IMPUGNO, -ARE, *v. a.* Cath, cog, dean strì ri, cuir an aghaidh.
 IMPULSIO, *s.* Pùcadh, upag, gluasad, carachadh, impidh.
 IMPULSOR, *s.* Fear-brosnuchaidh, fear-impidh.
 IMPULSUS, *s.* Ionnsuidh, buille; *motus*: gluasad; *persuasio*: impidh.
 IMPUNE, *adv.* Gun pheanas, gu saor.
 IMPUNITAS, *s.* Saorsa, neo-dhioghaltas, saorsa o pheanas.
 IMPURATUS, *adj.* Salach, neò-ghlan, truailidh.
 IMPURITAS, *s.* Neò-ghloine, truailidheachd.
 IMPURITIAE, *s.* Slaightearachd.
 IMPURUS, *adj.* Neò-ghlan, truailidh, olc, aingidh; *immundus*: salach, mosach.
 IMPUTATOR, *s.* Fear-cuir as leth, fear-maslachaidh.
 IMPUTO, -ARE, *v. a.* Cuir as leth, cuir air, coirich; *astima*: cunnt, meas.
 IN, *praep.* Ann, an, am, anns; *adversus*: an aghaidh; *ob*: air son; *donec*: gu, gus; *erga*: a dh'ionnsuidh; *per*: troimh, roimh.
 INACCESSUS, *adj.* Do-rùigsinn, do-rùigheachd.
 INAEQUABILIS, *adj.* Neo-chòmhnard, neo-fhreagarrach.
 INAEQUALITAS, *s.* Neo-choimeasachd, neo-ionannachd, neo-fhreagarrachd.
 INAEQUO, -ARE, *v. a.* Dean còmhnard, dean réidh.
 INAESTIMABILIS, *adj.* Do-mheas, ro-luachmhor.
 INAESTUO, -ARE, *v. a.* Goil suas.
 INAEFFECTATUS, *adj.* Nàdurra.

INAMABILIS, *adj.* Neo-thaitneach, neo-ghràdhach.
 INAMBITIOSUS, *adj.* Neo-spairiseach, neo-bhòsdail.
 INAMAENUS, *adj.* Neo-thaitneach.
 INANE, *s.* Ionad falamh, àite fas.
 INANIAE, *s.* Faoineas.
 INANILOQUUS, *adj.* Faoin-ghlòireach, baoth-chainnteach.
 INANIMUS, *adj.* Marbh, neo-bheothail.
 INANIO, -IRE, *v. a.* Falmhaich, dean falamh.
 INANIS, *adj.* Falamh, as eugmhais; *sine onere*: neo-luchdaichte; *vanus*: dìomhain, faoin; *ingenio*: baoth, amaideach, gòrach.
 INANITAS, *s.* Dìomhanas, faoineachd, faoineachd, falamhachd.
 INAREFACTUS, *adj.* Tiormaichte.
 INAREO, -ERE, *v. n.* Tiormaich.
 INARESCO, -ERE, *v. incip.* Fàs tioram, tiormaich.
 INASSUETUS, *part.* Neo-chleachdta.
 INAUDAX, *adj.* Gealtach, lag-chridheach.
 INAUDIO, -IRE, *v. a.* Cluinn.
 INAUGURATIO, *s.* Coisrigeadh.
 INAUGURO, -ARE, *v. a.* Fàisnich, fiosaich; *consecra*: coisrig.
 INAURIS, *s.* Cluas-fhàil, fàileachan.
 INAURO, -ARE, *v. a.* Òr, dealtraich.
 INAUSPICATO, *adv.* Gu neo-shealbhach, gu neo-shona.
 INCAEDUUS, *adj.* Neo-ghèarrta.
 INCALLIDUS, *adj.* Simplidh, saor, neo-charach.
 INCANTAMENTUM, *s.* Geasadaireachd, drùidheachd, buitseachd.
 INCANTO, -ARE, *v. a.* Cuir fuidh gheasailbh, cuir buitseachd air.
 INCANUS, *adj.* Liath, glas.
 INCAUTUS, *adj.* Neo-chùramach, neo-fhaicilleach.
 INCEDO, -ERE, *v. n.* Falbh, imich, triall.
 INCENDIARIUS, *adj.* Loisgeadair.
 INCENDIUM, *s.* Teinc, losgadh.
 INCENDO, -ERE, *v. a.* Loisg, cuir r' a theine; *cruciatu*: léir, pian; *cohortatione*: misnich; *excita*: bruid, bruidich.
 INCENSIO, *s.* Losgadh, cur r' a theine.
 INCENSUS, *adj.* Neo-chunnta, neo-àireamhta.
 INCEPTIO, *s.* Toiseach, tòiseachadh.
 INCEPTOR, *s.* Fear-tòiseachaidh, fear-feuchainn.
 INCEPTUM, *s.* Toiseach, oidhirp, deuchainn.
 INCEPTUS, *s.* Gnìomh, cùis, oidhirp.
 INCERNICULUM, *s.* Criathar.
 INCERNO, -ERE, *v. a.* Criathair.
 INCERO, -ARE, *v. a.* Céir.
 INCERTUM, *s.* Neo-chinnteachas, teagamhachd.
 INCESSE, -ERE, *v. a.* Thig, thig am fagus, dlùthaich; *manu*: glac, greimich; *lacsse*: bròsnuich, fearg-aich.
 INCESSUS, *s.* Imeachd, coiseachd, siubhal.
 INCESTO, -ARE, *v. a.* Truaille, salaich.
 INCESTUM, *s.* Col.
 INCESTUS, *adj.* Collach, collaidh, truailidh, salach.
 INCESTUS, *s.* Col.
 INCHOO, -ARE, *v. a.* Tòisich; *fini*: crìochnaich, deàn.
 INCIDO, -ERE, *v. a.* Vide In et Cado.

INCIDO, -ERE, *v. a.* Vide In et Cædo.
 INCILE, *s.* Dìg, clais, guitear.
 INCILIS, *adj.* Dìgeach, claiseach, guitearach.
 INCIPPIO, -ERE, *v. a.* Tòisich; *conare*: oidhirpich, feuch ri.
 INCISE, *adv.* 'N a mhìribh.
 INCISIO, *s.* Gearradh.
 INCISURA, *s.* Gearradh, sgathadh.
 INCITA, *s.* Oir, iomall.
 INCITAMENTUM, *s.* Brosnuchadh, gluasad; *tractio*: taruing, tàladh.
 INCITATE, *adv.* Gu cabhagach, gu luath.
 INCITATIO, *s.* Greasad, buideadh, brosnachadh misneachadh.
 INCITATUS, *s.* Gluasad, carachadh, brosnuchadh.
 INCITO, -ARE, *v. a.* Brosnuich, bruidich, misnich.
 INCIVILIS, *adj.* Mi-mhodhail, neo-shìobhalt.
 INCLAMO, -ARE, *v. n.* Gairm, glaoth.
 INCLEMENS, *adj.* Neo-aoidheil, neo-chaoimhneil, gruamach, an-ìochdmhor, neo-thlusail.
 INCLEMENTIA, *s.* An-ìochd, neo-thruacantachd.
 INCLINABILIS, *adj.* Deònach, togarrach, miannach, déigheil.
 INCLINATIO, *s.* Aomadh, claonadh; *animi*: déigh, toil, togradh; *mutatio*: mùthadh, atharrachadh.
 INCLINATUS, *adj.* Crom, claon; *debilis*: lag, fann; *animus*: deònach, togarrach.
 INCLINIS, *adj.* Crom, lùbach.
 INCLINO, -ARE, *v. a. et n.* Crom, lùb; *verte*: tionn-daidh; *defice*: seac, meath, searg.
 INCLUDO, -ERE, *v. a.* Dùn a stigh, druid a stigh.
 INCLUSIO, *s.* Dùnadh a stigh, druideadh.
 INCLYTUS, *adj.* Ainmeil, òirdheirc, measail, cliùiteach.
 INCOETUS, *adj.* Bruichte, ròiste.
 INCOENIS, *adj.* Gun suipeir.
 INCOGITABILIS, *adj.* Neo-smuainteachail.
 INCOGITANTIA, *s.* Dì-smuaine.
 INCOGNITUS, *part.* Neo-aitnichte.
 INCOLA, *s.* Tàmhach, fear, còmhnuidh.
 INCOLO, -ERE, *v. a.* Còmhnuich, tuinich.
 INCOLUMIS, *adj.* Sàbhailte, slàn.
 INCOLUMITAS, *s.* Sàbhailteachd, tearuinteachd, slàinte
 INCOMMODITAS, *s.* Neo-ghoireasachd, neo-fhreagarrachd.
 INCOMMODO, -ARE, *v. a.* Amail, bac, trioblaidich.
 INCOMMODUM, *s.* Neo-iomchuidheachd, neo-fhreagarrachd, call, aimhleas, dolaidh; *vacatio*: trioblaid, dragh.
 INCOMMODUS, *adj.* Neo-ghoireasach, neo-fhreagarrach, draghail, dochannach, ciùrrail, cronail, trioblaidheach, draghail.
 INCOMPARABILIS, *adj.* Do-thuigsinneach, do-mheasraichte.
 INCOMPTUS, *part.* Neo-chirte, garbh.
 INCONCESSUS, *part.* Neo-cheadaichte.
 INCONCILIO, -ARE, *v. a.* Cuir fearg air, feargaidh.
 INCONCINNITAS, *s.* Gràindead, neo-bhòidheachd.
 INCONCINNUS, *adj.* Grànda, neo-bhòidheach.
 INCONDITUS, *part.* Mi-riaghailteach, neo-rianail.
 INCONFACTUS, *part.* Neo-mheirbhle.
 INCONGRUENS, *adj.* Neo-fhreagarrach, neo-thaitneach.

INCONSIDERANTIA, *s.* Amaideachd, cion smuaineachaidh.
 INCONSIDERATE, *adv.* Gu bras, gu neo-smuaineachail.
 INCONSIDERATUS, *part.* Amaideach, neo-smuaineachail.
 INCONSOLABILIS, *adj.* Do-bhrònach, dubh-bhrònach.
 INCONSPICUUS, *adj.* Neo-shoilleir, doilleir.
 INCONSTANS, *adj.* Neo-sheasmhach, caochlaideach, iom-luath.
 INCONSTANTIA, *s.* Caochlaideachd, iom-luathas, neo-sheasmhachd, neo-chinnteachd, teagamhachd, neo-chinnteachas.
 INCONSULTE, *adv.* Gu neo-smuaineachail, gu h-amaideach.
 INCONSULTUS, *part.* Neo-smuaineachail, amaideach.
 INCONSUMPTUS, *part.* Neo-chaithte.
 INCONTAMINATUS, *part.* Neo-thruaillte, glan.
 INCONTINENS, *adj.* Neo-gheamnuidh, mi-stuama.
 INCONTINENTIA, *s.* Neo-gheamnuidheachd, mi-stuamachd.
 INCONTROVERSUS, *adj.* Cinnteach, dearbhta, neo-theagamhach.
 INCONVENIENS, *adj.* Mi-ghoireasach, draghail, mi-ionchuidh.
 INCOQUO, -ERE, *v. a.* Bruich ann, goil ann.
 INCORPORALIS, } *adj.* Neo-chorpora.
 INCORPOREUS, }
 INCORRUPTA, *adv.* Gu neo-thruaillte.
 INCORRUPTUS, *part.* Neo-thruaillte, glan, ionraic.
 INCREBESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs tric, fàs coitichionn.
 INCREDIBILIS, *adj.* Do-chreidsinn, miorbhuileach.
 INCREDULUS, *adj.* Neo-chreidmheach, as-creidmheach.
 INCREMENTUM, *s.* Fàs, leasachadh; *donum*: tiodh-lac, gibht.
 INCREPITO, -ARE, *v. a.* Dean straightlich; *verbis*: cronaich, troid.
 INCREPO, -ARE, *v. a.* Dean straightlich; *verbis*: troid, cronaich, coirich.
 INCRESCO, -ERE, *v. n.* Fàs air, fàs, fàs suas.
 INCRUENTUS, *adj.* Neo-fhuiltcach, gun dòrtadh fola.
 INCUBATIO, *s.* Luidhe, gur.
 INCUBATUS, } *s.* Gur, luidhe air.
 INCUBITUS, }
 INCUBO, -ARE, *v. n.* Luidh air, guir; *habita*: tuinich, fuirich.
 INCULCO, -ARE, *v. a.* Faraich, spàrr, buail a stigh, spàrr ann.
 INCULPATUS, *part.* Neo-choireach, neo-fochdach.
 INCULTE, *adv.* Gu neo-mhodhail, gu balachail.
 INCULTUS, *part.* Neo-àitichte; *moribus*: garbh, neo-mhodhail, neo-oileanaichte.
 INCULTUS, *s.* Gairbhead, neo-ghrinneas.
 INCUMBO, -ERE, *v. n.* Luidh air, beachdaich air, thoir thu féin do; *inclina*: crom, aom; *inova*: guir, luidh air.
 INCUNABULA, *s.* Creathall; *infantia*: leanabachd, naoidheanachd; *patria*: tìr dùthchais; *rudimenta*: toiseach, tionnsgnadh.
 INCURIA, *s.* Mi-chùram, neo-chùram.
 INCURIOSUS, *adj.* Mi-chùramach, coma.

INCURRO, -ERE, *v. n.* Ruith air; *casu*: tachair, coinnich; *in locum*: tuit ann.
 INCURSIO, *s.* Stàirn, ruathar, ionnsuidh.
 INCURSO, -ARE, *v. a.* } Ruith thairis air, iom-
 INCURSOR, -ARI, *v. dep.* } ghabh.
 INCURSUS, *s.* Ionnsuidh, ruathar, ruaig; *vehementia*: buathadh, ruathar.
 INCURVATIO, *s.* Cromadh, lùbadh.
 INCURVO, -ARE, *v. a.* Crom, lùb.
 INCURVUS, *adj.* Crom, cam, lùbta.
 INCUS, *s.* Innean.
 INCUSATIO, *s.* Coireachadh, dìteadh.
 INCUSO, -ARE, *v. a.* Coirich, cuir coire air, gearanaich, gearain air, casaidich.
 INCUSSUS, *s.* Bualadh, bruthadh.
 INCUTIO, -ERE, *v. a.* Buail air, bris air.
 INDAGATIO, *s.* Iarruidh, rannsachadh.
 INDAGATOR, *s.* Fear-rannsachaidh, fear-sìridh.
 INDAGO, -ARE, *v. a.* Iarr, rannsaich, sir a mach.
 INDAGO, *s.* Lìon, ribe, painntear; *examinatio*: iarruidh, rannsachadh; *prohibitio*: bacadh, cumail air ais.
 INDE, *adv.* As a sin, uaithe sin, an déigh sin, as déigh.
 INDECENS, *adj.* Mi-chiatach, mi-bheusach.
 INDECLINABILIS, *adj.* Neo-chaochlaideach, seasmhach.
 INDECOR, } *adj.* Mi-chiatach, neo-thaitneach.
 INDECORIS, }
 INDECORUS, }
 INDEFATIGABILIS, *adj.* Do-sgìtheachaidh, do-shàrachaidh.
 INDEFLEXUS, *part.* Neo-lùbta, teann.
 INDELEBILIS, *adj.* Do-dhubhaidh as, do-sgrìosta.
 INDEMNIS, *adj.* Slàn, neo-chiùrrta.
 INDEPRAVATUS, *adj.* Neo-thruaillte, neo-shalachte.
 INDESERTUS, *part.* Neo-thréigte.
 INDEVITATUS, *part.* Do-sheachnaidh, neo-sheachainnte.
 INDEX, *s.* Feuchadair, fear-sealtuinn; *rei futuræ libri*: rabhadh, sanas; *signum*: combarradh, samh-ladh, clàr-innsidh.
 INDICATIO, *s.* Combarradh, innseadh, foillseachadh.
 INDICIUM, *s.* Foillseachadh; *signum*: combarradh, sanas, rabhadh.
 INDICO, -ARE, *v. a.* Foillsich, nochd, innis, aithris, cuir an céill.
 INDICO, -ERE, *v. a.* Cuir an céill, nochd, taisbean.
 INDICUM, *s.* Guirmean.
 INDIES, *adv.* O là gu là.
 INDIFFERENS, *adj.* Neo-aircil, coma; *communis*: coitichionn, cumanta.
 INDIGENA, *s.* Fear-dùthcha, tìreach.
 INDIGENS, *adj.* Bochd, aimbeartach, gann.
 INDIGENTIA, *s.* Bochduinn, aimbeartas, gainne.
 INDIGEIO, -ERE, *v. n.* Bi an easbhuidh, bi am bochduinn.
 INDIGESTUS, *part.* Neo-eagaraichte, mi-riaghailteach.
 INDIGNANS, *adj.* Feargach, diombach.
 INDIGNITAS, *s.* Ìsle, an-uaisle, neo-fhiùghalachd, olcas.
 INDIGNOR, -ARI, *v. dep.* Diùlt, cùlaich, na ma fiach.

INDIGNUS, *adj.* Mi-fhiùghail, neo-airidh; *inaptus*: neo-fhreacharrach, neo-chubhaidh, maslach, tàmailt-each, neo-thoilltinneach.
 INDIGUS, *adj.* Bochd, easbhuidheach.
 INDILIGENS, *adj.* Neo-dhìchiollach, neo-chùramach, coma.
 INDILIGENTIA, *s.* Mi-chùram, leisg, lunndaireachd.
 INDIRECTUS, *adj.* Neo-dhìreach, fiar, cam.
 INDISCRETUS, *part.* Neo-sgarta, neo-cadar-dheal-aichte.
 INDISERTUS, *part.* Glugach, mabach, mall-teangach.
 INDISPOSITE, *adv.* Gu mi-jiaghailteach.
 INDISSOLUBILIS, *adj.* Neo-leaghtach, do-leaghaidh.
 INDIVIDUUS, *adj.* Do-sgarta, do-foinnte.
 INDOCILIS, *adj.* Do-ionnsachaidh, dùr.
 INDOCTE, *adv.* Gu neo-ionnsuichte, gu neo-fhoghlumte.
 INDOCTUS, *part.* Neo-ionnsuichte, aineolach.
 INDOLENTIA, *s.* Leisg, dìomhanas.
 INDOLES, *s.* Fàs, cinneachadh; *humana*: nàdur, gnè, càil.
 INDOMABILIS, *adj.* Do-cheannsachaidh, neo-cheannsaichte.
 INDOBIBILIS, *adj.* Soilleir, cinnteach.
 INDUBIUS, *adj.* Cinnteach, neo-theagamhach.
 INDUCIAE, *s.* Fosadh, fois, anail.
 INDUCO, -ERE, *v. a.* Thoir a steach, thoir a làthair; *tegmine*: còmhdaich, taruing air; *animus in consilium*: cuir impidh air; *in pravum consilium*: meall, tàlaidh.
 INDUCTIO, *s.* Toirt a steach, dol a stigh.
 INDUCTUS, *s.* Impidh.
 INDULGENS, *adj.* Caoimhneil, caidreach, fial; *cui nimium indulgetur*: beadarrach, mùirneach.
 INDULGENTIA, *s.* Caoimhneas, caomhalachd, maoth-chaidreamh.
 INDULGEO, -ERE, *v. n.* Leig le, toilich; *nimium fare*: beadraich, breug, tataidh; *concessionibus*: géill, ceadaich.
 INDUO, -ERE, *v. a.* Cuir air, còmhdaich; *assume*: gabh ort.
 INDUREO, -ERE, *v. n.* } Cruadhaich, fàs cruaidh.
 INDURESCO, -ERE, *v. insep.* }
 INDURO, -ARE, *v. a.* Cruadhaich, dean cruaidh.
 INDUSIUM, *s.* Léine.
 INDUSTRIA, *s.* Dìchioll, gnìomh, dèanadachd.
 INDUSTRIOSE, *adv.* Gu dìchiollach, gu gnìomhach.
 INDUSTRIUS, *adj.* Dìchiollach, gnìomhach, dèanadach, cùramach.
 INDUTUS, } *s.* Sgeadachadh, aodach.
 INDUVIAE, }
 INDUVIUM, *s.* Cairt, beileag.
 INEBRIO, -ARE, *v. a.* Cuir air mhisg.
 INEDIA, *s.* Gainne, gort.
 INEFFABILIS, *adj.* Do-labhairt, do-innsidh.
 INEFFICAX, *adj.* Neo-éifeachdach.
 INELEGANS, *adj.* Neo-ghrinn, neo-chuimr.
 INELUCTABILIS, *adj.* Do-sheachnaidh.
 INEMORIOR, -IRI, *v. dep.* Bàsaich ann.
 INEMPTUS, *adj.* Neo-cheannaichte.
 INENARRABILIS, *adj.* Do-labhairt, do-chur an céill.
 INEO, -IRE, *v. a.* Rach a steach, tòisich.

INEPTIA, *s.* Amaideas, gòraiche, faoineachd; *fabula*: ùr-sgeul, sgeulachd.
 INEPTIO, -IRE, *v. a.* Dean faoin chòmhradh, bi ri faoineas.
 INEPTUS, *adj.* Neo-iomchuidh, neo-fhreacharrach; *animus*: faoin, baath, gòrach.
 INEQUITABILIS, *adj.* Neo-féidh, neo-chòmhnard.
 INERMIS, *adj.* Neo-armaichte, fann.
 INERMUS, *adj.* Neo-armaichte.
 INERRANS, *adj.* Neo-sheachranach, neo-mhearachdach.
 INERRO, -ARE, *v. a.* Rach air seachran, rach am mearachd.
 INERS, *adj.* Neo-ealanta, neo-theòma, leasg, leiscanta, marbhanta, trom, lag, anfhann.
 INERTIA, *s.* Neo-ealantachd, neo-theòmachd, leisg, lunndaireachd.
 INERUDITE, *adv.* Gu neo-ionnsuichte.
 INESCATUS, *part.* Meallta, tàlaidhte.
 INESCO, -ARE, *v. a.* Meall, glac le foill.
 INEVITABILIS, *adj.* Do-sheachanta, cinnteach.
 INEXCUSABILIS, *adj.* Neo-leithsgeulach.
 INEXERCITUS, *part.* Neo-chleachdta.
 INEXHAUSTUS, *part.* Do-thraoghaidh, do-chaitheimh.
 INEXORABILIS, *adj.* Do-aslachaidh, do-aomaidh, do-lùbaidh.
 INEXPERTUS, *part.* Neo-fheuchainte.
 INEXPIABILIS, *adj.* Do-féiteachaidh, nach dìol òb-airt.
 INEXPLEBILIS, *adj.* Do-lìonadh.
 INEXPLICABILIS, *adj.* Do-mhìneachaidh, do shoill-eireachaidh.
 INEXPLORATE, *adv.* Gun fheuchainn, gun rannsachadh.
 INEXPUGNABILIS, *adj.* Do-ghlacta, do-cheannsachaidh.
 INEXPUTABILIS, *adj.* Do-chunntaidh, do-àireamh.
 INEXTINCTUS, *part.* Do-mhùchaidh.
 INEXTRICABILIS, *adj.* Do-féiteachaidh, do-fhuasglaidh.
 INFABRE, *adv.* Gu neo-ealanta.
 INFACETUS, *adj.* Neo-ghrinn, balachail, neo-thaitneach.
 INFACUNDUS, *adj.* Neo-fhileanta.
 INFAMIA, *s.* Masladh, mi-chliù, sgainneal.
 INFAMIS, *adj.* Maslach, mi-chliùiteach, sgainnealach; *infaustus*: mi-shealbhadh, mi-shona.
 INFAMO, ARE, *v. a.* Maslaich, tarcuich, càin; *divulga*: sgaoil, cuir a mach; *perde*: caith, mill, sgrios.
 INFANDUS, *adj.* Ro mhòr, ro oillteil.
 INFANS, *adj.* Neo-labhrach, tosdach, balbh.
 INFANS, *s.* Naoidhean, leanabh.
 INFANTIA, *s.* Neo-labhrachd, tosdachd; *atatis*: leanabachd, naoidheanachd.
 INFARCIO, -IRE, *v. a.* Dinn.
 INFATIGABILIS, *adj.* Do-sgùtheachaidh, do-shàruchaidh.
 INFATUO, -ARE, *v. a.* Dean burraidh de.
 INFAUSTUS, *adj.* Neo-shealbhadh, mi-shealbhadh, mi-fhortanach.
 INFECTOR, *s.* Dathadair.

INFECTUS, *adj.* Neo-dhèanta, neo-chrìochnaichte.
 INFELICITAS, *s.* Mi-shonas, truaighe.
 INNELICITO, -ARE, } *v. a.* Dean mi-shona.
 INFELICO, -ARE, }
 INFELIX, *adj.* Mi-shona, mi-shealbhach, donasach,
 neo-fheumail.
 INFENSO, -ARE, *v. a.* Sàruich, claidh.
 INFENSUS, *part.* Feargach, mi-thoilichte.
 INFERI, *s.* Dée an ionaid ìochdraich.
 INFERNUS, *adj.* Ifrinneach, ifrionnach.
 INFERO, -FERRE, *v. a.* Vide In et Fero.
 INTERVEO, -ERE, *v. n.* Bi teth.
 INFERUS, *adj.* Ìosal, ìochdrach.
 INFESTO, -ARE, *v. a.* Claidh, sgithich, cuir dragh
 air.
 INFESTUS, *adj.* Fuathach, gamhlasach; *molestus* :
 draghail, trioblaideach; *dubius* : teagamhach, neo-
 chinnteach.
 INFICIATIO, *s.* Àicheadh.
 INFICIATOR, *s.* Fear-àicheadh.
 INFICIO, -ERE, *v. a.* Dath; *corrumpere* : truaill, mill,
 salaich.
 INFICIOR, -ARI, *v. dep.* Àicheadh, rach as aicheadh.
 INFIDELIS, *adj.* Mi-dhìleas, neo-dhìleas.
 INFIDELITAS, *s.* Mi-dhìlseachd, neo-dhìlseachd, foill.
 INFIDUS, *adj.* Mi-dhìleas, foilleil.
 INFIGO, -ERE, *v. a.* Vide In et Figo.
 INTIMATES, *s.* Gràisg, pràbar.
 INTIMUS, *adj.* Ìosal, dìblidh, tàireil.
 INFINDO, -ERE, *v. a.* Sgoilt, spealg.
 INFINITAS, *s.* Neo-chrìochnachd.
 INFINITE, *adv.* Gun cheann, gun chrìoch.
 INFIRMATIO, *s.* Lagachadh, dì-neathachadh.
 INFIRMITAS, *s.* Laige, laigsinn; *inconstantia* : caoch-
 laideach, neo-bhunailteachd.
 INFIRMO, -ARE, *v. a.* Lagaich, beagaich; *refellere* :
 cuir an aghaidh, àicheadh.
 INFIRMUS, *adj.* Lag, fann, brèòite; *mutabilis* : caoch-
 laideach, mùighteach.
 INFLAMMATIO, *s.* Ainteas, lasadh.
 INFLAMMO, -ARE, *v. a.* Cuir f' a theine, loisg; *ex-
 cita* : brosnuich, bruidich; *auge* : antromaich,
 meudaich.
 INFLATIO, *s.* At, bòrcadh, séideadh suas.
 INFLATUS, *s.* Séideadh air; *somus* : fuaim; *caelestis* :
 analachadh spioraid.
 INFLATUS, *adj.* Séidte, air at.
 INFLECTO, -ERE, *v. a.* Vide Flecto.
 INFLEXIBILIS, *adj.* Do-lùbaidh, do-chromaiddh, rag.
 INFLEXUS, *s.* Lùbadh, cromadh, camadh.
 INFLIGO, -ERE, *v. a.* Leag air, peanasaich.
 INFLO, -ARE, *v. a.* Séid, at, bòc, séid suas, meud-
 aich.
 INFLUO, -ERE, *v. n.* Vide In et Fluo.
 INFODIO, -ERE, *v. a.* Cladhaich ann, tochail; *sepeli* :
 adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
 INFOECUNDITAS, *s.* Neo-thorraichead, aimrideachd.
 INFOECUNDUS, *adj.* Neo-thorrach, aimrid.
 INFORMATIO, *s.* Naidheachd, sgeul, fios.
 INFORMIS, *adj.* Neo-chumadail, gun chumadh,
 granda, duaichmidh; *fedus* : salach, mosach, rap-
 ach.

INFORMO, -ARE, *v. a.* Vide Formo.
 INFORTUNATUS, *adj.* Mi-shealbhach, mi-fhortan-
 ach.
 INFORTUNUM, *s.* Mi-shonas, donas, mi-fhortan.
 INFRA, *prep.* Fuidh, fo.
 INFRACTIO, *s.* Briseadh.
 INFRAENATUS, *adj.* Srianta, neo-shrianta.
 INFRAENIS, *adj.* Neo-shrianta, gun srian.
 INFRAENO, -ARE, *v. a.* Srian, cuir srian ri.
 INFRAGILIS, *adj.* Do-bhrisidh, neo-bhristeach.
 INFREQUENS, *adj.* Neo-bhidheanta, ainmic; *numero* :
 beag, beagan.
 INFREQUENTIA, *s.* Ainmiceas, ainneamhachd.
 INFRICTIO, *s.* Suathadh, rubadh.
 INFRINGO, -ERE, *v. a.* Vide Frango.
 INFRIO, -ARE, *v. a.* Bris, bruan.
 INFRACTUOSUS, *adj.* Neo-thorrach, neo-tharbhach.
 INFUCO, -ARE, *v. a.* Dath, buaichd.
 INFULA, *s.* Crùn easbuig.
 INFUMO, -ARE, *v. a.* Tiormaich 's an deathach.
 INFUNDIBULUM, *s.* Tunnadair, lìonadair.
 INFUNDO, -ERE, *v. a.* Dòirt ann, dòirt a stigh.
 INFUSCO, -ARE, *v. a.* Dorchaich, dean dubh; *cor-
 rumpe* : truaill, mill.
 INFUSIO, } *s.* Dòrtadh a stigh, taomadh air.
 INFUSUS, }
 INGENINO, -ARE, *v. a.* Dùbail, dùblaich.
 INGENISCO, -ERE, *v. incept.* Osnaich, acain.
 INGEMO, -ERE, *v. n.* Guil, gearain, osnaich.
 INGENERO, -ARE, *v. a.* Gin.
 INGENIOSUS, *adj.* Innleachdach, geur-chuiseach,
 seòlta.
 INGENIUM, *s.* Nàdur, gnè, càil, mèinn, tuigse, breith-
 neachd, òlas, innleachd, ealantachd, seòltachd.
 INGENS, *adj.* Mòr, anabarrach, fuathasach.
 INGENUITAS, *s.* Fosgarrachd, fìrinn, fosgailteachd.
 INGENUUS, *adj.* Uasal, fosgarra, fìrinneach, ceart,
 fialaidh, faoilidh; *aspectu* : eireachdail, bòidh-
 each.
 INGERO, -ERE, *v. a.* Tilg air, càrn air.
 INGLORIUS, *adj.* Neo-mheasail, neo-ainmeil, neo-
 chliùiteach.
 INGLUVIES, *s.* Beul an t-slugain.
 INGRATIS, *adv.* A dh' aindeoin.
 INGRATUS, *adj.* Neo-thaitneach, mi-thaitneach; *be-
 neficii immemor* : mi-thaingeil, mi-ghnèitheil.
 INGRAVISCO, -ERE, *v. incept.* { Fàs ni 's truime, meud-
 INGRAVO, -ARE, *v. a.* } aich, cinnich, fàs
 suas.
 INGREDIOR, *v. dep.* Imich a steach, imich, siubh-
 ail.
 INGRESSIO, *s.* Dol a steach.
 INGRESSUS, *s.* Imcachd, siubhal, coiseachd.
 INGRUO, -ERE, *v. n.* Thoir ionnsuidh, buail air.
 INGUEN, *s.* Loch-bhléin.
 INGURCITO, -ARE, *v. a.* Sluig, glut, ith suas.
 INHABILIS, *adj.* Neo-fhreagarrach, neo-iomchuidh,
 neo-chubhaidh.
 INHABITABILIS, *adj.* Neo-àitichte, do-àiteachaidh.
 INHABITO, -ARE, *v. a.* Àitich, tuinich, fuirich.
 INHAEREO, -ERE, *v. n.* Vide Haereo.
 INHALO, -ARE, *v. a.* Tarruing anail.

INHIBEO, -ERE, *v. a.* Cum, bac, toirmisg.
 INHIBITIO, *s.* Bacadh, cumail air ais, toirmeasg.
 INHIO, -ARE, *v. a.* Miannaich, dùraig.
 INHONESTUS, *adj.* Maslach, tàmailteach, mi-onorach, eas-ionraic.
 INHONORIFICUS, *adj.* Mi-onorach, cas-ionraic.
 INHONORUS, *adj.* Neo-mheasail.
 INHOSPITALIS, *adj.* Neo-fhialaidh, neo-aoidheil, iargalt.
 INHOSPITALITAS, *s.* Neo-fhialaidheachd, iargaltachd.
 INHOSPITUS, *adj.* Vide Inhospitalis.
 INHUMANITAS, *s.* Mi-dhaonnachd, cruaidh-chridheachd.
 INHUMANUS, *adj.* Mi-dhaonna, an-ìochdmhor.
 INHUMO, -ARE, *v. a.* Adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
 INJECTIO, *s.* Leagadh air.
 INJECTUS, *s.* Tilgeadh a stigh.
 INJICIO, -ERE, *v. a.* Vide In et Jacio.
 INIMICITIA, *s.* Naimhdeas, eas-aonachd.
 INIMICUS, *adj.* Naimhdeil, neo-chàirdeil.
 INIMICUS, *s.* Nàmhaid, eas caraid.
 INIMITABILIS, *adj.* Do-leantaileach, do-shamhlachaidh.
 INIQUITAS, *s.* Neo-chòmhnardachd, neo-fhreagarrachd; *difficultas*: dorad, deacairead; *morum*: eucairt, ana-ceartas, eucoir.
 INIQUUS, *adj.* Neo-féidh, neo-chòmhnard; *moribus*: neo-cheart, claon, neo-chothromach, eucoireach; *iracundus*: feargach, diombach.
 INITIAMENTA, *s.* Dùilean, bunabhasan.
 INITIATIO, *s.* Toiseach, ceud-ionnsachadh.
 INITIO, -ARE, *v. a.* Foghlum, teagaisg, tionnsgain, tòisich.
 INITIUM, *s.* Toiseach, bunabhas, tùs, bonn, bun, stéidh.
 INJUCUNDITAS, *s.* Neo-thaitneachduinn, neo-thoil-eachas inntinn.
 INJUCUNDUS, *adj.* Mi-thaitneach, neo-thaitneach.
 INJUNGO, -ERE, *v. a.* Vide In et Jungo.
 INJURIA, *s.* Coire, cron, dochair, dochunn.
 INJURIOSUS, *adj.* Cronail, coirach, docharach.
 INJUSTITIA, *s.* Ana-ceartas, eucairt, eucoir.
 INJUSTUS, *adj.* Eucoireach, ana-ceart, neo-chothromach.
 INNASCOR, -I, *v. dep.* Vide In et Nascor.
 INNAVIGABILIS, *adj.* Do-sheòlaidh, eu-domhain.
 INNECTO, -ERE, *v. a.* Ceangail air.
 INNITOR, -I, *v. dep.* Taic, leag cudthrom.
 INNOCENS, *adj.* Sàbhailte, tèaruinte; *sine crimine*: neo-ìòchdach, neo-chiontach, neo-choireach.
 INNOCENTIA, *s.* Neo-chiontachd, neo-lochdachd, neo-chronalachd.
 INNOCUUS, *adj.* Neo-choireach, neo-chronail; *a damno* sàbhailte, tèaruinte.
 INNOVO, -ARE, *v. a.* Ùraich, dean nuadh, nuadhaich.
 INNOXIUS, *adj.* Vide Innocuus.
 INNUBILUS, *adj.* Soilleir, neo-ùnealach.
 INNUBO, -ERE, *v. n.* Pòs ri.
 INNUMERABILIS, *adj.* Do-àireamh, do-àireamhach.
 INNUMERABILITAS, *s.* Do-àireamlachd.
 INNUMERALIS, }
 INNUMEROSUS, } *adj.* Vide Innumerabilis.
 INNUMERUS, }

INNUO, -ERE, *v. a.* Crom, nom, smèid.
 INOBSEQUENS, *adj.* Reasgach, rag-mhuinealach.
 INOBSERVABILIS, *adj.* Gun fhaicinn, gun toirt fainear.
 INOBSERVANTIA, *s.* Neo-aire, neo-fhaicill.
 INOCCIDUUS, *adj.* Neo-chadalach, neo-thuiteamach.
 INOCCO, -ARE, *v. a.* Cliath.
 INOCCULATIO, *s.* Suidheachadh, alpadh.
 INOCULATOR, *s.* Fear-suidheachaidh, fear-alpaidh.
 INOCULO, -ARE, *v. a.* Suidhich, alp.
 INOFFICIOSUS, *adj.* Neo-chaoimhneil, neo-fhreasdalach.
 INOLESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs suas, cinn.
 INOPIA, *s.* Gainne, airc, dìth.
 INOPINUS, *adj.* Obann, gun fhiùs.
 INOPPORTUNUS, *adj.* Neo-amail, neo-ghoireasach.
 INOPS, *adj.* Bochd, easbhuidheach; *expers*: as eugais, easbhuidheach.
 INORDINATE, *adv.* Gu mi-riaghailteach.
 INORNATE, *adv.* Gu neo-uidheamaichte, gu neo-dheasaichte.
 INQUAM, *v. def.* Deiream.
 INQUIES, *s.* Mi-shuaimhneas, neo-fhoisneachd.
 INQUIES, *adj.* Mi-shuaimhneach, neo-fhoisneach.
 INQUIETATIO, *s.* Buaires, mi-shuaimhneas.
 INQUIETO, -ARE, *v. a.* Buair, léir.
 INQUIETUDO, *s.* Mi-shuaimhneas, neo-fhoisneachd, an-shocair.
 INQUIETUS, *adj.* Vide Inquies, *adj.*
 INQUILINUS, *s.* Tuathanach.
 INQUINATE, *adv.* Gu neo-ghlan, gu truaillidh.
 INQUINO, -ARE, *v. a.* Truail, salaich.
 INQUIO, *v. def.* Deiream.
 INQUIRO, -ERE, *v. a.* Fiosraich, feòraich.
 INQUISITIO, *s.* Rannsachadh, min-rannsachadh, sgrùdadh.
 INQUISITOR, *s.* Fear-rannsachaidh, fear-sgrùdaidh.
 INQUISITUS, *part. et adj.* Rannsuichte.
 INSALUBRIS, *adj.* Neo-fhallain, truaillidh.
 INSANABILIS, *adj.* Do-leigheas, do-leighiste.
 INSANIA, *s.* Cuthach, boile, bàinidh, buaires, boil' inntinn.
 INSANIO, -IRE, *v. n.* Bi air a' chuthach, bi air boile.
 INSANITAS, *s.* Cuthach, boile, bàinidh.
 INSANUS, *adj.* Cuthachail, air a' chuthach, air bàinidh, fiadhaich, stoirmeil; *magnitudine*: mòr, anabarrach, ana-cuimseach.
 INSATIABILIS, *adj.* Do-shàsachaidh, do-riarachaidh.
 INSATURABILIS, *adj.* Do-ìonaidh.
 INSCENDO, -ERE, *v. a. et n.* Dìrich, rach an àirde.
 INSCENSIO, *s.* Dìreadh, dol an àirde.
 INSCIENS, *adj.* An-fhiosrach, neo-aithnichte.
 INSCIENTIA, }
 INSCITIA, } *s.* Aineolach.
 INSCITUS, *adj.* Aineolach, gòrach, faoin.
 INSCIUS, *adj.* Aineolach, neo-eòlach, neo calanta, an-fhiosrach.
 INSCRIBO, -ERE, *v. a.* Vide In et Scribo.
 INSCRIPTIO, *s.* Sgrìobhadh, tiodal, grabhaladh.
 INSCULPO, -ERE, *v. a.* Gèarr, grabhail.
 INSECTATIO, *s.* Trod, càineadh.

INSECTATOR, *s.* Cùl-ehainntear, fear-troid.
 INSECTO, -ARE, *v. a.* } Lean, ruaig; *verbis*: càin,
 INSECTOR, -ARI, *v. dep.* } troid.
 INSECTURA, *s.* Eag, clais.
 INSENSILIS, *adj.* Neo-mhothachail, marbhl.
 INSEQUOR, *v. dep.* Lean, lean an déigh, gabh air aghart.
 INSERO, -ERE, *v. a.* Suidhich, càirich ann.
 INSERTO, -ARE, *v. freq.* Cuir ann tric.
 INSERVIO, -IRE, *v. n.* Vide Servio.
 INSERVO, -ARE, *v. a.* Vide Servo.
 INSIBILO, -ARE, *v. n.* Séid ann.
 INSIDEO, -ERE, *v. n.* Luidh air, suidh air; *angore*: léir, pian.
 INSIDIAE, *s.* Lìon, ribe, painntear.
 INSIDIATOR, *s.* Fear-feall-fholach.
 INSIDIOR, -ARI, *v. dep.* Dean feall-fholach, luidh am plaid.
 INSIDIOSUS, *adj.* Carach, lùbaeh, mealltach.
 INSIDO, -ERE, *v. n.* Luidh air.
 INSIGNE, *s.* Comharradh, suaicheantas.
 INSIGNIO, -IRE, *v. a.* Comharraich, nochd, seòl a mach.
 INSIGNIS, *adj.* Comharraichte, ainmeil, sònraichte, eilùiteach, neo-àbhaiseach, neo-choitichionn, neo-ghnàthach.
 INSIGNITE, } *adv.* Gu h-ainmeil, gu comharraichte.
 INSIGNITER, }
 INSILE, *s.* Cranna-eas, erann coise.
 INSILIO, -IRE, *v. n.* Vide In et Salio.
 INSIMULATIO, *s.* Diteadh, casaid.
 INSIMULO, -ARE, *v. a.* Aimhriochdaich, leig ort; *accusatione*: dìt, casaidich, dean casaid air, coirich.
 INSINCERUS, *adj.* Neo-fhirinneach, neo-threicibhdhreach, neo-dhileas, truailidh.
 INSINUATIO, *s.* Cur a stigh, miodal, sodal.
 INSINUO, -ARE, *v. a.* Cuir a stigh, dean miodal, dean brosgul; *laudibus*: mol, cliùthaich.
 INSIPIENS, *adj.* Baòth, faoin, gòrach, amaideach.
